



Mac Leòid, Aonghas Uilleam Gearóid (2014) An dàn fada Gàidhealach - 1900-1950: sgrùdadh ioma-chuspaireil air corpas air dìochuimhne. PhD thesis.

<http://theses.gla.ac.uk/6100>

Copyright and moral rights for this thesis are retained by the author

A copy can be downloaded for personal non-commercial research or study, without prior permission or charge

This thesis cannot be reproduced or quoted extensively from without first obtaining permission in writing from the Author

The content must not be changed in any way or sold commercially in any format or medium without the formal permission of the Author

When referring to this work, full bibliographic details including the author, title, awarding institution and date of the thesis must be given.

An Dàn Fada Gàidhealach - 1900-1950  
Sgrùdadh ioma-chuspaireil air corpas air dìochuimhne

Aonghas Uilleam Gearóid Mac Leòid

M.A.Urramach, M. Phil. (Glaschu)

Air a chur a-staigh gus dleastanasan ceum Ph.D. a choileanadh

Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig  
Oilthigh Ghlaschu  
An Dùbhlachd 2014

## Às-tharraing

Tha an tràchdas seo a' coimhead air buidheann de dhàin fhada a nochd aig toiseach an fhicheadaimh linn. Cha deach cus ùidh a shealltainn sna dàin seo bho sgrùdairean Gàidhealachadh sa chiad dol a-mach. Bho chrìoch an fhicheadamh linn, tha ùidh air nochdadh sna dàin seo a-rithist, gu h-àraidh *An Cuilithionn*, *Aeòlus agus Balg* agus *Mochtàr is Dùghall*. Ach 's e an tràchdas seo a' chiad sgrùdadh domhain air a' bhuidheann seo de dhàin nan aonar.

Gus an rannsachadh seo a dhèanamh thèid corpas a lorg am measg leabhraichean agus irisean bhon àm, agus na co-chruinneachaidhean a chaidh fhoillseachadh nas anmoiche. Thèid taghadh a dhèanamh a tha a' riochdachadh prìomh fheartan nan dàin seo. Thèid rannsachadh a dhèanamh air cuid de dh'eisimpleirean bhon 18mh agus 19mh linn ann an Caibideil 2. Air sgàth 's an uidhir de shurbhaidhean nas fharsainghe a tha ri fhaotainn de litreachas na Gàidhlig, seallaidh an sgrùdadh sin air feartan sònraichte. Chithear mar a chleachd bàrdachd Mhic Mhaighstir Alasdair cruth a' chiùil mhòir gus gnè-sònraichte ùr de dhàin fhada a chur air bog ann an 1751. Ghabhar sùil mar an ceudna air Uilleam MacDhùn-Lèibhe air tàilbh a bhuaidh air Somhairle MacGill-Eain, agus gu robh amasan nàiseantach agus socio-cànanachais an Ìlich ri fhaicinn anns a' mhòr-chuid de bhàird a' chorpais cuideachd.

Seallaidh Caibideil 3 air na bàird fhèin, gu h-àraidh na beachdan aca agus na ceanglaichean eatorra. Bha iad seo ri fhaicinn ann an saoghal litreachais agus poilitigs. 'S e prìomh amas na h-anailisean (Caibideilean 4-10) tuigse nas fheàrr fhaighinn an dà chuid air na dàin fhèin agus air ceistean teòiriceil a tha a' buntainn ris a' chorpas. 'S e an dàrna amas barrachd dhòighean-obrach teòiriceil a chleachdadh sa Ghàidhlig gus bruidhinn air litreachas na cànaire. Stèidhicheadh na h-anailisean air na feartan a bha ri fhaicinn anns gach dàin, a leithid iar-phlanntachais ann am *Mochtàr is Dùghall*, air neo air coimeasan a bha gus tuigse nas fheàrr a thoirt seachad air a' chorpas shlàn. Bidh na h-anailisean seo a' dearbhadh cuid de na ceanglaichean cudromach a th' aig litreachas na Gàidhlig ri litreachasan Eòrpach eile, air uairean airson a' chiad uair.

Tha an co-dhùnadh a' tilleadh do sealladh nas fharsainghe air a' chorpas. Chithear gu bheil buidheann sònraichte de dhàin ri fhaicinn bhon chiad leth den fhicheadamh linn, dàin nach deach a sgrùdadh còmhla riamh. Tha na dàin seo ceangailte ann am meud, cuspairean, iomraidhean agus amasan nam bàrd. Leasachaidh tuigse nas fheàrr air na dàin seo an t-eòlas a th' againn air bàrdachd na Gàidhlig, gu h-àraidh sna bliadhnaichean nuair a bha na nua-bhàird a' nochdadh an toiseach.

## Clàr-Innse

Liosta Chlàran.....	5
Taing.....	6
Gairm an Ùghdair .....	7
Giorrachaidhean.....	8
Nòsan Sgrìobhaidh .....	9
1.1 Ro-Ràdh .....	10
1.2 Dàin ri sgrùdadh – Dè th’ anns an dàn fhada Ghàidhealach?.....	12
1.3 Sùil air ais – Beachdan air an dàn fhada sa Ghàidhlig.....	17
1.4 Dòighean Measaidh – Sùil Fharsaing air Teòiricean an Fhicheadaimh Linn .....	21
2. Co-Theacs Litreachail .....	27
2.1 Buaidh Mhic Mhaighstir Alasdair air an Dàn Fada .....	27
2.2 Dàin fhada Uilleim Mhic Dhùn-Lèibhe.....	32
3. Beachdan nam Bàrd air Poilitigs agus Litreachas .....	40
3.1 Poilitigs agus na Bàird .....	40
3.2 An Comunn Gàidhealach.....	46
3.3 Beachdan nam Bàrd air Litreachas.....	49
3.4 Co-Dhùnadh.....	58
Na Dàin.....	60
4. Alagoraidh agus an Dàn Fada.....	61
4.1 <i>Là nan Seachd Sion</i> .....	64
4.1.1 Buaidhean agus Iomraidhean .....	64
4.1.2 As leth Alagoraidh – Iomagain-Mhìneachaidh agus Còdan Alagoraidh.....	68
5. Aig Cridhe mo Dhomhnullain – Modhan agus Arcataipean .....	79
5.1 Structar <i>Dhomhnullain</i> .....	80
5.2 Gearr-Chunntas.....	81
5.3 Anatomy of Criticism – Northrop Frye .....	85
5.4 Eachdraidh Litreachais agus Modhan Aithisg.....	86
5.5 Domhnullan agus na Modhan Eachdraidheil.....	90
5.6 Ìomhaigheachd Arcataipeach .....	95
5.7 <i>Domhnullan</i> agus <i>Mythos</i> .....	102
6. Poilitigs, Cànan agus an Àrainneachd: <i>An Cuilithionn</i> agus <i>Cnoc an Fhradhairc</i> .....	107
6.1.1 Marcs, Eagleton agus <i>An Cuilithionn</i> .....	108
6.1.2 Eachdraidh Fhoillseachaidh a’ <i>Chuilithinn</i> .....	113
6.1.3 <i>An Cuilithionn</i> – Sgrùdadh Dlùth .....	120

6.1.4 Co-Dhùnaidhean .....	145
6.2 <i>Cnoc an Fhradhairc</i> – Sealladh eile air àrainneachd nan Gàidheal.....	148
6.2.1 Gearr-Chunntas Cuspaireil .....	149
6.2.2 Ro-Ràdhan, Amasan agus Prìomh Chuspairean .....	158
6.2.3 Ideòlachd air Cnoc an Fhradhairc .....	163
7. <i>Mochtàr is Dùghall</i> – Oirthireachas, Litreachas na Gàidhlig agus an Dàn Fada .....	172
7.1 Co-Theacsa agus Gearr-Sgrùdadh.....	176
7.1.1 Gearr-Chunntas air an Dàn.....	177
7.2 Oirthireachas ann an Arm na h-Impireachd.....	181
8. <i>Màighdean Dhurair</i> .....	193
8.1 Teòiric Bhoireanntail .....	194
8.2.1 Gearr-Chunntas .....	197
8.2.2 Structar is Stoidhle .....	202
8.3 Athraichean Bàrdail, Ceannas-Athaireachd agus an Teacsa .....	204
9. Dòmhnall Ruadh Mac an t-Saoir, Aoir agus Satair.....	213
9.1.1 <i>MPMT</i> : Structar agus Sgeulachd.....	217
9.1.2 <i>MPMT</i> : Subhailcean an aghaidh Dhubhailcean .....	219
9.1.3 Nàire, Nàbaidhean agus Coimhearsnachd .....	223
9.2 <i>Aeòlus agus am Balg</i> - Co-Theacsaichean Eòrpach, Gàidhealach agus aimsireil.....	229
10. <i>Armageddon</i> agus Às a Dhèidh – Cogadh, Gnèithean-Sgrìobhaidh agus an Dàn Fada .....	237
10.1 An Dàrna Cogadh - <i>Armageddon</i> .....	237
10.2 Na Ficheadan – <i>An Dèidh a’ Chogaidh</i> .....	244
10.3 Gnè-Sgrìobhaidh .....	251
11. Co-Dhùnaidhean.....	255
11.1 Corpas, Co-Theacsa Eachdraidheil agus Obair a Bharrachd ri Dhèanamh.....	255
11.2 Na Bàird – Amasan .....	258
11.3 Teòiricean Litreachail agus Litreachas na Gàidhlig .....	261
11.4 Anailisean. ....	262
11.4.1 Alagoraidh.....	264
11.4.2 Modhan agus Arcataipean .....	265
11.4.3 Ideòlachd agus Gineamhainn .....	267
11.4.4 Iar-Phlanntachais agus Boireanntais.....	270
11.4.5 Aoir.....	273
11.5 Gnè-Sgrìobhaidh an Dàin Fhada Ghàidhealach .....	275
Obraichean Ainmichte.....	280

Briathrachas .....	294
--------------------	-----

## Liosta Chlàran

Clàr 1 – Na Prìomh Dhàin a Thèid a Sgrùdadh.....	13
Clàr 2 – Fiosrachadh Bunaiteach mu na Bàird.....	14-15
Clàr 3 – Alagoraidh agus Litreachas na Gàidhlig.....	61
Clàr 4 – Ceithir Taobhan Alagoraidh Mhic-na-Ceàrdaich.....	69
Clàr 5 – Alagoraidh Ceithir-Thaobhach Thraidiseanta.....	70
Clàr 6 – Feartan Àrd neo Ìosal.....	76
Clàr 7 – Dàimh eadar an t-Àrd agus an t-Ìosal.....	76
Clàr 8 – Modhan Sgeulachd.....	87
Clàr 9 – Modhan Eachdraidheil Sgeama Frye.....	89
Clàr 10 – Ìomhaigheachd Arcataipeach.....	96
Clàr 11 – <i>Mythoi</i> Frye.....	102
Clàr 12 – Modhan-Gineamhainn, Ideòlachd agus an Teacs.....	110
Clàr 13 – Eachdraidh Foillseachadh a’ <i>Chuilithinn</i> .....	119
Clàr 14 – Teachdaireachdan Poblach nan Dàn.....	260

## Taing

Bu mhath leam taing a thoirt do mo theaghlach ann an Dùn Èideann air fad: mo mhàthair, Calum, Ciorstaidh is Robaidh airson an taic a thug iad dhomh ann an iomadach dòigh tro na trì bliadhnaichean a dh'fhalbh. Bha m' athair ann an Inbhir Nis na thaic dhomh ann an iomadach dòigh cuideachd is tha mi fada na chomain.

Thug an Dotair Michel Byrne taic air leth dhòmh mar a' phrìomh stiùiriche agam. Bu mhath leam taing a thoirt dha airson 5 bliadhna de chòmhraidhean brosnachail agus airson fhoighidinn. Thug an Dotair Sheila Kidd beachdan feumail dhomh mar an dàrna stiùiriche a thaobh a' phròiseact air fad, agus susbaint an tràchdais cuideachd.

Chaidh an dotaireachd seo a mhaoineachadh le Comhairle Rannsachaidh nan Ealainean agus nan Daonnachdan- tha mi fada nan comain.

Tha mi taingeil do Linda Gowans airson beachd a chur thugam mu dheidhinn 'the Blatant Beast' ann ro-ràdh *Cnoc an Fhradhairc*.

Fàgaidh mi an taing mhòr mu dheireadh do gach neach a tha an sàs sa Ghàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu.

Coisrigidh mi an t-saothair seo mar chuimhneachan air mo sheanair is mo sheanmhair a dh'eug fhad's a bha mi ga sgrìobhadh: Leslie Hynd Hutt (1926-2012) Margaret Hutt (1934-2013)

*Ad Majorem Dei Gloriam.*



## **Gairm an Ùghdair**

'S ann leam fhìn a-mhàin a tha obair an tràchdais seo, ach far an tèid iomradh soilleir a dhèanamh air saothair dhaoine eile. Cha deach an obair a chur a-staigh gus ceum sam bith eile a chosnadh aig Oilthigh Ghlaschu, is chaidh a dhèanamh thairis air na bliadhnaichean acadaimeagach 2011-12, 2012-13, 2013-14. Tha 102,764 facail san tràchdas.

## **Giorrachaidhean**

<i>ADAC</i>	An Dèidh a' Chogaidh
<i>BCR/A' Bhirlinn</i>	Beannachadh Luinge/ Birlinn Chlann Raghnaill
<i>CAF</i>	Cnoc an Fhradhairc
<i>CBNA</i>	Co-Bhann Nàiseanta na h-Alba
<i>DMNC</i>	Dòmhnall Mac-na-Ceàrdaich
<i>GNB</i>	Guth na Bliadhna
<i>LNSS</i>	Là nan Seachd Sion
<i>MID</i>	Mochtàr is Dùghall
<i>MPMT</i>	MacPhàil is MacThómais
<i>NPS</i>	National Party of Scotland [1928-1934]
<i>PNA</i>	Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba [Scottish National Party 1934 - An Diugh]

## Nòsan Sgrìobhaidh

Tha caochladh dhreachan de dh'ainmean nam bàrd ann an clò. Thèid eisimpleir an sgrìobhaidh aca fhèin a chleachdadh. Cha deach dreach ùr a chur air ainmean nan caractairean nas motha, is e a' leantail mar a tha iad a' nochdadh sna dàin.

Thèid ainm nan dàn san tràchdas a ghiorrachadh agus a sgrìobhadh le clò-eadailtis. Thèid seo a dhèanamh airson na *Birlinn* cuideachd, leis cho tric 's a tha i a' nochdadh. Chaidh cuid fhoillseachadh mar leabhraichean slàn is cuid eile ann an co-chruinneachaidhean, ach b' fheàrr leam riaghailt cunbhalach airson dàin a' chorpais agus na prìomh eisimpleirean eachdraidheil Gàidhealach den dàn fhada a tha a' nochdadh san tràchdas.

Stèidhicheadh an siostam iomraidh air an siostam Harvard. Chaidh a' Ghàidhlig a chleachdadh far a b' urrainnear, m.e. airson ainmnean àiteannan fhoillseachaidh air neo far an robh duilleag-tìotal ann an gach cànan aig an leabhar.

## 1.1 Ro-Ràdh

Anns a' chiad leth den fhicheadamh linn, fo iomadach buaidh eachdraidheil agus cho-aimisireil, nochd ann am bàrdachd Ghàidhlig, buidheann sùsbainteach de dhàin fhada a bha ceangailte ann an cruth agus cuspair. Bha iad meudmhòr, gu leòr dhiubh còrr is coig ceud sreath a dh'fhaid, agus iad roinnte ann an ioma-phàirt seach air an sgrìobhadh ann an rannan leantalach. Chleachd iad cruthan bho dualchas bàrdail nan Gàidheal agus bho eachdraidh litreachas na h-Eòrpa gus beachdachadh air tachartasan an latha. Bha na bàird fhèin ceangailte ann an lìonraidhean litreachail, beachdan poiliteagach neo na beachdan aca air a' chàinain. A dh'aindeoin nan ceanglaichean cudromach sin, bha farsaingeachd de chuspairean agus foirmean a' nochdadh am broinn nan dàn.

Bidh an trachdas seo a' coimhead air na dàn seo cuide ri chèile airson a' chiad uair. Tha measgachadh ann eadar dàn chliùiteach a chaidh a sgrùdadh gu h-acadaimeagach a cheana, a leithid *An Cuilithionn* Shomhairle MhicGill-Eain, agus dàn a leithid *Maighdean Dhurair* le Aonghas Moireasdan a chaidh gu ìre mhòr a-mach à cuimhne. Ach 's e mar a chaidh na dàn a dhiochuimhneachadh am measg leughadairean, fhoillsichearan agus sgrùdairean aon de na ceanglaichean eile a th' eatorra. Rinn eachdraidh fhoillseachaidh iom-fhillte nan dàn gu math duilich greim fhaighinn orra airson leughadairean àbhaisteach. Ach le sùil às-ùr orra; sgrùdadh air na buaidhean a bha ag obair air gach bàrd agus rannsachadh air mar a tha na dàn fhèin ag obair mar phìosan litreachais, 's urrainnear co-dhùnaidhean a dhèanamh a thaobh nan dàn seo mar rud sònraichte ann am bàrdachd Ghàidhlig.

Taisbeanar an toiseach mar a chaidh an corpas de dhàin a thaghadh. Aidichear gu robh feum air roghainnean air chòreigin a dhèanamh a dh'fhàgadh cuid de dhàin gu aon taobh. Ach thèid adhbharan nan roghainnean ud a mhìneachadh. Chaidh deich dàn a thaghadh airson anailis nas mionaidiche, agus ceanglaichean eatorra a tha nas dlùithe na leis na dàn eile (Caib. 1.2). Coimheadar air mar a chaidh na dàn seo a mheasadh ann an surbhaidhean air litreachas na Gàidhlig ann an Caibideil 1.3.

Às dèidh corpas an rannsachaidh a mhìneachadh thèid taisbeanadh goirid a dhèanamh air cuid de na sgoiltean teòiriceil a nochd san fhicheadamh linn (Caib. 1.4). Thèid seo a dhèanamh gus co-theacsa nas fharsainghe an tràchdais aithris, agus gus cuid den a' bhriathrachas a tha gu bhith feumail a shealltainn

aig ìre thràth. A dh' aindeòin 's nach urrainn dhan taisbeanadh a bhith ro mhionaideach, bheir e bun-stèidh do na h-anailisean air na dàin a tha gus nochdadh anns na caibideilean nas anmoiche.

Ar leam gu bheil eachdraidh de bhàrdachd fhada sa Ghàidhlig a tha sònraichte bho bhàrdachd eile. Leanaidh seo an argamaid aig Black (2007) gun tug eisimpleirean Mhic Mhaighstir Alasdair buaidh mhòr air na bàird às a dhèidh agus gu robh a bhuaidh fhathast ri fhaicinn san fhicheadamh linn. Mar sin tillear gu Mac Mhaighstir Alasdair, structar ciùil mhòir agus *Birlinn Chlann Raghnaill* mar chùl-fhiosrachadh bunaiteach airson tuigse air dàin fhada an fhicheadamh linn. Às dèidh sin tionndaidhear dhan naoidheamh linn deug agus eisimpleir Uilleim MhicDhùn-Lèibhe airson eisimpleirean eile den dàn fhada sa Ghàidhlig. Bidh e soilleir nach eil na sgrùdaidhean seo coileanta idir mar ghearr-chunntasan air leasachadh na gnè-sgrìobhaidh bho 1751 gu toiseach a' chorpais. Ach le a bhith a' gabhail sùil air cuid de na h-eisimpleirean cliùiteach de dhàin fhada a chaidh fhoillseachadh sa Ghàidhlig ron chorpas, gheibhear tuigse nas fheàrr air cuid de dh'fheartan a chaidh ath-chleachdadh san fhicheadamh linn.

Gus sealladh air choreigin fhaighinn air an t-saoghal san deach na dàin a sgrìobhadh, agus air dè na beachdan a bh' aig na bàird nuair a rinn iad na dàin seo, rannsaichear na sgrìobhaidhean rosg aca agus an eachdraidhean-beatha (Caib. 3). A dh'aindeòin 's nach eil ceangal simplidh eadar pìos litreachais agus an saoghal san do chruthaich e, bidh tuigse air beatha agus beachdan nam bàrd riatanach airson beachdachadh air dè thug orra an t-saothair mheudmhor seo a dhèanamh. Bheir e cothrom, mar an ceudna, cuid de na ceanglaichean pearsanta agus litreachail eatorra aithneachadh. Airson cuid de bhàird b' ann tron Chomunn Ghàidhealach a bha iad eòlach air a chèile, agus thèid buaidh a' bhuidhinn ud a thaisbeanadh cuideachd.

Bidh na h-anailisean fhèin stèidhichte air diofar dhòighean-obrach a thèid a mhìneachadh ann an gach caibideil mu seach. Mar as trice 's e an dàn fhèin a thug orm feart sònraichte a sgrùdadh, ach tha cuid de chaibideilean (Caib. 6 agus 9) stèidhichte air coimeas eadar dà dhàn. Thèid iomraidhean a dhèanamh san dol seachad air na dàin fhada eile anns na h-anailisean mu seach, ach 's ann sa chodhùnadh a bheachdaichear air a' chorpas air fad ann an dòigh nas iomlaine. Feuchaidh an co-dhùnadh

ri cuid de dh'fheartan a' chorpais seo aithneachadh ann an dòigh nas mionaidiche stèidhichte air fianais nan anailisean. Gabhaidh e beachd air na teòiricean cuideachd, far an robh iad cuideachail agus far an do dh'fhàilig orra na dàin Ghàidhealach a làimhseachadh.

Ach 's e prìomh argamaid an tràchdais gun do nochd buidheann de dhàin sa chiad leth den fhicheadamh linn a chinn a-mach às na h-aon draghan co-aimsireil, is a bha air an sgrìobhadh le buidheann sònraichte de Ghàidheil. Gus tuigse air na sgrìobhaidhean seo a leasachadh, thaghadh corpas a bha a' riochdachadh a' mhòr-chuid de na dàin seo. Bheireadh diofar dhòighean-obrach sealladh ioma-taobhach air a' chorpas a bhios feumail gus tuigsinn fhaighinn air na dàin mar ghnè-sgrìobhaidh nach eil stèidhichte air aon slat-tomhais a-mhàin. Tha cleachdadh nan teòiricean a' feuchainn ri am feum a dhearbhadh airson rannsachadh air litreachas na Gàidhlig: an dà chuid gus ar tuigse air an litreachas siud a leasachadh agus gus dòighean eile litreachas na Gàidhlig fhaicinn sa cho-theacsa Eòrpach aige. Le bhith a' cleachdadh na Gàidhlig 's e mo mhiann gun seall e a-rithist gun urrainnear a' chànain a chleachdadh airson cuspairean toinnte acadaimeagach agus gun urrainn do sgoilearachd briathrachas a' chànain a leudachadh is beachdan-smaoin ùra a thoirt a-steach innte.

## **1.2 Dàin ri sgrùdadh – Dè th' anns an dàn fhada Ghàidhealach?**

Gus an rannsachadh seo a dhèanamh thathar air corpas a chruthachadh de na dàin fhada Ghàidhealach a chaidh a sgrìobhadh sa chiad leth den fhicheadamh linn. Nochd cuid de dh'fheartan a bha cumanta eadar na dàin fhada a nochd sna deicheadan sin. Chleachdadh iad seo slatan-tomhais aithneachadh a bheireadh bun-stèidh dhan chorpas. Am measg nan slatan-tomhais a thèid a chleachdadh bidh: meud an dàin; ma chaidh a roinneadh ann an earrannan; ma bha am bàrd a' cleachdadh structaran ùra, agus ma bha am bàrd a' feuchainn ri ceangalan a dhèanamh le dàin fhada eile san dualchas Ghàidhealach neo bho litreachas na h-Eòrpa. Tha seo a' leantail nam beachdan aig Wittgenstein gu bheil ceanglaichean ghnèithean-sgrìobhaidh, coltach ri coltasan am broinn teaghlaich, stèidhichte air iomadh feart seach air aon prìomh fheart a-mhàin (Fowler, 1982, 41).

Gus na dàin fhèin a shireadh los gun cruthaichear corpas iomchaidh a bha a' taisbeanadh nam feartan

cumanta seo, chaidh prìomh agus dàrna tùsan a chleachdadh. Cleachdar dàrna tùsan gu h-àraidh na measaidhean aig D.I. MacLeòid (Macleod, 1969), Ruaraidh MacThòmais (Thomson, 1974) agus co-chruinneachadh Raghnaill MhicilleDhuibh (Black, 1999) gus na dàin a lorg. Thèid na beachdan aig na sgrìobhadairean seo air na dàin fhèin a thaisbeanadh shìos. A bharrachd air seo rinneadh prìomh rannsachadh a’ coimhead air co-chruinneachaidhean agus irisean bhon chiad leth den fhicheadamh linn. A bharrachd air *An Tuil* (Black, 1999) ’s e am prìomh cho-chruinneachadh a chleachdar airson an rannsachaidh seo *Bàird a’ Chomuinn* (MacFhionguin, 1953) ach thàinig e am follais gu sgiobalta gu robh na dàin as motha air am foillseachadh ann an cruinneachaidhean de shaothair aon ùghdair, neo ann an irisean, mar as trice. Ann an Clàr 1, chìthear na dàin a chaidh a thaghadh:

<b>Dàn <i>Giorrachadh</i></b>	<b>Ùghdar</b>	<b>Sgrìobhte</b>
Là nan Seachd Sion <i>LNSS</i>	Dòmhnall Mac-na-Ceàrdaich	c.1915-16 792 Sreath - 7 Earrannan
An Deidh a’ Chogaidh <i>ADAC</i>	Thomas Dòmhnall MacDhòmhnuill	c.1921 458 Sreath – 13 Earrannan
MacPhàil is MacThòmais <i>MPMT</i>	Dòmhnall Mac an t-Saoir	1920an (Black, 2007, 113) 795 Sreath - 7 “Rannaghalan”
Domhnallan	Dòmhnall Mac Chalum	c.1925 1670 Sreath – 4 Duain – 43 Earrannan
Maighdean Dhurair <i>A’ Mhaighdean</i>	Aonghas Moireasdan	Foillsichte - 1929 Dà Earrann – An dàrna dhiubh air a roinneadh mar phìobaireachd - 837 sreathan
Aeòlus agus am Balg <i>Aeòlus</i>	Dòmhnall Mac an t-Saoir	1938 712 sreathan - 4 Earrannan
An Cuilithionn	Somhairle MacGill-Eain	1939 7 Earrannan & Coisrigedh 1638 (W) Sreath
Cnoc an Fhradhairc <i>CAF</i>	Aonghas Mac Dhonnachaidh	c.1939-40 1120 Sreath - 123 Earrannan
Armageddon	Neil Ros	1939-41 1152 Sreath – Leantainneach
Mochtàr is Dùghall <i>MID</i>	Deòrsa Mac Iain Deòrsa	1944-6 1273 sreath – 10/11 Earrannan

**Clàr 1 – Na Prìomh Dhàin a Thèid a Sgrùdadh**

Chìthear gu bheil a’ mhòr-chuid den chorpas sònraichte air tàillibh am meud sa chiad dol a-mach: tha naoi a-mach às na deich dàin nas fhaide na 700 sreath. Tha a h-uile fear ach aonan roinnte ann an

earrannan agus iad cruthaichte mar bhàrdachd ri aithris neo ri leughadh, seach mar òrain rin gabhail, ged a tha meataireachdan nan òran a' nochdadh nam broinn. Tha measgachadh ann eadar sgeulachd-dàin a leithid a' *Mhaighdein* neo *Domhnallain* agus dàin mheòrachaidh mar *CAF*. B' e *Maighdean Dhurair* an dàn as fhaide aig Aonghas Moireasdan, ach tha 'Ceilidh Shamhna' (c505 sreath) agus 'Sgeul Annasach' (c430 sreath) cuideachd meudmhor. Ach gus meud an rannsachaidh a chumail sìos, chleachdadh a' *Mhaighdean* mar riochdachadh air sgrìobhaidhean Mhoireasdain. Thèid dàin eile, nach eil cho meudmhor, leithid 'Blàr Inbhir-Cheitein' le Iain MacCormaig neo 'Coilltean Ratharsair' a chomharrachadh san dol seachad, mar phàirt de dh'eachdraidh an dàn fhada san fhicheadaimh linn ach cha tèid an sgrùdadh fa leth.

Na Bàird	Fiosrachadh Bunaiteach
Dòmhnall Mac Chalum (1849-1929)	Ministear a rugadh ann an Earra-Ghàidheal – ainmeil airson na taic a thug e dha na croitearan ri linn cùis an fhearainn, gu h-àraidh air an Eilean Sgitheanach, Tiriodh agus Leòdhas
Thomas Dòmhnall MacDhòmhnuill (1864-1937)	Sgrìobhadair à Apainn o thùs. Bha e cudromach sa Chomunn Ghàidhealach agus airson leabhraichean a lèithid <i>Dàin agus Dealbhan-Fhacail An Àm a' Chogaidh</i> .
Aonghas Moireasdan (1865-1942)	Fear-malairt à Taobh Siar Rois a bha a' reic tì. Bha e an sàs ann an diofar chomannan a leithid Comunn Gàidhlig Inbhir Nis agus Comunn Tìr nam Beann. Bha e a' fuireach ann an Dùn Èideann nuair a dh'eug e.
Neil Ros (1871-1943)	Ministear Sgitheanach a bha gu mòr an sàs sa Chomunn Gàidhealach, cuide ris a cho-aoiseach, Mac Dhonnachaidh. Dheasaich e bàrdachd bho Leabhar Dheadhan Lios Mhòir gus D.Litt. fhaighinn à Oilthigh Dùn Èideann.
Aonghas Mac Dhonnachaidh (1871-1948)	Rugadh e ann am Breacais. Bha e ag obair ann am foillseachadh ann an Glaschu an toiseach is e a' brosnachadh sgrìobhadh cruthachail sa Ghàidhlig. Sna ficheadan bha e gu math chudromach sa Chomunn Ghàidhealach.
Dòmhnall Mac na Ceàrdaich (1885-1932)	Barrach a bha na innleadair-dealain ann an Dùn Èideann is Sasainn. Bha e na radaigeach poiliteagach a thug taic do neo-eisimeileach na h-Alba.
Dòmhnall Mac an t-Saoir (1889-1964)	Uibhisteach a ghluais gu Pàislig air Tìr Mòr. B' e saighdear a bh' ann sa Chiad Chogadh is às a dhèidh bha e na chlachair. Bha ceanglaichean aige ris a' Phàrtaidh Nàiseanta.
Somhairle MacGill-Eain (1911-1996)	Sàr bhàrd Gàidhealach an fhicheadaimh linn. Rathairseach, a bha na thidsear ann an Dùn Èideann agus air a' Phloc, is a bha ainmeil airson a bhàrdachd agus na beachdan radaigeach aige.
Deòrsa Mac Iain Deòrsa (1915-1984)	Mac mhinistear a dh'ionnsaich Gàidhlig na òige am



	measg sluagh a mhàthar ann an Earra-Ghàidheal. Bha e na sgoilear chomasach a chaidh gu Oilthigh Ath-nan-Dàmh mus deach e dhan airm san Dàrna Chogadh.
--	---

**Clàr 2 – Fiosrachadh Bunaiteach mu na bàird (Black, 1999; Thomson, 1983)**

A thaobh meud nan dàn, tha a’ Ghàidhlig beartach ann an dàn agus òrain meudmhor. Gheibhear am measg bàird o gach sgìre òrain fhada a chleachdas ceathramhan neo rannan ochd-sreathach mar as trice, agus aig a bheil corr is ceud sreath. Mar eisimpleirean air seo, o diofar sgìrean, tha: ‘Moladh Uibhist’ Dhòmhnail Mhic an t-Saoir a tha 144 sreath a dh’fhaid (MacIntyre, 1968, 3-7) agus ‘Òran a’ Chogaidh’ le Iain MacLeòid Shiaboist, mu 300 sreath a’ dh’fhaid (I. N. MacLeòid, 1916, 201-9). Ged a tha na dàn sgrìobhte air cuspairean susbainteach agus ged a tha iad fada, gu seachd àraidh an coimeas ri bàrdachd nan nua-bhàrd, chan eil iad cho mòr am meud ris na dàn fhada san litreachas aig Mac Mhaighstir Alasdair neo Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir. Agus chan eil iad a’ cleachdadh ceangal susbainteach ri cruthan nan dàn ud. Tha nàdar de dhearbhadh air seo bho na bàird a rinn òrain agus dàn fhada, gu seachd àraidh Mac an t-Saoir, leis gu robh deagh sgaradh eadar òran meudmhor agus dàn fada. Ma choimheadar air ‘Aoir an Luchd Riaghlaidh’ (c405 sreath), òran mòr poiliteagach, tha fhathast deagh eadar-dhealachadh ann am meud eadar sin agus meud *Aeòlais* (716 sreath) air neo *MhicPhàil is MhicThómais* (795 sreath). A thuilleadh air sin, tha structar eadar-dhealaichte aig an dà dhàn fhada is iad air an roinneadh ann an diofar phàirtean seach mar dhàn leantainneach, mar a chìthear ann an ‘Aoir an Luchd Riaghlaidh’ (MacIntyre, 1968 266-77).

Feumar cuimhneachadh cuideachd gu bheil na dàn ri fhaotainn an dà chuid am measg nam bàrd a bha a’ cruthachadh airson an taigh-chèilidh agus an rèidio, agus na nua-bhàird a bha ag amas air luchd-leughaidh a bhiodh a’ ceannach leabhraichean de lioraicean, san fhàrsaingeachd. Airson a’ chiad bhuidheann tha an eisimpleir de *BCR*, a bha aig seanchaidhean Uibhistich air an teanga (MacDonald, 1950) a’ sealltainn gu robh an luchd-èisteachd dèonach gabhail ri dàn fhada, ged a bha òrain nas giorra rin cluinntinn san àbhaist. Bhiodh luchd-leughaidh an darnacha buidheann nas cleachdaichte ri leughadh lioraicean nam modarnach mar an ceudna, ged a bha sgàil dàn ‘The Wasteland’ (1922) agus ‘A Drunk Man Looks At The Thistle’ (1926) os an cionn cuideachd.

Gheibh sinn fios bho sgrìobhaidhean nam bàrd gu robh iad ag amas air rudeigin eadar-dhealaichte

bhon bàrdachd àbhaisteach aca nuair a thionndaidh iad gus dàn fhada a chruthachadh. 'S e a' phrìomh eisimpleir de seo MacGill-Eain ag innse mar a thug MacDiarmaid buaidh air:

The Drunk Man, the greatest long poem of the century that I have read [...] made me want to write a long medley with as many lyric peaks as might grow out of it. (MacGill-Eain, 2011, 5)

Chìthear an seo an dà chuid buaidh eisimpleirean eile de dhàn fhada air na bàird, agus mar a bha MacGill-Eain a' faicinn a' *Chuilithinn* mar phròiseact fa leth, eadar-dhealaichte bhon bàrdachd a bha e a' dèanamh san àbhaist.

A bharrachd air meud agus mar a bha na bàird fhèin a' coimhead air na dàin, bha cruth agus structar cudromach mar an ceudna. Tha seo gu h-àraidh fìor leis gu bheil structar cuid de na dàin a' tighinn bho chruthan na h-ochdaimh linn deug (*MPMT*) is tha feadhainn eile a' sealltainn buaidh chruthan bho litreachas na h-Eòrpa (*LNSS*). Tha na structaran ciùil mhòir a' ceangal *MPMT* agus a' *Mhaighdean* do dhàn Mhac Mhaighstir Alasdair agus tha *Aeòlus* agus *LNSS* dàimheil ris a' *Bhirlinn*. 'S urrainnear faicinn mar a leasaichear agus ath-chleachdar cuid de na cruthan seo ann an eachdraidh an dàn fhada sa Ghàidhlig, is gheibhear aiteal de seo san rannsachadh. A bharrachd air cruth ciùil mòir, chìthear bho chlàr 1 shuas gu bheil structar de 7 earrannan air a chleachdadh le trì dain mar eisimpleir.

San tràchdas air fad nochdaidh tuigse nas fheàrr air na ceanglaichean ioma-fhillte eadar dàin a' chorpais seo, a thaobh chuspairean agus crutha. Ach tha an toiseach-tòiseachaidh seo air sealltainn gu bheil na dàin seo sònraichte ann am meud, cruth, a' bhuidhe a thug dàn fhada eile orra, agus leis gun do chruthachadh iad uile taobh a-staigh 30 bliadhna. Tha eòlas air na ceanglaichean agus feartan simplidh seo a tha a' nochdadh eatorra na bhun-stèidh airson tuigse nas doimhne air a' chorpas agus air an dàn fhada Ghàidhealach sa chiad leth den fhicheadamh linn, a chinneas bho anailisean nas mionaidiche ann an Caibideilean 4-10.

### 1.3 Sùil air ais – Beachdan air an dàn fhada sa Ghàidhlig

Tha grunnan gearr-chunntasan air litreachas na Gàidhlig san fhicheadaimh linn ann, is iad uile a' bualadh ann an dòigh air choreigin air suidheachadh nan dàn fada am measg an litreachais seo. Air uairean tha na co-dhùnaidhean air a bhith gu math cruaidh air na dàn ach chan eil seo a' dol às àicheadh gu bheil a' mhòr-chuid de na h-aistichean seo a' moladh cuid de na dàn fa leth ge-tà. Cleachdar MacLeod (1969); Thomson (1974) agus Black (1987 agus 1999) mar na prìomh eisimpleirean de shurbhaidhean farsaing air bàrdachd an fhicheadaimh linn airson an earrainn seo. Gabhar sùil air MacGill-Eain (2008) airson seallaidhean co-aimsireil ris a' chorpais air dualchas òrain mhòra is dàn fhada sa Ghàidhlig.

Anns an tràchdas aige, tha D.I. MacLèoid a' coimhead air litreachas na Gàidhlig san fhicheadaimh linn gu ruige 1969. San fharsaingeachd tha e gu math cruaidh air na dàn fhada:

As with the poetry of Angus Morrison, a coincidence of lofty literary ambition and paucity of talent characterises the two main attempts during this century to produce traditional epic poetry in Gaelic. These were the Rev. Donald MacCallum's 'Domhnullan/ Dàn an ceithir earranan' (1925) and the Rev. Neil Ross's 'Armageddon' (1950).

[...]

An Déidh a' Chogaidh (1921), 'Domhnullan' (1925), Morrison's 'Dàn is Òrain (1929)', 'Cnoc an Fhradhairc' (1940), and 'Armageddon' (1950) represent a distinct and continuing avenue of development in Gaelic poetry. These are all poems of epic grandeur and size, distinguished by strident topicality or merely by the ambitiousness of their scheme rather than by poetic insight, and inspired in the main by chauvinism rather than by the need of a poetic sensibility to express itself.

(MacLeod, 1969, 344; 346)

Tha MacLèoid a' riochdachadh cuid de na beachdan Marcsach aige an seo ("chauvinism"). Saoilidh mi gu bheil e a' bruidhinn air an dòigh sa bha na bàird a' cleachdadh an dàn fhada gus an cultar aca a mholadh neo a dhaingneachadh. Bha na bàird air na bhruidhneas e suas am bliadhnaichean nuair a rinn iad na dàn seo, air neo athaiseach ann am poileataigs. Chì sinn cuideachd gu bheil MacLèoid den bheachd gur e glòir-mhiann an sgeama a tha a' sgaradh nan dàn seo bho feadhainn nas giorra. Tha e cuideachd follaiseach bhon tràchdas, leis gu bheil an lioraic ainmichte mar "poetry's intrinsic function" (MacLeod, 1969, 299) gu robh beachdan MhicLèoid gu mòr airson a' ghnè bhàrdachd siud aig an àm, agus is coltach gu robh buaidh aig seo air na beachdan aige air na dàn fhada. Thèid na ceangalan eadar

seo agus beachdan MhicGill-Eain is na nua-bhàird air an lioraic a thaisbeanadh nuair a choimheadar air saoghal litreachail a' chiad leth den fhicheadaimh linn, (Caib. 3.3).

Tha MacLeòid a' moladh *LNSS* gu cridheil ge-tà (MacLeod, 1969, 326-7). Tha e cuideachd a' sealltainn mar a bhios *Aeòlus* agus *MPMT* a' cleachdadh eisimpleirean eachdraidheil de dhàin fhada gu soirbheachail (*ibid.*, 286-8) is e dèidheil air saothair Mhic an t-Saoir san fharsaingeachd. Thèid earrannan den *Chuilithionn* a mholadh (*ibid.*, 379-80) ach san fharsaingeachd tha MacLeòid den bheachd nach eil e soirbheachail mar dhàn choileanta (*ibid.*, 380).

Anns an leabhar aigesan air bàrdachd na Gàidhlig a bha ag amas air leughadairean Beurla, tha MacThòmais ag innse mun fhicheadamh linn:

There were in fact some attempts also in our period to construct poems of more epic proportions, ranging from T. D. MacDhòmhnuill's "*An Déidh a' Chogaidh*" [...] (1921) and the epic veteran Land League champion, the Rev. Donald MacCallum's *Domhnullan* (1925), to Aonghas MacDhonnchaidh's [...] *Cnoc an Fhradhairc* (1940) and Niall Ros's [...] *Armageddon* (1950). Of these, *Cnoc an Fhradhairc* approaches most nearly the conditions of poetry. It is grossly over-burdened with exotic (and sometimes invented) vocabulary, and carries too great a load of detail [...] but it has passages of well-judged description and some lyrical inserts which raise its general temperature. (Thomson, 1974, 264-5)

Tha measaidhean nas mionaidiche aige cuideachd air cuid de na dàin fhèin, ach gheibhear san earrainn seo blasad den dìmeas a bha ri fhaicinn ann an sgrùdadh litreachas na Gàidhlig air dàin fhada gu seachd àraidh nuair a bha na nua-bhàird, agus an lioraic, aig àrd an comas 's an cliù.

Chuir Ronald Black (1987 agus 1999) dà gheàrr-chunntas cudromach air bàrdachd an fhicheadaimh linn an clò. Nochd a' chiad fhear anns *The History of Scottish Literature* agus e ag amas air leughadairean aig nach robh cus eòlas air litreachas na Gàidhlig, a bharrachd air leughadairean Gàidhlig fhèin. Le sin tha sgrìobhadh tarraingeach a' ceiltinn cuid de bheachdan neo-sheasmhach leithid na thuirt e mu chuid de na bàird bhon chiad leth den linn:

we have verse written for publication, or in pursuit of the Bardic Crown awarded from 1923 at the Mòd: a jealous, self-conscious verse designed to parade Gaelic riches according to alien ground rules. Examples include Donald Sinclair's much anthologised *Slighe nan Seann Seun* [...] Angus Robertson's eclogue *Cnoc an Fhradhairc* (1940) [...] and Neil Ross's *Armageddon* (1950). (Black, 1987, 195-6).

Air an làimh eile gheibhear taisbeanadh fiosrachail air dè bha a' nochdadh ann am bàrdachd Ghàidhlig. Cha chreid mi gu bheil e ro chruaidh a bhith ag ràdh ge-tà gu bheil an aiste a' riochdachadh duilgheadas luchd-sgrùdaidh an ama a thaobh theacsaichean nach robh gu soilleir air aon taobh den sgaradh eadar nua-bhàrdachd agus bàrdachd baile, leithid na bàird fhoghlaimte nas tràithe san linn. 'S e lioraic gu ìre mhath grinn a th' ann an 'Slighe nan Seann Seun' (Mac-na-Ceàrdaich, 1930) is ged nach eil e a' leantail nòsan traidiseanta na Gàidhlig, tha briathran Black car cruaidh. Ach chìthear san às-earrainn shuas gu bheil Black, coltach ri MacThòmais agus MacLeòid ag aithneachadh cuid de dhàin a' chorpais mar leasachadh sònraichte ann an litreachas na Gàidhlig.

Tha an ro-ràdh dhan *Tuil* (Black, 1999), ge-tà, tòrr nas fhialaidhe agus tha e coltach gun deach measaidhean eadar-dhealaichte a dhèanamh air na dàin san eadar-ama. Leis gu bheil earrannan den ro-ràdh na ath-sgrìobhadh agus na leasachadh air an aiste nas tràithe aige, tha na h-eadar-dhealachaidhean eatorra na dheagh riochdachadh air mar a dh'atharraich sgrùdadh litreachail na Gàidhlig. Tha Black a' dèanamh iomraidhean susbainteach air *Domhnullan* agus *As Dèidh a' Chogaidh*, dàin a tha gun chus iomraidhean sgoilearail eile orra idir. Tha na bha uair nan "jealous self-conscious verse" a-nis nan riochdairean air na "innovative trends set in motion by An Comunn Gaidhealach, Donald MacCallum and Thomas MacDonald" is a thug buaidh mhòr air *Dàin do Eimhir* (Black, 1999, xxxiii). Aidichidh e ann am MacilleDhuibh (1999c) gu robh e air na beachdan aig Thomson (1974, 264) a' leantail mu dheidhinn *Domhnullain*, *ADAC*, *CAF* agus *Armageddon* gun cothrom aige a bheachdan fhèin a ghabhail gu ruige sin.

Ghabh Somhairle MacGill-Eain (2008) pàipear aig Comunn Gàidhlig Ghlaschu ann an 1940 far an do bheachdaich e air coig dàin Ghàidhealach agus e a' meòrachadh air dè cho cudromach 's a bha iad gu h-eadar-nàiseanta. Chleachd e dòighean measaidh a bha den ìre as àirde san Eòrpa (MacGill-Eain, 2008, 1). Tòiseachaidh seo, is e a' leantail Aristotle, le cudrom a' chuspair (*ibid.*, 2-3) is e an uair sin a' breithneachadh air cho èifeachdach sa bha an taisbeanadh ann an cruth agus ceòlmhorachd (*ibid.*, 3-8). Nì e seo airson 'Griogal Cridhe'; 'Òran Mòr Mhic Leòid'; *BCR*; *Beinn Dobhrain* agus 'Òran Eile anns

a' Mhodh Cheudna' le Uilleam Ros. Mar as trice tha e a' sealltainn mar a tha briathrachas agus ruitheam na bàrdachd iomchaidh airson a chuspaireachd mar chanas e mu *BCR*:

The whole 'Brosnachadh Iomraidh' has the same marvellous modulations of the weight and speed and movement of the verse to suit the varying physical suggestions. (MacGill-Eain, 2008, 14).

Maille ris na molaidhean seo mu cheòlmhorachd an dàin, thèid 'fiorachas' a mholadh gu tric (*ibid.*, 17-18) ach chìthear seo ann am barrachd doimhneachd ann an Caibideil 3.3. Chan eil cus ùidh aige ann am meud nan dàn seo, agus e a' moladh a' chruth lioraicich mar bhun-stèidh bàrdachd na Gàidhlig (*ibid.*, 28). 'S e aon de na feartan eile a tha a' toirt buaidh air an rannsachadh aige ma tha an dàn neo-aimisireil is iomchaidh airson leughadairean thar nan linntean. Coltach ri Aonghas MacLeòid (MacLeod, 1933), a dheasaich *BCR*, *Beinn Dobhrain* agus 'Luinneag MhicLeòid', chan eil MacGill-Eain san sgrùdadh seo a' dèanamh ceangal follaiseach eadar dàin a phàipeir agus bàrdachd ùr an fhicheadamh linn, ach tha e a' sonrachadh gnè fa leth de sgrìobhadh ann an dualchas litreachail nan Gàidheal.

Tha an t-sùil ghoirid seo air cuid de na surbhaidhean Gàidhlig air taisbeanadh mar a bha iad a' làimhseachadh dàin fhada mar bhuidheann fa leth. Chìthear gu robh gu leòr amharas ann mu dhèidhinn nan dàn fada ùr a nochd san fhicheadamh linn is iad air fhaicinn mar rud chèin a' tighinn a-staigh do litreachas na Gàidhlig, fiù 's le daoine a bha deònach gabhail ri nòsan ùra eile a leithid MacThòmais (1974). Tha MacLeòid (1969) a' riochdachadh anfhois Mharcsach mu theachdaireachd cuid de na dàin agus tha e coltach gu robh beachd ann gur e rud a rinn na Gàidheil bhùirdearsach anns a' bhaile mhòr a bh' anns an dàn fhada. Gheibhear sùil a-rithist air beachdan nam bàrd air litreachas ann an Caibideil 3.3 ach mothaichear an seo, le eisgeachd neo dhà, nach eil tuigse ro shusbainteach air nochdadh ann an sgrùdadh Gàidhlig mun sgrìobhaidh seo a cheana. Ach chìthear ann an Caibideil 2.1, le eisimpleirean Black (2007) agus MacKay (2012), gu bheil sgrùdairean air tilleadh do dhualchas an dàn fhada, gu h-àraidh buaidh Mhic Mhaighstir Alasdair, is gu bheil seo air tuigse nas fheàrr a thoirt seachad air cuid de dhàin a' chorpais, agus amasan eadar-nàiseanta nam bàrd.

## 1.4 Dòighean Measaidh – Sùil Fharsaing air Teòiricean an Fhicheadainh Linn

Bidh gach caibideil san analais a' measadh dàn neo dà dhàn ann an dòighean fa leth. 'S e prìomh amas an dòigh-obrach seo diofar sheallaidhean a thoirt air corpas an tràchdais ach bheir e cothrom dhan tràchdas cuid de dhòighean sgrùdaidh agus meòrachaidh ùra a thoirt a-staigh do litreachas na Gàidhlig. Bidh gach caibideil mar sin a' toirt seachad mìneachadh air dòigh-obrach eadar-dhealaichte. Ach gus seo a' fighe ri chèile bidh e feumail cuid de na leasachaidhean ann an sgrùdadh litreachais san fhicheadamh linn a thaisbeanadh mar thoiseach-tòiseachaidh.

Bha sgrùdadh proifeasanta air litreachas na Gàidhlig san fharsaingeachd fhathast aig ìre òg aig toiseach an fhicheadainh linn. Bha seo a dh'aindeoin 's gu robh na bàird Ghàidhlig, bho fhilidhean proifeiseanta nam Meadhan-Aoisean air adhart, a' measadh saothair càch a chèile le aoir neo moladh. Chaidh spionnadh a chur ann an deasabadan Gàidhlig ri linn fhoillseachadh Oisein agus a' chonnspaid a lean sin. Ach chìthear sgoilearan trath leithid an t-Urr. Nigel MacNeill agus Mànas MacGill-Eain a' dèanamh nan ciad leabhraichean farsaing air litreachas na Gàidhlig aig crìoch an naoidheamh linn deug agus toiseachd an fhicheadamh linn (Gillies, 2006, 10).

Ach bha an aon dìth sgoilearachd cumanta ann am Breatainn air fad, leis gu robh cànan dhùthchail ann am Breatainn fhathast ann am faileas Laideinn agus Grèigeis a thaobh cliù agus sgoilearachd (Eagleton, 2006, 12). Bha an sgrìobhadair Matthew Arnold (1822-1888) air aon de na daoine a bha a' moladh foghlam ann an litreachas na Beurla airson muinntir Bhreatainn air fad. Chinn seo às na draghan a bh' air ollamhan agus luchd-poilitigs mar aon (Eagleton, 2008, 20-1), is na h-ollamhan a' moladh litreachas na dùthcha mar dheagh chùis-fhoghlaim a bhiodh a' ceangal dhaoine, agus clasaichean-sòisealta, ri chèile.

A bharrachd air na beachdan seo air foghlam agus sgrùdadh litreachail sa Bheurla bha buaidh mhòr aig na beachdan aige air litreachas nan Ceilteach. Bha Arnold ag aithneachadh diofar fheartan anns na diofar chinneachaidhean. Dh'èirich seo à cuid de na beachdan aig Ernest Renan (1823-1892) air na Ceiltich mar chinneach boireanta, dubhlionnach, a bha a' leantail cùisean faoine gu droch chrìoch

(Pittock, 1999, 69). Bha Arnold fhèin ag ràdh gu robh na Ceiltich a’ faireachdainn rudan gu luath is dhan smior: “Quick to feel impressions, and feeling them very strongly. [...] Sentimental – *always ready to react against the despotism of fact*”<sup>1</sup> (Arnold, 1962, 343-4). Bha iad cuideachd gann de dh’fhoighidinn, agus “the *architectonicé* which shapes great works, such as the *Agamemnon* or the *Divine Comedy*” a bha a’ cinntinn às an fhoighidinn sin (*ibid.*, 345). Ged a chì leughadair an là an-diugh faoineas nan creideamhan cinneachail seo, is iad a’ nochdadh làimh ri beachdan air meud stamaigean nan Gearmailteach (*ibid.*, 343), san trachdas air fad chìthear buaidh Arnold san dòigh sa bheil na sgrìobhadairean a’ cleachdadh nam feartan seo, is iad gan leasachadh neo ag obair nan aghaidh. Tha seo gu h-àraidh fìor leis gu bheil an dàn fada mar ghnè a’ taisbeanadh an *architectonicé* sin nach robh Arnold a’ faicinn ann an ealain Ceilteach.

Bha Frank Raymond Leavis (1895-1978) air aon de na sgrùdairean Breatainneach bu chudromaiche sa chiad leth den fhicheadaimh linn (Eagleton, 2008, 27). Thug na beachdan air sgrùdadh practaigeach [*practical criticism*] a nochd san iris *Scrutiny* structar do ghinealach co-dhiù de dh’acadaimeagaich, nam measg bha Somhairle MacGill-Eain a dh’ionnsaich litreachas na Beurla an Dùn Èideann sna 30an (Black 1999, 765). Bha MacGill-Eain air ionnsachadh bho Herbert Grierson, aon de na h-ollamhan a bha air Beurla a stèidheachadh mar chuspair sna h-oilthighean (Hewitt, 2010) agus bha buaidh aig na h-ollamhan tràth seo air mar a bha an Ratharsach a’ measadh bàrdachd (MacKay 2010, 6). Bha Leavis agus sgrìobhadairean eile ann an *Scrutiny*, a bha tric den chiad ghinealach a chaidh dhan oilthigh san teaghlach aca, a’ sgrùdadh nam briathran mar a nochdadh iad air am beulaibh: anailis teicnigeach seach beachdan stèidhichte air suim phearsanta an sgrùdaire (Eagleton, 2008, 27).

Bha an dòigh-obrach seo a’ cur cuideam air an teacsa fhèin mar phrìomh thùs a bharrachd air suidheachadh eaconomaigeach is poiliteagach nan ùghdairean, neo meas an neach-sgrùdaidh. Bha ceangal aig seo leis na Formailich, buidheann de sgrùdairean bhon Ruis a bha a’ coimhead air foirm phìosan sgrìobhaidh is iad den bheachd gur ann bho fhoirm a’ phìos ealain fhèin a gheibheadh an obair ciall mar phìos ealain. Bha seo a’ dol an aghaidh a’ phrìomhachais a bha air ìomhaigheachd agus

---

<sup>1</sup> Clò-eadailtis Arnold.



samhlachas ann an sgrùdadh nas tràithe (Shklovsky, 1988, 17). A rèir aon de na prìomh Fhormailich Victor Shklovsky (1893-1984), anns an obair aige *Ealain mar Innleachd* (1916), tha sgaradh ann eadar cainnt bhàrdail agus cainnt phractaigeach agus tha cainnt bhàrdail a' toirt sealladh ùr dhuinn air rudeigin oir tha i a' bruidhinn mu dhèidhinn ann an dòigh ùr, neo-làitheil, a tha ag adhbharachadh *ostranenie* neo 'cèineachadh'. 'S e an cèineachadh seo a tha a' toirt oirnn rudan fhaicinn ann an dòigh ùr agus le sin a bhith gan tuigsinn ann an dòigh ùr: bheir seo an ciall don phìos sgrìobhaidh a rèir Shklovsky is a cho-obraichean. Chaidh na beachdan aca an cur sìos ri linn deachdaireachd Stàilin, ach bha iad cudromach do sgrùdairean Structuralach ann am Prague sna 1930an agus na 50an agus, còmhla, dh'fhàg iad buaidh mhòr air sgrùdadh litreachas na h-Eòrpa nas fharsainghe (Wommack, 2006, 117).

Chaidh cuid de beachdan air Sgrùdadh Practaigeach aig Leavis is a cho-obraichean, gu h-àraidh na beachdan aig Ivor Armstrong Richards (1893-1979), a bha ag aontachadh leis na Formalaich mu phrìomhachais air an teacs a chleachdadh anns an Nua-Sgrùdadh [*New Criticism*] (Storer, 2008). B' iadsan am buidheann de sgrùdairean anns na Stàitean Aonaichte sna Ceathradan a chleachd an teacs fhèin mar an aon phrìomh thùs a b' fhiach a chleachdadh airson sgrùdadh litreachail. Dhan bhuidheann seo bha an teacs iomlan ann an dòigh nàdarra agus mar sin cha b' fhiach sùil a ghabhail air beachdan an ùghdair taobh a-muigh an teacs fhèin neo air an dòigh anns a bheil an leughadair a' meòrachadh air an teacs (Schryer, 2013, 936-37).

Bha na Marcsaich a' dol an aghaidh an dà chuid na Formalaich agus na Nua-Sgrùdairean, air sgàth 's nach b' urrainn dhaibh a bhith ag aontachadh chan ann le prìomhachas an teacs ach le cho coma co-dhiù agus a bha na buidheannan seo a thaobh ceistean suidheachadh an teacs: gu seachd àraidh na dòighean san deach a thoirt gu bith agus a cho-theacsan phoilliteagach. Do na Marcsaich, leithid Leon Trotsky ann an *Litreachas agus Reabhlaid* (Trotsky, 1991) bha buaidh dòigh bheatha agus eaconomaidh cultar an sgrìobhadair cudromach do mhìneachadh ciallach air an teacs. Is ged a bha na Marcsaich a' coimhead air an dàimh eadar an litreachas agus a' choimhearsnachd eaconomaigeach, bha iad cuideachd den bheachd nach gabhadh an dà dhiubh sin a sgaradh o chàch a chèile gu h-iomlan,

mar dà rud fa leth, co-dhiù (Haslett, 2000, 8-9). 'S urrainnear coimhead air na beachdan poilitheagach aig MacGill-Eain anns *An Cuilithionn*, mar eisimpleir, ach feumar an suidheachadh aige mar sgrìobhadair òg sna tricheadan a bha na thidsear agus na shaighdear a chuimhneachadh cuideachd, oir thug an suidheachadh sin buaidh mhòr air an teacsa fhèin, mar a chìthear ann an Caibideil 6.

Bha Northrop Frye (1912-1991) na sgrùdaire cliùiteach is buadh-mhor a shir laghan agus sgeulachdan bunaiteach ann an litreachas. Dh'fhoillsich e na beachdan susbainteach aige an toiseach anns an *Anatomy of Criticism* (1957) far an do chleachd e bun-stèidhean anailisean Aristotle agus an tuigse nas fheàrr air arcataipean a nochd san fhicheadamh linn gus siostam ùr a chruthachadh a mhìnichadh eachdraidh litreachais. Tha Frye a' dèanamh seo le sùil air litreachas a-mhàin agus a' seachnadh eachdraidh shaoghailta, mar a rinn na Nua-Sgrùdairean roimhe (Eagleton, 2008, 80). Thèid taisbeanadh nas iomlaine a dhèanamh air na beachdan aige ann an Caibideilean 5 & 10, ach tha e feumail a' bhuaidh mhòr a thug e air sgrùdadh litreachail, gu h-àraidh ann an Aimeireaga, a chuimhneachadh.

Aig crìoch nan 60an bha sgrùdairean Frangach a' sireadh bun-stèidh nas seasmhaiche airson an sgrùdadh litreachail aca. A' toirt sùil air eachdraidh Chànanachais, gu seachd àraidh an obair aig Ferdinand de Saussure (1915) choimhead na Structuralaich seo airson riaghailtean a thaisbeanadh cò às a thig ciall pìos sgrìobhaidh. Chleachd iad mar bhun-stèidh am beachd gu robh ciall a' tighinn bho eadar-dhealachaidhean agus chan ann o rudan dearbhach [*positive*]. Anns a' chànanachas aig Saussure, bha cànan làthaireal air fhaicinn mar shiostam, *langue*, is bu chòir an siostam seo a sgrùdadh gus tuigse fhaighinn air cànan, chan e cainnt mar a chaidh a chleachdadh ann an aon tachartas eachdraidheil, *parole* (Culler, 2012, 1364-65). A' cleachdadh an dòigh-obrach seo thòisich sgrùdairean a' coimhead air mar a bha feartan litreachail ag obrachadh ann am pìosan sgrìobhaidh ann an dòigh cho-shìnteach ri soidhnichean ann an cànanachas (Eagleton, 2008, 84).

A bharrachd air na beachdan seo aig Saussure, chleachd na Structuralaich na beachdan aig Mikhail Bakhtin (1895-1975) feallsanaiche Ruiseach a bha co-cheangailte ris na Formalaich an toiseach. Tha Allen (2000, 14-25) ag aithris mar a bha Bakhtin ag amharc cànan ann an dòigh eadar-dhealaichte bho Saussure: dhà-san bha cànan an-còmhnaidh ag atharrachadh agus mar sin cha robh a leithid de

shìostam stèidhichte mar *langue* ann, sa chiad dol a-mach. Bha gach abairt air a thogail a-mach à abairtean eile, is mar sin bha gach abairt air a chruthachadh le iomadh guth a bhruidhinn roimhe. B' urrainn do abairt a' dol às àicheadh seo. Thug Bakhtin cainnt *Mhonologach* don t-seòrsa chàinain seo a bha a' feuchainn ri ciall aona-thuigseach seasmhach a chruthachadh leithid sgrìobhadh saidheansail; air neo b'urrainn do chàinain, leithid ann an nobhailean Dostoevsky a chleachd Bakhtin airson eisimpleirean, na h-iomadh guthan seo aithneachadh is a chleachdadh, is thug Bakhtin cainnt *Dhialogach* air seo (Brandon Kerschner, 2006, 171).

A' leasachadh beachdan Bakhtin, bha Julia Kristeva (1941-) agus am buidheann *Tel Quel* aig crìoch nan 60an is toiseachd nan 70an, den bheachd gu robh gach abairt air a chruthachadh a-mach às na h-iomadh abairtean eile a rinneadh roimhe agus gu robh strì ideòlach a' leantail nan abairtean seo a-steach dhan teacsa. Bha na sgrìobhaidhean aice a' dol an aghaidh nam beachdan aig na Structuralaich Saussurach agus thugadh Iar-Structuralach oirre. Chuir i eadar-theacsachas [*intertextuality*] air an dialogachas aig Bakhtin agus i a' coimhead air an teacsa aig ìre nas eas-chruthaiche na rinn Bakhtin (Allen 2000, 35). Le sùil air na beachdan saidhceòlach aig Freud agus Lacan agus fhathast a' leantail beachdan Bakhtin bha Kristeva ag ràdh gu robh sgaradh ann eadar an semiotach [*le sémiotique*] a bha stèidhichte air draibh-miannan [*drives* mar a bh' aig Freud] agus an samhachail a bha ag obair le cainnt shòisealta a chuireadh reusan agus aontachas an cèill. Na beachd-se bha càinain bhàrdail "existing in the symbolic whilst being shot through with traces of the semiotic" (*ibid.*, 48). San fharsaingeachd ma-thà, bha Kristeva, le co-obraichean leithid Roland Barthes (1915-1980) aig crìoch nan 60an, a' coimhead air teacsaichean mar rudan a bha làn sgaraidhean a bha a' tighinn bho dhiofar thùsan is a bha gun chomas don ùghdair a smachdachadh a rèir a thoil fhèin. Cha b' urrainn don leughadair aon chiall seasmhach a chruthachadh nas motha (Eagleton, 2008, 116). Dhaibhsan bha nàdar cainnt fhèin a' ciallachadh gu robh ciall an-còmhnaidh a' tuiteam air falbh gu ìre, agus gu eadar-dhealachaidhean eile (Eagleton, 2008, 119-20).

Ann an 1978 sgrìobh am Palastaineach Eideard Said (1935-2003) an leabhar cliùiteach *Oirthireachas* a thug sgrùdadh iar-phlanntachail do aire a' mhòr-shluaigh acadamaegaich. Ged a bha seo gu seachd

àraidh stèidhichte air suidheachadh nan Arabach, bha sgrìobhadairean eile leithid Fanon (1965) agus Ngũgĩ (1981) a' coimhead air suidheachadh nan Afraganach agus cha b' fhada gus an deach na sgrùdaidhean seo a chleachdadh airson nan Ceilteach, is gu tric airson nan Eireannach (Said, 1988). Bha na sgrùdaidhean seo a' toirt a' bhun-stèidh aca bho obair nam Marcsach agus bha iad a' coimhead air mar a bha buaidh planntachas a' nochdadh ann an obraichean litreachail. Tha Silke Stroh (2011) air cuid de na teòireacan seo a chleachdadh gu susbainteach anns na sgrùdaidhean aicese is rinn Krause (2010) argamaid a' dìon cleachdadh nan teòiricean seo aig Rannsachadh na Gàidhlig 4.

'S ann anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh a tha teòiricean Eòrpach air tilleadh air ais gu cridhe sgrùdadh litreachas na Gàidhlig. Chuir Máire Ní Annracháin (1992) sùil gu math gheur thairis air saothair MhicGill-Eain, a' coimhead air aisling agus tòir. Chleachd Dymock (2008) na teòiricean aig Julia Kristeva stèidhichte air saidhceòlas agus aibdeactachas [*abjection*], a bharrachd air beachdan air samhlauchas stèidhichte air sgrìobhaidhean Northrop Frye, anns an sgrùdadh aicese air *An Cuilithionn*. Tha Mac Aoidh (2010) air sealltainn buaidh theòiricean litreachail bhon dàrna leth den fhicheadaimh linn am broinn sgrùdadh farsaing air saothair MhicGill-Eain. Agus tha co-chruinneachaidhean leithid *Làinnir a' Bhùim* (Dymock & McLeod, 2011) agus *Sùil air an t-Saoghal* (MacAoidh & O' Gallagher, 2013) air sealltainn gu bheil dòighean-obrach ùra air barrachd ùidh am measg sgoilearan Gàidhealach a chosnadh.

## 2. Co-Theacsa Litreachail

Seallaidh a’ chaibideil seo air cuid de na h-eisimpleirean de dhàin fhada a nochd mus do rinneadh dàin a’ chorpais fhèin. Cha b’ fhiach surbhaidh fharsaing air mar a nochd dàin fhada na Gàidhlig fheuchainn, gu h-àraidh leis gun do nochd aiste air a’ chuspair ud le Black (2007) agus bhiodh surbhaidh iomlan den dàin fhada na chuspair shusbainteach fa leth. Ach coimheadaidh na h-earrannan a leanas air cuid de na buaidhean a dh’fhàg na h-eisimpleirean tràtha do dhàin a’ chorpais. Mar sin, coimheadar le sùil às-ùr air meataireachd ciùil mhòir agus coimheadar a-rithist air Uilleam MacDùn-Lèibhe, bàrd a chruthaich buidheann de dhàin fhada san naoidheamh linn deug. Bidh e cuideachd mothachail air co-theacsa poiliteagach nan sgrìobhadairean, agus na h-amasan cultarail nas fharsaing aca.

### 2.1 Buaidh Mhic Mhaighstir Alasdair air an Dàn Fada

Nochd a’ chiad leabhar de bhàrdachd shaoghalta sa Ghàidhlig *Ais-Eiridh na Seann Chànoin Albannaich* le Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair, ann an 1751. Chleachd Mac Mhaighstir Alasdair cruth ùr airson an dà dhàn fhada sa leabhar: cruth ciùil mhòir. A bharrachd air dàin sa mheataireachd seo tha òrain fhada eile aige leithid ‘Oran a rinneadh do dha bhodach...’ (MacDhonnail, 1751, 123-134) agus ‘Oran do’n gairrir An Airce’ (*ibid.*, 170-185) a tha nas coltaiche ris na h-òrain fhada dhualchasach a tha ri fhaotainn anns na làmh-sgrìobhainnean nas tràithe leithid ‘Òran na Comhachaig’ (mac Fhionnlaigh, 2012). Leis an linn san deach an leabhar fhoillseachadh tha e coltach gu robh amasan poiliteagach aig Mac Mhaighstir Alasdair; tha e cudromach gun deach an oidhirp mhòr chultarail a dhèanamh às dèidh calla poiliteagaich ro mhòr agus maille ris an oidhirp a rinn Mac Mhaighstir Alasdair eachdraidh an ar-a-mach a sgrìobhadh bhon t-sealladh aige fhèin (Gillies, 2012, 117-118). Sheall Black (2007) mar a thug nòsan ùr Mhic Mhaighstir Alasdair buaidh gu math follaiseach air na bàird gu ruige an fhicheadamh linn.

Tha tiotal agus ro-ràdh an leabhair a’ taisbeanadh cuid de na h-amasan aimsireil aige. Ar leam gu bheil òrdugh foillseachaidh nan dàin a’ daingneachadh seo is e a’ leantail nòs a’ *phroemium*, toiseach dàin eipigich (Gregory, 2012). Tha a’ chiad dàin sa cho-chruinneachadh, ‘Moladh an úghdar don tsean chànoin Ghailic’, a’ riochdachadh adhbhar fhoillseachaidh fhollaisich. Tha e ceangailte ann an cuspair

ri ainm an leabhair agus amas an ùghdair mar a thaisbeanar san rò-ràdh. Chaidh trì amasan a thoirt seachad an sin: “that the publication of those poems wrote some time ago, may afford some entertainment to those versed in this ancient and comprehensive language; and raise in others a desire to learn something of it...” agus cuideachd “to bespeak, if possible, the favour of the public, to a greater collection of poems of the same sort” (MacDhonnell, 1751, iii). Mar sin ’s e togail cliù na Gàidhlig prìomh chuspair a’ cho-chruinneachaidh agus tha a’ chiad dàin na *phroposito*, neo taisbeanadh air amas an ùghdair. Sheall MacKay (2012, 117-18) mar a chaidh cainnt an t-Soillearachaidh Albannaich a chleachdadh san rò-ràdh gus argamaid a dhèanamh mu chliù litreachas na Gàidhlig. Na bheachdsan tha a’ chiad dàin den co-chruinneachadh na “‘manifesto’ poem” (*ibid.*, 119) is e, mar a thuirt mi shuas, ag ainmneachadh amas a’ cho-chruinneachaidh.

Tha an dàrna dàin, ‘Guidhe, no urnuigh an ùghdair, do’n Cheòlraidh’ mar an ceudna a’ leantail nòs a’ *phroemium*: guidhe don cheòlraidh ro oidhirp ealanta mhòr (m.e. Homer, 1990, 77). Às dèidh seo ’s e an treas dàin anns an *Ais-Eiridh*, an dàin fada ‘Moladh Mòraig’ le 336 sreath (MacDhonnell, 1751, 11-25) agus a chàraid ‘Mio-mholadh Mòraig’ (*ibid.*, 26-36). Air sgàth ’s seo tha adhbhar ann an dà dhàn air Mòrag fhaicinn mar a’ chiad dà dhàn a tha a’ cosnadh àite-fhoillseachaidh aca le am meud is an cuid chuspair, is iad a’ leantail an dà dhàn a tha air an suidheachadh fo bhuaidh nòsan litreachais. Tha Mac Mhaighstir Alasdair mar sin a’ toirt prìomhachais do na dà dhàn fhada aige thar na dàin eile, agus iad a’ nochdadh dìreach às dèidh a ghuidhe don cheòlraidh. Bhiodh seo cuideachd a’ cleith cuid de na dàin Sheumasach beagan.

Tha an dà dhàn air Mòrag sgrìobhte “air fonn phìobaireachd,” (*ibid.*, 11) leis a’ Mhio-mholadh “air an fhonn cheudna” (*ibid.*, 26). Cuiridh an cruth ciùil mòir seo oralachd agus ceòlmhorachd litreachas na Gàidhlig aig an àm am follais. Tha Ailean Dòmhnallach air sealltainn gu bheil dàimh dlùth eadar fonn ‘Moladh Mòraig’ agus ‘Òran Beinn Dòrain’ Mhic an t-Saoir (MacDonald, 1995, 247-8) agus bha Mac an t-Saoir an comainn Mhic Mhaighstir Alasdair a thaobh an fhoirm bhàrdachd seo. Tha am ‘Moladh’, ‘Mio-mholadh’ agus ‘Beinn Dòrain’ uile a’ cleachdadh Ùrlar, Siubhal agus Crunluath, is iad a’ seachnadh nan tionndaidhean eile a tha ri fhaotainn ann an ceòl mòr. Mar a chìthear ann an Caibideil 9,

's e am pìobaire Dòmhnall Ruadh Mac an t-Saoir a sheallas an t-eòlas as fheàrr air a' chruth seo is tha e fhèin agus Moireasdan ga chleachdadh ann an corpas a' thràchdais.

Ann an cleachdadh Mhic Mhaighstir Alasdair tha foirm gach rann toinnte is e stèidhichte air còmhaddadh deireannach aona-lideach is trì-lideach san Ùrlar<sup>2</sup>:

'S maith gun bhith 's an choill'	a	7
'Nuair bha Morag ann;	b	5
A bhainpheacach sin gun loinn	a	7
Làn do dh' fhotus int';	b	5
An dubhfhacal gun sgoinn	a	6
'S a subhailcion ar foill;	a	6
A caoin, 's a h-ascaoin roint',	a	6
Lán do ghóisnichion;	b	5
Ma ghabhar i mar chí	c	6
Tha sgeamh amuidh gle líobh	c	6
Ach, fa sin tha mìltion	c*	6
Do dhóibhertion:	b	4
'S coimhlionor car na crí,	c	6
'S fear tha air a tí,	c	5
'S mín mhachraichion na rioghachd	c*	7
Do nóinenibh.	b	4

(MacDhonnell, 1751, 26-7.)

Chithear gu bheil an t-ùrlar stèidhichte gu beumail air a' chomhardadh eadar na faclan aona-lideach (*a* agus *c*) is an comhardadh eadar na h-abairtean trì-lideach (*b*). Tha an siubhal nas buailtiche buadhaireachd a chleachdadh, mar dhòigh air ruithim dactaileach a bhrosnachadh:

*Siubhal.*

An apa ghéarr bheagnarach,  
 Fhreagarach, leomach;  
 Bharracaideach, dhreigeiseach,  
 Leisgeulach, dhólach;  
 Antlachdor, sgeisgeiseach,  
 Champarach sheusgchorpach;  
 Shanntach fleasgaichion  
 Beudfhacal, ghódoch.  
 Tuairneag ghorm, bhalltartach,  
 Stannartach, róiceach,  
 Bhrioscghlórach, anartach,  
 Ghangaideach leóiceach;  
 Ro uasul na barail,  
 'S gun int' ach fìor chaileag

*An crúnluath.*

Gaol an-abaich dona,  
 Le foilis an dólais,  
 Thug mise ann a's droch-uair  
 Do rosad na h Eorpa;  
 Go b'fhearr lium mo chrochadh  
 No doll anns na rochdabhs';  
 Mo riasladh ma m' lochdabh,  
 'S mo lotadh le dóruinn;  
 Na suathadh ri t' fhallsachd,  
 Fhior chausair na rioghachd;  
 Mo ghilacdh a chlisgidh,  
 Le d' riobachan mílteach:  
 B' íad na bréugan bhi d' mholadh,  
 Faiche-bhoula na sgoil-fhear',

<sup>2</sup> San earrainn seo thèid às-eisimpleirean a thoirt bho "Mio-mholadh Mòraig" leis nach eil an dàn sin cho aithnichte.

'S toir a breath fìor shalach,  
O fhaillein an ótraich.  
(*ibid.*, 29)

Gun mhaoin glan'ann d' cholainn  
Truail thoileoil na mìltion.  
(*ibid.*, 34-5)

Tha e follaiseach gu robh am bàrd a' feuchainn ri fuaim nan tionndaidhean a' riochdachadh gu ìre, rud a bha air nochdadh ann an saothair a' Phìobaire Dhaill (Black, 2007, 111). Tha seo ri cluinntinn sna dòighean seinn cuideachd, nuair a ghabh Uilleam MacMhathain (1954) 'Moladh Mòraig', bha atharrachadh soilleir ann an luaths an dàin eadar an ùrlar agus an t-siubhal, a' leantail nòs ciùil mòir.

Nochd an dàn fada as ainmeile aig Mac Mhaighstir Alasdair, *Birlinn Chlann Raghnaill* (BCR), ann am MacDhòmhnaill (1776, 146-66) ged a tha e coltach gun deach a sgrìobhadh sna 1750an (Bateman, 2012, 74). Stèidhicheadh na diofar earranan den *Bhirliinn* air diofar thachartasan ann an turas eadar Uibhist is Èirinn; tha meud nan earrannan a' dol eadar dusan loidhne agus am fear mòr mu dheireadh, a tha 190 sreath am meud. Mar sin tha cruth an dàin an eisimeil air a chuspair, seach air meud nan rannan, ann an dòigh ùr sa Ghàidhlig.

Chan e dìreach na dàin seo a dh'fhàg tiodhlaic cho mòr airson daoine leithid Dhòmhnaill Mhic an t-Saoir san fhicheadamh linn. A' coimhead air na dàin eile san *Ais-Eiridh* chaidh dà dhàn nas giorra fhoillseachadh às dèidh dhàn Mòraig: 'Oran an t-Samhraidh' agus 'Oran a' Gheamhraidh.' 'S e càraid eile a th' ann ceangailte ann an cuspair agus ann an cruth ach le cuspairean fa leth. A rèir Ruaraidh MhicThòmais, chleachd Mac Mhaighstir Alasdair feartan bho litreachas na Galldachd agus bho litreachas Meadhan-Thìreach air an son (Mac Mhaighstir Alasdair, 1996, 83-84; 93-94). Tha aoir aige air bodaich a sgìre 'Òran nam Bodach' (MacDhonnail, 1751, 123-33), a b' urrainn a bhith na bhun-stèidh airson aon de na h-aoirean fada bhon fhicheadamh linn, *MPMT*. Tha an dàn fada 'An Airce' (*ibid.*, 170-185) a' sealltainn cuid de na ceangalan aige ri litreachas Eòrpach agus ag ath-chleachdadh sgeulachdan a' Bhìobaill. Tha dàn meudmhor eile ann leithid 'Comhradh, mar go b'ann eideir caraid agus namhaid an Uisgebheatha' (*ibid.*, 192-202) a tha na ro-shealladh airson cuid de chòmhraidhean meudmhor an Naoidheamh-Linn-Deug leithid 'Comhradh eadar an t-ùghdar agus Cailleach Oidhche' (MacFadyen 1890, 49-64). Nochdaidh cuspair na dibhe ann am *Maighdean Dhurair* sa chorpas cuideachd.



Tha e follaiseach gu bheil sgoilearean Gàidhlig air fhaicinn gu robh na dàin fada seo a' cur seachad teachdaireachdan a bha ioma-fhillte agus a bha nas doimhne na 'n sgeulachd fhèin (i.e. Bateman, 2012). Bha am bàrd a' cluich le cruthan ùra airson an cuid bhàrdachd agus tha am mac-meanma seo air thaisbeanadh sa chuspair cuideachd. Tha Mac-na-Ceàrdaich, MacGill-Eain, Moireasdan, Hay agus Mac an t-Saoir uile a' sealltainn an cliù aca do na dàin seo anns an sgrìobhadh aca, mar a chìthear sna h-anailisean gu h-ìosal, agus tha an sgàil ri fhaicinn anns na h-oidhirpean air dàin fhada a rinn na Gàidheil fada às an dèidh. A bharrachd air iomraidhean air cuspairean nan dàn, dhearbha an cruth ciùil mhoir, a stèidhich Mac Mhaighstir Alasdair, gu robh e fhathast tarraingeach san fhicheadamh linn. A thuilleadh air Dòmhnall Ruadh Mac an t-Saoir agus *MPMT*, chleachd Moireasdan e airson an dàrna leth de *Mhaighdean Dhurair*; chleachd Iain MacCormaig (MacFhionguin, 1953, 78-82) agus Tormod MacGilleain (Black, 1990, 554-60) an cruth nan saothair cuideachd, le dàin a choisinn Crùn a' Chomuinn do gach bàrd.

Thug 'Moladh Beinn Dòbhrain', an leasachadh a rinn Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir air cruth ciùil mhòir, buaidh mhòr air na bàird Ghàidhealach, nam measg Dòmhnall Ruadh Mac an t-Saoir agus Somhairle MacGill-Eain, ann am *MPMT* agus sa *Chuillithionn*. Tha a' chiad fear dhiubh sin a' dèanamh iomradh air 'Beinn Dorain' sa chiad rann, agus tha an dàrna fear a' coimhead air àrainneachd nam beann agus a' meòrachadh air mac-an-duine; nòs a dh'fhàs cumanta ann an litreachas na Gàidhlig às dèidh Mhic an t-Saoir. Coltach ri *MPMT* tha Calum Ruadh MacFhionguinn à Bruairnis, Barraigh, a' toirt ath-chleachdadh do chruth *Beinn Dorain* is e a' dèanamh òran èibhinn air pìatan a bh' aige, agus an adhbhar-ghaire stèidhichte aig ìre bhunaiteach air aotramas a' chuspair an coimeas ri doimhne 'Beinn Dòbhrain' na fhonn 's na chruth (O Lochlainn, 1948, 35-9).

Tha e soilleir mar sin gu robh buaidh Mhic Mhaighstir Alasdair, air a shìoladh air uairean tro bhuidh Dhonnchaidh Bhàin, ri fhaicinn gu follaiseach san fhicheadamh linn. Aig ìre bhunaiteach litreachas na cànan tha gach bàrd a chaidh fhoillseachadh às a dhèidh na chomain- coltach ri sgrìobhadairean ann an litreachasan eile às dèidh Dante is Milton. Ach thug e cuideachd eisimpleirean seachad de chuspairean agus foirmean bàrdachd a bha gus nochdadh ann an corpas an tràchdais seo cha mhòr dà cheud

bliadhna às dèidh *Ais-Eiridh*. Tha turasan mara (*LNSS*, *Aeòlus*), dàin fhada nìmheil phoilliteagach (*An Cuilithionn*), aoirean (*MPMT*), molaidhean poilliteagach (*ADAC*) agus aithris air nàdar (*CAF*) uile a' nochdadh mar chuspairean anns an *Ais-Eiridh* cuideachd. Agus gu dearbh nochd an clò-bhualadh as iomlaine de sgrìobhaidhean Mhic Mhaighstir Alasdair ann an 1924, is e mar sin ri fhaotainn aig gach bàrd ach Mac-na-Ceàrdaich, a bha eòlach air saothair a' bhàird co-dhiù (Mac Leòid, 2012, 133). Stèidhicheadh litreachas na Gàidhlig, mar an ceudna, le a chiad cheum a-steach don t-saoghal fhoillsichte, mar rud a sheas an aghaidh ideòlachd agus riaghaltais a latha, rud a bha na bhrosnachadh do bhàird raideagach an tràchdais seo mar a chìthear.

## 2.2 Dàin fhada Uilleim MhicDhùn-Lèibhe

Ged a bha Somhairle MacGill-Eain (1963, 1985), Ruairidh MacThòmais (1974) agus sgrùdairean eile bho mheadhan an fhicheadaimh linn gu math cruaidh sa bhitheantas air na bàird a nochd sa cheud bliadhna roimhe chaidh Uilleam MacDùnLèibhe a mheasadh beagan nas fhialaidhe. A bharrachd air seo tha sgrùdaidhean nas ùire air fheuchainn ri sealladh nas co-mhothachaile a thoirt do shaothair a' bhàird (Whyte, 1991; Meek, 2009). Leis gun do dh'fhàg MacGill-Eain (1963) beachdan susbainteach air a' bhàrd is fiach sùil a ghabhail air seo gus feuchainn ri buaidh MhicDhùn-Lèibhe air bàird an tràchdais a thomhais. Bidh an taisbeanadh beag seo air a' bhàrd a' coimhead air mar dhuine is mar bhàrd; air cuid de na leasachaidhean a rinn e ann am bàrdachd na Gàidhlig is mu dheireadh dè a bhuaidh a dh'fhàg e air na bàird às a dhèidh.

A' coimhead air saothair MhicDhùnLèibhe, rinn e sgaradh follaiseach eadar na bha e a' sgrìobhadh, le aistichean agus leabhraichean rosg sa Bheurla agus bàrdachd Ghàidhlig air an làimh eile (Meek, 2009, 151). Gu tric rinn e sgaradh follaiseach eadar a' bhàrdachd a bhiodh air aithris leithid na dàin chogaidh aige agus na h-òrain a bhiodh air an seinn, leithid 'Fios thun a' Bhàird, na Òran Bean Dhonnachaidh' (MacDhùn-Léibhe, 1882, 151-55). Tha seo ga dhèanamh na ro-theachdaiche air bàird an fhicheadaimh linn agus mar a bha iadsan an sàs ann an cùis na cànan agus poilitigs na dùthcha, a bharrachd air an litreachas sna sgrìobhaidhean aca. Tha an sgaradh dà-chananach ud eadar aistichean Beurla agus

bàrdachd Ghàidhlig ri fhaicinn o thùs anns an *Ais-Eiridh* (MacDhonuill, 1751) far an tèid ro-ràdh sa Bheurla a chur air, a tha a' cleith cuid de dh'fheartan poiliteagach na bàrdachd.

Chaidh bàrdachd MhicDhùn-Lèibhe a dheasachadh le Raibeart Blair (MacDhùn-Lèibhe, 1882). 'S ann à Ìle a bha Blair cuideachd is tha an ro-ràdh aige fialaidh ach cuideachd a' sealltainn a' bhàird mar dhuine caran àraid: "The want of early culture gave a bias to his whole character that clung to him through life" (*ibid.*, xiii). Tha Meek (2009, 151-53) ge-tà a' dol an aghaidh na beachd seo agus ag ràdh gu robh teaghlach foghlaimte litreachail aige agus gu robh an ìomhaigh a dhealbhaich Blair den a' bhàrd an eisimeil air an ìomhaigh Romansach de bhàrd neo-fhoghlaimte. Tha Blair nas fhaisge air an fhìrinn is e a' sealltainn an dòigh 's a bha e gu mòr an aghaidh nan Sasannach: "[his] blind hatred of England and all her belongings rendered him incapable of taking an impartial view of questions of history" (ann am MacDhùn-Lèibhe, 1882, xii). Tha Mànas MacGill-Eain (Maclean, 1903, 180) cuideachd a' togail an aon phuing is e follaiseach gu bheil e ag ath-chleachdadh cha mhòr facal air an fhacal beachdan Bhlair: "From his blind, unreasoning hatred of England, and all things English, he was absolutely incapable of taking an impartial view of historical questions."

Gu h-annasach, a thaobh a bhuaidh air bàrd an fhicheadamh linn tha gràin-Shasainn MhicDhùn-Lèibhe ga thoirt fa near do Hugh MacDiarmid (1934) nuair a tha e a' meòrachadh air cor litreachas na Gàidhlig ann an aiste-chuimhneachaidh air Dòmhnall Mac-na-Ceàrdaich. Do MhacDiarmid tha an gràin air Sasainn a nochdas ann an saothair MhicDhùn-Lèibhe airidh air moladh agus tha esan a' dìon a' bhàird bho chronachadh MhicGhill-Eain agus Bhlair a thaobh an fheart sin. Gu dearbh, tha e ga ainmeachadh mar "an out of season forerunner of our militant Nationalists to-day" (MacDiarmid, 1934, 81-82).

Chleachd MacIllebhàin (Whyte, 1991) an aiste aig Blair (1882) air eachdraidh beatha a' bhàird mar bhun-stèidh airson an eachdraidh-beatha nas mionaidiche aigesan. Rugadh MacDhùn-Lèibhe air Eilean Ìle ann an 1808 agus bha an t-eilean agus cruth na tìre mu chuairt air, maille ri eachdraidh na sgìre a' toirt buaidh mhòr air a' bhàrd agus air na dàin fhada a rinn e. Ghluais e don Ghalltachd far an do dh'fhan e ri bheò, eadar bailtean beaga leithid Comraidh agus Arachar, agus bailtean mòra malairteach

mar Ghlaschu agus Grianraig. Bha aige mar sin ris a' choimhearsnachd dhùthchasach aige fhàgail- rud a' bha cumanta gu leòr san naoidheamh linn deug ach a bha cuideachd gu math cudromach am measg sgrìobhadairean nan dàin fada san fhicheadamh linn.

Leis gun do dh'fhàg am bàrd a' Ghàidhealtachd tha MacIllebhain (Whyte, 1991, 45) den bheachd nach tèid saothair a' bhàird a thuigsinn bho shealladh Ghàidhealach a-mhàin o chionns gun d' fhuair e a' mhòr-chuid den chultair inntinneachail aige tro mheadhan na Beurla is tha e mar sin na bhàird 'dà-chultaireach' (*ibid.*). Tha e fìor gun teagamh gu robh MacDhùn-Lèibhe ag obair le sùil air adhartasan eile ann an cultair na Roinn Eòrpa, ged a tha sin fìor do sgrìobhadairean roimhe agus às a dhèidh. Chan eil cinnt ann mu dè cho cuideachail sa tha an sgaradh seo, leis gu bheil Meek (2009, 152) a' sealltainn gu robh comasan sa Laidinn aig athair agus ùidh aigesan sa bhàrdachd; agus mar an ceudna rinn MacDhùn-Lèibhe oidhirp mhòr càin eile ionnsachadh a bharrachd air a chuid dà-ghlosachd Gàidhlig is Beurla.

Rinn MacDhùn-Lèibhe buidheann de dhàin fhada stèidhichte air blàran eachdraidheil is ficseanail: 'Cath Monadh Bhraca' (AD 85); 'Blàr Dhàil Rìgh' (AD 1306); 'Cath Allt-a'-Bhannaich' (AD 1314); 'Blàr Thraigh Ghruineart' (AD 1598) agus dà dhàin air blàran ionadail a dhealbhaich am bàrd na cheann fhèin, 'Blàr Shùnadail' agus 'Na Lochlannaich an Ìle.' Tha na dàin mar as trice a' coimhead air mar a bha na Gàidheil a' cath an aghaidh airmean cèine a bha air ionnsaigh a thoirt orra – na Lochlannaich, na Ròmanaich agus na Sasannaich. Ann am beachd MhicGilleain (1963, 1-2) tha seo a' riochdachadh fuadachadh Ìle ri linn a' bhàird. Tha e coltach mar an ceudna, gum biodh MacDhùn-Lèibhe a' faicinn nan cathan sin mar ro-shealladh air na cathan cultarail a bha e a' dol an sàs ann: a' dìon nan Gàidheal agus nan Ceilteach leis an leabhar thomadach aige *The Vindiction of the Celtic Character* (Livingston, 1850). Bhiodh seo ga chur an sàs ann an deasbaidhean cinneachail is nàiseantach an naoidheimh linn deug. Air duilleag-tiotail an leabhair tha briathran Uilleam Uallais ro chath na h-Eaglaise Brice, is mar sin tha e coltach gum biodh buaidh aig na dàin fhada eachdraidheil aig Eanruig Dall is Barbour (Meek, 2009, 161) air a' bhàrd. Tha co-shìntean soilleir ann ri teachdaireachdan

poiliteagach Mhic Mhaighstir Alasdair sna sgrìobhaidhean rosg aigesan, mar neach-eachdraidh agus san ro-ràdh dhan *Ais-Eiridh*.

A’ coimhead air cruth nan dàin seo mar ghnè de dhàin eachdraidheil ghaisgeil tha na dàin mar as trice stèidhichte air còmhraidhean, òraidean agus lioraicean goirid. Tha na dàin a’ tighinn còmhla ri chèile mar dhràma air an aithris, a b’ urrainn a bhith air a chluich, is tha seo a’ cumail ceangail dlùth ri aithris san taigh-chèilidh: aon neach a’ toirt seachad sgeul le guthan nan caractairean a’ nochdadh cuideachd. Thig na guthan fa leth uile còmhla gus a’ phìos ealain a chruthachadh. Anns ‘Na Lochlannaich an Ìle’ chuir MacDhùn-Lèibhe rò-ràdh ris a tha a’ cur an dàin eachdraidheil ann am beart co-aimsireil, is a’ chiad chòmhradh a’ dèanamh soilleir gu bheil an dàin ceangailte ri fuadachadh Ìle sna 1850an (Whyte, 2009, 174-77), mar a mhothaich MacGill-Eain (1985, 134-135).

Riochdachaidh na dàin eachdraidheil aige pròis ann an neart is uallach nan Gàidheal. Leis gun do chuir MacDhùn-Lèibhe na dàin aige ann an co-theacsa nan tachartasan ann an Ìle aig an àm tha e coltach gu robh e a’ cleachdadh nan dàin seo gus dol an sàs ann an deasbadan a latha. Bhiodh uail mu eachdraidh nan Gàidheal a’ dìon a chuid chinneach bho theòiricean cinneachail an naoidheamh linn deug (Newton, 2009, 74-75). Ach tha, aig an aon àm, claonadh ri fhaicinn ann am fradhairc MhicDhùn-Lèibhe is e deònach na Gàidheil a mholadh mar fheachdan na h-Ìmpire cuideachd (Meek, 2009, 163). Tha e follaiseach gur e claonadh bitheanta a bha seo aig an àm is às a dèidh, leis nach eil Blair san ro-ràdh aige neo Mànas MacGill-Eain (MacLean, 1903) ag aithris air an fheart seo na obair nas motha, ach gun deach a thogail le sgrùdairean nas anmoiche. Chìthear an sgaradh seo eadar taic airson na h-ìmpireachd agus nàiseantachd Albannach ag èirigh sa chorpas cuideachd.

Tha buaidh nan sgrìobhadairean Oiseanach, sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, ri fhaicinn anns na dàin seo mar a thaisbeanas MacGilleBhain (Whyte, 1991, 121-74) na thràchdais. Ach tha e cuideachd fìor gu robh MacDhùn-Lèibhe a’ cruthachadh structaran agus cleasan bhàrdachd ùra dhà fhèin a tha a’ toirt air MacThòmais a ràdh gu robh MacDhùn-Lèibhe air aon de trìuir bhàird “whose work seems to have a special individuality, strength and gravitas in this age of flux and resignation and triviality” (Thomson, 1974, 233). A’ coimhead air ‘Na Lochlannaich an Ìle’ tha MacGilleBhàin (Whyte, 2009, 174) a’

sealltainn nan co-shìntean eadar structaran MhicDhùn-Lèibhe agus cuid de na laoidhean a bha san dualchas is a chaidh a chruinneachadh le Iain Òg Ìle (Campbell, 1872).

Tha ‘Na Lochlannaich an Ìle’ a’ toiseachadh le còmhradh ann am meatrachd shaor eadar ‘Seanachaidh’ agus ‘Òganach.’ Ged a tha an cainnt seo foirmeil, le ìomhaigheachd suaicheantasan Chlann Dòmhnail, tha e cuideachd a’ dèanamh a’ cheangail aimsireil ris na fuadaichean. O sin air adhart tha an Seanachaidh ag innse na sgeulachd, ged a tha e gu tric ag ath-aithris air briathran nan caractairean a nochd na sgeul.

‘Nuair a chunnt e ’n cabhlach trì uairean,  
Trì fichead seòl is trì eile fhuair e,  
Làn àireamh nan eithear dubha  
A’ cur sruth roinn nach iarradh tobha;  
Dh’amhairc e air fonn’s air athar,  
’S labhair e mar so gu h-athghearr.

“So an là mu’n tric a chualas  
Am faisneachd Thorgainn Mhic Ruaine;  
Sean Speuradair Dhun-Charraig,  
A dh’innis gu’n tigeadh thar fairge,  
Ealt Fhitheach o thìr an t-sneachda,  
A dh’fhàgas Ìle caointeach creachte; (1882, 6-7)

Tha diofar loraicean air an gabhail am measg an dàin cuideachd, leithid tuireadh Nèill (10-11); briathran Fearghas Mòr Mac Eirc (16-17) neo òran cogaidh nan Lochlannach (12-13). Tha earrannan eile ann far a bheil còmhradh a’ dol air ais is air adhart eadar nan caractairean (20-24). Gu dearbh leis a’ mheasgachadh de chruthan seo b’ urrainn dhut an dàn a chluich neo a chleachdadh mar *libretto*. Bha MacilleDhuibh (Black, 1999a) den aon bheachd mu dheidhinn *Domhnullain*, is bhiodh e coltach gu robh Mac Chalum eòlach air co-chruinneachadh saothair an Ìlich.

Do MhacDhùnLèibhe ’s e cruth poilitigeach a bh’ anns an dàn fhada, agus e mar as trice a’ riochdachadh ceangal ri suidheachadh a latha fhèin. Tha ùpraid an naoidheimh linn deug, is a’ Ghàidhealtachd a’ crìonadh fo bhuaidh eilthireachd, fuadachadh agus goirt air fhaicinn ann an sùilean bàrdail mar na Gàidheil a’ strì an aghaidh chinnidhean eile. Tha form a’ bhàird a’ sealltainn cuideachd gu robh e den bheachd gum b’ fhiach feuchainn air dàn fada ioma-ghuthach stèidhichte air earrannan

lìoraiceach follaiseach. Ge bith dè cho soirbheachail 's a bha e, tha seo fhathast na ro-shealladh air na “sgùran lìoraiceach” aig Croce a thug buaidh cho mòr air mac-meanma Shomhairle MhicGill-Eain (MacKay, 2010, 106-07).

Rinn MacGill-Eain òraid (1963) mu bhàrdachd MhicDhùn-Lèibhe aig Comunn Ghàidhlig Inbhir Nis air an 22mh den Mhàirt 1940. Bha MacGill-Eain air an earrann mu dheireadh den *Chuilithionn* a sgrìobhadh san Dùbhlachd 1939 is tha an òraid seo na dheagh thaisbeanadh air na beachdan aige air bàrdachd bhon àm ud. Coltach ris na h-òraidean tràtha eile aige leithid ‘Realism in Gaelic Poetry’ (1946, 80-114), a chaidh a leughadh ann an 1938, tha MacGill-Eain a’ cleachdadh shlatan-tomhais Modarnach agus ana-Chamhanaich gus na dàin a mheasadh. Chan eil MacDhùn-Lèibhe air a dhìteadh air tàilleabh ìomhaigheachd a’ Chamhanaich neo eu-phoiliteagachd an naoidheimh linn deug mar a thèid gu leòr de bhàird eile, ach thèid dith chruth na obair a chaoidh: “it is clear that Livingston did not solve the problem of an unrhymed Gaelic verse. Indeed his ear for rhythm is generally much poorer than his eye for the visual image” (MacGill-Eain, 1963, 4). Tha e soilleir gu bheil MacGill-Eain cuideachd a’ faireachdainn gu bheil gràdh-dùthcha MhicDhùn-Lèibhe anabarrach simplidh: “Livingston’s poetry did suffer from his always feeling it incumbent on him to glorify Scotland, and especially the military virtues of the Scots” (*ibid.*, 18). Dh’aithnich MacGill-Eain ge-tà gu robh an teama de dh’às-imrich agus fuadaichean a’ nochdadh mar chuspair mòr air cùlaibh bàrdachd MhicDhùn-Leibhe (*ibid.*, 1-2). Mar sin gheibhear am moladh bu chliùitiche air na dàin far a bheil MacDhùn-Lèibhe a’ coimhead air cor na h-Alba ri linn-sa. A’ bruidhinn air ‘Fios thun a’ Bhàird’ tha MacGill-Eain ag ràdh, “it is perhaps the finest poem of the century and [...] quite unmistakable evidence that, whatever he generally was, Livingston is not a minor poet” (*ibid.*, 12). Faisg air crìoch an sgrùdaidh aige tha MacGill-Eain ag ràdh “his passionate contemplation of the Highlands in his own day [...] just misses being great poetry because it is slightly rhetorical, but I suppose that is a failing which is inherent in the nature of all political poetry” (*ibid.*, 18).

Tha dà dhàn air an sgrùdadh sa phàipear aig MacGill-Eain, ‘Cuimhneachan Bhraid-Alba’ (MacDhùn-Lèibhe, 1882, 120-32) agus ‘Còmhraidh air Fàsachadh na Gàidhealtachd’ (*ibid.*, 176-81), a tha

ceangailte ri bàrdachd a nochd às an dèidh. Chleachd MacDhùn-Lèibhe measgachadh de dhiofar mheataireachdan airson nan ‘Cuimhneachain’ agus cruth cumanta an naoidheimh linn deug, an còmhradh, san dàrna dhàn, gus meòrachadh air cor na Gàidhealtachd. Tha a’ chiad chruth a’ toirt cothrom dhan bhàrd guth coimhearsnachdail a chruthachadh am measg buairidhean an naoidheimh linn deug. Tha an ‘Còmhradh’ a’ cleachdadh ìomhaigheachd coltach ri cuid bhon Chuilithionn, a’ ceangail an Diabhal, droch ainmhidhean is tachartasan fearainn, leithid:

Is gann a gheibhear air fad na talamhainn  
 Samhladh ghair o ’n Diabhul  
 A rinn fàsach de Thìr nan Gàidheal  
 Fhaic thu ’n taistealach  
 Luingneach sin thall.  
 ’S gach fear eile dhiubh! Biadh na croiche,  
 Alach nan *Crain* Sasunnach! (MacDhùn-Lèibhe, 1882, 179)

‘S chì mi an t-Eilean mór ’na luban,  
 Gurrach feannaig air gach dún ann  
 Feannagan dubha, boga claona,  
 Ar léo gur h-iolaire gach aon dhiubh;  
 [...]   
 ’S e an Diabhal fhèin a thog am mùr seo  
 a chur air falach Rubha ’n Dùnain  
 is Fear Dhùn Bheagain ann a’ rusgadh,  
 MacLeòid air cùl nan naomh a’ spùilleadh,  
 A’ togail tuatha ’s a cur bhrùidean; [...] (MacGill-Eain, 2010, 33)

Tha MacGill-Eain cuideachd a’ moladh na dòigh stròfach sa bheil MacDhùn-Lèibhe a’ sgrìobhadh, stèidhichte air na seann mheataireachdan ach le barrachd *enjambement* agus *caesura* rin cluinntinn agus gu dearbh, tha MacGill-Eain anns *An Cuilithionn* agus *Dàin do Èimhir* a’ sealltainn buaidh adhartas meatrachdail MhicDhùn-Lèibhe:

“The masterly use of the strophes gives an edge reminiscent of Iain Lom or John Roy Stewart, an edge which the formlessness common in Livingston’s verse fails to achieve.” (MacLean, 1963, 11)

Thathas air mothachadh gu robh MacDhùn-Lèibhe air aon de na bàird a dh’fheuch ri slighean ùra fhosgladh do litreachas na Gàidhlig. Bha na dòighean-obrach aige leis an dàn fhada co-shìnteach ri beachdan MhicGill-Eain nuair a rinn e *An Cuilithionn* is e den bheachd gu robh an dàn fada le sgruan



lioraiceach na mheadhan èifeachdach airson conaltradh bàrdail. Canaidh e mun dàn fhada as fheàrr leis le Mac Dhùn-Lèibhe gur e “more of a medley in form than any of the rest” (*ibid.*, 1) ’S e Dòmhnall Mac Chalum (1925) am bàrd san tràchdas seo a lean eisimpleir foirmean MhicDhùn-Lèibhe san dòigh as soilleire le *Domhnallan*: iomadh guth air aithris tro mheadhan aithrisear, a’ cleachdadh sgeulachd bho linntean cian gus puing phoilitigeach a thoirt dhan latha san robh an t-ùghdar beò. Rinn Iain MacCormaig (1860-1947) oidhirp eile air dàn cogaidh stèidhichte air ‘Blàr Inbhir-Chèitein’ (c.381 sreath) aig toiseachd an fhicheadaimh linn, a tha cuideachd a’ sealltainn buaidh MhicDhùn-Lèibhe air dàin fhada an fhicheadaimh linn. Airson nam bàrd eile ge-tà, bha an dàn fada eachdraidheil a chleachd MacDhùn-Lèibhe a’ toirt sealladh dhaibh air slighe a b’ urrainnear shiubhal, ach nach robh iad deònach a leantail. Agus mar sin bha buaidh MhicDhùn-Lèibhe ri fhaicinn anns an dàimh eadar beachdan poilitagach, moralach agus an dàin fhada, agus feart structarail neo dhà, seach anns na cuspairean cogaidh aige, sa mhòr-chuid.

### 3. Beachdan nam Bàrd air Poilitigs agus Litreachas

Thathas air fhaicinn gu robh amasan poilitheagach na bhrosnachadh cudromach an dà chuid do Mhac Mhaighstir Alasdair agus do dh’Uilleam MacDhùn-Lèibhe. Tha e follaiseach cuideachd, bho sgrìobhaidhean agus an eachdraidh bheatha, gu robh iad an sàs ann an deasbadan poblach an latha. Le sùil air corpas an tràchdais, tha e riatanach amasan nam bàrd a sgrùdadh a thaobh na h-obrach aca gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air mar a nochd am buidheann seo de dhàin. Ged a thèid sùil a thoirt air suidheachadh gach bàrd, far as urrainnear, anns na caibidealan a leanas, bhiodh e iomchaidh an dràsta bun-stèidh a chladhach de na beachdan aca air litreachas agus poilitigs san fharsaingeachd. Tha seo nas riatanaiche buileach oir tha e follaiseach gu bheil ceanglaichean ann eadar na bàird sa chorpas, nan cuid poilitigs agus nan cuid beachdan air litreachas. Bha dàimhean pearsanta agus proifeiseanta eatorra mar an ceudna, gu h-àraidh anns na h-irisean a bha gam foillseachadh agus ann an saoghal nan comunnan Gàidhealach, agus thèid cuid de na dàimhean seo a thaisbeanadh cuideachd. Bheir na seallaidhean seo air a’ cho-theacsa nas fharsainghe san deach an corpas a dhèanamh tuigse nas fheàrr dhuinn air carson a dh’èirich am buidheann seo de dhàin mun aon àm.

#### 3.1 Poilitigs agus na Bàird

’S e Dòmhnall Mac Chalum (1849-1929) am bàrd san tràchdas as motha a bha an sàs ann an strì an fhearainn, agus a choisinn cliù ann am poilitigs air ìre nàiseanta. Tha seo ceangailte ris an aois aige, is e ginealach nas sine na Moireasdan, Ros neo Mac Dhonnachaidh. Thug e fianais dhan Choimisean Napier as leth muinntir na sgìre agus e air a bhith na mhinistear ann an Arasaig airson dà bhliadhna (Breatainn. Pàrlamaid, 1883, 2088-2103). Ged a thuirt e nach robh e ach a’ taisbeanadh beachdan an t-sluaigh, o chionn ’s nach robh e air a bhith ach dà bhliadhna san sgìre, chìthear ùidh ann an cùis an fhearainn aig an ìre thràth sin. Chaidh a chur an greim (*Scotsman*, 1886, 8) air an 13mh den t-Samhain 1886 fo chasaid gu robh e a’ brosnachadh nan ìslean gu fòirneart agus gràin-chlas<sup>3</sup> ged nach deach a’ chùis air adhart dhan chùirt (Mac Chalum, 1912, 109). Bha e ag òraid gu tric air cùis an fhearainn agus a’ siubhal air feadh na Gàidhealtachd is e na “professing Christian socialist” (MacPhail, 1989, 105). ’S

---

<sup>3</sup> “inciting the lieges to violence and class hatred”

ann aig Beul Atha nan Trì Allt a bha aon de na coinneamhan a b' ainmeile den t-seòrsa seo, a chaidh a chuimhneachadh ann am bàrdachd Màiri Mhòr nan Òran (MacPherson, 1891). Rinn e aoir air aon de na h-uachdarain, Joseph Arthur Platt, ann an Leòdhas leis an òran 'Bodach Isgein' (Mac Chalum, 1912, 149-51) agus chaidh e fhèin is a ghnìomhan a mholadh le Murchadh MacIlleathain, bàrd à Bhàtairnis (Meek, 1995, 177- 9) . Nas anmoiche, bha MacGill-Eain (2011, 45) ga mholadh sa *Chuilithionn* agus tha Macilledhuibh (1999, xxvii) ga mheasadh mar “the most brilliant exponent of anti-landlordism in Gaelic verse.” Tha e soilleir mar sin gu robh cliù is deagh ainm aige a thaobh na poilitigs adhartaich a bha e a' cur air adhart.

Bha Dòmhnall Mac-na-Ceàrdaich cuideachd an sàs ann am poilitigs, ach ann an dòigh eadar-dhealaichte. Bha e na cheannard air freumh de Cho-Bhann Nàiseanta na h-Alba [Scots National League] (*Scots' Independent*, 1926, 11), buidheann a stèidhich Ruairidh Arascain is Mhàirr. B' e Arascain, fear-dheasachaidh Mhic-na-Ceàrdaich on a thòisich e a' sgrìobhadh gu poblach ann an *Guth na Bliadhna* ann an 1912. Sgrìobh Mac-na-Ceàrdaich coilbhean Gàidhlig san *Scots' Independent* (1928, 127) paipear a' Cho-Bhainn, an *National Party of Scotland* agus a' PhNA a nochd às a dèidh. Bha e air aistichean nàiseantach a sgrìobhadh cuideachd a leithid 'Cogais Nàiseanta' (1927), a nochd fo dheasachadh Hugh MacDiarmid, agus 'Dè tha Ceàrr?' (1930-31), a choimhead gu dlùth air suidheachadh na Gàidhlig.

Bha beachdan nàiseantach Mhic-na-Ceàrdaich a' cinntinn bho shuidheachadh na Gàidhlig mar a sheallas e ann an 'Cogais Nàiseanta'. Chrìochnaich e an aiste sin le: “Agus gun choguis nàiseanta Albannach, Ghàidhealach, Cheilteach, cha bhi sinn beò an riochd cinnich, agus chan eil anns gach buille a nì sinn ach fuaim fàs” (1930, 13). Mar sin tha fèin-aithne Ghàidhealach ag obair còmhla ri ìre Albannaich agus Ceiltich is Mac-na-Ceàrdaich den bheachd gu bheil na Gàidheil an cunnart dol à bith gun fèin-aithne nas treasa. Dhàsan tha suidheachadh nan Gàidheal a thaobh eilthireachd agus crìonadh luchd-labhairt a' fàgail gu bheilear a' tionndadh gu nàiseantachd gus fèin-aithne co-cheangailte ris a' chànan a leasachadh: “[...] gun teagamh 'sam bith 's e nàiseantachd cìoch altruim gach cànaire” (*ibid.*, 8-9). Tha nàiseantachd Albannach dhàsan a' tighinn bho na beachdan aige air a' chànan agus mar a bu

chòir a leasachadh: 's e am prìomh ùidh aige cor na Gàidhlig, ged a tha e ag aideachadh a ghràdh-dhùthcha nas fharsainghe airson Alba gu làidir ann an 'Dè tha Ceàrr'(Mac-na-Ceàrdaich, 1931, 191) cuideachd.

Cha ghabh poilitigs a sheachnadh ann am bàrdachd Shomhairle MhicGhill-Eain, agus tha na beachdan poilitigeach aige air aire sgoilearachd a chosnadh cheana, le cuid den fheadhainn as ùire a' nochdadh ann an Dymock (2008) agus MacKay (2010). Ach bhiodh gearr-chunntas feumail san dol seachad an seo, airson coimeis leis na bàird eile. Bha e na shòisealach aig aois 12, mu thimcheall 1923, (MacGill-Eain, 1985, 10) agus e air a thogail am measg sluaigh gu math creidmheach ann an Ratharsair. Bha a' ghinealachd nas sine, a bha air buairidhean strì an fhearainn agus ùpraid gnìomhachail air bruaichean Chluaidh fhaicinn, a' toirt buaidh làidir air na beachdan aige na òige (Dymock 2008, 19-20). Chuir Cogadh na Spàinne agus meudachadh cumhachd nan Nàsach iomagain uabhasach air is ged nach deach e dhan Spàinn (Hendry, 1986, 22-8), chaidh e dhan arm gu sgiobalta aig toiseach an Dàrna Chogaidh is e den bheachd gu robh feum mòr buaidh a thoirt air Hitler (*ibid.*, 22). Bha seo a' dol an aghaidh beachdan nan co-aoisean Nàiseantach aige, Deòrsa Mac Iain Deòrsa agus Douglas Young (Dymock, 2008, 37). Cha do ghabh e ri Marcsach oifeagach na Ruis agus cha robh e riamh na bhall den Phartaidh Chomannach (Maclean, 1970a, 11). Ann an 1944 ri linn gnìomhan an Airm Dheirg sa Phòlainn, is iad a' leagail leis na Gearmailtich Ar-a-Mach Warsaw a smachdachadh, thionndaidh e an aghaidh Stàilin agus Comannaich na Ruis air dha a' chùis a dheasbad le Sydney Goodsir Smith (*ibid.*). Bha na beachdan Clì aige a' dol còmhla ri nàiseantachd Albannaich mar a bha beachdan MhicDhiarmaid agus a' Bhoilseabhaich Iain MhicGill-Eain, Glaschu (Ross, 1986, 102); beachdan a bha co-sheasmach agus neo-chaochlaideach na bhàrdachd (MacKay, 2010, 72). Às dèidh a' Chogaidh bha e eadar na Partaidhean Nàiseanta agus Làbarach leis an taic taghaidh aige (Hendry, 1986, 28).

Tha Hendry (1986, 14) air argamaid gur e co-dhùnadh poilitheagach a bh' ann dha, gu ìre, a bhith sgrìobhadh sa Ghàidhlig. Bhiodh seo a' dol an dà chuid le beachdan MhicGill-Eain air bàrdachd choisrigte, "Iain Lom's famous words to Alasdair MacDonald, 'You do the fighting and I'll do the praising' I consider disgusting" (às-earrann ann an Ross, 1986, 92), agus leis na bha e an sàs ann an

cùis na Gàidhlig ri bheò. Tha e cuideachd coltach gu bheil na briathran ud co-cheangailte ris an leasachadh phearsanta aige, leis an eadar-dhealachadh eadar na gnìomhan aige ri linn Cogadh na Spàinne agus an Dàrna Chogaidh. A thaobh iomairtean poiliteagach ann an Alba, b' e an strì a bha e an sàs ann airson paipear Àrd-Ìre Ghàidhlig do luchd-ionnsachaidh aon de na gnìomhan a bu chudromaiche dha na bheatha (MacNeacail, 1986, 201) is seo na dheagh eisimpleir air mar a mhair ùidh a' bhàird ann am poilitigs Albannaich.

Bha Deòrsa Mac Iain Deòrsa na nàiseantach poiliteagach san aon dòigh ri Mac-na-Ceàrdaich. Bha Hay air a dhol an sàs anns a' bhuidheann bheag radaigeach An Comunn airson Saorsa na h-Alba ann an 1938 air dha a' bhana-nàiseantach ainmeil Wendy Wood (1892-1981) a choinneachadh; bha am buidheann seo air taobh "Bunaiteach" [*fundamentalist*] a' Phartaidh Nàiseanta agus le sin bha iad ag iarraidh neo-eisimeileachd shlàn is bhiodh iad an aghaidh a' Chogaidh sa bhitheantas. (Hay 2003, 465-66). Bha e cuideachd an sàs san *Young Scottish Nationalists* nuair a chaidh sin a stèidheachadh ann an 1939 (*ibid.*, 23). Tha na litrichean aige gu Douglas Young a' taisbeanadh mar a bha nàiseantachd aig cridhe nam beachdan sòisealta aige na òige, is e a' bruidhinn mu baile Rosyth, far an robh còmhstri poiliteagach a' dol air sgàth luchd-obrach Sasannach: "The Comunn airson Saorsa na h-Alba alone took the chance, and they have left the place a boiling pot of racial hatred (it will be given a stir frequently)" (iomradh ann am Hay 2003, 461). Bha e na nàiseantach fad a bheatha agus e na "Unofficial Gaelic bard" (Whyte, 1988, 119) don *Scots Independent* ron an reifreann ann an 1979.

Ghabh Mac Iain Deòrsa ri beachdan Douglas Young agus taobh Bhunaiteach a' Phàrtaidh Nàiseanta aig toiseach an Dàrna Chogaidh gun a bhith a' dol an sàs ann an cogadh às leth na Rioghachd Aonaichte. Sa gheamhradh 1940-41 bha e fo choille ann an Earra-Ghàidheil gus an do ghlacadh e sa Chèitinn (Hay, 2003, 470). Air dha feuchainn ri argamaid an aghaidh a bhith a' dol an sàs sa Chogadh fhuair e binn deich latha agus chaidh e dhan arm beagan às dèidh sin (*ibid.*, 471).

A bharrachd air na dh'fhuiling e mus deach e dhan arm, tha e coltach gur e na poilitigs aige a dh'adhbhraich an tachartas a thug buaidh gu math cruaidh air a bheatha às a dhèidh. Nuair a bha e san arm ann am Macedonia ann an 1946 bha na beachdan aige agus mar a bha e a' measgachadh le tuathan

na sgìre ga chur fa near do na buidheannan Taobh-Deasach a bha cumhachdach aig an àm. Ri linn buairidh air choreigin le gunnaichean agus sgianan, theab Mac Iain Dheòirse a bheatha a chall is na Taobh-Deasaich den bheachd gur e comannach a bh' ann, agus dh'adhbhraich seo, tha e coltach, buairidhean inntinn a mhair rè a bheatha air fad (*ibid.*, 483-84).

Ged a bha Dòmhnall Ruadh Mac an t-Saoir na nàiseantach cuideachd tha am fear-deasaiche aige, Somhairle Mac a' Mhaoilein, ag ràdh: "He took a keen interest in world politics, but strange to say he had very little time for party politics" (MacIntyre, 1968, xx). Tha Bill Innes, le fios bho nighean a' bhàird, ag ràdh ge-tà gu robh e an sàs ann am poilitigs nàiseantach aig àm Togail na Cloiche ann an 1951 (Mac an t-Saoir, 2008, xvi). Gheibhear taisbeanadh air na beachdan poiliticig aige na òrain: na h-òrain an aghaidh nam Faisisteach, na trì òrain air Togail Clach Sgàin ann an 1951 agus an aoir air an luchd-riaghlaidh, mar a chìthear ann an Caibideil 9. Tha e follaiseach gur ann bho shuidheachadh nàiseantach air an taobh chli a tha e a' sgrìobhadh, ged a bha e cuideachd a' moladh an teaghlach Rioghail, le maoinachadh bhon BBC (Black, 1999, liii). Coltach ris na bàird eile bha ùidh mhòr aige ann an cor na Gàidhlig mar a chìthear sna h-òrain aige air a' chùis mar 'Fàilte air na Gàidheil' (1968, 132-4).

Cha robh an corr de na bàird againn poiliticig san aon dòigh ach bha iad uile nan nàiseantaich chultaralach neo chànanachail, agus iad a' brosnachadh na cànan, ged nach robh sin a' toirt co-dhùnadh dhaibh air fèin-riaghlaidh.

Tha beachdan Aonghais Mhoireasdain ri fhaotainn na bhàrdachd. Ann an 'Alba Saor' taisbeanadh e miann airson Alba neo-eisimeileach (Morrison, 1929, 171-175) mar phàirt de dh'Impireachd Bhreatainn. San rann a leanas tha e coltach gu bheil e a' dèanamh iomradh air a' Cho-Bhann Nàiseanta, air neo an *NPS*:

Tha comhlan 'n ar duthaich  
 Ag iarradh le durachd,  
 Gu 'n tig Alba as ur gu  
 A Parlamaid fhein,  
 'S an deagh-ghean ri Sasunn,  
 Gach rioghachd gu aonaicht,

'S an Impireachd allail,  
'S an laghan g' an reir; (Morrison, 1929, 173)

Ann an 'Smaointean air Morachd Impireachd Bhreatuinn' (*ibid.*, 378-83) chìthear moladh fialaidh air an impireachd, nach eil a' dol an aghaidh na nàiseantachd Albannaich aige na bheachdsan:

Sinn dileas do ar Dia do 'n lagh 's do 'Chrun  
Bidh Breatuinn daingeann mar a' chreig nach aom. (*ibid.*, 383)

Gheibhear beachdan poiliteagach Neil Rois is Aonghais Mhic Dhonnachaidh anns *A' Ghàidheal*. Chum iad a-mach gu robh an iris "non-political. Its main object is a cultural one- to foster and maintain a language movement" ('Sop às Gach Sèid', 1923, 42). Ged a tha iad a' leantail orra is iad a' bruidhinn air an taghadh: "we certainly beseech every one of our members to use their influence in a patriotic fashion" (*ibid.*). Tha e soilleir mar sin gu robh iad a' smaoineachadh air cor na Gàidhlig ann am briathran nàiseantach. Nuair a bha e na fhear-deasachaidh air *A' Ghàidheal*, bha beachdan Rois air an taisbeanadh aig toiseachd gach iris, a bharrachd air na h-altan fo ainm. A bharrachd air taic sheasmhach airson ath-bheothachaidh Gàidhealaich chan eil teagamh gu bheil Ros agus Mac Dhonnachaidh a' leantail beachdan poiliteagach measarra airson an latha fhèin: "a bilingual person is all the better equipped to be an efficient citizen of the British Empire," (Ros, 1925, 191), argamaid nach biodh a' tighinn bho pheann Mhic-na-Ceàrdaich neo Arascain.

Tha beachdan Mhic Dhonnachaidh rim faicinn sna h-òraidean bliadhnail aige mar cheannard a' Chomuinn a bha air am foillseachadh sa *Ghàidheal*. Aig cridhe beachdan Mhic Dhonnachaidh tha na beachdan aige san òraid bho 1923: 'The twin pillars of the temple [of highland life] are the economic independence of the Highlanders on their native soil, and the perpetuation of their Gaelic language among Highlanders' (Robertson, 1923, 19). Bha Mac Dhonnachaidh air argamaid le BP Iain Mac a' Phearsain mu dheidhinn cor na Gàidhealtachd, gu h-àraidh eilthreachd, agus na Gàidhlig (*An Gàidheal*, 1923a, 34-5). Tha beachdan cinneachail agus dùtharra rim faicinn ann an cuid de dh'òraidean Mhic Dhonnachaidh: "this Gaelic soul carries a latent divinity, which must not be divorced from its native element, but wisely instructed and nurtured. Let us, therefore, be apprehensive that, in our fetish

for certain forms of modern education, we do not crucify the spiritual magnetism of racial instincts” (1926, 2-3). Feumar an cainnt àraid seo fhaicinn ann an co-theacsa traidisean nan sgrìobhadairean Matthew Arnold is Ernest Renan agus e làn àrdain chinneachail.

Chithear mar sin gu robh a’ mhòr-chuid de na bàird a’ sgrìobhadh bho shuidheachadh nàiseantach, an toiseach gu cultarail, agus an uair sin às dèidh abachadh Nàiseantachd Albannaiche sna tricheadan air adhart, gu poiliteagach. Bha ùidh aca ann an cor na cànaire agus gach fear a’ brosnachadh na cànaire na bhàrdachd, is cuid dhiubh ag iomairt air a son. A bharrachd air a’ bhuidheann a bha as motha an sàs sa Chomuinn Ghàidhealaich (Ros, MacDhòmhnuill, Mac Dhonnachaidh agus Moireasdan), tha e follaiseach gur ann bho shuidheachadh na taoibh Chlì a tha na bàird eile a’ sgrìobhadh, eadar Marcsach foghlaimte MhicGill-Eain agus co-ionnachas Daonnachdail Mhic an t-Saoir.

### 3.2 An Comunn Gàidhealach

Bha ceangal air choreigin aig a’ mhòr-chuid de na bàird (Mac Chalum, MacDhòmhnaill, Ros, Mac Dhonnachaidh, Moireasdan agus Mac an t-Saoir) ris A’ Chomunn Ghàidhealach, a bha ag obair gus Gàidhlig a leasachadh ann an Alba. Bha cuid de na sgrìobhadairean aig àrd-ìre sa bhuidheann mar oifigearan agus bha foillseachaidhean agus farpaisean a’ Chomuinn a’ toirt cothrom do na sgrìobhadairean an saothair a chuir an clò agus a thoirt gu aire an t-sluaigh. Tha D.I. MacLèoid (MacLeod, 1967, 14-19) air sealltainn mar a chaidh an Comunn am meud agus mar a bha daoine a leithid Neil Ros agus T. D. MacDhòmhnaill a’ dèanamh òraidean gus freumhan ùra a bhrosnachadh air feadh na Gàidhealtachd. Bha comainn eile, a leithid Comunn Gàidhlig Inbhir Nis, a’ brosnachadh nan sgrìobhadairean cuideachd, le cothroman òraidean a ghabhail neo aithne is cliù fhaighinn bho shuidheachaidhean urramach, mar a fhuair Somhairle MacGill-Eain.

Chithear anns na h-irisean as tràithe a bh’ aig a’ Chomunn, *An Deo-Gréine* bho 1905-06 fo dheasachadh Calum MacPhàrlain, gu bheil T. D. MacDhòmhnuill air ainmeachadh mar an fhear a bha os cionn sanasachd san iris (*An Deo-Gréine*, 1906-07, 139). Anns *An Deo-Gréine* ann an 1915 (6), chithear Dòmhnall Mac Chalum agus e air duaisean litreachail a chosnadh aig a’ Mhòd. Às dèidh dhan



Chomunn ainm na h-irise atharrachadh ann an 1923, dheasaich Neil Ros *An Gàidheal* far an deach cuid de na sgrìobhaidhean aig Moireasdan agus Mac Dhonnachaidh fhoillseachadh. Nochd lèirmheasan agus às-earrannan na dhuilleagan cuideachd, a leithid an fheadhainn air *Domhnallan* (*An Gàidheal*, 1925a; ‘Petit Blanc’, 1926). Bha irisean a’ Chomuinn mar sin, leis na cothroman fhoillseachaidh, na leirmheasan agus an t-sanasachd, gu math feumail do na sgrìobhadairean sna chiad deicheadan den fhicheadamh linn.

A thaobh nan dreuchdan oifigeil bha Mac Dhonnachaidh na Cheannard air a’ Chomunn Ghàidhealach eadar 1922 agus 1927, is e a’ stèidheachadh Crùn na Bàrdachd ann an 1923 (Black, 1999, 723). Bha Ros na dheasaiche air *A’ Ghàidheal* eadar 1923 is 1936 (MacLeod, 1980, 59) agus e a’ toirt an ainm ùir dha. Ann an Comunn Gàidhlig Inbhir Nis, eadar 1904 agus 1907, bha Moireasdain na rùnaire agus na ionmhasair (Black, 1999, 718) agus rinneadh MacGill-Eain na bhàrd urramach do Chomunn Ghàidhlig Inbhir Nis ann an 1945, suidheachadh a chum e ri bheò. A bharrachd orra seo chaidh Mac an t-Saoir a chrùnadh mar bhàrd a’ Chomuinn Ghàidhealaich ann an 1938 (MacIntyre, 1968, xxv). Mar sin chìthear gu robh suidheachadh a’ Chomuinn, agus Comunn Gàidhlig Inbhir Nis san aon dòigh, air aon de na h-aon dòighean cudromach a gheibheadh bàrd Gàidhealach aithne phoblach sa chiad leth den linn.

Ach bha trioblaidean aig a’ Chomunn mar an ceudna. Ann an 1915-16 sgrìobh T. D. MacDhòmhnaill aiste a’ dìomoladh a’ Chomuinn, a chaidh fhoillseachadh ann an *Guth na Bliadhna* ann an trì earrannan, an iris a mhaoinich Ruairidh Arascain is Mhàirr. Thaisbean seo mar a chaidh airgead a’ Chomuinn a chaitheamh; mar a bhris iad na riaghailtean aca fhèin aig na coinneamhan aca agus mar a bha iad air dhol air seachran bho phrìomh amasan a’ Chomuinn gus Gàidhlig a bhrosnachadh. Bha MacDhòmhnaill gu math cinnteach gun robh breunachd aig a’ Chomunn: “Tha gnothaichean mhì-riaghailteach a’ tachairt cho tric an cois riaghlaidh a’ Chomuinn ’s gu bheil e duilich cumail suas riutha” (1915-16, 315). Is cinnteach nach do chuir seo an dàimh eadar *GNB* agus an Comunn am feabhas.

Ach tha e coltach gun tug Mac Dhonnachaidh an Comunn air aghaidh is e na cheannard air sna ficheadan. Mar a chunnacas, chuir e fhèin agus Ros ainm ùr air an iris aca, *An Gàidheal*, a nochd ann an 1923. As t-Samhain tha aithris a’ sealltainn gur e Ros a mhol an t-ainm ùr, agus gur e T. D. Dòmhnallach a chuir taic ris, beachd a chaidh a ghabhail ris leis a’ mhòr-chuid (*An Gàidheal*, 1923, 28), ged a bha iad dìreach air ainm eile “Gàilig” fheuchainn airson aon iris (MacLeod, 1980, 59), le litreachadh Mhic Dhonnachaidh (*CaF*, xv). Chan eil dearbhadh air na h-adhbharan aca airson seo, ach tha e inntinneach gun deach ainm Fiannach a thrèigsinn airson fear cinneachail, is seo na dheagh shamhla air a’ ghluasad air falbh bho Chamhanaich tùs an linn gu nàiseantachd chultarail.

Tha e coltach gu robh sgaradh ann aig amannan eadar sgrìobhadairean le dlùth-cheangail ris a’ Chomunn agus buidheann Ruairaidh Arascain is Mhàirr, le cuid de na h-altan ann an *Guth na Bliadhna* agus *An Deo-Gréine* a’ càineadh càch a’ chèile. Tha iris den *Deo-Ghréine* mar eisimpleir a’ cur sìos air *GNB*, a bha ùr air a nochdadh a’ bhliadhna roimhe, mar “sectarian and political” agus e a’ riochdachadh beachdan nan “extremists” (‘Items of Interest’, 1906, 67-8). Ma dh’fhaoidte gur e seo aon de na h-adhbharan nach eil Mac-na-Ceàrdaich ri fhaicinn ach ann am foillseachaidhean Mhàirr, cha mhòr<sup>4</sup>, ged a bha na co-aoisean aige a’ nochdadh san *Deo-Gréine* neo *An Gàidheal* às a dhèidh. Bha Mac-na-Ceàrdaich, coltach ri MacDhòmhnail agus sgrìobhadairean eile *GNB*, air a’ Chomunn a chronachadh na shaothair: “Tha an Comunn so seachad air fichead bliadhna de dh’ aois, ach cha’n eil aige fhathast ach misneach, cail agus impidh a’ phàisde” (1916, 30).

Tha Kidd (2006) cuideachd air shealltainn mar a bha eas-aonta eadar sgrìobhadairean a’ Chomuinn agus luchd-litreachais eile, leithid an sgrìobhadair agus deasaiche Calum MacPhàrlain. Tha seo gu h-àraidh inntinneach leis gu robh MacPhàrlain an sàs sa Chomunn airson ceithir bliadhna deug mus deach iad a-mach air a chèile (MacBean, 1921, 94) air sgàth lèirmheis a rinn e air leabhair Mhic Dhonnachaidh *An t-Ogha Mòr* (1913). Chàin MacPhàrlain cainnt agus stoidhle an leabhair agus fhreagair Mac Dhonnachaidh le càineadh air Gàidhlig ionnsaichte MhicPhàrlain (Kidd, 2006, 202). Ach cuideachd chaidh fàilte a chur air *An t-Ogha Mòr* mar a’ chiad nobhail sa Ghàidhlig le Calum

<sup>4</sup> Tha trì pìosan sgrìobhaidh aige ann an J. MacDonald (1927) *Voices from the Hill* ach a bharrachd air sin chan eil e a’ nochdadh cho fad ’s aithne dhomh ann am foillseachaidhean a’ Chomuinn.

MacLeòid, Ceannard a' Chomuinn Ghàidhealaich ann an 1913, ged a bha *Dùn-Àluinn* le Iain MacCormaig agus air a dheasachadh le MacPhàrlain air nochdadh an toiseach (Kidd, 2006, 201-2); rud a chuir an fhearg air MacPhàrlain às leth MhicCormaig.

Chan e gu robh cogadh gun abhsadh a' dol eadar an dà bhuidheann ge-tà, oir mar a chìthear ann an lèirmheasan *A' Ghàidheil* (1925) air *GNB*, air uaireannan bha an cronachadh socair bho aon bhuidheann a' faighinn aithne agus fàilte bhon bhuidheann eile. Ach tha e coltach gu robh iad, san fharsaingeachd, a' riochdachadh beachdan eadar-dhealaichte sa choimhearsnachd Ghàidhealaich: bha an Comunn Gàidhealach, mar eisimpleir, gu math deònach taic fhaighinn bho uaislean, a leithid ban-uaislean nan Dòmhnallach ('Some of the Stall Conveners,' 1927) aig Fèill Mhòr a bh' aca ann an 1927, bliadhna às dèidh an Stailc Choitcheann. Aig an àm sin bha Mac-na-Ceàrdaich a' sgrìobhadh airson an *Scots Independent* agus bha MacGill-Eain mar-thà, aig aois 14, na shòisealach (MacGill-Eain, 1985,10)— cha bhiodh e na chùis-iongnadh nan robh coltas sean-fhasanta agus athaiseach air a' Chomuinn agus a chuid poilitigs.

### 3.3 Beachdan nam Bàrd air Litreachas

Dh'fhàg cuid de na bàird na beachdan aca air ealain, bàrdachd neo an dàn fhada ann an clò is bheir sùil orra sin tuigse nas fheàrr air na thug air na bàird dàin fhada fheuchainn. Tha bun-stèidh nam beachdan seo ag atharrachadh, ach do gach bàrd, a bharrachd air buaidh an dàn air an neach-leughaidh, bha amas poblach aig bàrdachd san fharsaingeachd; ged as e amas cinneachail, socio-chànanachail, poiliteagach neo oideachail a tha sin. Tha e coltach nach robh cus ùidh aca anns na beachdan easdatach a bha air nochdadh aig crìoch an naoidheimh linn deug (Baldrick, 1990) far nach robh cus spèis do thaobh moralta neo poiliteagach na bàrdachd. Chìthear gu robh buaidh bheachdan dualchasach air bàrdachd phoblach a' mairsinn ann an dòighean ùra maille ri draghan sòisealta aig gach bàrd, bho Mhac Chalum do MhacGill-Eain.

Sgrìobh Mac Chalum (1912a) alt a' gabhail beachd air bàird iomairt an fhearainn. Ged nach eil e ach a' dol tro chuid de na bàird a rinn òrain air cùis an fhearainn, is e a' fàgail Màiri Mhòr nan Òran gun

iomradh mar eisimpleir, gheibhear anns na molaidhean aige taisbeanadh air a bheachdan air dreuchd nam bàrd. Chàin e na ministearan a dh'fheuch bacadh a chur air rannaidheachd, ann an cainnt gu math làidir a leithid “joy-killing bigot” (*ibid.*, 144). Mar mhinistear san Eaglais Stèidhichte bhithte an dùil gu robh e a-mach air na Soisgeulaich, ach innsidh Mac Chalum (1917) mar a chaidh a mhagadh le ministear, a bha na cho-obraiche, o chionn 's gu robh e ri bàrdachd. Thug sin air bruidhear fhaicinn, le Dia a' cruthachadh an t-saoghail agus a' cur bòidhche na mheasg. Ach a bharrachd air a' bhòidhche seo tha Mac Chalum a' faicinn amas spioradail, cinneachail, poblach ann am bàrdachd:

No historian can show forth the awfulness of the suffering this people underwent, [...] the rousing of their souls in taking up arms against their cruel oppressors, temporal and spiritual, in such living, yea burning, language as is enshrined in the songs of this imaginative, affectionate, romantic people (Mac Chalum, 1912a, 145).

Tha buaidh nan Romansach ri fhaicinn anns na dòighean molaidh aige, ach tha e cuideachd a' sealltainn gu bheil Mac Chalum a' faicinn dreuchd phoblach aig bàrdachd. Nuair a bhios e a' coimhead air na bàird fhèin tha an aon seorsa dhòighean-measaidh ri fhaotainn. Canaidh e mu Mhurchadh MacLeòid, Sgitheanach: “In imparting courage to the suffering and in strengthening the hands of their deliverers in the time of the crofter agitation no one did more than Murdo MacLeod” (*ibid.*, 146). Agus thuirt e air Niall MacLeòid: “[his] glorious melodies have given us in time of trial much courage and strength” (*ibid.*, 145).

A bharrachd air cùis an fhearainn, bha cor agus litreachas na Gàidhlig cudromach do Mhac Chalum. A' bruidhinn air Eanraig “Fionn” MacilleBhain tha e ag ràdh: “No one [...] has done so much as he has done in rescuing songs of the highest order from oblivion and in setting them to suitable music” (*ibid.*, 146). Chìthear an sin aithneachadh air crìonadh cultar nan Gàidheal agus am feum a th' aca air iomairtean ealain gus an dualchas sin a ghlèidheadh. Ged a tha an t-alt sgrìobhte air bàird a bha ceangailte ri cùis phoilitigich co-dhiù, chìthear gu bheil guth brosnachail agus obair phoblach nam bàrd air aithneachadh; chan e meòrachadh fuar a th' anns a' bhàrdachd ach rud a bheireas taic agus a bhrosnaicheas iadsan a tha a' giùlan ana-cheartas.

A bharrachd air an t-sealladh seo air mar a bha Mac Chalum fhèin a' measadh bàrdachd, tha na h-eadar-theangachaidhean aige ann an *GNB*, leithid bhon Fhrangais aig Pierre de Ronsard (Mac Chalum, 1916) agus na dàin aige a' leantail nòsan bàrdachd litreachasan eile (Mac Chalum, 1917) a' sealltainn gu robh ùidhean ealain farsaing aig Mac Chalum. Tha seo na dheagh fhianais air eòlas air litreachas Eòrpach am measg nam bàrd seo aig toiseach an fhicheadaimh linn; feart nach robh an còmhnaidh air aithneachadh.

Tha beachdan Dhòmhnuill Mhic-na-Ceàrdaich air litreachas na Gàidhlig coltach ris na beachdan aige air suidheachadh nan Gàidheal san fharsaingeachd (Mac Leòid, 2012, 78): a' dol eadar cronachadh agus brosnachadh dian. Gheibhear taisbeanadh soilleir air na beachdan aige ann an 'Inbhe ar Bàrdachd' far a bheil e a' coimhead air cor litreachas na Gàidhlig agus mar a thèid a leasachadh. Tha Mac-na-Ceàrdaich den bheachd gur e “bàrd neach air an do bhuilich an Cruthadair buadhan araidh inntinn, meanmna, agus anma a tha a' toirt dha an Fhirinn Mhór a leirsinn agus fhaireachdainn” (1916a, 444) agus chithear ann an *LNSS* gu bheil a' bhun-stèidh seo ri fhaicinn ann an samhla an iasgair. Tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh às-earrann (*ibid.*, 444) bho *A Midsummer Night's Dream*, còmhla ri fear bho Pope, gus sin a dhearbhadh:

The poet's eye, in a fine frenzy rolling  
Doth glance from heav'n to earth, from earth  
to heav'n,  
And, as imagination bodies forth  
The forms of things unknown, the poet's pen  
Turns them to shape, and gives to airy nothing  
A local habitation and a name. (Shakespeare, 2005, 5.1: 67)

Thèid seo a leasachadh le ìomhaigheachd spioradail a' bhàird a' mìneachadh dreuchd phoblach nam bàrd:

'S e 'obair-san staid spioradail agus cheud-fathach, agus, maraon, chorporra, a cho-chreutairean a thogail à oiraich na diblidheachd, agus an seoladh le lòchran a sholuis gu mullach nam Beanntan Siorruidh ud air a bheil Soillse na Dearbh-Fhirinn a' dealradh gu brath (Mac-na-Ceàrdaich, 1916a, 452).

Tha amas spioradail na bàrdachd a’ cur an cuimhne beachdan Mhic Chaluim shuas air mar a chuidich na dàin an tuath ri linn Strì an Fhearainn ach aig ìre fada nas eas-cruthaiche. A bharrachd air a bheachdan air buaidh a’ Chruthadair air a’ bhàrd, a chaidh a shealltainn shuas, tha e a’ crìochnadh na h-aiste leis an abairt bhon Laideann “*Ad Maiorem Dei Gloriam*” (*ibid.*, 457) agus e den bheachd gu bheil na bàird, le bhith a’ togail inbhe nan Gàidheal len cuid saothair, a’ toirt barrachd glòir do Dhia an Cruthadair. Chìthear gu bheil co-theacsa spioradail creidmheach airson dreuchd nam bàrd cudromach ann am beachd an dà chuid Mhic-na-Ceàrdaich agus Mhic Chaluim.

A’ togail air na ciad-fathan aige tha Mac-na-Ceàrdaich ag argamaid gu bheil ùidh nas motha aig na bàird Shasannach san fhìrinn nam bàrdachd, co-dhùnaidhean a bhiodh aig MacGill-Eain agus Mac Iain Deòrsa nas anmoiche, an coimeas ri ceòlmhorachd nan Gàidheal (Mac-na-Ceàrdaich, 1916a, 446) ach tha e cuideachd a’ taisbeanadh slighean adhartais do litreachas na Gàidhlig. Tha Mac-na-Ceàrdaich a’ càineadh sreathan bhuadhairean ann am bàrdachd. Tha e cuideachd ag ràdh nach eil: “co-cheangal uasal sam bith aig bearradaireachd cainnte no sgaiteachas teangan ri adhbhar na fìor-fhìleachd, agus cho luath ’s gu’n treig sinn am beachd sin ’s ann gu mòr is fheàrr do’r litreachas” (*ibid.*, 449-50). A thaobh ciall nam briathran fhèin tha Mac-na-Ceàrdaich den bheachd nach eil briathran ach “mar shoithichean a’ giulain an eolais gu ruige ar tuigse-ne” (*ibid.*, 445). Ach a’ coimhead air samhachas nas fharsainghe, a tha na bheachdsan a’ ceangal an t-saoghail làthaireil ri Fìrinn bhithbhuan fo sgrùdadh a’ bhàird, canaidh e: “Tha a h-uile nì a’ laomadh: a’ cur thairis le brìgh agus ciallachadh” is tha e daingneachadh seo le cùplaid le Wordsworth (*ibid.*, 453).

Coltach ri sgrìobhadairean *An Gàidheil*, agus cuid de sgrìobhadairean an Ath-Bheothachaidh Albannaich, às a dhèidh tha Mac-na-Ceàrdaich a’ leantail Matthew Arnold is prionnsapalan cinneachail air an cleachdadh airson litreachais ùir. Tha e ag ràdh gur riatanach “‘Blas Ceilteach,’ leis gu bheil mi a’ ciallachadh seann-aidmheil agus seann-seanachas ar cinnich” (*ibid.*, 455). Agus ged a tha e ag argamaid le adhbharan follaiseach airson eòlais air na bàird a nochd romhpa gus litreachas na Gàidhlig a thoirt air aghaidh, tha seo air fhaicinn le sùil air “an Spiorad Cheilteach” (*ibid.*, 455-56). Cha robh Mac-na-Ceàrdaich a’ leantail beachdadairean air diofairean eadar cinneachan gun smaoin ge-

tà. Anns ‘An Sgoth Ghaidhealach’ (1917) gheibhear ionnsaigh gheur bhon innleadair-dealain air luchd-leantail Arnold a thaobh inntleachd nan Gàidheal, seach an cion *architectonicé* a dh’ainmich Arnold (1962, 345):

Tuigidh sinn nach robh an Gàidheal cho “glas” no cho mì-dhòigheil an seòl agus an alt ìnnleachdan ’s is toigh le feadhainn an diugh (iad féin nach deanadh, ma dh’ fhaoidte, spàin-lite) a chur as an leth (Mac-na-Ceàrdaich, 1917, 339)

Rinn D.I. MacLeòid (MacLeod, 1969) coimeas eadar ‘Inbhe ar Bàrdachd’ agus na beachdan aig Calum MacPhàrlain a nochd ann an *GNB* eadar 1908 (Am Foghar, 311-334) agus 1910 (An Samhradh, 223-236). B’ e seo a’ chiad uair a bha càrnan mòr de mheòrachadh anns a’ Ghàidhlig air litreachas a latha (MacLeod, 1969, 321). Tha MacPhàrlain ag ràdh nach eil e deònach dàn a chàineadh air sgàth ’s gu bheil e ag amas air rud ùr ann am bàrdachd air neo ’s gu bheil e fo bhuaidh dàin Bheurla: dà phrionnsapal a tha MacLeòid a’ moladh (1969, 321). Na choimeas eadar an dà sgrìobhadair, bha MacLeòid den bheachd gu robh Mac-na-Ceàrdaich tuilleadh is àrd-amasach an taca ri MacPhàrlain (*ibid.*, 322). Tha an ceangal eadar dutharrachd sgrìobhadh Mhic-na-Ceàrdaich agus an t-amas aige “blàs cheilteach” a ghlèidheadh, a’ cur MacLeòid an cuimhne air sgrìobhaidhean tràtha Yeats (*ibid.*, 323). Ged nach robh MacLeòid den bheachd gun do chuir Mac-na-Ceàrdaich na molaidhean litreachail aige an gnìomh gu soirbheachail, mhol e (*ibid.*, 323-4) an dà chuid adhartasan a’ bhàird agus cho geur ’s a bha a chuid bhriathrachais.

Mar a bhiodh dùil, gheibhear taisbeanaidhean air beachdan Neil Rois agus Aonghais Mhic Dhonnachaidh ann an duilleagan *An Gàidheal*. Leis gu bheil Ros na dheasaiche tha cuid dhiubh fo ainm-san, cuid dhiubh gun urra ach a dh’fhaodadh a bhith fo a pheann-sa, neo peann Mhic Dhonnachaidh neo neach air choreigin eile. Tha Ros (1923) a’ moladh agus a’ mìneachadh Crùnadh a’ Bhàird is e a’ dèanamh iomradh air an uidhir de chliù a bh’ aig a’ bhàrdachd o shean na bheachdsan:

Leis an nòs thlachdmhor so tha sinn a’ cur fa chomhair ginealaich an latha an diugh comharradh faicsinneach air an ìre iongantaich gus an tug ar sinnsir alt na bàrdachd. Is e sud an seadh eachdraidheil anns am bheil bàrd na ficheadaimh linn air an dlùth cheangal le dualachas ris na filidhean is na seanachaidhean o chian nan cian. Cha b’ann idir le tuiteamas ach le cruaidh shaothair a thugadh seann litreachas na Gàidhlig gu feabhas cho cliùiteach (Ros, 1923, 17-8).

Tha an t-ùghdar a' leantail air:

Tha ar nàdur daonnda miannach air urram [...] Agus nach bu mhath na 'm biodh an dealas dian agus a' chomhstri chliùiteach air am brosnuchadh as leth feabhas na Gàidhlig. Mhosgladh sud na bàird gu bhi a' mèorachadh air eisimpleir an sinnsir; [...] air sgèimh Naduir agus gu bhi a' cleachdadh an comasan mar is fheàrr is urrainn dhaibh gu litreachas is ceòl an dùthcha a thogail gu beatha nuaidh. (*ibid.*, 18)

Feumar mar sin bàrdachd a leasachadh agus àrdachadh an cliù gus ath-bheothachadh a chur air bhonn. Ge-tà, 's ann ann an samhachas a' chrùnaidh fhèin a bu mhotha a bha ùidh an sgrùdair, agus e ma dh'fhaoidte a' freagairt càineadh air choreigin mu dheidhinn a' chrùnaidh.

Tha earrann inntinneach eile ann far a bheil Ros ann am prìomh chobh na h-iris a' càineadh creidimh an naoidheamh linn deug ann an cainnt chinneachail: “Gu mi-fhòrtanach, dh'éirich gnè ùr de chrabhadh anns an naodhamh linn deug a thug sàruchadh do mhisneach a' Ghàidheil. Is ann o cinneach eile a thàinig an seòrsa cràbhaidh ud, gineil aig am bheil nàdur eadar-dhealaichte o nàdur a' Ghàidheil” (1924, 98). Bha beachdan coltach ri seo rim faicinn tràth san naoidheamh linn deug aig Daibhidh Stiùbhart a thuirt mu na Soisgealaich “From the baneful shades of these murderers of the muse, the light of song must fast retire” (Stewart of Garth, 1822, 124). Ri linn Rois fhèin nochd iad ann am beachdan Alasdair MhicGhillemhìcheil (1901, xxi-xxvii) sgrìobhaidhean Mhic Chalum (1912a, 114) agus, nas ainmeile, ann an sgrìobhaidhean nan nua-bhàrd. Ge-tà, tha e fhathast smaoineachail faicinn cho cumanta 's a bha am beachd air droch bhuidh an t-seòrsa creidimh seo, leis gur e ministearan fhèin, san Eaglais Stèidhichte, a bha ga cur an clò. Tha seo gu h-àraidh fìor leis gum biodh MacGill-Eain a' cur sìos anns na tricheadan air sgrìobhadairean a bha a' cur coire airson dol sìos cultar na h-Alba air a' Chreideamh Chlàireach, ag ràdh gu robh gu leòr dhiubh gun eòlas idir air a' chreidimh seo (1985, 1), dìteadh nach biodh iomchaidh do Ros neo Mac Chalum co-dhiù.

Tha beachdan Rois air nàiseantachd, cinnidhean agus litreachas air an taisbeanadh anns an aiste aige ‘Dàn-Cluich Cinneachail Gailig’ (1918) a chaidh a sgrìobhadh ri linn a' Chogaidh. Tha e a' mìneachadh a thìotal mar: “meur de litreachas a ghabhas cur an riochd, agus a tha aig an àm cheudna a deanamh ath-aithris eagnuidh air gach cor agus prìomh-chleachdadh ann an eachdraidh nan Gàidheal”



(*ibid.*, 41). Ged as ann mu dhèidhinn dealbh-chluichean a tha e, tha e a' riochdachadh nam beachdan aige air a' cheangal eadar cinneadh agus litreachas agus a' sealltainn buaidh litreachais mheadhan-thìrich air. Cleachdar eisimpleir litreachas na Grèige gus seo a thaisbeanadh: an dòigh san do chleachd na bàird-cluiche mar Aeschylus seann sgeulachdan airson tùs na h-oibre aca (*ibid.*, 41). A' bruidhinn air na cinnidhean tha e ag ràdh: “Tha crìoch nàdurach air a tarruing eadar cinneach is cinneach. Chithear an t-eadar-sgaradh ann an cainnt, an cleachdadh, agus an litreachas” (*ibid.*, 45). Gu cudromach nì e iomradh air Arnold is am beachd aige gu robh na Ceiltich eu-chomasach air “na gnè-oibre as àirde ann an inntleachd” (*ibid.*, 55) agus mar sin dealbh-cluichean: beachd a tha e a' dol an aghaidh gu mionaideach, mar a rinn Mac-na-Ceàrdaich shuas. Tha e a' dèanamh na h-argamaid cheudna ann an alt Beurla nas anmoiche (1926), ach tha e fhathast a' cleachdadh an t-seòrsa briathrachais cinneachail aig Arnold gus seo a dhèanamh.

Tha buaidh Arnold cuideachd aig cridhe na h-aiste aig Ros air ‘The Celtic Factor in Modern Scottish Literature’ (1925a). An sin tha Ros ag ràdh: “You can easily recognise the Celtic touch wherever you see it. Matthew Arnold, in his “Study of Celtic Literature” lays down the qualities by which the literary work of the Celt can be distinguished from every other type.” (1925a, 71) Ged a tha an aiste seo a' sgrùdadh buaidh nan Ceilteach air litreachas na Beurla ann an Alba, seach a bhith a' sealltainn nam beachdan aige air bàrdachd Ghàidhlig, chìthear fhathast taisbeanadh air cuid de na feartan as fheàrr leis ann am bàrdachd: “The outstanding Scottish poem of the twentieth century is entitled “The Gray Mother.” 'S ann le Lauchlan MacLean Watt (1867-1957) a tha an dàn impireil seo, stèidhichte air ìomhaigh de Bhreatainn mar mhàthair liath agus a clann a' bàsachadh air a son. A rèir Rois (1925a, 93): “What I wish to emphasise is the Celtic fire and vivacity that make the poem a living force.” Gun teagamh sam bith tha blas a' Chamhanaich Cheiltich air an dàn, còmhla ri gràdh-dhùthcha Bhreatannach a bhiodh tarraingeach do sgrìobhadair *Armageddon* ach a riochdaicheas a-rithist an sgaradh eadar Ros agus Mac-na-Ceàrdaich, mar eisimpleir, agus *An Gàidheal* is *GNB* san fharsaingeachd:

Lo, how they come to me,  
Long through the night I call them,—

Ah, how they turn to me.

East and South my children scatter,  
North and West the world they wander,

Yet they come back to me,  
Come, with their brave hearts beating,  
Longing to die for me, [...] (MacLean Watt, 1903, 1)

'S e Somhairle MacGill-Eain a ghluais sgrùdadh na Gàidhlig, fa-dheòidh, air falbh bho bhun-stèidh cinneachail. Bhiodh an t-oideachadh a fhuair e aig Oilthigh Dhùn Èidinn fon Ollamh Grierson a' toirt buaidh air an dòigh san robh e a' measadh bàrdachd, gu seachd àraidh leis cho farsaing 's a bha an t-eòlas litreachail aige, agus aig a charaidean George Davie agus James Caird (Dymock, 2008, 23-4). Ach cuideachd feumar aideachadh nach robh MacGill-Eain deònach am mòr-shluaigh a leantail (*ibid.*, 22) a thaobh nam beachdan litreachail aige, agus gu bheil am meòrachadh agus eòlas aige fhèin cudromach dhan adhartas seo ann an sgrùdadh litreachais na Gàidhlig.

Dh'fhàg MacGill-Eain, cuideachd, am measg nam bàrd againn uile, na beachdan a bu choileanta air bàrdachd agus air an dàn fhada, beachdan a chaidh a thaisbeanadh le MacKay (2010). Tha e soilleir nach robh MacGill-Eain comhartail leis an dàn fhada mar sheòrsa bàrdachd is e a' bruidhinn air "my strong, and still growing distrust of all 'long poems'" (MacLean, 1955, 7). Canaidh e nach eil iad ach na "necessity" (MacLean, 1985, 13). Chan eil seo stèidhichte air cion ùidh ann an dàn fada na shaothair: a bharrachd air 'An Cuilithionn,' tha 'Coilltean Ratharsair' (2011a, 55-69), 'Cumha Chaluim Iain MhicGill-Eain' (*ibid.*, 277-89), 'Uamh 'n Òir' (*ibid.*, 352 sreath, 295-315) agus 'Sgreapadal' (*ibid.*, 321-9) uile a' sealltainn gu robh ùidh aige mar sgrìobhadair fad a bheatha ann an dàn a bha nas fhaide am meud. Tha òraid air còig dàn Ghàidhlig (MacGill-Eain, 2008) a' riochdachadh ùidh ann am pìosan sgrìobhaidh nas motha cuideachd ged a tha e ag argamaid gu bheil bàrdachd Ghàidhlig lioraiceach "above all else" (*ibid.*, 28), agus mar sin tha a' *Bhirliinn* na "epic lyric" agus 'Beinn Dorain' na "sustained elaborate lyric" (*ibid.*).

Tha e soilleir gu bheil trioblaid fheallsanachail aige leis an dàn fhada, mar a chìthear na òraid. Tha MacKay (2010, 106) den bheachd gu bheil iom-sgaradh ann eadar dàn fada agus lioraic ann am

beachdan MhicGill-Eain agus gun teagamh chithear seo. Aig an aon àm, gheibhear MacGill-Eain ag aideachadh gum b' e, "the long medley with lyric peaks [...] the greatest form of our age" agus gur e eisimpleir 'A Drunk Man Looks at the Thistle' MhicDhiarmiad a dhaingnich e sa bheachd seo (MacGill-Eain, 1985, 11). Ar leam nach eil e ro shimplidh seo fhaicinn mar chochur eadar dà sheòrsa bàrdachd, rud a bhiodh tarraingeach do dh'fheallsanachd Mharcsach a' bhàird. A' gabhail beachd air dàin a' chorpais seo tha e follaiseach gu robh na bàird uile a' faicinn, fiù 's ro MhacGill-Eain gu robh feum orra na dàin an roinneadh ann an earrannan agus iad mar sin, aig ìre an structar, a' dol leis a' bheachd gu robh dàn fada na bhuidheann de dhàin nas giorra.

Chuir Deòrsa Mac Iain Deòrsa na beachdan litreachail aige an clò 'na litrichean agus san alt aige 'Gaelic and Literary Form' (Hay, 1939). Rinn Byrne (Hay, 2003) gearr-chunntas orra seo agus mar a chaidh an leasachadh. Tha e soilleir gu bheil beachdan clasaigeach agus athaiseach aige a thaobh na bàrdachd, is e a' bruidhinn air mar a bha bàird a leithid Aonghais Mhic Dhonnachaidh a' togail nòsan bhon Bheurla, agus cànanan eile:

It would be safe to make it a general principle that if the borrowing of a literary form... involves the jettisoning of any fundamental native characteristic, the borrowing will either have a bad effect or, if the native tradition is strong, none at all. And the fundamental characteristic of Gaelic poetry ... is a highly developed technique. (Hay 2003, 502)

Coltach ri Mac-na-Ceàrdaich (1916a, 455-56) agus òraidean MhicGill-Eain, tha e a' cleachdadh tùsan Gàidhealach airson a' *mhanifesto* bàrdail aige. Far a bheil MacGill-Eain a' moladh fìorachas mar phrìomh fheart bàrdachd Ghàidhlig, tha Mac Iain Deòrsa a' faicinn sgilean bàrdail, is e a' measadh comhardadh agus meataireachd nas àirde na bha Mac-na-Ceàrdaich (1916a). Coltach ri MacGill-Eain, bha Mac Iain Deòrsa a' coimhead air ais ro na fuadaichean airson feartan tùsail ann am bàrdachd Ghàidhlig, ach tha ùidh tòrr nas motha aige ann am bàrdachd Ghàidhlig chlasaigich na bh' aig MacGill-Eain. Bha fèill mhòr aig an dithist aca air na h-òrain le boireannaich, neo gu tric gun urra, a nochd an Linn nan Creach cuideachd.

Feumar aithneachadh cuideachd gun d' fhuair Mac Iain Deòrsa foghlam gu àrd-ìre ann an litreachas Meadhan-Thireach aig Sgoil Fettes Dhùn Èidinn agus Colaiste Corpus Christi, Ath-nan-Dàmh, agus gu robh seo a' toirt buaidh air mar a bha e a' measadh luach litreachas na Gàidhlig (Hay 2000, 2, 63). Bha e cuideachd air a' Ghàidhlig aige ionnsachadh na òige ann an Earra-Ghàidheal agus mar sin bha sealladh eadar-dhealaichte aige air dualchas a' chànain na bh' aig na bàird a chaidh a thogail san taigh-chèilidh, leithid MhicGill-Eain is Mhic-na-Ceàrdaich. Tha an "nuadh-chlasaigeachd" (*ibid.*, 62) seo a' toirt air a' bhàrd feuchainn air iomadh adhartas beumail: bho thùsan Gàidhealach, leithid ath-bheothachadh dàin dhìrich le atharrachadh gu bun-stèidh beumail (*ibid.*, 62) neo cleachdadh cruth "Caoinidh" ochd-lideach (*ibid.*, 66-67); agus bho thùsan cèin, leithid meataireachd Eadailtis ann am 'Bisearta' (*ibid.*, 151). Tha ceanglaichean ann mar sin eadar e fhèin agus Neil Ros a' sgrìobhadh ann an Cùplaidean Gaisgeal airson *Armageddon*, neo Mac Dhonnachaidh a dh'feuch air cruth clasaigeach an eacldìg le *Cnoc an Fhradhairc*.

### 3.4 Co-Dhùnadh

Tha e coltach mar sin gu robh na bàird seo gu mòr an sàs ann an diofar dhòighean sna deasbadaan litreachail agus poilitagach mu chuairt orra, agus bha ùidhean aca a shìùbhladh fad' air falbh bho chrìochan na Gàidhealtachd. A thaobh dìth thùsan chan eil an leithid de dh'fhios againn mu chuid de na bàird, ach tha ùidh ann an cor na Gàidhlig agus nan Gàidheal ri fhaicinn aca uile. Bha na draghan seo a' stiùireadh cuid de nàiseantaich a dh'ionnsaigh ùidh ann am Fèin-Riaghlaidh agus do thaobh Chlì poilitigs. Ach bha taic neo-cheasnaichte don Impireachd cumanta am measg bàrd eile cuideachd. A' coimhead air litreachas, shaoil na bàird an dà chuid gu robh feartan àraid agus cudromach ann an dualchas nan Gàidheal, ach cuideachd gu robh a' Ghàidhlig comasach air buaidhean a chleachdadh bho litreachasan eile gun chron sam bith oirre. Bha iad mar sin moiteil às an dualchas aca, ach deònach air an litreachas a leasachadh, air uairean le tùsan bho thall thairis, eadar meataireachdan Mhic Iain Deòrsa neo eadar-theangachaidhean Mhic Chaluim, Mhic-na-Ceàrdaich agus Mhic Iain Deòrsa.

Riochdaich a' gheàrr-chunntas seo cuid de na deasbadaan a bha ri chluinntinn sna bliadhnaichean ron 'Ath-Bheothachaidh Albannach', agus suas gu ruige an Dàrna Chogaidh. Bha nàiseantachd chultarail,

ann an riochd Albannach, Breatainneach neo Gàidhealach a' nochdadh sna deasbadan seo, is iad a' cleachdadh briathrachas cinneachail. Fo pheann nam bàrd as òige nochd ùidh ann an diofar dhòighean mheasaidh a leithid fìorachais agus slatan-tomhais co-aimisireil eadar-nàiseanta eile (m.e. ùidh Mhic-Gill-Eain ann am Benedetto Croce (MacKay, 2010, 106-07)). Tha e a' dearbhadh gu robh ùidhean poiliteagach, poblach aig na bàird a bha a' tionndadh dhan dàin fhada, agus chìthear san ath chaibideil gu bheil guthan agus teachdaireachdan poblach air a bhith na bhrosnachadh cudromach do na dàin fhada thar nan linntean.

**Na Dàin**

#### 4. Alagoraidh agus an Dàn Fada

Thèid alagoraidh a mhìneachadh ann an diofar dhòighean, le Teskey (2012, 37-40) ag aithneachadh gun tèid am facal a chleachdadh gus diofar bheachdan-smaoin co-cheangailte a riochdachadh. Tha Whitman (1987, 3-7) ag ràdh gu bheil alagoraidhean a' tighinn thugainn ò dà thùs is e a' dèanamh iom-sgaradh bunaiteach eadar cruthachadh alagorach [*allegorical composition*] agus mìneachadh alagorach [*allegorical interpretation*]. Thèid pìos sgrìobhaidh slàn, neo ìomhaighean is caractairean na bhroinn, a chruthachadh mar alagoraidh air neo thèid aig mìneachadh-teacs a alagoraidh(/ean) a ghiùlan far nach eil iad gu soilleir san teacs (Teskey, 2012, 37). Tha an t-eadar-dhealachadh eadar a' chiad dà bheachd-smaoin mar sin na eadar-dhealachadh a thaobh farsaingeachd agus ìre de chruthachadh-alagorach: 's urrainn do dh'ìomhaigh alagorach, gu math tric pearsonachadh de rud eas-cruthach, nochdadh ann an teacs nach eil na alagoraidh, leithid Tuigse anns an 'XXII – Choisich mi cuide ri mo thuigse' le MacGill-Eain (1943, 23). Eadar an dà dhiubh seo agus mìneachadh alagorach, tha buaidh an leughadair, a mheasas a rèir a bheachd fhèin a bheil alagoraidh ri fhaicinn ann an sgeulachd far nach eil feartan alagorach ro shoilleir: bhiodh turas Oduseuis ann an *Odusseia Homair* (MacGilleathain, 1976), a bha air fhaicinn mar turas an anama tron t-saoghal, na eisimpleir air seo (Teskey, 2012, 37). Ann an litreachas na Gàidhlig chaidh aig *BCR* air alagoraidhean a ghiùlan is e a' sealltainn bheachdan air suidheachadh Chlann Raghnaill às dèidh Chùil Lodair (m.e. Black, 2007, 119-22).

Cruthachadh Alagorach		Mìneachadh Alagorach
Alagoraidh Cruthaichte	Ìomhaigheachd Alagorach	---
<i>LNSS</i>	"Tuigse" MhicGill-Eain	<i>BCR</i> mar bheachdachadh air suidheachadh Chlann Raghnaill

Clàr 3 – Alagoraidh agus Litreachas na Gàidhlig

Tha trì dàin, *LNSS*, *Domhnallan* agus *Aeòlus*, gu follaiseach nan eisimpleirean air cruthachadh alagorach agus a' sealltainn cuid de na sgairidhean agus feartan a tha am foirm sin a riochdachadh. A bharrachd air sin chaidh aig *A' Chuilithionn* air mìneachadh alagorach a ghiùlan san obair aig Dymock (2008). Ach 's ann air *LNSS* as motha a choimheadar sa chaibideil seo: bidh e feumail sùil a thoirt air

*Domhnallan* fa leth leis gu bheil alagoraidh air a riochdachadh ann an dòigh eadar-dhealaichte san dàn ud. Thèid iomradh a dhèanamh air *Aeòlus* far a bheil e iomchaidh. Airson a' mheòrachaidh agus an sgrùdaidh a leanas, thèid na beachdan aig Teskey (1996, 2012), Whitman (1987) agus Frye (1957) a chleachdadh.

Gheibhear tùs an fhacail 'alagoraidh' sa Ghrèigis Arsaidh (*eile* agus *labhairt*, *allo* is *agora* (Whitman, 1987, 263)); gheibhear 'seach-labhradh' ann an Dwelly (1994, 795)). Tha seo a' dealbhachadh cridhe an sgaraidh a tha co-ceangailte ris an fhacal, iom-sgaradh eadar ciall na chaidh a ràdh agus na faclan a chaidh a labhairt. Rinn Whitman (1987) taisbeanadh air cuid de na trioblaidean feallsanachail a tha stèidhichte ann an cruth na h-alagoraidh. Leis gu bheil an alagoraidh ag ràdh aon rud is a' ciallachadh rud eile tha cunnart ann bho gach taobh: gum bi an alagoraidh ro dhoilleir, agus cus obair aig an leughadair ri dhèanamh gus an alagoraidh a ghlèidheadh tron teacsa air fad; air neo gum bi an alagoraidh cho faisg air ciall làitheil nam faclan is nach bi ciall aice a bharrachd air a' chiall litreachail (*ibid.*, 6-8). Bheir alagoraidh seachad ìomhaighean agus beachdan a sheallas gu dè na co-theacsaichean a chleachdar gus mìneachadh a dhèanamh (Teskey, 2012, 37). Bidh iad seo, gu tric, ag ath-chleachdadh ìomhaigheachd, iomraidhean agus cruthan bho litreachas na h-alagoraidh bho na Clasaigs Mheadhan-Thìreach air adhart (*ibid.*). Tha seann litreachas agus dualchas a' chruth mar sin gu math cudromach airson alagoraidhean ùra. Chìtheas ceanglan leantainneach coltach ri siud a' nochdadh sa Ghàidhlig cuideachd gu h-ìosal. 'S e an leughadair a dh'fheumas na mìneachaidhean seo fheuchainn, feuch a bheil iad seasmhach gu leòr neo a bheil sgaradh ro mhòr eadar am mìneachadh agus ciall nam briathran fhèin. (Teskey, 2012, 37)

Sa mhìneachadh theòiriceil aigesan air alagoraidh tha Teskey (1996, 8-9) a' cleachdadh eisimpleir bho fheallsanachd-nàdair, is e ag argamaid gu bheil an alagoraidh a' cleachdadh dinneadh neart, gus ciall ùr a thoirt do rudeigin bhon t-saoghal nàdarra: 's e sin, na chaidh a ràdh gu follaiseach. Leis gu bheil alagoraidh a' cleachdadh naidheachd [*narrative* san t-seagh seo] gus ciall nas doimhne a thoirt seachad tha an naidheachd sin agus a' chiall an-còmhnaidh sgaraichte: tha a' chiall a' giùlan cliù nas àirde mar



phrìomh teachdaireachd a' phìos ealain, agus tha an naidheachd a' giùlan nan trioblaidean a th' ann le bhith a' feuchainn ris an dà dhiubh seo a chur còmhla.

Tha Teskey (1996, 14) a' leantail an t-seòlaidh thorraich seo, is e ga cheangal ri feallsanachd Phlato is Teòric nan Cruthan, agus an ionnsaigh a thug Nietzsche air na beachdan sin (*ibid.*, 168-70). Feumaidh ciall susbaint a chleachdadh air a shon fhèin ma tha teachdaireachd gus an leughadair a ruighinn. Tha alagoraidh a' sathadh ciall air stuthan bhon t-saoghal nàdarra neo-riaghailteach gus òrdugh a stèidheachadh (*ibid.*, 2); is tha e mar sin a' cur Cruth, san t-seagh Phlatanach os cionn saoghalachadh a' Chruth sin. Tha aire leughadair na h-alagoraidh air a tharraing nas àirde is nas àirde a' coimhead air diofar ìrean de chiall an dàin, agus ciall dhaingeann stèidhichte an-còmhnaidh beagan nas fhaide air falbh (*ibid.*, 5). Thugadh Teskey an aonadhachd [*singularity*] air a' phuing do-fhaicsinneach seo a tha a' tarraing aire an leughadair ga ionnsaigh agus a tha a' ceangal ciall pìos sgrìobhaidh gu Ciall Iomlan, neo an *Logos* (*ibid.*). Fàgaidh an gluasad seo sìor-mhìneachadh ann an inntinn an leughadair mar a' phrìomh bhuaidh ealanta a th' aig an alagoraidh (*ibid.*, 4). Tha an dàn mar sin Logo-Meadhanach ann am briathran Derrida, (Teskey 1996, 3), structar a tha a' riochdachadh ciall stèidhichte ann an Aonachd, mar as trice Dia, am broinn cruinn-cè neo-riaghailteach (Baldick, 2008, 191).

Tha teòiric Teskey gu math iomchaidh gus *LNSS* a sgrùdadh: tha an dàn fhèin stèidhichte gu follaiseach air mar a thèid òrdugh a chur air saoghal gun riaghailtean, is Dia a' cur crìoch air an stoirm. Chleachd Mac-na-Ceàrdaich structar a tha a' toirt air an leughadair a bhith a' coimhead nas dlùithe air an dàn feuch a bheil ciall nas doimhne ann, mar an aonadhachd a tha an-còmhnaidh taobh thall na faire. Mu dheireadh, tha Bàrd na Leideig a' soilleireachadh a' chùis le Dia uile-chumhachdach a' foillseachadh fheart gu follaiseach thar nàdair gus òrdugh agus ciall a chur air ais air talamh. Mas e is gu bheil a' chrìoch seo caran neo-shàsachail, tha sgrùdadh Teskey a' toirt dhuinn adhbhar feallsanachail air a shon, gu bheil òrdugh stèidhichte air an aon rud neo-chaochlaideach a nochdas aig deireadh an sgeòil, a bharrachd air na draghan a chinneas bho chrìoch *deus ex machina* cho follaiseach.

## 4.1 *Là nan Seachd Sìon*

Ann an *LNSS* le Dòmhnall Mac-na-Ceàrdaich (1915-16), dàn a chaidh fhoillseachadh ann an earrannan ann an *GNB*, tha am bàrd a' cruthachadh alagoraidh ioma-fhillte far a bheil trioblaidean a latha a' nochdadh beag air bheag ann an naidheachd stèidhichte air stoirm mara. Tha briathrachas agus ìomhaigheachd an dàin a' cur diofar ùidhean a' bhàird fa near dhan neach-leughaidh: gu h-àraidh creideamh, tuigse agus cogadh. Leis gur e dàn creidmheach a th' ann, tha seo ga cheangal ris an litreachas mhòr de dh'alagoraidhean a bha a' coimhead air gnothaichean creidmheach agus an dualchas mhìneachaidh alagorach a gheibhear leotha. Le sùil air a' cho-theacsa, ar le Tambling (2010, 73) gu bheil ceangal dlùth, mar as trice, eadar buaireadh spioradail, pearsanta neo eachdraidheil agus an alagoraidh is gu dearbh b' urrainnear sin fhaicinn ann an suidheachadh Mhic-na-Ceàrdaich: sgrìobhadair òg ann an cultar cèin Lunnainn ri linn àr a' Chiad Chogaidh. Ach sa chiad dol a-mach b' fhiach sùil a thoirt air mar a chruthaich Mac-na-Ceàrdaich an dàn agus beachd a ghabhail air dè cho cinnteach sa tha an alagoraidh na bhroinn.

Tha an dàn na thuairisgeul air stoirm a tha a' bualadh Eilean Bharraigh. Le sin tha Mac-na-Ceàrdaich a' dèanamh tuairisgeul fada air na diofar ìrean den stoirm, agus a' bhuaidh aig seo air na Barraich, air an cuid bheathaichean agus air an àrainneachd. Ged as e naidheachd na h-*Ealasaid*, sgoth-iasgach à Bagh a' Chaisteil, a' phrìomh sgeulachd a thèid aithris san dàn, chan eil e a' gabhail cus de na sreathannan idir ach a-mhàin aig teas-meadhan an dàin, Earrann III, agus sa cho-dhùnadh: dà àite cudromach. Tha am bàrd mar sin a' toirt seachad tòrr a bharrachd bhriathran air an stoirm fhèin agus, le sùil fharsaing, buaidh na stoirm air tìr. Ach 's ann le sùil air an *Ealasaid*, agus mar a thèid a sàbhaladh, a gheibh sinn sealladh air cumhachd Dhè thar nàdair, aon de phrìomh chuspairean an dàin, fear a tha ri fhaicinn ann an *Àeolus* Mhic an t-Saoir mar an ceudna.

### 4.1.1 Buaidhean agus Iomraidhean

Tha *LNSS* na dheagh eisimpleir air mar a tha na dàin fhada a' cleachdadh dàin fhada eile mar bhrosnachaidhean-ealain, agus gus iomraidhean a chleachdadh a leasaicheas a' bhuaidh aca air an leughadair. Tha neart na stoirme agus meud a taisbeanaidh a' cur na *Birlinn* an cuimhne an leughadair: gun teagamh bha sin fa near dhan sgrìobhadair, aig an robh deagh eòlas air sgrìobhaidhean Mhic

Mhaighstir Alasdair (Mac Lèoid, 2012, 132-33). Chleachd an Dòmhnallach birlinn le sgioba de ghaisgich ach tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh ìomhaigh nas iriosaile, an sgoth-iasgach, a tha nas beartaiche a thaobh samhlachas Crìosdaidh. Anns an dà dhàn tha comas gun àrdan aig an sgioba (MacDhonnail, 1776, 153-60) ged a tha a' mhuir air a taisbeanadh le neart nas treasa buileach. Chan eil Dia a' cur crìoch air an stoirm anns a' *Bhirlinn*: tha an stoirm air a pearsonachadh is i a' cur stad air an strì, mar thè a' carachd ri fear nas laige ach nach eil deònach gèilleadh, samhla a chaidh a chruthachadh faisg air toiseach an dàin:

Do cheile cobhraig air tìr,  
Mar faichd e thu cìntin taigh,  
'S doiche e bhogachadh fàn fìrith,  
Na chintin iddir nì 's brais, (*BCR*, 148)  
[...]

Ach nar dhairlich air an fhainge,  
Torft oirn ftrìochdadh,  
Ghaibh i truas le faite gaire,  
Roinn i fìth ruinn. (*ibid.*, 164)

Ged a tha creideamh cudromach san dàn, le prìomhachas air ùrnaigh sa chiad dà earrainn (*BCR*, 146-8) agus buidheachas air a thoirt gu Dia aig a' chrìoch (*ibid.*, 165-6), 's ann ann an *LNSS* a thèid prìomhachas creidimh a chur gu soilleir fo aire an leughadair le buaidh follaiseach aig Dia air gnothaichean saoghalta.

Leis a' chruth aig *LNSS* de sheachd earrannan, stèidhichte air rannan ceithir-sreathach agus le ìomhaigh àraid an t-seann mhairnealaich aig tùs an dàin, tha Mac-na-Ceàrdaich a' cruthachadh ceangal ri dàn bho litreachas na Beurla, 'The Rime of the Ancient Mariner' le Samuel Taylor Coleridge (1997, 48-67). Tha D. I. MacLèid (MacLeod 1969, 325) ag ràdh gu robh Mac-na-Ceàrdaich fo bhuaidh William Wordsworth san fharsaingeachd na obair; leis an dàn seo tha e nas coltaiche gu robh e eòlach air caraid Wordsworth, Coleridge. Cuiridh Mac-na-Ceàrdaich aire an leughadair a dh'ionnsaigh dàn Coleridge leis a' chiad loidhne den dàn aige: "Leugh treubhaich aosmhor nan tonn" (310). Ma choimheadar air dàn Coleridge is ma thathar deònach gabhail ris mar theacsa a tha toirt buaidh air

*LNSS* is a leasaicheas ar tuigse air *LNSS*, chithear gu bheil crìoch an rò-ràidh a chuir Coleridge ri a dhàn ag ràdh:

Meanwhile, however, we must be on the watch for the truth, keeping a sense of proportion so that we can tell what is certain from what is uncertain and day from night. (Coleridge, 1997, 49)

Tha seo a' tighinn bho leabhar feallsanachail a sgrìobh Thomas Burnet (c.1635-1715) creideòlaiche Sasannach (Madelbrote, 2008), is tha an sireadh-òrduigh seo a' toirt taic do aon de na leughaidhean a gheibhear air *LNSS*: 's urrainnear an dàn fhaicinn mar oidhirp a bhith a' taisbeanadh saoghal gun òrdugh feumach air rèiteachadh Dhè. Tha e cuideachd ann an co-sheirm le beachdan Mhic-na-Ceàrdaich air dleastanas nam bàrd, mar a thaisbeanar le sùil air 'Inbhe ar Bàrdachd' ann an Caibideil 3.3.

San aon dòigh 's a tha *LNSS* a' toirt oirnn a' *Bhirlinn* fhaicinn ann an seadhan eadar-dhealaichte tha *Aeòlus* mar an ceudna a' toirt oirnn *LNSS* ath-sgrùdadh. Leis gu bheil *Aeòlus* a' taisbeanadh taobh phoilitigeach nas fhollaisiche na a' mhòr-chuid de *LNSS* agus *BCR*, neartaichidh e na ceangalan eadar na dàin seo agus an co-theacsa saoghalta. Ann an *Aeòlus* tha co-shìneadh follaiseach eadar na trì diathan pàganach agus deachdairean na h-Aisle (Bill Innes, ann am Mac an t-Saoir, 2008, xix). Tha seo ga dhèanamh na alagoraidh air miann-chumhachd agus arra-ghlòir nam Faisisteach an coimeas ri buaireadh an tuath Uibhisteach agus nan seòladairean Lochlannach. Bha na diathan pàganach gu tric air an cleachdadh mar alagoraidhean le sgrìobhadairean Crìosdaidh mar eisimpleir san Ath-Bheothachadh Eòrpach (Teskey, 1996, 78-82). Ma choimheadar air buaidh *LNSS* air *Aeòlus* tha Mac an t-Saoir a' cur cuideam beagan eadar-dhealaichte air na teamaichean aige. Gheibhear aon earrann ann an *LNSS* a b' urrainn a bhith na bhrosnachadh do dh'ìomhaigheachd toiseachd *Aeòluis*, le pearsonachadh na gaoithe le balg, a tha gus a ghaisge a thaisbeanadh:

Fhuair seann ghaoth lan chead a gaisge  
'Thaisbeanadh an gleachd nan dùl,  
Is builg a cleibh a' gealltainn taice  
'Chumail neartmhor air a cùl. (*LNSS*, 13, 109)

Ach leis gu bheil an ceangal ri poilitigs tòrr nas fhollaisiche ann an dàn Mhic an t-Saoir, chìtear gu bheil an aon seòrsa dàimh eadar *Aeòlus* agus *LNSS* 's a bha eadar *LNSS* agus a' *Bhirliinn*: buaidh dhìreach, fhollaiseach, ach le cuideam ga chur air cuspairean eadar-dhealaichte.

'S e am pìos sgrìobhaidh mu dheireadh a b' fhiach a ghabhail fo bheachd gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air *LNSS* pìos eile le Mac-na-Ceàrdaich: an sgeulachd ghoirid chlàiteach aige 'Lughan Lìr' (1921). Tha an sgeulachd seo a' coimhead air an aon seòrsa suidheachaidh, sgoth-iasgach aig muir a' seòladh tro shìantan garbha, ach tha Mac-na-Ceàrdaich a' toirt seachad barrachd fiosrachaidh mun turas mara agus fada a bharrachd mu na caractairean. Tha Mac-na-Ceàrdaich cuideachd a' dol nas doimhne ann an saoghal creidimh, agus an sgeulachd air a chur ann an suidheachadh aimsireil Crìosdaidh, eadar Fèill Naomh Anndrais agus an Nollaig. Thèid droch bheusan Crìosdaidh a phearsonachadh anns an sgioba: saoghaltas Eachainn Mhìcheil (*ibid.*, 73-5) agus dìth dòchas Chaluim Bhàin (*ibid.*, 78-9). Mar an ceudna gheibhear Cnò-Mhoire a tha air a briseadh am broinn dòrn a' phrìomh character aig àrd an sgeòil (*ibid.*), co-shìnteach ris an t-searraig de dh'uisge beannaichte ann an *LNSS* a tha air a dòrtadh nuair a tha an sgioba ann an cunnart. Tha Mac-na-Ceàrdaich (1921, 80) a' mìneachadh buaidh na h-Òighe Moire tro eadar-ghuidhe san sgeulachd, le eisimpleir gille òg 's a mhàthair. Tha ìomhaigheachd na màthar naoimhe a' nochdadh ann an *LNSS* cuideachd eadar "glan ùrnuigh" màthar ann an Earrann VI agus crìoch Earrann II:

Na paisdean laga 'g iarraidh blàis  
 Rì uchd am màthar teann 'g an clùth',  
 Is ise 'cronanaich le gràdh:  
 "O, dean ba-bà mo leanabh rùin." (*LNSS*, 12, 313-14)

Tha ìomhaigheachd an sgiobair air a thaisbeanadh cus nas soilleire ann an 'Lughain Lìr' mar an ceudna. Tha Dòmhnall Mac Eòin, "An t-Eun", a' riochdachadh sgiobair agus màirmealach os-nàdarra: tha eòlas aig an Eun nach eil aig càch, an dà chuid a' tighinn bho aois agus bho nàdar an duine. Tha am bàrd, tron character seo, a' ceangal a chuid bàrdachd ri saothair agus dualchas nan daoine leis an do thogadh e. Ann an 'Inbhe ar Bàrdachd', mar a chunnacas ann an Caibideil 3.3, gheibhear beachd Mhic-na-Ceàrdaich air a' bhàrd mar fhàidh, a leughas an Fhìrinn san t-saoghal is a tha ga thoirt seachad don

t-sluagh mu chuairt air. Co-shìnteach ri seo tha an sgiobair 's am màirnealach, ìomhaigh a tha a' nochdadh ann an dà de na pìosan sgrìobhaidh a bu chudromaiche aige, aig a bheil eòlas àraid air an t-saoghal nach fhaighear bho foghlam a-mhàin ach le dòigh fradhairc os-nàdarra agus bho eòlas dualchasach.

#### **4.1.2 As leth Alagoraidh – Iomagain-Mhìneachaidh agus Còdan Alagoraidh**

A' coimhead air *LNSS* fhèin, feumar dearbhadh cho fad 's as urrainnear gu bheil an dàn ag obair mar alagoraidh agus an dòigh sa bheil e a' dèanamh sin. Bha Teskey (1996) den bheachd gu bheil alagoraidh a' toirt seachad stiùireadh gus e fhèin a mhìneachadh (*ibid.*, 3) agus gu bheil an naidheachd neo-iomlan, air sgàth 's gu bheil e a' toirt oirnn a bhith a' sìor-mhìneachadh an teacs (*ibid.*, 4-5). 'S e iomagain-mhìneachaidh [*hermeneutic anxiety*] a thugadh air a' mhiann seo (Teskey, 2012, 37).

Cleachdaidh Mac-na-Ceàrdaich ìomhaigheachd rè an dàin a tha a' stèidheachadh iomagain-mhìneachaidh is a tha a' brosnachadh mìneachaidh alagoraich san leughadair; a tha a' toirt stiùireadh dhan an leughadair ciall nas doimhne a shireadh. Thèid seo a dhèanamh ann an diofar dhòighean: le ath-aithris chuspairean creidmheach anns an ìomhaigheachd, a tha a' dèanamh iomsgaradh le fìorachas ìomhaigheachd eile agus le buaidh fhollaiseach Dhè air an naidheachd a tha a' fàgail na sgeulachd caran neo-shàsachail. Cleachdaidh Mac-na-Ceàrdaich ìomhaigheachd a' chogaidh cuideachd, a tha a' cur an leughadair a dh'ionnsaigh a' cho-theacs co-aimsireil: rud a tha an strì shoilleir eadar nàdar neo-riaghailteach agus Dia sìtheil uile-chumhachdach a' dèanamh cuideachd.

Bidh na feartan agus na cuspairean seo a' cruthachadh alagoraidh ioma-fhillte a tha ag obair aig ìrean co-shamhlach ris na h-ìrean traidiseanta de dh'alagoraidh chreidmheach. Ach le bhith a' coimhead air mar as urrainnear ciall a chur air saoghal caochlaideach nàdair, tha e cuideachd na mheòrachadh air an alagoraidh fhèin mar chruth. Tha seo ga fhàgail mar dhàn cumhachdach a tha a' toirt dhuinn sealladh geur air iomcheist a linn agus trioblaidean feallsanachail. Le bhith a' coimhead air ìomhaigheachd an dàin gheibhear deagh thuigse air diofar ìrean na h-alagoraidh, is tuigse nas fheàrr air mar a tha iomagain-mhìneachaidh a' nochdadh.

### ***Còdan Ìomhaigheachd na h-Alagoraidh***

Tha ceangal ann eadar am bàta san dàn agus bàta aig a robh an t-ainm ‘An Ealasaid’ a bha a’ seòladh a-mach à Bagh a’ Chaisteil aig toiseach an fhicheadaimh linn,<sup>5</sup> agus mar sin ’s urrainnear an dàn a leughadh mar aithris air tachartas, air neo measgachadh de thachartasan fìora. Ach chìthear cuideachd san dàn gu bheil sùil aig a’ bhàrd air lèir-sgrios a’ Chiad Chogaidh, cuspair a nochdas na aistichean (m.e. Mac-na-Ceàrdaich, 1918). Tha ìomhaigheachd a’ chogaidh a’ nochdadh gu bitheanta sna h-earrannan deireannach den dàn. Co-cheangailte ri seo, tha na beachdan creidmheach aige tighinn am follais agus ar leam gu bheil iad seo ceangailte ri mì-chinnt inntinneachail a tha a’ nochdadh tron dàn is a thèid a shoilleireachadh aig a’ chrìoch. Tha sin a’ fàgail gu bheil an alagoraidh ag obair ann an co-dhiù ceithir diofar dhòighean:

<b>Eachdraidh san da-rìribh</b> Turas mara na h-Ealasaid	<b>Creideamh</b> Faic na ceithir taobhan gu h-ìosal ann an Clàr 4.
<b>Eachdraidh Shòisealta</b> Buairadh Sòisealta a’ Chiad Chogaidh	<b>Ciall am meadhan a’ Chogaidh</b> Call cinnt inntinneachail is spioradail ri linn Cogadh Iomlan.

#### **Clàr 4 – Ceithir Taobhan Alagoraidh Mhic-na-Ceàrdaich**

### ***Buaidh Dhè air Talamh***

Tha ìomhaigheachd an dàin agus na h-alagoraidh a tha ri fhaicinn innte a’ cleachdadh an dualchais Eòrpach de dh’ealain chreidmhich. A bharrachd air seo tha ceangailean gu math follaiseach eadar an dàn agus ìomhaigheachd a’ Bhiobaill air am biodh Mac-na-Ceàrdaich eòlach. ’S urrainnear, a’ leantail eisimpleir alagoraidh nam meadhan-aoisean, an dàn a làimhseachadh ann an ceithir ìrean, agus e ag obair ann an sgeama alagorach ceithir-thaobhach. Anns an litir aige dhan fhear-maoineachaidh aige, Can Grande della Scala, thaisbean Dante Alighieri (1966, 199) ceithir taobhan na h-alagoraidh Crìosdaidh is e ga cleachdadh gus rann bhon Seann Tiomnadh a mhìneachadh. Le bhith cleachdadh nan aon phrionnsapalan airson LNSS gheibhear:

<sup>5</sup> Bill Innes. Conaltradh pearsanta.

<b>Litearail</b> Turas na h- <i>Ealasaid</i>	<b>Creideamh - Moralta</b> Creideamh làidir mu choinneimh a' Chiad Chogaidh
<b>Alagorach</b> Buannachd Dhè an aghaidh bàs, le aiseirigh is a Dheasghabhail	<b>Anagogach</b> Crìosdaidh a' fàgail na talmhuinn agus a' dol suas air neamh.

**Clàr 5- Alagoraidh Cheithir-Thaobhach Thraidiseanta**

Tha seo a' toirt sealladh dhuinn air cho beartach 's as urrainn an dàn a bhith anns a cho-theacsa chreidmheach. Brosnaichidh Mac-na-Ceàrdaich an leughadair gus leughadh mar seo fheuchainn leis cho follaiseach 's a tha creideamh, mar eisimpleir san treas sreath: “Bu daingeann a chreideamh na chom” (*LNSS*, 12, 310). Nochdaidh an creideamh ceudna san stiùireamach, a tha co-dhiù co-samhlach agus ma dh'fhaoidte co-ionnann, ris a' mhàirnealach:

Mar neach le urras Fhlathanais  
Nach toireadh muir a bheatha dheth  
Rinn stiùramaich an achanaich  
Le creideimh daingeann treun,  
[...]  
Is thug iad [an sgioba] taing le bualadh uchd  
Do Bhuadhachair an Eig. (*LNSS*, 12, 429)

Tha ùrnaighean eile ann aig crìoch Earrainn V, “Dia bhi timchioll air gach crè | Tha nochd 'na èiginn air a' chuan” (*LNSS*, 13, 112) agus Earrann VI nuair a tha màthair leanaibh a' toirt air Dia stad a chur air an stoirm (*ibid.*, 14, 184). Chìthear le seo cho bunaiteach 's a tha creideamh dhan dàn.

Nuair a tha Mac-na-Ceàrdaich ag amharc nam beathaichean, tha e a' riochdachadh an dàimh dhlùith eadar iadsan agus Dia. Taisbeanaidh seo a' chruinne-cè mar annas-làimh a Fhear-Dhealbhachaidh agus dàimh eadar Esan agus na nìthean a b' ìsle:

'S gun chomhnadh miorbhuilt Rìgh nam buadh  
Cha d' èirich luibh bho'n uaigh so riamh  
[...]  
O, smaointich air gach creutair fann  
Air maduinn shamhraidh 'dhìreadh fiar  
'S o mhuallach duis bu leo mar chrann  
Gu taingeil dh'ìobradh rann d'an Dia (*LNSS*, 12, 313)



Anns an t-saoghal chruthachail aige, tha Mac-na-Ceàrdaich a' leantail a' bheachd aig Hugo Naoimh Victor bho na Meadhan Aoisean gu robh an saoghal na leabhar sgrìobhte le corraig Dhè (Teskey, 1996, 49). Bha seo stèidhichte air beachdan Naomh Augustine agus Eoghainn Scotus Erigena, le nàdar a' riochdachadh solas bithbhuan Dhè (*ibid.*). Tha mìneachadh bho shùil an dualchais Chaitligich seo beagan nas gèire ar leam, na am mìneachadh aig MacLèoid (Macleod, 1969) gu bheil Pan-Dhiadhas san t-seagh Romansach ann an sgrìobhadh Mhic-na-Ceàrdaich. Ged a tha buaidh nan Romansach ann gun teagamh, gu seachd àraidh ann an samhachas nàdar sna loraicean aige, chìthear gu bheil a bun-stèidh a' tighinn bho chreideòlas Chaitligich.

Tha earrann aige dìreach ro chrìoch na stoirme (ll. 621-640) a tha ag obair mar ath-chaibidealadh [*recapitulation*] is cuid den ìomhaigheachd aige air a h-ath-chleachdadh. Chìthear gu bheil ùidh agus comas aig Dia an dìon:

O, c'ait' an nochd bheil na h-eoin  
 Bu bheannaichte ceol do'm chluais? [...]  
 Na Ealasaid 's ceathrar fhear calm'  
 A bheil iad sin marbh no beo? [...]  
 Is c' àite bheil caoirich is feidh  
 'S gach beathach 'tha 'cheum air sliabh? [...]  
 Aig Dia 'tha fios air an càs,  
 'S do 'n urrainn 's len aill an dìon. (LNSS, 13, 183-4)

Chìthear gur e an t-annas bu mhotha san dàn am mìorbhail (san t-seagh gu bheil Dia a' taisbeanadh a chumachd air talamh) aig crìoch na sgeulachd. Aig crìoch Earrann VI, air dha màthair “glan-ùrnaigh” a chur suas gu Dia:

Fhuair iobairt bheannaicht' a crìdh  
 Lan airidh 'o Thì nan dùl,  
 Is dh' òrduich Esan fa-dheòigh  
 Grad-fhosadh na comhraig dhùir. (*ibid.*, 184)

Agus le sin tha camhanach an làrna-màireach air a taisbeanadh agus an stoirm air chrìochnachadh ann an Earrann VII. Leis gu bheil Mac-na-Ceàrdaich ag aithris a' cheangail-adhbharachaidh eadar ùrnaigh na màthar, gnìomh Dhè agus crìoch na stoirm chan eil teagamh ann a thaobh buaidh Dhè air a' chùis.

Aig crìoch Earrainn III (12, 429), bha crathadh an uisge bheannaichte air a leantail le dòrtadh uisge is na neòil air am briseadh mus do chinn iad ro mhòr. Ged 's ann às dèidh do dhòrtadh na searraig a stad an uisge, tha a' ghaoth ag èirigh às a dhèidh cuideachd, is seo a' riochdachadh ma dh'fhaoidte buaidh co-thuiteamas an àite buaidh Dhè, rud a tha Mac-na-Ceàrdaich a' dol às àicheadh gu cinnteach le buaidh Dhè ann an Earrainn VI. Leis gu bheil Mac-na-Ceàrdaich a' taisbeanadh mìorbhail chreidmheach cho follaiseach tha seo na chuireadh don leughadair an dàn fhaicinn mar phàirt de dhualchas de dhàin chreidmheach alagorach, is e na stiùireadh follaiseach eile gu bheil Mac-na-Ceàrdaich ri "seach-labhradh."

Tha samhachas a' bhàta a' dèanamh iomradh gu math follaiseach air iasgaireachd anns an Tiomnadh Nuadh agus air na h-iomraidhean a th' anns a' Bhìoball air turasan mara. Mar eisimpleir ann an Salm 107 (28-29) tha ìomhaigheachd a' bhàta san stoirm air a cleachdadh: "An sin glaothaidh iad ris an Tighearna 'n an airc agus as an teanntachdaibh bheir e iad. | Cuiridh e an doinionn gu fèith; agus bidh a tonnan 'n an tàmh." Tha Iosa cuideachd a' rèiteachadh stoirm sna Soisgeulan, is na h-abstolan aige, gu leòr dhiubh a b' àbhaist a bhith nan iasgairean, a' guidhe ris (Mata 8: 24-27; Marc 4 37-41; Lucas 22-25). Mar a sheall mi le Clàr 4, le beagan meòrachaidh chìthear gu bheil an dàn a' laighe gu cofhurtail ann an saoghal samhachail Crìosdaidh, saoghal a tha an dà chuid a' toirt cruth dhan dàn agus a chaidh a chleachdadh leis an dàn gus teachdaireachd ùr a chruthachadh.

### ***A' Chiad Chogadh***

Leis gun deach an dàn a sgrìobhadh sa Chiad Chogaidh tha e tarraingeach don leughadair sùil a thoirt air an dàn sa cho-theacsa sin. Tha sgeulachd an dàin a' cleachdadh ìomhaigh alagorach gu math àrsaidh a thaobh na stàid, bàta aig muir (Whitman, 1987, n7) is bhiodh seo na dheagh adhbhar na ceanglaichean eadar an *Ealasaid* san stoirm agus coimhearsnachd sa Chogadh a mheòrachadh. Ach a bharrachd air seo tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh ìomhaigheachd agus briathrachas a' chogaidh gus an ceangal seo a dhaingneachadh is a chur fa chomhair an leughadair.

Chan ann gus Earrann V a tha ìomhaigheachd a' chogaidh a' tighinn am follais gu soilleir, ann an dòigh nach urrainnear àicheadh. Tha an earrann sin làn de bhuill-airm is briathrachais fòirneart:

Eisdibh ri cath-ghairm nan sion!  
 Eug-cheol ann am chluais an còmhnuidh;  
 Manadh doruinn, creiche 's diol;  
 Manadh càis nam mac 's nan leannan;  
 Call nam fear 's nan athar gaoil;  
 Sanas cruaidh a' bhroin 's an leanduibh;  
 Mathair 's leanabh creacht de'n aon. (*LNSS*, 13, 108)

Tha na tuinn a-nis nan “armailt gharg ag iathadh” (*ibid.*, 109) is “Ghabh gach neach a chead de'n bhlàr | Is théich à làthair culaidh-thruais” (*ibid.*, 13, 111). Leanaidh seo air tro Earrann VI:

Ri ceann a' bhothan gu'n bhuail  
 Am peilear 'o ghualainn bheann;  
 Mar mhothar canain a bhrùchd  
 A' brùthadh air ùrlar ghleann. (*LNSS*, 13, 180)

Tha aon ìomhaigh a' cur an cuimhne buannachd nan aingeal is iad a' cath an aghaidh nan reubalan ann an dàn fada Milton, *Paradise Lost*. Tha na h-ainglean a' togail nam beann is gan tilgeil sìos air na h-ainglean reubalach (Milton, 2004, 160-61). Gheibhear an aon seòrsa ìomhaigh de nàdar a' dol bun-os-cionn ann an *LNSS*:

Mar mhile beinn aibheiseach chòrr  
 A flathas a' tòirleum luath  
 Tigh'nn bronnaich air tharraich tron fhàs  
 'S a' spraidheadh air clàir de'n chruaidh. (13, 181)

Cleachdar an aon rèim cainnt chogaidh airson crìoch na stoirme. Tha a' mhàthair òg ag “achanaich sìochaint luath” agus an uair sin canar mu Dhia “[...] dh' òrduich Esan fa-dheòigh | Grad-fhosadh na comhraig dhùir” (*ibid.*, 13, 184).

B' urrainnear a ràdh le firinn gu bheil an strì eadar Mac-an-Duine agus am muir gu tric air a riochdachadh mar bhlàr ann an litreachas na Gàidhlig. San dàrna earrann den *Bhirlinn* (1776, 147-48) thaisbean Mac Mhaighstir Alasdair an strì eadar an sgioba agus am muir ann an cainnt a' chogaidh le, mar eisimpleir, an co-samhla leasaichte den mhuir agus do “cheile chomhraig air tìr.” Ach tha e doirbh creidsinn gum biodh bàrd mar Mhac-na-Ceàrdaich, a bha den bheachd gu robh dleastanasan poblach aig bàird an Fhìrinn a sgaoileadh am measg an t-sluaigh (1916a, 452), a' cleachdadh a leithid de

dh'ìomhaigheachd airson adhbharan ealanta a-mhàin, gun suim air na ceanglaichean eadar iadsan agus tachartasan an ama.

A' togail air seo, sheall obraichean eile a' bhàird bhon aon àm na beachdan aige air a' chogadh. Ann an 'Canach an t-Slèibhe' (1915) dh'ath-chleachd Mac-na-Ceàrdaich sgeulachd Deirdre gus sùil alagorach a thoirt air fòirneart a' Chiad Chogaidh agus neo-chiontachd nam bliadhnaichean roimhe (Mac Leòid, 2012, 145-7). Nochd seo ann an *GNB*, san iris ron fhear san do thòisich *LNSS*. Tha aon ìomhaigh de na neòil is Deirdire gan coimhead na ro-shealladh air ìomhaigheachd Earrann VI:

Ghlaic fiamh nan nèul a beachd 's a h-aire. [...] Chunnaic i, ar leatha, m'a coinneamh, caisteal mòr, àrd èibhinn, uallach le a bhallaichean flathail aoil ag èirigh os cionn mullach nam beann òr-dhàite. [...] ach uidh air n-uidh bha fiamh agus rioch na h-aitreabh a' caochladh. Chunnaic i an t-sràid gheal a' tionndadh a dreach gus a bhi dearg— dearg mar fhuil. Chunnaic i binneagan agus baidealan a' chaisteil a' leaghadh air falbh gun fhios carson neo c'àite. (1915, 174-75)

Neo caistealan àrda nan nèamh,  
'Ghabh truime nan gnè nì fuaim;  
A' tuisleadh bhar chothram am mèidh  
'S a' pronnadh a' chèile 'nuas. (*LNSS*, 13, 181-2)

Tha an aiste 'Innis-na-Brèige' (1918) a' sealltainn gu robh Mac-na-Ceàrdaich an aghaidh a' chogaidh aig an àm ud, as t-Foghair 1918, agus gu robh a bheachd stèidhichte air adhbharan creidmheach:

Anns an Lagh (ris na chuir sinn ar n-aontadh) tha àithne eile [...], agus is sin, gun mhort a dhèanamh. Dhi so cuideachd thug sinn cliù— is sinn-ne rinn sin, ach feuch, an diugh mar a bha, tha sinn a' mort 's a' marbhadh a chéile. Tha sinn mar a thuirt mi roimhe, 'gar tul-bhréugnachadh féin, agus cha'n e sin is càs, ach gu bheil sinn a' ghabhail uail, moit, agus cliù, seadh "cliù"— às a bhi 'gar bréugnachadh féin. (243-44)

Tha an aiste air fad làn ìomhaigheachd dhealbhach agus mèdachadh làidir (Mac Leòid, 2012, 133-5).

Tha e coltach mar sin gu bheil am bàrd, sa *magnum opus* bàrdail aige cuideachd a' gabhail beachd air a' chogadh, agus gu bheil còir aig an leughadair alagoraidh fhaicinn san dàn.

Tha Teskey (1996, 122-3) a' coimhead air cuid de na h-adhbharan poiliteagach a bh' aig daoine a bhith a' cleachdadh alagoraidh, le cuimhne air na ceangailean a bh' aig an dàrna leth den fhacal leis an *agora* (àite deasbad agus malairt sa Ghrèigis). Bhiodh gu leòr adhbharan aig Mac-na-Ceàrdaich na beachdan poiliteagach shuas a chleith, mas e is gu robh iad cinnteach na cheann mar-thà ann an 1915-16. Bha e

ag obair ann an Lunnainn airson companaidh innleadaireach (Macilledhuibh, 1999, 736) agus cha bhiodh e ciallach dha a bheachdan fhoillseachadh an aghaidh a' Chogaidh. Ach chìthear, gu h-àraidh sna h-earrannan mu dheireadh den dàn gun do nochd cuspairean agus ìomhaigheachd den chogadh, a chleachd e ann an sgrìobhaidhean eile, gus stoirm a thaisbeanadh a bha an aghaidh toil Dhè. Tha am bàta mar sin a' riochdachadh coimhearsnachd (eilean, cultar, dùthaich neo eaglais) a' màirsinn tro bhuaireadh a' chogaidh.

### *Ciall agus Fòirneart am measg Èiginn*

Thathar air argamaid a-cheana gu bheil am bàrd, neo co-dhiù an dàn, a' coimhead air an dòigh sa bheil mac-an-duine a' stèidheachadh ciall ann an saoghal neo-riaghailteach.<sup>6</sup> Tha ìomhaigheachd an dàin gu math tric a' cleachdadh briathrachas agus samhlaidhean de chiall is tuigse, agus sgaradh eadar iad seo agus nàdar neo-riaghailteach san stoirm. A bharrachd air seo le bhith a' cleachdadh beachdan nan Structuralach (Culler, 2012, 1364) a thaobh a' phios ealain mar structar cruthaichte le eadar-dhealachaidhean, coslach ri cànan ann an cànanachas De Saussure, gheibhear deagh thomhas air an dòigh sa bheil an dàn ag obair agus mar a thèid alagoraidh iom-fhillte a chruthachadh.

A' leantail an eisimpleir aig Eagleton (2008, 82-83), is e a' coimhead air Structuralachd, 's urrainnear sgaradh Àrd | Ìosal fhaicinn aig cridhe na sgeulachd is e a' nochdadh aig tionndaidhean cudromach san dàn. Cleachdaidh na h-alagoraidhean an t-iomsgaradh seo gus ciall a thoirt seachad. Sa chiad leth-rann tha seann mharaiche a' coimhead an àird agus a' leughadh shanasan aimsir sna speuran. Tha seo a' stèidheachadh an sgaraidh eadar Àrd is Ìosal a leanas tron dàn. Tha an rann sin cuideachd a' stèidheachadh creideamh mar cheangal eadar an dà chuid, agus a' coimhead air nàdar mar leabhar as urrainnear leughadh ("Clar-amais") :

Leugh treubhaich aosmhor nan tonn  
Clar-amais màirneul nan sion  
Bu daingeann a chreideamh na chom,  
Gun teagamh 's gun fhonn bha bhriathar. (12, 310)

<sup>6</sup> Paipear aig Rannsachadh na Gàidhlig 7, 23/8/2012, 'Dòmhnall Mac-na-Ceàrdaich agus an Obair Chreidmheach aige' (Ri nochdadh).

Buinidh an t-iom-sgaradh seo ri nàdar agus Diadhachd. A’ gluasad air adhart sa chiad earrainn tha so-leòntachd nam beathaichean agus mac-an-duine air an cur ann an coimeas ri uile-chumhachd agus sìth Dhè. Ann an seagh nan alagoraidhean air a’ Chiad Chogadh agus a’ Bheatha Chrìosdaidh, a chaidh a thaisbeanadh gu h-àrd, tha strì agus buaireadh mic-an-duine a’ dèanamh iom-sgaradh le cumhachd agus sìth Dhè, mar a chìthear aig crìoch an dàin.

Taisbeanar gu h-ìosal na prìomh cheanglaichean agus cuid de na tachartasan a tha a’ stiùireadh an sgaraidh.

<b>Àrd</b>	Stoirm 's a' Ghaoth	Dia, Ciall agus Neamh
<b>Ìosal</b>	Muir is Tìr	Mac-an-Duine agus na Beathaichean

Clàr 6 – Feartan Àrd neo Ìosal

<b>Àrd</b>	Na Neòil a càrnadh						
<b>Eadar-mheadhannan</b>	Uisge a’ stad/ Gaoth ag Èirigh						
<b>Ìosal</b>	Rèiteachadh Dhè						
<b>Earrann</b>	Uisge a’ Dòrtadh Uisge Beannaichte Buaidh na Stoirme Ùrnaigh						
	Tuiltean Lèirsgrìos/ Cunnart Mara						
	I	II	III	IV	V	VI	VII

Clàr 7 – Dàimh eadar an t-Àrd is an t-Ìosal

Chìthear sna ciad earrannan gu bheil an sgaradh seo air a bhriseadh, ach gach uair a bhriseas an sgaradh tha seo a’ gluasad sgeul an dàin air adhart. Mar sin nuair a bhios an seann mharaidhe a’ leughadh nan speuran aig toiseachd Earrainn I agus III bidh aire an iasgair, agus mar sin an leughadair, a’ tighinn nas ìsle a’ dol bho shamhlaidhean sna speuran a-nuas do na h-eòin is mu dheireadh dhan chladach agus Mac-na-Ceàrdaich a’ sealltainn dè na samhlaichean a thug rabhadh don iasgair. Ann an Earrann II tha an t-Àrd a’ tighinn gu h-ìosal is ag adhbharachadh strì: “Mu mhullach cinn nan seann bheinn shuas | Bha nis air suaineadh cuaran tais” (*LNSS*, 12, 311). Leanaidh seo air adhart is an t-uisge gu bhith bàthadh an eilein agus an sgoth-iasgaich.

Gu ruige III tha e follaiseach mar a tha an t-Àrd a' toirt buaidh air an Ìosal ach chan eil comas aig mac-an-duine buaidh a thoirt air na speuran air an dòigh cheudna. Chìthear ge-tà gu bheil creideamh a' toirt dòigh don Ìosal buaidh a thoirt air an dà chuid Dia agus, tro sin, an aimsir. Mar sin, thèid uisge beannaichte a chleachdadh gus am muir a rèiteachadh agus an t-uisge a stad. Tha ùrnaigh na màthar ann an VI na h-eisimpleir eile de mhac-an-duine a' toirt buaidh air an aimsir tro Dhia. Thèid an ùrnaigh “Mar tholla a' tolladh troimh chruaidh” suas os cionn an t-saoghail do Dhia. Thèid a' mhàthair sìos air a glùin gus an ùrnaigh a gabhail, is le sin tha an tì as ìsle a' toirt buaidh air an Tì as àirde gus an rèiteachadh adhbharachadh.

Ged a tha an sgaradh Àrd|Ìosal a' toirt cruth do naidheachd an dàin, is tha còmhraidh eatorra nuair a tha prìomh thachartas ri fhaicinn, air uairean tha trioblaidean ann leis an structar seo. Tha a' ghaoth, mar eisimpleir, na sìon a tha a' dol eadar na speuran agus an talamh, Àrd is Ìosal a rèir an sgeama. Chan eil a' ghaoth ag èirigh gus às dèidh don sgiobair uisge beannaichte a dhòrtadh dhan chuain ge-tà. Gus seo a mhìneachadh, aig Earrann III nuair a tha sgioba na sgotha an cunnairt dol fodha fon a' dìle-bhàite, bheir iad dheth an cuid ceannbheirt is dòirtidh an stiùiriche an t-uisge beannaichte dhan mhuir. Tha an dìle a' stad aig an àm seo, chan eil Mac-na-Ceàrdaich a' cantail gun teagamh gur ann tro thoil Dhè a chaidh siud a dhèanamh; tha e fiù' s ag ràdh gu robh na neòil gu bhith falamh co-dhiù, aig toiseach Earainn IV. 'S ann aig an àm seo ma-thà, nuair a tha mì-chinnt mu thoil is cumhachd Dhè, a tha a' ghaoth, an eisimpleir a bu shoilleire de rud nach eil Àrd neo Ìosal, ag èirigh.

Tha sinn air ar fàgail mar sin, anns na h-earrannan mu dhèireadh le strì eadar Àrd is Ìosal: rè nan earrannan seo thèid strì eadar muir is tìr is gaoth a thaisbeanadh, is na seachd sìon uile a' cath an aghaidh a chèile a thaisbeanadh. Mar eisimpleir, ann an Earrann V cluinnear “Oir chaidh gach cumhachd thar a' chéile, | 'S throid gu rèubalach ma 'n neart” (*LNSS*, 13, 110). Tha saoghal Mhic-na-Ceàrdaich mar sin gu tur gun òrdugh, gus an tèid iarraidh air Dia uile-chumhachdach òrdugh a chur air. Tha e soilleir gu bheil ciall a' tighinn bho Dhia is tha sin a' fàgail an dàin na alagoraidh ealanta air beachdan creidmheach agus feallsanachail Mhic-na-Ceàrdaich. 'S e a th' ann ach dàn le cuspair fìor Ghaidhealach: bàta aig muir sna h-eileanan ri linn stoirm uabhasach. Ach tha an anailis air feuchainn ri

sealltainn gu bheil an dàn ag obair aig co-dhiù ceithir diofar ìrean (Tachartas Eachdraidheil, a' Chiad Chogaidh, Creideòlas Caitligeach agus Ciall is Cinnt). Thathar a' faicinn saoghal a' bhuairidh agus òrdugh Dhè; strì a' chogaidh is tionndadh air falbh bho chreideamh agus tòrachd mic-an-duine air ciall is òrdugh ann an saoghal nàdarra ro-chaochlaideach.

Am beachd Teskey (1996, 24) chan eil na sàr bhaird alagorach dìreach a' cruth-atharrachadh saoghal nàdarra gu bhith nan samhlaichean air rudan eas-cruthach. Tha iad ag àrdachadh friochoidheas [*antipathy*] nam beò dhan t-samhlachail le bhith a' rùsgadh an fhòirneirt a tha an lùib cruth-atharrachadh aon dhan fhear eile. Gun teagamh nì am bàrd Barrach seo, leis a' chudrom a tha Mac-na-Ceàrdaich a' cur air an stoirm, is e follaiseach gu bheil e a' strì cho mòr 's as urrainn dha, ach gu bheil neart aig Dia uile-chumhachdach a tha a' cur ciall agus òrdugh air gnothaichean fa-dheòidh.



## 5. Aig Cridhe mo Dhomhnullain – Modhan agus Arcataipean

'S e Dòmhnall Mac Chalum (1849-1929) air aon den bhuidheann de sgrìobhadairean agus beachdadairean cliùiteach a bha beò aig toiseach an fhicheadaimh linn. Coltach ri Mac-na-Ceàrdaich agus daoine leithid Chalum MhicPhàrlain (1853-1931) dh'fhoillsich e gu leòr den t-saothair aige ann an irisean is tha an t-saothair sgapte seo airidh air cruinneachadh agus barrachd rannsachaidh. Chunnacas mar-thà gu robh Mac Chalum an sàs ann an Cùis an Fhearainn ann an iomadach sgìre air Tìr-Mòr agus na h-Eileanan. Anns an ro-ràdh aige don *Tuil*, tha MacilleDhuibh (1999, xxvi-xxviii) a' dèanamh iomradh fada air *Domhnullan*, dàn a chaidh a sgrìobhadh le Mac Chalum. 'S ann an sin agus am broinn trì uilt sa *Phaipear Bheag* (MacilleDhuibh, 1999a; 1999b; 1999c) a gheibhear an sgrùdadh as shusbaintiche air an dàn seo. Chruthaich Mac Chalum dàn teòma a tha a' cleachdadh eileamaidean bròn-chluicheil [*tragic*] agus greanna-chluicheil [*comedic*] ann am beart Crìosdaidh gus dàn fada spioradail a thoirt gu bith. Tha buaidh nan Romansach, litreachas spioradail na Gàidhlig agus àr a' Chiad Chogaidh uile a' cur doimhneachd ann an dàn a tha air a roinneadh gu grinn, is e soilleir gu robh dealbhachadh an structair gu math cudromach dhan bhàrd. Chìthear beagan de bhuidh structuran MhicDhùn-Lèibhe ach tha buaidh ìomhaigheachd arcatapaigeach an fhicheadaimh linn, agus sgeulachdan a' Bhòbaill a' tighinn gu bàrr mar an ceudna.

Mar thoiseach-tòiseachaidh, coimheadar air structar an dàin agus bheirear gearr-chunntas air an sgeulachd, is tuigse air iad sin cudromach airson an rannsachaidh nas mionaidiche às a dhèidh. Bidh siud a' cleachdadh nan aistichean iomraiteach aig Northrop Frye (1912-1991) a nochd ann an *Anatomy of Criticism* (1957) airson tuigse ioma-taobhach fhaighinn air mar as urrainnear an dàn a mheasadh mar phàirt de litreachas na Gàidhlig is litreachas Eòrpach san fharsaingeachd. Tha cuid de bheachdan Frye a' leantail air bho na sgrìobh Aristotle (384-322BC) sna *Poetics* (1996) aigesan, agus mar sin cleachdar an tùs sin gus an rannsachadh a dhaingneachadh far as iomchaidh. Bhiodh Somhairle MacGill-Eain (2008, 2) a' cleachdadh beachdan a' Ghrèigich airson nam measaidhean litreachail aigesan air 'Five Gaelic Poems' ann an 1940 mar sin chan e rud ùr a th' ann airson sgrùdadh na Gàidhlig. Thèid mìneachadh farsaing a thoirt seachad air diofar ìrean de bheachdan Frye, is cleachdar seo gus cuid de na ceanglaichean a th' aig *Domhnullan* ri dàin fhada Eòrpach eile a sgrùdadh.

## 5.1 Structar *Dhomhnullain*

Tha structar *Dhomhnullain* nas ioma-fhillte na cuid de na dàin eile san sgrùdadh seo ach tha feartan aige a tha cumanta sa chorpas cuideachd. Stèidhichte air beatha gaisgeach an tiotail, tha an structar a' cleachdadh uairean an latha mar shamhla air beatha Dhomhnullain agus air sgeulachd an dàin. Tha Mac Chalum air an dàn a roinneadh ceithir uairean, le ro-ràdh cuideachd. Thèid gach roinn neo 'Duan' mar a th' aige orra, fhàilteachadh le "suaicheantas", rann beag ainmichte às dèidh uairean an latha: 'Briseadh Faire', 'Maduinn', 'Trath-Neòin' agus 'Feasgar'. Chaidh gach aon de na ceithir Duain seo a roinneadh ann an iomadach earrainn cuideachd a rèir cuspair agus neach-labhairt. Chaidh seo a mholadh nuair a nochd an dàn an clò is thug e air neach-sgrùdaidh a ràdh "the epic effect is produced by a series of short lyrical pieces skillfully arranged" (*An Gàidheal*, 1925a). Tha seo a' taisbeanadh cheanglan foirmeil le beachdan MhicGill-Eain (1985, 11) air an dàn fhada. Thog Mac Chalum air an fhoirm ioma-ghuthach a chleachd MacDhùn-Lèibhe ged a tha am ministear a' cleachdadh structar nas cunbhalaiche a thaobh aithisg agus gairmean lioraiceach. Chithear bhon fhacal airson nan earrannan aige, 'Duan', gu bheil e cuideachd fo bhuaidh Sheumas Bhàin MhicMhuirich agus mar a thaisbean esan na dàin Oiseanach aige (MacPherson, 1996, 307). Tha e coltach gur ann le MacMhuirich, a nochd "Duan" mar ionad structurail ann an dàn eipigeach an àite mar sheòrsa bàrdachd. Tha an cruth ceithir roinnte is dàn ainmichte as dèidh gaisgeach an dàin a' sealltainn buaidh dàin romansaich leithid *Childe Harold's Pilgrimage* aig Byron (1978, 24-84). Ann am beachd MhicilleDhuibh (1999a) b' urrainnear na ceithir Duain a chluich mar cheithir achdan ann an aon de na h-oparan aig Gilbert agus Sullivan cuideachd.

Nì Mac Chalum sgaradh sa mheataireachd agus air an duilleig eadar na thèid aithris le guth a' bhàird is na thèid a ràdh leis na caractaran. Tòisichidh a' mhòr-chuid de na h-earrannan le cuplaidean deich lideach, meatair còig casach iambach, airson guth an aithriseir is an uair sin bidh meatrachdan eadar-dhealaichte airson briathran nan caractairean. Mar eisimpleir:

### **Amhghar**

Sin mar a shaoil Catrìona gu'n robh gradh  
A crìdh, do'n tug i gealladh, nis a' cnàmh  
Fo'n fhod, air raon 's an Fhraing; 's 'n a seòmar féin

'S e so mar bhiodh an ainnir caoidh 'na dhéigh: -

Dhomhnuillein, mo leannan gràdhach,  
 Roghadh nam fear treun a dh'fhàg sinn  
 Dhol, gu sunndach, thun nam blàraibh,  
 Chumail air ar fàrdaich dìon,  
 O! Gur mise tha gu cràiteach,  
 Caoidh mar bhuadhaich feachd an nàmh ort.  
 Ann am briseadh luirg do stàillinn,  
 Mu'n do gheàrr thu trompa sligh! (*Domhnullan*, 25)

Tha Mac Chalum air meataireachd stròfach neo meataireachd an iorram a chleachdadh airson briathran Catrìona. Ach ged a tha e a' cleachdadh beart nam meatrachdan dualchasach seo tha e gu tric, mar a tha e ann an 'Amhghar', a' cur *enjambement*, iom-tionndadh agus *caesura* còmhla riutha a tha a' cur blas eadar-dhealaichte orra.

## 5.2 Gearr-Chunntas

Mus tòisich an dàn tha an t-aithrisear a' cur a charaid Dòmhnall MacAoidh, bàrd Leòdhasach, mar "Ghoistidh" air a' phrìomh caractair aige, is tha esan a' beannachadh prìomh character an dàin le pìos bhàrdachd mus tòisich an dàn fhèin (*Domhnullan*, xiii).<sup>7</sup> Còmhla ri pìos bàrdachd eile, 'An Roimh-Ràdh,' rinn Mac Chalum follaiseach gu bheil iad seo sgaraichte bhon dàn fhèin, is duilleag bàn eadar iadsan agus 'Suaicheantas' Duain I. Tha a' bheannachd aig toiseachd a' ghnòthaich a' cur blas dùrachdach moralta air an dàn bho thùs, ach tha an earrann cuideachd a' dèanamh gearr-chunntas air cuid de na rabhaidhean moralta a tha gus nochdadh san dàn:

Na bi sireadh fortain,  
 Bidh crois 'n a cheann,  
 'S fa-dhèidh briste-cridhe  
 Gheibh thu 'n a chall. (*Domhnullan*, xiii)

Tha 'Roimh-Ràdh' (*ibid.*, xiv) bàrdail eile ann às dèidh seo a tha a' toirt mìneachadh air suidheachadh an dàin ann an eilean gu math coltach ris an Eilean Sgitheanach sna linntean a dh'fhalbh, agus a-rithist a' soilleireachadh cuid de na teamaichean a tha gus nochdadh. Mar sin tha e ag obair mar nàdar de *phroemium* (Gregory, 2012, 440) neo ro-ràdh bàrdail ro dhàn Eipigeach. Bidh e a' tighinn am follais

<sup>7</sup> Cha do lorgar sgeul air a' bhàrd seo ann am *Bàrdachd Leòdhais* (MacLeòid, 1916), *An Tùil* (Macilleidhuibh, 1999) neo *Eilean Fraoich* (1982 [1938]). Tha e coltach gur e caractar ficseanail a th' ann, ach ma dh'fhaoidte gu bheil e stèidhichte air neach air choreigin san dà-rìribh.

gur e fead air fuar-luirg a th' ann coimhead airson linn an dàin fhèin leis gu bheil measgachadh de dh'iomadh phìos de dh'eachdraidh na Gàidhealtachd a' nochdadh bhon t-Seachdamh Linn Deug gu linn a' bhàird.

Cha'n ann 's an linn 's am bheil sinn beò  
 Bh'aig Domhnullan a ré,  
 'S mar sin gu corporra gur fìor  
 Nach fhaca mi an treun. (*Domhnullan*, xiv)

Tha Domhnullan a' cath le sgiath, sgian, geur-lann Spàinnteach agus ann am breacan an fhèilidh (*ibid.*, 4-7) is bhiodh seo ga chur sna 16mh gu 18mh linntean. Air an làimh eile, tha draghan agus ìomhaigheachd aimsireil bho àm a' Chiad Chogaidh is às a dhèidh a' nochdadh. Tha suaicheantas "iolair an dà chinn" (*ibid.*, 13) na iomradh, am measg shuaicheantasan eile, air Sliochd nan Habsburg. Bha Gàidheil air cath an aghaidh an teaghlaich sin anns a' Chiad Chogadh. Gu h-eachdraidheil, bha cuid (Thomson, 1983, 247) a' sabaid airson Gustavus Adolphus an aghaidh na h-Impireachd Naoimhe Ròmanaiche a chleachd an aon ìomhaigh san t-seachdamh linn deug. A-rithist, tha e soilleir nach robh Mac Chalum a' dèanamh iomradh air aon tachartas eachdraidheil. Gu dearbh, tha cuid de dh'fheartan bràithrean MhicMhathain, Anndra Carnegie agus a' Mhòrair Leverhulme uile rim faicinn ann an eachdraidh-bheatha Dhomhnullain a rèir Black (1999a; 1999b). Tha gaisge a' churaidh iomraitich Eachainn nan Cath (1853-1903) cuideachd am follais ann an cruth bròn-chluicheil an dàin (Stearn, 2011). Is ged a tha na h-ainmean-àite leithid Innis-Brògaig agus Aird na Dìge ceangailte ri Taobh Sear an Eilein Sgitheanaich, tha e gan atharrachadh beagan bho na h-ainmean cearta.<sup>8</sup>

Aig toiseachd an dàin fhèin, Duan I, thèid 'Gairm Chogaidh' (*Domhnullan*, 3-5) a sgaoileadh is e a' brosnachadh nan gillea gus ullachadh airson a' chogaidh. Cleachdaidh seo ìomhaigheachd nàiseanta den "Leomhann treun" a bheireas "an Eun 'n a iallan" (*ibid.*, 3). Geallaidh an gairm duaisean nuair a thilleas iad, a rèir na tha an dàn dhaibh:

Do na thilleas agaibh beò  
 Thar nam mór-chuan beucach,  
 Bidh 'ur dachaidh mar is còir,

<sup>8</sup> Gheibhear Brògaig agus An Dìg ann an Stafainn.

Feitheamh oirbh gu gléidhteach.

Agus dhoibh-san théid a leòn  
 Anns a' chomhraig mhilltich,  
 Bidh an aodach is an lòn  
 Ré an lò dhoibh cinnteach.

Do na bheir am beatha suas,  
 Chosnadh buaidh nan ìobairt,  
 Eiridh carragh air an uair,  
 Nì orr' luadh gu sìorruidh. (*ibid.*, 4)

Ged a chanas e gun dèan na bàird luaidh orra cuideachd chan eil Mac Chalum fhèin a' dèanamh seo ann an dòigh ro fhialaidh; thug e 18 sreath don earrainn air 'Treubhantas' (*ibid.*, 10-11) is a' mhòrchuid dheth a' mìneachadh gur ann bho dhìth a chridhe a chinn gaisge Dhòmhnuillein.

Sna h-earrannan a leanas tha co-strì eadar am miann gus glòir a chosnadh sa chogadh agus an gaol aige d' a leannan, Catriona, air a thaisbeanadh aon mu seach (*Domhnullan*, 5-7), is seo follaiseach anns an deasbad eadar guth a chridhe is inntinn (*ibid.*, 7-8). Coltach ri fàidh an t-Seann Tiomnaidh (1 Rìghrean. 18-19.), b' urrainn dha bhith falach ann an uamh gus am biodh na gillean eile a' tilleadh bhon chogadh (*Domhnullan*, 8-9). Ach mu dheireadh tha Domhnullan a' leigeil le Catriona co-dhùnadh a dhèanamh is i ag ràdh gum bu chòir dha dol dhan chogadh (*ibid.*, 9). Fàgaidh e chridhe aig Catriona, "'N a Mhispah", is iad a' dealachadh fo Chraobh a' Gheallaidh (*ibid.*, 8-9). Tha seo a' toirt treunachd is misneachd dha sa chath (*ibid.*, 10-11) is thugadh urram cogaidh dha is dha charaid, Gilleasbaig Bàn, a fhuair bàs (*ibid.*, 12-13). Tha e làn sunnd a' tilleadh dhan Eilean gus Catriona faicinn, ach bha ise air faicinn ann an taisbeanadh gun do bhàsaich e, is i nis den bheachd gu bheil e na thanaisg a' tilleadh gus a chridhe fhaotainn. Innsidh i dha gum faigh e an cridhe fo Chraobh a' Gheallaidh, far am faigh e a chridhe is e "briste ri m' bheò" (*ibid.*, 16-17).

Ann an Duan II gheibhear soilleireachadh nas fheàrr air mar a thuig Catriona gu robh Domhnullan marbh is thug i gaol do dh'fhear eile. Bha ise agus muinntir a' bhaile aca a' faicinn taisbeanadh air a' chogadh sna speuran is iad den bheachd gu robh Domhnullan air tuiteam sa bhlàr air am beulaibh (*Domhnullan*, 21-22). 'S e Filidh Aosda a tha a' mìneachadh an t-seallaidh dhaibh (*ibid.*, 22-24) is le sin tha Catriona a' cur cridhe Dhòmhnullain fon Chraoibh. Chan ann ach nuair a thogas iad a'

charragh-cuimhne, is tha aon de na saighdearan eile a' bruidhinn air cò a thuit sa bhlàr, a thuigeas Catrìona nach e Domhnullan a thuit ach saighdear eile (*ibid.*, 26-29). Chan eil guth a bharrachd oirrese san dàn às dèidh seo agus e a' gluasad air adhart gu teamaichean eile.

Tha Duan III a' coimhead air beatha Dhomhnullain às dèidh a bhriseadh-chridhe is e an toiseach ag obair mar dhròbhair. Tha deasbad ann eadar 'An Cridhe 's an Inntinn' a-rithist (*Domhnullan*, 31-32) coltach ri Duan I agus Mac Chalum a' dèanamh nan co-shùntean structurail eadar an dà earrann gu math soilleir. An turas seo tha an Cridhe a' comhairleachadh beatha shocair air a' chroit; tha an Inntinn a' comhairleachadh sannt ann an dròbhaireachd. Tachraidh e ri Màmón is a dhà fear-taic, Sannt agus Seòlta, is le ghealltanais gun soirbhich leis bheir e a chridhe dha (*ibid.*, 33-36). Ò sin èiridh Domhnullan gu ìre àird san stàit (*ibid.*, 37-40) ach fa-dheòidh thèid a bhuaireadh le droch shlàinte is mulad-inntinn (*ibid.*, 41-44). Siridh e na trì lighichean às fheàrr san dùthaich ach mu dheireadh chan eil na leighisean neo na molaidhean aca nan cuideachadh dha – fhathast tha bròn is lionn-dubh ga leantail, air a phearsonachadh mar chailleach, *Atra Cura*. Nì Domhnullan aoir oirrese is e a' siubhal air Beinn Ararat, is cha till i (*ibid.*, 45-47) às dèidh sin. Tha an tachartas romansail seo a' sealltainn buaidh an Romansaich William Thackeray (1811-1863) a sgrìobh dàn air 'Atra Cura' (1883, 159) [dubh churam] na suidhe air cùlaibh ridire, stèidhichte air ìomhaigh a bh' aig Horace (65-8 B.C.).

Aig toiseachd Duan IV chan eil na leighisean air faochadh a thoirt do Dhòmhnallan. A' tuiteam na chadal aig Feill Mhòr air a oighreachd, dùsgaidh e ri taibhse Ghilleasbuig Bhàin, a cho-aoiseach a dh'eug sa chogadh, a tha ag innse dha nach eil e gu bhith fada beò is gum feum e chridhe fhaighinn o Mhàmón (*ibid.*, 49-53). Tillidh e dhan deamhan ud is, a' fulang buairidh eile bho Shannt agus Seòlta, mu dheireadh faighnichidh e airson a chridhe air ais. Còmhla ri seann charaid ceannaichidh e bàt'-iasgach (*ibid.*, 56-57). Às dèidh gleac spioradail eile, bàsaichidh e ann an deagh shuidheachadh spioradail, air a ghiùlan suas gu neamh (*ibid.*, 57-59) is a chridhe air a ghlèidheadh ri taobh cridhe Emanuel.

### 5.3 Anatomy of Criticism – Northrop Frye

Cleachdar beachdan Northrop Frye ann *An Anatomy of Criticism* (1957) airson an sgrùdadh a leanas.

Bha an leabhar seo a' toirt buaidh air na sgrùdairean a nochd às a dhèidh, gu seachd àraidh sna Stàitean mus do nochd teòrichean ùra nan Structuralach aig crìoch nan 60an (Lentricchia, 1980, 29-30). 'S e an eisimpleir as iomraitiche de chleachdadh beachdan Frye sa Ghàidhlig obair Emma Dymock (2008) air *A' Chuilithionn*. Chleachd ise Frye maille ri beachdairean prìomh-shamhlach eile leithid James Frazer (1854-1941) is Carl G. Jung (1875-1961) gus coimhead air an dòigh san robh *An Cuilithionn* a' sealltainn a' bhàird a' ceasnachadh agus a' meòrachadh air an fhèin-aithne aige. Sheall rannsachadh Dymock (2008, 186-95) cuideachd gum b' urrainnear siostam Frye a chleachdadh gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air *A' Chuilithionn* is mar a bha arcataipean a' toirt structar bunaiteach don dàn.

Leis na ceithir aistichean aige ann an *Anatomy of Criticism*, bha Northrop Frye a' feuchainn ri bun-stèidh nas seasmhaiche a thoirt do sgrùdadh litreachais (Eagleton, 2007, 79). Ar leis nach robh sgrùdadh litreachais air cus adhartais a dhèanamh idir o linn Aristotle agus tha e a' tilleadh dhan Ghrèigeach airson bun-stèidh an t-seòrsachaidh aige (Frye, 1957, 13-14). Bha Aristotle (1996, 11) air sia feartan a lorg ann am bròn-chluich agus chleachd Frye (1957, 244) iad seo airson an t-siostaim aige. Thèid *mythos* [sgeulachd], *ethos* [caractairean] agus *dianoia* [cuspairean is teamaichean] a chleachdadh anns a' chiad trì aistichean agus na trì feartan mu dheireadh, *lexis* [faclan] *opsis* [seallaidhean] agus *melos* [ceolmhorachd], sa cheathramh aiste. Tha Frye a' dìon farsaingeachd ann an dòighean sgrùdaidh. Canaidh e, "The student must either admit the principle of polysemous meaning, or choose one of these groups [Aristotelians, Coleridgians, Marxists etc.] and then try to prove that all the others are less legitimate" (*ibid.*, 72). Do Frye tha an t-iomadach diofar sheòrsaichean sgrùdaidh uile a' laighe còmhla nam pàirtean den teòiric shlàn aige (*ibid.*), ach fiù 's aig a sin, le bhith a' toirt sùil air diofar dòighean sgrùdaidh làimh ri chèile, tha e na ghuth cudromach airson seallaidhean ioma-thaobhach air bàrdachd.

## 5.4 Eachdraidh Litreachais agus Modhan Aithisg

Annas a' chiad aiste aige, 'Historical Criticism: Theory of Modes', tha Frye (1957, 31-67) a' dol air ais gu Aristotle airson na bun-stèidh aige. Tha e a' seòrsachadh pìosan sgrìobhaidh a thaobh buaidh agus prìomhachas *mythos* [plota], *ethos* [caractairean] agus *dianoia* [teamaichean neo cuspairean] (*ibid.*, 52). Tha barrachd cuideam air a' chiad dà fheart ann an sgeulachdan ficseanail, far a bheil eileamaidean na sgeulachd fhèin a' cumail aire an leughadair. Nuair a thèid an treas feart a thoirt gu bàrr ann am pìos sgrìobhadh ma dh'fhaoidte gum biodh e na aiste neo-fhicseannach, na sgeulachd mhoralta air neo na lioraic a mheòraicheas air smuaintean eas-chruthach is mar sin air adhart (*ibid.*, 52-53).

'S urrainnear sgeulachdan ficsean a sheòrsachadh a rèir a' phrìomh charactair, gu h-àraidh na comasan aige anns an sgeulachd a rèir an fhiosrachaidh a tha an t-ùghdar a sholarachadh dhan leughadair (Frye, 1957, 33-34). Bhon cheud-fath seo thog Frye gu bheil 5 diofar gnèithean de sgeulachd ann. Sa chiad fhear tha comasan de nàdar neo gnè nas fheàrr aig a' ghaisgeach na iadsan mu chuairt air is na an luchd-leughaidh. Air sgàth sin tha e na thì diadhaidh is 's e ùr-sgeul a bhios anns an sgeulachd. San dàrna fear, tha comasan aige ceum nas fheàrr na th' aig an fheadhainn mu chuairt agus air an àrainneachd, ach tha e aithnichte mar dhuine, is e na ghaisgeach mar a gheibhear ann an sgeulachdan na Fèinne, Romansan òs-nadarran neo sgeulachdan dualchasach eile. Mas e is gu bheil comasan nas fheàrr aige a-mhàin orrasan a tha mu chuairt air 's e ceannard a th' ann. Gheibhear prìomh charactair mar seo ann an sgeulachdan epigeach neo bròn-chluicheil leithid *Othello* is thugar an t-ainm modh àrd-atharraiseach [*high-mimetic*] dha seo. Mur eil e nas fheàrr na iadsan mu chuairt air, neo air an àrainneachd aige is e gu math coltach ruinn fhèin tha an sgeulachd atharraiseach-ìosal [*low-mimetic*]. Ma tha comasan nas lugha aige na th' aig an luchd-leughaidh tha an sgeulachd sa mhodh ìoranta (*ibid.*).



Modh	Suidheachadh a' Ghaigich
Ùr-Sgeulachdail	Diathan is tì sàr-chumhachdach
Romansail	Gaisgeach nas treasa na mac-an-duine
Àrd-Atharraiseach	Duine cumanta ach le feartan neo-àbhaisteach
Atharraiseach-Ìosal	Duine cumanta le feartan àbhaisteach
Ìoranta	Duine ann an daorsa neo fo dhroch bhuaidh air choreigin

Clàr 8 - Modhan Sgeulachd

San fharsaingeachd, ann an litreachas na Roinn Eòrpa, thathar air gluasad sìos na modhanan ann an diagram Frye agus tha seo a' cur sealladh eachdraidheil air (Frye, 1957, 34-5). Ann an litreachas nan Gàidheal bhiodh co-shìntean nan gluasadan seo a' tòiseachadh le ùirsgeulachd nan seann Ghàidheal a bha a' coimhead air Lugh, Aonghas Òg agus an Tuatha Dè Dannan. Tha eachdraidhean-beatha nan naomh leithid Choluim Cille is Brianan agus romansan leithid sgeulachdan nas anmoiche Chù Chulainn a' sealltainn daoine aig a bheil cumhachd mì-nàdarra. Aig ìre àrd-atharraiseach Frye tha dualchas làidir bàrdachd molaidh nan Gàidheal, an dà chuid sa chànain làitheil agus sa chànain chlasaigich, a' moladh neo a' dèanamh aoir orrasan a tha os cionn na coimhearsnachd. Canaidh Frye (1957, 58): "The central episodic theme of the high mimetic is the theme of cynosure or centripetal gaze, which, whether addressed to mistress, friend or deity, seems to have something about it of the court gazing upon its sovereign [...]". Chìthear ceangal soilleir le co-dhùnadh aiste Iain MhicAonghais (MacInnes, 2006, 317) air a' chòd-mholaidh: "[...] the system works with a centripetal compulsion, ever bringing us back to this central symbol: the warrior who is protector and rewarder."

Tha an gluasad don mhodh atharraiseach-ìosal ri fhaicinn anns na cuspairean ùra a tha a' nochdadh ann an litreachas na Gàidhlig ri linn Mhic Mhaighstir Alasdair agus Dhonnchaidh Bhàin- gluasad beag air bheag air falbh bho ùidh sna cinn-cinnidh agus "An Dùn" mar a nochd iad ann an saothair Iain Luim agus A' Chlàrsair Dhaill. Tha ìorantas a' tighinn gu bàrr gu soilleir ann an sgrìobhaidhean nan eilthireach, agus nas anmoiche ann an sgrìobhadh Iain C. Mac a' Ghobhainn, leithid *Am Miseanaraidh* (2005), neo san dithist ghaisgeach marbh *Mochtár is Dùghall*.

Chìthear buaidh Aristotle gu follaiseach san siostam aig Frye. Sna *Poetics* aige tha e ag ràdh:

Those who imitate, imitate agents: and these must be either admirable or inferior. [...] The very same difference distinguishes tragedy and comedy from each other; the latter aims to imitate people worse than our contemporaries, the former better. (Aristotle, 1996, 5)

Tha Frye (1957, 33) ag aithneachadh na buaidh seo aig fìor thoiseach na h-aiste ach nì e sgaradh eadar seagh moralta agus seagh fiogarail uaisleachd. Stèidhichidh Frye an seòrsachadh aige air seagh fiogarail, a thaobh comasan nan caractairean, is bheir sin bun-stèidh dha airson siostam a' chlàir shuas.

A bharrachd air an sgeama eachdraidheil sin tha Frye (1957, 35) ag ath-chleachdadh an iom-sgaraidh eadar greanna-chluich [*Comedy*] is bròn-chluich [*Tragedy*] a chleachd Aristotle. Airson Frye, ann am bròn-chluich thèid am prìomh caractair fhuadachadh bhon choimhearsnachd aige: ann an greanna-chluich thèid a thoirt a-steach dhan choimhearsnachd. Bhiodh sgeulachd Prometheus, Dia a thug teine do mhac-an-duine is a chaidh a pheanasachadh, na eisimpleir air bròn-chluich ùirsgeulachdail. Thèid an sgaradh seo fhaicinn ann an litreachas cuspaireil cuideachd, as urrainn fhathast a' tighinn bho shealladh neach fa leth neo sealladh mar cho-chur dè na coimhearsnachd, a' leantail an aon sgaraidh eadar bròn-chluich is greanna-chluich (Frye, 1957, 54). Thug Frye eipeasodach [*episodic*] airson a' chiad fhear dhiubh seo, agus eansaidhcleapach [*encyclopaedic*] (*ibid.*) airson an dàrna dhiubh. Tha seo stèidhichte air a' bheachd gu bheil sealladh iomlan aig litreachas as urrainnear taisbeanadh gu soilleir ann an Sgrìobtair, Eipig mhòir, air neo a thèid a chruinneachadh leis a' choimhearsnachd is a chuir còmhla le fios neo san dualchas (Frye, 1957, 55-56); chìthear sin leis na diofar "cuairtean" ann an ùirsgeulachd nan Gàidheal. Aig diofar ìrean eachdraidheil tha buaidh nas motha aig aon chruth eipeasodach, a tha mar as trice aig cridhe foirm eansaidhcleapach na h-ìre sin:

	Ficseanail		Cuspaireil	
Modh	Greanna-Chluich	Bròn-Chluich	Eipeasodach	Eansaidhcleapach
Ùr-Sgeulachd	Deas-ghabhail ann an sgeulachdan na Grèige.	Diathan a' bàsachadh, Prometheus.	Aithnean, Fàidheachd,	Sgrìobtair
Romansail	Pastorail-Gaisgeach ann an nàdar ro mhath.	Beowulf, Sgeulachd nam mairtìrean.	Sean-fhaclan, euchdan, clàr-Rìghean,	Turasan gaisgeil, <i>Commedia</i> Dante.
Àrd-Atharraiseach	Caractar làidir, a' buannachadh cliù le math neo olc.	Ceannard le lochdan a' tuiteam; m.e. <i>Othello</i>	Sealladh dlùth a' Mholaidh, air Prionnsa is Cùirt	Epigean Nàiseanta
Atharraiseach-Ìosal	Àrdachadh sòisealta- leithid <i>Cinderella</i>	Fògradh an “uile-duine” <i>Tess of the D'Urbervilles</i>	Bàrd Romansach, le ùghdarras cruthachail a' tighinn bho fhradhairc fa leth a' bhàird	Eipigean ùrsgeulach a' taisbeanadh cuspairean saidhceòlach neo beachdail, m.e., <i>Faust</i> neo <i>Prometheus Unbound</i> .
Ìoranta	Fògradh nam mearlach bho shealladh na coimhearsnachd.	Fògradh an <i>pharmakos</i> neo nan neo-choireach. Kafka 'An Triall'. <i>An t-Aonaran</i> . <i>Mòchtar is Dùghall</i> . <i>Am Miseanaraidh</i>	Na tha fear-fradhairc fhaicinn gun ghairm air ùghdarras nas doimhne.	Sgaradh eadar sgrùdadh dlùth an neach-fradhairc agus eachdraidh neo-leantalachd. <i>Finnegans Wake</i> . <i>The Waste Land</i> .
<b>Frye, 1957, td.</b>	43-49	35-43	52-62	

#### Clàr 9 – Modhan Eachdraidheil Sgeama Frye

Air dhan litreachas gluasad sìos tro na modhan seo air fad bha Frye (*ibid.*, 42-43) den bheachd gun rachadh iad air ais dhan toiseach a-rithist agus ùirsgeulan ri fhaicinn ann an structaran nam bàrd Modarnach (Nicholls, 2012, 892)

## 5.5 Domhnullan agus na Modhan Eachdraidheil

Chithear gu bheil *Domhnullan* a' cleachdadh cruth cearclach; tha taobh ghreanna-chluicheil agus bhròn-chluicheil san dàn. Tha seo follaiseach san dàimh eadar Domhnullan agus na coimhearsnachdan sa bheil e a' gluasad, a' leantail an iom-sgaraidh a dhealbhaich Frye. Le measgachadh eadar na co-dhùnaidhean aige fhèin agus trioblaidean a chridhe tha Domhnullan a' fàgail coimhearsnachd Innis-Bhrògaig. Ann an Duan I tha e a' dol dhan chogadh gus cliù a chosnadh is nàire a sheachnadh. Tha e a' fàgail na coimhearsnachd a-rithist le cridhe briste ann an Duan III agus fiù 's nuair a dh'èirich e gu àirde a chliù aig crìoch Duan III tha beartas saoghalta fhathast ga fhàgail bochd na spiorad. Às dèidh iompachaidh, aig crìoch IV, chan eil air fhàgail dha ach càirdeas Chalum. Rè an dàn air fad, fàgaidh e a' choimhearsnachd dhùthchasach aige ach a-mhàin san duan mu dheireadh far an till e do chàirdeas Chalum, agus a choimhearsnachd chreidmhich. Tha e, aig an aon àm, a' fàgail coimhearsnachd nan uaislean a thug urram dha às dèidh a' chogaidh agus an t-soirbheis choimearsalta aige.

Mar sin tha a' chiad aiste aig Frye, leis fhèin, ga fhàgail duilich *Domhnullan* a sheòrsachadh. Tha àrdachadh gu neamh a' sealltainn gu bheil an gaisgeach air a thoirt a-steach do choimhearsnachd nan creidmheach. Ach san fharsaingeachd tha an sgeulachd a' leantail cursa na bròn-cluiche, is iomadach trioblaid a' phrìomh caractair, air an adhbhrachadh an dà chuid leis fhèin agus le buaidhean neo-fhaicsinneach, gu math soilleir. San treas aiste, 'Archetypal Criticism: Theory of Myths', tionndaidhidh Frye dhan cheist seo, ann an dà dhoigh. Gu math tric tha gaisgeach sa ghreanna-chluich a' fulang "bàs deas-ghnathach" [*point of ritual death*] air choreigin (Frye, 1957, 179), a tha a' toirt cothrom crìoch thoilichte a thoirt air an sgeulachd. Mar sin is minic a gheibhear crìoch thoilichte air tachartasan doilleir (*ibid.*, 215), leis gun tig, aig ìre ùirsgeulachdail, aiseirigh a' ghreanna-chluich às dèidh bàs a' bhròn-chluiche. Tha buaidh theamaichean Crìosdaidh an dàn cuideachd ag adhbhrachadh seo (Frye, 1957, 215). Leanaidh tinneas agus bàs Dhomhnullain an nòs seo, is iad air an àicheadh le gràs Dhè agus nèamh an taisbeanaidh. Ach leis mar a tha crìoch thoilichte air sgeulachd doilleir 's urrainnear a sheòrsachadh mar ghreanna-chluich le Domhnullain air a thoirt a-steach gu coimhearsnachd shìorraidh. Coimheadar air structar *mythos* Dhomhnullain ann am barrachd doimhneachd gu h-ìosal (Caib. 5.7).

Tha Frye (1957, 53) den bheachd gu bheil taobh cuspaireil agus ficseanail aig gach pìos litreachais. Tha buaidh agus ùidh spioradail an dàin ga dhèanamh follaiseach gu bheil an taobh chuspaireil, *dianoia*, a cheart cho cudromach ris an sgeulachd, *mythos*. Tha na rabhaidhean moralta a gheibhear san rò-ràdh a' soilleireachadh amasan cusparail a' bhàird mus tòisich an dàn fhèin. Chan eil e na alagoraidh foirmeil san aon dòigh ri *The Pilgrim's Progress* neo *The Faery Queene*. Ann an *Turus a' Chrìosduidh* (Bunian, 1812), tha cha mhòr gach caractar ceangailte gu soilleir leis an alagoraidh, is iad ainmichte leis a' cheangal seo, ann an dòigh nach eil cho follaiseach ann an *Domhnullan*, ach a-mhàin le Màmón 's a chùirt.

A thuilleadh air na sgaraidhean a thaobh fheartan cuspaireil is ficseanail, agus bròn-chluich is greanna-chluich, tha trioblaidean seòrsachaidh eile ann nuair a dh'fheuchar ris an dàn a sheòrsachadh a thaobh nan còig modhan de dh'eachdraidh litreachais. Tha seo air tàillibh 's gu bheil Mac Chalum a' dèanamh iomraidhean air gnè shònraichte an alagoraidh Chrìostaidh. Ach ann an earrainn air a' bhròn-chluiche atharraiseach-ìosal canaidh Frye:

The root idea of pathos is the exclusion of an individual on our own level from a social group to which he is trying to belong. Hence the central tradition of sophisticated pathos is the study of the isolated mind, the story of how someone recognizably like ourselves is broken by a conflict between imaginative reality and the sort of reality which is established by social consensus. Such tragedy may be concerned, as it often is in Balzac, with a mania or obsession about rising in the world, this being the central low mimetic counterpart of the fiction of the fall of the leader. (1957, 39)

Rinneadh co-dhùnadh shuas gu bheil a' mhòr-chuid den dàn a' leantail nòs na bròn-chluiche, ged a tha a chrìoch agus an teachdaireachd spioradail ga fhàgail na ghreanna-chluich. A' coimhead air an earrainn aig Frye, tha e follaiseach gu bheil earrannan na bròn-chluiche ag obrachadh sa mhodh atharraiseach-ìosal seo. Stèidhicheadh e air neach fa leth, leis na trioblaidean aige fhèin fa chomhair an leughadair an-còmhnaidh, ach a-mhàin far a mhìneachar gnìomhan Catrìona ann an Duan II. Aig ìre na coimhearsnachd, tha Domhnullan a' seachnadh nàire le bhith dol dhan chogadh ach chaill e am prìomh cheangal aige ris a' choimhearsnachd, leannanachd Catrìona, nuair a dh'fhalbh e. Ann an Duan II, tha dà earrainn gu math follaiseach a' tachairt fa chomhair na coimhearsnachd. Nuair a chìthear an

taisbeanadh sna speuran (*Domhnullan*, 21-22) thathar uile cruinn còmhla a' gearradh mòine air Blàrna-Fala. Tha am Filidh Aosda den bheachd gur e Domhnullan a thuiteas san taisbeanadh:

Ach 'n a measg-san, mo thruaigh!  
Air an lòn dh'fhàgte fuar,  
Marbh, ar Domhnullan, 's bhuaith'  
Fhuil a' srùladh 's an uain'  
'N a geugan. (*ibid.*, 24)

Agus 's ann nuair a tha na h-aon caractairean còmhla a-rithist is iad a' togail Carragh-Cuimhne Innis-Bhrògaig (*Domhnullan*, 26-27) a tha iad a' tuigsinn gun do rinn iad mearachd. 'S ann aig a' Charragh-Chuimhne a bhiodh Domhnullan air an cliù a bha e a' sìreadh sa bhlàr fhaotainn. An àite sin, tha aon de na saighdearan ag innse gur e fear eile, Calum Aird na Dige, a thuit sa bhlàr is a chaidh a chòmhdachadh gu luath le ùir, los nach biodh na h-eòin ga reubadh.<sup>9</sup> B' e an "social consensus," mar a theireadh Frye air shuas, fo stiùireadh an Fhilidh gu bheil Domhnullan marbh, ged a tha e, na bheachd fhèin agus am beachd dhaoine taobh a-muigh a choimhearsnachd, air euchdan mòra a dhèanamh is e an dùil tilleadh dha ghaol, Catrìona. San dàrna leth den dàn, nuair a tha Domhnullan air èirigh gu ìre iomraiteach san stàit, tha e fhathast aonranach is an lionn-dubh ga bhualadh. Mar sin tha an sgaradh bunaiteach, eadar na bha e fhèin a' sìreadh agus na bha gu bhith na bhuannachd dha air a thaisbeanadh. Mar a dh'fhaighnich taibhse Ghilleasbuig Bhàin air, "Is nach d'fhuair | Thu miann do chridhe?" (*ibid.*, 51). Tha *pathos* modh bròn-chluiche atharraich-ìosal gu math follaiseach le sin.

Ged a tha Frye ag ràdh gur e neach aig an aon ìre ruinn fhìn a th' ann am prìomh caractair atharraich-ìosal mar as trice, tha e cuideachd ag ràdh gur tric tha e na ghille òg neo na bhoireannach bochd, leithid Tess of the d'Urbervilles (1957, 38). Bheireadh seo mìneachadh air a' bheagan dìth inbhe a tha ri fhaicinn ann an "Domhnullan": far-ainm a chumas an caractar ann an suidheachadh mì-fhoirmeil, ìosal am bliadhnaichean neo inbhe, ged a tha taobh blàth-chridheach à guth an aithriseir air cuideachd. Sna h-earrannan far a bheil Domhnullain aig àirde a shoirbheis saoghalta, cleachdaidh Mac

<sup>9</sup> Tha an samhla sin fhèin ga cheangal ri bròn-chluichean na Grèige, le *Antigone* (Sophocles, 1982, 60) a' tiodhlagadh a bràthar gu mì-laghail air an aon adhbhar, is sin a' toirt air na trioblaidean aicese cinntinn.

Chalum an tìotal ‘Triath-nam-Binnean’ air a shon gu tric is buaidh ro chaidreachail “Dhòmhnullain” soilleir dhan leughadair.

Ged a tha aon mhodh a’ stèidheachadh gleus bhun-steidheach [*underlying tonality*] an dàin air fad, thèid na diofar mhodhannan a chleachdadh còmhla (Frye, 1957, 50). Tha eadar-dhealachadh ann eadar earrann a tha atharraiseach-ìosal san dol seachad agus structar atharraiseach-ìosal. Mar sin tha blas nam modhannan nas àirde am follais cuideachd, an dà chuid buaidhean Dhòmhnullain fhèin a tha ga thoirt gu mullach na stàite (àrd-atharraiseach) agus le sgeulachdan Mhàmon agus Craobh a’ Gheallaidh (romansail).

A’ leasachadh seo beagan, gu math tric bidh pìos sgrìobhaidh a’ coimhead air ais gu linn nas tràithe, gu h-àraidh dà mhodh nas tràithe (ibid., 50). Chìthear buaidh litreachas romansail gu soilleir san dàn, gu h-àraidh *The Faerie Queene*. Tha e fhathast atharraiseach-ìosal a dh’aindeoin na dòigh sa bheil Mac Chalum a’ toirt nan strithean pearsanta is saidhceòlach gu bith le Craobh a’ Gheallaidh agus Màmón. Chìthear gu h-ìosal gu bheil buaidh Mhilton agus Bhuinian a’ tighinn gu bàrr na chainnt agus san ìomhaigheachd aige. Bhiodh Mac Chalum an dùil gum biodh eòlas aig a luchd-leughaidh air na sgrìobhadairean sin, gu h-àraidh an dàrna fear. Tha Mac Chalum cuideachd a’ dèanamh iomraidhean air sgeulachdan an t-Seann Tiomnaidh leithid nam fàidhean sna h-uamhan (1 Rìgh. 18-19); Mispah Iacob agus Laban (Genesis 31: 49); An Airc (Genesis 6-9) agus Beulah (Isaiah 62: 4). Agus coimheadaidh Mac Chalum air ais gu àrd rèim sgrìobhaidh spioradail sa Ghàidhlig le cleachdaidhean cainnt seann-fhasanta leithid “do” a’ cleachdadh mar phàirt den ghnìomhair san trath sheachad, leithid “Do shuidh” (*Domhnullan*, 15).

A’ coimhead air an dàn mar sgrìobhadh cuspaireil tha buaidh *Turas a’ Chrìosdaidh* (Bunian, 1812) a’ toirt sealladh nas fheàrr dhuinn air mar a bhiodh *Domhnullan* a’ laighe ann an siostam Frye. Coltach ri *Turas a’ Chrìosdaidh* tha *Domhnullan* na dhàn eansaidhcleapach le Mac Chalum mar aithrisear stèidhichte ann an coimhearsnachd cheangailte le buaidhean creidmheach agus cultarail is e a’ taisbeanadh iad seo ann an stoidhle oideachail. Bha *Turas a’ Chrìosdaidh* gu math cudromach sa Ghàidhlig, gu h-àraidh san naoidheamh linn deug. Chaidh eadar-theangachadh a dhèanamh le Pàdraig

MacPhàrlain (1752-1832) ann an 1812. Chaidh iomadach ath-bhualadh a dhèanamh is dh'fhàg e buaidh mhòr air mac-meanmna luchd-leughaidh na Gàidhlig. Do Dhòmhnall Meek (2002, 93) choisinn eadar-theangachadh MhicPhàrlain inbhe mar “the shared spiritual biography of the Gaelic people.” Ged nach urrainnear sin a dhearbhadh airson nan Gàidheal air fad, thug e buaidh mhòr air a’ choimhearsnachd Chlàireach, gu h-àraidh orrasan leithid Mhic Chaluim a bha foghlaimte le ùidh ann an litreachas.

A’ coimhead air *Turas a’ Chrìosdaidh* bho a shealladh eachdraidheil tha Frye ga chur mar dhàn àrd-aithriseach eansaidheach. Aidichidh e mar an ceudna gu bheil e a’ riochdachadh gluasad a dh’ionnsaigh an atharraisich-ìosal: “Along with *The Pilgrim’s Progress*, [*Paradise Lost*] constitutes a kind of introduction to English low-mimetic, being in one of its essential aspects the story of the Everyman” (Frye, 1957, 58). ’S e sin aon de na ceanglaichean eile le dàn Mhic Chaluim; a dh’aindeoin a sgeulachd annsaich tha Domhnullan na “Ghach-duine” mar an ceudna.

Ged a tha duilgheadasan seòrsachaidh ann, ’s urrainnear *Domhnullan* a shuidheachadh ann an siostam Frye agus tha seo cuideachail gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air ann an suidheachadh nas fharsainghe litreachas na h-Eòrpa. Tha na h-earrannan spioradail, far a bheil e a’ coinneachadh ri Màmon, is Seòlta, neo a’ fàgail a chridhe fo Chraobh-a’-Gheallaidh a’ sealltainn gu bheil buaidh gu math làidir romansail air an dàn. Seallaidh e cuideachd buaidh fhollaiseach nan dàn fada leithid *Turas a’ Chrìosduidh* agus *Paradise Lost*. Ach eu-coltach riuthasan, agus *The Faerie Queen*, tha ìorantas agus toiseach-tòiseachaidh saidhceòlas simplidh a’ nochdadh gu follaiseach ann an gnìomhan Domhnullain a tha ga fhàgail beagan nas cofhurtaile am measg a cho-aoisean aig toiseach an fhicheadaimh linn. Agus a thaobh nan caractairean agus a’ mhòr-chuid de na suidheachaidhean aca tha e san atharraiseach-ìosal. Bha Terry Eagleton (2003, 58) den bheachd gu bheil an siostam aig Frye na “mildly pathological categorizing of the world” is chan e dìreach saothair Mhic Chaluim a tha duilich a sheòrsachadh na bhroinn, ach leanaidh Frye air sna h-aistichean eile gus an siostam eachdraidheil aige a cheangal ris na dòighean sgrùdaidh eile, agus iad uile a’ tighinn còmhla san taisbeanadh iomlan aige air sgrùdadh litreachais.



## 5.6 Ìomhaigheachd Arcataipeach

'S e sgrùdadh arcataipeach, a tha Frye a' taisbeanadh san treas aiste, an dòigh-mheasaidh as fheàrr gus na diofar seòrsaichean sgrùdadh litreachais a cheangal còmhla, na bheachdsan (1957, 341). 'S i an aiste as meudmhoire agus 's i an tè a bu mhotha a chleachd Dymock (2008) airson a tràchdais. A' dèanamh coimeas le peantadh, agus mar a tha cruinneadaireachd, a tha nas eas-cruthaiche, a' soilleireachadh structar deilbh, ar le Frye (1957, 134) gun urrainnear ùirsgeulan nas eas-cruthaiche a lorg gus structuran bitheanta litreachais a shoilleireachadh. Le bhith a' coimhead air an aiste aig Frye, agus ga chleachdadh le *Domhnullan* gheibhear tuigse air mar a dh'fhaodar an dàn a sheòrsachadh a thaobh ìomhaigheachd agus nan structaran as bunaitiche a gheibhear ann an litreachais an t-saoghail (Hamilton, 1990, 123).

Coinheadaidh Frye (1957) air ìomhaigheachd an toiseach, agus an uair sin air mar a bhios an sgeulachd a' gluasad aig ìre arcataipeach eadar na diofar seòrsaichean ìomhaigheachd sin. Nì Frye iom-sgaradh sa chiad dol a-mach eadar ìomhaigheachd thaisbeanail [*apocalyptic*] agus dheamhanail [*demonic*]. Tha a' chiad fhear stèidhichte air miann, tlachd agus deagh bhuaidh mic-an-duine air nàdar (*ibid.*, 141). Thug Frye an t-ainm aige airson an t-seòrsa ìomhaigheachd seo bho leabhar deireannach a' Bhìobail agus e den bheachd gur e am Bìoball prìomh thùs ùirsgeulan litreachas na h-Eòrpa (*ibid.*, 140). 'S e ìomhaigheachd dheamhanail an ìomhaigheachd a tha stèidhichte air sgreabh; droch bhuaidh mic-an-duine agus air cumhachd neo-riaghailteach nàdair (*ibid.*, 147). Ach leis gu bheil an dà sheòrsa ìomhaigheachd seo stèidhichte air saoghal sìorraidheil, tha a' mhòr-chuid de litreachas fhèin a' cleachdadh ìomhaigheachd eadar an dà phòla seo, ann an saoghal caochlaideach nàdair.

Cleachdaidh na trì modhan eile de dh'ìomhaigheachd mar sin ìomhaigheachd a tha analogach ris an dà sheòrsa ìomhaigheachd ùirsgeulach. Tha diofar ìrean de dh'fhar-fhuadachadh [*displacement*] air a chleachdadh a' cruthachadh eadar-dhealachadh eadar ìomhaigheachd an litreachais agus na h-ùirsgeulan air a bheil e stèidhichte (*ibid.*, 136): ma dh'fhaoidte nach biodh ach coltas co-thuiteamail eadar ìomhaigheachd ion-mhiannaichte ann an dàn àrd-atharraiseach agus ìomhaigheachd thaisbeanail m.e. buaidhean nèamhail rim faicinn ann an suidheachadh caisteil shaoghalta. Tha am modh

atharraiseach-ìosal far an stèidhichear an dàn, agus a’ mhòr-chuid den corpas, ceangailte san aon dòigh ri ìomhaigheachd dheamhanail (*ibid.*, 154). Tha gu leòr den ìomhaigheachd stèidhichte air sgreamh agus beatha chruaidh: cogadh, obair chruaidh neo stoirmean mara mar eisimpleir.

Ìomhaigheachd Arcataipeach	Modh Ceangailte	Ìomhaigheachd Cumanta
Taisbeanail	Ùirsgeulach	Gàrradh Phàrais; cathair-bhaile Dhè; crò-chaorach; craobh naomh; teampuill;
Analogaidh de Neo-Chionnt	Romansail	Gàrraidhean saoghalta, caistealan, sìthean, saoghal draoidheil
Analogaidh de Nàdar agus Ceud-Fath	Àrd Atharraiseach	Prìomh bhaile na dùthcha, le prìomh aibhne dol troimhe; rìghrean; crùn, cùirt agus claidheamh an rìgh.
Analogaidh de dh’Fhiosrachadh is Eòlas [ <i>experience</i> ]	Atharraiseach-Ìosal	Tuathanais, is beathaichean làitheil; Baile mòr mòdairneach; a’ mhuir; Innealan Obrach.
Deamhanail	Ìoranta	Dia do-thuigseach, chorrach; dubh-Choille/ frìth, (uile)bheistean, prìosan, crannan (ceusaidh), craobhan mollaichte, ceannard ceannairceach

**Clàr 10- Ìomhaigheachd Arcataipeach Frye, 1957, 141-58**

Chan fheum dà phìos sgrìobhaidh a bhith coltach ri chèile idir ged a tha iad ceangailte gu h-arcataipeach ann an ìomhaigheachd — san aon dòigh ’s a dh’fhaodadh dà phìos ciùil a bhith ceangailte ann an gleus ach gu math eu-choltach ri chèile (*ibid.*, 136).

Tha ìomhaigheachd cruinne-cè *Dhomhnullain* a’ ruith gu math farsaing eadar an dà phòla aig Frye agus e a’ dol eadar Teampuill Mhàmoir a bha “mar mheur | De Shionagor an t-Sàtain”<sup>10</sup> (*Domhnullain*, 33); an uamh aige “fo bheanntan corrach, àrd [...] a shireadh leo troimh iomadh lùb” (*ibid.*, 55) agus sealladh taisbeanail Mhic Chaluim de dh’Emanuel agus an aingeal a’ toirt spioraid Dhomhnullain suas a nèamh (*ibid.*, 57-58). Tha an ìomhaigheachd taisbeanail de Dhomhnullan a’ dìon Emanuel le chridhe, a’ tighinn bhon ‘Cogadh Spioradail’ (*ibid.*, 57-59), an earrann as fhollaisiche den taisbeanail is an deamhanail san dàn:

Sin feachdan geal nam Flath-Innis, is sluagh  
An Eilean Reòidhte’ – gur h-iomadh treun fo chruaidh.

<sup>10</sup> Tha seo na iomradh air Taisbeanadh 2:9 agus 3:9. Nochdaidh an abairt ann an Aidmheil Westminster (MacPherson, 1881, 144) cuideachd, agus mar mhinistear bhiodh Mac Chalum eòlach air bhon dà thùs, tha e coltach. San Aidmheil tha e a’ nochdadh ann an co-theagsa ana-Chaitligich, chan e ana-Iudhaich. Tha e coltach gur e an ceangal le beartas saoghalta a tha fa near do Mhac Chalum.

A leagte sìos do'n ùir. Ach thàinig là,  
 'S a' mhire-cath bu chruidh, 's am fac an sàr  
 An sealladh so: Beelsebub, le straon  
 Bu chunnartaich, a' teachd air fear a Ghaoil  
 Emanuel, 's dha féin a' sireadh ròd  
 Gu dol g'a chòmhnadh, bhris e chladheamh-mór,  
 Is, feuch, 'n a eud, gun aige nì na b'fhearr  
 A chridh a thaobh do thilg e 'n suil an nàmh,  
 Mar sin g'a dhalladh anns an uair, 's gu bhi  
 'G a thoirt gu talamh. [...] (*Domhnullan*, 57)

Chithear gu follaiseach an seo buaidh obair Mhilton agus na cathan ann am *Paradise Lost* (2004, 146-66) ach cuideachd mar a bha Mac Chalum (1917, 163-65) air sgrìobhadh air na h-aislingean spioradail a bha a' tighinn thuige. Tha samhachas a' chridhe a tha cho bunaiteach san dàn ri fhaicinn a-rithist, dìreach mus toir Iosa cridhe Dhomhnullain an àirde còmhla ris gu nàmh. 'S e an ìobairt seo a rinn Domhnullan, le a chridhe fhèin, a tha ga shàbhaladh ann an seagh spioradail (*Domhnullan*, 57-59).

Ma choimheadar air ìomhaigheachd Chraoibh a' Gheallaidh (*ibid.*, 8-9; 17), gheibhear eisimpleir air mar a thèid ìomhaigheachd thaisbeanail far-fhuadachadh mar a mhìnich Frye (1957, 136). Bha esan den bheachd gur e ìomhaigh thaisbeanail a bh' anns a' Chraoibh Naoimh neo Craobh na Beatha a nochdas anns a' Bhìoball (Genesis 2:8; Taisb. 22:2) is e a' riochdachadh saoghal nan lusan aig ìre thaisbeanail (Frye, 1957, 141). B' e an taobh an aghaidh seo droch chraobhan leithid Craobh Eòlais a' Mhaith agus an Uilc (Genesis 2:8) neo an craobh-fige mallaichte (Mata 21:22), (Frye, 1957, 149). Aig ìre ùirsgeulach a' Bhìobaill, tha Craobh na Beatha agus Craobh an Eòlais a' nochdadh ann an sgeulachd Adhaimh is Eubha, far an do bhriseadh gealladh leotha agus far an do chaill mac-an-duine a neo-choireachd. San dàn, is sinn ann an saoghal atharraiseach-ìosal Innis-Brògaig, bidh a' chraobh a' cumail cuid de na ceanglan ùirsgeulach seo.

Tha a' chraobh co-cheangailte ri bòidean gaoil na càraide, is Domhnullan a' toirt a chridhe do Chatriona foidhpe. Nuair a tha i den bheachd gun do thuit e sa bhlàr agus càiridh Catriona cridhe Dhomhnullain fon chraoibh thèid a ghlèidheadh an sin gus an till Domhnullan air a son. 'S e tachartas romansail a tha seo, 's e sin aon cheum sìos bhon t-saoghal thaisbeanail. Chan eil sinn a' faighinn tuairisgeul àraid mun chraoibh fhèin, ach bhon ainm tha e coltach gur e àite cudromach sa

choimhearsnachd a bh' ann a thaobh suirighe, is i suidhichte ann an “Gleann na Suiridh” (*Domhnullan*, 8) rud nas fhaighe air saoghal làitheil an atharraisich-ìosail na ceangalan ùirsgeulach na craoibhe. Tha suidheachadh arcataipeach na craoibhe a' doimhneachadh teachdaireachd mhoralta an dàin; coltach ri Genesis bidh call neo-choireachd an duine ag adhbharachadh miann-ghlòir a tha a' toirt air buairidhean ùra a chruthachadh dha fhèin. Agus coltach ri sgeul Genesis agus *Paradise Lost*, tha gu leòr den choire air a chur air a' bhoireannach. Mar sin tha Domhnullan ag ràdh ri Catrìona, “ach agad féin | Tha mise fàgail breith a thoirt 's a' chùis” (*Domhnullan*, 9) agus 's ann aistese a thig am beachd a chridhe fhàgail còmhla rithe. Tha seo an dà chuid ag ìsleachadh ciont (neo gealtachd) Domhnullain agus a' neartachadh nam feartan ana-boireannta as urrainnear faicinn ann an sgeulachd ùirsgeulach Ghàraidh Eden.

A' coimhead air cuid de na suidheachaidhean eile san sgeulachd a tha a' riochdachadh nam pàtrannan a mhothaich Frye, tha toiseachd-tòiseachaidh soilleireachadh Dhomhnullain a' tighinn “'N uair dh' éirich Domhnullan a suas gu bàrr | Na beinne 's àirde ceann an Tir-na-Stàid | Is sheall e as a dheigh gu Sléibhte Stòr” (*Domhnullan*, 41). Tha am buaireadh a tha a' tighinn, a' riochdachadh an eòlais a gheibh e bhon t-saoghal chaochlaideach agus an t-saoghal thaisbeanail a' tighinn ri chèile. Gheibh Domhnullan an t-eòlas, aig an ìre seo fo mhothachail, air a staid spioradail airson a' chiad uair, nuair a dhìreas e an àird a dh'ionnsaigh nan nèamhan. Nì Mac Chalum an ceangal ceudna agus Domhnullan a' meòrachadh air dol dhan chogadh is Catrìona fhàgail:

Fo riasladh spioraid do nach b'aithne suain  
No socair, là bha sin chaidh Domhnullan a suas  
Os ceann a' ché gu mullach sléibhte',  
A shaoileadh leis bha ruigheachd geata Néimh. (*Domhnullan*, 7)

Mar a tha Frye (1957, 203-206) ag ràdh 's urrainnear an samhlachas arcataipeach de dh'àite eadar an talamh sna speuran fhaicinn gu math tric ann an litreachas, is e a' toirt an t-ainm Puing a' Chinn-Achra [*point of epiphany*] air. Nochdaidh e ann an àradh Iàcob (Genesis 28: 10-17); Maois air Beinn Shinia (Ecsodus 19-31) neo, ann an litreachas na h-Eòrpa, air sreap na beinne ann am *Purgatorio* (Dante,

1971). 'S ann air Beinn Ararat fhèin, far an deach an Àirc air na creagan nuair a dh'ìslich an Tuil Ruaidh (Genesis 8: 4), a chì Domhnullan Atra Cura (45-47) mu dheireadh mus dèan e an aoir oirre.

Tha an aon sheòrsa suidheachaidh arcataipich ri fhaicinn nuair a tha muinntir Innis-Bhrògaig shuas a' buain mòine air Blàr-na-Fala. 'S ann an sin a gheibhear sealladh os-nàdarra air na tha a' tachairt san Fhraing, a tha na laighe air am beulaibh "mar Bheulah féin" (*Domhnullan*, 21). Nì an co-samhla sin ceangal le *Cuairt an Oilthirich* (Bunian, 137) far a bheil Beulah na phàrras saoghalta dìreach mus ruigear Pàrras; ach cuideachd chleachd an Romansach Blake (1979, 287) Beulah sa chruinne-cè chruthachail aigesan mar àite-nèimhidh far nach robh strì ri fhaicinn. Ach a-rithist tha e coltach gu bheil suidheachadh na coimhearsnachd air an t-sliabh na adhbhar is gu bheil iad a' faicinn nan seallaidhean seo. Tha am Filidh Aosta na dheagh eisimpleir eile de dh'fhar-fhuadachadh, de charactair an fhàidh air ìsleachadh gu saoghal aithreasach-ìosal an taigh-cèilidh, ged a tha Mac Chalum a' glèidheadh nan ceangalan os-nàdarra aige le bhith cleachdadh an tiotail nas cliùitiche agus nas sine air a shon. 'S urrainnear buaidh làidir suidheachadh nam beann fhaicinn gu follaiseach sa *Chuilithionn* mar an ceudna, far an tèid gaisgich cruinne-cè a' bhàird a chur air mullach a' Chuilithionn (MacGilleain, 2011, 109). Agus chunnacas mar-thà ann an Caibideil 4 mar a bha ciall is òrdugh tighinn a-nuas às na speuran ann an *LNSS*.

A' leantail air adhart bho seo tha ceangal ann eadar ìsleachd agus an saoghal deamhanail: dùisgidh Domhnullan bhon dà thuras aige do lùchairt Mhàmoin is e air a' mhachair (*Domhnallan*, 37, 55). Agus air an turas aig Domhnullan gus a chridhe fhaighinn air ais 's ann ann an uaimh fo bheanntan sgorrach a gheibhear e (*ibid.*, 53). Ged a tha lùchairt Mhàmoin fhèin air sliabh (*ibid.*, 53), tha sin air aon de na suidheachaidhean deamhanail aig Frye (1957, 149), mar a gheibhear ann an *Wuthering Heights* (Brontë, 2003) mar phrìomh eisimpleir. B' urrainn dha bhith na cheangal follaiseach le sannt nan uachdairean, agus na frithean acasan, leis gu bheil Domhnullan a' leantail sgeulachd cuid dhiubh a dh'èirich tro mhalairt gu bhith nam fir-seilbh fearainn san naoidheamh linn deug.

Tha uamh Mhàmoin fhèin na eisimpleir eile de dh'ìomhaigheachd arcataipeach a tha gu h-àraidh ceangailte ri bàrdachd agus an dàn fada. Taisbeanaidh e an dà chuid ìomhaigheachd dheamhanail agus

ìomhaigheachd thaisbeanail a tha a’ fulang cruth-atharrachadh deamhanail [*demonic modulation*] Frye (1957, 156). 'S e seo “The deliberate reversal of the customary moral associations of archetypes.” Anns am *Faerie Queene* (Spenser, 1977), nochdaidh e mar uamh uabhasach, le diofar sheòmraichean:

That houses forme within was rude and strong,  
Like an huge caue, hewne out of rocky clift, [...]

Both rooffe, and floore, and wals were all of gold,  
But ouergrowne with dust and old decay,  
And hid in darknesse, that none could behold  
The hew thereof: for vew of chearefull day  
Did neuer in that house it selfe display, [...]

Thence forward he him led, and shortly brought  
Vnto another rowme, whose dore forthright,  
To him did open, as it had beene taught:  
Therein an hundred raunges weren pight,  
And hundred fornaces all burning bright; [...]

He brought him in. The rowme was large and wide,  
As it some Gyeld or solemne Temple weare:  
Many great golden pillours did upheare  
The massy rooffe, and riches huge sustayne,  
And every pillour decked was full deare  
With crownes and Diadems, and titles vaine,  
Which mortall Princes wore, whiles they on earth did rayne.  
(Spenser, 1977, 229-32)

San t-seòmar mu dheireadh seo tha nighean Mhàmon, Miann-ghlòir, na suidhe air cathair. Ann an *Domhnallan* tha e follaiseach bhon dàrna còmhraidh eadar ‘An Cridhe ‘s an Inntinn’ (31-33) gur e miann-ghlòir a tha a’ toirt air adhradh a thoirt do Mhàmon. Ann an Spenser tha ìomhaigheachd dheamhanail nam fùirneisean, agus nan droch spioradan a tha gan obrachadh, a’ taisbeanadh droch bhuaidh mic-an-duine agus a ghnìomhachasan. Tha an cruth-atharrachadh deamhanail air beartas a’ Bhaile Nèimhidh a chìthear ann an seòmair-chathrach Miann Ghlòir co-shìnteach, ris an dòigh san tèid soirbheas agus deagh ghnìomhan a thrùilleadh le spiorad a’ Mhiann-Ghlòir.

Tha Màmón a’ stiùireadh a’ ghaisgich Guyon tron rìoghachd aige a’ feuchainn ri bhith ga bhuaireadh le diofar dhuaisean (Spenser, 1977). Tha seo iomchaidh airson litreachais romansail: an gaisgeach air turas is a’ giùlan nan cnapan-starra aige mu seach. An coimeas ri seo tha Mac Chalum a’ cleachdadh uamh a tha stèidhichte air saidhceòlas an neach-fhradhairc; cha nochd e ach dhaibhsan a tha deònach

adhradh a thoirt do Mhàmoir agus thig caochladh air Sannt agus Seòlta a rèir staid spioradail an neach-fhradhaire (*Domhnullan*, 33-36). Ged a tha e na thachartas romansail, tha a' bhùn-stèidh atharraiseach-ìosal a' stèidhich Mhic Chalum a' toirt air iomraidhean a dhèanamh air dròbhair eile Calum Cràgach, agus an dròbhaireachd nas fharsainghe (*ibid.*, 34-35). Tha seo gu tur eadar-dhealaichte bho dhraghan Guyon a tha a' cur spèis air gaisge agus euchdan.

Tha Mac Chalum an eisimeil Milton mar an ceudna, an dà chuid air mar a leasaich esan caractar Mhàmoir agus ìomhaigheachd na h-Uamha. Nì Mac Chalum iomradh follaiseach air *Paradise Lost*:

High on a throne of royal state, which far  
Outshone the wealth of Ormuz and of Ind,  
Or where the gorgeous East with richest hand  
Showers on her Kings barbaric pearl and gold,  
Satan exalted sat, [...] (Milton, 2004, 32)

Gu h-àrd, air cathair, ann am mórachd glòir,  
A b'i macsamhail chuir, 's an t-Slochd air dòigh  
D'a Rìgh, 's an sgàil' chuir Ormus agus Ind—  
Ciod b' àill leis dheanamh ris chuir e 's a' ghriòs: — (*Domhnullan*, 33)

Bha na h-Innseachain fo Impireachd Bhreatainn tòrr na b' fhaisge ann am mac-meanma nan Gàidheal sna 20an na dùthaich leth-ùirsgeulach Mhilton. Tha an dà às-earrann nan deagh eisimpleirean air cruth-atharrachadh deamhanail air ìomhaigheachd saoghal an taisbeanaidh, mar a bha seòmar na Miann-Glòir aig Spenser cuideachd. A thaobh nam modhan eachdraidheil aca, ged tha an ìomhaigheachd gu math coltach, labhraidh an Sàtan mu dhèidhinn phlanaichean airson cogadh ùr an aghaidh Dè (Milton, 2004, 31-44) mar a tha iomchaidh do sgeul àrd-atharraiseach, is labhraidh Domhnullan, mar a chunnacas mu chrodh agus Calum Cràgach (*Domhnullan*, 34-35), aig ìre an atharraisich-ìosal.

Chithear mar sin gu bheil siostam arcataipeach Frye a' toirt deagh mhìneachadh air cuid de h-eadar-dhealachaidhean eadar *Domhnullan* agus na dàin fhada a chleachd Mac Chalum airson iomraidhean agus bun-stèidh. Tha e mar an ceudna na dheagh ghòireas gus na ceanglaichean eadar dàn Mhic Chalum agus na dàin fhada eile seo a lorg sa chiad dol a-mach. Sheall an sgrùdadh seo mar a tha ìomhaigheachd à dàn Gàidhealach bhon fhicheadamh linn ceangailte ann an dòighean gu math bunaiteach ri dàin, agus tachartasan bho dhàin, a nochd ann an litreachasan agus linntean eile.

### 5.7 Domhnullan agus Mythos

Mas e is gu bheil na structuran de dh'ìomhaigheachd arcataipeach shuas a' buntainn ris na diofar ghleusan [*tonality*] as urrainn a bhith air ìomhaigheachd, tha an naidheachd a' gluasad eadar na diofar seòrsaichean ìomhaigheachd sin (Frye, 1957, 158). Tha cruth cearclach *Domhnullain* air a neartachadh le Mac Chalum ag ath-chleachdadh nan tiotalan aige air dà earrainn: 'An Cridhe 's an Inntinn' (7-9; 31-33) agus 'Cruaidh-Ghleac' (16-17; 55-56). Soilleirichidh an co-shìneadh seo cuid de na ceanglaichean cuspaireil eadar na diofar roghainnean a nì Domhnullan le chridhe. Do Frye (1957, 158), tha an saoghal nàdarra a' gluasad gu cearclach, a' dol eadar beatha is bàs aig an ìre as bunaitiche. Sheall Dymock (2008, 4-5; 192-193) air ceanglaichean samhlaich a' ghluasaid seo tro shamhla Cuibhle an Fhortain. Thèid car-gluasadan an fhortain shealltainn ann an *Domhnullan* cuideachd, ach fo bhuaidh cruth na sgeulachd nas motha de shàbhaladh san dualchas Chrìostaidh. Mar sin, ged a thèid a' chuibhle mu chuairt, aig crìoch an dàin èiridh Domhnullan os cionn an t-saoghail chaochlaidich do shaoghal an taisbeanaidh.

Seòrsaichidh Frye na diofar ghluasadan cearclach seo a tha rim faicinn ann an litreachas (1957, 162), ag ath-chleachdadh cuid den bhriathrachas aige bhon chiad aiste is e a' feuchainn ri freumh sgeulachdan neo *mythoi* a lorg. Ach san treas aiste aige thèid na diofar seòrsaichean sgeulachd a sgrùdadh bho shaoghal cearclach arcataipeach nas fharsainghe, an àite siostam Aristotaileach nam modhan a-mhàin:

<b><i>Mythos an Earraich</i></b>	Greanna-Chluich	An gaisgeach ag èirigh.
<b><i>Mythos an t-Sàmhraidh</i></b>	Romans	Saoghal an Romans, le tachartasan ùra a' leantail air adhart.
<b><i>Mythos an Fhoghair</i></b>	Bròn-Chluich	An gaisgeach a' tuiteam.
<b><i>Mythos a' Gheamhraidh</i></b>	Aoir is Ìorantas	Saoghal an ìorantais, le Gaisgeach ann an slabhraidhean daorsa.

Clàr 11 - *Mythoi* Frye (1957, 162)

Mar a mhothaichear nuair a choimheadar air modh an dàin shuas, thèid Domhnullan fhuadachadh bhon choimhearsnachd aige sa chiad leth; caillidh e a chuid beartais saoghalta san dàrna leth ach thèid a shàbhaladh aig a' chrìoch. Thèid an sgeulachd sìos gu saoghal deamhanail a' chogaidh agus lùchairt



coirbte Mhàmoir an uair sin suas dhan t-saoghal thaisbeanail aig crìoch an dàin le bàs Dhomhnullain is an taisbeanadh mu dheireadh aige. Tha structar nan ceithir Duan agus ath-aithris cuid den ìomhaigheachd bhunaitich, leithid samhachas a' chridhe, an dà chuid a' neartachadh agus a' leasachadh a' ghluasaid seo. Ma dh'aontaichear le Frye (1957, 140) gum faighear sealladh nas fheàrr air cruth an dàin le ceum air ais gus am bi na prìomh eileamaidean a-mhàin fa near dhut, bidh coimeas eadar an dà leth, agus roghainnean Domhnullain anns gach fear, a' toirt sealladh nas fheàrr dhuinn air eileamaidean bunaiteach an dàin.

Ged a tha na ceithir *mythoi* aig Frye ceangailte ri gluasad cearclach beatha mic-an-duine cuideachd (*ibid.*, 159), chan eil suaicheantasan Mhic Chaluim a' leantail siostam Frye gu dlùth. Leanaidh na suaicheantasan uairean an latha, ach chan eil ceangal ro làidir ann eadar iad sin agus beatha Dhomhnullain fhèin. Mar eisimpleir tha Duan II a' tòiseachadh le suaicheantas na maidne, ach tha an Duan sin a' coimhead air tachartasan ann an Innis-Bhrògaig, cuid dhiubh a leithid Blàr-na-Fala, ro chuid de thachartasan Duain I is iad a' mìneachadh na thachair sa chiad earrainn. Mar sin tha cuid de 'Dhuan II – Maidne' a' tighinn ro 'Dhuan I - Briseadh Faire' is gun ceangal ro dhlùth eadar na suaicheantasan agus saoghal aimsireil an dàin. Ach tha ainm nan suaicheantasan seo a' neartachadh an t-seallaidh de ghluasad cearclach air beatha mic-an-duine san dàn san fharsaingeachd.

Bhon sgeulachd tha e follaiseach gu bheil dà fho-sgeulachd bhròn-chluicheil ann an Domhnullan. Gach uair a tha Domhnullan a' toirt seachad a chridhe tha e a' faighinn soirbheas ann an dòigh a bu mhiann leis, ach thèid dàil a chur air ann an dòigh nach saoiladh leis. Sa chiad leth 's e an taisbeanadh aig Blàr-na-Fala (*Domhnullan*, 21-22) agus san dàrna leth 's e "Atra Cura" (*ibid.*, 45-47) agus a dhroch shlàinte (*ibid.*, 41-42) a chuireas bacadh air. Tha a' chiad leth na bhròn-chluiche coileanta is saoghal Domhnullain a' tuiteam às a chèile, ach san dàrna leth thèid crìoch bròn-chluicheil a sheachnadh le taibhse Ghilleasbaig Bhàin agus buaidh a' chreidimh Chrìostaidh.

Tha buaidh sgeulachd na h-aiseirigh cudromach an seo, mar a chunnacas: "The sense of tragedy as a prelude to comedy seems almost inseparable from anything explicitly Christian" (Frye, 1957, 215). Chithear seo gu soilleir ann an dàin eile san trachdas: na h-iasgairean is a' mhàthair bhochd ann an

*LNSS* neo fiù 's sàbhaladh saoghalta *A' Chuilithionn*. Is tha e fìor airson an dàrna leth de *Dhomhnullan* mar an ceudna. Gu dearbh b' urrainnear a' chiad leth fhaicinn nas fhaisge air bròn-chluiche Ghrèigeach neo ro-Chriostaidh, agus an dàrna fear fhaicinn mar bròn-chluiche Chriostaidh. 'S e sin, gu bheil am fulangas aig Domhnullan sa chiad leth a' tighinn air gu ìre mhath gun adhbhar: cha bhiodh e air tachairt gun sealladh àraid Blàr-na-Fala agus mìneachadh mearachdach an Fhilidh. Cuiridh an taisbeanadh blas car ro-Chriostaidh air an earrainn sin den dàin, is e ceangailte gu h-eachdraidheil agus gu h-arcataipeach leis na seann draoidhean. Chìthear buaidh nam bròn-cluichean Grèigich aig ìre nas bunaitiche leis gun do stèidhicheadh soirbheas Dhomhnullain sa chogadh air an dearbh rud a bha gus a thoirt gu h-ìosal a-rithist, a' mhearachd a rinn e a' toirt a chridhe air falbh. 'S e sin a' mhearachd [*hamartia*] chruaidh a rinn e agus a tha ag adhbhrachadh a chaill, a' leantail beachdan Aristotle (1996, 21) air sàr bhròn-chluich.

Anns an dàrna leth, èiridh Domhnullan a-rithist gu suidheachadh cliùiteach ach caillidh e gach pìos den bheartas shaoghalta aige ron a' chrìoch. Chan eil sin gu diofar a thaobh a bheatha spioradail, agus 's e sin a bheir buaidh dha aig crìoch an dàin is a tha ga dhèanamh na ghreanna-chluich. Ach ron a sin chìthear an *hamartia* a' toirt buaidh air leis an tinneas, *Atra Cura* agus an lionn-dubh. A thaobh buaidh air an luchd-leughaidh thig faochadh air an leughadair nuair a thuiteas e bhon t-suidheachadh chliùiteach aige is iad coma mun chall shaoghalta aige leis gu bheil e soilleir gur e buannachd mhoralta a th' ann. Thèid suarachas a chur air an t-soirbheas shaoghalta a bh' aige agus an sgeulachd a-nis a' leantail nòs sgeulachd shàbhalaidh Crìosdaidh.

Tha Gilleasbuig Bàn a' leantail dà nòs chudromach sa ghreanna-chluich. 'S e aon dhiubh caractar a tha a' falbh aig toiseach an deilbh-chluich agus a' tilleadh aig a' chrìoch gus gnothaichean a rèiteachadh (Frye, 1957, 174). Ann an Duan I, ged a tha Domhnullan air a chridhe a thoirt seachad tha bàs Ghilleasbuig fhathast ga ghluasad do dhàin oir b' e sin an:

aon nì ann a dh'fhàg  
Glè dhubhach [e ...]  
An companach bu mhò do'n tug e spéis  
Gu'm fac e tuiteam marbh ri thaobh 's an streup. (*Domhnullan*, 11)

Ann an Duan IV tillidh e gus rabhadh a thoirt do Dhòmhnallan mu ghiorrad a làithean agus mu dhèidhinn a chridhe. Nas fharsainge chìthear gu bheil Gilleasbuig a' soilleireachadh na mhothaich Frye nuair a chanas e, “Unlikely conversions, miraculous transformations, and providential assistance are inseparable from comedy” (1957, 170). Ach le bhith a' cleachdadh a' chleas car *deus ex machina* an àite atharrachadh ann am beachdan Dhòmhnallain fhèin, caillidh Mac Chalum cothrom saidhceòlas a' phrìomh caractair a leasachadh. Air aon làimh chan eil seo cho dona sin dhan phlot, leis gur e na gnìomhan aig Domhnallan as cudromaiche agus mar “Ghach-duine” chan eil saidhceòlas pearsanta ro chudromach ann; ach leis gu bheil alagoraidh a' chridhe stèidhichte air na roghainnean pearsanta aige, tha an leughadair an dùil ri barrachd mìneachadh air dè dìreach a thug air tilleadh gu beatha creidmheach. Bha Watson (2011, 58-59) ag aithneachadh an aon dìth leasachaidh anns na caractairean anns na nobhailean tràtha: rud a tha a' togail na ceiste air dè an ìre de dh'ùidh a bh' aig na sgrìobhadairean ann an caractairean leasaichte co-dhiù.

'S e *anagnorisis* neo “aithneachadh” am facal a chleachd Aristotle airson cleas sa phlota far a bheil gaisgeach a' bhròn-chluiche ag ionnsachadh rudeigin a tha a' cur an fhortain aige bun-os-cionn, is mar sin a tha ag adhbhrachadh gluasad ann an siostam cearclach Frye. Chìthear seo far a bheil Domhnallan ag ionnsachadh nach robh a chridhe glèidhte aig Catrìona is gu robh i air a càradh san ùir. San dàrna leth 's e taisbeanadh Ghilleasbaig Bhàin a chuireas an saoghal aige bun-os-cionn a-rithist is e a' faicinn cho bochd 's a tha e san dà-rìribh. 'S i a' phuing aithneachaidh as fheàrr a dhealbhaicheadh san dàn gèidh aithneachadh Catrìona agus a' choimhearsnachd aig a' Charragh-Cuimhne. Is ged a tha an dàn stèidhichte air Domhnallan fhèin, leis gun tug Mac Chalum an uidhir de mhìneachadh ann an Duan II air a' mhearachd aicese, thathar an dùil gum faicear a' bhuaidh a th' aig seo oirre gu ìre nas leasaichte na chìthear.

Ged a tha caractar Ghilleasbuig Bhàin ag obrachadh mar chleas phlota gu math follaiseach san sgeulachd tha puing nas doimhne ri fhaicinn sa caractair stèidhichte air gràs neo-sheachnachail Dhè, agus neo-àraidheachd neach sam bith air sàbhaladh a rèir a' mhaitheis fhèin. Tha Ruairidh Òg a' seinn “Oir, deimhin, ar pòrsan | Roimh-òrdaichte ta,” (*Domhnallan*, 20) agus bhiodh Mac Chalum làn chinnt

gu robh eòlas aig a luchd-leughaidh air a' bhun-stèidh chreidmheach airson an dàin aige. Cha robh Domhnullan air sàbhaladh a chosnadh, agus na droch ghnìomhan aige uile fa chomhair an luchd-leughaidh. Ach a dh'aindeoin sin tha an taibhse seo a' toirt rabhadh dhà, is mu dheireadh bheir e fhèin a chridhe air falbh gus Emanuel a dhìon is thèid a shàbhaladh. Chìthear gu bheil cuspairean mar fhor-òrdachadh dùbailte agus neo-araidheachd an duine thaghta a thaobh a ghnìomhan, a tha bunaiteach don Eaglais Chlàirich (MacDhomhnuill, 1891, 10-11; 38-39), a' toirt cnàimh-droma feallsanachail dhan dân.

Tha siostaman Frye uile a' feuchainn ris an dà chuid pìosan litreachais agus dòighean sgrùdaidh an seòrsachadh, agus bho sin, tuigse nas fheàrr a thoirt dhuinn air mar a tha sgrùdairean air an obair aca a dhèanamh bho Aristotle air adhart. Do litreachas na Gàidhlig bheir na siostaman aige cothrom don neach-sgrùdaidh cuid de na ceanglan eadar litreachas na Gàidhlig agus litreachas na h-Eòrpa fhaicinn ann an dòighean nach eil an còmhnaidh cho follaiseach le measaidhean traidiseanta. Ged a theirear le sgrùdairean Marcsach (Eagleton, 2008, 80) gu bheil an sgrùdadh aige neo-eachdraidheil, chuir e na siostaman aige ann an roth eachdraidheil agus chìthear na h-aon ghluasadan agus arcataipean air an cruth-atharrachadh ann an gach modh. Bheir seo beagan a bharrachd saorsa don leughadair gluasad air falbh bho sgrùdadh a thaobh amas an ùghdair neo buaidhean eachdraidheil air, gus an dân a chur ann an suidheachadh litreachail arcataipeil. Airson *Domhnullan*, chìthear mar a tha Mac Chalum a' làimhseachadh sgeul Gàidhealach fo bhuidh sgeulachd Chrìosda agus na h-aiseirigh, agus co-theacsa nas fharsainghe litreachais spioradail nan Crìosdaidhean. Nì dân Mhic Chaluim dìteadh moralta air amasan impireachdail, calpachail bhon t-sealladh chreidmheach seo. A' gabhail ceum air ais, chìthear gu robh Mac Chalum, coltach ri MacGill-Eain agus Mac-na-Ceàrdaich a' sealltainn mar as urrainnear feuchainn ri èirigh os cionn buairidhean an t-saoghail gu ruige an t-saoghail thaisbeanail; is coltach ris na co-aoisich aca ann an dùthchannan eile bha buairidhean an fhicheadamh linn a' toirt orra tionndadh air ais gu ìre ùirsgeulach nan saothair, mar a bha Frye (1957, 42-3) ag aithneachadh.

## 6. Poilitigs, Cànan agus an Àrainneachd: *An Cuilithionn* agus *Cnoc an Fhradhairc*

'S ann as t-Earrach 1939 a thòisich Somhairle MacGill-Eain, a bha 27 aig an àm, a' sgrìobhadh an dàin as motha a rinn e riamh agus e ga chrìochnachadh faisg air deireadh na bliadhna (MacGill-Eain, 2011, 24). Tha *An Cuilithionn* na thaisbeanadh fada samhlauchdail air beachdan poiliteagach a' bhàird, stèidhichte an-toiseach air a' Ghàidhealtachd is e a' sgaoileadh nas fharsainghe do shuidheachadh mic-an-duine air fad. Cleachdaidh a' chaibideil seo na dòighean mheasaidh a thaisbean am Marcsach Sasannach Terry Eagleton sna sgrìobhaidhean aige, gu h-àraidh *Criticism & Ideology* (2006). Stèidhicheadh iad seo an dà chuid ann an dualchas Marcsach Breatannach sgrìobhadairean leithid a' Chuimrich Raymond Williams (1921-1988), agus sna leasaichean ùra a bha a' nochdadh san Fhraing, gu h-àraidh sna sgrìobhaidhean aig Louis Althusser (1918-1990). Mar a bhiodh dùil le dàn a tha coisrigte ri poilitigs Mharcsach ann an cruth Stàilneach, tha co-shìntean ann eadar cuid de na dòighean sgrùdaidh seo agus cuspairean an dàin: ach faodar na dòighean measaidh seo a chleachdadh airson nan dàn eile san tràchdas mar an ceudna. Às dèidh an ro-ràdha nas fharsainghe seo, thèid dòighean-obrach Eagleton a thaisbeanadh is an uair sin thèid sgrùdadh ùr a dhèanamh air an dàn fhèin.

Leis nach deach ach earrannan beaga den dàn fhoillseachadh gus na h-80an, 's ann air an làmh-sgrìobhainn den *Chuilithionn* ann an Oilthigh Obar Dheathain a thug D.I. MacLeòid (MacLeod, 1969) seachad na beachdan aigesan, an aon tùs a chleachd MacIllebhàin airson MhicGill-Eain (2011). Tha breithneachadh MhicLeòid feumail gus tuigse fhaighinn air an sgaradh eadar stoidhle an dàin agus dòighean mheasaidh nan deicheadan às dèidh an Dàrna Cogaidh:

In general [...] the Symbolistic system is too often displaced by discursive polemic and the subject matter of the poem not deeply enough felt for it to convey that special knowledge of life for which we look in poetry (rather than in political science or political pamphlets). As a consequence, the poem is also not satisfactorily unified—either formally or organically. It is distinguished, however, by a remarkable control of language (especially invective) and its display of MacLean's typical intellectual ebullience. (MacLeod, 1969, 380)

Tha slatan-toimheas MhicLeòid a' sealltainn prìomhachais air sgrùdadh dlùth na lioraice ("special knowledge of life") agus buaidh nan nua-sgrùdairean ("not satisfactorily unified") a chaidh aithneachadh san tràchdas aige a cheana agus a bha cumanta ann an sgoilearachd nuair a bha e ga

sgrìobhadh (Caibideil 1.3). Choimhead Nì Annracháin (1997) air an dòigh san robh aisling agus tòir, an dà bhuaidh a nochd san leabhar aice air saothair a’ bhàird (Ní Annracháin, 1992), rim faicinn sa *Chuilithionn* mar an ceudna. Bha seo gu math adhartach aig an àm leis nach robh an uidhir de chliù sin aig an dàn idir. A bharrachd air seo chuir MacAoidh (2010, 103-16) an dàn ann an co-theacsa an dàin fhada Mhodairneach aig toiseachd an fhicheadaimh linn agus na trioblaidean a bh’ aig a’ ghnè-sgrìobhaidh sin às dèidh dol sìos cuid de na feartan bàrdail a bha nam bun-stèidhean dhi san naoidheamh linn deug. Ach ’s e an dithist sgoilear air saothair MhicGill-Eain, Crisdean Macillebhàin (Whyte 2006; 2007; MacGill-Eain 2011) agus Emma Dymock (2008) a rinn a chuid bu mhotha de sgoilearachd, air an teacsa fhèin agus air a chuspairean mu seach.

Ann an 1941, leis gu robh Somhairle MacGill-Eain san arm, chaidh leth-bhreac den dàn fhàgail le Douglas Young aig Leabhar-Lann Oilthigh Obair Eadhain (MacGill-Eain, 2011, 3). ’S e sin am prìomh teacsa a chleachdas an anailis. Ach tha eachdraidh fhada foillseachadh *A’ Chuilthinn* a’ togail cheistean mu dheidhinn an dàin fhada agus tha sgrùdadh Marcsach a’ toirt chothroman don sgrùdair iad seo a shoilleireachadh. Bualaidh co-dhùnaidhean nan ceistean seo air suidheachadh an dàin fhada mar ghnè-litreachais nas fharsainghe sa chiad leth den fhicheadamh linn, agus thig seo am follais nuair a chleachdar na dòighean-sgrùdaidh seo airson *CAF* ann an Caibideil 6.2.

### **6.1.1 Marcs, Eagleton agus An Cuilithionn**

San leabhar aige *Criticism and Ideology* (2006), sheall Terry Eagleton air an dòigh san robh feallsanachd agus dòighean-sgrùdaidh Marcsach a’ buntainn ri ceistean litreachais. Nì e gearr-chunntas air cuid de na prìomh cheumannan adhartais ann an sgrùdadh litreachais bho shealladh Mharcsach is e a’ tarraing air sgrìobhaidhean Brecht agus Trotsky mar eisimpleir (169-74). Tha a bhriathrachas agus na beachdan-smaoin a tha e a’ cleachdadh a’ sealltainn buaidh an Fhrangaich Louis Althusser a chleachd beachdan-smaoin bho shaidheòlas leithid “thar-dearbhadh” [*overdetermination*] (Buchanan, 2012) gus tuigse fhaighinn air an dàimh eadar ideòlachd agus an teacsa. A bharrachd air a bhith a’ taisbeanadh dòighean a b’ fhiach teacsaichean làimhseachadh, bho shealladh Marcsach, tha e a’

coimhead air an dòigh sa bheil teacsaichean, gu math tric leis na rudan nach eil iad ag ràdh, a' riochdachadh cuid de na strìthean ideòlach nas fharsainghe a tha ri fhaicinn sa cho-choimhearsnachd (Eagleton, 2006, 64-101). Airson tuigse fhaighinn air A' *Chuilithionn* mar phìos litreachais tha na dòighean sgrùdaidh seo a' toirt seachad dòighean geura air saoghal ideòlach an teacsa aithneachadh: an dà chuid leis na bha am bàrd a' feuchainn air agus buaidhean eile a nochd san dàn gun taing. Bidh e a' soilleireachadh mar an ceudna cuid de dh'eachdraidh fhoillseachaidh shònraichte an dàin.

Tha bun-stèidh sgrùdaidh Marcsaich a' cinntinn bhon bheachd gu bheil ceangal eadar an teacsa agus an saoghal san deach an teacsa sin a chruthachadh. Chan eil seo cho simplidh sin, leis gu robh na Nua-Sgrùdairean, mar a chunnacas ann an Caibideil 1.4, a' faicinn an dàn mar rud a bha slàn, neo-eisimeileach air eachdraidh a ghineamhainn.<sup>11</sup> Bidh an teacsa ag innse mu dheidhinn suidheachadh eachdraidheil a ghineamhainn, agus tha an suidheachadh sin a' fàgail buaidh air an teacsa. Ann am briathran Eagleton (2006, 70) chan e ach sgrùdadh faoin neo "*naive*" a choimheadas airson ceangal dìreach eadar feartan an teacsa fhèin agus eachdraidh. Ar leis gu bheil seo a' fàgail a-mach cudromas ideòlachd don tuigse, leis nach eil sealladh coileanta neo iomlan aig an ùghdar, neo neach sam bith eile, air an t-suidheachadh sa bheil iad beò. Tha an teacsa air a ghineamhainn bho shuidheachadh ideòlach, is tha an ideòlachd seo air a ghineamhainn bhon t-suidheachadh eachdraidheil. Ni Eagleton (*ibid*, 64-73) deagh oidhirp an dàimh seo a mhìneachadh is e fa-dheòidh a' cleachdadh meatafòr de chluicheadh deilbh-chluiche mar shamhla air an dàimh eadar ideòlachd agus an teacsa. San aon dòigh sa bheil iomadach diofar buaidh eile a' bualadh air teacsa-dràma mus tèid a chluich, is seo follaiseach san dòigh 's am faod gach cluicheadh a bhith cho eadar-dhealaichte, bidh ideòlachdan an latha a' gineamhainn an strì de dhiofar bhuidhean a tha tighinn ri chèile am broinn an teacsa.

'S e aon de na co-dhùnaidhean bho seo gu bheil an teacsa fhèin dà cheum, neo dà ghinealach, air falbh bho eachdraidh. Chruthaichidh ideòlachd a-mach à eachdraidh agus chruthaichidh an teacsa a-mach à buaidhean ideòlach air an ùghdar. Mar sin tha pìos litreachais fo bhuidh gineamhainn ideòlaich dà-fhillte, na "ideological production to the second power" ann am briathran Eagleton (2006, 85). Tha seo

---

<sup>11</sup> Cleachdar am facal seo airson production san t-seagh Mharcsach agus eaconomaigeach.

ag àrdachadh litreachas do shuidheachadh mar, ma dh'fhaoidte, an dòigh as fheàrr ideòlachd a sgrùdadh, mar a tha daoine ga faireachdainn agus ga thuigsinn gu làitheil (Eagleton, 2006, 101). Tha roghainnean an sgrìobhadair aig gach ìre de ghineamhainn an teasca ceangailte ri ideòlachd — cothroman foillseachaidh, cleasan sgrìobhaidh, nòsan bàrdachd agus mar sin air adhart. Tha seo a' fàgail ged nach eil litreachas, an coimeas ri eachdraidh sgrìobhte, a' gabhail eachdraidh fhèin mar a chuspair, gu bheil eachdraidh na cuspair dha ge b' oil leis (*ibid.*, 74).

A' togail air an obair aig Williams rinn Eagleton (*ibid.*, 44-63) liosta de na diofar seòrsa bhuidhean a tha ag obair air teasca litreachail. Thèid seo a chleachdadh airson earrannan den sgrùdadh air A' *Chuilithionn* is mar sin tha Clàr 10 a' dèanamh gearr-chunntas orra. Thèid am mìneachadh ann am barrachd doimhneachd gu h-ìosal:

Prìomh Bhuill Teòiric Litreachais Mharcaich	Gearr-Chunntas
Modh-Gineamhainn Coitcheann [ <i>General Mode of Production</i> ]	Suidheachadh leasachadh an eaconomaidh san fharsaingeachd agus de seòrsa co-choimhearsnachd a th' ann.
Modh-Gineamhainn Litreachail [ <i>Literary Mode of Production</i> ]	Na dòighean san tèid litreachas a ghineamhainn sa cho-choimhearsnachd.
Ideòlachd Choitcheann [ <i>General Ideology</i> ]	Na buidheannan de dh'ideòlachdan as treasa, a chinneas bhon Mhodh-Gineamhainn Coitcheann.
Ideòlachd Ùghdarail [ <i>Authorial Ideology</i> ]	An dàimh eadar an t-ùghdar agus an Ideòlachd Coitcheann.
Ideòlachd Eastadach [ <i>Aesthetic Ideology</i> ]	Ideòlachdan ealain, litreachais, sgrùdaidh is dualchais sa choimhearsnachd
Teasca	Bidh an teasca fhèin a' toirt buaidh air na buill gu h-àrd, is cothrom aige an cruth-atharrachadh mar a chìthear sa <i>Chuilithionn</i> .

Clàr 12 – Modhan-Gineamhainn, Ideòlachd agus an Teasca

A rèir Eagleton (2006, 45-48) 's e am Modh-Gineamhainn Coitcheann an dòigh fharsaing sa bheil buaidhean agus dàimhean sòisealta a' tighinn ri chèile a thaobh gineamhainn eaconomaigeach ann an co-choimhearsnachd. Bidh diofar modhan gineamhainn ag obrachadh aig an aon àm, ach 's e seo am fear as treasa. Tha am Modh-Gineamhainn Litreachail stèidhichte air an dòigh 's a bheil diofar bhuidhean agus dàimhean sòisealta a' toirt buaidh air gineamhainn ann an saoghal litreachais agus tha e an eisimeil air a' Mhodh-Ghineamhainn Coitcheann. Tha diofar bhuidhean deasachaidh,



foillseachaidh agus margaideachd rim faicinn san teacs, agus tha an dàimh eadar an t-ùghdar agus an luchd-leughaidh a' toirt buaidh air cuideachd. Chan eil iad seo inntinneach a-mhàin airson buaidh an teacs air an luchd-leughaidh, ach gu bheil an teacs fhèin a' giùlan buaidh nan dòighean gineamhainn seo: na chuspairean, na nòsan agus na stoidhle.

Ann an saoghal litreachas calpachais an fhicheadaimh linn bha am Modh-Gineamhainn Litreachail mar phàirt den Mhodh-Ghineamhainn Choitcheann stèidhichte air foillseachadh proifeasanta agus margaideachd a' reic leabhraichean mar bhathar sam bith eile san eaconomaidh. Tha am Modh Litreachail, foillseachadh prìobhaideach, an eisimeil air a' Mhodh-Ghineamhainn Coitcheann airson bun-stèidhean leithid foghlam coitcheann, solasan sna taighean, leabhar-lannan, agus coimhearsnachdan a tha mòr gu leòr gus bùthan-leabhraichean a chumail soirbheachail (Eagleton, 2006, 50). A thaobh dhàimhean eadar-phearsanta litreachail chan eil co-shìnteachd làidir eadar an dà mhòdh gineamhainn seo, an coimeas ri linntean eile. Mar sin tha Somhairle MacGill-Eain na fhear-theagaisg ann an Dùn Èideann, an uair sin na shaighdear san Arm, ach na sgrìobhadair aig an aon àm. Nì seo iomsgaradh ris na fillidhean Clasaigeach (MacInnes, 2006, 164-68) a leithid suidheachadh Chloinn MhicMhuirich, a bha stèidhichte gu h-eaconomaigeach a rèir an t-suidheachaidh litreachail aca. Chìtheas anns an t-saothair acasan gu bheil an dàimh làidir eadar am Modh-Gineamhainn Coitcheann agus am Modh-Gineamhainn Litreachail ag adhbhrachadh gu leòr de na cuspairean aca: moladh orrasan a bha os cionn na co-choimhearsnachd, na cinn-cinnidh, neo gan aoireadh nuair nach robh iad a' coileanadh nan dleastanasan aca. Gu dearbh, 's e na fillidhean Èireannach an eisimpleir a chleachdas Eagleton (2006, 50) fhèin san taisbeanadh aigesan. Ach san siostam chalpachail tha am bàrd fhèin ag obair an-toiseach mar fhear-chiùird neo *artisan*, a reiceas a làmh-sgrìobhaidh don taigh-foillseachaidh. Mar sin tha suidheachadh sòisealta a' bhàird sa Mhodh-Ghineamhainn Choitcheann air àicheadh leis a' Mhodh-Ghineamhainn Litreachail a bheireas, mar eisimpleir, cothrom do dhaoine-uaisle leabhar a sgrìobhadh a chòrdas ris an tuath, neo an dòigh eile mu chuairt (Eagleton, 2006, 51-53).

Tha buaidhean na h-Ideòlachd Coitchinne air a' Mhodh-Ghineamhainn Litreachail (Eagleton, 2006, 54-58) ri fhaicinn aig ìre chàinain, phoilibteagach agus chultarail. A thaobh càinain, tha buaidh phoilibteagach aig roghainn càinain, mar a thuirt Joy Hendry (1986, 14) mu Shomhairle MacGill-Eain. Ann an dùthchannan Eòrpach eile chaidh seo a mhothachadh is a chleachdadh le Dante Alighieri (1996) leis *La Divina Commedia* agus John Milton (2004) le *Paradise Lost* cuideachd (Eagleton, 2006, 56). Thagh iadsan cainnt làitheil nan daoine air sgàth nan amasan poblach aca agus dh'fhàg seo buaidh mhòr air litreachas às an dèidh. Tha an roghainn a rinn sgrìobhadairean a' chorpais air fad Gàidhlig a chleachdadh cudromach aig ìre ideòlaich.

'S e aon de na buaidhean follaiseach eile a th' aig an Ideòlachd Choitcheann air a' Mhodh-Ghineamhainn Litreachail gu bheil ceannsarachd [*censorship*] aig diofar ìrean agus de dhiofar sheòrsan a' toirt buaidh air an teacs (Eagleton, 2006, 58). 'S urrainn dha seo a bhith aig ìre fhollaiseach, ceannsarachd na stàide, air neo aig ìrean nas lugha de dh'fhèin-cheannsarachd is fèin-chronachadh. Tha na draghan a bh' air MacGill-Eain mu dhèidhinn chùisean-lagha nan rachadh *An Cuilithionn* slàn fhoillseachadh sna 30an (Wilson, 2010, 186) nan eisimpleirean air seo ag obair san teacs. Bha na draghan aige (Gilfillan, 2008, 161) mu dhèidhinn neo-dhiadhachd 'Dàin XVIII- Ùrnuigh' anns na *Dàin do Èimhir* (MacGill-Eain, 1943, 17-19), agus na h-atharraichean a rinn e air an tàillibh, na eisimpleir eile air fèin-cheannsarachd a' bhàird is e a' feuchainn gun dragh a chur air creideamh a mhàthar.

Tha dàimh eadar eachdraidh-bheatha a' bhàird agus an Ideòlachd Choitcheann na bun-stèidh airson na h-Ideòlachd Ùghdarail: mar a bha an Ideòlachd Choitcheann air fhaicinn tro shùilean an ùghdair agus mar a bha esan na phàirt dheth (Eagleton, 2006, 58-60). Sa bhitheantas bha an dàimh eadar MacGill-Eain agus Ideòlachd Choitcheann a latha ri fhaicinn ann an neo-aonachd eadar an Ideòlachd Choitcheann agus na beachdan aige fhèin, is seo gu h-àraidh fìor nuair a chaidh an dàn a sgrìobhadh is a chur ma sgaoil mar làmh-sgrìobhainn eadar 1939 agus 1945.

Tha an Ideòlachd Eastadach ann an dàimh ioma-fhillte leis na Modhan-Ghineamhainn agus leis an Ideòlachd Choitcheann (Eagleton, 2006, 60-63). Tha i na pàirt den Ideòlachd Choitcheann is i ga neartachadh, ach coltach ri sin tha i cuideachd fo smachd nam Modhan-Ghineamhainn Coitcheann agus

Litreachail. Ged a tha am Modh-Gineamhainn Litreachail a' cruthachadh a' chothrom airson diofar ghnèithean litreachais, leithid an nobhail, 's ann nuair a tha seo a' tighinn còmhla ri Ideòlachd Choitcheann agus Ideòlachd Eastadach a tha e a' brosnachadh na gnè ud, a nochdas a' ghnè san dà-rìribh (*ibid.*, 61).

'S ann anns an teacsa fhèin a thig buaidh nan diofar ideòlachdan am follais, ach tha cothrom aig an teacsa a bhith ag atharrachadh nan ideòlachdan sin mar an ceudna, le bhith gan neartachadh neo gan lagachadh. Mar sin san sgrùdadh air A' *Chuilithinn* fhèin gheibhear sùil air an dàimh eadar an teacsa, eachdraidh agus ideòlachd.

### **6.1.2 Eachdraidh Fhoillseachaidh a' *Chuilithinn***

A thaobh gineamhainn agus sgrìobhadh A' *Chuilithinn*, tha eachdraidh fhoillseachaidh àraid an dàin a' tabhainn cothrom sònraichte cuid de na buaidhean eachdraidheil shuas fhaicinn sa chorpas. Chaidh an dàin fhèin a sgrìobhadh fo eaconomaidh leasaichte calpachail agus deamocrasaidh impireachdail crìoch nan 1930an. Aig ìre bhunaiteach a' Mhodh-Ghineamhainn Choitcheann, bha de dh'airgead aig leughadairean agus luchd-taic am measg nan uaislean taic a chumail ri irisean a leithid A' *Ghàidheil*. Bha litreachas na Gàidhlig ann an deagh shuidheachadh a thaobh goireasan foillseachaidh agus reic a bha ri fhaotainn sa mhargaid phrìobhaiteach airson leabhraichean Beurla nas fharsainghe. Tha Cox (2007, 286) ag innse mar a bha ochd neo naoi leabhraichean air fhoillseachadh gach bliadhna ron Dàrna Chogadh.

Chithear buaidh a' Mhodh-Ghineamhainn Litreachail gu soilleir ann an eachdraidh foillseachadh A' *Chuilithinn*. Bha e bliadhnaichean mòra ann an làmh-sgrìobhainn MhicGill-Eain a chaidh a sgaoileadh am measg a charaidean a leithid Douglas Young, Ùisdean MacDhiarmaid agus George Davie (MacGill-Eain, 2011, 19-24; 125). 'S e sin a' chiad cheum prìobhaiteach de ghineamhainn na h-obrach litreachail ann an siostam calpachail leasaichte, ron a' cheum nas sòisealta de dheasachadh, fhoillseachadh agus reic far a faicear buaidh a' Mhodh-Ghineamhainn Litreachail (Eagleton, 2006, 51). Rinn Macillebhàin (Whyte, 2006, 111-27) aiste air an ìre seo de ghineamhainn an teacsa is e a' coimhead air na diofar leagaidhean de làmh-sgrìobhainn an dàin. Mar a mhothaich e san aiste sin

(*ibid.*, 122-23), chaidh buaidh cuid de phìosan an dàin a chruth-atharrachadh gu ìre mhòr nuair a' chaidh fhoillseachadh leis na seachd earrannan còmhla ann an 1989. Mothachaidh Whyte buaidh a' Mhodh-Gineamhainn Litreachail air a' bhàrd: "Possibly [outspokenness] should be seen as more characteristic of the poet and [self-censorship] of the man whose business it was to see the poems into print" (MacGill-Eain, 2011a, xxiv).

A bharrachd air a' chruth-atharrachadh eadar an làmh-sgrìobhainn agus leabhar a thèid a reic, tha *An Cuilithionn* a' sealltainn buaidh nan diofar Modhan-Gineamhainn Litreachail air na diofar theacsaichean a chaidh fhoillseachadh. Rinn MacAoidh (2010, 112-13) cunntas air an eachdraidh seo, ach tha e feumail sùil eile a ghabhail air bho shealladh eachdraidheil nam Marcsach. Chaidh earrann fhoillseachadh sa Ghàidhlig a-mhàin an toiseach ann an *17 Poems for 6d* (MacGill-Eain, 1940), ann an leabhran còmhla ri bàrdachd Albais Raibeart Garioch. Ach as dèidh sin 's ann san iris litreachail oileanaich *Jabberwock* (MacGill-Eain, 1950); iris litreachail nàiseanta *Lines Review* (MacGill-Eain, 1954; 1955; 1970b) agus san iris litreachail Ghàidhlig *Gairm* (MacGill-Eain, 1962, 1970) a nochd pìosan den dàn. Nochd dà earrann ann am *Four Points of a Saltire* (MacGill-Eain *et al.*, 1970). Chaidh dreachd slàn den dàn fhoillseachadh, mar a bha MacGill-Eain air ath-dheasachadh aig an àm, ann an sreath de dh'irisean *Chapman* (1987-89) agus sa cho-chruinneachadh iomlan de bhàrdachd a' bhàird *O Choille gu Bearradh* (MacGill-Eain, 1999 [1989]). Mar a thuirt e fhèin mun dreachd a nochd ann an 1989: "I reprint here what I think tolerable of it" (*ibid.*, 63). Fa-dheòidh nochd e mar dhàn slàn na aonar ann an deasachadh acadaimeagach, le fear-deasachaidh fa leth, deagh ghreis às dèidh bàs a' bhàird (MacGill-Eain, 2011). 'S e an dreach as ùire den dàn a chaidh fhoillseachadh na h-às-earrannan bho an dà chuid an deasachadh à 1939 agus à 1989 a nochd ann am bàrdachd chruinnichte MhicGhill-Eain (2011a).

Ri linn na h-eachdraidh fada seo, ged a bha suidheachadh MhicGill-Eain sa Mhodh-Ghineamhainn Choitcheann gu ìre mhath seasmhach mar mhaighstir-sgoile, ceannard-sgoile agus an uair sin mar fhear air peinnsean na stàite, bha e mar ùghdar air cliù nas fheàrr a chosnadh bhuapasan a bha cumhachdach anns am Modh-Ghineamhainn Litreachail leis gun do ghabh saoghal litreachas na h-Alba is Breatainn

ris beag air bheag. Bha e fhathast, ge-tà, mar phàirt de shiostam gineamhainn far an robh cumhachd thar gineamhainn aig luchd-deasachaidh is foillsichearan. Mar sin gluaisidh an eachdraidh fhoillseachaidh air adhart bho earrannan a b' fheàrr leis a' bhàrd fhèin (1950-55), gu barrachd earrannan bhon dàn a' tighinn an clò le atharraichean leis a' bhàrd fhèin (1989), gus mu dheireadh thèid an cur an clò a dh'aindeoin meas a' bhàird fhèin air gus a bhith a' dèanamh "the adjustment in our critical, literary and human perception of [Somhairle MacGill-Eain] which the publication of such significant material renders possible" (MacGill-Eain, 2011, 26). Tha an co-obrachadh seo eadar diofar dhaoine a bharrachd air an ùghdar gus an teacs a chur an clò ri fhaicinn ann an deasachadh an dàin ann an *Chapman* (MacGill-Eain, 1987-89) leis gur e, coltach ri *Mochtàr is Dùghall*, beachd cuideigin eile a bh' ann an dàn a chur an clò (MacGill-Eain, 2011, 1).

Tha na diofar chlà-bhualaidhean seo a' sealltainn mar a dh'atharraich meas an teacs ann an sùilean easdatach cuideachd. Bha MacGill-Eain fhèin mothachail air a' bhuaidh a bh' aig luchd-gnìomhachais air an Ideòlachd Easdatach is e a' càineadh "meas na Bàrdachd | a-rèir Lithchù agus 'àrmann," (II, 166-67). Tha an earrann a nochdas ann an *17 poems for 6d*, (II 1-92 ann am MacGill-Eain, 2011) gu math eadar-dhealaichte bhon bhàrdachd Ghàidhlig a bha air nochdadh gu ruige sin, ach tha an t-annas seo a' tighinn bho thaobhan neo-phoileiteagach an dàin a leithid cho earotaig sa tha tuairisgeul an ìridh. Ann an aon de na h-earrannan foillsichte trath aige, a tha a' nochdadh mar dhà às-earrann san *Lines Review*, 's e nàdar de annas litreachail airson luchd-leughaidh foghlaimte (MacGill-Eain, 1955) a th' ann seach dàn poileiteagach. Chaidh fhoillseachadh còmhla ris an dàn nas giorra aige 'Hallaig' a bha a' taisbeanadh slighe eile airson dàn meudmhòr, dàn nas giorra nach robh poileiteagach san aon dòigh agus ma dh'fhaoidte a bha nas fhaisge air beachdan easdatach an ùghdair aig an àm. Thig seo am follais leis gu bheil cuspairean leithid fearainn fàsail a' nochdadh san dà dhàin, ach gu bheil MacGill-Eain a' seachnadh nam beachdan poileiteagach follaiseach a sgrìobh e sa *Chuilithionn*. Bha MacGill-Eain a' faireachdainn gu robh feum aige ro-ràdh susbainteach a chur ris *A' Chuilithionn*, cho tràth ri 1955, a tha an dà chuid a' cur an dà earrainn ann an co-theacs an dàin nas fharsainghe agus co-theacs aimsireil nam bliadhnaichean san deach a dhèanamh. Bha an saoghal, Ideòlachdan Coitcheann agus Easdatach,

air gluasad air adhart gu mòr o 1943 nuair a bha MacGill-Eain ag iarraidh clò-bhualadh saor den dàn a sgaoileadh am measg chroitearan (MacGill-Eain, 2011, 20-21).

Ma dh'fhaoidte gun deach am miann sin a choileanadh gu ìre nuair a nochd na h-às-earrannan ann an *Gairm*, is e fa chomhair coimhearsnachd farsaing Gàidhealaich. Tha na h-às-earrannan tràth seo ann an *Jabberwock*, *Lines Review* agus *Gairm* a' sealltainn cho fad 's a bha dàin fhada ùr-nòsach sa Ghàidhlig an-eisimeil irisean ràitheil airson am foillseachadh taobh a-muigh co-chruinneachaidhean de shaothair bàird a bha air cliù a chosnadh airson saothair eile. Chìthear seo leis mar a chaidh *LNSS* fhoillseachadh ann an *Guth na Bliadhna*, ach gu robh *Mochtàr is Dùghall*, *An Cuilithionn* agus *MacPhàil is MacThómais* uile a' feitheamh bliadhnaichean mòra mus do nochd iad. Air an làimh eile bha cliù nan sgrìobhadairean stèidhichte mar Mhac Chalum, MacDhonnchaidh agus Moireasdain a' ciallachadh gu robh margaid dearbhte aig na sgrìobhaidhean aca. Ach mu dheireadh ghluais *An Cuilithionn* air ais a-steach do shaoghal foillseachadh leabhraichean coimearsalta nuair a nochd e ann an leabhar leis an taigh-fhoillseachaidh Shasannach Carcanet ann an 1989 ann an cruinneachadh a reiceadh gu cinnteach, gu bi dè an luach a dheidheadh a chur air *A' Chuilithionn* fhèin.

Bha cliù MhicGill-Eain mar sgrìobhadair air èirigh tro na 70an, le eadar-theangachaidhean den bhàrdachd aige a' nochdadh leis a' Ghàidhlig ann am *Four Points of a Saltire* (MacGill-Eain *et al.*, 1970), *Lines Review* 34 agus an eadar-theangachadh ùr aig Iain Crichton Smith air *Dàin do Èimhir* ann an 1971 (Hendry, 1986, 35-36). Bha e cuideachd air a dhreuchd a leigeil sìos ann an 1972 a thug cothrom nas fheàrr dha a shaothair a thaisbeanadh agus dh'èirich a chliù mar sgrìobhadair tro na cuairtean-leughaidh a ghabh e do dh'Èireann (MacKay, 2010, 19). Thug seo cothroman fhoillseachaidh nas fheàrr dha. Chìthear bhon eachdraidh seo nach ann gus an robh cliù MhicGill-Eain aithnichte aig ìre eadar-nàiseanta a chaidh a shaothair fhoillseachadh as aonais taic bho luchd-litreachail a bha càirdeil dha agus a bha iad fhèin ag obair an aghaidh Breatainn aona-chànanach, Aonadhach meadhan an linn. Chìthear sna briathran gun urra taobh a-staigh còmhdaich *Four Points* mar a bha droch shuidheachadh MhicGill-Eain san t-siostam ghineamhain litreachail, air bacadh a chur air, a dh'aindeoin 's cho math 's a bha a bhàrdachd:

The publication of poetry is a thing more dependent on fashion, even on racketeering, than on critical values. This means that while mediocre and inferior versifiers and poetasters can find themselves taken up by fashionable publishing houses, and thus acquire a sort of transient fame [...] true and even great poets can spend their whole lives almost unpublished. This has been the fate of Sorley MacLean (MacGill-Eain *et al.*, 1970)

'S e an dà cheum mu dheireadh a ghabh teacs a' *Chuilithinn* gun deach fhoillseachadh (MacGill-Eain, 2011) le buidheann acadaimeagach an ASLS ann an deasachadh sgoilearail le nòtaichean Beurla agus eadar-theangachadh a' nochdadh air an duilleig chli. Nochd às-earrannan bho dhreachdan 1939 agus 1989 ann an co-chruineannachadh slàn de shaothair MhicGill-Eain (2011a). Chaidh taic oifigeil bhon stàid a chur ris a' chlà-bhualadh acadaimeigeach bho Alba Chruthachail agus Comhairle nan Leabhraichean (MacGill-Eain, 2011, iv). Chìthear bhon eachdraidh fhoillseachaidh a chaidh a thaisbeanadh gu bheil an teacs fhèin air atharrachadh bho làmh-sgrìobhainn chonnspaideach a chaidh a sgaoileadh am measg chàirdean, is a bha an cunnart cùisean lagha adhbhrachadh, do theacs sa chanoin litreachail Albannach le mìneachaidhean fialaidh acadamaigeach.

A' coimhead air an dàimh eadar MacGill-Eain agus an Ideòlachd Choitcheann ann an 1939, an Ideòlachd Ùghdarail mar a theireadh Eagleton (2006, 58-59) ris, b' urrainnear sin ainmeachadh mar iom-sgaradh mòr eadar na beachdan aige fhèin agus ideòlachd na Stàite. Mar Ghàidheal, Stàilineach agus ana-chreidmheach bha e a' dol an aghaidh cuid de phrìomh chreideamhan Ideòlachd Choitcheann a latha: a' chànain, an t-siostam poiliteagach agus na creideamhan stèidhichte. Tha e follaiseach gu bheil dol sìos neart nan iom-sgaraidhean seo bho 1939 gu 2011 co-shìnteach ri àrdachadh cliù an dàin, aig ìre acadaimeagach agus ìre a' mhargaidh. Fhuair a' Ghàidhlig aithneachadh oifigeil ann an 2005; cha robh na Sòibheataich a' toirt dùbhlàn tuilleadh do shiostam Chalpachais an t-Saoghail Shiar agus bha 37% de dh'Albannaich ann an 2011 gun chreideamh (National Records of Scotland, 2014, 37). Gu dearbh bha na h-atharrachaidhean seo nan adhbhar airson cuid de na h-ath-leasachaidhean aig MacGill-Eain ann an 1989 is e a' faireachdainn gu robh cuid de na deasbadaidh san robh e an sàs air atharrachadh cho mòr. Seallaidh e seo san ro-ràdh aige air *Ris a' Bhruthaich* mar an ceudna (MacGill-Eain, 1985, 3).

Dh'innis MacGill-Eain (1985, 11) gur e taghadh easdatach a bh' ann Gàidhlig a chleachdadh airson a chuid bàrdachd. Ach airson *A' Chuilithinn* rinn MacGill-Eain follaiseach sna litrichean aige ann an 1943 gu robh e ag amas air na croitearan mar luchd-leughaidh agus gu robh e:

[...] not very keen on the appearance of any version of “The Cuillin” before the Gaelic appears. That is simply because I have the Gaelic readers first in mind [...] (2na A' Cheitein 1943) (MacGill-Eain, 2011, 20)

Bha cleachdadh na Gàidhlig sa *Chuilithinn* na ghnìomh phoilibteagach air dà ìre: a' cleachdadh mion-chànain airson litreachais adhartach, agus mar sin a' togail argamaid litreachail airson inbhe na cànain; agus a' cleachdadh na cànain gus beachdan poilibteagach radaigeach a chur air aghaidh, is e ga toirt air falbh bho chultar bhùirdeasach a' Chamhanaich mar a rinn e sna sgrìobhaidhean sgrùdail aige (MacGill-Eain, 1985, 3). Ach tha briathran MhicGill-Eain shuas a' sealltainn gu bheil luchd-leughaidh an dàin gu tur air atharrachadh bho na bha am bàrd ag amas air, oir a-nis, mar a thuirt Whyte, “the larger segment of its notional audience will be able to access the original only by means of the translation” (MacGill-Eain, 2011, 26). Tha dàn radaigeach a chaidh a sgrìobhadh airson nan croitearan a-nis mar phàirt de chànoin litreachais na h-Alba agus e fa chomhair leughadairean foghlaimte gu àrd-ìre. Tha seo a' leantail a' ghluasaid bho iom-sgaraidhean làidir eadar an Ideòlachd Ùghdarail agus an Ideòlachd Choitcheann do cho-sheirm nas fhaisge: Alba le ìre de dh'fhèin-riaghlaidh is cumhachd thairis air cultair, air a riaghladh le partaidhean bhon taobh chli-mheadhanach bho 1999 gu 2014 a tha ag aithneachadh na Gàidhlig mar chànain oifigeil agus a tha air Achd Ath-Leasachadh an Fhearainn aontachadh. Seo dealbhachadh ro shimplidh, ach cuideachail, den atharrachadh a thàinig air an teacsa fo bhuidh nan diofar aimsirean ideòlach:



<b>Dàimh eadar an teacsa, an t-ùghdar is Ideòlachd</b>	<b>Deasachaidhean</b>
Teachdaireachd Phoillteagach airson chroitèaran agus radaigich an Ath-Bheothachaidh Albannaich	<i>Làmh-Sgrìobhainn</i>
Teachdaireachd litreachail airson luchd-leughaidh litreachail	<i>Jabberwock</i> (1950), <i>Lines Review</i> (1954-70), <i>Four Points of a Saltire</i> (1970)
Litreachas neo-eachdraidheil, uile-choitcheann bho shàr-bhàird	<i>Chapman</i> , (1987-89) <i>O Choille gu Bearradh</i> (1989)
Litreachas a' Chànoin, le ceistean eachdraidheil air an cur air ais na bhroinn.	<i>An Cuilithinn</i> 1939, (2011) <i>Caoir Gheal Leumraich</i> (2011a)

**Clàr 13- Eachdraidh Fhoillseachaidh a' Chuilithinn**

'S e aon phuing a bharrachd a tha na roinnean de sgrùdadh-litreachais Mharcasach a chaidh a thaisbeanadh shuas a thoirt gu bàrr, gu bheil an dàimh eadar am Modh-Gineamhainn Litreachail agus na h-Ideòlachdan Choitcheann agus Easdatach a' cur bacadh neo a' toirt cothroman do ghineamhainn an teacsa aig na diofar amannan seo. A bharrachd air na duilgheadasan foillseachaidh a bh' ann airson dàin fhada, tha e coltach gu robh na prìomh Ideòlachdan Easdatach às dèidh an Dàrna Chogaidh a' dèanamh ghairmean fada poillteagach duilich fhoillseachadh neo an dìon gu feallsanachail. Bha prìomhacas air a chur air an lioraic agus bha luchd-inntleachdail an taobh Chlì air sgreamh a ghabhail ri gnìomhan Stailinn (Von Halberg *et al.*, 2012, 1079). Bha Eagleton (2006, 61) den bheachd gu robh am Modh-Ghineamhainn Litreachail a' toirt seachad cothroman airson nan diofar ghnèithean litreachais a thoirt gu buil, ach gu robh feum aig co-sheirm eadar sin agus Ideòlachd Choitcheann is Easdatach mus rachadh an cothrom sin a ghabhail san da-rìribh. Chìthear ann an eachdraidh fhoillseachaidh fhada *A' Chuilithinn* dè a b' urrainn tachairt ri teacsa luachmhor nuair nach robh aonta eadar na diofar siostaman eaconomaigeach is ideòlach sin.

### **6.1.3 An Cuilithionn – Sgrùdadh Dlùth**

Bidh an sgrùdadh a leanas a’ coimhead air mar a tha cuid de na prìomh chuspairean a’ tighinn gu bàrr san teacsa. Bidh e a’ feuchainn ri cur ris na seallaidhean a chaidh thoirt air an dàn roimhe le Ní Annracháin (1997), Dymock (2008) is MacKay (2010), agus le notaichean feumail aig Macillebhàin (MacGill-Eain, 2011). Bidh e cuideachd a’ leasachadh agus a’ dol an aghaidh cuid de na beachdan aig Macillebhàin (Whyte, 2007) sa chiad sgrùdadh a dh’fhoillsich esan. Bidh beachdan Eagleton air sgrùdadh Marcsach shuas na bhun-stèidh airson cuid dhiubh.

#### **6.1.3.1 An Coisrightheadh**

Tha *An Cuilithionn*<sup>12</sup> a’ tòiseachadh le ‘Coisrightheadh’ do dhithist bhàrd Albannach agus le ainmeachadh cuspair an dàin, a’ leantail nòs *proemium* eipigich (Gregory, 2012, 440). Canaidh MacGill-Eain nan robh na comasan aige bhiodh e a’ dèanamh dàn ro chumhachdach, a bhiodh a’ crìtheadh na talmhainn. Ged a tha MacGill-Eain ma ’s fhìor gu math iriosal a thaobh nan comasan aige tha e aig an dearbh àm ga chur fhèin ann an cuideachd Ùisdean MhicDhiarmaid agus Alasdair Mhic Mhaighstir Alasdair, agus e a’ leantail seann nòs bhàrdail le bhith dèanamh seo (Macillebhàin, 2011, 124). Mar eisimpleir chuir Dante e fhèin an làthair Bhirgil gu fiosagach aig toiseach *La Divina Commedia* ach tha e ag ràdh nach eil e àraidh air an turas a tha e gus a dhèanamh (Alighieri, 1996, 42). Tha an coimeas sa choisrightheadh ga cheangal ri dàin fhada phoilliteagach na h-Alba, ann am pearsaichean MhicDhiarmaid agus Mhic Mhaighstir Alasdair ach tha an cruth a chuir e air an t-susbaint sin, ro-ràdh foirmeil a’ cur sìos air a bhuaidhean fhèin, ga stèidheachadh ann co-theacsa nas fharsainghe dàin fada na h-Eòrpa.

Thuirt MacGill-Eain (1985, 12) gun tug ‘A Drunk Man looks at the Thistle’ air an dàn a thòiseachadh ach tha Macillebhàin (MacGill-Eain, 2011, 124-25) ag ràdh gu fìrinneach gu bheil e, mar phìos sgrìobhaidh, a’ sealltainn buaidh nas fhollaisiche ‘To Circumjack Cencrastus’ (MacDiarmid, 1930). Tha e a’ taisbeanadh na dhèanadh e nan robh e comasach, ’s e sin a’ cur “an Cuilithionn iargalt | ’na theine-sionnachain san iarmailt” agus a’ toirt air “an Eilean èigheach | a dhèanamh iolach dàin sna speuran” (*Cuilithionn*, ‘Coisrightheadh’, ll.7-8; 11-12) Tha an ìomhaigh seo de bheinn ag èigheach a’ nochdadh gu follaiseach ann am ‘Prometheus Unbound’ (Shelley, 2009), dàin a thug buaidh mhòr air

<sup>12</sup> Stèidhicheadh an sgrùdadh seo air an teacsa bho 1939 mar a chaidh a dheasachadh le Macillebhàin.

MacGill-Eain agus a tha a' seasamh air cùlaibh A' *Chuilithinn* mar a chìthear bhon iomradh air ann an VII (ll. 25-26). Tha Prometheus Shelley air mallachd air Iòbh a ghairm, a chuireas na sìontan nan tost gus mu dheireadh:

*The Earth.* The tongueless Caverns of the craggy hills  
Cried, 'Misery!' then; the hollow Heaven replied,  
'Misery!' and the Ocean's purple waves,  
Climbing the land, howled to the lashing winds,  
And the pale nations heard it, 'Misery!' (Shelley. 2009, 236)

Lean Dymock (2013, 147-55) cuid de na ceanglan arcataipeach a tha a' cinntinn air tàillibh cleachdadh Prometheus san dàn; bheir fulangas na fèin-iobairt cothrom saorsa airson a' mhòr-shluaigh. Tha an arcataip den talamh a' freagairt fulangas mic-an-duine a' nochdadh sa Bhìoball, nuair a ghairmeas fuil neo-chiontach Abail air an talamh (Genesis. 4:1) agus ann an crith-talmhainn Dihaoine na Ceusta (Mata 27:51-53). Nochdaidh freagairt na talmhuinn gu fulangas mic-an-duine gu tric mar shamhla san dàn (m.e. II, l. 76) agus ann an dàn eile mar 'Hallaig' far a bheil an àrainneachd a' taisbeanadh fulangas nan daoine (MacGill-Eain, 1950). A thaobh nan ceanglaichean spioradail seo, seallaidh Dymock mar a bha an ceangal eadar Crìosda agus Lenin a' nochdadh gu cunbhalach am measg sgrìobhadairean Bòilseabhach tràth (2013, 150-51) agus thig e am follais ann an III (ll. 195-99). Bha bàrdachd Alexander Blok (1968, 14) air an robh MacGill-Eain measail, cuideachd a' cochur seo goirid às dèidh Ar-a-Mach an Dàmhair 1917.

Le sùil air amas an dàn mar a dh'ainmichear sa Choisrigeadh, tha MacGill-Eain an dùil a dhùthaich, "an Eilean glòrmhòr," a chur a dh'ionnsaigh àr fuilteach na h-Eòrpa. A thaobh a chogaidh bha seo a' dol an aghaidh beachdan an riaghaltais aig toiseachd an t-samhraidh 1939 mar a chì sinn sna beachdan aige air Chamberlain (I, l. 249). Bha lionn-dubh MhicGill-Eain mun t-suidheachadh eadar-nàiseanta na eisimpleir eile de eas-aonta eadar e fhèin 's an Ideòlachd Choitcheann nuair a bha e ag obair air an dàn an toiseach. Ach ann an seagh nas fharsainghe tha cothrom ann gu bheil MacGill-Eain fo bhuaidh Ùisdean MhicDhiarmaid (1934, 32), a bha den bheachd anns na h-aistichean aige mun "Gaelic Ideal" gu robh guth sònraichte aig na Gàidheil ann an cultar na h-Eòrpa, a b' urrainn ath-bheothachadh a thoirt air, an àite an dol sìos a chaidh a ghairm gu feallsanachail le Spengler (1926). Tha Macillebhàin

air a ràdh gu bheil an dàn na “attempt to re-enfranchise Gaelic literature, to give it full rights once more on the European and indeed world stage” (Whyte, 2007, 525). Tha seo na shealladh bho shuidheachadh Gàidhealach air an oidhirp ceudna aig MacGill-Eain a dhùthaich a chur air ais an teas-meadhain cultair adhartach na h-Eòrpa. Tha MacGill-Eain mar sin air amas sòisealta ainmeachadh mar a’ chuspair aige, mar a bhiodh dùil bho na beachdan aige air bàrdachd choisrigte ri amas poilitigeach a chaidh a thaisbeanadh ann an Caibideil 3.1.

### **6.1.3.2 Earrann I**

Ann an I, tha MacGill-Eain a’ taisbeanadh cuid de na prìomh theamaichean a tha gus nochdadh tron dàn air fad: tha àrainneachd agus eachdraidh air an ceangal ri chèile; nithear càineadh orrasan a tha a’ toirt taic do spùilleadh eaconomaigeach an Eilein agus nochdaidh guthan iadsan nach d’ fhuair èisteachd gu h-eachdraidheil. Tha MacGill-Eain a’ tòiseachadh le là dhan aithrisear a’ streap nam beann is e mar sin a’ leantail nòs eipigeach eile: a’ tòiseachadh *in media res* (Gregory, 2012, 440). Tha ùine, agus mar a tha am bàrd a’ faicinn eachdraidh a’ dol mu chuairt, air aon de na cuspairean Marcsach cudromach san dàn agus tha an tòiseachadh seo na bhun-stèidh airson a’ chuspair. Mar eisimpleir tha turasan an streapadair air na beanntan a’ tachairt ann an saoghal cearclach nan iomadh “Seo latha eile” ann an II, mar gu bheil e fo shlabhraidhean eachdraidh an coimeas ri mar a tha Clio a’ nochdadh gu buadhmhor saor ann an earrannan VI is VII. Ann am briathran dubhach Phrometheus aig Shelley: “No change, no pause, no hope! Yet I endure.” (Shelley, 2009, 234). Chan eil an àrainneachd air fhaicinn mar rud a tha neodrail, is i a’ toirt air a’ bhàrd smaoinichadh air cor a dhaoine (MacGill-Eain, 2011, 121-23). Thuirt MacGill-Eain ann an agallamh bliadhnaichean mòra às dèidh an dàn a sgrìobhadh far an robh e a-mach air an àrainneachd Sgitheanach agus an t-samhlachas a bha ri fhaicinn innte: “it wasn’t just a case of scenery, but it was always very much intermingled with the people” (MacDonald, 1986, 219). Don bheachdair agus don t-sreapadair tha an Cuilithionn mar sin na àite far a bheil “gleac” agus “spàirn” eachdraidheil a’ tighinn beò maille ri oidhirp fhiosaigeach. Thèid seo a

phearsonachadh nas anmoiche agus an Cuilithionn fhèin a' gairm mu eucoir eachdraidh (*Cuilithionn*, I. 279-280).

Tha ìomhaigheachd Earrainn I a' taisbeanadh cochur de dhà àrainneachd a tha cudromach ann an dualchas nan dàn fada bhon ochdamh linn deug agus bunasach do shaidhceòlas an ùghdair. 'S e sin a' mhuir agus a' bheinn, is iad aig cridhe *BCR* agus *Beinn Dòrain*. Dh'innis MacGill-Eain mar a ghluais ùidh bhon mhuir don mhonadh nuair a ghluais e air falbh bho Eilean Ratharsair agus nuair a chaith e ùine a' teagaisg aig Àrdsgoil Phoirt Rìgh is a' siubhal monaidhean a' Chuilithionn (MacDonald, 1986, 218-219). Cheanglar an dà àrainneachd mar-thà ann an samhachas a' Choisrigidh agus an t-Eilean mar bhàta dhan bhàrd agus thèid seo a' neartachadh le buadhairean leithid “barcach” agus an Cuilithionn na “m[h]uir mhòr, chial nan tonn gàbro” (*Cuilithionn*, I, 1.18) le craosan agus e a' “spùtadh” agus “bàrcadh” (*ibid.*, ll. 23-24).

Èiridh dà bheachd eile a tha cudromach do chuspairean an dàin, 's e sin “gleac” agus “sàr-mhathas” agus tha na ceanglan Marcsach acasan cudromach. Taisbeanaidh MacGill-Eain an duilgheadas a tha an sàs ann a bhith a' feuchainn ris a' bheinn a shreap, agus cuideachd an strì eadar cumhachdan ge-eòlach a chruthaich an Cuilithionn: “far am brist air ceann na spàirne” (I, l. 17) is e gun “spàirne” a mhìneachadh mar cho-cheangailte ris an t-sreapadair neo gluasadan na mara mòra gàbro. Gheibhear mar sin am measgachadh eadar an gleac pearsanta, agus gleacan gluasadan mòra eachdraidh an t-saoghail a tighinn ri chèile san ainmear ghinideach gun mhìneachadh. Nas fhaide air adhart san dàn chìthear gu bheil an gleac seo a' ciallachadh gleac mic-an-duine, a' strì gus dol seachad air na siostaman clas gus am bi a' Chuilithionn ag èirigh aig “taobh eile duilghe” (VII, l. 363).

Tha moladh an t-sàir-mhath, rud nach eil cho follaiseach ann an sgrìobhadh MhicGhill-Eain 's a tha e ann an Yeats neo MacDhiarmaid, cuideachd a' nochdadh aig toiseach na h-earrainne. Gu dearbh, dhìt MacGill-Eain (1985, 262) MacDhiarmaid air tàillibh a dhìmhais air an duine chumanta anns ‘A Drunk Man’. Chìthear ann an sgrìobhaidhean MhicDhiarmaid mac-talla den ‘chràbhadh pearsantachd’ a bha moladh nan gaisgeach Sòibhiatach (Lyall, 2011, 80) agus tha seo bunaiteach ann an dàn MhicGill-Eain far an tèid gaisgich shòisealach a chur air bàrr a' Chuilithinn. Bidh MacGill-Eain ag ainmeachadh an t-

sàir sgùirr is ga moladh gu fialaidh, agus thèid an sàr loch, an sàr fhuaran, an sàr eun (*Cuilithionn*, ll.152-161) agus an sàr Eilean (l.166) ainmeachadh cuideachd. San àrainneachd shamhlachail ùirsgeulaich seo a tha a’ taisbeanadh cath eadar breunachd agus mathas, tha MacGill-Eain a’ tilleadh do dh’ìre arcataipeagach. Bidh MacGill-Eain a’ ceangal an Eilein Sgitheanaich ri Pàrais san aon earrainn (I, 65-70). ’S e gàrradh phàrais aon de na nòsan eile co-cheangailte ris an Eipig (Gregory, 2012, 442) agus mar a chunnacas le beachdan Northrop Frye (1957, 152) tha e na arcataip bunaiteach ann am mac-meanmna an t-Saoghail Shiar is e ag obair mar analogaidh air nèamh. Sna h-earrannan mu dheireadh chìthear na sàir a dh’fhuiling airson a’ mhòr-shluaigh air mullach a’ Chuilithionn, is tha MacGill-Eain air sealltainn gu bheil an àrainneachd airidh orra.

’S e aon de na rudan a tha a’ cur sgaradh eadar Earrann I agus a’ mhòr-chuid eile den dàn gu bheil MacGill-Eain a’ gluasad do ghuth àbhachdail airson cuid dheth mar a rinn MacDhiarmaid (1926) san *Drunk Man* agus mar a bhiodh a charaid Sydney Goodsir Smith (1948) a’ dèanamh às a dhèidh ann an *Under the Eildon Tree*. Gu dearbh tha MacGill-Eain (1985, 11) fhèin ag ràdh, is e a’ bruidhinn air an dàn fhada, nach robh an “*vis comica*” neo cumhachd àbhachdas aige idir. Ach ’s urrainn do ghàire a bhith poiliteagach, ealanta agus aoireil mar a sheall an *Drunk Man*. Mar sin nuair a leughar sreathan leithid “Gum biodh a h-uile ni an òrdan | nam bu mhise Seton Gòrdan” (I, ll. 99-100) agus an earrann a leanas, tha MacGill-Eain deònach comhardadh iomlan àraid a chleachdadh a dh’àrdaicheas am magadh aige. Tha iad cuideachd an-eisimeil bàrdachd MhicDhiarmaid mar an às-earrann seo bho *Cenchrastus*:

But what I canna accoont for’s no’  
 Bein’ able to gie folk hokum.  
 I can joke ’em and sock ’em and choke ’em  
 But the a’e thing needfu’ is hokum.  
 – I wish I was Neil Munro.  
 [...]  
 The day’s lang by when Gaels gaed oot  
 To battle and aye fell,  
 I wish I was Harry Lauder,  
 Will Fyffe or J.J. Bell,  
 – Or Lauchlan Maclean Watt  
 For the maitter o’ that!  
 –Dae I hell! (MacDiarmid, 1930, 134)



na fuadaichean agus tha e cuideachd a' sealltainn na dòigh san robh MacGill-Eain gus càineadh nan creidmheach air tàillibh gnìomhan, neo leisge, nan clèireach ri linn nam fuadaichean (m.e. 'Ban-Ghàidheal', MacGill-Eain, 1943, 53).

Tha ìomhaigheachd an dà aingeal (I, ll. 89-98), a thuilleadh air ìomhaigheachd an Diabhail, a' cur Milton (2004) an cuimhne agus iad nan caractairean gu math cudromach ann am *Paradise Lost*. Chaidh obair Mhilton (2004, xiii) a losgadh air tàillibh nam beachdan aige, agus ged a dh'fhàg Blàr Inbhir Chèitein buaidh mhòr air mac-meanmna agus fèin-aithne MhicGill-Eain chìthear dìleab a' bhàird phiùratanaich ann an cuspairean A' *Chuilithinn*. Rinn MacGill-Eain eadar-theangachadh air a' chiad earrann de *Paradise Lost* às dèidh a' chogaidh (2011a, 213). Thug *Paradise Lost* cuid den bhrosnachadh do Shelley (2009, 230) 'Prometheus Unbound' a sgrìobhadh agus reubalachd an Diabhail agus Prometheus co-shìnteach na bheachdsan. Tha MacGill-Eain air innse mar a thug dàn Shelley buaidh mhòr air na òige (Hendry, 1986, 12). Chìthear mar sin, san earrainn seo coltach ris a' Choisrigedh aige, gu robh MacGill-Eain a' feuchainn is a' dèanamh cinnteach gum biodh daoine a' faicinn an dàin ann an co-theacsa litreachail Eòrpach. Mar a dhearbhaich an sgrùdadh litreachail aige bhon aon àm, bha e ag iarraidh bàrdachd Ghàidhlig fhaicinn bho na h-ìrean eadar-nàiseanta as àirde (MacGill-Eain, 2008, 1).

Gus Earrann I a chrìochnachadh, chleachd MacGill-Eain ìomhaigheachd eile aig a bheil ceangalan beartach ann an dualchas cultarail na Roinn Eòrpa, 's e sin dannsa nam marbh. Tha na maoran agus na h-uaislean uile a' dannsa os cionn a' Chuilithinn, agus an luchd-taic a' dannsa fodhpa (I, ll. 202-68). 'S ann às dèidh seo a gheibhear taisbeanadh soilleir air an fheum airson fòirneart gus ath-bheòthachadh Shòisealach a thoirt gu buil:

'S ged sgoilteadh guth eile an ceathach,  
 Lenin, Marx no MacGill-eain [...]  
 Bhàthadh an caithream diabhlaidh  
 Guth nan saoi is glaoth nam piantan.  
 [...]  
 is gus am bi an t-Arm Dearg còmhla  
 ri caismeachd tarsainn na Roinn Eòrpa  
 drùidhidh iorram na truaighe  
 air mo chridhe 's air mo chluasan. [I, ll. 259-60; 263-64; 285-88]



Bha an ideòlachd Stàilineach a’ tabhainn cruth do MhacGill-Eain gus an strì aige an aghaidh ideòlachd choitcheinn a dhùthcha agus ideòlachd chumhachdach nam faisisteach a chur air adhart. Bidh ìomhaigheachd spioradan air mullach na beinne a’ tilleadh a-rithist, gu h-àraidh aig crìoch an dàin, ann an Earrann VII.

### **6.1.3.3 Earrann II**

Ann an Earrann II, leanaidh MacGill-Eain air leis a’ bhlas dhubhach a tha a’ crìochnachadh a’ chiad earrainn. Ach tha e a-nis a’ coimhead air a’ Chuilithionn fhèin is e ga phearsonachadh mar leannan agus mar churaidh neo fuamhair. Tha ìomhaigheachd den Chuilithionn mar fhuamhair uabhasach le neart neo-thuigseach, a’ neartachadh nan ceanglaichean le gaisgeachd neo-fèineil Prometheus. Tha ceangal arcataipeach eadar Cù Chulainn agus Prometheus, leis a’ ghaisgeach à Ulaidh a’ bàsachadh ceangailte ri creag agus eòin a’ tighinn ga ionnsaigh air dha bhàsachadh (Cross agus Slover, 1936, 338). Thèid Cù Chulainn ainmeachadh ann an co-samhla san earrann seo (*Cuilithionn*, II, ll. 37) agus ceangal eadar ainm na beinne agus a’ churaidh. Cleachdaidh MacGill-Eain briathrachas-beinne anthropomorphach na Gàidhlig airson na h-ìomhaigheachd aige:

slios an is slèistean a’ Chuilithinn  
lom, nochda ri gleac an fhuirbhidh,  
gun de dh’fheòil orra ach an sgàirneach  
a thilgeadh comhair a cinn ’na càrnaich  
bho do chruachann ’s bho do ghlùinean  
sìos do grunn nan glomhar ùdlaidh. (II, ll. 27-31)

Tha an ìomhaigheachd den sgàirneach a’ tuiteam bhon Chuilithionn fhluich ga dhèanamh coltach ri ghaisgeach feitheach, is e dìreach gus gleac. A thuilleadh air ìomhaigheachd den bheinn sheing a nochdas an seo, thathas a’ faicinn gu bheil an gleac fhèin a’ rùsgadh agus a’ sgùradh na beinne. Nochd am beachd-smaoin seo den strì a’ glanadh an spioraid a-rithist ann an *Dàin do Eimhir* ‘XVIII – Ùrnaigh’ is e ag ràdh: “An uair a tha ’n spiorad air fhaladh | [...] caillidh e gach uile fhannachd ” (MacGill-Eain, 1943, 17-19, 19). Aig crìoch A’ *Cuilithinn* chìthear gu bheil an sgùradh seo a’ tighinn

gu buil: “Glanar an Cuilithionn le teine | gu stàilinn creagan an spioraid” (*Cuilithionn*, VII, 136). Tha seo uile ag àrdachadh cudromas Strì mar rud a ghlanas an duine agus a’ cho-choimhearsnachd.

Cleachdaidh MacGill-Eain ìomhaigheachd agus briathrachas earotaig a’ ghràidh is e a’ bruidhinn air a’ Chuilithionn. Thig seo gu buil san lioraic aige air a’ Chuilithionn ann an VII (ll. 212-327). Chan eil seo na *motif* ùr ann an litreachas na Gàidhlig, agus na bàird a’ moladh nan sgìre aca fhèin gu fialaidh ann am briathran a’ ghaoil. Bhiodh iad cuideachd a’ moladh a’ chinn-cinnidh le briathran gràdhach; fear a bha cho dlùth-cheangailte ris an fhearainn gu robh iad nam metafòran airson càch a chèile air uairean (MacInnes, 2006, 277-79; Ní Annracháin, 1997, 9-10). Tha dìth an dàrna cheangal seo follaiseach sa *Cuilithionn*, mar a bha e ann am *Beinn Dòrain*, agus gu dearbh tha gaol aig MacGill-Eain air a’ bheinn a *dh’aindeoin* nan uachdaran. Ach a bharrachd air a’ phuing phoilibteagaich sin tha an neart a th’ aig a’ ghràdh fhiosaigeach aige ag ath-neartachadh an tròpa seo airson litreachais ùir modarnaich, is e ga chèineachadh le neart nam metaforan leithid:

a’ chiad là phòg mi do ghruaidh  
b’e choimeas fiamh an Tuile Ruaidh;  
a’ chiad là phòg mi do bhial,  
dh’fhosgail Iutharn a dhà ghial;  
a’ chiad là laigh mi air t’ uchd-sa  
ar leam gum faca mi an luchdadh  
aig na speuran troma, falbhaidh  
gu crith sgriosail na talmhainn. (II, ll. 5-12)

Chan eil seo na ghaol neo-choireach. Mar a chunnacas sa chiad earrainn tha MacGill-Eain a’ dol às àicheadh comodofaigeachd àrainneachd na Gàidhealtachd an dà chuid le eòlas eachdraidheil agus leis na tha e a’ faireachdainn is e a-muigh oirre. Dhà-san tha a’ Ghàidhealtachd, àlainn ged a tha i, a’ bruidhinn ris mu eachdraidh a dhaoine agus èirigh nan uachdaran agus nam bùirdeasach. Mar sin a dh’aindeoin ìomhaigheachd ghràdhaich bhoireanta nan eilean tha fhathast:

ag èirigh bho roid Rubha ’n Dùnain  
anns na tlàman geura cùbhraidh,  
gaol is bròn tuath na dùthcha  
a sgapadh le beairteas an spùillidh. (II, ll. 76-79)

Tha am bàrd mar-thà air mìneachadh na chaidh a dhèanamh aig Rubha 'n Dùnain (I, ll. 47-51). Tha fàileadh cubhraidh an roid, “ceò na h-eachdraidh” (II, l. 81) a’ bruidhinn ris. Tha ìomhaigheachd na ceotha, a tha cho dlùth-cheangailte ris a’ Chamhanaich Cheiltich agus a nochd mar-thà ann an Earrainn I (l. 259) air a leasachadh an seo. Chan e is gu bheil am bàrd dìreach ga chur air ais dhan t-suidheachadh nàdarra fhìorachail aige ach tha e ga chleachdadh còmhla ri fàileadh na roid, agus am “mèath-chiùchair” (II, l. 88) gus samhlachadh an dòigh sa bheil eachdraidh na sgìreachd ag èirigh ga ionnsaigh, mar a bha na taibhsean aig deireadh Earrainn I. Tha ìom-sgaradh bunaiteach ann eadar buaidh a’ cheò air an dà bhuidheann is e a’ dalladh nam buirdeasach ach a’ taisbeanadh eachdraidh dhan bhàrd:

Air na leathadan uaine  
ceò na h-eachdraidh ga shuaineadh,  
cridhe, fuil is fèil mo dhaoine,  
an trom-laighe air na raointean; (II, l. 80-83)

Tha an ceò a-nis a’ riochdachadh “trom-laighe” eachdraidh nan Gàidheal, is MacGill-Eain ag ath-chleachdadh ìomhaigheachd a’ Chamhanaich is a’ sealltainn an uabhais a tha aig a’ chridhe. Chìthear gu bheil an teacs a’ cleachdadh na h-ideòlachd easdataiche, agus a’ feuchainn ri atharrachadh nan ceanglaichean a th’ aig a’ cheò mar shamhla Ceilteach. Bha easdatachd a’ Chamhanaich agus dubhairc nan sgrìobhaidhean aca mu na Gàidheil a’ neartachadh a’ Mhodh-Ghineamhainn Choitcheann, leis gu robh e a’ toirt seachad adhbharan cultarail airson ghnìomhan eaconomaigeach: “[Twilightist critics] have spoken after dinner, hiding with a halo the bracken that grew with the Clearances; they have cherished the Iubhrach Bhallach and forgotten the ‘Annie Jane’ that went down in the Kyle of Watersay”<sup>13</sup> (MacGill-Eain, 1946, 87). Tha an t-ìom-sgaradh eadar ideòlachd ùghdarail MhicGill-Eain agus ideòlachd choitcheann a latha, aig nach robh cus ùidh ann an leasachadh na Gàidhealtachd airson nan croitearan, a’ toirt air a’ bhàrd ideòlachd easdatach a’ Chamhanaich fho-leagail le bhith a’ cruth-atharrachadh cuid de prìomh shamhlaidhean a’ ghluasad ud.

<sup>13</sup> Cha deach i fodha sa chaolas ach air taobh siar an eilein (Canmore, 2014).

Tha e cudromach do chumhachd an dàin gu bheil suidheachadh eadar-dhealaichte eachdraidh na h-Alba aithnichte. Bha bràthair màthair MhicGhill-Eain air eachdraidh a sgrìobhadh den Eilean Sgitheanach (Nicolson, 1930) ag innse mar a chaidh am fearann fhuadachadh. Ach cha robh na h-eachdraidhean shòisealta iomraiteach nas anmoiche leithid Prebble (1963) agus Hunter (1976) air eachdraidh nam fuadaichean fhàgail fo aire a' mhòr shluaigh. Chaidh cead a dhiùltadh do charaid MhicGill-Eain, Sydney Goodsir Smith, eachdraidh nam Fuadaichean a sgrìobhadh mar theusas aig Oilthigh Dhùn Èideann agus na h-Ollamhan den bheachd gur e leasachadh eaconomaigeach a bh' ann (Green, 2007, 26). Mar sin, bha an t-iom-sgaradh eadar suidheachadh MhicGhill-Eain agus an Ideòlachd Choitcheann a' tighinn gu bàrr o chionn 's gu robh rudan a bha do-fhaicsinneach don Ideòlachd Choitcheann uabhasach fhèin follaiseach do Ghàidheil le deagh eòlas air eachdraidh na Gàidhealtachd. A' bruidhinn air Eilean Muile, agus an suidheachadh às an do dh'èirich am beachd aige dàn fada a sgrìobhadh an toiseach, thuirt MacGill-Eain, "its physical beauty, so different from Skye's, with the terrible imprint of the clearances everywhere on it, made it almost intolerable for a Gael" (MacGill-Eain, 1985, 12).

Tha mar a tha am bàrd a' làimhseachadh a' cheò a' toirt soilleireachadh seachad air toiseach na h-earrainne: "A Chuilithinn chreagaich an uabhais | tha thusa mar rium dh'aindeoin fuathais" (II, 1-2). Sa chiad dol a-mach tha an Cuilithionn uabhasach a thaobh meud, agus meud an neart a chruthaich agus a ghlèidheas a' bheinn tro na siantan. Agus tha na ceanglaichean a rinn mac-an-duine eadar an àrainneachd agus sgeulachdan ùirsgeulach nan Gàidheal a thaobh Cù Chulainn cuideachd a' neartachadh an uabhais. Ach 's e am prìomh uabhas sgrèamh MhicGill-Eain ri eachdraidh uabhasach na h-àrainneachd seo a tha a' tighinn dha mheomhair is e a-mach air a' mhòintich, àrainneachd a chaidh a dhèanamh mar tha e le droch ghnìomhan mic-an-duine mar a chaidh a chur am fianais leis an dàn gu ruige seo.

Ged a tha chiad Earrann den dàn a' coimhead gu dlùth air àrainneachd an Eilein Sgitheanaich, tha taobh eadar-nàiseanta an dàn gu math cudromach. Mar a thuirt Dymock (2008, 4-5) bidh sealladh MhicGill-Eain a' sgaoileadh gu cearclach ann an Earrainn II. Nì MacGill-Eain an cochur as

fhollaisiche gu ruige seo eadar fulangas nan Sgitheanach agus an tuath air feadh na Roinn Eòrpa, is e a' ghluasad eadar na h-Asturaidhich agus na Sgitheanaich a chaidh fhuadachadh (II, ll. 76-137). Dha-san, tha iad ceangailte a thaobh an clais-shòisealta, is iad air am mealladh is am buaireadh leis na bùirdeasaich, a dh'aindeoin 's gu robh na h-Asturaidhich a' fulang nas miosa aig an àm ud:

Agus ged nach d' rinn an càs-san  
gaoir ghoirt saoghail na Spàinne  
[...]  
b' e an càs-san càs na tuath 's nam bochd (II, ll. 93-94; 103)

Tha an ceangal le eachdraidh a' tighinn gu ceann ge-tà is MacGill-Eain a' sealltainn gu bheil eachdraidh fhèin gun ghluasad agus i glèidhte aig an ìre de dh'fhulangas an tuath. Nì e seo leis na h-earrannan “Seo latha eile...” (II, ll.124-93) a tha a' dèanamh sgaradh eadar gaisgich na Spàinne agus cor nan Sgitheanach; coimeas eadar tachartasan an t-saoghail ri bheò agus neo-cheartas an Eilein Sgitheanaich gun a dhìoladh. Leanaidh seo air le barrachd iomraidhean air an Roinn Eòrpa is e a' càineadh a' Phàp agus uachdarain na Pòlainn (II, ll. 178-81) mar eisimpleir.

Thaisbean MacGill-Eain aon de phrìomh shamhlaidhean an dàin aig crìoch II is e ga dheasachadh airson Earrainn III: na daoine a' bàthadh ann an sùil-chritheach agus boglach. Mar a tha MacGill-Eain (1955, 7) fhèin air mìneachadh tha boglach Mararabhlainn stèidhichte an aghaidh samhla a' Chuilithinn, agus an t-iomsgaradh a' riochdachadh sa chiad dol a-mach an strì eadar bùirdeasachd is meadhanachd an aghaidh gaisgeachd is neo-fèineileachd. Chan ann leòtha fhèin a thèid iad dhan bhoglach ach fo stiùir nan ceannardan mar a tha ainmeachadh nan deachdairean faisisteach agus Chamberlain a' sealltainn. Chan e, mar sin, na bùirdeasaich fhèin a tha air an riochdachadh leis a' Mararabhlainn ach 's e an lagachadh a bheir miann bhùirdeasachd do spionnadh radaigeach mic-an-duine a tha air a thaisbeanadh: coirbteachd a' truailleadh gaisge. Mar sin 's ann gu beagan feum a bha gaisge nan Sgitheanach sa Chiad Chogadh is e ach a' toirt cothrom do “chailleachan beairteach an Sligeachan suilbhir | [a bhith] ag ithe 's a' faicinn a' Chuilithionn” (II, 214-15). A-rithist tha an àrainneachd a' taisbeanadh an sgaraidh a tha eadar ideòlachd an ùghdair agus prìomh ideòlachdan a latha.

### 6.1.3.4 Earrann III & IV

Nì MacGill-Eain mìneachadh nas iom-laine air Mararabhlainn ann an Earrann III far a bheil e a' cnuasachd an sgaraidh a tha e a' dèanamh eadar cridhe is inntinn. Aig an àm seo, bha e air an “Eimhir” Albannach fhaicinn a-rithist ( MacGill-Eain, 2011, 183-184) is tha cuid de na tèamaichean bho *Dàin do Eimhir* (1943) a' nochdadh ann an Earrann III. Nochdaidh iomsgaradh a' Chuilithinn agus a' bhoglaich mar dhàn ‘XXXIV’ san t-sreath ud cuideachd (*ibid.*, 32). Nì e tuairisgeul air buaidh uabhasach brèine na boglaiche is e a' riochdachadh cheanglaichean sgrèimheil, deamhanail, is gam meudachadh:

Och, a' mhòinteach Mararabhlainn,  
[...]  
fàsaidh is sgaoilidh do bhuadhan,  
a shùil-chruthaich mhòr ruaimlich,  
tha thu sruthadh 's tha thu 'g èirigh,  
a' bàthadh 'na do thuil mòr brèige  
na tha fialaidh, còir is dìreach  
a chritheanaich gach uile thìre. (III, ll. 1; 5-10)

Tha mac-talla san ‘Och’ an seo air gairm na ban-Siosalaich air Teàrlach Stiùbhart san òran ‘Mo Rùn Geal Òg’ (J. MacLean, 1950) agus thèid na ceanglaichean seo le òrain an 17mh is 18mh linn a leasachadh nas anmoiche san earrann, agus san tè a leanas. Ach tha iad a' fo-leagail cuid de na dòighean tuairisgeul dualchasach sa Ghàidhlig gus puing a dhèanamh mu dhèidhinn clas-shòisealta, san aon dòigh a rinn e le ìomhaigheachd a' Chamhanaich. Do MhacGill-Eain, cha tèid sgaoileadh an uabhais seo a stad ach leis an Arm Dhearg agus feachdan Stàilin, leis gu bheil cràbhadh is gaisge an Eilein eu-chomasach: “bhàth thu Dia anns an nèamhan; | bàthaidh tu an Cuilithionn 's am Bràighe” (III, ll. 18-19).

Seallaidh MacGill-Eain mar a tha a' bhoglach air fiù 's bòidhche a chinneas a dh'aindeoin na boglaiche a mhilleadh, oir “thig a' bhrèinead anns an anam” (III, l. 31). Mìnichidh e seo air tàillibh an sgaraidh a tha bùirdeasachd a' dèanamh eadar an cridhe 's an inntinn, mar a theireas MacGill-Eain gu soilleir às dèidh *caesura* san earrann seo:

Siud ort fhèin, a Mhararabhlainn  
tha thu mòr, moiteil, seannsail;

's tusa dh'fhaodas; tha thu dligheach  
air seirbheis eanchainne gun chridhe. (III, ll. 63-66)

Sin as coireach gun d' fhuair am boglach greim air Mozart agus Pàdraig Mòr, a fhuair cosnadh bho na h-uaislean, ach nach d' fhuair air Shelley neo MacDhùn-Lèibhe a bha air obair nas coisrigte dhan t-sluagh a dhèanamh. Mar a tha nòtaichean Mhicillebhàin (MacGill-Eain, 2011, 177-78) a' taisbeanadh bha MacGill-Eain mar as trice a' moladh a' chiad dà fhear-ealain gu fialaidh, ach san t-suidheachadh seo, is e a' bruidhinn air an t-suidheachadh aca sna Modhan-Gineamhainn Litreachail is Ciùil, seach na h-Ideòlachdan Easdatach aca, tha iad truaillte leis a' bhoglaich.

Thèid an sgaradh seo eadar eanchainn mic-an-duine is fhaireachdainn a leasachadh le samhla an Àigich, a thèid a spothadh sa Mhararabhlainn is e air a' chumail sìos le bùirdeasaich (III, 93-108). Nì MacGill-Eain cinnteach san earrainn seo gu bheil an dàn air fhaicinn gu soilleir ann an co-theacsa eadar-nàiseanta na strì airson Sòisealachd agus saorsa eaconomaigeach. Canaidh e gu bheil na Sgitheanaich, na h-Albannaich, na Sasannaich is muinntir na h-Eòrpa uile fo bhuaireadh leis na thachair (III, 129-40) is e ag ath-chleachdadh an aon ghluasaid a-mach bho shuidheachadh Sgitheanach gu sealladh Eòrpach is air uaireannan sealladh Cruinneil 's a bh' aige roimhe.

Aig an ìre seo den dàn, far a bheil MacGill-Eain a' coimhead air an sgaradh eadar an cridhe 's an inntinn, sgaradh a tha esan a' faicinn a' cinntinn bhon bhùirdeasachd, tha e a' cleachdadh briathran 'Òran air Là Inbhir Lochaidh':

An cuala sibhse an obair dhuineil  
a rinn na bùirdeasaich dhuinne?  
'S fhada chaidh ainm air an iomairt;  
thug iad bhon ainmidh a bhunait. (III, ll. 141-44)

Gheibhear an aon structar aig ll. 93-96 agus ll. 153-56, agus an aithrisear a’ cur ceist air an luchd-leughaidh. Chaidh MacGill-Eain gu soilleir an aghaidh briathran a their an dualchas gun d’abair Iain Lom<sup>14</sup> ron bhlàr:

If ‘committed’ the poetry must be in some way confessional if it is to be true to the perpetual dilemma of the ‘Existentialist’ choice. Iain Lom’s famous words to Alasdair MacDonald ‘You do the fighting and I’ll do the praising’ I consider disgusting. (MacGill-Eain, 1985, 12)

Tha MacGill-Eain a’ faicinn ann am briathran an Dòmhnallaich lochd a bha e ag aithneachadh mar laigse am measg a cho-aoisean agus na ghnìomhan aige fhèin, sgaradh eadar am beachdadair agus an gnìomhair. Mhothaich Alan Riach an aon prionnsabal ann an saothair MhicDhiarmaid agus Bertolt Brecht is e a’ dèanamh iomradh air briathran Brecht (Riach, 1991, 38): “Bourgeois philosophers make a distinction between the active man and the reflective man. The thinking man draws no such distinction.” Tha buaidh na boglaiche cuideachd a’ toirt nan ceistean ris a robh am bàrd a’ gleac ann an *Dàin do Èimhir* gu bàrr. Tha an sgeulachd san dà-rìribh air mar dh’fhuirich e aig an taigh rè cogadh na Spàinne air sgàth ’s suidheachadh eaconomaigeach a theaghlaich ann an Ratharsair na eisimpleir gu math pearsanta air an sgaradh eadar cridhe agus inntinn, agus mar a bha sin, ann am beachd a’ bhàird, a’ cur bacadh air gaisge. Ach chan eil e a’ toirt seachad mìneachadh ro fhollaiseach air mar a chaidh na h-amasan gaisgeil aige fhèin a bhacadh mar a nì e ann an *Dàin do Èimhir*.

Nì e iomradh iomchaidh an seo (III, ll. 169-74) air an dithist bhàrd a bha coisrigte gu poiliteagach is a nochd sa Choisrigeadh: MacDiarmaid agus Mac Mhaighstir Alasdair. Tha e làn cinnt nan robh an suidheachadh eachdraidheil aigesan ceart bhiodh e cho comasach riuthasan: “Ach chan fhaca mi a’ mhòrachd | ’s feumar stad far na dh’fhòghnas” (III, ll. 175-76); aideachadh soilleir air buaidh tuiteamasan a linn air cruthachadh agus soirbheas an dàin.

Bho àird a’ mhonaidh tha MacGill-Eain a’ leasachadh na h-argamaid le meòrachadh air neo-thruaillteachd. Dhàsan tha dà rud nach fhaicear sa bhoglach: “tuigse Lenin is taobh dearg Chrìosda” (III, 195) agus iad seo air àird a’ Chuilithinn. Tha iad seo nan taisbeanaidhean air eanchainnean mòra

<sup>14</sup> Thathas ag ràdh nach robh Iain Lom deònach sabaid aig Là Inbhir Lòchaidh leis gun do mharbh e a bhràthair gu mearachdach aig blàr eile (MacDonald, 1964, xxviii). Ach tha e soilleir gu robh MacGill-Eain den bharail gu robh na briathran “Cathachaibh sibh-se is innsidh mise” a’ sealltainn gealtachd a’ bhàird.



an t-saoghail a' gluasad fo bhuaireadh fulangas a' mhòr-shluaigh (MacGill-Eain, 2011, 183). Fiù 's bliadhna às dèidh Ar-a-Mach an Dàmhair san Ruis bha Alexander Blok (1968, 14) air an aon chochur a dhèanamh san dàn fhada aigesan, 'An Dusan' is e a' cur Crìosda aig toiseachd feachd Sòibhiatach a tha a' caismeachd tron oidhche gheamhraidh. Chì MacGill-Eain a ghaol air mullach a' Chuilithinn mar an ceudna, is bheir sin misneachd dha gun tig crìoch air a' bhoglaich.

Tha Earrannan III agus IV càirdeach ri chèile agus gu dearbh chan eil Earrann IV ach gu math beag an coimeas ris na h-earrannan eile san dàn (64 sreathan is na feadhainn eile eadar 198 agus 363). Tòisichidh IV mar ath-mheòrachadh air suidheachadh an t-saoghail a' seachnadh cuid den ìomhaigheachd shamhlachail bho III. Mar sin tha e a' coimhead air Dachau, agus staid ìosal nan dùthchannan deamocrataigeach anns an Roinn Eòrpa is a' dubhadh às cuid den dòchas a nochd aig crìoch III:

Ach carson a ghabh mi dòchas  
gun tigeadh caochladh air a' mhòintich,  
gum fàgadh a treòir 's a buaidh i,  
gun tràghadh 's gun traoghadh a ruaimleach? (IV, ll. 7-10)

Tha an t-aithrisear fhèin eadar an dà shaoghal seo, agus cuid de theagamhan pearsanta MhicGhill-Eain a tha nas buailtiche nochdadh ann an *Dàin do Eimhir*, a' tighinn am follais:

Cas agam am Mararabhlainn  
agus cas air a' Chuilithionn  
mo làmhan ceangailte san òtrach  
's mo shùil air tòrachd an iomaluais (IV, ll. 29-32).

Nì am bàrd na fàilingean aige fhèin gu math soilleir dhan leughadair:

Cus den bhoglaich 'nam spiorad,  
cus den mhòintich 'nam chridhe,  
cus den ruaimlich 'nam bhuadhan:  
air mo mhisneachd laigh an tuar glas. (IV, ll.41-44)

Tha an earrann ag obrachadh mar bhriseadh-dùil às dèidh dòchas crìoch III, le MacIllebhàin ga ainmeachadh mar "a moment of profound crisis" (MacGill-Eain, 2011, 13). Tha e cuideachd a' cruthachadh dorchadas ron ath-bheòthachadh ann an Earrann V. Tha an aon structar ri fhaicinn ann an

*LNSS* far a bheil an sgioba air an sàbhaladh aig crìoch III, ged a dh'èireas a' ghaoth às dèidh sin, ag adhbhrachadh an dàrna leth den dàn. Tha meud nan dàn seo is mar a chaidh a roinneadh a' toirt air na bàird diofar chleasan a chleachdadh gus àire an leughadair a chumail agus a' phuuing aca a dhealbhadh, mar a chìthear ann an *LNSS* agus an *Cuilithionn*.

Nì MacGill-Eain iomradh air an Òran Sgitheanach ‘‘S gann gun dìrich mi chaoidh’’ (MacAskill, 1953), a chaidh a dhèanamh le aon de chlann MhicNeacail Sgoirebhreac ris an do bhuin am bàrd (MacGill-Eain, 1985, 9). Coltach ri ‘Là Inbhir Lochaidh’ tha MacGill-Eain a’ dèanamh iomraidhean air briathrachas an òrain agus a’ cleachdadh a mheataireachd. Tha an iasad air leth sgilear. Chan e a-mhàin gu bheil facail na sèist a’ pòsadh gu h-ealanta siostam samhlaichail agus brìgh MhicGhill-Eain san earrainn, ach gu bheil co-shìnteachd nas doimhne eadar an t-òran ’s an dàn. San òran tha Tormod MacNeacail a’ caoidh mar a chaidh bacadh a chur air o bhith a’ sealg air fearann nan Dòmhnallach agus an lagh na aghaidh. Tha sgaradh gu math follaiseach eadar na bu mhiann leis dèanamh agus na tha eanchainn ag ràdh ris a thaobh an lagha. Tha e cuideachd a’ sealltainn mar a bha na h-uachdarain a’ tòiseachadh an cuid cumhachd laghail a chleachdadh, tro bhùirdeasachd Dhùn Èideann, an aghaidh nan daoine air an Eilean Sgitheanach, ann an àrainneachd chonnspaideach a’ mhonaidh far a bheil strì dàn MhicGhill-Eain suidhichte.

#### **6.1.3.5 Earrann V**

Ach tha am blas dubhach ann an Earrann IV na dheagh ullachadh airson ath-bheòthachadh agus buannachd an Àigich ann an V. Cleachdaidh MacGill-Eain ìomhaigheachd an aiseirigh — grian ag èirigh, ròs ùr a’ fàs (V, 1-4). Nas fhaide air adhart cluinnidh sinn gun “èiri[c]h an Cuilithionn | gu suilbhir na ghlòir geal” (V, ll. 165-66) agus MacGill-Eain a’ cleachdadh na h-ìomhaigheachd bho aiseirigh na Càisge. Bho shealladh arcataipeach tha seo na eisimpleir air tilleadh a’ Ghaisgich (an Cuilithionn neo an t-Àigeach) às dèidh a’ gheamhraidh neo turas dhan fho-shaoghail, is an t-Àigeach sa bhoglach. Tha an t-Àigeach a-nis a’ gearradh leum bho sgurr gu sgurr agus e air buaidh a thoirt air

Mararabhlainn. Tha an earrann mhòr de mholadh an Àigich (V, ll. 35-114) coltach ri moladh a' Chuilithionn ann an VII a chaidh a ghearradh ann am MacGill-Eain, 1999 [1989]:

Àigich gun ghiamh  
led shlios mòr liath,  
a' chridhe euchdaich  
le èifeachd sgiath:  
mo ghaol do leumraich,  
mo ghaol do shèitrich,  
b' ait leam t' èibhneas  
bu bheucail fiamh. (V, ll. 43-50)

Nì MacGill-Eain iomradh air ceòl mòr Chloinn MhicChruimein, 'Lasair Phàdraig Chaogaich' agus 'Maol Donn', agus air dithist de na pìobairean as cliùitiche bhon teaghlach, Pàdraig Mòr a bha air a thaisbeanadh nas tràithe ann an Earrannan II 's a III agus a mhac Pàdraig Òg (V, ll. 75-90). Tha Clann MhicChruimein an Eilein Sgitheanaich a' riochdachadh sàr ealain, coisrigte is air a dhèanamh tro dhòrainn phearsanta, leithid 'Cumha na Cloinne' agus 'Lasair Pàdraig Chaogaich.' Tha seo ann an iom-sgaradh le suidheachadh Phàdraig Mhòir sa bhoglaich ann an Earrann III (ll. 69) is na dheagh chomharra air tionndadh nas dòchasaiche an dàin.

Às dèidh ceithir rannan deug den mheataireachd aighearaich seo, tillidh meataireachd agus ath-aithris bho dhùnadh Earrainn IV agus MacGill-Eain a' crìochnachadh an dannsa. Tha an earrann le aiseirigh an Àigich mar sin a' seasamh leis fhèin. Tillidh an gleac agus an strì a tha am follais ann an V, agus nì MacGill-Eain ceangal leis a' "bhlàr 's an fhuil chreuchdach | tha an èiginn na h-Eòrpa" (ll. 155-56). Tha an dìreadh a tha air a bhith cho pailt san ìomhaigheachd bhon chiad shreath san dàn air ath-chruthachadh do dhìreadh airson buannachd nan àrdan thar bùirdeasachd a' Mhararabhlainn:

'S fhada, cian fada,  
'S fhad' slighe an dìridh,  
'S fhada sligh' a' Chuilithinn  
is tulgadh bhur strì-se: (V, ll. 147-50)

Tha MacGill-Eain cuideachd a' leasachadh dè an seòrsa strì neo gleac a tha e fhèin a' bruidhinn air san dàn. San earrainn seo tha e na strì inntleachdail an aghaidh na bùirdeasachd; an aghaidh lapaichean na phearsa fhèin agus fulangas neo-thuigseach an t-sluaigh mus tig sàbhaladh air choreigin:

Mòr am blàr 's an fhuil chreuchdach  
tha an èiginn na h-Eòrpa;  
cruaidh a' ghleac iomagain  
tha an tuigse na còrach; (V, ll. 155-8)

Tha seo na strì uile-choitcheann, rud a nì MacGill-Eain follaiseach a-rithist le iomraidhean air martairean sòisealach Eòrpach is iad ag èirigh às dèidh bròn agus a dh'aindeoin droch chàs an t-saoghail. Chìthear buaidh creidimh a' nochdadh a-rithist san dàn agus na gaisgich seo air àrdachadh do naomhalachd neo-diathanachd panthòn shòisealach MhicGhill-Eain:

Tha an Connollach an Èirinn  
ag èirigh thar àmhghair;  
MacGill-Eain an Albainn  
'na chalbh air na h-àirdean  
Liebknecht sa Ghearmailt  
marbh ach neo-bhàsmhor,  
is Lenin an Ruisia  
ceann-uidhe nan sàr-bhreith. (V, ll. 179-86)

Dùinidh e an earrann le pìos bho lioraic MhicDhiarmaid a nì iom-sgaradh làidir leis na gaisgich a chaidh ainmeachadh is e a' bruidhinn air mar tha a' mhòr-chuid eu-deònach dol seachad air na crìochan a chuireas iad fhèin air an cuid beatha. Tha na rannan seo ann an guth bhàird eile a' taisbeanadh gluasad air ais do stoidhle aithris nas ioma-ghuthaiche, a bha cumanta am measg nam Modarnach, mar a chluinnear anns 'The Wasteland' (Eliot, 2002).

### **6.2.3.6 Earrann VI**

Cumaidh MacGill-Eain air ag atharrachadh guth an aithriseir ach a-nis seach dìreach a bhith a' dèanamh iomradh air òrain Ghàidhlig tha e a' cleachdadh guthan daoine eachdraidheil. 'S e nighean a chaidh a thogail le bàta-thràilleil ann an Geusto am prìomh eisimpleir air seo, tè nach d' fhuair guth gu h-eachdraidheil ach ann am beul-aithris. Tha naidheachd sa bheul-aithris gun do thachair Sgitheanach ri tè ann an Canada agus às dèidh iomadach chànain fheuchainn lorg iad gur i a' Ghàidhlig an aon chànain a bh' aig an dìthist aca (Sealy, 1986, 59-60). Dh'innis i gun do dh'fhalbh i sìos dhan chladach is chaidh a togail le bàta tràilleil is a toirt a dh'Amaireaga. Tha e coltach gun deach seo a chur còmhla

ri sgeulachd Long nan Daoine, nach d' fhuair seachad air Èirinn mar a thuirt Macillebhàin (MacGill-Eain, 2011, 189).

Tha iarrtas dùrachdail na bana-Ghàidheil airson sealladh air tìr a h-òige eadar-dhealaichte o bhrag agus àrdan guth a' bhàird sa chiad earrann far an robh e fhèin miannach air sealbh fhaighinn air blòigh fearainn:

pìos de Thròndairnis an glòir  
fearann thigeadh ri mo dheòin;  
blòigh de Bhatairnis am Flaitheas  
thar an Eilein Uaine am maitheas.  
Bràcadal nam braon-ghorm suthainn  
chuireadh loinn air cabhsair Iuthairn; (I, 67-72)

agus a-chaoidh cha ruig mi fàire  
bhom faic mi Loch Harport 's taigh mo mhàthar  
far an robh cridhealas is gàire  
aig luaidhean ri linn mo chàirdean;  
agus chan fhaic mi an Cuilithionn cràcach  
ag èirigh thar Minginis mo shàth-ghaoil. (VI, ll. 35-40)

Tha e cuideachd a' cur sannt nam fear-sealbh am follais leis nach robh an tè seo ag iarraidh ach sealladh air an tìr agus cha d' fhuair i sin. Tha MacGill-Eain ag ath-chleachdadh òrain eile bhon dualchas Sgitheanach, 'Mo Shathghal Bochd', òran le Màiri Nighean Alasdair Ruaidh. Chleachd e an tionndadh a bha na theaghlach, is a chaidh a chlàradh le bhràthair, Seonaidh (J. MacLean, 1950a). Leis gu bheil Minginis agus Bràcadal air a chur an cèill dh'fhaodadh gur e guth nighean Gheusto a tha a' leantail air san earrainn seo. Air an làimh eile tha guth a' bhàird fhèin cuideachd ri chluinntinn anns an taobhadh ri càs an tuath seach na cinn-cinnidh (VI, ll. 44-46), air an taisbeanadh ann le sgaradh a tha a' cur 'Calbharaigh' agus Dàn do Eimhir III 'Am Buairleadh' (MacGill-Eain, 1943, 54; 12) an cuimhne. Tha seo calg-dìreach an aghaidh teachdaireachd Màiri Nighean Alasdair Ruaidh na h-òran

Atharrachaidh am bàrd a ghuth a-rithist is e a' togail air dol fodha an *Annie Jane*. Chaidh an t-eilthireach seo a bhàthadh siar air Bhatarsaigh; tachartas a dh'fhàg buaidh mhòr ann am mac-meanma a' bhàird tha e coltach, is e a' dèanamh iomraidhean air ann am bàrdachd agus rosg (MacGill-Eain, 1943, 94; 1946, 87). Tha an dà ghuth seo a' sealltainn an fhulangais uabhasach gun adhbhar a tha ag

adhbhrachadh gleac an Àigich, a’ bhàird agus a’ Chuilithinn agus e na shamhla air suidheachadh a’ mhòr-shluaigh san Roinn Eòrpa fon chogadh agus fon t-siostam chalpachail. Ann am briathran Terry Eagleton san leabhar aige air bròn-chluichean is e a’ meòrachadh air gleac Marcsach mar shlighe gu saorsa mic-an-duine:

It is a measure of how catastrophic things are with us that change must be bought at so steep a cost. Only by some bruising encounter with the Real, to cast the case in Lacanian terms- a confrontation which we cannot survive undamaged, and which will leave its lethal scars silently imprinted on our existence - can we hope for genuine emancipation. (Eagleton, 2003, 58)

Atharraichidh guth an dàin a-rithist do ghuth ceòlraidh na h-eachdraidh, Clio, agus MacGill-Eain a’ gluasad bhon mheanbh dhan uile-choitcheann, is bhon chridhe-fhaireachail dhan eas-chruthach agus air ais. Tha e a’ cleachdadh anafora de “’S mise Clio” is e a’ sealltainn ioma-taobhachd a’ charactair seo agus mar a tha i uile-làthaireil agus uile-faicsinneach. Tòisichidh MacGill-Eain san Eilean Sgitheanach is leanaidh e na patrannan àbhaisteach de bhith a’ sgaoileadh a-mach bhon Ghàidhealtachd, dhan Roinn Eòrpa agus dhan t-saoghal slàn (VI, ll. 90-214). Tha am bàrd a’ leum bho àite gu àite, san aon dòigh sa bha an t-Àigeach ann an Earrann V. Mu dheireadh chìthear an Clio choitcheann saor bho ceanglaichean sgèireil, agus beò ann am beachdan nam feallsanach:

’S mise Clio an t-saoghail:  
shiubhal mi beanntan, glinn is raointean,  
bailtean agus monaidhean faoine,  
ach chan fhacas mòran faochaidh.  
Leugh mi Plato is Rousseau,  
Voltaire, Condorcet is Cobbett [...] (VI, ll. 172-177)

Air ball tillidh am bàrd do sgeulachdan nan tràillean Sgitheanach agus nì e ceangail daingeann eadar Blàr a’ Bhràighe agus Paileas a’ Gheamhraidh ann an Leningrad (VI, ll. 182-83).

San earrainn a leanas cleachdaidh MacGill-Eain iomraidhean follaiseach air òrain Ghàidhlig is e a’ coimhead air mar a tha Clio, neo Adhartas ann an eachdraidh, na sìor dhùisg is a’ gluasad. Nì e iomradh air an òran aig Iain MacCodruim ‘Smeòrach Chlann Raghnaill’: chleachd MacDhiarmaid ìomhaigheachd an òrain sin faisg air toiseach *Cenchrastus* (MacDiarmid, 1930, 20-21). Tha an t-iomradh air Galileo air beulaibh Cùirt na h-Eaglaise (“Tha e a’ gluasad a dh’aindeoin” VI, l. 202) ag

argamaid gu bheil eachdraidh, Clio, agus an gluasad air adhart do shòisealachd a' leantail air co-dhiù, a dh'aindeoin gach bacadh bho chumhachdan saoghalta. Nì na h-ìomraidhean air cuibhle an fhortain goirid as dèidh seo an aon rud (VI, ll. 215-16). Tha ìomhaigh na cuibhle agus an dà rann (ll. 215-30) a' dèanamh iomradh air an aoir air MacLeòid Dhùin Bheagain le Ruairidh Moireasdan, an Clarsair Dall (Mac Mhuirich, 1970, 58, 72). San òran sin thèid MacLeòid a chàineadh airson a chuid Galltachas agus mar a thrèig e a dhùthaich airson nam bailtean mòra (MacGill-Eain, 2011, 200-201). Mar a chunnacas ann an Caibideil 1.3, chaidh a sgrùdadh le MacGill-Eain (1940) mar òran mòr Gàidhealach a bha ionmholta aig ìre Eòrpaich. Tha an gluasad cearclach seo a' sgaoileadh a-mach mar a sheall Macillebhàin (MacGill-Eain, 2011, 190) agus choimhead Dymock (2008, 192-93) air feartan samhlachdail na h-ìomhaigh seo bho sheallaidhean Spengler, Frye agus Jung. Chan e dìreach gun till làithean nas fheàrr ach thèid crìoch a chur air fulangas a' mhòr-shluaigh le ceartas Stàilinneach:

ag èirigh à bochdainn is acras  
à allaban is creuchdan,  
meirghe mhòr dhearg an spioraid  
nach leagar an dèis èirigh. (VI, ll. 242-46)

Tha seo co-shìnteach ris an Spiorad neo *Geist* mar a theireadh Hegel saor o bhuaireadh an t-saoghail ag èirigh thar taobh eile duilghe, sealladh a thilleas aig crìoch na h-earrainne mu dheireadh:

This is the goal of World History: the Spirit must create for itself a nature and a world to conform to its own nature so that the subject may discover its own concept of the Spirit in this second nature, in this reality. (às-earrann ann am Plant, 1983, 240)

Aig crìoch Earrainn VI, nì MacGill-Eain iomradh eile air an dàn aig MacDiarmaid a chleachd e aig crìoch V, agus e a' cluich le briathrachas nan Saor-Clèireach bho thoiseachd Leabhar Aithghearr na Cèist a nì car fhacal le briathran MhicDhiarmaid: “Ma tha crìoch air a cur ro neach.” Innsidh e gun fheumar eòlas air gluasad a' Chuilithinn mus ruigear crìochan comasan mic-an-duine (VI, ll. 268-71) is e a' faicinn buannachd nan sòisealach mar bhunaiteach gus cor mic-an-duine a leasachadh mar bu chòir.

### 6.1.3.7 Earrann VII

Tha an earrann mu dheireadh a' toirt na h-ìomhaigheachd agus na puingeann a-nochd sna h-earrannan roimhe gu buil, gu co-dhùnadh agus do sheòrsa de chochur. 'S urrainnear Earrann VII a roinn ann an trì pàirtean: tòisichidh e le ìomhaigheachd aig ìre thaisbeanail de dh'iadsan a dh'fhuiling airson saorsa agus nan daoine a tha a' coiseachd air bàrr a' Chuilithinn (VII, ll. 1-159); an uair sin tha earrann ann a' moladh samhla a' Chuilithionn fhèin (VII, ll. 160-327) agus crìochnaichidh e leis an lioraic "Cò seo?" (VII, ll. 328-363).

Sa chiad phàirt tillidh MacGill-Eain do dhualchas nam bàrd Eòrpach agus ìobairt Phrometheus mar a chaidh innse le Aeschylus agus Shelley (VII, 1-8; 25-26). Aig toiseachd na h-earrainne gheibhear sealladh neo-eachdraidheil arcataipeach mar a bh' aig Frye:

ach cha tàinig àm riamh  
nach d' fhuair uachdaran dia  
a chrochadh air na beanntan cràbhach  
colann iobairt nan sàr-fhear. (VII, ll. 15-18)

Tha a' chiad earrann seo a' coimhead air mar a thèid ìobairt a dhèanamh de dh'iomadach sàr-fhear. Ach le Sòisealachd a bheir air a' chinne-daonnda èirigh thig gaoir air na beanntan a chuireas stad air diathan:

Anns an stad ud bhàsaich diathan  
beaga, bùirdeasach, crìona:  
thuit iad bho na mullaichean cianail  
sios gu glomharan le sianail. (VII, ll. 33-36)

Anns na dialectaigs aig Hegel bhiodh saorsa an spioraid a' saoradh mac-an-duine bho eisimealachd air diadhaireachd, agus 's ann bhuaithesan a tha gu leòr den t-samhlachas bho VII a' tighinn, ged a chaidh a chruth-atharrachadh le sgrìobhadairean às a dhèidh, gu h-àraidh Engels (Dymock, 2008, 106-8). Taobh a-staigh an dàin fhèin tha seo na dhùnadh air cèilidh nam bùirdeasach bho Earrann I, is iad mu dheireadh gan leagail bho shuidheachaidhean chofhurtail. 'S e Dimitrov, a' leantail air bho VI, am prìomh phearsa a nochdas air a' bheinn is e co-shìnteach ri Prometheus (VII, 29-40). Sheall Dymock an dòigh san do ghabh na Sòisealaich bho Marcs air adhart, ri Prometheus mar ùirsgeul ghaigich



shòisealaich (2008, 253-58; 2013, 147-53). Bho làithean òige bha MacGill-Eain a' faicinn na sòisealachd aige fhèin san aon traidisean de dh'fhèin-ìobairt (Ross, 1986, 101). Tha iom-sgaradh soilleir ann eadar an traidisean de dh'fhèin-ìobairt shaor-toileach seo agus mar a chuireadh Stàilin comannachd an gnìomh le fòirneart: iom-sgaradh air nach eil MacGill-Eain ro mhothachail san dàn.

Tillidh guth nas pearsantaiche agus MacGill-Eain a' bruidhinn air na beanntan is e a' siubhal orra le càirdean. Tha e coltach gu bheil an taisbeanadh a thuig esan gu ìre mhath a' tighinn dha fhèin a-mhàin. Thèid “a ghaol” suas ach, chan eil ise ach a' “leth-thuig[sinn]” a' chiùil is mar sin “air ball bha cruth na biataich | air a bòidhchid ghil chianail” (VII, ll. 45-47). Tha a chàirdean cuideachd a' dol ceàrr agus iadsan a' “màbadh | a' chrutha mhòir, làidir, allail | a bha an crochadh ris an stalla” (VII, ll. 53-55). Cinnidh seo faireachdainn neo-airidheachd na bhroinn is e ag ràdh: “Cha mhise Clio an t-saoghail | agus fhuair mi am mullach aognaidh” (VII, ll. 62-63). Tha an fhaireachdainn seo, san aon dòigh san do nochd e ann an Earrann I, na mhac-talla air briathran Dante san dàrna canto den *Inferno* (1994, 40-46) is e ag ràdh nach robh esan co-ionnann riuthasan a rinn an turas aige roimhe. Ach falbhaidh seo le tuigse a shuidheachaidh ann an ùirsgeul adhartais nan Sòisealach: tha e fhèin a' fulang bochdainn agus ionnsaighean nam “biatach”. Tillidh MacDiarmaid agus MacGill-Eain ag ràdh mu dhèidhinn, ann an cruth bhriathran Iain Luim “na rinn Lenin seinnidh esan” (VII, 76) is an dithist sin air eisimpleir nas fhèarr a thoirt seachad air a' bheatha choisrigte na na bàird bhùirdeasach neo MacGill-Eain fhèin.

An cois MhicDhiarmaid, seallaidh MacGill-Eain an saoghal air gluasad seachad air dialeactaigeachd eachdraidh do bhuannachd Shòisealachd is e feumach air ìomhaigheachd thaisbeanail, ùirsgeulach, ann am briathran Frye, gus seo a riochdachadh (VII, 78-85). Tha adhartas a' tighinn gu buil agus eachdraidh chearcach an t-saoghail air an seachnadh fa-dheòidh. Thig an nathair, *cencrastus* bho dhàn MhicDiarmaid, às a' chuan is i dìreach; eachdraidh a' gluasad air adhart gun chuibhle an fhortain ag obrachadh oirre. Chìthear air mullach na beinne na mairtirean Sòisealach maille ri Crìosda agus crìoch air a chur air buaireadh mic-an-duine le buaidh shòisealachd.

Tha an earrann stèidhichte air samhla a' Chuilithionn fhèin (VII, ll. 160-327) làn moladh air, agus a' bheinn ag èirigh thar gach cruadal “air taobh eile duilghe” mar a tha am bàrd ag ath-aithris. Tha an

earrann molaidh seo air ro-fhaicinn anns an lioraic air an Àigeach a nochd ann an Earrann V. Tha briathrachas gaolach a' bhàird a' neartachadh a mholaidh gus an èirich a' Chuilithionn os cionn nan strìthean a bha cho follaiseach ann an Earrann III eadar faireachdainn agus an inntleachd:

Eanchainn nochda  
thar ànradh lochdan  
thar àmhghar bochdainn,  
thar torchairt èiginn.

Anam stàilinn  
thar plogadh gàire,  
thar dosgainn ànruidh,  
thar màbadh streupa.

A chridhe 'n iarainn,  
inntinn shìorraidh,  
eanchainn riaghlaidh  
thar dianais eudmhoir. (VII, ll. 244-55)

Chithear 'Long nan Daoine' (VII, 268-71) a' seòladh thar a' Chuilithionn is An t-Àigeach (VII, 296-9) agus MacGill-Eain a-rithist a' cruth-atharrachadh an t-samhlachais a nochd nas tràithe san dàn a-nis ann an cruth taisbeanail crìoch na h-eachdraidh. Chaidh cochur cinnteach a dhèanamh den chridhe is an inntinn fa-dheòidh. Leanaidh seo air leis an fhalbhan sa phàirt mu dheireadh a tha a' cur na diofar feartan aig mic-an-duine air ais ri chèile.

Crìochnaichidh e an dàn leis an earrann lioraiceach eile aige (VII, 328-363) "Cò seo?" far a bheil tannasg a' coiseachd còmhla ris an streapadair. Dhòmhsa tha an spiorad seo a' leantail a' bheachd ann an dialectaigs Hegel gun tèid spiorad an t-saoghail a ghearradh bho stuth sa bheil e an làthair agus eachdraidh a' tighinn gu buil. Chan fheumar aideachadh gu bheil MacGill-Eain a' leantail beachdan feallsanachail Hegel gu h-iomlan, ach bha eòlas aige air, co-dhiù tron obair aig Engels mar a chunnacas. Tha Dymock air sealltainn cuid de na diofar ìrean san tèid an lioraic seo a mhìneachadh, gu h-àraidh mar a thèid an spiorad a mhìneachadh ann an co-theacsa pearsanta a' bhàird (*ibid.*, 221-222). Ach obraichidh mìneachadh Hegelianach cuideachd, agus an spiorad neo *geist* air saoradh bho gach duilghe, a' dèanamh air a' Chuilithionn. Tha an ùidh aig MacGill-Eain ann an gaisge, a tha nochdadh anns na caractairean air a' Chuilithionn agus ann an strì an t-sreapadair a' daingeachadh an leughaidh

seo: bha Hegel fhèin air gluasadan an *weltgeist* fhaicinn ann an gaisge Napoleon (Solomon, 2004, 481-82), agus seo na bhun-stèidh air an dòigh-smaoineachaidh aige mu dhèidhinn ghluasadan eachdraidheil (Hegel, 1956, 30-32). Feumar aideachadh gu bheil barrachd obrach ri dhèanamh air a' cheist seo, ach bhiodh rannsachadh air buaidh Hegel air MacGill-Eain agus air an dàn feumail sna bliadhnaichean ri teachd.

#### **6.1.4 Co-Dhùnaidhean**

Tha *An Cuilithionn* mar dhàn fhada ag èirigh a-mach às na strìthean ideòlachdan a bha aig àird an cumhachd an aigne an ùghdair ann an 1938 ann am Muile, agus ann an Dùn Èideann ann an 1939. Fhreagair MacGill-Eain le dàn fada samhlauchail, a' cleachdadh nòsan bho sheann litreachas na Roinn Eòrpa airson a latha fhèin. Tha an t-saothair ideòlach seo as leth litreachas na Gàidhlig ag obair gu co-aimsireil agus h-eachdraidheil. Chìtheas seo san dòigh sa bheil an dàn a' togail air nòsan bho litreachas a latha fhèin: earrannan bho theacsaichean eile; iomadh diofar aithrisear agus cruthan is meatrachdan a tha ag atharrachadh air ball. Ach tha e cuideachd a' cleachdadh canoin an dàin fhada le buaidhean Shelley, Milton, dealbh-cluichean Aeschylus agus nòsan na h-Eipige clasaigiche ri fhaicinn. A thuilleadh air sin, chleachd e òrain agus beul-aithris nan Gàidheal tron dàn air fad. Tha na feartan seo uile a' toirt sealladh dhuinn air mar a bha e a' feuchainn ri freagairt a chruthachadh ris an staing cultarail is eaconomaigeach san robh na Gàidheil, na bheachdsan. Bha na beachdan aige mar ùghdar a' dol an aghaidh cumhachdan a latha fhèin: na h-uaislean 's an dòighean seilbh air a' Ghàidhealtachd; cinnt bùirdeasachd Impireachd Bhreatainn agus meudachadh nan cumhachdan faisisteach san Eòrpa. Thug a' chànan aige dòigh eile dha strì an aghaidh nam feartan ideòlach seo, as leth nan daoine a bha a' fulang bhuapa air a' Ghàidhealtachd.

Thug òige ann an Ratharsair agus na làithean aige a-mach air a' Chuilithionn iom-sgaradh samhlauchail bunaiteach dha air am b' urrainn dha strì eadar-nàiseanta eadar fèinealachd agus fèin-ìobairt a chrochadh, gus dèanamh soilleir an dòigh san robh e fhèin a' faicinn siostaman leithid Calpachas, Faisisteachd agus Sòisealachd Rèabhlaideach. Chuireadh an sgrèamh a ghabh e ri beachd-smaoin an

luchd-taghta san Eaglais Shaoir Chlèirich thall a dh'ionnsaigh ana-teusais ana-diadhaich, a gheall cothrom sàbhalaiddh airson a' mhòr-shluaigh cho fad 's a bha daoine nan aonar deònach am beatha a chall is pian fhulang. Tha an dàn a' diùltadh a' bheachd gu bheil samhlaidhean na h-àrainneachd falamh gus an cuir am bàrd fhèin ciall annta; do MhacGill-Eain èirigh ciall monaidhean a' Chuilithinn bho eachdraidh fuadaichean an Eilein is na seallaidhean àlainn a chaill iadsan a chaidh am fuadachadh thar sàile. Nì MacGill-Eain cochur eadar strì fhiosaigeach a dh'fhuiling e mar streupadair agus ainneart a dh'fhuiling na Sgitheanaich air slighe fada an eachdraidh gus an Cuilithionn a stèidheachadh mar sàr bheinn an dòchais nach ruigear ach leis an ìobairt.

'S e ceò an Eilein, a tha cho bunaiteach ri fèin-aithne nan Sgitheanach, raon eile far an do chuireadh cath ideòlach leis an ùghdar. Gus cur sìos air easdatachd a' Chamhanaich, tha an ceò a' gluasad air falbh bho ìomhaigheachd Oiseanach is air a chruth-atharrachadh na fhianais air eachdraidh chianail an tuath is na shealladh fiosaigeach air a' ghaoir a leig iad thar an Eilein. Mar shamhla riochdaichidh e, maille ri fàileadh na roide, mar a dh'fhairich MacGill-Eain eachdraidh a dhaoine ag èirigh na choinneamh. Nì am fo-leagail a nì e air nòsan a' Chamhanaich co-sheirm leis na h-òraidean litreachais aige aig an àm, a bha a' moladh fìorachas seach ceò is lionn-dubh a' Chamhanaich. A' dol còmhla ri seo, tha aideachadh neo-labhraichte: mura dèan am bàrd fianais orrasan a dh'fhuiling tro eachdraidh airson buannachd ghlòrmhor shòisealeachd air a' phearsonachadh leis a' Chuilithionn, bidh e a cheart cho cionntach riuthasan a bha a' gabhail tlachd ann an àrainneachd a' Chuilithionn is iad air diochuimhneachadh eachdraidh chianail an Eilein.

Ach ma dh'fhaoidte gur e aon de na comh-strìthean ideolach as bunaitiche san dàn an dòigh sa bheil MacGill-Eain ag àrdachadh strì phearsanta agus am fulangas a tha seo ag adhbharachadh ach aig an aon àm gu bheil e a' moladh siostam poiliteagach a bha a' cur sìos air an t-saorsa na roghainnean pearsanta sin a dhèanamh. Cha bhiodh fulangas Phrometheus air a choisrigedh mur nach robh roghainn aige gun a dhèanamh. Le bhith a' moladh Stailinneachd sna meòrachaidhean poiliteagach aige, tha am bàrd a' lagachadh cliù an neach fa leth a bha a' strì airson saorsa. Chìthear san sgaradh seo ge-tà gu bheil an dàn stèidhichte an aghaidh ideolachd choitcheann Breatainn: mas e is nach robh

Breatainn na dùthaich chalpachail, cha bhiodh strì airson Sòisealach cho duilich is gum biodh e a' glanadh spiorad agus toil mic-an-duine.

Chan ann a-mhàin ann an dòigh shamhlachdail agus le roghainn cànan a tha na meanbh-guthan a' bruidhinn, oir cuiridh MacGill-Eain guth an aithriseir am broinn cuid de na daoine a dh'fhuiling fo shiostaman eaconomaigeach na Gàidhealtachd gu h-eachdraidheil. Tha nighean Gheusto agus eilthireach na h-*Annie Jane* nam prìomh thaisbeanaidhean air mar a tha an dàn ag obair an aghaidh eachdraidhean mòra a latha, a bha a' faicinn eilthireachd agus fuadachadh mar adhartais, le bhith a' cur aire air guth iadsan a bha an làthair. Tha suidheachadh a' bhàird mar Ghàidheal a tha ag obair an aghaidh nan ideòlachdan seo a' toirt air a bhith a' dol air ais do dhaoine eile a bha air an trèigeadh le siostam eaconomaigeach an latha-san.

Tha MacGill-Eain air na strìthean ideòlach a bha esan a' faicinn air a' Ghàidhealtachd a chur aig teas-meadhain an dàin radaigeach seo. Togaidh e fianais an aghaidh ideòlachd a' Chamhanaich agus siostam ghineamhain a bha a' fàgail gu leòr den Ghàidhealtachd nam frithean sealg. Chìtheas cuideachd mar a bha Ideòlachd Ùghdarail MhicGill-Eain a' toirt air iom-sgaradh bunaiteach a chruthachadh gun fhios dha, eadar gaisge na fèin-iobairt agus fulangas fòirneartach fo bhuaidh nan siostaman Stailinneach a tha e a' moladh. Ach tha an ìomhaigheachd thaisbeanail agus samhlauchas na h-àrainneachd a tha a' leantail tron dàn air fad ga dhèanamh nas fhasa don leughadair coimhead seachad air an radaigeachd phoilitigeach a bha MacGill-Eain a' gairm air a son ann an 1939 agus a lagaich e sna h-ath-dheasachaidhean aige. Bheir an ìomhaigheachd seo cruth nas uile-choitcheinne dhan dàn a bharrachd air a theachdaireachd phoilitigeach. Còmhla ri gluasad eachdraidh air falbh bho cheistean nan 30an, chaidh fhàgail le dàn nach eil a' tabhainn freagairt phoilitigeach, ach a tha fhathast a' togail fianais chumhachdach an aghaidh eachdraidh calpachais air a' Ghàidhealtachd.

## 6.2 *Cnoc an Fhradhairc* – Sealladh eile air àrainneachd nan Gàidheal

Ri linn an Dàrna Chogaidh, nochd dàn fada eile a bha a’ cnuasachd àrainneachd nan Gàidheal ach fear a bha gu math eadar-dhealaichte bhon *Chuilithionn* ann an iomadach dòigh. Nochd *Cnoc an Fhradhairc*, le Aonghas Mac Dhonnachaidh (1871-1948), ann an 1940 leis an dàn fhèin aig toiseach an leabhair is e air a leantail le measgachadh de dh’eadar-theangachaidhean, lioraicean agus òrain a rinn am bàrd. San ro-ràdh canaidh e gu bheil an dàn na oidhirp air eaclog [*eclogue*] sa Ghàidhlig (CAF, xiii) agus tha Mac Dhonnachaidh mar sin ga stèidheachadh air gnè-sgrìobhaidh aig a robh freumhan àrsaidh ann an litreachas Clasaigeach na h-Eòrpa. Nì e iomradh air co-theacsa aimsireil an Dàrna Chogaidh is e ag innse dè ma dh’fhaoidte a thug air an dàn a dhèanamh:

CNOC AN FHRADHAIRC and the rest of this collection are, perhaps, but an unconscious effort of mine during the present ungodly atmosphere of ethnological distortion, to escape from the sibilant belching of the Blatant Beast and his consort, the Red Laugh of death. (CAF, xv)

Chaidh CAF a roinneadh ann an 123 earrannan. Atharraichidh meud nan earrannan eadar 4 is 12 sreath mar as trice, le aon (CIV) de 16 sreath, ach tha iad uile stèidhichte air ceathramhan *abab* le sreathan ceithir-casach iambach. Thig gach dàrna sreath gu crìoch le facal trì-lideach, neo facal-fillte is iad nan dactail neo creataig [*cretic*]. Tha an dàn a’ tòiseachadh le guth an aithriseir a tha a-mach a’ coiseachd air a’ mhonadh is tha seo na bhun-stèidh airson an dàin air fad. Meòrachaidh e air na seallaidhean a tha ma choinneamh, is na cuimhneachain agus smaointean feallsanachail is eachdraidheil a tha iad a’ brosnachadh. Aig barr gach dàrna taobh-duilleig, tha ceann-duilleig ceangailte ri cuspair nan rannan a tha a’ nochdadh fodhpa.

’S e aon de phrìomh annasan an dàin an uidhir de dh’fhaclan àrsaidh agus neo-chumanta a tha air an cleachdadh. Chaidh seo a mholadh le sgrùdair a rinn lèirmheas air an dàn sa *Ghàidheal*: “Any one who wished to enjoy great Gaelic poetry, of genuine native growth and who wishes to know the inexhaustible wealth of the Gaelic tongue should read and re-read this noble poem” (1941, 53-54). Ach chaidh an dearbh fheart a dhìtheadh le MacThòmais (Thomson, 1974, 251) agus e ag ràdh gu robh Mac Dhonnachaidh ma dh’fhaoidte a’ feuchainn “to cultivate the Gaelic Garden assiduously, and to quell English weeds with whatever will serve as pesticide in this situation.” Tha e den bheachd gu bheil CAF

nas fhaisge air a' bhàrdachd na tha *Domhnullan*, *ADAC* neo *Armageddon* ach gu bheil e “grossly overburdened with exotic and (sometimes invented) vocabulary” (*ibid.*, 264). Tha D.I. MacLeòid ag aithneachadh an aon bhuaidh, ged a tha e a' moladh cuid de chainnt fhiogarail a' bhàird (MacLeod, 1969, 342-344).

A thaobh briathrachais, bha Mac Dhonnachaidh air *An Ogha Mòr* a chur an clò le Alasdair MacLabhrainn ann an 1913 ann an Glaschu. Chaidh dàrna clò-bhualadh den nobhail a thoirt a-mach ann an 1919 agus eadar-theangachadh chun na Beurla ann an 1924. 'S e aon de na h-eadar-dhealaichean a tha soilleir eadar an nobhail agus *CAF* gun deach fo-notaichean a chleachdadh anns an *Ogha Mhòr* gus na faclan as duilghe a mhìneachadh. Chaidh briathrachas farsaing a' bhàird a mholadh sna lèirmheasan air an nobhail mar a chìthear sna 'Press Notices' ann an *CAF* (ii-iii). Ach cha tèid às àicheadh gur e briathrachas a' bhàird an cnap-starra as motha airson leughadair *CAF*, mar a bha e do MhacThòmais agus MacLeòid shuas.

### **6.2.1 Gearr-Chunntas Cuspaireil**

Tron dàn cleachdaidh Mac Dhonnachaidh co-mheasgachadh eadar tuairisgeul agus meòrachadh, a tha na dheagh oidhirp air dòighean meòrachaidh mic-an-duine a riochdachadh: beachdan a' bualadh air is a' tighinn 's a falbh, air uairean ann an dòigh nach eil furasta don leughadair a leantail. Ann an I-III tha am bàrd a' cumail nam briathran aige ris na tha ma choinneamh is e a' coiseachd air a' mhòintich:

Bha fraoch fo bharr an guirme blàth;  
An canach snàmh 's na glacagan;  
Na h-eoin os ard a' seinn do'n àl,  
Le àbhaist bàidh an cleachdaidhean. (*CAF*, 1)

Tha am bàrd an uair sin a' cur fàilte air aon de phrìomh fheartan an dàin, am meòrachadh feallsanachail:

Nach tig ar cnuasachd luath air taoid,  
Nuair chì sinn raointean fosgarra;  
Is spiorad snìomhain sìorruidh dlùth,  
Gun cheilg, gun mhùth 'g ar n-aslachadh? (*CAF*, 2)

A bharrachd air a' bhrosnachadh cnuasachd a tha e a' tabhann, tha ceangal dlùth ann eadar an àrainneachd agus eòlas spioradail diadhaidh. Nì Mac Dhonnachaidh soilleir nas fhaide air adhart san dàn gur e eòlas Crìosdaidh a tha fa-near dha aig a' cheann thall (*CAF*, 43-45). Coltach ri obair Mhic-na-Ceàrdaich (Mac Leòid, 2012 49-53), gu h-àraidh na lioraicean agus na dàin chòmhradheil aige, tha a' chruinne-cè a' taisbeanadh “faoilt an Dreachadair” (*CAF*, 1) agus nàdar fhèin a' toirt fianais dhuinn gum bu chòir dhuinn “sleuchd' do'n Chumadair” (*ibid.*, 2).

Gluaisidh e bho thìr gu muir airson earrainn tuairisgeulaich eile, VIII-XIV:

Bha lunn air cuan— bho'n Tuath gu tràigh—  
 'N an sguitean fàir a' conaltradh;  
 [...]
   
 Gach linne, loch is iomad ì—  
 Bha'n àille sìd' so-fhaicsinneach—  
 Mar sheudan bean-na-bainns' aig Lir,  
 Is tulgadh tuinn 'gam paidireachd. (*CAF*, 4)

Leasaichear seo le iomraidhean air beathaichean a' chladaich is na h-eòin mara a' sealltainn mion-eòlais air na diofar ghnèithean san eunlaith agus na cleachdaidhean aca (XI). Nì e iomradh air mar a bhiodh na h-eileanaich, ann an dòigh coltach ris na h-eòin-mara, ag ionnsachadh bho chunnartan agus caochlaideachd na mara (XI-XII) is e a-rithist a' coimhead air a' cheangal eadar an dòighean smaoinichaidh agus an àrainneachd.

Tha XV-XVIII a' dèanamh a' chiad iomraidh leasaichte air saoghal ùirsgeulach Fhinn Mhic Chumhail a tha, còmhla ris an Tuatha Dè Danann, gu h-àraidh cudromach faisg air crìoch an dàin (*CAF*, 33-35). Ged tha e a' bruidhinn air sgoth Fhinn ann an XV, tha a' mhòr-chuid den earrainn stèidhichte air nòsan nan gaisgeach, is e fon cheann-duilleig ‘Moralas nam Fiann’:

Bha dorus Fhinn do'n anrach fial;  
 Cha d' fhuair neach riamh e casaideach; [...]
   
 Cha d' chinnich eucoir riamh 'na chùirt:  
 Bha ciall a rùintean oircheasach. (*CAF*, 7)



Tionndaidhidh e a-rithist ann an XIX-XXIX dhan t-saoghal nàdarra: an toiseach na h-eòin-tìre is an uair sin na craobhan is na h-ainmhidhean sa ghleann. Chìthear gun urrainn dhan bhàrdachd a bhith car simplidh an àiteannan:

An t-allt, bha leum bho chroit nan ard;  
Is breac a' tàmh 'na ghlumagan—  
E feitheamh air ceann-fluich an sgàil'  
Gum faigh e fàth air cuileagan. (CAF, 11)

Le ciaradh an fheasgair aig XXX tha an t-aithriseir a' fàs sgìth fo bhuidh nan sìthichean agus na cuimhneachain aige a' tighinn thuige mar bhruadaran.

Tha atharrachadh aig XXXI oir nochdaidh cuspair an àireachais, a tha bunaitheach anns an eacldìg mar ghnè-sgrìobhaidh (Van Sickle, 2012a, 386). Coltach ri iasgairean Mhic-na-Ceàrdaich ann an *LNSS*, tha an ceangal aig a' chìobair ri nàdar ga thoirt nas fhaisge air an t-saoghal spioradail, agus fialaidheachd an dreachdair am follais do mhac-an-duine anns an àrainneachd. Taisbeanaidh Mac Dhonnachaidh cho beartach 's a tha an cìobair le anafòra, a dh'aindeoin 's gur "stuam a chrann":

Is leis am preas tha trom fo ròs;  
Is leis-san ceol nan doireachan.  
Is leis an neoinean foillseadh gloir'—  
Ion-bhreith a steorn' is oileanachd (CAF, 15)

Tha caractar a' chìobair a' toirt cothrom do Mhac Dhonnachaidh aon de na teamaichean aige a leasachadh. Coltach ri teachdaireachd mhoralta *Dhomhnullain* canaidh Mac Dhonnachaidh, "Cha charaich sannt, no stòras lann | An neach tha sàsda breithneachail" (CAF, 16). Tron dàn air fad nochdaidh an dìmeas seo air beartas (m.e. LXXXVIII) is sannt saoghalta agus an àrainneachd air a chleachdadh gus iom-sgaradh a dhèanamh eadar an sannt seo agus faoileachd nàdair. Tha an teachdaireachd mhoralta a' leantail air san ath-shealladh a thaisbeanar leis: sealgaireachd nam fiadh air a' mhonadh.

Chan eil cus suim aig Mac Dhonnachaidh do shealgaireachd ged a bha e na chleachdadh dualchasach airson nan uaislean, agus airson gaisgich na Fèinne. Gu dearbh thèid ceann-duilleig ‘Am Foladair’, neach a dhòirteas fala (Dwelly, 449), a chur air an earrainn:

Tha cuid gheibh ùidh is feala-dha,  
Cur as do àl an neo-chionntais;  
Chan ann chum feum’ no cosg-nan-tràth,  
Ach air son àr na fiuthaidheachd. (CNF, 16)

Ceanglaidh e seo leis a’ cho-theacsa nas fharsainghe ann an earrann a tha a’ tighinn nas fhaisge air beachdachadh poiliteagach na cha mhòr tè sam bith eile san dàn. Chan eil Mac Dhonnachaidh ga dhèanamh so-fhaicsinneach, ach a thaobh co-theacsa a’ chogaidh ann an 1940 bhiodh mac-talla domhain aig earrann a leithid:

Co ’n t-ainmhidh eile siubhal cé,  
Tha call a chéill’ a feachdaireachd  
Le gleus-laimh neathais, rinn e fhein  
Gu luadar chréuchd’ is casgaireachd? (CAF, 17)

Nì e grad-tionndadh air ais gu seallaidhean àiteachais eile (XLVI-LX), a’ tòiseachadh le maighdeannan na h-àirigh. Coltach ris na h-ìomhaighean eile aige air beatha a’ chìobair tha sonas nan seallaidhean air am meudachadh ann an dòigh a tha ag àrdachadh an deilbh aige den àite mar phàrras:

Bha banaraich le dlòth ’nan làimh,  
A’ cuallach bhà bho fhiarachas—  
Gach té a’ freagairt ri a h-ainm  
Mar urras— dàich am briadhachais. (CAF, 18)

Bhiodh dìteadh air sgàth na h-oslabhairte seo ro chruaidh aig aon ìre, agus e a’ nochdadh anns na dàn a bha nam modailean dha. Bha na h-Eaclòigean aig Bhirgil ainmichte cuideachd mar Bucolaigs, bho fhriamh a’ ciallachadh buachailleachd agus e a’ cruth-atharrachadh cuid den ìomhaigheachd aig bàrd Grèigeach Theocritus (Van Sickle, 2012a, 167). San dàn aig Bhirgil tha àrainneachd thlachdmhor Arcadia air a chleachdadh mar àite cho tlàitheil ’s a th’ ann (*ibid.*). Ach air uairean tha ìomhaigheachd mhaoth Mhic Dhonnachaidh air an àrainneachd caran simplidh, coltach ris an eisimpleir shuas, is e a’ diùltadh puing phoilitigeach nas doimhne a dhèanamh leis. Bha bàird eile, a leithid Mhic Dhùn-Lèibhe

air seallaidhean àlainn a chleachdadh gus na h-uachdarain a dhìtheadh (Meek, 2003, 42-48). Tillear dhan phuuing seo ann am barrachd doimhneachd nuair a sgrùdaichear feartan ideòlach an dàin gu h-ìosal.

Leudaichidh Mac Dhonnachaidh an dà chuid na h-obraichean àiteachais a bha a' leantail nan ràithean agus na cur-seachadan a bha nan cois:

An déidh cur', 's roimh thoiseach buan'.  
 Bhiodh ruith is ruaig aig fleasgaichean,  
 Air daibh a' mhòine chur an cruaidh  
 Fa chomhair luaidh is calanais. (CAF, 20)

Measgaichte leis an ìomhaigheachd làitheil tha aire a' tionndadh air uairean do nithean nas spioradaile a leithid cleachdaidhean an Dòmhnach. Nì e iomradh air sgeulachd bhon sgìre aige fhèin: Naomh Maol Ruaidh a' tighinn dhan Eilean Sgitheanach agus a' stèidheachadh eaglais san t-Srath agus mar a bha a' ghlag aigesan a' gairm nan creidmheach air an Dòmhnach tro na linntean (Lamont, 1913, 33-37). Bruidhnidh an dàn cuideachd air an dòigh san robh iad a' comharrachadh Oidhche Shamhna le diofar chleachdaidhean. Is ged a tha e soilleir gu bheil beagan nàire air mu chuid dhiubh, "Is tric a bha mi an siud— fo ghéill" (CAF, 22), tha Mac Dhonnachaidh ag aithneachadh an fheum shòisealta a bh' aig cleachdaidhean leithid na cnòtha-shamhna:

Coma! ma bha na giùlan faoin,  
 'S a' leanalt baath nan gisreagan;  
 Bha gillean 's cailinean air faobh'r,  
 Le mire-gaoil mar loisgeadh iad. (CAF, 23)

Dh'innis an t-Urramach Tormod Dòmhnallach (1904-1978) mu na cleachdaidhean Shamhna a bh' aca air an sgìre aigesan den Eilean Sgitheanach, Bhaltos.<sup>15</sup> Rinn e iomradh cuideachd air mar a bha geasagan agus seann chleachdaidhean rin cluinntinn gu math tric na òige ann an Bhaltos, am measg nan seann daoine san taigh-chèilidh:

<sup>15</sup> 'S e aon dhiubh seo mar a chleachdadh iad cnòthan gus toimheas na bha air thoiseach air càraid sa choimhearsnachd. Bhiodh dà chnò air an cur còmhla ri chèile sa ghrìosach is nan loisgeadh iad le chèile bhiodh an càraid gus pòsadh taobh a-staigh bliadhna. Ach nan leumadh aon dhiubh air falbh, neo nan robh aon dhiubh nach robh a' gabhail idir cha bhiodh iad a' pòsadh (MacDonald, 1953).

Agus tha mi ga mo mheas fhèin an-diugh glè fhortanach ga-riribh gu robh na seann chleachdaidhean Gàidhealach beò agus air an cumail air adhart, mar a bha iad riamh, anns a chiad chuid de mo bheatha, ann an Bhaltos. (MacDonald, 1953a).

Tha seo na dheagh thaisbeanadh air mar a chaidh am beul-aithris seo a ghlèidheadh air an Eilean Sgitheanach fiù 's ginealachd às dèidh òige Mhic Dhonnachaidh.

Thig stad air na cuimhneachan aige air an t-seann Ghàidhealtachd tamall, ann an earrannan LX gu LXIII, is e a' gabhail beachd air mar a dh'atharraich i fo bhuaidh nan uaislean:

An diugh, tha'm fonn gun chur, gun bharr  
Far 'n robh na sàir a' breithneachadh. (CAF, 23)

Tha na fuadaichean air leigeil leis a' Ghàidhealtachd crìonadh agus agus iad a' cinntinn bho neo-thaingeachd do dh'fhialaidheachd a' Chruthadair, mar a chaidh a thaisbeanadh gu farsaing ann an tuairisgeulan a' bhàird air an àrainneachd:

Thig smal air Nàdur, fhèin, 's an àit'  
Nach àraich àl, ach frith-bheathaich.  
Tha taibhsean fhògrach 'n siod— le tàir—  
Am balla-fàs gun uinneagan. (CAF, 24)

Sgaoilidh a' chnuasachd seo nas fharsainge fa-dheòidh gus sùil mhoralta a ghabhail air beartas a-rithist. Cluinnear guth nas poiliteagaiche an eacldig a' nochdadh agus Mac Dhonnachaidh a' gabhail beachd air suidheachadh iadsan a dh'fhuadaich na daoine far an fhearainn. Chan eil e, mar a bha MacGill-Eain, ag ainmeachadh uachdarain fa leth neo a' dèanamh iomraidhean soilleir air tachartasan eachdraidheil ann an sgìrean sònraichte mar a chithear sa *Chuilithionn*. Ach coltach ri *Domhnullan*, tha Mac Dhonnachaidh a' coimhead air ann an dòigh mhoralta nas fharsainge, is a' beachdachadh air beusan iadsan a b' urrainn a leithid a dhèanamh.

Co sheasas fuarlanachd a' chridh'  
A rùisgeadh sgìr de ghnàth-dhaoine,  
[...]  
Chan fharmad staid an fheadhna ghairg  
A roghnaich fang roimh fhàrdaichean;  
'S a smàlaidh teinteanan nan learg,  
Do chum bhith sealg air fàsaichean. (CAF, 25)

Coltach ri *Domhnallan*, tha beachdan Mhic Dhonnachaidh ga dhèanamh follaiseach gu bheil *Atra Cura* is lionn-dubh a' leantail an luchd-beartach, agus gu bheil crois an ceann luchd an fhortain. Tha seo gu h-àraidh fìor mu iadsan a bha carach san dòigh san d' fhuair iad an cuid saobhreis, is “mollachd” (25) gan leantail:

Bi' siubhal anama dh'easbhuidh soills';  
 'S a chuid de'n oidhche, airtnealach.  
 An dubh-nial, bi' air sgiath a smaoint;  
 Is aigne daonnan ascaoineach. (*CAF*, 27)

Tha seo a' cruthachadh iom-sgaradh le buannachdan an “t-sàr-dhuine” (*CAF*, 28) a thèid a mholadh, agus a ruigeas “chala-fuaraidh sàbhailte.” Nì Mac Dhonnachaidh follaiseach gur ann bho ghliocas nàdarra neo dualchasach nan Gàidheal a tha an subhailceas seo a' tighinn oir “Nì cliù a shìnsre threorachadh | Gu dùsair diamhair” (*ibid.*). Tha buaidh seann mhoraltachd dualchasach nan Gàidheal ag èirigh an cudromas rè an dàin agus Mac Dhonnachaidh ga fighe leis an fhoglam a tha a' tighinn bhon àrainneachd agus bho sheanchas.

Thig caochladh eile air guth an dàin, am fear seo mìnichte le earrainn bho aithrisear (LXXIV) agus e nis gus cuimhneachadh air sealladh an taigh-chèilidh bho òige (LXXIV-LXXXII). Tha e air gluasad air falbh bho na tuairisgeulan fiosaigeach a bh' aige air làithean àireachais, agus a-nis coimheadaidh e air mar a bha an taigh-cèilidh ag obrachadh mar àite-fhoghlaim sa choimhearsnachd a bheireadh seachad oideachadh moralta don luchd-èisteachd:

Bhiodh fuasgladh facail 's gearradh cainnt'  
 Gun taing a' dùsgadh seadhachais;  
 Is toimhseagain, an cùil aig cloinn,  
 A' cur ri sgoinn an adhartais. (*CAF*, 29)

Is bho seo air adhart, tha an dàn a' siubhal air falbh beagan bho ìomhaigheachd an eilein agus e stèidhichte air smaointean nas eas-cruthaiche agus ùirsgeulaiche seach na chì an t-aithrisear air a' mhonaidh. Tha na h-earrannan air an taigh-chèilidh gu h-àraidh pailt le gnàth-fhaclan agus Mac Dhonnachaidh a' dealbhachadh a' cheangail eadar moraltachd, gliocas agus àrainneachd dùthchasach nan Gàidheal ann an seanfhaclan a leithid: “S i 'n dias as truime, chromas ceann: | An dias tha gann, as

biogarra ” (CAF, 31). Tha gnath-fhacail an taigh-chèilidh a’ tighinn gu crìoch le fear mu iasgair, is leanaidh an t-aithrisear an t-slighe smaoin seo le dà earrainn nan ‘Tàladh Cuain’ (CAF, 32-33). Ach a-rithist nochdaidh cumha às an dèidh o chionns gun do dh’fhalbh làithean far am faicte iasgair a’ “stiùireadh eathrach stigh do òb | Le abhsadh sheòl thar tasgalachd” (CAF, 33).

Tha ùidh a’ bhàird ann an eòlas nan seann Ghàidheal agus mar a bha iad a’ cnuasachd nàdar ri faicinn sna h-earrannan air làithean nan Drùidhean cuideachd (LXXXVIII-XCV):

An àrsaidh dòigh na linntinn thall—  
An uaigheas theann nan doireachan— (CAF, 33)

Cuiridh Mac Dhonnachaidh na drùidhean ann an co-theacsa nan uirsgeulan Gàidhealach agus mar sin tha Fionn a’ nochdadh a-rithist còmhla ri caractairean bho sgeulachdan Tuatha Dè Danann mar Lugh, An Daghdha, Conn agus Ogham. Tha an ìomhaigheachd air a leasachadh san aon dòigh ’s a bha seallaidhean an àireachais, agus strì is trioblaid gu math fad às:

An cùirt nan Drùidh, bha flaith nan oil,  
Is laithilt eoil na filidheachd;  
[...]  
B’e rùn an creideimh, géill don’n Triath  
Is lùib gach rian a chneasdachadh;  
[...]  
Bha cùirteileachd a’ fàs le aois;  
Is òigridh taobhadh oileanachd. (CAF, 34-35)

Cuiridh Mac Dhonnachaidh cuideam air a’ mheas a bh’ aig na seann Ghàidheil air foghlam mar a chìtheas shuas. Nì e iomradh air a’ Chliar Sheanachain (CAF, 35). Do Mac Dhonnachaidh, tha a’ Chliar Seanachain na dhuine a stiùireas cnuasachd an taigh chèilidh o shean. Tha seo na shealladh nas fhialaidhe orra na bha ri chluinntinn sa bheul-aithris san t-Strath far an do thogadh am bàrd (MacKinnon, 1953; Anderson, 1953), is na Cliar Seanachain air an ainmeachadh mar dhaoine a bhiodh a’ faighinn aoigheachd air sgàth’s eagail ron chuid sgaiteachais (MacInnes, 2006, 349-55). Ach tha e cuideachd a’ soilleireachadh na dòigh san robh am foghlam seo ag ullachadh nan Gàidheal airson an t-Soisgeil Chrìostaidh: “B’ e tùs a sgeoil, an stàid a thà; | ’S an déidh bàis, an aiseirigh” (CAF, 35).

Tha deagh eòlas aig Mac Dhonnachaidh air caractairean bho sgeulachdan Tuatha Dè Dannan (CAF, 38) le cuid a' nochdadh nach eil cho iomraiteach a leithid nam bràithrean Brian is Iucharba. Leanaidh am bàrd seòl a mheòrachaidh gu ruige pàrras nan seann Ghàidheal, Tir nan Òg (XCVI-CIX) a tha a-rithist air a bheothachadh le caractairean bho ùirsgeulan na h-Èireann: Fionn, Aonghas Og agus am “Bradán Naomh” (CI) neo *an bradán feasa*. Tha Fionn a' coinneachadh ri “Oigh-na-gréine” (CAF, 39) agus nì ise òraid fhada (CAF, 39-41).

Mu dheireadh tha am bàrd a' beachdachadh air mar a thug an t-eòlas a fhuair na seann Ghàidheil bho nàdar, bho ùirsgeulan agus cnuasachd nan drùidhean bun-stèidh dhaibh gus gabhail ris an t-Soisgeul Chrìostaidh (CXII-CXVII). Tha àbaid Eilean Ì na shamhla air seo agus am bàrd moiteil às an dòigh san do ghabh na Gàidheil ris a' chreideamh Chrìostaidh nuair a bha e a' crìonadh san Roinn Eòrpa ri linn lagachadh cumhachd na Ròimhe:

Is beag de dhroing, no iomall-tir'  
 Nach d' bhuinnig I 's a thosgairéan.  
 Bho dhuibhre fuain, thug iad gu ìr'  
 Ceann-finid anaim foirfeachaidh. (CAF, 45)

Fa-dheòidh thig a' chnuasachd aige gu crìoch is e a' gabhail beachd air dorchadas a' bhàis: “Is goistidh còir an oidhche fhein: | Bheir i gach creutair dachaidh leath” (CAF, 46). Tha am bàs air fhaicinn ann an deagh sheadh agus e a' toirt air falbh gach dragh agus streup bhon aithrisear. Ach tha e cuideachd a' coimhead air mar a bha am bàs ri fhaicinn sa choimhearsnachd, agus chan e dìreach a bhuil mheata-fiosaigeach. Bheir seo cothrom dha cuid den ìomhaigheachd nàdarra a chleachdadh a-rithist:

Biodh fraoch ri taobh mo chùirn a' fas;  
 Is gaoth nan ard dol thairis air;  
 An àirneag feithidh sùil na gréin;  
 Bi' gharbhag-shléibh 'na h-achlasan. (CAF, 46)

Coltach ri *Domhnullan*, thig a mheòrachaidh gu crìoch le ìomhaigheachd thaisbeanail, nèamhaidh:

Gu'm chuartachadh, bi tàig nan saoi  
 Le loinn gach brìgh, gun choiteachadh.  
 Bi' m'anam sàs an suaimhneas naomh;  
 Is aiteal maoth gu m' bheannachadh.

Thig fàilt à fuaimneachadh nan dùl;  
 Theid gaoid is daors' am falach orm;  
 Gach nì gun àill, gu bràth air chùl—  
 Is Gràdh 'na iuil air uile-ghean. (CAF, 47)

Chithear mar sin gu bheil an dàn air cuairt fhada a ghabhail tro dhualchas nan Gàidheal, an dà chuid bho òige a' bhàird agus ann an saoghal ùirsgeulan nan drùidhean is na Fèinne. Tha Mac Dhonnachaidh air an eòlas sgoilearail aige a chur còmhla ris an eòlas aige air dòigh beatha nan Gàidheal gus sealladh a thoirt seachad air smior agus spiorad nan Gàidheal. Taisbeanaidh na teamaichean agus na h-amasan seo an dòigh san robh am bàrd a' beachdachadh air na Gàidheil mar chinneach.

### **6.2.2 Ro-Ràdhan, Amasan agus Prìomh Chuspairean**

Ged a tha Mac Dhonnachaidh a' cur cuideam air taobh neo-phoilitigeach an dàin san ro-ràdh aige, tha e follaiseach gu bheil draghan co-aimisireil a' tighinn am follais ann an diofar àitichean. Le sùil air an fhiosrachadh a tha a' nochdadh ron dàn agus cruth is cuspairean an dàin fhèin gheibhear eòlas nas fheàrr air cuid de na ceistean poilitigeach a tha e a' togail, nach eil cho follaiseach taobh a-muigh a' cho-theacsa aimsireil. Mar a chunnacas, crìochnaichidh an rò-radh aige is e ag ràdh gu bheil an co-chruinneachadh ma dh'fhaoidte na “unconscious effort of mine during the present ungodly atmosphere of ethnological distortion, to escape from the sibilant belching of the Blatant Beast and his consort, the Red Laugh of death” (CAF, xv). Bhiodh e coltach gur e iomradh air Hitler is na Nàsaich a th' anns am “Blatant Beast”, agus fear air an Aonadh Sòibhiatach a th' anns an “Red Laugh of death”. Cha bhiodh cogadh eadar a' Ghearmailt agus an Ruis gu ruige 1941, agus mar sin bhiodh e comasach an dà dhiubh a chur ri chèile. Tha ìomhaigh na Bèiste fhèin a' tighinn bhon *Faerie Queene* (Spenser, 1977) san aon dòigh sa bha uamh Mhàmoir ann an *Domhnallan*: fianais a bharrachd air na co-theacsaichean a chleachdadh bàird a' chorpais.<sup>16</sup>

Tha an t-iomradh aige air “ethnological distortions” a' sealltainn an dà chuid gràin an ùghdair airson teòiricean cinneachail nan Nàsach agus an ùidh aige, soilleir sna h-òraidean aige bho na 20an, ann an

<sup>16</sup> Tha mi taingeil do Linda Gowans airson a' cheangail seo a chur thugam.



eitneòlas agus sna h-eadar-dhealaichean a bhathas a’ faicinn eadar na cinnichean, agus ‘anam’ fa leth aig gach sluagh. Mar eisimpleir, thuirt e ann an aon de na h-òraidean aige mar cheannard a’ Chomuinn:

This Gaelic soul carries a latent divinity, which must not be divorced from its native element, but wisely instructed and nurtured. Let us, therefore, be apprehensive that, in our fetish for certain forms of modern education, we do not crucify the spiritual magnetism of racial instincts (Robertson, 1926, 2-3).

A’ leantail air bho na beachdan cinneachail sin, air duilleag-tìotal *CAF* tha às-earrann bhon sgoilear Cheiltis Henri Hubert (1872-1927): “The Celts have been for long been the schoolmasters of the Germanic peoples.” Tha spèis nan Gàidheal airson foghlaim gu tric air a cur am follais san dàn fhèin, mar an earrann seo air cudromas Eilein Ì:

Nuair bha na h-allabharraich am fiadh  
An Eorpa chior an aineolais,  
Glachd iarmad ciall na Fìrinn fhìor,  
A thainig siar bho Bhetelehem. (*CAF*, 44)

Leis gu robh Mac Dhonnachaidh na phàirt den chiad ghinealach a chaidh oideachadh às dèidh Achd an Fhoghlaim 1872, tha an spèis aige airson foghlaim dualchasaich, agus beul-aithris, an dà chuid na fhianais bho shealladh a’ ghinealaich sin air an spèis a bh’ ann airson oideachadh sa choimhearsnachd ach cuideachd na theisteanas an aghaidh foghlaim aona-chànanaich agus aona-chultaraich a fhuair iad bhon stàit. Chìthear an fhianais sin na iomradh shuas air “our fetish for certain forms of modern education” (Robertson, 1926, 3). Bha ùidh Mhic Dhonnachaidh ann am foghlam cinneachail air toirt air sgrìob a ghabhail gu na Stàitean Aonaichte gus taic a bhrosnachadh airson Oilthigh Gàidhealach air Eilean Ì (Macilledhuibh, 1999, 723; Robertson, 1926, 3).<sup>17</sup>

Tha an rò-ràdh ann an *CAF* a’ moladh na Gàidhlig, agus a’ caoidh na tha air tachairt dhi. Coltach ris an rò-ràdh agus a’ chiad dàn san *Ais-Eiridh* (MacDhonnachaidh, 1751) thèid seo a dhèanamh gu fialaidh, agus an t-ùghdar fhèin a’ bruidhinn ann an guth iriosal mu dhèidhinn nan comasan aige fhèin an coimeas ri feartan na cànan. Coltach ris an dàn fhèin tha an rò-ràdh a’ riochdachadh eòlas farsaing air cuid den mheòrachadh dhomhainn a bha ri chluinntinn mu chùisean cinneachais agus a bha Arnold (1962) air a

<sup>17</sup> Fhuair e deagh mhaoineachadh sna Stàitean Aonaichte ach chaidh an sgeama à bith ri linn na Staing Eaconomaigich ann an 1929 (*An Gàidheal*, 1948).

cheangal ri litreachas nan Ceilteach ann an ‘On the Study of Celtic Literature’. Tha an dàimh eadar Mac Dhonnachaidh fhèin agus a’ chànain air ainmeachadh ann am briathrachas duatharra: “To me Gaelic is the mother-medium of the mysteries. In its Nature norms are meditatively polished periods— transports of celestial notes, and word associations that carry the antennæ of spiritual sojourning” (*CAF*, xiii). Ged a tha feartan eas-cruthach na cànain a tha Mac Dhonnachaidh a’ buileachadh oirre doirbh a dhaingneachadh neo chreidsinn, chìthear gu bheil am briathrachas aige a’ toirt dòigh do mhion-shluagh na còraichean aca a dhìon ann am briathran a là. Nì e iomradh air Brosnachadh Chath Gharbhaich far an do chleachd am bàrd 400 buadhair airson aon abairt agus e den bheachd gun do chaill na Gàidheil am briathrachas beartach seo (*CAF*, xiv). Tha seo a’ leantail an nòis a tha bitheanta san dàn fhèin de bhith a’ caoidh caochlaideachd an t-saoghail agus am bàrd a’ càineadh taic thoibheumach cuid de a cho-aoisich a thaobh a chultair: “How sadly removed from our day are those healthy conditionings, when we meet so many kilted penguins on the wrong exchange— the *pro forma* apostates of a compromising era!” (*CAF*, xiv).

Tha am *preface* le Alasdair MacNeacail (1884-1966) a’ cur ceangal eile eadar *CAF* agus *An Cuilithionn* am follais. Bha esan na bhrathair do mhàthair Shomhairle MhicGill-Eain agus chleachd MacGill-Eain an eachdraidh den Eilean Sgitheanach (Nicholson, 1930) a sgrìobh e airson cuid de na tachartasan sa *Chuilithionn* a leudachadh (MacGill-Eain, 2011, 132). Ann an *CAF* (xv) tha Mac Dhonnachaidh a’ toirt cunntas air mar a thug MacNeacail brosnachadh agus misneachd dha, agus mar a bhiodh e a leughadh thairis air na bha am bàrd a’ sgrìobhadh cha mhòr gach seachdain gus beachdan a thoirt dha. Nì am facal-thòisich a sgrìobh MacNeacail soilleir gu robh e measail air an dà chuid na h-amasan practaigeach aig a’ bhàrd— “How the future lexicographers of our language will bless him for providing these fitting contexts!” (*CAF*, xi)- agus air an na h-amasan nas spioradaile aige:

But what is of particular value is the fact that he occasionally transports us out of this stereotyped and mechanised age into a world of his own creation,— a world the more real in that it is so true to the higher life, and so satisfying in that it affords us many a glimpse that points the way to the Infinite. (*CAF*, xii).

Chìthear san earrainn seo gu robh na Gàidheil ceangailte ri draghan a bha air bualadh air luchd-ealain eile, ma dh'fhaoidte gu h-àraidh air T.S Eliot. B 'e sin gu robh saoghal gnìomhachais is calpachais a' bhaile-mhòir cho cunbhalach ath-aithriseach is gu robh e a' cur bacadh air mac-an-duine ann an iomadach seagh, gu h-àraidh gu spioradail (Scott, 1994, 62). Chìthear seo gu soilleir san dàn ainmeil aig Eliot *The Wasteland* (1922). Tha suidheachadh MhicNeacail mar mhaighstir-sgoile, is mar òraidiche ri linn an Dàrna Chogaidh, na dheagh theisteanas air na beachdan air dòighean foghlaim a nochd ann an dàn Mhic Dhonnachaidh.

A dh'aindeoin 's gu bheil Mac Dhonnachaidh ag ràdh gu bheil e a' feuchainn ri tachartasan dorcha a latha a sheachnadh, tha eachdraidh na gnè-sgrìobhaidh a chleachd e, an eac lòg, fhathast a' cur cuideam air taobh poiliteagach an dàin. Mar sin tha Mac Dhonnachaidh a' fàgail fianais an aghaidh na thachair air a' Ghàidhealtachd, agus tha e coltach gum biodh e mothachail air seo. Rinn Bhìrgil (1983, xi) na h-eac lògean aige mu 42-39 RC nuair a chaidh fearann a thoirt air falbh bho thuathanaich gus a thoirt do shaighdearan Ròmanach leis an Impire Octaibhian, air dhaibh crìoch a chur air an t-seirbhis aca. Mar sin tha trioblaidean nan cìobairean ann an cuid de na h-eac lògean ann an co-shìneadh leis mar a chaill daoine an cuid fearainn ri linn nam fuadaichean agus mar nach do choileanadh geallaidhean fearainn do shaighdearan Gàidhealach. Cuiridh seo sgàil thar nan cuimhneachain sona aca air an fhearann:

Oh, Lycidas, that I should have lived to see an outsider  
Take over my little farm— a thing I had never feared—  
And tell me, 'You're dispossessed, you old tenants, you've got to go.'  
(bho Eac lòg IX- Virgil, 1983, 39)

Ach ged a tha Mac Dhonnachaidh air a dhàn ainmeachadh mar eac lòg, agus ged a tha àireachas na phàirt soilleir dheth, tha tòrr eadar-dhealachaidhean eadar *CAF* agus an sreath de dhàn aig Bhìrgil. Gu math tric tha na h-eac lògan Ròmanach stèidhichte air còmhraidhean eadar dà character, air neo air òran a tha buachaille a' gabhail agus iad mar sin nam faclan a tha character mas fhìor a' labhairt. Tha na h-iomsgaraidhean eadar na diofar dhàn gu math follaiseach agus chan eil iad idir a leantail air càch a chèile mar a tha na h-earrannan beaga ann an *CAF*. Tha e soilleir gu bheil ùidh nas motha aig *CAF* ann

am meòrachadh pearsanta neach fa leth, fiù 's ged a tha a' chnuasachd sin a' coimhead air cuspairean nas fharsainghe na trioblaidean gaoil ann an òrain ciòbairean Bhirgil.

Ach a' coimhead air obraichean eile le Bhirgil, tha na *Deòrgaigs* (Virgil, 1983, 51-128) a chaidh a sgrìobhadh às deidh nan *Eaclògan* a' tabhann gnè-sgrìobhaidh nas fhaisge air na tha a' nochdadh ann an *CAF*. Coltach ri dàn Mhic Dhonnachaidh chaidh iad seo a sgrìobhadh ri linn trioblaidean mòra san stàit: murt Iulius Caesar, agus an cogadh sìobhalta a thachair às dèidh sin. A' bruidhinn air na prìomh caractairean a nochdas sna *Deòrgaigs*, tuathanaich, tha R. Lyne san ro-ràdh aige a' sealltainn cuid de na buaidhean a dh'fhàg iad freagarrach dhan a' bhàrd:

The small, independent farmer may have been a vanishing figure, but he was an important one for Roman sensibility. In the Roman mind rural life and the moral life were easily identified. In addition there was a feeling that the original, the *true* Italian way of life (when things were so much better) was agricultural. (Virgil, 1983, xxv)

Tha coimeas soilleir eadar na caractairean agus na Gàidheil a tha a' nochdadh ann an *CAF*. Bhiodh buaidh Romansaich na h-Eòrpa, agus mar a chleachd iad ìomhaigheachd àiteachais gus seann dòigh-bheatha bhuadhach a dhealbhadh, cuideachd na buaidh air a' bhàrd.<sup>18</sup> Bha an ciòbair agus na banaraich uile nan samhlaichean air dòigh beatha a bha a' dol à bith:

Chan éirich tuilleadh, suas gu nèil,  
An guth bha beo le buidheachas,  
Tha'n annaid falamh de fhir og;  
Chan fhaicear mòd a' cruinneachadh. (*CAF*, 24)

Tha na h-ìomraidhean a nì Mac Dhonnachaidh air na h-àirighean (*CAF*, 18-19) a' toirt sealladh eile air na h-atharrachaidhean a bhuail air a' Ghàidhealtachd. Ged a bha àirighean ri fhaotainn gu ruige an fhicheadaimh linn, gu math tric chaidh an cleachdadh sìos gu mòr leis na dòighean-àiteachais ùra a dh'adhbhraich na fuadaichean mar an ceudna. Thug seo buaidh air mar a bhathas a' bruidhinn orra ann an òrain, bho chleachdadh fìorachail gu cuimhneachan Romansach mar a sheall Anne Lorne Gillies (2005, 477-79). Tha Bil (1990, 290) den bheachd gur e na caoraich mòra ma dh'fhaoidte an t-adhbhar bu chudromaiche airson dol sìos na h-àirigh. Tha e cuideachd ag ainmeachadh às-imrich, diofar

<sup>18</sup> Faic m.e. 'Salisbury Plain' le William Wordsworth (2011, 13-28), a tha coltach ri *CAF* ann an cruth.

sheòrsaichean phòir ùir agus, nas anmoiche, leudachadh nam frithean-seilge (*ibid.*, 297-344) mar rudan a ghreasaich an sìoladh às seo. Chìthear mar sin gu bheil na ceanglaichean leis na h-*Eaclògan* agus na *Deòrgaigs* ged a tha iad caran lag, a' neartachadh cuid de na teamaichean a nochd san dàn agus a bha cumanta ann an litreachas na Gàidhlig aig an àm. Tha sin gu h-àraidh fìor nuair a choimheadar air mar a chaidh na Gàidheil fhuadachadh agus mar a bha seann dòigh-beatha, a bha muinntir a' bhaile-mhòir a' measadh àrsaidh agus subhailceach, a' dol à bith.

### **6.2.3 Ideòlachd air Cnoc an Fhradhairc**

Chìthear gu bheil *CAF* agus *An Cuilithionn* gu math coltach ann an cuid de dhòighean. Tha an dà dhiubh a' meòrachadh air eachdraidh nan daoine agus a' cleachdadh àrainneachd na Gàidhealtachd gus seo a dhèanamh. Ach tha coimeas eadar an dà dhàn a' sealltainn cuid de na sgairidhean ideòlach a bha ri fhaotainn sa choimhearsnachd Ghàidhealaich aig an àm. 'S fhiach tilleadh do na còig diofar bhuaidhean a bharrachd air an teacs fhèin a chaidh ainmeachadh ann an *Criticism and Ideology* (Eagleton, 2006) mar roinnean de sgrùdadh eachdraidheil stuthail air litreachas. B' iadsan na Modhan-Ghineamhainn Coitcheann is Litreachail agus na h-Ideòlachdan Coitcheann, Easdatach agus Ùghdarail. Leis gun deach an dà theacs a dhèanamh aig an aon àm, bidh an t-iom-sgaradh eatorra a' toirt dhuinn sealladh nas fhèarr air mar a tha na diofar fheartan seo a' toirt buaidh air gach teacs. Tha na h-adhbharan a dh'ainmich Mac Dhonnachaidh airson an teacs a sgrìobhadh a' dèanamh soilleir gun tug suidheachadh a' Chogaidh air an dàn a chruthachadh, aig ìre air choreigin, is tha sin ga dhèanamh gu ìre mhath co-aoiseach ris a *Chuillithionn*. Mar sin bhiodh iad fo bhuaidh nan aon Mhodhan Gineamhainn Coitcheann is Litreachail agus nan aon Ideòlachdan Choitcheann is Easdatach. Airson *CAF*, bheir seo tuigse dhuinn air cuid de na dòighean eile sa bheil an dàn a' sealltainn fheartan a tha nas poilitigiche na bha am bàrd fhèin an dùil. Lagaichidh seo, air an làimh eile, cho soirbheachail 's a tha amas ainmichte an ùghdair is e a' feuchainn dàn a chruthachadh a bheireadh aire air falbh bho uamhas tachartasan an t-saoghail.

'S e am prìomh sgaradh follaiseach a thaobh dàimh gach teacs ris na modhan gineamhainn gun deach an dàn slàn aig Mac Dhonnachaidh fhoillseachadh gu sgiobalta, ach nach deach am fear aig MacGill-

Eain, air sgàth adhbharan a chunnacas ann an Caibideil 6.1.2. Chaidh *CAF* fhoillseachadh le Alasdair MacLabhrainn 's a Mhic a bha suidhichte air Sràid Earra-Ghàidheal ann am meadhan Ghlaschu is a bha air aon de na foillsichearan Gàidhealach bu chudromaiche sa chiad leth den fhicheadaimh linn (bha an t-aon taigh-foillseachaidh air *An t-Ogha Mhòr* (1913) a chur a-mach faisg air fichead bliadhna roimhe). Gu soilleir ann an iomadach dòigh bha *CAF* tòrr nas sàbhailtiche airson taigh-fhoillseachaidh na bha *An Cuilithionn*. Bha Mac Dhonnachaidh aig aois 69 ainmeil am measg na coimhearsnachd Gàidhealaich an dà chuid bhon t-saothair aige aig a' Chomunn Ghàidhealach agus mar sgrìobhadair foillsichte stèidhichte. Chì sinn gu robh Mac Labhrainn deònach seo a chleachdadh agus seachd duilleagan de mholadh bho lèir-mheasan air *An Ogha Mòr*, *Children of the Fore-World* agus *Òrain na Cèilidh* a' nochdadh aig toiseachd an leabhair. Agus as dèidh sin tha MacNeacail a' tòiseachadh an ròraidh aigesan air an aon phort:

Angus Robertson has already given abundant evidence of his genius. We detect unmistakeable flashes in AN T-OGHA MOR, and, again, in ORAIN NA CEILIDH; but, in this latest work, his great gifts shine forth in full blaze, [...] (*CAF*, xi)

Tha an t-iom-sgaradh eadar seo agus suidheachadh gu ìre mhath neo-aithnichte MhicGill-Eain ann an 1939-40 soilleir. Taobh a-staigh a' Mhodh-Ghineamhainn Litreachail bha Mac Dhonnachaidh tòrr nas cumhachdaiche, nas coltaiche ris a' chliù a bhiodh aig MacGill-Eain sna 80an, nuair a nochdadh dreachdan nas coileanta den *Chuilithionn*. Cha robh na h-aon draghan a bh' air MacGill-Eain mu chùisean lagha na thrioblaid do dhàn Mhic Dhonnachaidh nas motha o chionn 's nach robh e ag ainmeachadh uachdarain.

Ach 's urrainnear faicinn mar a thug cliù stèidhichte a' bhàird buaidh air teacs a Mhic Dhonnachaidh agus an luchd-leughaidh a bha cleachdte ri feartan stèidhichte na dhòighean sgrìobhaidh. Coltach ris an *Ogha Mhòr* thèid an t-seann Ghàidhealtachd a mholadh ann am briathran doirbh, a lorgar ann am faclairan ach nach robh cho cumanta air beul an t-sluaigh. Mar a chunnaic sinn chaidh iad seo a mhìneachadh san nobhail ach ann an *CAF* chan eil a leithid de thaic don leughadair ann. Bheir seo sealladh eile air an luchd-leughaidh a bha Mac Dhonnachaidh a' sùileachadh: Gàidheil fhoghlaimte leis an airgead gus faclairan agus na leabhraichean eile aige a cheannach. Air aon làimh tha seo ciallach

gu leòr, leis gu robh e eòlach air a' mhargaid ach tha e ann an iom-sgaradh follaiseach leis an amas aig MacGill-Eain airson A' *Chuilithionn*, gum biodh an dàn radaigeach aigesan air a sgaoileadh am measg nan croitearan.

Bha cothrom aig Mac Dhonnachaidh dàin eile fhoillseachadh còmhla ri *CAF*. Tha *CAF* mu 500 sreath nas giorra na *An Cuilithionn* neo *Domhnallan* agus ma dh'fhaoidte gur e sin as adhbhar nach deach fhoillseachadh leis fhèin mar an ceudna. Chaidh deich òrain bho 'Òran na Cèilidh' a chur ris; tionndaidhean Beurla air cuid aca cuideachd, agus tionndaidhean Gàidhlig air bàrdachd Nèill Rothaich is eile, is iadsan a' cruthachadh faisg air an dàrna leth de mheud an leabhair air fad. Mar sin a bharrachd air cliù an sgrìobhadair bhiodh cèistean a thaobh meud cuideachd a' toirt làmh an uachdair do *CAF* nuair a bha foillsichear a dhìth agus na h-òrain chèilidh agus eadar-theangachaidhean a' leudachadh a tharraing do luchd-leughaidh eile.

Coltach ri MacGill-Eain, ge-tà, bha an iomairt litreachail a bha Mac Dhonnachaidh a' dèanamh airson na Gàidhlig a' dol an aghaidh ideòlachd choitcheann an latha a thaobh chàinain. Bu chòir an cleachdadh aige de sheann fhaclan Gàidhealach fhaicinn mar phàirt den oidhirp seo, agus e an dà chuid a' feuchainn ri briathrachas a' chàinain ath-neartachadh agus a' dearbhadh gu robh an uidhir de dh'fhaclan àrsaidh innte nach robh fuarasta eadar-theangachadh. Le faclan leithid "falach-fuinn" (*CAF*, 6) a th' aig Dwelly mar "land-hiding [...] taking advantage of every natural feature in the landscape to hide themselves" (408), tha Mac Dhonnachaidh a' sealltainn gu soilleir gu bheil comasan nas àirde aig a' Ghàidhlig air cuid de chuspairean an coimeas ris a' Bheurla. Tha co-shìnteachd fhollaiseach ann le amasan cànanachais MhicDiarmaid cuideachd a bha a' dol an aghaidh ideòlachdan càinain a' mhòr chuid de Bhreatainn.

Chunnacas ann an Caibideil 1.4 gu robh litreachas nan Clasaigs Eòrpach air cliù nas àirde fhaighinn san t-saoghal litreachail gu ruige crìoch an naoidheamh linn deug. Le daoine leithid Matthew Arnold agus na sgoilearean ùra a chaidh tron oideachadh a mhol esan is a thàinig gu buil le sgrùdairean leithid F.R. Leavis, bha sgrìobhaidhean na Beurla air barrachd agus barrachd cliù fhaighinn. Ach fhathast bha cliù àrd aig na Clasaigs san t-saoghal acadaimeagach agus am measg daoine nas aosta. Mar sin, 's

urrainnear an oidhirp a rinn Mac Dhonnachaidh le gnè-sgrìobhaidh ceangailte ri prìomh bhàird na Ròimhe fhaicinn mar sgrìobhadair ann am mion-chànain a' feuchainn ri gnè-sgrìobhaidh bho litreachas nas cliùitiche a chleachdadh, gus an cultar aige fhèin àrdachadh. Coimheadar ann am barrachd doimhneachd air ro-innleachdan iar-planntachais san ath-chaibideil, ach tha e soilleir gu bheil Mac Dhonnachaidh a' cleachdadh Ideòlachd Easdatach a latha, san robh deagh chliù aig Bhirgil, gus Ideòlachd Choitcheann, a bha a' cur suarach na Gàidhlig, a fo-leagail. Bha an aon dòigh obrach ri fhaicinn ann an cuid de dhàin aig Mhic Mhaighstir Alasdair is seo na ro-innleachd bhunaiteach do litreachas na Gàidhlig mar mhion-chànain.

Tha an dàn cuideachd a' seasamh an aghaidh na h-ideòlachd coitchinne a thaobh na thachair air a' Ghàidhealtachd anns an dà cheud bliadhna roimhe. Tha na h-iomraidhean fada air dòighean beatha an tuath agus an cuid chleachdaidhean an dà chuid a' dèanamh mar a chaidh iad seo a spùilleadh, agus a' beachdachadh air mar a bha seann chleachdaidhean àrsaidh, leithid nan cnòthan shamhna a' dol à bith ri linn gluasad an t-sluaigh don bhaile mhòr. Ach tha an t-iom-sgaradh eadar mar a mholar an cìobair ach mar a chaidh luchd-seilbh nam fangan a chàineadh (CAF, 25) na fhianais gu bheil an dàn neo-chunbhalach a thaobh feallsanachd phoilitheagaich. Tha laigsean mar sin, a tha a' toirt air a' bhàrd bhith cuimhneachadh air Gàidhealtachd nach robh riamh fìor san da-rìribh, ga lagachadh gu ìre is nach eil cus neart idir sna càinidhean poilitheagach aige.

Tha e inntinneach gu bheil an cìobair a tha na caractair cudromach faisg air toiseach an dàin, a' stiùireadh “caoraich bhrucach” (CAF, 12). Tha am buadhair aig Dwelly mar “blackfaced” is bha na caoraich ud aithnichte mar phàirt de na h-atharraichean a thàinig a-steach dhan Ghàidhealtachd. Air aon làimh b' e caoraich coltach ri sin na caoraich air am biodh Mac Dhonnachaidh eòlach bho òige. Bha na h-àirighean crodh, co-dhiù ann an ceann a tuath an Eilein Sgitheanaich air dol à bith mu thimcheall air 1850 (MacSween & Gailey, 1961, 83) ginealach mus do rugadh am bàrd agus na caoraich air làmh an uachdar fhaighinn. Ach leis gu bheil e a' cur an dàn ann an sliochd nan sgrìobhaidhean aig Bhirgil bha saorsa aige leum thairis air iom-sgaraidhean trioblaideach mar sin gus dealbh maiseach a dhèanamh air an dùthaich. Coltach ris an “small, independent farmer” aig Bhirgil,



do Mhac Dhonnachaidh bha “saoranach nam beann” (CAF, 13) na character samhachdail a’ riochdachas moraltachd agus creideamh seann dòigh-bheatha a b’ fhiach a mholadh is a bha a’ dol à bith:

An cluanaibh sìth, tha ghluasad fòs;  
 ‘S a bheatha pòsd’ ri subhailceas.  
 Tha ‘n iarmailt ‘g aithneachadh a sheoil,  
 ‘S a’ teagasg fòil is irioslachd. (CAF, 15)

Bha gu leòr de na rudan as mionaidiche mu bheatha àiteachais air a sheachnadh sna *Deòrgaigs* fiù ‘s ged a bha iad mas fhìor ag amas air teagasg air na cuspairean sin. Chìthear an aon seòrsa cleathadh ann an CAF, agus e sgrìobhte airson luchd-leughaidh foghlaimte nach robh an sàs ann an àireachas, ach a bhiodh eòlach air àrainneachd na Gàidhealtachd. Coltach ri dàin Bhìrgil fàgaidh sin co-dhùnaidhean cinnteach mu bheachdan poiliteagach a’ bhàird doirbh a dhearbhadh le cinnt agus e coltach gu robh Mac Dhonnachaidh a’ leantail an nòs seo le làn fhios.

Tha e soilleir gu bheil Mac Dhonnachaidh tòrr nas cruaidhe air an t-sealgaireachd na bha e air cìobaireachd nan caorach mòra. B’ urrainn dha sin a bhith stèidhichte air sgrèamh pearsanta an aghaidh sealg ach ma dh’fhaoidte gu bheil cruthachadh nam frithean sealg, gu math tric bho thuathanasan caoraich, nas fhaisge air cuimhne a’ bhàird na cruthachadh nan tuathanasan sin fhèin (Orr, 1982, 28-29). Tha cuideachd ceangal eadar murt an t-slèibhe agus nan cogaidhean ga dhèanamh san dol seachad ann an XLIV-XLV mar a chaidh aithneachadh san anailis, ach chìthear san iom-sgaradh seo eisimpleir eile air ioma-thaobhachd sealladh a’ bhàird air eachdraidh agus an àrainneachd, agus mar a tha na beachdan aige a’ dol an aghaidh a’ chèile air uairean.

Chìthear ceangal eile a tha bunaiteach ann an ìomhaigheachd nan Gàidheal bhon fhicheadamh linn, is e sin teisteanas na cruth-thìre do dh’fhuadachadh agus dh’eilthireachd: “Tha làithean sonais tur air falbh— | Tha guth nam marbh a’ cagarsaich” (CAF, 24). Nochdaidh an ìomhaigh seo gu soilleir sa *Chuilithionn* (43-45). Ach bhiodh na comharraichean a dh’fhàg iadsan a dh’fhalbh na chuspair cudromach ann an ‘Hallaig’ (MacGill-Eain, 1955) agus dàintean eile a leithid ‘Glen of Silence’ le MacDiarmid bho 1938 (1992, 177). Tha na guthan seo nan dòigh an ceangal eadar an àrainneachd agus

eachdraidh a dhealbhadh, gun a bhith an eisimeil air cleachdaidhean mar phearsonachadh Romansach (faic Bateman, 2003, 84-86). Tha meòrachadh Mhic Dhonnachaidh aige air àrainneachd na Gàidhealtachd an-còmhnaidh buailteach briseadh thairis gus cuimhneachadh air mar a chaidh an àrainneachd sin a dhèanamh agus air an dòigh-beatha a bha ann roimhe. Thug eisimpleir Bhirgil agus na h-*Eaclògan* aige taic làidir bho litreachas chliùiteach do na nòsan a bha ri fhaicinn ann am bàrdachd Ghàidhlig mar-thà.

Coltach ris a' mhòr-chuid de na bàird san tràchdas seo, thagh Mac Dhonnachaidh modailean cliùiteach airson na bàrdachd aige. Leis gun do dh'ainmich e an dàn mar Eaclòg tha e a' dèanamh ceangal le gnè agus bàrd a bha gu math cliùiteach ann an litreachas na h-Eòrpa. Mar a chunnacas shuas chan eil an t-ainm seo gu tur freagarrach agus eadar-dhealachaidhean bunaiteach eadar *CAF* agus modailean Bhirgil. Tha na *Deòrgaigs* nas fhaisge air *CAF*, le am measgachadh de dh'ùirsgeulachd, àiteachas agus meòrachadh air oideachas. Ach, a dh'aindeoin, sin tha e soilleir gun do thagh e cruth a bha cliùiteach neo air a bhith cliùiteach san Ideòlachd Easdataich sna bliadhnaichean roimhe. Tha dàin Bhirgil, cuideachd a' measgachadh sealladh air an dùthaich agus draghan poiliteagach ann an dòighean a tha doirbh a leantail. A' bruidhinn air na *Deòrgaigs* canaidh Batstone (1997, 142), "Rather than create security, clarity, univocity, the poem complicates our feelings and confounds our paradigms." Ma dh'fhaoidte gur ann san t-seagh sin a tha *CAF* nas coltaiche ri eisimpleirean Bhirgil.

Tha Uilleam MacGilliosa air beachdachadh air buaidh nan clasaigs ann an litreachas na Gàidhlig:

Accepting [the Arcadian model of poetic inspiration] required one to stereotype Gaels as nymphs and shepherds in a pastoral otherworld in a way that suppressed the structured and orderly and hierarchical aspects of Gaelic culture. By projecting an image of rural peasants being 'visited by the Muse', works like *Sàr-Obair* downplayed the fundamentally social-functional basis of almost all Gaelic poetry[...] (Gillies, 2006, 7)

Chithear gu bheil na feartan seo ri fhaotainn ann an *CAF*, còmhla ris an ùidh ann am foghlam bhon àrainneachd agus cruthachadh bàrdachd air ball a tha MacGilliosa cuideachd ag aithneachadh mar bhuil den bhun-stèidh chlasaigeach seo (*ibid.*, 7-8).

Tha ùidh Mhic Dhonnachaidh ann an oideachadh bhon àrainneachd a' dol leis an ùidh a bh' aige ann am beul-aithris agus dòighean oideachaidh traidiseanta. Tha sin na roinn eile far a bheil cumhachd draghan a latha a' tighinn am follais san dàn a dheòin neo a dh'aindeoin. A bharrachd air na th' aige ri ràdh mu dheidhinn Eilean Ì agus na Drùidhean, tha e a' cur a bhàrdachd fhèin an riochd seanfhaclan. Tha iad seo gu h-àraidh bitheanta san earrainn stèidhichte air an taigh-chèilidh (*CAF*, 30-32):

Is lag mar thig, is làidir théid:  
 Tha tùs is déidh a' chinne-daon.  
 An sìlean làn air barr na déis,  
 Bheir fàth do réir mar chuireadh e. (*CAF*, 31)

Chithear an dòigh sgrìobhaidh a thug air MacNeacail a ràdh: “There is so much wisdom that many of the reflections will assuredly pass into proverbs” (*CAF*, xii). Ach tha cudromas dòighean oideachaidh an taigh-chèilidh, a leithid nan sean-fhaclan, air àrdachadh le co-theacsa foghlam Mhic Dhonnachaidh mar a chaidh a thaisbeanadh, agus mar a bha e a' dol an aghaidh ideòlachd na stàit a thaobh foghlaim. Chithear co-shìntean gu math soilleir eadar na beachdan aige air foghlam sna h-òraidean agus san ro-ràdh aige, agus na cuspairean a tha a' nochdadh san dàn. San òraid aige bho 1926, nì e iomradh air Edward Gibbon a thuirt “there is a manifest connection between the language and the manners of a country” (Robertson, 1926, 3), ceangal a dh'fheuch e neartachadh ann an *CAF* tro bhith a' cleachdadh cainnt àrsaidh gus subhailcean a bhrosnachadh.

Tha e soilleir le sùil air na diofar bhuaidhean agus amasan a bh' aig Mac Dhonnachaidh gu bheil *CAF* na dheagh eisimpleir air mar a tha an teacsa air gineamhainn fo bhuaidh nan diofar seòrsaichean feartan gineamhainn a chaidh a thaisbeanadh san dà chaibideil shuas. Mar sin ged a tha e na h-oidhirp aig ìre air choreigin faighinn air falbh bhon t-saoghal làitheil tha an teacsa fhèin a' taisbeanadh suidheachadh an ùghdair mar fhear a chunnaic crìoch an naoidheamh linn deug agus dol sìos nan coimhearsnachdan Gàidhealach, agus mar fhear a bha a' strì an aghaidh sin. Tha an ùidh aige san àrainneachd, ann am foghlam agus cultar beul-aithriseach nan Gàidheal na theisteanas air seo, ged nach eil aon teachdaireachd mhòr a' tighinn às an dàn.

Tha e soilleir mar sin bho *CAF* gu bheil teacsa litreachais na àite far an coinnich iomadach diofar iomsgaradh agus buaidh phearsanta, eaconomaigeach agus shòisealta. Thèid cudromas an tuigse seo a neartachadh leis gu robh am bàrd fhèin a' dol às àicheadh gu robh e ag ràdh cus mun bheatha-phoilliteagach ann. Chìthear nach robh sin fìor, is e a' cur nam faclan aig Eagleton an cuimhne:

The literary text does not *take* history as its object, even when (as with 'historical fiction') it believes itself to do so; but it does, nevertheless, *have* history as its object in the last instance, in ways not apparent to the text itself but to criticism. (Eagleton, 2006, 74)

'S urrainnear seo a phutadh ro fhada leis gu robh e follaiseach gu robh ùidh aig Mac Dhonnachaidh ann an cor na Gàidhealtachd co-dhiù is chan e is gu robh e na easdeatach san fharsaingeachd. Ach air an làimh eile, tha e a' sealltainn aon de phrìomh sgaraidhean litreachas na Gàidhlig san fhicheadamh linn: le bhith a' sgrìobhadh ann am mion-chànain thathar a' dol an aghaidh na h-Ideòlachd Choitcheann is thathar mar sin air a thoirt a-steach gu deasbadaidh poiliteagach, a dheòin neo a dh'aindeoin. Le bhith a' cleachdadh cruth a bha cliùiteach am measg litreachas a' chanoin Eòrpaich tha Mac Dhonnachaidh a' toirt seachad a bheachd fhèin air comasan na Gàidhlig mar chànain litreachail, rud a dhearbhas e aig toiseach an ro-ràidh.

Le coimeas deireannach leis a' *Chuilithionn* chìthear gu robh ùidhean poiliteagach MhicGill-Eain a' toirt air-san pìos bhàrdachd a sgrìobhadh a bha nas cunbhalach ann an seagh poiliteagach na beachdachadh spioradail Mhic Dhonnachaidh. Ged a tha iomadh sealladh agus guth a' nochdadh ann an dàn MhicGill-Eain a thaobh a phoilitigs tha e coltach gu robh MacGill-Eain a' dèanamh cinnteach gu robh a bheachdan, a dh'aindeoin 's cho fòirneartach 's a bha iad, co-dhiù ceud-fàthach is cunbhalach. Le sùil air *CAF*, co-dhiù chan urrainnear ach aontachadh le Eagleton shuas agus suidheachadh na Gàidhealtachd air buaidh mhòr fhàgail air an dàn gun fhios don bhàrd. Chìthear cuideachd gu bheil Eagleton (2006, 63) ceart nuair a chanas e nach eil an teacsa fhèin dìreach a' fulang buaidh nan diofar ideòlachdan agus modhan gineamhainn ach gu bheil e a' toirt buaidh orrasan cuideachd. Mar sin, a dh'aindeoin nam beachdan poiliteagach eadar-dhealaichte aca agus na beachdan eadar-dhealaichte a chleachdas iad nam bàrdachd, tha an dìthist bhàrd a' cur air adhart litreachas na

Gàidhlig aig ìre àrd is a' dol an aghaidh Ideòlachd Choitchinn an latha a thaobh cànanain agus cultar. Nì iad sin tro fhianais àrainneachd na Gàidhealtachd fhèin agus comasan litreachail na cànanain.

## 7. *Mochtàr is Dùghall* – Oirthireachas, Litreachas na Gàidhlig agus an Dàn Fada

A bharrachd air cothrom sùil a thoirt air ais air saoghal a dh'fhalbh, bha crìonadh na Gàidhlig san fhicheadamh linn a' toirt air sgrìobhadairean coimeas a dhèanamh le suidheachadh chultairean eile. Chaidh oidhirpean a dhèanamh air seo aig ìre chruthachail (m.e. bàrdachd Arabach Hay; bàrdachd air tùsanaich Afraga a Dheas le Donnchadh MacDhunléibhe ann am Black, 1999, 64-82) agus nas anmoiche aig ìre sgrùdaidh (m.e. Stroh, 2011; Sassi & van Heijnsbergen, 2013). Ann am *MID*, tha Deòrsa Mac Iain Deòrsa a' cleachdadh suidheachadh nan Arabach gus coimeas a dhèanamh eadar na Gàidheil agus muinntir Afraga a Tuath agus gus beachdachadh air an Dàrna Cogadh (Black, 1999, xxxviii). Cha deach an dàn riamh a chrìochnachadh ged a tha an earrann air Mochtàr gu ìre mhath ullamh. Tha na ceanglaichean a tha Mac Iain Deòrsa a' taisbeanadh eadar an dà chultar a' togail cheistean a thaobh iomchaidheachd a bhith cleachdadh cultar eile gus do chultar fhèin a sgrùdadh (Whyte, 2005, 572-73) agus gu dearbh, gu dè cho soirbheachail 's a tha na coimeasan sin. Ged a tha sreath beachdachaidh fo bhuidhne iar-phlanntachais a' nochdadh ann an sgrùdadh na Gàidhlig, cha b' ann gus an do sgrìobh Silke Stroh am Ph.D. aicese air a' ghnòthaich, foillsichte gu h-ath-leasaichte mar *Uneasy Subjects* (2011), a chaidh cleachdadh iar-phlanntachais a dhìon gu làidir airson suidheachadh litreachail nan Gàidheal. Bidh a' chaibideil seo a' gabhail beachd air an sgoil theòiriceil seo, gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air *MID*, agus air cuid de cheistean nas fharsainghe mu iar-phlanntachas agus cultar nan Gàidheal san fhicheadamh linn.

Mar a chunnacas ann an Caibideil 1.4, bha sgrùdadh iar-phlanntachail ag èirigh às, agus a' toirt taic, do crìonadh nan Impireachdan Eòrpach às dèidh an Dàrna Chogaidh. A rèir gearr-chùnntas Ramazani (2012, 1092-95), bha sgrìobhadairean mar Aimé Cesaire (1913-2008) air am beachd-smaoin *négritude* a chruthachadh gus feartan dualchasach, a chuireadh fo dhèimeas leis na h-Impireachdan Eòrpach, a mholadh. Bha Frantz Fanon (1925-1961) den bheachd ge-tà gu robh seo a' glèidheadh nan sgrìobhadairean sin ann an dialeactaig neo-ionnan leis a' chumhachd impireachdail. Bha Fanon gu dlùth ceangailte ris an strì fhòirneartach an aghaidh ìmpirileas agus mar saidhc-anailiche sheall na sgrìobhaidhean aige a' bhuidhne a bh' aig impireachd air na tùsanaich. Bha beachdadairean eile a leithid

Edward Said (1935-2003) ceangailte nas dlùithe ri gluasadan poiliteagach gus na còraichean aig mion-shluaighean a dhìon agus 's e *Orientalism* (Said, 2003) a nochd ann an 1978, aon de na prìomh theacsaichean a bhrosnaich leasachadh teòiricean iar-phlanntachais ann an litreachas. Bha *Orientalism* a' sealltainn air mar a bha na cumhachdan impireachdail a' fìrinneachadh an t-seilbh aca thar sgìrean cèine le obair chultarach a bha a' daingneachadh nan claon-bhreithean aca mu dheidhinn tùsanaich nan dùthchannan sin (McLeod, 2000, 21-22). Bha Deòrsa Mac Iain Deòrsa a' sgrìobhadh mar oifigear ann an arm impireachdail, ach ann an mion-chànain agus le deagh eòlas air a' chultar Oirthireil air an robh e a-mach. Tha seo a' togail iomadach ceist a thaobh Oirthireachais agus mar sin 's ann air obair Said a stèidhichear sgrùdadh iar-phlanntachail *MID* aig deireadh a' chaibideil seo.

Chan eil cleachdadh iar-phlanntachas airson suidheachadh nan Gàidheal air a bhith gun chonnspaid: tha Pittock (1999, 106-116) a' sealltainn mar a bha na dùthchannan Ceilteach an dà chuid nam pàirt ghnìomhach de dh'Impireachd Bhreatainn agus, aig an aon àm, fo bhuaidh dìmheas phlanntachail. Le bhith ag aideachadh nach eil dàimhean iar-phlanntachail ann an cultar na dhearbhadh airson dàimhean iar-phlanntachail ann an roinnean eile, tha Stroh air na deasbadaid seo a sheachnadh is i ag ràdh:

In this context it must be understood that the main interest of the present study lies not in colonialism and post-colonialism as historical, political or sociological concepts, but rather in postcolonialism as a methodology for analysing certain discursive and ideological patterns which occur in the context of inter- or transcultural encounters and power imbalances [...]. (2011, 14)

Bha Corinne Krause a' tarraing air an aon ràimh is i ag ràdh:

I would therefore argue towards applying postcolonial reading strategies to the Gaelic situation rather than treating Gaelic literature as a post-colonial literature, thus acknowledging that the dynamics of power-relations surrounding Gaelic defining its status as minority language and literature are ongoing. (2005, 7)

Chithear cuideachd gu robh Edward Said (1900 [1988]) fhèin deònach iar-phlanntachas a chleachdadh gus sùil a thoirt air suidheachadh nan Èireannach, an suidheachadh as fhaisge gu cultarail ri suidheachadh nan Gàidheal Albannach. San aiste aige tha Said a' bruidhinn air W. B. Yeats, sgrìobhadair a bha na nàiseantach ach a bhuineadh do na h-uaislean Sasannach-Eireannach a thaobh sinnsreachd agus clais-shòisealta. Tha Said ag ràdh:

Now it is true that the connections are closer between England and Ireland, than between England and India, or France and Senegal. But the imperial relationship is there in all cases. (1990, 81)

'S urrainnear an dearbh fheart fhaicinn san dàimh leis a' Ghàidhealtachd.

A' coimhead air sgrìobhadairean iar-phlanntachail eile, 's e Ngũgĩ Wa Thiong'o aon de na sgrìobhadairean a thog ceist an roghainn cànaire mar chuspair bunaiteach ann an litreachas iar-phlanntachail. Tha an sreath de dh'aisticean aige ann an *Decolonising the Mind: The Politics of Language in African Literature* (1986, 72-73) a' dèanamh argamaid làidir gus cànan iadsan a dh'fhuiling planntachas a chleachdadh, seach cànan nam planntairean. Gu h-inntinneach tha Ngũgĩ (1981, 85) ag ràdh gun tug eisimpleir nam port-iasgach air taobh Siar na Gàidhealtachd am beachd-smaoin dha aon de na nobhailean aige, *Petals of Blood* (1977), a thòiseachadh: eisimpleir eile de neach-teòiric iar-phlanntachail a tha mothachail air co-shìntean eadar suidheachadh a dhaoine-sa agus suidheachadh nan Gàidheal.

'S ann ann an sgrìobhaidhean Deòrsa Mhic Iain Deòrsa a tha suidheachadh toinnte nan Gàidheal ann an co-theacsa impireachdail a' tighinn am follais. Chìthear sealladh air na Gàidheil mar shluagh a bha an dà chuid a' fulang agus a' neartachadh impireachdas, ann an eachdraidh-bheatha agus sgrìobhaidhean Mhic Iain Deòrsa, mar eisimpleir 'Ar Blàr Catha' (Hay, 2003, 199-202). Ma dh'fhaoidte gur ann ann am *MID* a gheibhear an eisimpleir as cudromaiche air seo agus 's ann an sin a nithear sgrùdadh air na dàimhean ioma-fhillte eadar litreachas na Gàidhlig agus iar-phlanntachas. Tha e iongantach mar sin, nach eil Stroh (2011, 315-16) ach a' dèanamh iomradh air *MID* san dol seachad, is nì i an aon rud leis a' *Chuilithionn* (*ibid.*, 305). Ach tha sin a' fàgail *MID* na dheagh àite tòiseachaidh airson sùil ùr air an dàimh eadar na Gàidheil agus planntachas ann an litreachas.

Gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na ceistean seo beachdaichear air *MID* gus faicinn mar a tha e ag obrachadh an aghaidh, a' seachnadh neo a' brosnachadh sheallaidhean planntachail air Afraga a Tuath. Bha suidheachadh Mhic Iain Deòrsa mar ana-impireach ann an arm impireil, is mar dhuine geal ann an dùthchannan far an toireadh sin buannachdan is cumhachd dha, a' fàgail na ceiste fosgailte, aig an ìre



sa, dè cho soirbheachail agus cothromach 's a tha an dealbhachadh aige de chultar nan Arabach. Mar a tha Said (2003, 204) air argamaid, bha fiù 's an t-eòlas as mionaidiche air gnothaichean Arabach san t-Saoghal Shiar, a' cinntinn à dòighean rannsachaidh agus tuigse a bha a' neartachadh claon-bhreithean nan dùthchannan impireil agus an cuid ideòlachdan. Mar sin tha iom-sgaradh eadar an t-eòlas a bha ri fhaotainn ann an dùthchannan siara agus an t-eòlas pearsanta a fhuair Hay air na h-Arabaich. Tha an sgaradh cudromach eadar an dà sheòrsa eòlais seo air nochdadh anns na prìomh chronachaidhean air obair Said, a nochdas gu h-ìosal.

Às dèidh prìomh sgrùdadh air an teacs, gabhar sùil air cuid de na feartan a th' aig Oirthireachas, stèidhichte air leabhar Said (2003) agus John McLeod (2000, 40-46). Am measg nam feartan a thèid ainmeachadh 's e gu bheil Oirthireachas a' cruthachadh iom-sgaraidhean neo-ionnann eadar feartan na h-Eòrpa agus na dùthchannan seara (Said, 2003, 40-44). Mar sin thèid feartan nan dùthchannan impireil a mholadh an coimeas ri laigsean na h-Oirthir. Tha Oirthireachas stèidhichte mar an ceudna air mac-meanma nan dùthchannan siara seach air suidheachadh eachdraidheil nan dùthchannan seara (*ibid.*, 4-5). Mar sin, tha tuairisgeulan den Oirthir barrachd an comain thuairisgeulan impireil eile seach air beatha san Oirthir san da-rìribh. Obraichidh Oirthireachas tro institiudan poblach agus foghlaim (McLeod, 2000, 42) agus tron t-saoghal litreachail (Said, 2003, 15). Aig ìre nas fharsainghe, tha e a' firinneachadh phoileasaidhean impireachdail a tha na cumhachdan siara a' cur an gnìomh anns an Oirthir. Dearbhaidh e gu bheil muinntir na h-Oirthir feumach air riaghladh impireil gus sìobhaltas a thoirt dhaibh. 'S urrainn do dh'Oirthireachas a bhith foillidh [*latent*] neo a' nochdadh san da-rìribh (McLeod, 2000, 40-43).

Bidh e feumail aire a chumail air mar a tha Mac Iain Deòrsa a' làimhseachadh nan claonasan a bha a' nochdadh gu bitheanta taobh a-staigh an siostam Oirthireil. A-rithist a' cleachdadh gearr-chunntas McLeod (2000, 44-46), tha an Oirthir neo-caochlaideach, neònach, boireanta agus eu-mhoralta. Tha e neo-caochlaideach oir tha mac-meanma nan dùthchannan siar, gu h-àraidh ann an litreachas, a' cruthachadh cheanglaichean a tha toirt air luchd-turais smaoinichadh gu bheil feartan daoine sna dùthchannan sin gu h-ìre mhath seasmhach bho linn gu linn. Tha annasan eagsotaig rim faicinn a tha

do-thuigseach don luchd-turais. Tha Oirthreachas fhèin stèidhichte air claon-bheachdan mu chinneachas agus gnè. Thèid an dàimh eadar an Taobh Siar agus an Oirthir fhaicinn a thaobh nan gnèithean fireann is boireann: tha an Oirthir leòmach, sgiùrsail, leisg is fulangach agus an Taobh Siar fearail, gnòmhach, ciallach. A bharrachd air sin tha muinntir na h-Oirthir a' dol an aghaidh na thathas an dùil bho na gnèithean le fireannaich leisg, lag agus boireannaich riatach. Chìthear claon-bhreithean cinneachail a' tighinn gu bith, mar sin, ann an cruthan a dhealbh claon-breithean gnèitheil an Taobh Siar.

### 7.1 Co-Theacsa agus Geàrr-Sgrùdadh

Cha b' e Mac Iain Deòrsa a' chiad Ghàidheal a thug sùil air litreachas nan Dùthchannan Ear-Meadhanach. Rinn Dòmhnall Mac-na-Ceàrdaich 'Seudan Peairseach' (1916b) sreath de mheanbh-dàin stèidhichte air tùsan, air neo co-dhiù ìomhaigheachd, Persianach. Ach ma dh'fhaodte gur e an oidhirp bu shusbaintiche an t-eadar-theangachadh a rinn an t-Urr. Iain MacRuairidh air *Sgeulachdan Arabianach* a nochd anns an *Northern Chronicle* eadar 1897 agus 1903 (Laing, 2013, 16) is a chaidh fhoillseachadh ann am *Mac-Talla* cuideachd. Chleachd esan eadar-theangachadh sa Bheurla de *Arabian Nights Entertainment* (*ibid.*, 16) mar bhun-stèidh airson na h-obrach mòire aige gus na sgeulachdan siud eadar-theangachadh. Chan eil amasan MhicRuairidh rim faicinn gu soilleir, ach b' fheudar dha na sgeulachdan a dhìon bho luchd-cronachaidh ann an Canada a bha ag ràdh nach robh annta ach breugan:

Faodaidh duine sam bith anns am bheil tùr a thuigsinn gu'm bheil dealachadh mòr eadar sgeulachd agus eachdraidh. Ach rachadh agamsa air iomadh dearbhadh a thoirt seachad, gu'm bheil barrachd firinn, agus mòran a bharrachd teagaisg ann an iomadh sgeulachd na tha ann an iomadh eachdraidh. (na iomradh ann an Laing, 2013, 33)

Bha Dòmhnall MacEacharn (1904, 187-203) air aiste a sgrìobhadh air Òmar Khayyàm (Meek, 1984, 243-44) far an do nochd eadar-theangachaidhean dhan Ghàidhlig air chuid de na rannan aige. Chan eil na ceanglaichean seo a' sealltainn dàimh shònraichte sam bith eadar an dà chultar ach tha iad a' riochdachadh na h-ùidhe a bh' aig cultar na h-Eòrpa san fharsaingeachd ann an cultaran nan dùthchannan Arabach agus Ear-Meadhanach. 'S ann fo bhuaidh Oirthreachas a bha an ùidh seo, agus leis gun do thog MacRuairidh an t-eadar-theangachadh aigesan bho eadar-theangachadh Beurla tha e

coltach gum biodh buaidh eadar-theangachadh Oirthireachail nas fhollaisiche san teacsa aigesan. A' leantail beachdan Said, bhiodh cunnart gu robh claon-bhreithean Oirthireachais ri fhaicinn sna eadar-theangachadh bhon Bheurla a rinn Hay air dàn Arabais anns na 1930an, 'Is Diombuan Sinn' (1947, 57) cuideachd.

Tha *MID* mar sin na cheum air adhart airson litreachas na Gàidhlig is e a' feuchainn ri sealladh farsaing a thoirt air cultar neo-Eòrpach thairis air iomadh ginealachd tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an tiotal agus an structar ann an dà leth ga dhèanamh soilleir gu bheil coimeas eadar an dà chultar fa near dha cuideachd. Ni a' cho-ionannachd ann an spèis eadar an dà chultar ceangal daonnachdail eadar gach sluagh a tha a' fulang sa chogadh. Chìthear gu bheil prìomhachas air Mochtàr san tiotal agus thèid seo a dhèanamh san dàn fhèin cuideachd, is an earrann air Dùghall a' tighinn às a dhèidh. Leis nach deach earrann Dùghaill a chrìochnachadh, agus gun do sgrìobh e na h-earrannan Arabach an toiseach, tha e coltach gum b' e na seallaidhean Arabach am prìomh bhrosnachadh dhan bhàrd an dàn a sgrìobhadh.

### **7.1.1 Gearr-Chunntas air an Dàn**

Chuir Mac Iain Deòrsa ro-ràdh agus co-dhùnadh foirmeil air an dàn. Seallaidh e an ceangal a chruthaich am bàs eadar an dithist shaighdear, agus cuideachd an ceangal leis an t-saighdear a mharbh iad. Taisbeanar ceangal bunaitich eadar mac-an-duine, agus iad tòrr nas coltaiche ri chèile na bha na h-èididhean cogaidh aca a leagail orra. Am measg nan cuspairean eile a tha a' nochdadh, tha a' chiad sealladh air coimeas eadar an dà chultar, le prìomhachas air beul-aithris is naidheachdan, le "aoigheachd" agus "taigh chèilidh" a' nochdadh san ìomhaigheachd, gu h-ìoranta. Chìthear cuideachd na ceanglaichean a th' eadar mac-an-duine neo-ar-thaing nàiseantachd agus cultairean eadar-dhealaichte, a tha ri fhaotainn fiù sa chogadh agus sa bhàs (*MID*, ll. 51-52). Tha an fharsaingeachd beachdachaidh feallsanachdail seo a' tilleadh tron dàn, gu h-àraidh san earrainn 'Obàid' (*MID*, 135-147), anns an earrainn 'Folachd is Àrachd' (*MID*, 152-55), agus san 'Dùnadh' (*MID*, 159-161).

San ath earrainn, 'Bean Mhochtàir is Mnathan an Dùair' (*MID*, 108-110), nì am bàrd iomradh air deas-ghnàth agus gnè-litreachais air am biodh luchd-leughaidh Gàidhealach eòlach: cumha nam ban airson na mairbh. 'S e na h-earrannan air 'Bean Mhochtàir' agus 'Ahmad', an dà earrann a tha ceangailte gu

soilleir le saoghal a' chogaidh, agus tha seo a' fàgail 'Òmar' (*MID*, 115-134) agus 'Obàid' (*MID*, 135-149) mar thaisbeanaidhean nas fharsainghe air an t-saoghal Arabach a tha Mac Iain Deòrsa a' cruthachadh.

Bha Ahmad na shaighdear an aghaidh nam feachdan Frangach sna 1840an (Hourani, 2013, 270). Nì an earrann aige teisteanas soilleir air buaidh a' chogaidh orrasan a tha a' dol an sàs ann. Tha dà phrìomh ìomhaigh leasaichte ann: Ahmad a' falbh dhan chogadh (*MID*, ll. 125-41), agus e air ais aig an taigh is a' fulang thinneasan-inntinn a dh'fhàg an cogadh air (*MID*, ll. 155-95). Crìochnachaidh an earrann le sealladh air mar chaidh a thìodhlaigeadh is am bàs a' toirt fois dha (*MID*, ll. 207-25).

Tha an earrann as fhaide san dàn, 'Òmar' (*MID*, 115-134) a' taisbeanadh cudrom sgeulachdan agus beul-aithris don chultar Arabach dhualchasach. Innsidh Òmar mar a chaidh e air turas malairt mu dheas tron an Sahara. Às dèidh dha fhèin is an luchd-malairt Arabach eile fhortain a dhèanamh leis a' bhàthar aca san Sùdan, thèid an carabhan aca a spùilleadh le spùinneadaran Tuargach. Leis cho modhail is sodalach 's a tha Òmar agus le cuideachadh fear-comhairle ceannard nan Tuargach, a tha na Arabach, thèid am fàgail le trian den stòras a bh' aca, is cead aca a' tilleadh dhachaigh slàn.

Cumaidh Mac Iain Deòrsa a' dol a' gluasad sìos na ginealachdan le earrann air mac Òmair, Obàid, a nì iom-sgaradh eadar annasan beatha Òmair agus a' bheatha nas spioradaile aig Obàid (*MID*, 135-47). Mar sin, san aon dòigh sa bheil 'Òmar' a' tòiseachadh le bàrdachd bhriathrach a rèir caractar na h-earrainn sin, tòisichidh 'Obàid' le earrainn lioracaich a mheòraicheas air mar a tha clann gu tric eadar-dhealaichte bhom pàrantan, is leanaidh an sgaradh eadar athair agus seanair Mhochtàir tron earrainn air fad. Thig seo gu ceann san deasbad aca air luach an t-saoghail aimsireil (*MID*, ll. 863-960). Bàsaichidh Obàid òg agus e air dèanamh follaiseach nach robh suim ro mhòr aige air a' bheatha shaoghalta an coimeas ri beatha spioradail. Ach nì e fàistneachd (*MID*, ll. 950-58) air na droch ghnìomhan a chìtheas san dùthaich ri linn an Dàrna Cogaidh is a bha gus a mhac a mharbhadh.

Airson na h-ath earrainn nì am bàrd iomradh air ùirsgeul Arabach. Tha taistalach a' coinneachadh ri Iblis, co-dhàimheil ris an t-Sàtain, ann an uaimh san fhàsach is e a' sìor rànaile leis nach fhaic e aghaidh

Dhè tuilleadh. Tha an sgeulachd a' leantail air bho mheòrachadh ana-shaoghalta Obàid agus an taistealach a' beachdachadh air “Cuin a dh'èighte sìth is caidreabh | eadar na rinneadh is Na thùr e” (*MID*, ll. 1022-23).

Tillidh am bàrd do sgeulachd Mhochtàir mu dheireadh. Tha dà rann ga cheangal ri sgeulachdan Òmair agus Obàid. 'S e a prìomh bhuaidh an coimeas a sheallas cho goirid 's a bha làithean Mhochtàir. Tha a' chiad rann a' daingneachadh a' bhlaiss àicheil seo le anafòra: “Cha do ghin do fhreumhach blàithean; | cha do bhàrc meas do shnodhaich air bàrrgheug” (*MID*, ll. 1028-29). Nì an dàrna rann teisteanas air giorrad a laithichean le ath-aithris air “treiseag” a' crìochnachadh gu h-obann aig *caesura*:

Treiseag dhuit ri uilinn Òmair,  
treiseag sna raointean 's mu na cròithean,  
treiseag an caidreabh do mhnà pòsta,  
is dh'fhalbh thu, [...] (*MID*, ll. 1032-34)

Crìochnaichidh earrann Mhochtàir le lioraic fa leth eile, air suidheachadh na h-ionnsaigh-mhòrtair san fhàsach faisg air Saghuan [Zaghuan, Tiùnisia], gar toirt air ais gu toiseachd an dàin, leis a' bhàs air a phearsonachadh is e a' dèanamh mactalla air ionnsaigh nan Tuargach san fhàsach.

Tha na h-earrannan neo-crìochnaichte air Dùghall luachmhor mar bhàrdachd agus a' toirt tuigse nas fheàrr dhuinn air pròiseact Hay. An coimeas ris na h-earrannan air Mochtàr chan eil sinn a' faighinn eòlas ro mhath air Dùghall neo a theaghlach. Na àite, tha Mac Iain Deòrsa a' dèanamh iomradh air a' choimhearsnachd agus an àrainneachd is iad seo nam buaidhean de ghnè eadar-dhealaichte air an duine, seach sinnsreachd. Tòisichidh e le lioraic (*MID*, ll. 1049-80) ann am meataireachd ciùil mòir air àrainneachd Earra-Ghàidheal is e a' tighinn am follais aig a crìoch gur e brudar a th' ann, agus Dùghall na chadal san fhàsach.

'S e an earrann as motha air Dùghall a th' ann am 'Folach is Àrach' (*MID*, 152-55). An coimeas ris an taisbeanadh cho-fhaireachdail a rinn am bàrd air sgeulachd teaghlach Mhochtàir, tha guth Mhic Iain Deòrsa fhèin tòrr nas fhollaisiche san aithrisear is cor na h-Alba a' nochdadh san dân. Ach nì an

earrann mac-talla le cuid de na ceistean feallsanachail a bh' aig Obàid cuideachd air suidheachadh mic-an-duine san t-saoghal (*MID*, ll. 1081-89).

Tha 'Bean an Iasgair' (*MID*, 156) na dhàn goirid de trì rannan, ceithir sreathach. Ged a tha buinteanas aig a' chuspair ri sgeulachd Dhùghaill, is tha eisimpleir de Bhean Mhochtàir sa chiad earrainn cuideachd, chan eil Mac Iain Deòrsa a' daingneachadh ceangal eadar a' bhean agus Dùghall. Tha 'A' Mhuir' (*MID*, 156-57), a' leantail air droch thuairisgeul na mnatha air a' mhuir gu barrachd doimhneachd. Taisbeanaidh an earrann seo ealain a' bhàird gu h-iomlan a thaobh meataireachd agus atharrais:

Mòrshluagh bras fo chathadh sìobain,  
ròshluagh, marcshluagh, cathshluagh sìne,  
eachraidh ghrad 'na sreathaibh fìochmhor,  
muing-gheal, ceanngheal, steud-eich strìthe. (*MID*, ll. 1190-93)

Chithear aig crìoch na h-earrainne ceangal eadar miann an iasgair airson na mara agus a' mhiann a bh' aig Òmair dol gu deas, neo a bh' aig Obàid a spiorad a sgrùdadh:

's chan eil, a' ghràidh, air thalamh uile  
làn shàsachadh no fìor cheann uidhe  
do mhiann an fhalbhain anns an duine. (*MID*, ll. 1204-6)

Tha 'A' Bhean a' Bruidhinn' (*MID*, 158) na ghuidhe bhon bhean gun a bhith gèilleadh don mhiann dol a sheòladh, a tha a-rithist a' glèidheadh na h-iom-sgaraidhean eadar guth nam ban agus gnìomhan nam fear a tha air leantail tron dàn. Nì an earrann seo mac-talla ri brúadar Dhùghaill aig toiseach an leth seo den dàn, is a' bhean a' bruidhinn air àrainneachd fhionnar nan cladaichean Gàidhealach seach "teas gun fhios nan caladh coimheach" (*MID*, ll. 1215).

Ged nach do chuir Mac Iain Deòrsa crìoch air an dàn, dh'fhàg e co-dhùnadh a tha na cochur ealanta de na beachdan aige air luach mic-an-duine agus olc a' chogaidh. Tòisichidh e le freagairt a' bhàird do cheist Phiondar air nàdar an duine ann an 'Òbaid' agus 'Folach is Àrach': 's e sin "Saoghal fa leth mac-an-duine" (*MID*, l. 1221). Taisbeanar mar a dhubhadh às don dualchas bheartach aig Mochtàir agus dàimh Dhùghaill ri bhean (*MID*, ll. 1255-60). Tha e soilleir leis a' chrìoch seo gu bheil an dàn a'

cleachdadh ìorantas 'na structar gus na puingeann aige a dhèanamh. San t-seagh theicneagach aig Frye, tha an dithist ghaisgeach gun chomasan an sgeulachd atharrachadh idir a-nis, is iad marbh san fhàsach. San t-seagh nas coitchinne tha sgeulachdan annasach teaghlach Mhochtàir, maille ris na seallaidhean nas giorra air òige Dhùghaill, a' sealltainn blòighean de na chaill an saoghal leis a' bhàs aca. Tha a' cheist a dh'fhaighnich Piondar is a tha Mac Iain Deòrsa a' faighneachd agus ag atharrachadh gu suidheachadh nan Gàidheal air cudromas ùr fhaighinn bho àr agus bàs a' chogaidh: gu dè a' phrìs a th' air na tha na dùthchannan cogaidh a' dèanamh air a chèile. Tha freagairt Mhic Iain Deòrsa stèidhichte ann an eadar-nàiseantachd Dhaonnachdail, gur "saoghal fa leth mac-an-duine" (ll. 1221), agus e na theisteanas an aghaidh a' chogaidh.

## 7.2 Oirthireachas ann an Arm na h-Impireachd

Tha suidheachadh Mhic Iain Deòrsa ioma-fhillte a thaobh Oirthireachais. Tha e a' togail aon de na laigsean a chaidh fhaicinn ann an teòiric Said le Porter (1993): dè mu dheidhinn iadsan a tha a' dol an aghaidh Oirthireachais anns na sgrìobhaidhean aca agus dè na taghaidhean seach Oirthireachas a th' aig sgrìobhadairean Eòrpach. Bha Hay na eisimpleir de neach a dh'fhàs gu math eòlach air tuath Oirthireil agus a tha co-fhaireachdainneil dhaibh mar aithrisear. Cleachdaidh e teacsaichean Arabais mar bhùn-stèidh airson gu leòr de na dàin Arabach aige cuideachd. Leis gu robh deagh eòlas air cultar agus co-theacsa làitheil nan Arabach aig Mac Iain Deòrsa, co-dhiù ann an suidheachadh àraid a' chogaidh, bha faileas romansach nan sgeulachdan Oirthireil air a lagachadh. Tha e soilleir gu bheil am bàrd a' cruthachadh dàimh eadar na Gàidheil is na h-Arabaich. Ach feumar an dàimh seo a sgrùdadh gu faicinn a bheil e stèidhichte air an aon choimeas neo-ionnann a bha a' neartachadh Oirthireachas sa chiad dol a-mach. Mu dheireadh tha fèin-eòlas a' bhàird fhèin air an t-suidheachadh aige airidh air sgrùdadh, gu h-airidh mar a bha e a' cuir sìos air a' Chamhanaich Cheilteach (Hay, 2003, 462), gluasad a bha co-shìnteach ri Oirthireachas.

Togaidh suidheachadh Mhic Iain Deòrsa mar Ghàidheal ann an arm impireil ceistean mu iomchaidheachd sealladh iar-phlanntachail aig ìre fharsaing. Ach tha an suidheachadh aige mar Ghàidheal na eisimpleir feumail air dè mar a tha cultar a chaidh a dhèanamh na "Eile" a' faicinn cultar

eile ris an do dhèanadh an aon rud. San fharsaingeachd tha dàimh cho-fhaireachdail air a chruthachadh le bhith sealltainn co-ionannas eadar eachdraidh an dà chultar: thèid seo a dhèanamh le eachdraidh sinnsrean Mhochtàir agus leis na ceanglaichean eadar an dà chultar a nochdas san ìomhaigheachd. Tha an oidhirp gus an co-ionannas a thaisbeanadh ag ìsleachadh cuid de na draghan mu dheidhinn cultar nan Gàidheal a' cleachdadh cultar nan Arabach gus iad fhèin a shònrachadh, leis nach eil aon chultar air àrdachadh os cionn an fhir eile. Anns an dàn 'Meftah Bâbkum es-Sabar?' (Hay, 2003, 193-95), tha barrachd feartan eagsotaig a' nochdadh agus foighidinn seach strì air a moladh le caractar Arabach. Ged a nì Hay seo gus na Gàidheil a chronachadh, is a bhrosnachadh gu gnìomhan poiliteagach, tha e nas fhaisge air seallaidhean Oirthireachail, de dh'Arabaich neo-ghnìomhach, na tha *MID*.

Leis gu bheil Oirthireachas stèidhichte gu ìre mhòr air coimeas neo-ionnan eadar cultar Eòrpach agus cultar Oirthireil (Said, 2003, 40-44), tha na ceanglaichean ann an ìomhaigheachd a nì Hay ann an *MID* gu math cudromach. Ann an cumha Bean Mhochtàir, tha na coimeasan le cumhachan nan Gàidheal follaiseach aig diofar ìrean. Aig ìre fharsaing tha Bean Mhochtàir a' caoidh an duine aice le guth simplidh a tha ag aithneachadh na thachair, "Mharbhadh Mochtàr. Cha tig e dhachaigh." (*MID*, ll. 54) Tha seo a' leantail an fhìorachais a bha Somhairle MacGill-Eain (1946) gus aithneachadh sna seann òrain ann an 'Realism in Gaelic Poetry'. Bha an dà chuid MacGill-Eain agus Mac Iain Deòrsa den bheachd gu robh na seann òrain chaoinidh le boireannaich, is gu tric gun urra, am measg cuid den litreachas as fheàrr a rinn na Gàidheil (Hay, 2003, 507). Coltach ri Mòr Chaimbeul, san dàn a tha air ainmeachadh aicese bhon 16mh linn, tha bean Mhochtàir a' bruidhinn air na dhèanadh na mnathan-caoinidh leis na làimhean aca, "Èighibh is buailibh bhur basan!" (*MID*, ll. 116). Tha Mòr nas cumhachdaiche is i ag ràdh:

Cha d' fhàg mi ròin de m'fhalt gun tarraing  
No craiceann air mo làimh. (Kerrigan, 1991, 56)

Ann an òran leis an aon mheataireachd ri cumha Bean Mhochtàir, 's e sin 'Cumha a rinneadh do Alasdair is Ragnall na Ceapaich lem piùthar', chìthear miann coltach airson dioghaltas:

Tha m' erbsa an Rìgh na gloire,



Gun len sibh gu dian an torachd,  
 'S cairden dhuibh-fhein, 's braithren dhomhs' iat,  
 Diol na muice duibhe doite,  
 'S na circe fo laimh a chocair',  
 Air gach aon a dh' iath mu'n fheolach, (Gun sèistean, Maclean Sinclair, 1890, 64-65)

Mo bhràithreachan is bràithreachan m'athar,  
 leughaibh an lorg is siribh adhar  
 an fhir nach fhac' e is a spad e! (*MID*, ll. 67-70)

Tha ceanglaichean eile eadar na h-òrain tràtha seo agus an earrann ann am *MID* a leithid buaidh fhiosaigeach a' bhròin air a' bhean-caoinidh; caoidh caochlaideachd an t-saoghail mar a nì Màiri Nighean Alasdair Ruaidh (MacLeod, 1934, 44) is iomradh air buidheann bhoireannta a' caoineadh mar a bh' aig Mairearad Nighean Lachlainn (Black, 2001, 60). Bhiodh an fhaireachdainn gu bheil an saoghal ro chaochlaideach air a neartachadh leis an dìth chumhachd a bh' aig na boireannaich sna coimhearsnachdan aca cuideachd. Chìthear seo gu soilleir shuas is Bean Mochtàir, mas fhìor, ag iarraidh air fireannaich a teaghlaich Mochtàr a dhìoladh. Mar sin tha sealladh, a b' urrainn a bhith gu math eagsotaig, air a chur ann an co-theagsa Gàidhealach a thuigeadh Gàidheal a bha eòlach air na seann òrain.

Tha an tuairisgeul air Ahmad a' leantail nòs Gàidhealach eile air am biodh an luchd-leughaidh gu math eòlach. 'S e cleachdadh sa chòd-mholaidh a th' anns an taisbeanadh de bhuill-airm an t-saighdeir (MacInnes, 2006, 282), is bha tuairisgeulan nas mionaidiche na nòs cudromach san eipig chlaisigich, stèidhichte air moladh sgiath Aichill anns an *Iliad* (Gregory, 2012, 441). Bha na tuairisgeulan air uidheamachd churaidh a nochdadh am beul-aithris na Gàidhealtachd cuideachd (Black, 2007, 120):

[...] A ghunna fada  
 tarsainn air diallaid a chapaill;  
 crios leathann sìod' air lùth na fala  
 mu 'bhurnus geal ga chumail teannaicht';  
 dag air an robh an t-òr 'na bhannaibh  
 a' nochdadh fodha, deas gu tarraing;  
 a lann Innseanach, 's ainm Allah  
 gràbhailt' air an sgrìobhadh casdhlùth,  
 an truaill mhìn den leathar mhaiseach,  
 is càrnaid Thafilet mar dhath oirr'. (*MID*, 111)

Bha Hay air mothachadh gur e *motif* Arabach a bh' anns an 'lann Innseanach' (Hay, 2003, 582) co-shìnteach ris na lannan Spàinteach ann am bàrdachd mholaidh Ghàidhealaich. Tha an ath earrann a' cleachdadh geasag naomh, rud eile nach biodh cèin do leughadair Gàidhealach bho ùrnaighean *Charmina Gadelica* (MacGillemhicheil, 1900). Tha sgeulachd Ahmad mar sin a' dèanamh ceangal neo-labhraichte eadar mar a bhriseadh cumhachd feachdan nan Gàidheal às dèidh Chùil Lodair agus eachdraidh planntachadh Afraga fo na Frangaich ceud bliadhna às a dhèidh. Thèid an ceangal a neartachadh leis mar a thèid buill-airm Ahmad a chur am falach às dèidh a' chogaidh (*MID*, ll. 150-152) coltach ri na thachair air a' Ghàidhealtachd (F. McDonald ann an Thomson, 1983, 140).

Nì Hay iom-sgaradh sgileil eadar Ahmad a' falbh dhan chogadh agus mar a bha e às dèidh làimh:

Mharcaich an aois e, shrian i 'thuigse,  
rinn i 'mhac-meanmna a chuipeadh  
ga chur air bhall-chrith, is e a' cluinntinn,  
ar leis, na mairbh a b'èòl da 'bruidhinn. (*MID*, ll. 174-77)

Cleachdaidh e ìomhaigheachd den chnuimh na cheann airson an trom-inntinn (*MID*, l. 178) a tha e a' fulang. Bha ìomhaigheachd coltach ri siud aig Uilleam Ros san 'Òran Eile' aige (Black, 2001, 316). Ach 's e buaidh an iom-sgaraidh ann an ìomhaigheachd Hay, fo-leagail ìomhaigheachd na gaisge. Ged a thill Ahmad slàn na bhodhaig bhon chogadh, fo dhìon "seun nan cailleach" (*MID*, l. 135), rinn na dh'fhulaing e droch mhilleadh air inntinn. Leis gun do rugadh e ri linn a' Chiad Chogaidh tha deagh choltas gum biodh Mac Iain Deòrsa eòlach na òige air cuid de pheinnsearan bhon arm a bha a' giùlan trioblaidean-inntinn agus leòintean a fhuair iad sa chogadh. Ach a-rithist chan eil an ìomhaigheachd aige do-thuigseach do Ghàidheal, fiù 's ged a tha briathrachas Arabach a' nochdadh an-dràsta 's rithist.

Tha diadhachd nam muslaimeach air a thaisbeanadh le Mac Iain Deòrsa ann an dòigh air am biodh na Gàidheil eòlach cuideachd. Mar sin, cleachdaidh e tiotalan Arabach airson Allah mar "an Tròcaireach" (*MID*, l. 195) agus an "Lèigh" (l. 225) is an t-aithrisear co-fhaireachdail dhan chreideamh. Cluinnear cuid de na h-abairtean a thèid a chleachdadh gus bruidhinn air na mairbh, "maitheanas Dhè air!" (*MID*, ll. 125) agus an dà chuid "Dia" agus "Allah" air a chleachdadh san aithris. Sna rannan air tìodhlaigeadh Ahmad chìthear deagh eisimpleir air mar a tha na h-abairtean Gàidhealach agus Arabach a' tighinn

còmhla. Mar sin thèid a ghiùlan gu “rèilig” (*MID*, l. 213) far am bidh “luchd-caoinidh” (l. 215) ag èigheach ann am farsaingeachd na “machrach” (l. 216). Tha cumhachd cultarail aig faclan a leithid seo, an àite “cladh” is “achadh”, a tha a’ dèanamh iomradh air cleachdaidhean agus àrainneachd Gàidhealach. Cleachdaidh e faclan Arabais leithid “burnus”, “smala” is “siomùm” (ll. 128; 147; 285) agus tha am measgachadh seo a’ neartachadh na dàimh a tha e a’ cruthachadh eadar na cultaran.

’S e aon de na ceanglaichean bunaiteach eile a chruthaicheadh eadar an dà chultar, cultar beul-aithriseach, eadar na gnàthsan cainnt, seanfhaclan agus às-earrannan bho thoimhseachain a tha a’ nochdadh na dhàin. Tha ùidh Hay san t-seòrsa litreachas seo ri fhaicinn anns an uidhir de rannan is seanfhaclan Arabais a nochd ann an *O na Ceithir Àirdean* (1952, 65-67). Nì Hay stoidhle labhraichte *MID* gu math follaiseach, gu h-àraidh ann an sgeulachd Òmair. Tha bòidean na firinne aige a’ toirt an t-suidheachaidh aige, mar aithrisear beòthail is ma dh’fhaoidte claointe, gu aire an leughadair:

Gum mallaich Dia an fhiasag bhàn seo,  
mur b’ann mar sin ’s gach car a thàrla.  
[...]  
Gun spìon Dia an teanga asam  
ma tha mi breugach. (*MID*, ll. 400-01; 417-8)

Cleachdaidh naidheachd Òmair ceistean air an luchd-èisteachd (ll. 418-420; 593) is gnàthsan-cainnt, ach tha an t-aithrisear fhèin a’ cleachdadh sreath buadhaireachd dà thuras aig toiseachd na h-earrainne cuideachd. Bho na litrichean aige a sheall gu robh e air Arabais (Hay, 2003, 474-75) a thogail, tha e coltach gum biodh eòlas aig Hay san da-rìribh air dòighean aithris sa chànan sin. Tha an dòigh aithris aige a’ riochdachadh Òmar fhèin agus leis gu bheil buadhaireachd na feart cumanta ann am bàrdachd Ghàidhealaich dhualchasaich, neartachaidh seo a-rithist an dàimh eadar an dà chultar:

Sin na chuala thu aig Òmar  
Am bithbhriathrach, deasbhriathrach eòlach  
[...]  
B’e fhèin an luinneagach, gòrach,  
sgeulachdach, gàireachdach, pògach  
air bhoile le fion na h-òige. (*MID*, ll. 226-7; 266-269)

Tha na seallaidhean aige air na caractairean Arabach a' toirt tuigse nas fheàrr dhuinn air a' cho-fhaireachdainn agus an ceangal a bha Mac Iain Deòrsa a' dèanamh eadar an dà chultar. Ma nithear coimeas leis na buaidhean a bha Eòrpaich a' faicinn ann an Oirthirich gu h-eachdraidheil, a dh'ainmich McLeod (2000, 40-46), chìthear gu bheil Mac Iain Deòrsa a' seachnadh dealbhachadh claointe, mar as trice. Ma dh'fhaoidte gur e an aon chlaon-bhreith a tha ri fhaotainn, sealladh air an Oirthir mar àite far an tèid dòigh beatha arsaidh a ghlèidheadh: tha an ceangal ann an cuspaireachd agus stoidhle eadar Bean Mhochtàir agus na mnathan-tuiridh Gàidhealach air a' Ghàidhealtachd na cheangal thairis air iomadach linn— bhon Dàrna Chogaidh air ais gu Linn nan Creach. Neartachaidh seo am beachd gu bheil an Oirthir neo-chaochlaideach gu h-eachdraidheil, is e na chultar nach atharraich. Ach o chionn 's gu bheil na caractairean Arabach fhèin mothachail air na h-atharrachaidhean a th' air tighinn oirre (m.e. *MID*, l. 73), fo bhuaidh impireachdan na h-Eòrpa, agus gu bheil Mac Iain Deòrsa a' cleachdadh nan cleachdaidhean traidiseanta a chunnaic e san dà-rìribh gus ceangal a thogail leis a' Ghàidhealtachd, tha fiù 's na dealbhaidhean eagsotaig, àrsaidh seo ag obrachadh taobh a-staigh beart ana-impireachdail.

Aig ìre an structair, tha e soilleir bhon tìotal agus òrdugh an dàin gu bheil prìomhachas aig Mochtàr. Ach chìthear sna sinnsrean aige gu bheil co-shìneadh air a chruthachadh le Hay eadar eachdraidh an dà shluaigh (Black, 1999, xxxviii). Le sin tha cogadh ana-impireil; eilthreachd agus spùilleadh coimearsalta, agus spioradaileas neo-shaoghalta a cheart cho furasta fhaicinn ann an eachdraidh nan Gàidheal bho bhliadhna Theàrlaich gu ruige an naoidheamh linn deug. Ged a tha seo ga chur ginealach neo dhà nas tràithe na na thachair ann an Afraga a Tuath, tha coimeas bunaiteach ann a bhiodh, ar leam, soilleir don leughadair Ghàidhealach.

Sna bliadhnaichean ron Darna Chogadh bha atharraichean mòra a' bualadh air beatha nan Arabach ann an Afraga a Tuath. Bha iadsan a bha cleachdte ri bhith siubhal leis na beathaichean aca a' faighinn taighean sna bailtean (Hourani, 2013, 334) is bha na tuathanaich beaga a' tric a' gluasad gu na bailtean cuideachd (*ibid.*, 335 ). Bha ceàrdan dualchasach a' crìonadh beagan, fo bhuaidh luchd-turais agus iarrtasan ùra. Bha ceòl is bàrdachd san t-seann nòs ri chluinntinn fhathast, ged a bha seinn le orcastra cuideachd air thòiseachadh (*ibid.*, 339-40). Chìthear mar sin gum biodh Hay mothachail air cultar a bha

ag atharrachadh gu luath, agus ag atharrachadh sna h-aon dòighean ris an dùthaich aige fhèin, ginealach neo dhà nas tràithe.

Tha an coimeas eachdraidheil torrach le puingean inntinneach. Chìthear ann an dìblidheachd Ahmaid an droch bhuaidh a th' aig a' chogadh orrasan a bha an sàs ann, agus seo na dhìteadh air cultar Gàidhealach Hay fhèin (Hay, 2003, 532-4). Faisg air deireadh a' Chiad Chogaidh bha Dòmhnall Mac-na-Ceàrdaich air sgrìobhadh gu cumhachdach air mar a bha na Gàidheil a' moladh gaisge agus euchdan cogaidh ann an 'Innis-na-Brèige':

Gu dé is ciall do'n fhacal "gaisgeach"? Neach a rinn "éuchd" le armachd; neach a bha maith air marbhadh dhaoine, is dòcha. [...] 'Nuair a bha mi 'san sgoil, chaidh a chur annam gu'n robh mo dhaoine féin, na Gàidheil, ainmeil agus cliùiteach an eachdraidh an t-saoghail do thaobh an "gaisge." [...] Chaidh iarraidh orm an àithne is motha a th' anns an Lagh a dhearmad, agus géill creideas a thoirt do'n aidmheil dheòmhnaidh sin a their, fo h-anail rium, gur ann le neart, buirbe, agus truillidheachd a mhàin is urrainn neach Ceartas a choilionadh. (1918, 246-7)

Tha staid thruagh Ahmaid na theisteannas an aghaidh a' Chogaidh, agus nì an t-iom-sgaradh eadar an curaidh a dh'fhalbh agus an truaghan a thill, dìteadh air mar a mholar na gaisgich sna cultaran Gàidhealach agus Arabach. Ann am 'Meftah Bâbkum es-Sabar' (Hay, 2003, 193-195) chìthear eisimpleir eile de Hay a' cleachdadh cultar nan Arabach gus cronachadh a dhèanamh air na Gàidheil.

Tha am miann a bh' aig Òmar airson siubhal, agus airson beartas, ga dhèanamh co-shìnteach gu dìreach le cuid de dh'eilthirich Ghàidhealach, a bha coltach ri Domhnallan, a' dèanamh an cuid fortain a-mach à fulangas dhaoine eile. Tha Mac Iain Deòrsa a' tarraing air an aon ràimh ri Mac Chalum agus Mac Dhonnachaidh leis an t-sealladh acasan air sannt is soirbheas saoghalta. Ceannachaidh Òmar agus an luchd-malairt eile tràillean air an turas aca agus tha Mac Iain Deòrsa, ann an dòigh ealanta, a' coimhead air buaidh sannt air inntinn nam marsantan:

Theich an t-ìochd roimh shannt na toice,  
is fhreagair iad le cruas is corrach  
atach an co-dhaoine bochda;  
oir bha an cridhe claon air fhosgladh  
do stuigeadh anspiorad na toile,  
is chrann iad air daonnachd an doras. (ll. 358-63)

Tha co-fhaireachdainn a' bhàird airson sealladh Obàid a' sealltainn tuigse gu ìre mhath fialaidh air a eòlas spioradail ana-ealanta.<sup>19</sup> Tha creideamh neo-shaoghalta Obàid, mas e is gu bheil sinn a' leantail cho-shìntean leis a' Ghàidhealtachd, a' cur nan Clèireach Soisgeulach is an dìmeas acasan air an t-saoghal chorporra am follais. Ma dh'aontaichear leis a' cho-shìnteach seo chan eil Mac Iain Deòrsa gan dìteadh mar a rinn gu leòr de cho-aoisean ri linn an Ath-Bheothachaidh Albannaich (MacGill-Eain, 1985, 10):

A' chuid nach robh ach feòil is fuil annt',  
thuir iad ris "a' choinneamh spultach",  
ach bha leus ann air nach ruigeadh  
sùil air a dorchnachadh le duslach. (*MID*, ll. 992-5)

Ach a bharrachd air na co-shìntean eachdraidheil aig ìre na h-ìomhaigheachd, agus ìre an structair, tha an dàn fhèin air a chuartachadh le sealladh Daonnachdail air mac-an-duine, a tha diùltadh sgaraidhean bunaiteach eatorra. Mar sin tòisichidh an dàn le gairm dhan dìthist òigear, a thaisbeanas an ceangal a rinn am bàs eatorra:

Mhochtàir is Dhùghaill, choinnich sibh  
an comann buan gun chòmhradh. (*MID*, 105)

Thèid an dàimh seo a neartachadh le measgachadh de dh'ìomhaigheachd fearas-chuideachd an taigh-chèilidh agus àrainneachd an fhàsaich. Chìthear nach eil dàn cus nas fheàrr aig a' Ghearmailteach a mharbh iad a thèid a lorg às a rian nas fhaide air adhart sa chogadh. Tha Mac Iain Deòrsa a' faighneachd gu dè am Freastal a thug an triùir còmhla. 'S e am freagairt a th' aige ge-tà gur e an cogadh a thug còmhla iad, is a stiùir iad dhan bàs. Bha lèir-sgrìos a' chogaidh a' truailleadh gach duine a bha na chois, agus an cogadh a bha a' dèanamh sgaradh eadar na dùthchannan a' cruthachadh ceangal brùideil eadar na daoine, nam fulangas. Nochdaidh an dearbh chuspair aig ìre Eòrpaich ann an 'Esta Selva Selvaggia':

At last we found a civilisation  
common to Europe and our nation,  
sirens, blasts, disintegration. (Hay, 2003, 211-14, 211)

<sup>19</sup> Tha Obàid mar fhear spioradail a dh'fhàgas mac òg air a chùlaibh às dèidh a bhàis co-shìnteach ri athair Hay.

Ach mar a sheall beachdan nan Arabach air na Tuargaich, cha robh Mac Iain Deòrsa fo mhealladh sam bith a thaobh cho neo-dàimheil 's a b' urrainn do dhà chultar a bhith, fo smachdachadh impireil: cha robh co-fhaireachdainn ag èirigh às an staid phlanntachail aca neo leis gu robh iad air an ceannsachadh le dùthchannan cèine.'S ann san earrainn seo a tha an dàn cho eagsotaig 's a tha e ann an àite sam bith eile, gu h-àraidh leis an dòigh san tèid na Tuargaich a thaisbeanadh. Tha e a' sealltainn an dìmeas a bh' aig na h-Arabaich orra:

Shìn e an-sin ri cainnt is glugail  
nach dèanadh Creidmheach beò a tuigsinn;  
's bu rogha dibhearsain e ri 'chluinntinn,  
mur b'e am Bàs a bhith rir n-uilinn [...] (*MID*, ll. 512-15)

Tha seo a' piobrachadh an tuairisgeul aig Òmar mu dheidhinn nan Tuargach, is an ceannard aca gu h-àraidh. Tha Òmar a' dèanamh iomradh air na bhiodh daoine ag ràdh mun dèidhinn sna bailtean mu Thuath, "Anns gach còmhraidh mun ghealbhan," (*MID*, ll. 639) is ma dh'fhaoidte gu bheil seo na iomradh air na bha Mac Iain Deòrsa fhèin air cluinntinn mun deidhinn am measg nan Arabach. Nuair a nì Òmar aithris air mar a fhuair iad air falbh mu dheireadh, 's ann le bhith toirt tì dhan cheannard nach robh eòlach air an deoch is e den bheachd gur ann bho ghobhair a thàinig am "bainne" sin (*MID*, ll. 652-54). San fharsaingeachd, do dh'Òmar, tha an cultar cèin seo na chulaidh-mhagaidh.

Leis gu robh Said a' stèidhicheadh Oirthireachas air iom-sgaraidhean neo-ionnann eadar dùthchannan na h-Eòrpa agus an Oirthir, tha an dàimh cho-ionnann a tha Hay a' cruthachadh gu cunbhalach eadar cultar nan Gàidheal agus nan Arabach, aig na diofar ìrean a chaidh a thaisbeanadh, ag obair an aghaidh agus a' fo-leagail beachdan Oirthireachail. Tha seo gu h-àraidh fìor leis gu bheil Hay a' sealltainn air na ceanglaichean uile-choitcheann eadar mac-an-duine gu cunbhalach tro a dhàn. Chan eil seallaidhean co-ionnan bho chultar Eòrpach air cultar Oirthireil mar seo rim faicinn ro thrì ann an Said (2003, 40-44) rud a tha Porter (1993, 152-53) a' dìteadh. Ach tha co-ionnannachd Hay a' sealltainn dòigh chudromach anns an urrainn dhan dà chultar tighinn ri chèile gun fheuchainn ri càch a chèile a cheannsachadh.

Tha suidheachadh agus beachdan an ùghdair feumail a chuimhneachadh. Anns an dòigh seòrsachaidh aig Eagleton, a chunnacas ann an Caibideil 6, tha e gu math soilleir gu bheil Ideòlachd Ùghdarail Hay ag obair an aghaidh Ideòlachd Choitcheann a latha, a thaobh am beachdan air Afraga a Tuath gu h-àraidh. Sa bhreithneachadh aige air Said tha Porter (1993, 158) ag ràdh gu bheil beachdan Marcsach air ideolachd agus an teacs, air an do stèidhich Eagleton am beachdachadh aigesan, a' mìneachadh obair mar *The Seven Pillars of Wisdom* le T. E. Lawrence nas fheàrr na tha teòiric Said. Bhon dàimh iom-fhillte a chruthaicheas Mac Iain Deòrsa eadar an dà chultar, chìthear gu bheil co-fhaireachdainn a' cinntinn bho shuidheachadh eaconomaigeach agus ideolach nan Gàidheal is nan Arabach, agus mar a bha an Ideolachd Choitcheann a' cur sìos orra. Tha an dàimh sin aig cridhe an dàin, seach sgaradh Eòrpach | Oirthireil.

Chan eil seo a' dol às àicheadh gu bheil dìth mothachaidh a' nochdadh an siud 's a seo a sheallas cuid de na trioblaidean a bh' aig Hay mar ùghdar Eòrpach san Oirthir. Tha e coltach gu bheil Mac Iain Deòrsa a' sealltainn beagan doille san tuairisgeul air Alba mar dhùthaich “nach dèan saltairt is nach gabh lùbadh” (Il. 1101). B' urrainn dha seo a bhith na dhòchas aig a' bhàrd fhèin airson Alba ùr, san tràth theachdail. Ach air an làimh eile, mas e is gu bheil e san tràth làthaireachd, tha e a' sealltainn beagan ain-mhothachais de shuidheachadh nan Albannach san Impireachd. Ach tha e follaiseach gu bheil Mac Iain Deòrsa a' seachnadh a' mhòr-chuid de dh'ìomhaigheachd Oirthireil san dàn, gu h-àraid a thaobh a bhith a' cur blas eagsotaig, neònach neo do-thuigseach air na tachartasan a tha e ag aithris.

Chìthear san dàimh eadar an Tuargach agus Òmar gu bheil do-thuigse chultarail fhèin air a cheasnachadh le Hay. Mar sin, tha fiù 's cleachdaidhean nan Arabach, a leithid a' bheannachd a fhuair Ahmad neo tuireadh Bhean Mochtàir, inntinneach do leughadair Gàidhealach chan ann a thaobh cho neònach is annasach 's a tha iad ach cho coltach 's a tha iad ri cleachdaidhean Gàidhealach. Nì Mac Iain Deòrsa taisbeanadh fada farsaing air spioradaileachd agus breithneachadh dualchasach am measg nan Arabach agus tha seo calg-dìreach an aghaidh an deilbh de shaoghal eu-mhoralta (Said, 2003, 40), far an robh moraltachd nan Eòrpach air a chur bun-os-cionn.



Mu dheireadh, leis nach eil e na cheangal Oirthireil, stèidhichte air coimeas neo-ionnan eadar an dà chultar, 's fhiach sealltainn air dè an nàdar de cheangal a tha am bàrd a' dèanamh. Tha an ceangal a chruthaicheas Mac Iain Deòrsa mìnichichte nas fheàrr le sùil air a' bheart a chuir am bàrd mu chuairt an dàin leis an 'Fhosgladh' agus a' 'Cho-Dhùnadh.' An toiseach, chìthear gu bheil sgaraidhean nàisean a' tighinn gu crìoch leis a' bhàs:

Nach coma! Air an leathad seo  
rinn sibh mu dheireadh còrdadh. (*MID*, 45-46)

Tha an ceangal uile-choitcheann eadar an dithist aca, a' cinntinn às an daonnachd aca, a gheibh cruth tron dualchas nàiseanta aca fhèin, a tha air fèin-aithne fa leth a thoirt do gach duine:

Bhàsaich àrdan Ahmaid mhòrail,  
ciùineas Obàid is beò chridh' Òmair,  
trò eile le Mochtàr fon mhòrtair.

Bhàsaich am fear a bha ri 'uilinn,  
dhubhadh às a shinnsreachd uile;  
mhortadh a chlann nach do rugadh. (*MID*, 1255-60)

Tha an Daonnachdas nàiseantail seo na chochur ciallach airson Mhic Iain Deòrsa mar nàiseantach eadar-nàiseanta a' cath ann am feachdan na h-Impireachd. Is ged a tha co-shìntean inntinneach eadar eachdraidh an dà chultar, 's e cuspair nas fharsainghe uile-choitcheannail a tha fa near dha aig a' cheann thall. Tha feallsanachd Dhaonnachdail, uile-choitcheannail, san dàn a tha a' cur urram àrd air mac-an-duine; siud a dh'aindeoin 's na tha iad a' dèanamh ri càch a chèile san dàn air fad. Agus tha an luach a tha Mac Iain Deòrsa a' cur air gach neach fa leth, le sùil chultarail is eachdraidheil, a' taisbeanadh prìs a' Chogaidh a bha a' dol mu chuairt air is a' togail fianais na aghaidh.

Tha an leughadh stèidhichte air sgrìobhaidhean Said air sealltainn cho torrach 's a tha ceistean iar-phlanntachail agus sealladh air mar a thèid an dàimh eadar cultaran Eòrpach agus Oirthireil a làimhseachadh. Dhearbhadh gu robh Mac Iain Deòrsa a' dèanamh a dhìcheall tron dàn air fad gus na h-Arabaich a thaisbeanadh le co-fhaireachdainn, fo bhuaidh a thuigse a chinn bhon eòlas aige air cultar nan Gàidheal. Chan eil Hay gu tric a' càineadh impireachdas ann an dòigh fhollaiseach san dàn, ach air

an làimh eile, coltach ri mar a chuir e sìos air a' chogadh fhèin, chìthear mar a bha sannt agus àr a' toirt droch bhuaidh air caractairean na sgeulachd. Tha an analais cuideachd air sealltainn mar a bha Porter (1993) ceart sa chronachadh a rinn e air beachdan Said—nach tugadh gu leòr spèis ann an *Orientalism* do sgrìobhadairean a bha gu ìre mhath soirbheachail anns an taisbeanadh bhàidheil aca de chultar chèin. Ach air sgàth 's an sgrùdaidh iar-phlanntachail tuigear nas fheàrr mar a chleachd Hay nòsan Gàidhealach gus dàn fada soirbheachail a sgrìobhadh, stèidhichte air dùthaich chèin, is gun a bhith a' cur sìos oirre neo ga òradh le dìomhaireachd.

## 8. *Màighdean Dhurair*

'S e Aonghas Moireasdan (1865-1942) aon de na bàird a chaidh a-mach à cuimhne luchd-leughaidh na Gàidhlig, gu ìre mhòr. Tha seo a dh'aindeoin 's gun deach co-chruinneachadh susbainteach a dhèanamh de na h-òrain is a' bhàrdachd aige (Moireasdan, 1929). Tha an cruinneachadh mòr seo a' sealltainn measgachadh de chuspairean, eadar òrain mholaidh agus beachdachadh poiliteagach. Chuir Black (1999, 28-41) dà dhàn agus dà às-earrainn bho dhàn eile dhan duanaire aigesan den fhicheadainh linn. Cleachdaidh Moireasdan na h-aon formaichean ris a cho-aoisean is cuid dhiubh nan òran airson seinn, ged a tha bàrdachd airson aithris ann cuideachd. 'S e *Maighdean Dhurair* an dàn as motha sa cho-chruinneachadh aig Moireasdan ged a tha dà eile, 'Ceilidh Shamhna' (Moireasdan, 1929, 76-89) agus 'Sgeul Annasach' (*ibid.*, 318-29), meudmhor mar an ceudna mar a chunnacas ann an Caibideil 1.2. Ach le 837 sreath tha Maighdean Dhurair gu follaiseach nas fhaide na an dà eile; tha e air a dhealbhadh ann an iomadach phàirt agus a' cleachdadh cruth ciùil mòir, is e soilleir gu bheil Moireasdan a' cleachdadh feartan nan dàn fada a nochd sa Ghàidhlig roimhe.

Tha an dàn ag innse sgeulachd os-nàdarra mu dheidhinn fear a dh'fhalbh bhon taigh aige a dh'iarraidh pige uisge-beatha is a thèid a-steach gu tom-sìthe air a shlighe air ais. Leis na ceanglaichean aige ri daorachd, turas-oidhche agus os-nàdarrachd tha e soilleir gu bheil ceangal ann le 'Tam O' Shanter' aig Burns (1904, 196-203). Rinn Carruthers (2009, 152-54) anailis ghoirid air 'Tam O' Shanter' a thaobh boireanntas agus mar a bha e stèidhichte air beachdan ro shimplidh Tam air boireannaich, seach air tachartasan os-nàdarra fhèin agus 's urrainnear leughadh boireanntail a dhèanamh air *Maighdean Dhurair* mar an ceudna. Tha e follaiseach, cuideachd, gu bheil corpas an tràchdais seo gun bana-bhàrd ann, agus mar sin tha e feumail sùil a thoirt air ciamar a bha na firinnich a' riochdachadh nam boireannach nan cuid bàrdachd. Bidh seo a' toirt fiosrachadh seachad mu sheallaidhean cruthachail nam fireannach sin agus cuid de chlaon-bhreithean neo-aithnichte nam fear a' tighinn gu bàrr san sgrìobhadh aca.

## 8.1 Teòiric Bhoireanntail

Coltach ri fàs theòiricean iar-planntachais, chaidh teòiricean boireanntail am meud às dèidh an Dàrna Cogaidh gu h-àraidh aig deireadh nan seasgadan. Bha boireanntaileas a' 'chiad stuaidh' air gairm airson chòraichean poblach do bhoireannaich a leithid còraichean-bhòtaidh san naoidheamh linn deug agus aig toiseachd an fhicheadaimh linn. Sna 60an nochd 'dàrna thonn' a' ghluasaid seo is chaidh na sgrìobhadairean ùra an sàs ann an deasbadaan litricheil mu dheidhinn gnè (Humm, 1995, 1). Bha e aithnichte gu robh litreachas coltach ri institiudan poblach eile, ann an dàimh iom-fhillte le ideòlachdan a latha, gan neartachadh neo gam fo-leagail mar a bha ri fhaicinn sna sgrùdairean Marcsach (Caib. 6) Bha litreachas gu math tric a' riochdachadh agus ag ath-neartachadh neo-ionannachd eadar na gnèithean, san dearbh dhòigh 's a bha e ag ath-chleachdadh chlaon-bhreithean eadar clasaichean-sòisealta neo cinnidh (*ibid.*, 34-35).

Air tàillibh nan co-shìntean seo bha sgrìobhadairean boireanntail gu math èasgaidh ann a bhith a' togail dòighean anailis bho sgoiltean sgrùdaidh eile agus gan tionndadh gu cuspairean gnèitheil. Chleachd diofar sgrìobhadairean dòighean-obrach Arcataipeach, Marcsach, Saidhceòlach, Iar-Phlanntachail agus mar sin air adhart gus seallaidhean ùra a thoirt air an dàimh eadar gnè agus litreachas. Air uairean bhiodh na h-anailisean ùra seo a' ceartachadh chlaon-bhreithean aona-ghnèitheach ann an litreachas nan sgoiltean sgrùdaidh sin fhèin, ach bha iad cuideachd a' toirt farsaingeachd de dhòighean obrach do sgrùdairean boireanntail a dh'fhàg gu bheil "boireanntaileas" fhèin na sgoil gu math farsaing a thaobh dòighean-obrach (Humm, 1995, ix-xi).

Bha cuid de sgrùdairean sna 60an a' coimhead air ais air prìomh chànoin litreachais na h-Eòrpa is iad ag amharc às-ùr air mar a bha ceistean mu shuidheachadh agus cor nam ban air a làimhseachadh annta. Ann an *Sexual Politics* choimhead Kate Millet (1969) air sgrìobhadairean fireannta a leithid D.H. Lawrence is i a' toirt ionnsaigh air mar a thaisbean iad caractaran boireanta. Bha cuid eile a' dol an aghaidh a' chànoin de litreachas a chleachdar rin linn agus iad ag argamaid airson barrachd sgrìobhadairean boireanta air neo airson cànoin ùr a chruthachadh de litreachas le sgrìobhadairean boireanta. Tha ùidh làidir air nochdadh sa Ghàidhlig air sgrìobhadh nam ban le saothair Anna Frater

(1994) agus Colm Ó Baoill (2004) a' coimhead air bana-bhaird gu h-àraidh. Tha co-chruinneachaidhean eile (Kerrigan & Bateman, 1991; McMillan & Byrne, 2003) air guthan nam ban Gàidhealach a stèidheachadh mar phàirt de chàin Albannaich, a tha nas fharsainghe na b' àbhaist dha bhith ann an iomadach dòigh, gnè na mheasg. Bha na sgrìobhadairean den dàrna thonn mothachail air mar a bha nòsan litreachais a' toirt buaidh air beatha nam ban, agus na nòsan sin a' toirt buaidh air mar a bha daoine a' faicinn cheistean mu dhèidhinn gnè; gu tric cha robh na seallaidhean litreachail air boireannaich a' riochdachadh an t-seallaidh a bh' aig boireannaich nam beathannan làitheil (Humm, 1995, 10-11).

Bha na sgrùdairean Frangach sna 60an, a chleachd seallaidhean Structuralach gus sealladh às ùr a thoirt air mar a bha ceannas-athaireachd [*patriarchy*] a' neartachadh neo-ionnnanachd eadar na gnèithean, a' toirt sealladh ùr air ceistean boireanntaileas agus litreachas. Do chuid de sgrìobhadairean a leithid Julia Kristeva bha dòighean sgrìobhaidh a' neartachadh cumhachd nam fear thar boireannaich. Rinn ise sgaradh eadar an samhachail [*le symbolique*] agus an seamotaigeil [*le sémiotique*] (Kristeva, 1987, 20-24). Bha an samhachail stèidhichte air reuson agus dòighean smaoineachaidh a bha air cinntinn fo chumhachd nam fear agus saoghal ordaichte an lagha. B' e an seamotaigeil an t-iarmad den eòlas is dòigh smaoineachaidh a th' aig leanabh òg mus ruig e aois tuigse inntleachdail, stèidhichte air blàths, buille-chrìdhe, ruitheam agus làimhseachadh agus feartan neo-chiad-fathach eile is bha e a' leantail air fon t-siostam shamhachail. Bha an anailis seo a' toirt adhbhar teòriceil do sgrìobhadairean na feartan os-reusanta seo a neartachadh san sgrìobhadh aca gus dòighean conaltraidh a chleachdadh a bha a' fo-leagail an t-samhachail, agus mar sin claon-bhreithean nam fear, a rèir anailis Kristeva (Humm, 1995, 53-56).

A bharrachd air a' cheangal le saidhc-anailis a nochd tro sgrìobhaidhean Kristeva fo bhuaidh Jacques Lacan is Freud, bha sreath cudromach de dh'anailis stèidhichte air ùirsgeulachd fo bhuaidh Carl Jung (Humm, 1995, 86). Bha Bettelheim (1976) is eile air sealltainn gu robh bun-stèidh saidhceolach iom-fhillte aig sgeulachdan beul-aithriseach, obair a chaidh a chur ann an cruth boireanntail le Gilbert is Gubar (2000) ann an 1979. Bha Jung fhèin air ceanglaichean fhaicinn eadar na h-ùirsgeulan bunaiteach

aig diofar chultaran air feadh an t-saoghail agus mar a bha iad a' nochdadh ann an aislingean a chuid euslainteach. Mar a chunnacas san obair aig Dymock (2008) air a' *Chuilthionn* tha seo a' fàgail gu bheil Jung gu h-àraidh feumail ann a bhith deiligidh le structuran ùirsgeulach, a tha rim faicinn ann am *Maighdean Dhurair* cuideachd.

Bha buaidh nas treasa aig na teòiricean seo ann an litreachas na h-Èireann seach litreachas Gàidhealtachd na h-Alba: tha sgrìobhadairean leithid Mills (1995) air sealltainn mar a chaidh cruth-atharrachadh a dhèanamh air ìomhaigheachd de bhoireantas, ann an samhachas traidiseanta na h-Èirinn. 'S e a' bhana-bhàrd Èireannach Nuala Ní Dhomhnaill aon de na sgrìobhadairean Gàidhealach a chleachd seallaidhean bho na teòiricean seo gus fianais chumhachdach a thogail air eòlas làitheil nam ban. Tha buidheann de charactaran a nochdadh gu bitheanta ann an dàin Ní Dhomhnaill a leithid *bean an leasa*, (Ní Dhomhnaill, 2005, 162-64) agus na caractairean seo nan oidhirp dhomhainn ath-sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha na h-ùirsgeulan Gàidhealach a' taisbeanadh beachdan mothaichte agus fo-mhothaichte mu dhèidhinn nan gnèithean. Tha an cruth-atharrachadh a thèid a dhèanamh bhon chaillich ghrannda don *spéirbhean* a' sealltainn mar a tha boireantas a chaidh a chur suarach ag atharrachadh fo bhuidheann aithneachaidh cheart do bhòidhchead na *spéirbhean* (*ibid.*, 142-43). Gu math tric bhiodh seo ga dèanamh às dèidh do ghaisgeach a' chailleach a phògadh (*ibid.*, 83-84) agus chìthear sa *Mhaighdean* gu bheil Moireasdan a' cleachdadh an dearbh *motif* ùirsgeulach seo airson na sgeulachd aigesan.

Gu ruige seo sa chorpas chan eil guth ro àrd air a bhith aig na caractaran boireannta. Bha na bàird a' sgrìobhadh ro na h-atharrachaidhean mòra sòisealta a nochd sna 60an agus cha mhòr nach eil iad a' mothachadh ceistean mu ghnè neo seallaidhean boireantail. Chìthear seo san dòigh sa bheil iad a' leantail, gun cus sgrùdadh idir, na beachdan a bha air nochdadh romhpa. Tha Mac-na-Ceàrdaich a' sealltainn cliù màthar òig ann an ìomhaigheachd Chaitligeach aig deireadh earainn VI ann an *LNSS* (184). Ged a tha i na caractar ionmholta tha an dòigh sa bheil i coltach ris an Òigh Mhoire a' lagachadh a cumhachd mar caractar san da-rìribh. Chunnacas (Caib. 5) gu robh ceanglaichean leantail aig sgeulachd Catriona ann an *Domhnullan* (9) agus mar a choiricheadh Eubha ann an sgeulachd Ghàrradh

Eden. Ged a tha boireannaich nas pailte ann am *MID*, 's ann fulangach a tha na guthan aca is iad a' caoidh nam fear agus a' fuireach aig an taigh. Ged a rinn MacGill-Eain iomradh air boireannaich a leithid Rosa Luxemburg neo Màiri Mhòr nan Òran agus e gam moladh, a-rithist sheall e, le nighean Geusto, air tè òg a bha a' fulang seach a bha gnìomhach na dòigh fhèin (Cuilithionn, VI, 1-40). Chan eilear a' dìteadh nam bàrd air tàillibh seo— ach tha e a' sealltainn gu bheil ceistean mu ghnè airidh air sgrùdadh, leis gu bheil dìth fèin-mothachaidh ri fhaicinn am measg bàrd a' chorpais air a' cheist seo.

### **8.2.1 Gearr-Chunntas**

Tòisichidh 'Maighdean Dhurair' gu simplidh le còmhraidh eadar fear 's a bhean aig an taigh ann an Durar. Tha Padruig gus an taigh fhàgail is pìge uisge-beatha fhaighinn, "An gnothach sonraichte 'g a dhith, | chuir spid 'n a chas is luth 'n a chridh'" (*Maighdean*, 188). Tha Catriona ge-tà ga chronachadh agus a' cur na chuimhne gun do dh'òl e cuid den uisge-beatha an-uiridh aig taigh a charaid, Ailean Dall:

Is dh'fhan thu tuille 's fada stigh  
'N a chomhail-san 's mi 'n so leam fhìn,  
'S mi brath gu'm fasainn lag is tinn,  
Is mi gun fhios de chum thu luaidh (*Maighdean*, 189)

Dh'fhàg na rinn e aig Taigh Ailein Dhaill nach robh gu leòr uisge-beatha aca airson nan càirdean a thàinig a chèilidh orra aig àm na Nollaige. Chithear nas anmoiche gu bheil ceistean mu aoigheachd gus nochdadh gu cunbhalach san dàn.

Nì an t-aithrisear leum an uair sin bho shuidheachadh stairsneach Taigh Phadruig gu sgeulachd na Maighdein, a tha gu bhith na cùl-fhiosrachaidh bhunaiteach do sgeulachd Phadruig ach a thachair o shean "'s an tim a dh'eug" (*Maighdean*, 190). Tha Moireasdain a' leantail a' bheachd gu bheil tìm ann an saoghal nan Sìthean a' siubhal aig astar eadar-dhealaichte. Tha sgeulachd na Maighdein stèidhichte air sgeul a bha bitheanta san dualchas ann an cruthan diofraichte de leanabh a chaidh a ghoid leis na sìthichean is tàcharan air fhàgail na àite (Campbell, 2008, li-lxvi). Sna nòtaichean aig crìoch an leabhair seallaidh Moireasdain gu robh e eòlach air an gnè-sgeul seo:

Am measg gach ur-sgeul eile bh'aig na seana Ghaidheil bhiodh na mnathan sìthe togail leo a' phaisdein mhaoth bha an cois a mhathar is i anns an achadh bhuana [...] (Moireasdain, 1929, 407)

Tha a' mhàthair a' buain coirce, is nuair a tha an leanabh na chadal thèid i a-null gus braoileagan a bhuain air taobh thall an achaidh. Ach nuair a thilleas i tha an leanabh aice air a ghoid leis a' bhan-sithe is tàcharan na h-àite (*Maighdean*, 190-191).

Cleachdaidh Moireasdan 'An Doideag', ainm bana-bhuidsich Mhuilich airson caractar na mnà-sìthe uilce (Campbell, 2008, 185-86) a tha air a dhealbhachadh mar sheann chailleach ghrannda. Tha Moireasdan uabhasach cruaidh air an Doideig, is e a' dèanamh iomradh air na dòighean peanasachaidh a chleachdar airson buidsich o shean le baraillean tearr (*Maighdean*, 193). Chan eil an Doideag soirbheachail ann a bhith a' teagasg droch bheusan don Mhaighdean, ged a tha i a' sealltainn dhi gach rud a bh' aice san sgoil-dhuibh (*ibid.*). Taobh a-muigh an tomain tha a' Mhaighdean a' cuideachadh nam banachagan, is i a' lìonadh nan cumanan aca sa mhadainn agus i a' coileanadh cuid de dh'obraichean a bh' aig na sìthichean. Bheir iadsan meadar de bhainne fuar dhi mar dhuais airson sin (*Maighdean*, 193-94).

Ach là air choreigin tha iad a' sgur dheth seo is fàgaidh iad meòg an àite a' bhainne (*Maighdean*, 194). Cuiridh seo an cuthach air an Doideig is tha i a' cruthachadh stoirm a tha a' sgiùirseadh nam beann air feadh na Gàidhealtachd:

Gu 'n dh' eirich stoirm nach cualas riamh,  
A' tilgeil dharag bharr nan sliabh,  
[...]  
An dealanach bu ghobhlaich fiamh  
Cho clis ri clis 's 'na sgaoman ciar,  
Na "Maighdeannan" is "Buachaill Eit"  
Ri tilgeil dhoirneag air a cheil',  
Gach sgairneach an uchd Nibheis mhoir  
Cur gheall ri Cruachan ard nan sgorr (*Maighdean*, 195)

Thèid na beanntan a phearsonachadh agus iad a' sabaid le chèile is le sin tha an ìomhaigheachd gu math coltach ris an stoirm ann an *LNSS*, a bha foillsichte aig an àm. Às dèidh na stoirm nì am bàrd



taisbeanadh air a' chiùineas a thig air an latha, agus droch ghnìomh nam banachagan air a thaisbeanadh mar sgeulachd mhoralta: “Gach nì 's an fhoill tha toinnt' 'n a ghnath | Cha soirbhich leis gur searbh a bhlath” (*Maighdean*, 197).

San ‘Dàrna h-Earrann’ (*Maighdean*, 197-212) tillidh am bàrd gu sgeulachd Phadruig, a tha a’ tadhal air taigh Iain Mhaoil gus uisge-beatha fhaighinn airson a phige. Gheibh e sin san taigh, is iad a’ gabhail naidheachdan càch a chèile. Às dèidh a dhìnnear falbhaidh Padruig a dh’iarraidh na h-aiseige thar a’ chaoil is air ais dhan taigh (*Maighdean*, 198-99). Ach tha stoirm ag èirigh gu h-obann a chuireas bacadh air, is seo co-shìnteach ri stoirm na Doideige, is tha sin a’ fàgail is gum b’ fheudar dha dol mu chuairt an locha gus a dhachaigh a ruighinn. Air a chuairt, cluinnidh e fuaim bho thoman, “seisd | A chiuil bu bhinne chual e riamh” (*Maighdean*, 199), a tha ga tharraing ga h-ionnsaigh is e feuchainn ri sùil a thoirt am broinn an tomain gun fhios.

A dh’aindeoin oidhirp Phadruig tha a’ Mhaighdean ga fhaicinn is cuiridh i fàilte air. Am broinn an tomain tha cèilidh is dannsa a’ dol agus cuireadh air a thoirt do na sìthichean bho air feadh na sgìre. Ach 's e a’ Mhaighdean, Padruig, an Doideag agus am Pìobaire na caractairean a thèid an taisbeanadh, le Pàdrùig agus a’ Mhaighdean a’ dannsa ri ceòl a’ Phìobaire. Ann am fiogar a’ Phìobaire tha Moireasdan a’ dèanamh ceangal le ‘Tam O’ Shanter’ (Burns, 1904, 196-203) agus leis an t-samhla nas sine den diabhal a’ stiùireadh dannsa nam bana-buidseach (Robbins, 1959, 421-22). Anns a’ *Mhaighdean* thèid a ghlèidheadh ann an co-theacsa Gàidhealach nan sìthichean.

Tha an ath earrann ag innse dè bha fuinn na pìoba, ma 's fhìor, ag ràdh ri Pàdraig is e a’ dannsa: “Ar leat mar so bha ceol na pìob” (*Maighdean*, 200). Cleachdaidh Moireasdan structar chiùil mhòir airson a’ phàirt mu dheireadh seo den dàn. Tha seo a dh’aindeoin 's gu bheil am Pìobaire a’ cluich ceòl-dannsa, is Moireasdan a’ cleachdadh na meataireachd seo gus a cheangal ris na dàin fhada eile a chleachd a chruth seo. Sa chiad ùrlar tha am pìobaire a’ càineadh mar a thàinig Pàdraig na làthair, ach tha e a’ sealltainn gu bheil e ag iarraidh an uisge-beatha. Thèid seo a leasachadh san t-siubhal, far a bheil am bàrd a’ cleachdadh ruitheam puirt-dùbailte gus an dannsa a riochdachadh:

Gheibh mi e gheibh mi e  
 A ghiotalain ghoraich,  
 Gu 'n tharruing mi 'n so thu  
 Le binneas mo cheolraidh,  
 Cha bhi e dhuit furasd,  
 'S tu d' umaidh gun fhuras  
 Gu'm falbh thu gun tubaist  
 Mur geill thu gu deonach (*Maighdean*, 202)

Mar a thachair aig toiseachd an dàin, gu tric anns na rannan seo tha iomradh air Catriona aig an taigh agus i a' feitheamh air Padruig.

A' Mhaighdean mhin gu sunndach cridheil,  
 Le Padruig grad-cheumach 's an ruidhil,  
 Gun smuain air cor Chatriona choir,  
 'S i feitheamh ris le foighid mhoir, (*Maighdean*, 200)

An taca ris a' Mhaighdean fhèin, chan eil Catriona ach air a dealbhachadh mar character fhulangach nach eil a' toirt buaidh air an sgeulachd gu gnìomhail idir. Ged a tha a leithid de caractairean neo-leasaichte cumanta ann an iomadach diofar sheòrsa sgeulachd tha buaidhean sònraichte aig seo a thaobh boireantais ann an dàn a tha a' toirt cheistean mu ghnè gu aire an leughadair. Nì am Piobaire sgaradh eadar Catriona agus a' Mhaighdean is e a' feuchainn ri Padruig a nàireachadh:

Na 'm faiceadh Catriona  
 An drasd thu a Phadruig,  
 A' dawns leis a' Mhaighdinn  
 Is ceanalta nadur,  
 A ceann bhiodh am boire,  
 A fuil bhiodh air ghoile,  
 Is gluasad 'n a goile  
 Nach furasd chur samhach, (*Maighdean*, 203)

Tha an fhearg seo co-shìnteach leis an fheirg a ghabh an Doideag is a thug oirre an stoirm a chruthachadh, agus thèid nan co-shìntean seo a sgrùdadh gu h-ìosal. Chìthear cuideachd an dòigh san tèid gearanan Catriona a chur suarach san dà shreath mu dheireadh agus iom-sgaradh a dhèanamh leis a' Mhaighdein cheanalta.

Tha am Piobaire ag iarraidh gun cuirear rosad air Padruig gus an toirear an t-uisge-beatha air falbh is gum fàgar le uisge siabannach e (*Maighdean*, 204). Tha seo co-shìnteach leis na chaidh a dhèanamh

dhan Mhaighdean leis a' mheòg a chaidh fhàgail dhi an àite bainne leis na banachagan. 'S e am Piobaire a chruthaich deoch-làidir o thùs is e ga mholadh mar a chaidh a dhèanamh an toiseach. Tha iom-sgaradh eadar an stuth seo agus na thèid a ghrùdadh a-nis. Tha am Piobaire a' gabhail an uisge-bheatha aig Padraig, ach tha e ga mheas gu math suarach:

Cha ghabh mi cha ghabh mise  
 Tuille de 'n t-seorsa,  
 Chan ioghnadh cloinn daoine  
 Bhi gearanach breoite. (*Maighdean*, 206)

Tillidh iad gu meataireachd an ùrlair is e ag innse gun leigear le Padruig agus a' Mhaighdean falbh oir tha e soilleir gur fheàrrde a' Mhaighdean ann an cuideachd a daoine fhèin. Tha am Piobaire ag iarraidh air Padraig an Doideag a phògadh agus e a' mìneachadh air mar a tha esan den bheachd gu bheil i bòidheach. Ged a tha Moireasdan a' dèanamh iomradh fada air cho grannda 's a tha a' bhan-sith bheir Padruig pòg dhi gus an tèid a shaoradh. Air dha an Doideag a phògadh gheibh Padruig agus a' Mhaighdean cead fhàgail, le Moireasdan a' dèanamh iomradh air a' ghràin a bh' aig na sìthichean air creideamh san dualchas:

Leigidh mi leigidh mi  
 As thu a Phadruig,  
 'S a Mhaighdean mhin Dhurair  
 Bha uine am fhardaich,  
 Le durachd nam paidir,  
 Is dislead nan athchuing,  
 Chan urra dhomh glasadh,  
 Chaidh baisteadh cho trathail, (*Maighdean*, 210)

Crìochnaichidh an dàn air fad le Crunluath a tha a' dol thairis a-rithist air cuid de na cuspairean a tha air nochdadh. Gu h-annasach leanaidh an dàn air beachdachadh a' Phiobaire air cor an t-saoghail gun a bhith a' toirt cus fios idir seachad mu Phadraig, Catriona agus a' Mhaighdean on a shaoradh iad. Tha am Piobaire ag ràdh nach robh gu leòr de dh'olc annta airson a bhith fuireach leis. Tha e a' caoidh mar a tha an àireamh de dhrungairean a bha a' cèilidh air air crìonadh:

Na sreathan air an tanachadh,  
 'S an stuamachd air am fogradh,  
 Is pris na dibhe cho bagarrach,

Le butarraich nach aithne dhomh  
 'G a masgadh cho ro ealanta  
 'S an stuth ri 'n canair Toiseachd. (*Maighdean*, 211)

Tha am Piobaire a' crìochnachadh le iomradh air trì buidheannan gu h-àraidh: misgearan, fuar-chràbhaich agus "luchd an t-sugraidh mheallta". Tha e coltach gu bheil àireamh a' chiad dhà air a bhith a' dol sìos, o chionn beagan bhliadhnaichean agus gu bheil àireamh na buidheinn mu dheireadh a' dol am meud:

Ge aithreach leam na misgearan  
 Nach 'eil iad tighinn cho trice leam,  
 Seors' eil air fas cho tearca riu,  
 Fear liugach an fhuar-chrabhaidh, (*Maighdean*, 211)

Air an làimh eile tha luchd an t-sugraidh mheallta a' dèanamh suas "a' ghanntar" agus e coltach gu bheil Moireasdan a' taisbeanadh a mhi-thlachd mu chuid de na h-atharraichean sòisealta a bha e a' faicinn mu chuairt air. Ann an dàn a tha stèidhichte air eadar-dhealachadh nan gnèithean gu ìre mhòr, tha an cudrom a tha ga chur san dùnadh air draghan sòisealta Mhoireasdain airidh air aire.

### **8.2.2 Structar is Stoidhle**

Thèid cuid de chuspairean an dàin a shoilleireachadh le sgrùdadh nas dlùithe air a structar. Chruthaich Moireasdan dà shaoghal co-shìnteach a thèid a mheasgachadh san dàrna leth den dàn: an saoghal san da-rìribh agus saoghal nam ban-sithe. Ma choimheadar air na co-shìntean eadar Padruig san t-saoghal fhìor agus a' Mhaighdean ann an saoghal nam ban-sithe, gheibhear goireas feumail gus an dàn a mhìnèachadh nas fheàrr agus a chuspairean ath-cheasnachadh. Tha co-shìneadh shoilleir eadar a' Mhaighdean agus Padruig, is thig seo gu buil san dannsa agus nuair a dh'fhàgas an dìthist an toman le chèile. Tha Catriona a' cumail smachd air gnìomhan Phadruig agus nì an Doideag seo dhan Mhaighdein ann an dòigh nas miosa buileach. Tha mar a tha am Piobaire ag iarraidh uisge-beatha Phadruig a ghoid is uisge-siabainn a chur na àite na mhac-talla air na rinn na banachagan do bhainne na Maighdein. Tha seo a' fàgail gu bheil Catriona agus an Doideag cuideachd co-shìnteach agus an dìthist dhiubh a' feuchainn ri gnìomhan Phadruig agus a' Mhaighdein mu seach a smachdachadh.

B' urrainn don tachartas leis an t-saoghal os-nàdarra a bhith na bhruadar agus Padruig air tuiteam na chadal air a shlighe dhachaigh. Chaidh 'Tam O' Shanter' a mhìneachadh mar bhruadar san dòigh cheudna le Carruthers (2009, 152-54) agus gheibhear taic bho theacsa Mhoireasdain airson a' mhìneachaidh seo: leughar gun do "leag [Padruig] anail tiota beag | 'S a thaic ri craoibh an dluths na creig" (*Maighdean*, 199) goirid mus cluinn e fuaim an tomain an toiseach. Tha e soilleir gu bheil e ag iarraidh Catriona a thoileachadh le bhith dol dhachaigh tràth:

Gu 'm biodh Catriona an deagh fhonn  
Na 'n rachadh leis gu ruigeadh thall,  
'S gu 'n seachnadh e tigh Ailein Dhall. (*Maighdean*, 198)

Ach bhiodh e coltach gu bheil beagan fearg a' tighinn air mu dheidhinn smachdachadh Catriona. Thig seo gu bàrr na mhac-meanmna is i a' tionndadh gu bhith na Cailleach a tha a' cumail smachd air saorsa na Maighdein, a' thar-neartachadh an smachdachaidh a fhuair e fhèin. Chan ann ach nuair a ghabhas e ris a' Chaillich, is e ga pògadh, a thèid an sgeulachd a rèiteachadh is falbhaidh an dithist aca. Anns an t-saoghal dhà-riribh anns a bheil Padruig ma's fhìor a' bruadar, nuair a phògas Padruig a bhean chrosta tillidh an dàimh blàth-chridheach eatorra, is an sealladh aige oirre ag atharrachadh.

A thaobh stoidhle na h-aithrise cleachdaidh Moireasdan cleasan bho dhòighean labhairt an sgeulaiche. Am measg iad seo tha ro-sheallaidhean soilleir air na tha gus tachairt: "Mar sin gu 'n tharruing e gu saor, |Ach mu'n do thill gu 'n phaidh e daor" (*Maighdean*, 190). Tha a chainnt sgileil is e gu tric a' cleachdadh ais-tionndaidhean na bhàrdachd. Tha e coltach gun tug stoidhle 'Tam O' Shanter' modal dhà a thaobh na meataireachd is a' chiad leth stèidhichte air cuplaidean iambach le comhardadh deireannach air sreathan ochd neo naoi lideach, a rèir meud an fhacail mu dheireadh:

A Padruig, thuit Catriona ris,	8	
Gur iomadh bliadhna thriall a-nis	8	
O'n chaidh sinn cuideachd ceum air cheum,	8	
Is mi cho brodail mu do dheidhinn.	8 (/9)	( <i>Maighdean</i> , 188)

Now Tam, O Tam! Had they been queans	8	
A' plump and strapping, in their teens;	8	
Their sarks, instead o' creeshie flannen,	9	
Been snaw-white seventeen hunder linen,	10	(Burns, 1904, 201)

Tha stoidhle Mhoireasdain fhèin gu math grinn mar a chìthear san earrann seo bhon phìobaireachd agus am Pìobaire a' gearrain mu dheidhinn staid an uisge beatha:

Gur fìor nach 'eil mo dhonadas  
Ged their iad gur e donas mi  
Cho dona ris na donais chuir  
An donad sugh an eorna. (*Maighdean*, 211)

### 8.3 Athraichean Bàrdail, Ceannas-Athaireachd agus an Teacsa

'S e dàn iomchaidh a th' ann am *Maighdean Dhurair* gus ceasnachadh a dhèanamh air an dàimh eadar litreachas na Gàidhlig agus sgrùdadh boireanntail. Cinnidh seo às an dòigh sa bheil Moireasdan a' riochdachadh sheallaidhean o bheul-aithris air staid nam boireannach sa choimhearsnachd; gu bheil e a' dèanamh iomraidhean cudromach air dàin fhada eile a bhuail air na h-aon chuspairean agus gu bheil e a' toirt seachad na beachdan aige fhèin air atharrachaidhean sòisealta. Tha cuid de bheachdan a choimhearsnachd air roinnean obrach nam ban is nam fear a' tighinn am follais, gun fhios dha, cuideachd. A bharrachd air seo chleachd Moireasdan structar iom-fhillte stèidhichte air an dàimh eadar an saoghal nàdarra agus os-nàdarra. Tha na co-shìneadhan a dh'èireas bhon structar seo fhèin a' toirt fianais seachad air na beachdan mu bhoireannaich a nochdas san dàn mar a chìthear.

Dh'ath-chleachd Moireasdan tùsan Gàidhealach airson a dhàin. Innsidh e aig crìoch an leabhair aige gur e sgeul mun Mhaighdean sa bheul-aithris a thug air an dàn a dhèanamh is e a' cur na sgeulachd còmhla ris an òran 'Dh'fhalbh mo run is dh'fhag i mi' gus an sgeulachd aige a dhealbhachadh (Moireasdain, 1929, 407). Ann an litreachas na h-Èireann tha diofar mhìneachaidhean boireantail air nochdadh mun nòs ùirsgeulach de ghoid phàistean:

Folklore scholars have observed the functional power of fairy abduction stories: sudden infant death, failure to thrive, birth defects, and a variety of congenital disabilities correspond to the descriptions of babies taken away [...] and replaced by mute, wizened hairy creatures, or lifeless images. (Bourke, 1995, 571)

A' gabhail beachd air na tha na sìthichean fhèin a' dèanamh ris na boireannaich tha Vejvoda ag ràdh: "The fairies traditionally police women's domestic activities, punishing careless housekeeping and lapses in personal hygiene" (2004, 44). Le bhith a' cleachdadh nan sgeulachdan ùirsgeulach seo tha

Moireasdan a' taisbeanadh cuid de dh'fheartan nan sgeulachdan seo, a thaobh ceistean boireantaileas, a-rithist san fhicheadamh linn.

Chithear beagan den smachdachadh shòisealta a dh'ainmich Vejvoda a' tighinn am follais. Seallaidh Moireasdan aig toiseach an dàin gu bheil na boireannaich a' fantail aig an taigh, is mar sin a' deiligeadh leis a' chloinn is a' cumail suas an taighe. Mar a thuirt Eagleton (2006, 69-74) mu ideolachd a' nochdadh ann an ealain fìorachail, tha na seallaidhean simplidh làitheil seo fhèin a' taisbeanadh seallaidhean air gnè:

Air la goirid geamhraidh fhuair,  
A' ghaoth gu dian o 'n airde tuath,  
Gu moch dh' fhag Padruig Ruadh a thigh,  
A bhean Catriona dh' fhag e stigh [*Maighdean*, 188]

Chithear gu sgiobalta gu bheilear a' cruthachadh sgaradh eadar Padruig a tha a' dol dhan t-saoghal a-muigh gu gnìomhach agus Catriona a thèid fhàgail aig an taigh. Tha seo a' leantail iom-sgaradh a chaidh a neartachadh san naoidheamh linn deug: gu robh còir aig boireannaich a bhith a-staigh agus na fireannaich a-muigh (Abrams, 2002, 127-29). Ged a bhiodh beatha croitearachd san da-rìribh a' dol an aghaidh an iom-sgaraidh seo gu ìre le boireannaich gu tric ag obair a-muigh airson beo-shlàint' a dhèanamh agus beathaichean am biadhachadh, tha e cudromach gun tèid Catriona a dhealbhadh tron dàn air fad mar tè nach eil a' fàgail an taigh idir is a tha a' feitheamh air an duine aice tilleadh.

Cleachdaidh Moireasdan ìomhaigheachd bho 'Tam O' Shanter' gus an iom-sgaradh seo a ghlèidheadh. San dàn sin tha a' bhean na suidhe aig an taigh a' feitheamh air an duine aice is cluinnear:

Where sits our sulky, sullen dame,  
Gathering her brows like gathering storm,  
Nursing her wrath to keep it warm. (Burns, 1904, 197)

A' sgrìobhadh sna 20an chleachd MacDiarmid an aon seòrsa ìomhaigheachd ann an dàn fada a bha, coltach ris a' *Mhaighdean* a' cleachdadh ìomraidhean air 'Tam O' Shanter':

Water! Water! There was owre muckle o't  
In yonder whisky, sae I'm in deep water  
(And gin I could wun hame I'd be in het,

For even Jean maun natter, natter, natter) (MacDiarmid, 1992, 31)

Bidh na mnathan seo cuideachd a' feuchainn ri smachd a chumail air gnìomhan nan daoine aca, gu h-àraidh a thaobh deoch-làidir, agus na smaointean feiseil a thig na chois ann an gach dàn. Ach leis nach eil na mnathan a' fàgail an taighe ro thrìc tha e coltach chan ann ach le bhith trod a thèid siud a dhèanamh.

'S e aon character a bhriseas na riaghailtean a thaobh obrach màthair na Maighdein, a tha an dà chuid a' dol a bhuain is mar sin ag obair fada bhon taigh, agus a' fàgail a leanabh na aonar. Agus ged nach eil seo ach car tamaill, thèid a leanabh a ghoid san eadar-ama. Gu h-eachdraidheil is cinnteach gum biodh cumhachd aig na sgeulachdan seo do mhàthraichean òga, a' neartachadh an uallaich orrasan sùil a chumail air na pàistean agus a' neartachadh an roinneadh ghnèitheil air saothaireachd san teaghlach. Tha Ní Dhomhnaill ag innse gur e obair choimhearsnachdail a bh' ann am buain bhraoileagan, agus gu robh sgeulachdan ann an Èirinn co-dhiù mu dhèidhinn nigheanan a chaidh às an ciall nan robh iad a' buain bhraoileagan nan aonar (Ní Dhomhnaill, 2005, 95). Tha e soilleir gu bheil Moireasdan a' leantail fheartan nan sgeulachdan dualchasach, ceannas-athaireachdail a thaobh seo.

Tha sgeulachd na h-ighne à Geusto anns a' *Chuilithionn* co-shìnteach ris na thachair do mhàthar na Maighdean. A rèir beul-aithris bha nighean Gheusto a-muigh ag obair ann an dòigh a bha a' dol an aghaidh na coimhearsnachd, le bhith buain maoraich air an Dòmhnach, mus deach ise a ghoid thall thairis<sup>20</sup>. Ma dh'fhaoidte gur e aon de na h-adhbharan gu robh an uidhir de chumhachd mac-meanmach aig sgeulachd Gheusto gu bheil co-shìntean ann leis mar a bheirteadh clann air falbh leis na sìthichean. Anns na notaichean aig Black air leabhraichean MhicGhriogair Chaimbeul mun dualchas os-nàdarra (Campbell, 2008, lxvi-lxxvi) cluinnear gu bheil daoine a chaidh a chur fo bhruid gu tric a' nochdadh ann an an sgeulachdan òs-nadarra agus mìneachadh a' tighinn bho bhuidh nan sìthichean. Ach chìthear ann an sgeulachd nighean Gheusto agus màthair an tàlaidh ainmeil, dòighean eile anns an

<sup>20</sup> Chuala mi an dreach sin aig Ruairidh MacIlleathain, Inbhir Nis, an t-Sultain 2013. Tha an dearbh sgeul ri fhaotainn, gun iomradh air an Dòmhnach, ann am D. MacDonald (1946, 199-200).



cleachdar sgeulachdan gus giùlan na coimhearsnachd a smachdachadh agus dòighean obrach a bha air am measadh freagarrach do bhoireannaich a thaisbeanadh.

Tha an Doideig, a' Mhaighdean agus am Pìobaire airidh air beagan meòrachaidh fa leth is iad coltach ris na caractairean a nochd ann an dàn fada Bhurns cuideachd. Tha an Doideag, a bha na bana-bhuidseach ann am Muile ach cuideachd na ainm nas fharsainghe airson droch bhana-bhuidseach (Campbell, 2008, lxxvii), na measgachadh de dhiofar sgeulachdan is i na bana-bhuidsich is na ban-sithe.

Bho shealladh boireanntail tha a' chailleach ghrannda na pearsonachadh air sgreamh an fhìr ro chailleach neo-thorrach, agus ro bhuaidh bhoireannta mùchte [*repressed*] nas fharsainghe (Ní Dhomhnaill, 2005, 142-43). Chan eil Padruig air a shaoradh bhon toman gus an seachain e an sgreamh seo agus gus an toir e pòg dhan Doideag. Tha seo na iomradh soilleir air nòs ùirsgeulach a bha ri chluinntinn ann an sgeulachdan Èireannach a leithid an tè sa bheil Niall Naoigiallach a' pògadh is a' laighe le cailleach a thèid a chruth-athrachadh agus a bheir an rìoghachd dha (*ibid.*, 83-84). Tha e a' glèidheadh na dàimh eadar gnìomh nam fear agus soirbheas nam ban, oir chan ann ach leis a' phòg seo a shaorar a' Mhaighdean. Mar an ceudna, ann an caractar na Doideig, a chruthaicheas stoirm agus a dh'fhalbhas an riochd eòin, chìthear taobh eile an eagail air Padruig ro bhoireantas neo-riaghailteach, lasrach.

Tha a' Mhaighdean na cochur meanmach san aon dòigh ris an Doideag. Mar sin cleachdaidh Moireasdan: cuid de dh'fheartan bhon sgeulachd a chuala e mun Mhaighdean; an leanabh a chaidh a ghoid san tàladh ainmeil a dh'ainmichear a cheana; sgeulachd Deirdire, a chaidh a thogail ann an toman le maoime agus dealbhachadh Nannie, a tha a' giùlan an 'Cutty Sark' ann an 'Tam O' Shanter' (Burns, 1904, 201-202). Mar caractar tha a' Mhaighdean gu h-àraidh inntinneach leis gu bheil i car coltach ri Padruig, is i a' falbh a-mach às an toman aig deireadh na sgeulachd còmhla ris. Tha cuid de dh'fheartan nan *spéirbhean* san nòs Èireannach aice, oir ged nach ionnann ise agus an Doideag tha pògadh na Doideig a' toirt saorsa dhi. Le sealladh saidhceòlach air an sgeul tha a' Mhaighdean agus an Doideag an dà chuid a' riochdachadh fheartan boireannta bho dhiofar sheallaidhean nam fear, agus iad

cha mhòr co-ionnan mar character: tha e coltach gum biodh pògadh na Doideig a' toirt oirre cruth-atharrachadh do riochd na Maighdein ann an sgeulachdan eile.

Tha e soilleir bhon t-suidheachadh aige mar an fhear-chiùil gu bheil am Pìobaire a' tighinn bhon aon thraidisean àrsaidh a chleachd Burns ann an 'Tam O'Shanter.'<sup>21</sup> An sin, bhiodh na bùidsich a' dannsa ri ceòl an Diabhail, agus 's e sin a tha ri fhaicinn anns an dannsa san t-sithein. Tha coltas deamhanail air, an dà chuid ann an siostam arcataipeach Frye mar neach a tha gu math sgreamhail, anathlachdmhor, agus mar fhear aig a bheil cuid de dh'fheartain an Deamhain Chrìosdail. Innsidh e fhèin gu bheil cuid ga ainmeachadh mar 'Mhuisean' (*Maighdean*, 204), facal a tha Dwelly (1994, 680) a mhìneachadh mar an Deamhan. Nì Moireasdan tuairisgeul air coltas a' phiobaire mus toisich earrann a' chiùil mhòir:

Ard phiobaire is car 'n a cheann,  
Fear iarnaidh mosach lachdunn odhar,  
Le suilean cam is braoisg nan gobhar,  
Bho liopan tiugh bha sileadh, ronn  
'S e gleusadh piob g' a cur am fonn, (*Maighdean*, 200)

Len ìomhaigheachd de dh'fhear àrd, iarnaidh is coltas nan gobhar air, tha Moireasdan a' dèanamh ceangal soilleir le ìomhaigheachd an dualchas litreachais san do rinneadh 'Tam O' Shanter':

There sat auld Nick, in shape o' beast;  
A towzie tyke, black, grim and large;  
To gi'e them music was his charge;  
He screwed the pipes and gart them skirl (Burns, 1904, 200)

Ann an siostaman Frye chìthear gu bheil an dealbhachadh seo de dhaoine ghrànnda a' fuireachd fon talamh, ann an toman na Doideig, na h-ìomhaigheachd dheamhanail mar a chunnacas le ìomhaigheachd Uaimh Mhàmoir ann an *Domhnullan*. Ach ann an cuid de dh'àitichean, le bhith a' cleachdadh ìomhaigheachd a bha a' buntainn ann an dòigh gu math follaiseach ri eachdraidh nam

<sup>21</sup> Tha dileab Burns ri fhaicinn ann am bàrdachd eile a rinn Moireasdan. Gu soilleir tha dàin leithid 'Am Buntata' (Moireasdan, 1929, 116-17) a thòisicheas le "Fàilt' ort fhein a bhuntata ghrinn, | Air truinnsear cruinn fa chomhair mo shul" stèidhichte air "To a Haggis" (Burns, 1904, 142-44). Rinn Moireasdan dàn dhan bhàrd Ghallda cuideachd airson a là-chuimhneachaidh, 'Rob Burns' (Moireasdan, 1929, 254-58) far a bheil e a' togail aon de na cuspairean a nochdas aig crìoch a Mhaighdein is bha Moireasdan fhèin ag aithneachadh ann an saothair Burns: "luchd a' chrabhaidh fhuair" (ibid., 257).

buidseach ann an Alba, tha Moireasdan gu ìre mhath dall ris na thachair ris na cailleachan neochiontach sin san da-rìribh: mar a nì an t-iomradh mì-chàilear aige air mar a bha an Doideig airidh air “baraille tearr” soilleir (*Maighdean*, 193).

Tha buaidh nas fharsainghe bhon ochdamh linn deug gu h-àraidh follaiseach anns na h-earrannan sgeigeach ann am meataireachd chiùil mhòir, oir chan ann tric a chaidh a’ mheataireachd ud a chleachdadh mar sin o linn Mhic Mhaighstir Alasdair. Chuir Moireasdain (1929, vii) às-earrann bhon chiad dàn san *Ais-Eiridh* aig toiseachd a’ chruinneachaidh aige fhèin is tha e follaiseach gu robh e eòlach air saothair an Dòmhnallaich. Chan eil an dàn aig Moireasdain idir cho sgaiteach ’s a tha am ‘Mio-mholadh’ aig Mac Mhaighstir Alasdair (MacDhonnail, 1751, 26-36) a tha a’ càineadh gach buill de chorp Mòraig mu seach, ìomhaigheachd a chaidh fhaicinn ann an Caibideil 2.1. Ach tha na h-earrannan san earrainn phìobaireachd, far a bheil am Pìobaire ag atharraich na tha daoine ag ràdh mun Doideig, a’ sealltainn gu bheil Moireasdan deònach ìomhaigheachd gu math mì-chneasta a chleachdadh:

Ged tha i cho plucach,  
 Cho lurchach ’s cho leobach,  
 Is giuig innt’ bho mullaich  
 Gu inean a spogan,  
 Ged tha i ’n a craigein,  
 Cho crotach ’s cho spagach  
 Cha bhi thu oirr’ taireil,  
 ’S i ’n geall air do phogan. (*Maighdean*, 209)

A-rithist tha Moireasdan a’ glèidheadh ìomhaigheachd a chaidh a dhèanamh san ochdamh linn deug is ga taisbeanadh san fhicheadamh linn. Tha an ath-aithris aig toiseachd cuid de dh’earrainnean na pìobaireachd a’ sealltainn buaidh Mhic Mhaighstir Alasdair cuideachd:

Feumaidh tu feumaidh tu,  
 Feumaidh tu pogadh. (*Maighdean*, 208)

O dastram, dastram,  
 Dastram Morag! (MacDhonnail, 1751, 16)

Chìthear san fharsaingeachd, an dà chuid le buaidh Mhic Mhaighstir Alasdair agus buaidh Burns, gu bheil dualchas an dàin fhada a' toirt air Moireasdan cuid de dh'fheartan ana-bhoireantail bhon ochdamh linn deug a ghlèidheadh na bhàrdachd fhèin.

'S e aon de na cuspairean eile far a bheil an dà chuid sealladh boireantail agus sùil air litreachas an ochdamh linn deug feumail, buaidh an uisge-beatha air an dàn. Tha ceangal dlùth eadar am Pìobaire agus an t-uisge-bheatha, a mhol agus a dhealbhaich esan o thùs, tha e ag innse dhuinn. A' leantail a' cho-shìnteachd eadar an saoghal os-nàdarra agus an saoghal nàdarra chìthear gun do dh'fhan Padruig aig taigh Ailein Dhaill an-uiridh gun smaoin air Catriona, agus am-bliadhna nì e an dearbh rud san toman a' dannsa ri ceòl a' Phìobaire. Tha an dà chuid ceòl a' Phìobaire agus an t-uisge-beatha a' ceadachadh ghnìomhan a bhiodh connspaideach san àbhaist. Tha am Pìobaire a' cleachdadh seo agus e a' cur an cuimhne Phadruig an uidhir de dh'fhearg a bhiodh air Catriona nan robh fios aice gu robh e a' dannsa leis a' Mhaighdein (*Maighdean*, 203).

Cuiridh Moireasdan buaidh ghnèitheil air an uisge beatha: nì e iomradh air buaidh an t-seann stuth air na fireannaich:

Fear bog gu'm fagadh cruaidh,  
Gur iomadh buaidh ri luaidh,  
Is gheibheadh suirgheach buaidh  
Le cuid seolainnean. (*Maighdean*, 205)

Le beachdan a' Phìobaire air an uisge-beatha, an seo agus aig crìoch an dàin tha Moireasdan a' dèanamh ceangal eile le saoghal bàrdachd an ochdamh linn deug oir tha an dà chuid moladh agus dìomholadh an uisge-beatha na chuspair chudromach ann am bàrdachd an linn sin air adhart (MacInnes, 2006, 314). Nochd dàn leis an ainm 'Comh-radh, mar go b' ann eider caraid agus namhaid an Uifgebheatha' le Iain MacCodrum mar an dàn deireannach san *Ais-Eiridh* (1751) mar eisimpleir.

Bha e na chuspair cudromach aig Burns mar an ceudna a sgrìobh iomadach dàn air a' chuspair a leithid 'Scotch Drink', (Burns, 1904, 21-25). Tha Moireasdan agus Burns air gearanan coltach a thogail, agus ann an 'Scotch Drink' tha Burns a' bruidhinn air na gàidsearan:

Thae curst horse-leeches o' th' Excise,  
 Wha mak the whisky stells their prize!  
 Haud up they han', Deil! ance, twice, thrice!  
 There, seize the blinkers!  
 An' bake them up in brunstance pies  
 For poor d—ned drinkers. (1904, 21-25)

Tha peanasachadh a cheart cho cruaidh am beachd Piobaire Mhoireasdain airson iadsan a mhill an t-uisge-beatha:

Na 'n cluinneadh tu an ochanaich,  
 'N uair chruinnicheas iad comhladh,  
 'G am bathadh leam an lochan breun,  
 Bho chamhanaich gu glomainn. (*Maighdean*, 211)

San fharsaingeachd innsear gu bheil an t-uisge-beatha a' toirt spionnadh agus misneachd dhaibh: “Thogadh cridh' fear fann, | Sugh an eorna bh'ann.” (*Maighdean*, 205). Chithear buaidh ghnèitheil an uisge-beatha gu soilleir leis an stuth a tha am Piobaire an dùil a chur na àite ann am pige Phadruig: uisge-siabannach (*ibid.*, 204). Obraichidh seo mar shamhla air an t-saoghal bhoireanntail, fhulangach a dh'fhàg Padruig taobh a-staigh an taigh aige. Tha an saoghal siud na chùis-eagail dha, leis gu bheil e a' samhlachadh an dìth ghnìomhachd a tha aig caractaran leithid Catriona san dàn.

Tha Moireasdan aig crìoch an dàin a' sealltainn ùidh ann an staid shòisealta na dùthcha gu h-àraidh leis na briathran aig Mùisean air na misgearan agus “luchd an t-sugraidh mheallta” (*Maighdean*, 212). Le seo tha am bàrd a' leantail Burns a chrìochnaich an dàn aigesan le rabhadh moralta mun deoch is mu bhoireannaich:

Whene'er to drink you are inclined,  
 Or cutty sarks run in your mind,  
 Think! ye may buy the joys owre dear;  
 Remember Tam o' Shanter's mare. (1904, 203)

Tha iom-sgaradh ann ge-tà, eadar na beachdan a bheir am Piobaire seachad mu mhiosad an uisge-beatha, far a bheil leughadair nas buailtiche bhith gabhail ris, agus an earrann deireannach far a bheil e soilleir gur ann mar an t-Sàtan a tha e a' bruidhinn:

Tha sugradh ann tha ceanalta,

Aoidheil cairdeil geannnaidh,  
 Cha chord an gleus sin idir rium,  
 Baoth-shugaireachd gur m' annsachd, (*Maighdean*, 212)

Le sùil air an dàn san fharsaingeachd faodar a ràdh gu robh Moireasdain a' sgrìobhadh dàn airson luchd-leughaidh fireann sa mhòr-chuid, mar a bha bàird a' chorpais air fad. Tha an dealbhachadh aige de na caractairean boireannta an-còmhnaidh an eisimeil a' phrìomh caractair, Padruig agus iad a' giùlan an sgreann, miann neo an-fhois aigesan. Ged a tha sin fìor, tha e cuideachd follaiseach gu bheil Moireasdan soirbheachail a bhith a' làimhseachadh nan arcataipean gneithealach a tha rim faicinn san dàn. Tha e fiosraichte agus eòlach air cuid de na sgrìobhadairean a bha air nochdadh roimhe san t-seòrsa sgrìobhaidh seo, gu h-àraidh Burns agus Mac Mhaighstir Alasdair. Cleachdaidh e structar fillte a figheas saoghal nàdarra agus os-nàdarra ri chèile gus na cuspairean aige a mhìneachadh, agus a chuireas cruth ciùil mòir gu feum cuideachd, a bharrachd air a' mheataireachd aithriseach aige (a dh'fhaodadh a bhith na h-iasad bho dualchas na Beurla-Gallda mar a chunnacas).

Tha an sgrùdadh boireanntail seo air sealltainn gu bheil an dàn a' cinntinn às draghan fireann a leithid sgreann ron t-seann chaillich, eagal ro shaoghal fulangach an taigh-còmhnaidh agus smachdachadh nam ban a thaobh na saothrach aca sa choimhearsnachd. 'S urrainn do na feartan seo a bhith ag èirigh à aisling Phadruig is e a' dol na chadal air a shlighe dhachaigh, bho fheartan dualchasach, air neo bho bheachdan Mhoireasdain fhèin. Tha Crunluath a' Phìobaire, aig crìoch an dàin a' toirt cothrom do Mhoireasdain beachdan aimsireil aige fhèin a chur thairis, a dh'aindeoin an aithriseir neo-earbsaich. Tha an dàn air a dheagh sgrìobhadh sa mhòr-chuid is e a' leantail nòsan Gallda is Gàidhealach aig diofar amannan. Le bhith cho mòr an eisimeil dàin a chaidh a dhèanamh barrachd air ceud bliadhna ro làimh chan eil e ag amas air ùr-nòsachd idir, ach tha e soirbheachail ma ghabhar ris mar dhàn a dh'fheuch os-nàdarrachd shaidhceòlach 'Tam O' Shanter' amaladh ann an dualchas an dàin fhada Ghàidhealaich. Tha na ceanglaichean bàrdail seo ge-tà, cuideachd a' glèidheadh claonas neo dhà bho na dàin sin, is iad a' nochdadh às-ùr san fhicheadamh linn.

## 9. Dòmhnall Ruadh Mac an t-Saoir, Aoir agus Satair

'S e glè bheag de bhàird a dhearbh luach bàrdachd dhualchasaich Ghàidhealaich nas fheàrr na Dòmhnall Ruadh Mac an t-Saoir (1889-1964). Mar a thuirt Black (1999, lii) mu cho-chruinneachadh Mhic an t-Saoir: “[*Sporan Dhòmhnail*] arrived like a bombshell, blowing up into the air all the certainties about the superiority of the ‘new’ verse that I had imbibed since arriving at university in 1964”. Ann am *MacPhàil agus MacThómais*, nì Mac an t-Saoir aoir ann am meataireachd ciùil mhòir air dithist bhodach Uibhisteach a bha a’ fuireach ann am bothan beag de thaigh agus nach robh a’ cumail suas an fhearainn aca. Ged a tha cronachadh sòisealta na chuspair san dàn, thig e am follais gu bheil am bàrd a’ dèanamh tuairisgeul air an dòigh-beatha a bh’ aige ann an Uibhist na òige, agus e ag innse don leughadair mar a rinn iad iomadach diofar ghnìomh-obrach air a’ chroit. 'S e seo an eisimpleir as fheàrr san tràchdas de bheartas bàrdachd dualchasaich agus e a’ cinntinn à saoghal an taigh-chèilidh ann an Uibhist. Air sgàth 's an t-suidheachaidh gineamhain sin tha e a’ riochdachadh an dà chuid feartan bho bhàrdachd aithriste agus litreachas sgrìobhte.

Ach fiù 's ged a tha cliù fada nas àirde aig Mac an t-Saoir na tha aig cuid de bhàird eile a sgrùdar san tràchdas, chan eil *MPMT* air cus aire fhaighinn anns an sgoilearachd. Chan eil e a’ nochdadh ann an Thomson (1974) ach gheibh e moladh fialaidh san dol seachad anns an ro-ràdh don *Tuil* (Black, 1999, liii). Sheall Macilleidhuibh (Black, 2007, 113-14) mar a chinneas na 793 sreathan de *MPMT* bhon bhun-stèidh a thug Mac Mhaighstir Alasdair do litreachas sgrìobhte na Gàidhlig san ochdamh linn deug. Tha e den bheachd gun do rinneadh an dàn sna 20an (*ibid.*, 113). Do Mhacilleidhuibh 's e cudromas agus cliù obrach cruaidhe aon de na prìomh chuspairean san dàn: “As in the ‘Birlinn’ [...], this is the dignity of labour: if Alasdair is a socialist, Macintyre is a stakhanovite” (*ibid.*, 114). Coltach ri Aonghas Moireasdan, bha deagh mheas aig Mac an t-Saoir air Burns, agus rinn e eadar-theangachaidhean air ‘Tam O’ Shanter’ agus ‘The Twa Dogs’ a nochd ann an *Sporan Dhòmhnail* (1968, 315-338). Tha ùidh ann an aoir is satair foilleasach ann an cuspairean saothair an dà bhàird.

Tha an dàrna dàn aig Mac an t-Saoir san tràchdas seo, *Aeòlus agus am Balg*, annasach na dhòigh fhèin. Coltach ri *MPMT* tha bàrdachd agus comhardadh iongantach anns gach rann ach mas e is gu bheil tùs

*MPMT* ann am meatrachdan ciùil mhòir, tha *Aeòlus* a' coimhead air ais gu turas èiginneach na *Birlinn*. Tha trì diathan pàganach, *Aeòlus*, *Neptune*<sup>22</sup> agus Tòr, uile a' tighinn còmhla gus Uibhist a chreachadh agus gus sealltainn cho neartmhor 's a tha iad le stoirm. Dhaibhsan tha cumhachd an-còmhnaidh ceart ann an dòigh a bha co-shìnteach rin fheallsanachd Fhaisistich a bha a' toirt dùbhlain do na dùthchannan deamocrataigeach ann an 1938. Tha Bill Innes (Mac an t-Saoir, 2008, xix) air sealltainn, le fianais bhon dàn, gu bheil e coltach gu bheil an triùir dhiathan nan samhla air buidheann na h-Aisle, gu h-àraidh an triùir dheachdairean: Mussolinidh, Hitler agus Hirohito.

Bha aoir na chuspair agus na mhodh bunaiteach ann am bàrdachd Ghàidhlig leis gu robh cliù agus meas aig na bàird sa choimhearsnachd Ghàidhealaich. Tha Meek (1995, 31) ga ainmeachadh mar taobh eile bàrdachd mholaidh san naoidheamh linn deug agus èiridh seo a-mach às an dualchas nas fharsainghe de bhàrdachd molaidh. Do Meek, 's urrainn don aoir cuimhneachadh air mar a chaidh an cuspair a mhaslachadh, neo 's urrainn dhan aoir fhèin feuchainn ris a chulaidh a mhaslachadh a dh'aona-ghnothach air sgàth 's adhbharan sòisealta: "Indeed, the goal of a traditional satire was to incapacitate the perpetrator of the action deemed unworthy by the poet" (*ibid.*). Ann am *MPMT* tha Mac an t-Saoir ag innse gu soilleir dha luchd-leughaidh gur ann gus nàire a chur air a dhithist chuspair a tha e a' dèanamh an òrain, gus casg a chur air an leisg aca. Ann an *Aeòlus* thèid magadh a dhèanamh air beachdan faisisteach mu dheidhinn cumhachd is am bàrd a' cleachdadh beart alagorach gus seo a dhèanamh. Bidh an caibideil seo a' gabhail beachd air mar a chleachdadh aoir san dà dhàn: an-toiseach le sùil air an aoir a rinneadh air an dithist chroitèaran sa choimhearsnachd agus an uair sin le mar a chleachd Mac an t-Saoir alagoraidh gus satair a dhèanamh air nàimhdean a dhùthcha ann an 1938.

Le sùil air aoir san fharsaingeachd, tha e soilleir gu robh seo na cumhachd chudromach aig na bàird agus bhiodh iad ga cleachdadh nam bàrdachd. Tha e cothromach a ràdh nach robh sgrùdairean Gàidhealach air cus ùidh a shealltainn a thaobh aoir gus na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh. San aiste aige air fìorachas ann am bàrdachd Ghàidhealach bha MacGill-Eain (1946, 104) den bheachd nach b' fhiach a' mhòr-chuid de dh'aoir Gàidhealach is gu robh: "A great deal of Gaelic satire is mere

<sup>22</sup> Cha do dh'fheuch Mac an t-Saoir air dreach Ghàidhlig a chur air an aimn seo.



‘flyting’, pure vituperation, which fails not so much through lack of general realism as through lack of probable truth in the particular instance.” Molaidh e saothair Rob Donn, a thaobh an “restraint” aige (*ibid.*, 103). Tillidh sinn do na diofar sheòrsaichean aoir a tha rim faicinn ann an litreachas na Gàidhlig gu h-ìosal ach tha e soilleir nach robh MacGill-Eain cofhurtail leis cho cumhachdach 's a tha cuid de dh'aoir Ghàidhealach. Mar a chanas Black:

Only now, with a slow return to codes of tolerance scarcely experienced in the Highlands since the eighteenth century, are the deep roots and subtle conventions of traditional satire beginning to be understood through systematic study of the scatology of Alastair mac Mhaighstir Alastair, a master of the art. (1999, xxv)

'S e Black fhèin aon de na sgrùdairean a tha air cuid de dh'adhartas a dhèanamh san roinn seo, leis an ro-ràdh aige don *Lasair* (2001, xxiv-xxvi) a' coimhead air an dàimh eadar bàrdachd molaidh agus aoir.

A' togail air cuid de na draghan sgoilearail seo, thathas gu 'satair' agus 'aoir' a chleachdadh, sa chaibideil seo gu h-àraidh, gus argamaid airson beagan a bharrachd sgairidh eadar càineadh cruaidh nan aoirean agus càineadh nas seolta aig ìre structarail neo samhlauchail ann an satair. Tha barrachd obrach ri dhèanamh gus measadh a dhèanamh air an dòigh sa bheil na diofar dhòighean de chàineadh bàrdail eadar-dhealaichte bho càch a chèile ann an litreachas na Gàidhlig: tha e soilleir gu bheil amasan eadar-dhealaichte aig an vituperation a dh'ainmich MacGill-Eain bho cuid de na satairean nas ealantaiche. Mar sin, cleachdar 'aoir' airson a' mhagaidh nas pearsanta a thèid a dhèanamh air MacPhàil agus MacThómais, agus cleachdar 'satair' airson a' chàinidh nas samhlauchail air ceannardan agus beachdan nam faisisteach, a nochdas ann an *Aeòlus*.

Tha an dà chuid dubh-chàineadh agus satair nas seòlta rim faicinn ann an saothair Mhic an t-Saoir. Bha e deònach briathran cumhachdach a chleachdadh gus na ceannardan faisisteach a dhìtheadh. Nì e seo gu follaiseach ann an 'Aoir Mhussolìnidh' (Mac an t-Saoir, 1968, 262-65) far an tèid coltas, àrdan agus seòltachd a' cheannaird ud a chàineadh:

Leis a' smigid mhór a' cur bhuaith,  
'S a bruidhinn gus na bhodhair e ar cluasan,  
'S teang' urad ri rò-seol sgoth thuathach,  
'S an glagaire air each mór, blaiseard na Roinn Eòrp',

Leithid sin do ròpladh, cha chualas; (*ibid.*, 262)

Nì e iomradh fada air mar a chaidh an deachdaire a mharbhadh agus an sluagh ga phronnadh (265). Ann an ‘Aoir an Luchd-Riaghlaidh’ (266-77) càinidh e, ann an dòigh nas fharsainghe, iadsan aig a bheil cumhachd ann am Breatainn ron Dàrna Cogadh. A-rithist tha sealladh gu math sgaiteach, dlùth, aige air coltas nam ball-pàrlamaid is iad ag ithe, mar eisimpleir, ach le blas beagan nas aotraime:

Ach nuair a chuirear gu biadh e,  
 Chan fhaca crìosdaidh a leithid;  
 Gheibh e chur air a bhialaibh  
 Do dh’airm na riaraidheachd seisear,  
 Gur gann gum b’urrainn mi àireamh  
 Eadar spàinnean is sgeinnean  
 Na bheir an duine g’a ionnsaigh  
 Mu’m faigh e’n cùrsa mu dheireadh  
 A chur a-steach. (Mac an t-Saoir, 1968, 272)

Nochdaidh an aon seòrsa magaidh ann an ‘Òran na Cloiche’ agus Deadhain a’ Mhanaistear air ìsleachadh gu bhith na mhinistear chlisgeach. A-rithist tha Mac an t-Saoir a’ cleachdadh geurachas teanga gus puing phoilliteagach innse:

’S bha’m Ministear cho tùirseach  
 ’S a’ mhadainn nuair a dhùisg e,  
 ’S praban air a shùilean  
 A’ tionndadh a-mach,  
 E coiseachd feadh an ùrlair,  
 Ag ochanaich ’s ag ùrnuigh,  
 ’S a’ coimhead air a’ chùil  
 Anns an d’ionndrainn e chlach, (Mac an t-Saoir, 1968, ll. 4314-21)

Mar a chunnacas, tha Bill Innes air argamaid gu bheil *Aeòlus* na satair alagorach air an triùir Dheachdairean Faisisteach a bha a’ feuchainn ris na h-Impireachdan aca a leudachadh ann an 1938: bha Iapàn a’ cath ann an Sìne; bha an Eadailt air ionnsaigh a thoirt air Abyssinia agus bha a’ Ghearmailt air a’ chumhachd aice a neartachadh le smachd fhaighinn air Czechoslovakia (Innes, 2008, xix). Rinn Mac an t-Saoir càineadh soilleir air Hitler taobh a-staigh ‘Aoir nan Luchd-Riaghlaidh’ mun àm seo, far an tèid a ainmeachadh, agus a dhealbhachadh mar a leanas:

Am fear a mheall air a chàirdean,

Am fear a dh'àicheadh a chùmhnannt;  
 Am fear nach géill do na fàintean  
 A bhrosnaich nàdur na brùideadh. (Mac an t-Saoir, 1968, 275).

Thèid “an t-Eadailteach” a chàineadh mar an ceudna airson nan droch ghnìomhan a rinn Mussolìnidh ri muinntir Afraga. Ach b’ e an t-aontachadh a rinneadh ann am Munich a bu mhotha a chuir fearg air Mac an t-Saoir (*ibid.*, 274-75) leis gu robh ceannardan a dhùthaich fhèin an sàs ann agus e a’ càineadh Chamberlain. Chìthear bhon fhianais seo bho ‘Aoir an Luchd-Riaghlaidh’ gu robh Mac an t-Saoir mothachail air mar a dh’èirich an cogadh a-mach às na tachartasan nas tràithe sna tricheadan. B’ iad seo na dearbh thachartasan a bha a’ dol air aghaidh fhad ’s a bha e a’ dèanamh *Aeòlus* is chìthear seo gu h-ìosal. Tha e cuideachd follaiseach gu robh Mac an t-Saoir a cheart cho toilichte na ceannardan seo a chàineadh ’s a bhiodh e an rud ceudna a dhèanamh ri croitear ann an Uibhist. Tha MacAonghais (MacInnes, 2006, 3) ag ràdh : “A contemporary bard in a crofting township is the distant heir of the poets who once enjoyed the patronage of the kings of Scotland [...] and will make songs, as of right, on issues of national and international import.” Gu dearbh, chìthear a’ chòir seo ann an saothair Mhic an t-Saoir agus i na cheangal cudromach eadar dualchas nan Gàidheal agus bàrdachd aimsireil air cùisean nàiseanta.

### 9.1.1 *MPMT*: Structar agus Sgeulachd

Tha *MPMT* na dhàn a chaidh a dhealbhadh mar phìos bhàrdachd iom-fhillte, roinnte le bàrd a bha mothachail air feartan bhon dualchas a bha an dà chuid sgrìobhte agus aithriste. Tha structar an dàin a’ sealltainn an eòlais a bh’ aig Mac an t-Saoir air dàin fhada a bha air nochdadh roimhe. Chleachd Mac an t-Saoir cruth ciùil mòir airson an dàin is e eòlach air an dìleab aig Donnchadh Bàn agus Mac Mhaighstir Alasdair do ghnè-sgrìobhaidh an dàin fhada, mar a thaisbean Black (2007). Tha Mac an t-Saoir, a bha na phìobaire (MacIntyre, 1968, xvii), air na diofar thionndaidhean meataireachd a chuir ri chèile ann an seachd “Rannaghalan” seach earrannan ainmichte leis na tionndaidhean pìobaireachd, mar a nochdas iad ann am bàrdachd ciùil mòir eile. Tha Black (2007, 113) ceart a ràdh gu bheil seo ceangailte ris an eòlas aige air dòighean pìobaireachd.

Taisbeanadh e an t-eòlas seo aig toiseach an ‘Rannaghal Mu Dheireadh’ cuideachd is e a’ tionndadh gu meataireachd a’ chrunluaith. Cleachdaidh e na h-ainmnean aig cuid de na seòrsaichean tionndadh ciùil mòir (Dwelly, 1994, 161) sa chiad de chòig rannan de dh’ochd sreathan:

Gus an toir mi gu co-dhùnadh e  
 Le **crunluath** agus **taorluath**,  
 Ach **fosgailte** no **dùinte** e,  
 Biodh e **singilte** no **dùbailte**,  
 Bi buidheach no bi diùmbach dheth,  
 Gun **siubhail** e feadh an t-saoghail. (*MPMT*, 3519-24) Clò-dubh agamsa.

Tha an dàn a’ tòiseachadh leis a’ bhàrd ag ainmneachadh nan amasan aige: gus fios mu MhacThómais a sgaoileadh air feadh an t-saoghail. Leanaidh e air le aoir gu math pearsanta mu dheidhinn coltais an duine. San dàrna rannaghal thèid cor taigh MhicThómais agus staid nam beathaichean aige a chàineadh. Seallaidh am bàrd san treas pàirt den dàn mar a bhiodh MacThómais na suidhe leis an fhuachd air sa gheamhradh.

Leanaidh an cuspair seo air dhan Cheathramh Rannaghal far an tèid taisbeanadh a dhèanamh air gach ceum de dh’obair na mòna—bho a bhith ga buan gus an tèid a chur air an teine. ’S e an rannaghal sin am fear as motha, le 410 sreath, far an dèan Mac an t-Saoir tuairisgeul iongantach air obair a’ bhaile, gu seachd àraidh buain na mòna agus togail na clèibhe. Taisbeanadh Mac an t-Saoir an dà chuid mar a chaidh na h-obraichean a dhèanamh agus na beusan a bh’ aig na daoine a bha gan dèanamh agus seo ann an iom-sgaradh soilleir le leisge MhicThómais is MhicPhàil

Tha na trì rannaghalan mu dheireadh nas giorra, coltach ris a’ chiad trì. Coimheadaidh an còigeamh fear air cur agus buain buntàta, agus togail feamainn. Tha an siathamh fear a’ coimhead air maoraich agus iasgach is crìochnaichidh Mac an t-Saoir an dàn san rannaghal mu dheireadh le co-dhùnadh a tha a’ toirt a chomhairle do MacThómais cruinn còmhla agus ag innse dhan leughadair a-rithist carson a rinn e an aoir air an dithist aca.

### 9.1.2 *MPMT*: Subhailcean an aghaidh Dhubhailcean

Bha luchd-teòiric Clasaigeach agus Daonnachdail air cuid de dh'fheartan bho shatairean Eòrpach àrdachadh gu bhith nan riochdairean air deagh shatair san fharsaingeachd. Anns na 1960an dh'fheuch cuid de sgrìobhadairean, le Frye nam measg mar a chunnacas ann an Caibideil 5, air teòiricean nas iomlaine a dhèanamh a thaobh satair agus litreachas. Mar a tha Griffin (1994, 28) ag innse chleachd Mary Claire Randolph (1942) beachdan bhon ochdamh linn deug gus sgeuma dà thaobhach a chruthachadh. Bhiodh satair a' càineadh dubhailc agus a' moladh na subhailce a bha gu dìreach an aghaidh na dubhailce sin. Bha Randolph faiceallach gus an t-iom-sgaradh seo a chur air adhart ann an dòigh mheasarra, is i ag ràdh gu robh am moladh gu tric neo-iomlan agus nach robh an t-iom-sgaradh ri fhaicinn ann an gach seòrsa satair idir. Bha na Nua-Sgrùdairean ceangailte ri Oilthigh Yale air satair fhaicinn mar ealain reatoraig is iad a' toirt sgrùdadh geur air an teacs fhèin, air falbh bho cho-theacsa a chruthachaidh. Do sgoil eile à Chicago bha ceangal cudromach eadar satair agus eachdraidh san dà-rìribh, agus satair a' cleachdadh ficsean gus ionnsaigh a thoirt air gnothaichean fìora, eachdraidheil (Griffin, 1994, 29). Coltach ri Frye bha na sgrìobhadairean seo uile a' feuchainn ri nàdar fa leth a lorg ann an satair, le feartan sònraichte mar ghnè-sgrìobhaidh, rud a chaidh a chur gu aon taobh, gu ìre mhath, anns na deicheadan às dèidh sin.

Tha e soilleir gu bheil an t-iom-sgaradh a mhothaich Randolph ri fhaicinn ann am *MPMT*: taisbeanar buaidh na leisge an coimeas ri buannachdan saothrach. Thèid an leisg ainmeachadh gu bitheanta mar an lochd a tha air MacThómais a chur ceàrr, mar eisimpleir aig toiseachd an Treas Rannaghal:

Nach e'n leisge ghrànda  
 Thug a' bhuaidh air;  
 Thug i na bha nàire  
 'Na ghruaidhean as.  
 Cha dean e car feum  
 A chàch no dha fhéin  
 'S bidh e air an déirce  
 'Na uaireannan; (*MPMT*, ll 2965-72)

San t-Seathamh Rannaghal, chithear sannt agus leòm am measg a lochdan, is iad ceangailte ris an leisg aige. Bhiodh sin a' dol leis a' bheachd Chaitligich, gur e peacadh bunaiteach a bh' anns an leisg (Aquinas, 1917, 468-69), fear a bha a' brosnachadh pheacaidhean eile:

Cha téid e'n tràigh mhaoraich,  
 'S ann bhios faoineas do leòm air;  
 Cha b'fhiach leis bhith saothrachadh  
     Fhaochag is chnòmh'gan [...]  
 Bidh e 'g ràdh nuair a thig e  
 Nach àill leis iad idir,  
 Ach nuair gheibheadh e bruich iad,  
 'S e a dh'itheadh a leòr dhiubh. (*MPMPT*, ll. 3505-09; 3514-17)

Ged is ann o shealladh na buaidhe moralta a tha tùs càineadh a' bhàird, tha e a' sgaoileadh do gach dòigh sa bheil an leisg ri fhaicinn ann am beatha an dithist aca. Nuair a thèid coltas MhicThómais a chàineadh tha seo co-cheangailte ri cho leisg sa tha e. Thèid an sealladh seo a sgaoileadh nas fharsainghe sna h-earrannan a leanas gu cho leisg 's a tha e mu chuairt an taighe agus air a' chroit:

'S leis na bheil do shùithe  
 Air mullach a chinn  
 Gum bu mhath na h-inghean  
     A sgròbadh e.  
 Leth-eitheamh do dh'fheusaig  
 Is còrr air  
 Chan fhaic mi greim air sgeul  
 Ach an t-sròn dheth, (*MPMT*, ll. 2790-97)

'S ann às an leisg a chinneas coltas garbh an duine seo, is e gun bhearradh aodainn neo e fhèin a ghlanadh. Tha ceangal ann mar an ceudna eadar a' ghruag shalach agus droch staid an taighe aige, leis gum biodh an sùith agus an t-uisge a mheasgachadh mura robh a mhullach dìonmhor.

Seallaidh Mac an t-Saoir cuideachd cho mì-chofhurtail 's a tha MacPhàil is MacThómais air sgàth na leisge. Sa Cheathramh Rannaghal nì Mac an t-Saoir iomradh air mar a bhios an fhuachd air MacThómais sa gheamhradh leis nach eil e air an taigh a chàradh gu ceart neo air mòine a bhuan:'s e an leisg a tha fàgail nach eil na goireasan aca airson beatha nas cofhurtaile. As dèidh dhan bhàrd obair na mòna air fad a thaisbeanadh, canaidh e:

'S gu dé chumadh an fhleasgach ud  
 Gun an caoran a loisgeadh e;  
 Chan aithne dhòmh-sa g'eil leisgeul air,  
 Ach an leisge 's gu leòr dhith. (*MPMT*, 3411-3414)

Tha an dàimh eadar an leisg agus staid truagh an dithist fhleasgach cudromach oir 's e an leisge a tha ag adhbhrachadh cho truagh 's a tha iad, is chan e a' bhochdainn, am beachd a' bhàird:

'S gum faodadh e bhuain dhith  
 'S a tharruing 's a chruachadh  
 Na gharaidheadh fuamhaire  
 Gun luadh air MacThómais. (*MPMT*, ll. 3009-12)

Gu math tric 's e dìth càradh a tha ceàrr leis is seo na thaisbeanadh eile air leisg MhicPhàil is MhicThómais: “Chan fhac’ e gréim tubhaidh | Am bliadhna no’n uiridh” (*MTMP*, ll. 2838-9) mar a chanas e mu mhullach an taighe. Nì e tuairisgeul fada air cho bochd 's a tha beathaichean MhicThómais air sgàth dìth cùraim:

Gun fhodar, gun fhiar ann,  
 Gun sìon a théid fòpa;  
 [...]  
 Nas motha no an t-seiche  
 Cha reic e ri bheò dhiubh (*MPMT*, ll. 2874-75; 2880-81)

Sa Cheathramh Rannaghal cluinnear gun do bhàsaich an gearran as t-earrach a bu chòir a' mhòine a tharraing (*MPMT*, ll. 3383-86). Chithear le a buaidh mhoralta, fhiosaigeach agus a' bhuaidh orrasan mu chuairt air an dithist character, gu bheil an leisg air a dìteadh gu h-iomlan.

Tha seo uile a' fàgail iom-sgaradh gu math soilleir leis na buaidhean a tha Mac an t-Saoir a' taisbeanadh a dh'èirich bho obair croitearachd. Thig iad seo am follais gu h-àraidh fhad 's a tha e a' moladh an duine a thogas na clèibhean (*MPMT*, ll. 3205-32). 'S e seo taobh eile a' chàinidh, is e a' sealltainn buaidh na h-obrach agus a buannachdan moralta:

Smùid am tombaca  
 Mu shùilean a' sgapadh,  
 'S e driùchd-cheannach, falt-bhoinneach  
 Bailc-ruidhteach, ceòthach;  
 A' dùnadh 's a' tacadh,  
 'S a' dlùthadh 's a' calcadh,

'S a' ciùileadh 's a' ceapadh,  
 'S a' cearcladh an òrdugh,  
 'S e truislichte, crioslaichte'  
 Fiosraichte an eòlas.  
 [...]  
 B'e dùthchas a shìnsre e  
 Cinntinn 'na phòraibh;  
 A bhith eanchainneach, innleachdach,  
 Dìcheallach, deònach,  
 Saothrachail, ullamh  
 Gu buinig a bheò-shlaint'; (*MPMT*, 3185-94; 3203-08 )

Chìthear san earrainn seo am measgachadh de dh'ìomhaigheachd mheanmnach, dealbhachadh obrach agus beachdan moralta air obair a tha follaiseach bhon Treas Rannaghal air adhart. Aig deireadh an dàin is e a' bruidhinn air obair na talmhainn, le car-fhacal bheag air 'mathas', canaidh e:

'S ged a bhiodh e car beag fadalach,  
 Tha mathas ann nach saoil thu. (*MPMT*, 3547-48)

A-rithist, chan e dìreach buannachdan moralta a tha fa near don bhàrd. Bu chòir 's gum biodh MacPhàil is MhacThómais fhèin mothachail air a' bhuannachd shaoghalta a gheibheadh iad bhon obair. Mar eisimpleir innsidh Mac an t-Saoir mar a chaidh a' mhòine a chur gu feum airson iomadach obair mu chuairt an taighe:

Far an deanadh e feum dha  
 Gu gréidheadh, gu stòbhadh,  
 Gus tiormachadh éididh,  
 Gus léintean a theòdhadh;  
 Gus goil a' bhuntàta,  
 Gus garadh nan làmhan,  
 No an torrag na h-àmhadh  
 Gu gràinnseachadh eòrna, (*MPMT*, 3111-18)

Nì Mac an t-Saoir iomraidhean iongantach air cho math 's a tha am poll-mhòine is mar a chleachdar troigh-sgian gus a' mhòine a ghearradh. Tha cuid de dh'earrannan cho atharraiseach sa gheibhear ann am bàrdachd Ghàidhlig agus Mac an t-Saoir a' cleachdadh na bàrdachd gus fuaim, gluasadan agus seallaidhean na h-obrach a riochdachadh.

'S tu sadadh 's a' sradadh  
 Gun stad ach 'ga seòladh,



Goirid dhut, fada bhuat,  
Sgailceadh tu, chnagadh tu,  
Farum is brag orra,  
Glag aig na fòidean; (*MPMT*, 3059-64)

Cuiridh Mac an t-Saoir cudrom air cho soirbh 's a tha cleachdadh na troigh-sgèin, is mar a' thiormaicheas a' ghrian a' mhòine:

Gun snìomhadh i 'n connadh  
A-nìos bho na bonnaibh,  
Gun sìon ach a thogail  
Air ghoban do mheòirean, (*MPMT*, 3055-58)

Gun caidil e suaimhneach  
Gun luasgan, gun ròmhan,  
Far an tiormaicheadh turadh  
Gun duine 'na chòir e, (*MPMT*, 3095-98)

Canaidh e cuideachd gum b' urrainn do MhacThómais iasg fhaighinn le bhith ag iasgach le àbh agus Mac an t-Saoir a-rithist a' dèanamh soilleir cho furasta 's a bhiodh an obair, coltach ri cleachdadh na troigh-sgèin:

'S gum faigheadh e le dà  
Thomadh bheag dhe'n tàbh,  
Rud a dheanadh tràth  
Agus còrr dha. (3471-74)

Tha Mac an t-Saoir a' cur chriomagan beaga eile mu na dòighean-obrach aca a-steach dhan chomhairle aige, mar eisimpleir mar a ghearradh iad feamainn a bheireadh an làn agus a' ghaoth gu tìr: “Thigeadh i gu tìr dha | 'Na h-ònar” (*MPMT*, 3437-6). Tha e air sealladh ioma-thaobhach a thoirt air buannachdan nan obraichean agus gu dearbh cho taitneach 's a tha cuid den obair. Chithear mar sin, a dh'aindeoin 's gu bheil dàn Mhic an t-Saoir a' cleachdadh structar ann an seachd Rannaghalan gu bheil an t-iomsgaradh dà thaobhach de chàineadh is moladh a dh'ainmich Randolph bunaiteach don dàn.

### 9.1.3 Nàire, Nàbaidhean agus Coimhearsnachd

Le a bhith a' cleachdadh sgaradh eadar moladh subhailce is càineadh dubhailce, tha *MPMT* a' feuchainn ri nàire a chur air an dithist character gus giùlan MhicPhàil is MhicThómais atharrachadh.

Ceangailte ris an nàire seo bidh e a' sealltainn mar a tha an giùlan acasan eadar-dhealaichte agus neònach bho shealladh na coimhearsnachd. Tha Maighread Challan air innse nach biodh neach sam bith ag iarraidh a bhith na chuspair bruidhinn sa choimhearsnachd agus gu dearbh gu robh feagal orra ann an Uibhist ro na bàird a dhèanadh aoirean orra (Challan, 2012, 144). 'S e aon de na beachdan aig sgrùdairean satair gu robh feum aig na bàird agus an luchd-leughaidh a bhith a' creidsinn san aon siostam mhoralta gus am biodh càineadh a' bhàird a' toirt buaidh air a luchd-leughaidh: "Satire is best able to develop from a basis of general agreement on moral and intellectual standards" (Bullit ann an Griffin, 1994, 35). Stèidhicheadh *MPMT* air na beachdan a bhiodh aig a' mhòr-chuid air a' Ghàidhealtachd mu dheidhinn obrach cruaidh, is gur e rud neònach, nàireachail a bh' ann an leisge MhicThómais. 'S ann glè chudromach a tha deagh eòlas air chultar agus nòsan na coimhearsnachd, mar sin, agus seallaidh Mac an t-Saoir seo tron dàn air fad. Bha cumhachd aig briathran Mhic an t-Saoir san sgìre, cumhachd a bha a' tighinn às mar a b' urrainn dha daoine a nàireachadh airson an droch ghiùlain le bhith sealltainn nan subhailcean a bha a' choimhearsnachd an dùil bhuapa.

Faisg air crìoch a' Chiad Rannaghail nì am bàrd iomradh air mar a chaidh mullach taigh MhicThómais a dhroch chàradh le MacPhàil le pìos siùil sa Mhàirt (*MPMT*, 103). Bhiodh fianais na leisge, am mullach neònach, ri fhaicinn bho air feadh na sgìre agus e a' brosnachadh dragh na coimhearsnachd mu dheidhinn giùlan MhicThómais. Thig an dragh seo am follais le coimeas mun taigh: "Chan eil gin 's an àite | Cho neònach rith'" (*MPMT*, ll. 2812-13). Agus nas cruaidhe na sin canaidh e:

B'e sud a' chulaidh-sgràth'  
'Ga choimhead aig càch;  
Mur do ghabh e nàire,  
Bu neònach e. (*MPMT*, ll. 2818-21)

Chithear gu bheil Mac an t-Saoir a' cleachdadh "neònach" a-rithist; chan eil MacThómais na riochdaire air a' choimhearsnachd. Maille ri sin, tha e follaiseach gu bheil "nàire" cudromach gus giùlan MhicThómais atharrachadh, agus e bunaiteach don aoir air fad. Gu dearbh mìnichidh Mac an t-Saoir amas an dàin san Rannaghal Mu Dheireadh leis an dearbh fhacal. Aithnichidh am bàrd gun cuir an dàn an fhearg air MacThómais, ach tha e ag ràdh gur ann airson leas MhicThómais a rinneadh e:

'S ann a smaointich mi gum b'fheàird thu e  
Gus nàire a chur 'nad aodann. (*MPMT*, 3531-32)

Chì sinn a-rithist gu bheil Mac an t-Saoir a' cleachdadh nàire air aona-ghnothach gus MacPhàil is MacThómais a bhrodachadh gu obair, agus na subhailcean a tha na chois, agus gus giùlan an dithist aca atharrachadh.

Chan e dìreach gu bheil iad airidh air càineadh. Seallaidh Mac an t-Saoir mar a tha na nàbaidhean aca nan deagh eisimpleirean dhaibh. Anns a' Choigeamh Rannaghal tha Mac an t-Saoir a' toirt comhairle obrach do MhacThómais. Tha seo stèidhichte a-rithist air eisimpleirean a nàbaidhean agus nàire, leis an fhacal 'còir' a' nochdadh dà uair:

Nam biodh an duine glic  
Mar bu chòir dha bhith,  
Bhiodh e na bu trice,  
    'S a chòta dheth;  
Caibe aige 'na làimh  
Ag obair ann am pàirc  
Mar a bhios a nàbaidhean  
    Còir' ann. (*MPMT*, 3415-22)

Co-shìnteach ri mar a tha na h-Uibhistich cleachdte ri bhith ag obair gu cruaidh agus a bhith air an deagh sgeadachadh, nì Mac an t-Saoir ceangal, ma dh'fhaoidte fo-mhothachail, eadar salachar agus coigrich. Choisneadh malaidhean MhicThómais duais bho fhear-mhalairt Èireannach MacGhòrdain, a bhiodh a' ceannach bian choineanaich (MacIntyre, 1968, 354). Innsidh am bàrd cuideachd gun dàinig còta MhicThómais "á Ceann Phàdruig air seòladair" (*MPMT*, l. 2804). Le bhith dèanamh seo tha Mac an t-Saoir a' sealltainn, a dh'aindeoin bochdainn is beatha chruaidh, nach robh e na chleachdadh do dhaoine a bhith air a dhroch sgeadachadh sa choimhearsnachd aca. Ma dh'fhaoidte gu robh Mac an t-Saoir mothachail air cuid de na casaidean gràin-cinneachail a chaidh a chur an aghaidh nan Gàidheal agus nan croitearan a thaobh na bochdainn aca (Newton, 2009, 74-75) agus sin na adhbhar eile aige mì-thlachd na coimhearsnachd ris a' chulaidh-mhagaidh a shealltainn.

Leis a' chudrom a thèid a chur air cho neo-àbhaisteach sa tha giùlan an dithist aca, tha cho làidir sa bha ceanglaichean na coimhearsnachd Gàidhealaich ann an Uibhist a Deas cudromach. 'S urrainn dhan

bhàrd iomraidhean a chleachdadh bhon bheul-aithris le làn-fhios gun tuigeadh an luchd-èisteachd neo gun rachadh a mhìneachadh dhaibh air ball. Nì am bàrd iomradh air “Inbhir-làir”, àite ann an Loch Abar, co-cheangailte ri murtairean na Ceapaich a bha am bàrd Iain Lom air a mharbhadh san t-seachdamh linn deug (MacDonald, 1964, 82). Tha iomraidhean eile aige san dol seachad nas fhaide air adhart san dàn air diofar dhaoine, a leithid Mhic Crùislig<sup>23</sup> (*MPMT*, l. 2911) is Iain Garbh Ratharsair, an ceann-cinnidh Leòdach. Tha gach coltas gun d’fhuair e fhèin eòlas orra san taigh-chèilidh.

Nochdaidh an reatoraig seo bhon taigh-chèilidh gu tric san dàn. Nì Mac an t-Saoir iomradh traidiseanta air gach àite san do shiubhail e fhèin, is seo mar bhun-stèidh airson oslabhairt [*hyperbole*] ealanta a tha a’ cur spòrs sna rannan agus eirmse san aoir:

’S iomad àit’ anns na shiubhail mi  
Eadar dùthaich na Tòisich;  
Bha mi’n Ile ’s an Diùraidh,  
Am Mùideart ’s an Cnòideart,  
Ach an iomall monaidh no fàsaich  
Chan fhaca mis’ ann an àit’ dhiubh  
Leithid eile na fàrdaich  
Bh’aig MacPhàil ’s aig MacThómais. (*MPMT*, ll. 2929-2936)

Crìochnaichidh an dàrna earrann le beagan a bharrachd àrdachadh eirmseach. A’ bruidhinn air claise na bà canaidh Mac an t-Saoir:

Bhiodh tu’n impis bhith bàite,  
’S bi taingeil dha’n Àrd-Rìgh  
Ma thàrr thu do bheò as. (*MPMT*, 2946-48)

A-rithist is e a’ bruidhinn mu bhuil deagh bhiadhadh le buntàta is èisg, cleachdaidh Mac an t-Saoir oslabhairt aighearach agus e a’ dèanamh iomradh air seann ghaisgeach on bheul-aithris:

’S ann a bhiodh e falbh  
Cho leathann ri tarbh,  
’S cha leagadh Iain Garbh  
Ann an còmhrag e. (*MPMT*, 3459-62)

<sup>23</sup> Caractar cumanta ann am beul-aithris, stèidhichte air Èireannach (Campbell, 2008, 446).

Chaidh cliù a' chinn-chinnidh Leòdaich, a chaidh a bhathadh ann an 1671, a ghlèidheadh ann am beul-aithris is òrain, is e iomraiteach air sgàth a neart is a ghaisge:

Càite am faca mi féin  
Aon duine fo'n ghréin  
A dhèanadh riut euchd flathasach? (MacLeod, 1934, 26)

A dh'aindeoin's gun do chleachd e oslabhairt san dòigh san robh e a' libhrigeadh na h-aoir, tha Mac an t-Saoir ag innse gu bheil na thuirt e mu dheidhinn MhicThómais fìor:

Cha duirt mi ach an fhìrinn,  
'S cha do dh'inns mi leth na dh'fhaodainn;  
Cha do chuir mi briag no ròlaist ort  
Bho'n thòisich mi ri t'aoireadh, (MPMT, 3533-36)

Ach tha seo a' ciallachadh gu bheil an aoir nas treasa buileach a thaobh na nàire a tha Mac an t-Saoir a' sùileachadh bhuidhe:

Nach ann mar sin bu ghéire e  
Gus do léireadh thar an t-saoghail. (MPMT, 3539-40)

Agus às dèidh na h-aoir cho fada seo thig e gu crìoch le cleas eile a nochdas sa bhàrdachd gu traidiseanta. Innsidh e don luchd-èisteachd gu bheil an dàn gus tighinn gu crìoch ach gu robh e comasach dha leantail air:

'S cha duirt mi leth na b'urrainn mi  
Mu'n cuirinn air a' chaoch thu. (MPMT, 3555-56)

Taobh a-staigh na bàrdachd tha a' mhòr-chuid den reatoraig seo a' cruthachadh beagan eirmse sna rannan. Ach le bhith cleachdadh nòsan, eachdraidh, creidimh agus beul-aithris Gàidhealach mar seo, air am biodh a luchd-èisteachd agus a dhà chuspair eòlach, the e ag àrdachadh na buaidhe sòisealta air an dithist aca. Tha seo bunaiteach do dh'èifeachd a dhàin, agus gu deimhinne cha bhiodh a' bhuidhe cheudna ri fhaotainn o stoidhlichean sgrìobhte Rois neo Mhic Dhonnachaidh.

Ach a thaobh an luchd-èisteachd nas fharsainghe tha am bàrd mothachail air an t-suidheachadh aca taobh a-muigh nan taighean-cèilidh Uibhisteach. Thig seo am follais gu seachd àraidh aig toiseachd

agus deireadh an dàin, far a bheil Mac an t-Saoir a' sealltainn nan amasan aige a thaobh cruth, cuspair agus buaidh na bàrdachd:

Cluinnear anns gach ceàrn  
 Mu MhacThómais,  
 Ma chuireas mi 's a' phaipeir  
 An t-òran so  
 A tha mi deanamh dhà,  
 Dìreach mar a bhà  
 Moladh Dhonnachaidh Bhàin  
 Do Bheinn Dòbhrain; (*MPMT*, ll. 2762-69)

Chithear Mac an t-Saoir a' riochdachadh an t-saoghail eadar-meadhanaich sa bheil e a' cruthachadh a bhàrdachd le bhith ag ràdh gu bheil e gus an t-òran a chur sa “phaipeir”, ach e an dùil gun “cluinnear” anns gach ceàrn e. Ged a thèid ‘Moladh Beinn Dòbhrain’ a sheinn, cha robh Mac an t-Saoir a' seinn *MPMT* nuair a chlàr e pàirt den cheathramh rannaghail airson Sgoil Eòlais na h-Alba (Macintyre, 1962). Leis gu bheil clàraidhean ann den a' bhàrd a' seinn cuideachd, tha e coltach gu robh e fhèin airson 's gum biodh an “t-òran” neo co-dhiù pàirt dheth air aithris. Ach tha e soilleir gu robh Mac an t-Saoir a' cleachdadh gach meadhan a bh' aige gus na h-òrain aige a sgaoileadh. Bha saothair Mhic an t-Saoir air a foillseachadh ann an *Gairm*, agus chaidh na h-òrain aige a sgaoileadh air an rèidio le Dòmhnall Eòsaph MacFhionghain (Mac an t-Saoir, 2008, xxvi). Tha a' chiad earrann seo de *MPMT* a' sealltainn buaidh nan diofar dòighean sgaoilidh seo air an teacs fhèin.

Chunnacas mar sin gu bheil *MPMT* ag èirigh a-mach à suidheachadh sònraichte na coimhearsnachd ann an Uibhist air an robh am bàrd eòlach. Bha cead aige càineadh a dhèanamh orrasan nach robh a' leantail nòsan na coimhearsnachd a thaobh obrach agus nach robh, mar sin, a' cur taic ri saothair na coimhearsnachd nas motha. Chleachd e an dualchas air an robh e eòlach gus càineadh làidir a dhèanamh a chuireadh nàire air ais an gruaidhean a chuspairean. Lean seo an sgaradh bunaiteach a lorgar ann an satair Eòrpach de bhith a' càineadh aon laigse agus a' moladh na subhailce a bha a dhìth. Le cruth an dàin fhada, bha Mac an t-Saoir a' cleachdadh nòs cliùiteach eile air am biodh a luchd-èisteachd is luchd-leughaidh eòlach, is e a' dearbhadh a-rithist nach e rud dualchasach neo àbhaisteach a bh' ann an leisg MhicPhàil is MhicThómais.

## 9.2 *Aeòlus agus am Balg*- Co-Theacsaichean Eòrpach, Gàidhealach agus aimsireil

A bharrachd air an dòigh mheòrachaidh dà thaobhach de bhith càineadh dubhailce is a' moladh subhailce, tha Griffin ag argamaid gu bheil e nas cuideachaile satair fhaicinn ann an dòighean eile: mar rannsachadh [*inquiry*] (Griffin, 1994, 39); mar bhrodadh [*provocation*] (*ibid.*, 52) neo mar chluich is taisbeanadh. Mar sin 's urrainn do bhàrd rannsachadh mu chuairt air firinn cùise, neo tuigse nas fheàrr a bhrosnachadh nuair a dh'aithnichear droch thuigse.

A' coimhead air *Aeòlus* gheibhear mìneachadh beagan nas fheàrr air seo. Le bhith cur feallsanachd nam Faisisteach ann am beòil bheulach nan ana-diathan, tha satair Mhic an t-Saoir na bhrosnachadh gu bhith faicinn mearachdan nan smaointean sin. Leis cho cinnteach 's a bha na ceannardan faisisteach às an t-siostam phoilitigeach aca bha na beachdan aca nan culaidhean-mhagaidh furasta airson ath-sgrùdaidh orra. Ach a thaobh satair mar chluich, tha e follaiseach cuideachd, a dh'aindeoin 's gu bheil alagoraidh ann aig aon ìre, nach eil Mac an t-Saoir a' faireachdainn dlùth ceangailte ri suidheachadh eachdraidheil a linn. Tha saorsa aige an sgeulachd a chumail ann an dàimh gu math fosgailte ri tachartasan san dà-rìribh, rud a tha ga dhèanamh gu math eadar-dhealaichte bho na h-aoirean aige air an luchd-riaghlaidh neo Mussolinidh.

Seach ceanglan cunbhalach a thogail le tachartasan a linn, tha *Aeòlus* a' cluich le ceanglaichean le dàin eile, Gàidhealach agus Clasaigeach, gus na beachdan faisisteach a thèid a chur am beul nan diathan a chàineadh. Tha *Aeòlus* agus *LNSS* air an dlùth-cheangal ri chèile, agus e soilleir gun do chleachd Mac an t-Saoir cuid de dh'fheartan bàrdachd a' bhàird Bharraich airson an dàin aige fhèin (Mac an t-Saoir, 2008, xviii-xix). Bha Mac-na-Ceàrdaich air *Birlinn* Mhic Mhaighstir Alasdair a chleachdadh ann an dòigh choltach ri seo agus seo na fianais chudromach air an dòigh san robh na bàird a' cleachdadh dàin fhada eile airson puingean ùra a dhèanamh. Tha Mac an t-Saoir a' cleachdadh gu leòr den aon ìomhaigheachd ri Mac-na-Ceàrdaich, ach le bhith a' cleachdadh nan diathan pàganach tha e cuideachd a' stèidheachadh an dàin ann an co-theacsa eadar-nàiseanta na h-Eipig Eòrpaich.

'S e na trì diathan seo an t-eadar-dhealachadh mòr eadar *Aeòlus* agus *LNSS*. 'S ann asta a tha an aoir air na beachdan faisisteach agus an alagoraidh air droch staid na h-Eòrpa a' tighinn am follais. Le bhith

sgrìobhadh nuair a bha cogadh Eòrpach eile air fàire agus a' cleachdadh Mac-na-Ceàrdaich agus Mac Mhaighstir Alasdair mar eisimpleirean, tha Mac an t-Saoir a' dèanamh ceangal sònraichte eadar gnè-sgrìobhaidh nan dàn mara seo agus buaireadh poiliteagach agus sòisealta a bha a' bualadh air na Gàidheil. Neartaichidh seo aon de dh'argamaidean an tràchdais, gu bheil an dàn fada Gàidhealach na ghnè-sgrìobhaidh fa leth, le cànoin Ghàidhealach chudromach, far an cleachdar nan nòsan a nochd sna dàin na bu shine gus puingeann ùra a thoirt seachad.

Tòisichidh an dàn le Aeòlus a' gairm don bhalg aige a bhith a' sèideadh. Tha a' chiad phàirt den dàn roinnte ann an 6 diofar earrannan far a bheil na diathan a' bruidhinn ri càch a chèile (ll. 1604-827). Às dèidh sin tha an dàrna roinn den dàn a' sealltainn air Pàdruig Mòr, croitear ann an Uibhist (ll. 1828-991). Tha an treas pàirt a' coimhead air long nan Lochlannach (ll. 1992-2135). Mu dheireadh tha 'Madainn an Ath-Latha' (ll. 2136-315) ag amharc air na diathan a-rithist is mar a dh'fheuch iad ris an long a chur fodha. Coltach ri *LNSS* tha a' mhòr-chuid den dàn ann an rannan ceithir-sreathach le còmhaddadh deireannach *abcb* agus aicill anns gach leth-rann:

“Séid gu daingeann, séid gu **cruaidh**,  
Séid gun iochd, gun **truas**, gun *chàs*,  
Séid le uile chli do **ghuailleadh**,  
Sgrìob do **sguaibeadh**, faiceam à.” (*Aeòlus*, ll. 1612-1615)

Chleachd Mac an t-Saoir eachdraidh nan dàn fada Eòrpach, gu h-àraidh an *Odusseia* gu soilleir na dhàn. Ged a tha am balg gu tric eadar-theangaichte mar *bellows*, tha ceangal ann le sgeulachd an *Odusseia* far a bheil Aeòlus a' toirt poca neo balg làn gaoithe do dh'Odusseus (MacGilleathain, 1976, leabhar X). Leis gu bheil Odusseus a' feuchainn ri tighinn dhachaigh às dèidh cogaidh, tro stoirmean mara, tha na ceanglaichean seo na bhun-stèidh don dàn mara aige fhèin. Seallaidh e cuideachd eòlas agus meas air ealain Eòrpaich, nuair a bha an Roinn Eòrpa an impis tuiteam às a chèile.

A bharrachd air na ceanglaichean leis an *Odusseia* a nochdas sa chiad roinn den dàn tha Mac an t-Saoir a' dèanamh iomraidhean nas fhollaisiche air ùirsgeulachd eipigeach san dàrna pàirt de chòmhradh nan diathan. Ann an 'Aeòlus a' Bòilich' (*Aeòlus*, ll. 1636-91) tha an dia a' sgaoileadh a chuiridh do



dhiathan eile le cuideachadh “Teachdaire nan casan sgiathach” (*Aeòlus*, l. 1640) neo Mearcuraidh a tha ga toirt do:

A h-uile h-aon fhear shìos no shuas  
Air an d’fhuaradh lideadh sgeòil  
A thàinig o chluas gu cluais  
A-measg nan sluagh le aithris beòil,

A chaidh air cloich no clàr a sgrìobhadh.  
No chuir filidhean an ruinn [...] (*Aeòlus*, ll. 1644-1649)

Nas anmoiche san dàn nì e iomradh air na seann sgeulachdan mu ghnìomhan nan gaisgeach is e a-rithist a’ dèanamh iomradh air sgaoileadh oralach meatrachdail nan sgeulachdan: “Sin mar tha cunntais an gnìomh | A thàinig oirnn o bhial na bàrdachd” (*Aeòlus*, ll. 2126-27).

Ach ’s ann leis an dàn fhada Ghàidhealach a tha a’ mhòr-chuid de cheanglaichean an dàin. Coltach ris na h-iasgairean aig Mac-na-Ceàrdaich ann an *LNSS*, ‘Lughain Lir’ (1921) agus *Long nan Òg* (1927a), tha Pàdruig Mòr na dhuine diadhaidh agus Mac an t-Saoir a’ sealltainn seo is e ag ùrnaigh air dha carachadh. Mar a chunnacas, tha ùrnaighean follaiseach anns a’ *Bhirlinn*, *LNSS* agus *Aeòlus* mu seach. Tha na h-earrannan le Padruig ag ullachadh an taighe cudromach oir tha iad a’ sealltainn duine Crìosdaidh ga ullachadh fhèin an aghaidh na stoirm. Chithear aig crìoch an dàin gu bheil na diathan faisisteach a’ dol an aghaidh an Dia Chrìostaidh. An coimeas ri Mac-na-Ceàrdaich a bheir mu fhichead sreath seachad air a’ chuspair, tha Mac an t-Saoir a’ dèanamh taisbeanadh nas fhaide, 40 sreath (*Aeòlus*, ll. 1864-904), air na gnìomhan a nithear mu chuairt an taighe gus ullachadh airson na stoirm.

Rinn na daoine sicir  
Gnìomhan glic’ air ball;  
Oir is mòr bu mhisd’ iad  
Mòin’ is uisg’ air chall.  
[...]  
An iollannan nam meall  
Bha fir bu gheamhrach tuar  
Gu storm-ghuthach ri cheil’  
A’ gabhail gleusd’ aig cruaich; (*LNSS*, td. 430-1)

Fhuair e greim air ceirsle shìomain,  
Ghreas e chas is gnìomh a làmh;  
Sheall e air arbhar ’s air iodhlainn,

Dh'acraich e mulain ri làr.

Chuir e fiaragan mun timchioll  
Nach biodh iomagain air na sgàth,  
Ma bha Dia 'ga fhaicinn iomchuidh  
Is gun robh ioma-ghaothach an dàn. (*Aeòlus*, ll. 1864-71)

Coltach ri *LNSS*, tha am bàrd a' cleachdadh meanbh-ainmhidhean agus maoraich aig nach eil coimeas fhasgadh fhaighinn airson neart na stoirm a dhealbhadh (*Aeòlus*, ll. 1944-47). Thèid clachan an aigeil a phearsonachadh is iad ann an “aganaidh a' bhàis” (*Aeòlus*, ll.1933) agus nì e iomradh air na diofar fhuaimnean a chruthaicheas an stoirm. Tha seo gu math coltach ris an earrainn mu dheireadh den *Bhirlinn* (1776, 163-64) far a bheil an cuan agus na bèistean-mara a' glaothaich is thèid an t-aigeal a mhaistreadh leis an stoirm. 'S e so-leòntachd nan caractairean seo, an coimeas ri àrdan nan diathan, a tha gan dèanamh cudromach ann an dàn Mhic an t-Saoir, far an tèid an uidhir de chuideam a chur air cumhachd leis na diathan pàganach.

Tha Mac an t-Saoir an uair sin a' gluasad gu sealladh eile, is e a' coimhead air long Lochlannach aig muir san stoirm (*Aeòlus*, l. 1992). Tha turas na luinge seo a' sealltainn cho fiadhaich 's a tha an stoirm aig muir, ach cuideachd daingichidh e an ceangal leis an dà dhàn mara eile. Nì am bàrd tuairisgeul air an aimsir mara agus fèath meallta air a' mhuir mus dealbhaich e an stoirm a' tòiseachadh:

Thàinig oiteag bheag o'n earra-dheas  
Tuilleadh balbhaidh as a déidh;  
Dh'éirich frionas, friogh is fearghas  
Air an fhairge bha cho réidh. (*Aeòlus*, ll. 2016-19)

Coltach ri Mac-na-Ceàrdaich seallaidh Mac an t-Saoir mar a bha na h-eòin air aon de na ciad chomharraichean den atharrachadh sìde is e a' toirt seachad cuid de eòlas màirnealach a b' àbhaist a bhith cumanta am measg nan Gàidheal:

Chaidh 'm buna-bhuachaille gu caoineadh  
Is dh'innseadh an glaoth a bha o bheul;  
Mu'n rachadh là eil' a dh'aois air  
Gum biodh caochladh air mo sgeul. (*Aeòlus*, ll. 2024-27)

Thèid am bàta Lochlannach a mholadh leis cho math 's a chaidh a dhèanamh is seo na dheagh cheangal eile le cuspaireachd *BCR*:

Bàta làidir, lùthmhor, luaineach,  
Astarach air uachdar fairge,  
Foghainteach, sliasaidheach, guaileach,  
Dionach a dh'fhuaradh 's a dh'fhalbhadh. (*Aeòlus*, ll. 2064-67)

Innsidh e cuideachd gun deach am bàta a dhèanamh air Abhainn Chluaidh is e a' taisbeanadh na dòigh anns an cuirear na tarraingean innte (*Aeòlus*, ll. 2072-79). Air dhan bhàrd moladh fialaidh a dhèanamh air a' bhàta nì e an dearbh rud airson an sgiobaidh a tha de "shìol nam reubairean tuathach" (*Aeòlus*, l. 2088). Le bhith ag innse an dà chuid mun t-sinnsearachd Lochlannaich agus Ghàidhealaich aca tha am bàrd a' sealltainn gu robh iad comasach dùbhlain nan ana-diathan a choinneachadh:

Ged a bhiodh air "Neptune" mìothlachd  
Dhraghadh iad fheusag gu dàna,  
Thilgeadh iad miotag 'na fhiacaill  
Is iad 'ga fhiadhachadh 'na àite. (*Aeòlus*, ll. 2120-23)

Airson na roinn mu dheireadh den bhàrdachd, 'Madainn an Ath-Latha', cleachdaidh Mac an t-Saoir meataireachd nan iorram, aithnichte ann am bàrdachd molaidh on t-17mh linn (Ó Baoill, 1994, 29-32), ach cuideachd air a chleachdadh le Mac Mhaighstir Alasdair airson earrann den *Bhirlinn* (1996, 142-23). Tha a' mheataireachd seo a' taisbeanadh comasan iongantach a' bhàird agus e a' cleachdadh comhardadh, aicill, uaim agus uaithne sna rannan:

Chiar an oidhche gu *glasadh*,  
Thàinig liathadh an *latha*  
Is cha robh sgial air ploc *fearainn* an **uair sin**  
Cha robh sìon ann an t-*sealladh*  
A chruthaich Dia air an *talamh*  
A tha fo'n iarmailt ach *farsuingeach*, **uaine**. (*Aeòlus*, ll. 2136-41)

San earrainn deireannaich seo nì am bàrd taisbeanadh air a' chath eadar an long agus cumhachd Aeòlus agus *Neptune* san stoirm. Coltach ris a' *Bhirlinn* agus *LNSS* tha crìoch shimplidh aig an dàn fa-dheòidh. Nì na seòladairean ùrnaigh fhada do Dhia (*Aeòlus*, ll. 2268-2303) tha *Neptune* ag innse do dh'Aeòlus nach b' fhiach fiù' s a bhith a' feuchainn ri strì an aghaidh deòin Dhè:

Ach o's Esan an t-Ùghdar  
 Chan eil seasamh tromh ghnùis dhuinn  
 Is feumaidh sinn le ùmhlachd toirt suas Dha. (*Aeòlus*, ll. 2312-15)

Tha freagairt Dhè ris an ùrnaigh a' sealltainn, coltach ri ùrnaigh na màthar ann an *LNSS*, gu bheil Dia a' freagairt iarrtasan mic-an-duine agus a h-uile sgath so-dhèante dha. Cuiridh an nàimhdeas eadar na diathan pàganach agus an Dia Crìosdaidh an fheallsanachd faisisteach calg-dhireach an aghaidh a' chreidimh Chrìostaidh, gus dearbhadh cho olc 's a tha nam beachdan ud, ann am beachd Mhic an t-Saoir. Mar sin chìthear gur ann aig ìre alagorach a thèid an satair a dhèanamh.

'S ann am briathran nan diathan a chithear beachdan nam faisistich air a chur fa chomhair an t-sluaigh gus an urrainnear an an-ìochdmhoireachd aithneachadh agus gus iom-sgaradh a dhèanamh eadar na beachdan sin agus Crìosdaidheachd:

“O, 's e cumhachd, còir is ceart,  
 Feuch mo neart air muir is tìr,  
 Sir 's na seachainn sean is òg  
 Is thar gach seòrsa tog mo chis.” (*Aeòlus*, ll. 1624-27)

Thèid ceangal cudromach a dhèanamh eadar cumhachd Aeòluis agus na beachdan aige orrasan a tha gun chumhachd. Nochdaidh iad seo san ath rann is iad air an neartachadh le anafòra:

“'S coingeis leanabh no fear liath,  
 'S coingeis feòil no iasg leam ann;  
 'S coingeis duine, brùid, no ian;  
 Sgaoil mo lion o cheann gu ceann.” (*Aeòlus*, ll. 1628-31)

Às dèidh bòilich Aeòluis, tha dà earrainn air *Neptune*. Sa chiad earrainn tha e ag èirigh bhon ghrunnal.

Tha an aon fheallsanachd agus beusan aigesan 's a bh' aig Aeòlus:

Nàmhadas, àrdan is uamhar  
 A' deàrrsadh 'na ghruaidhean gorm.  
 [...]  
 'S a h-uile calg innt' ag éigheach  
 Gum b'e chreud-san 's cumhachd còir. (*Aeòlus*, ll. 1698-99; 1702-03)

Dearbhaichidh e an-ìochdmhorachd air ball, a' cur bàta fodha is e “a' cur bòsd á neart a ghàirdein.” (*Aeòlus*, l. 1723). Nì Aeòlus freagairt a thaisbeanas a mhiann airson creach agus lèir-sgrios, earrannan

a chleachd Innes (Mac an t-Saoir, 2008, xix-xx) gus sealltainn nach ann a-mhàin air stoirm a bha an dithist dhiathan a-mach. Tha an ìomhaigheachd seo uabhasach borb, agus Aeòlus ag iarraidh sgrios agus creach air feadh na dùthcha:

Mic is athraichean is bràithrean  
Brùite, bàit' air feadh a' chuain  
Bailtean móra dol 'nam fàsach,  
Sealladh as àille le m'shùil, (*Aeòlus*, ll. 1806-09)

Tha na seallaidhean brùideil seo, a' dìteadh nan ceannardan faisisteach air sgàth am miann airson cogadh agus leudachadh an fhearainn aca. Chithear seo ann an ceistean *Neptune* (*Aeòlus*, ll.1948-91) a tha làn de phròis, àrdan agus farmad:

Cia ar son a bhiodh Albainn ann?  
C'uim' a dh'fhanainn air mo chrìochan?  
C'uim' nach leudaichear mo ghart?  
C'uim' nach buannaichear an saoghal  
Is gun téid daonnan neart thar cheart? (*Aeòlus*, ll. 1951-55)

Leanaidh *Neptune* air aghaidh air an aon sheòladh is e ag ainmeachadh mar phrìomh lagh nàdair a bheachd aigesan gum bu chòir neart buaidh a thoirt air càch agus an smachdachadh (*Aeòlus*, l. 1960). Tha seo na thilleadh do bheachd nam faisisteach a-rithist, a thaobh ceartas chumhachd: "Destiny, once confined within imposing institutions and weighty traditions, will make history through amorphous and unique expressions of force. [...] Whoever holds the sword which wrests victory now will be lord of the world" (Spengler, 1995, 114).

Tha beachdan nan diathan, an dòigh sa bheil triùir air an ainmeachadh ach chan eil ach dithist a' nochdadh gu tric agus na ceanglaichean le *LNSS* agus a' *Bhirlinn* uile a' cur barrachd taic dhan bheachd aig Innes, stèidhichte air ìomhaigheachd an teacsa fhèin, gu bheil an dàn a-mach air an t-suidheachadh phoilliteagach cho-aimsireil. Ann an suidheachadh poilliteagach connspaideach Bhreatainn ann an 1938, agus cuideachd mar dhàn a chaidh a chur a-staigh do cho-fharpais a' Chomuinn Ghàidhealaich, thug an alagoraidh dòigh dha cluich le satair air trì diathan beulach

pàganach. Chan e aoir a th' ann san aon dòigh ri *MPMT*, ach chan eil sin a' dol às àicheadh gu bheil feartan aoireil soilleir ri fhaicinn, aig ìre alagorach nas fharsainghe.

Le sùil air an dà dhàn, agus mar a tha iad ag obrachadh ann an dòighean eadar-dhealaichte, tha e follaiseach gu bheil *MPMT* ag obair mar aoir a dh'èiricheas a-mach às na seann aoirean a cheart cho math ri satair ann an cruth clasaigeach Eòrpach. Cha deach semiotais siostam tuigse na h-aoir Ghàidhealaich a sgrùdadh san aon dòigh ris a' chod-mholaidh fhathast, ach san dol seachad chìthear gu bheil ùidh dhlùth a' bhàird ann an coltas ropach a' chulaidh-mhagaidh coltach ri cuid de dh'aoirean bhon ochdamh linn deug, mar a chunnacas ann am 'Mio-Mholadh Mòraig' ann an Caibideil 2.1. Tha *Aeòlus* air a dhlùth cheangal ri dàin fhada eile, an dà chuid bho Alba agus bhon Ghrèig, agus tha an satair san dàn sin ag obair aig ìre eadar-dhealaichte, alagorach, gus beachdan faoin nam faisisteach a dhìteadh air beulaibh luchd-leughaidh Crìosdaidh. Tha an dà dhàn nan deagh eisimpleirean air mar a tha feartan aoireil air an cleachdadh ann an suidheachadh an fhicheadaimh linn, agus mar a tha an gnè-sgrìobhaidh cudromach sin a' nochdadh taobh a-staigh an dàin fhada Ghàidhealaich.

## 10. *Armageddon* agus Às a Dhèidh – Cogadh, Gnèithean-Sgrìobhaidh agus an Dàn Fada

Tha e soilleir bho chuspairean nan sgrìobhadairean gu robh an dàn fada na chruth feumail gus breithneachadh air cuspairean mòra an linn. Bha seo follaiseach ann am meòrachadh poiliteagach a' *Chuilithionn* agus alagoraidhean *LNSS* is *Aeòluis* mar aon. Sa chaibideil seo bheirear sùil air dà dhàn a tha gu soilleir ag amas air breithneachadh air suidheachadh aimsireil an linn- *Armageddon* agus *ADAC*. Tillear gu aistichean Frye, gus beachdachadh air gnèithean-sgrìobhaidh san fharsaingeachd, mus tionndaidhear dhan cheist ud a-rithist sa cho-dhùnadh.

Thig an ceangal eadar tachartasan aimsireil agus litreachas am follais gu soilleir ann an *Armageddon* le Neil Ros, far a bheil am bàrd a sgrìobhadh eachdraidh den Dàrna Chogadh. Chaidh stad a chur air adhartas an dàin leis an tinneas a bhiodh a' toirt a' bhàis dhan bhàrd ann an 1943 (Black, 1999, 722-23). Leis gu bheil susbaint an dàin ag aithris ann an dòigh car simplidh air tachartasan a' Chogaidh, tha roghainnean foirmeil an ùghdair a thaobh cruth agus structair feumail gus anailis a dhèanamh. A chionn 's gu bheil am bàrd ag aithris air na tachartasan a nochd sna meadhanan, tha an dàn fhèin a' riochdachadh an fhiosrachaidh a bha an riaghaltas Breatannach deònach a sgaoileadh sna meadhannan ri linn a' chogaidh. A dh'aindeoin 's gu bheil am bàrd ag aithisg air tachartasan a' Chogaidh, agus e mar sin a' taghadh cuspair fìor, eachdraidheil, airson an dàin, chìthear gu bheil ideòlachd a latha a' nochdadh gu soilleir, mar a bhiodh Eagleton (2006, 73-74) an dùil.

Ann an *An Dèidh a' Chogaidh* le T. D. MacDhòmhnuill (1921), tha am bàrd cuideachd a' sgrìobhadh le sùil shoilleir air tachartasan a latha. Tha an dàn sin roinnte ann an lioraicean nas giorra, a nì iomradh air na draghan sòisealta a bh' air a' bhàrd ri linn ùpraid nam Ficheadan. Mar sin, le sùil air an dà dhàn seo a chaidh a sgrìobhadh aig amannan cogaidh is sìth mu seach, agus air aiste dheireannach Frye (1957, 243-337) air gnèithean-sgrìobhaidh, breithnichear air an dàn fhada mar ghnè-sgrìobhaidh agus air an dàimh eadar tachartasan mòra a linn agus an dàn fada.

### 10.1 An Dàrna Cogadh - *Armageddon*

Dh'fhoillsicheadh *Armageddon* (1950) air dha Ros (1871-1943) a' dol eug, ach bheir an clò-bhualadh fiosrachadh seachad mu amasan a' bhàird agus an fhoillsicheir. Chleachdadh an tiotal *Armageddon*: A

*Fragment* a tha ga chur an coimeas ri sgrìobhaidhean Seumas Ban Mhic a' Phearsain *Fragments of Ancient Poetry* (Macpherson, 1760) agus an litreachas de dhàin fhada neo-chrìochnaichte nas fharsainghe, m.e. 'Kubla Khan' le Coleridge (1997, 101-03) aig a bheil am fo-thòtal 'A Fragment'. Tha na notaichean aig Black (1999, 722-23) a' sealltainn gu robh Ros a' leantail thachartasan làitheil a' Chogaidh agus gan cur ann an cruth dàin Homaireach. Gu dearbh, tha buaidh chlasaigeach gu math soilleir sna loidhnichean fada sia-beumach. 'S urrainnear na lidean a sheòrsachadh ann an diofar chasan, ach chìthear gu bheil an àireamh de bheuman cunbhalach is e a' dèanamh atharrais air sreathan sia-chasach Grèigis Homair (Braden, 2012, 627) :

/ - - / - - / - / - - / -	
Mosgail a chlarsach nan dàn gu luaidh air gnìomharan gaisgeil.	15
/ - - / - / - - / - - / -	
Labhraidh an t-àl nach d'rugadh le meas air na curaidhean calma.	16
/ - / - - / , - / - - - / -	
Dh'àrdaich cruadal an cliù, is dealraidh an ainm tre na linntean,	16
/ - - / - - / - / - - / -	
Laoich a bha dìleas gu bàs a' cosnadh éirig na saorsa. ( <i>Armageddon</i> , 4)	15

Tha na sreathan fada a' fàgail gu bheil *caesura* gu math tric ann am meadhan an t-sreath, comharraichte le puing sgrìobhaidh neo le clòs ùr. Mar an ceudna, 's urrainnear na faclan mu dheireadh a leughadh mar spondaidh [*spondee*] a bha a' nochdadh aig deireadh nan sreathan Homaireach (Braden, 2012, 627). Chìthear san às-earrann shuas gu bheil Ros cuideachd a' cleachdadh nòs eipigeach, le gairm air a' cheòlraidh aig toiseach a dhàin.

Tha buaidh fhollaiseach dàin Homair na h-eisimpleir dhaingeann air dìreach cho cumanta agus a bha eòlas air na clasaigs am measg nan Gàidheal foghlaimte gu àrd-ìre, agus Ros a' sùileachadh gum biodh a luchd-leughaidh ga aithneachadh sa mheataireachd. Bha Eòghann MacLachlainn, bàrd à Loch Abair, air eadar-theangachadh a dhèanamh de phàirt shusbainteach den *Iliad* san ochdamh linn deug, ach chleachd esan meataireachd òrain air a shon. Nochd seo às-ùr ann an deasachadh (MacLachlan, 1937) beagan ro oidhirp Rois. Bha Iain Mac Gill Eathain, bràthair Shomhairle, gus eadar-theangachadh eile a dhèanamh air Homair ann an 1966-69 a nochd mar Mac Gilleathain (1976). Chleachd esan



meataireachd sia-beumach cuideachd, ged a tha e coltach bhon ro-ràdh nach eil e eòlach air oidhirp Rois.

Tha am bàrd a' moladh Impireachd Bhreatainn tron dân, feart a bha e air a mholadh ann an saothair bàird eile. Mar a chunnacas nuair a chaidh sùil a ghabhail air beachdan nam bàrd air litreachas, ar leis ann an 1925 (Ros, 1925a, 93) gur e 'The Grey Mother' (MacLean Watt, 1903, 1-4) an dân a b' fheàrr a chaidh a dhèanamh ann an Alba san fhicheadaimh linn. Tha coimeas leis an dân siud, agus feadhainn eile sa cho-chruinneachadh san do nochd i, a' toirt seachad beagan soilleireachaidh a thaobh ìomhaigheachd Rois agus cuid de na h-aon bheachdan a' nochdadh san dà dhàin a thaobh ceanglaichean na h-Impireachd:

Dealraidh a' ghrian a ghnàth air aogas Impireachd Bhreatunn,  
Ceangailte cinnteach caoin am bann de bhràthrachas tlusar;  
Dùthchannan dàimheil thairg an laoi 's an ullachadh cogaidh—  
Thig iad thar sàl gu toileach a' fòir air dachaidh an sinnseir. (*Armageddon*, 16)

----

East and South my children scatter,  
North and West the world they wander,

Yet they come back to me,  
Come, with their brave hearts beating,  
Longing to die for me, (Watt, 1903, 1)

Tha a' chiad phàirt den dân a' leudachadh an t-seallaidh fharsaing seo a th' aig Ros air an Impireachd (*Armageddon*, 5-27). Molaidh Ros diofar roinnean nam Feachdan Rìoghail, agus an cabhlach Marsanta anns an robh gu leòr Ghàidheal a' frithealadh na dùthcha mar an ceudna. Tha Ros a' toirt taic a tha cha mhòr neo-cheasnachail don Impireachd, is e a' moladh nan diofar dhùthchannan a tha nam pàirt dhith. Leanaidh seo na rinn Watt ann an 'A Song of Empire' is e ag amharc air na diofar mhòr-thirean mu seach:

Great Australasia, wide-eyed, with the tan  
Of blazing Noon upon her, as she turns  
Her long gaze homewards, where her dreams began,  
With yearning love that still deep in her burns,  
Glad, when she hears the old voice sudden cry,  
To follow the northward call, and die. (Watt, 1903, 15)

Tha Ros fhèin a' moladh cruth-tìre dhùthchannan na h-Impireachd. Tha seo a' cinntinn às an nàiseantachas Impireachdail aige agus moladh nan dùthchannan a' nochdadh làimh ri moladh cruadail nan saighdearan aca. Tha an ìomhaigheachd aige, a tha simplidh is eagsotaig san aon dòigh ri càirt-puist, na dheagh thaisbeanadh air an tuigse chumhaing a bh' aige air na dùthchannan seo a rèir fianais an dàin. A dh'aindeoin seo nì na foir-ainmean, mar eisimpleir "Tìr na kangaroo" shìos, mic-talla le dòighean reatoraig a' chòd-mholaidh (MacInnes, 2006, 277-79), ged a thèid a chleachdadh airson buannachd na h-Impireachd:

Dùthaich aosd' an òir le beartas méinneach 'n a beanntan,  
Fiodh is finealta lì, is cruaidhe na craobh dharaich Shasuinn;  
Ainmhidhean gnèitheil iongantach, eoin le iteach iomdhathach;  
Tìr na kangaroo, na lus is nam beathaichean neònach.

'Thi tha miadhail caomh le do churaidhean lùthmhor is dìleas,  
Dh' àrdaich t'ainm gu urram's gach àit an luaidhear gaisge; (*Armageddon*, 22)

Chan eil suim aig Ros air beachdan tùsanaich nan dùthchannan seo. Tha seo gu h-àraidh follaiseach mu na h-Innseachan, ach b' urrainnear an aon rud a ràdh mu dheidhinn tùsanaich Chanada is Àstralia mar an ceudna. Bha an neo-shuim seo a' nochdadh gu cunbhalach am measg seallaidhean nan Gàidheal air tùsanaich sna 18mh agus 19mh linntean (Kidd, ri nochdadh):

Ughdarras Bhreatunn riamh thar fhineachan lìonmhor nan Innsean,  
Aotram mar lìon damhain alluidh, 's a neart nas treise na geimhlean; (*Armageddon*, 18)

Tha seo a' dol an aghaidh fianais thachartasan a leithid Ar-a-mach nan Innsichean ann an 1857 agus leudachadh na h-iomairt nàiseantachd san dùthaich ud bho chrìoch an naoidheimh linn deug (Levine, 2007, 77-81). Ainmichear Afraga a Deas mar "M[h]easgadh càirdeil teann, eadar fhineachan, laghan is chànan" (*Armageddon*, 26) is seo a' dol an aghaidh eachdraidh na dùthcha ud air an dòigh cheudna.

A dh'aindeoin 's gur e Breatainn a tha fa near dha, tha Ros a' feuchainn ri sealladh farsaing a chumail air a' chogadh, is chithear seo leis na h-iomraidhean air Manchuria agus air Etiòipia (*Armageddon*, 48) a nochdas san dol seachad am measg na h-eachdraidh aige air an t-suidheachadh Eòrpach. Neartaichidh an fharsaingeachd a' chumhachd a th' aig an ainm *Armageddon* mar shealladh air an t-saoghal air fad

a' tighinn gu crìoch. Tha an liosta susbainteach aige de dhùthchannan Impireachd Bhreatainn cuideachd a' leantail nòs na bàrdachd molaidh, far a dh'ainmichear càirdean a' chuspair mholaidh (MacInnes, 2006, 275-77).

Ach 's e dàn a th' ann le Breatainn aig a' chridhe agus mar sin thig taisbeanadh nan dùthchannan gu crìoch le samhla air an impireachd air fad:

Sud na dùthchannan saor fò bratach Impireachd Bhreatunn,  
 “Cuileanan leòmhainn iad sud ri taobh na Ban-Leòmhainn am Màthair.” (*Armageddon*, 26)

Às dèidh an taisbeanaidh air Impireachd Bhreatainn, leanaidh Ros air adhart is e a' càineadh beachdan-smaoin nan Nàsach gu fialaidh agus, coltach ri Mac an t-Saoir, dìtidh e Hitler mar cheannard (*Armageddon*, 28-39). Tha Ros a' sealltainn deagh eòlas air beachdan nan Nàsach agus mar a bha iad a' coimhead orra fhèin agus cleachdaidh e seo gus an càineadh. Tha an Ordugh Ùr (*Armageddon*, 34-36) a tha na Faisistich a' feuchainn ri cruthachadh (Herre, 1995, 155) cho cunnartach is gu bheil an cogadh na aghaidh ag obair mar “sgian a' leigh” (*Armageddon*, 38) am beachd a' bhàird.

'S e “uail” a thèid a dhìteadh a thaobh na dubhailce moralta a dh'fhàg na Nàsaich cho mòr nam beachd fhèin: “Uail neo-mheasarra chinn am meanmna buaireasach Hitler” (*Armageddon*, 28). Càinidh e ùirsgeulachd nan Nàsach gu h-èifeachdach agus e a' mìneachadh mar a bha iad den bheachd gum bu chòir gach cinneadh eile “frithealadh aisans mar òglaich” (*ibid.*). Seallaidh Ros eòlas air na dòighean-labhairt sùdo-eitneòlach nan Nàsach (Strasser, 1995, 115) gus am boirbe a mhìneachadh, is e gan cleachdadh gu h-ìoranta gus an càineadh:

Aryan fiùghail fial de shliochd na ridirean ainmeil,  
 Seirceil ionraic 'n a chridhe, gun chron gun choire 'n a nàdur —  
 Sud a bharail air fhéin! an Nàsach flathail neo-lochdach,  
 Dhàsan sleuchdaidh na slòigh air eagal am beatha gu dìblidh. (*Armageddon*, 28)

Tha eòlas aige cuideachd air mar a chleachd na Nàsaich beachdan Nietzsche air an “ro-dhuine” gus na beachdan aca a dhaingneachadh (*Armageddon*, 30). Seallaidh e mar a dh'fhuiling na h-Iudhaich fodhpa, is “uail” a-rithist air ainmeachadh:

Toradh na h-uail gun rian, a chinn bho shloinneadh cho breugach,  
 Thuit le gamhlas searbh is foill air fògaraich Shioin;  
 Dhearbh geur-leanmhuinn fhuileach, le slad is creachadh an codach  
 Farmad ri lùdadh ghleusd' an oilean, am malairt 's an eòlas. (*Armageddon*, 30)

Às deidh nan earrannan seo a' moladh Impireachd Bhreatainn agus a' càineadh feallsanachd, ceannard agus gnìomhan nan Nàsach, tòisichidh Ros ri tachartasan a' Chogaidh fhèin aithris. Tha e a' tòiseachadh le *Anschluss* na h-Ostair ann an 1938. Thèid siud a dhealbhadh le ìomhaigh mheanmnach “laogh an fhéidh gu teann an lùib nathair-bruthaidh” (*Armageddon*, 40) is leanaidh e air a' bruidhinn air mar a fhuair na Nàsaich greim air an Sudetenland. Tha Ros ag argamaid gun do dhearbh na gnìomhan seo cho borb, neo-earbsach 's a tha na Nàsaich:

Thréig iad firinn is onair, am bòid is fìor mhionnan-eithich—  
 Bhrisd iad na ceanglaichean còir a chrìoslaich creideas nan cinneach. (*Armageddon*, 44)

Tha seo na dheagh eisimpleir air cho measail 's a tha Ros air uaim agus i, còmhla ris na sreathan sia-beumail, air aon de na prìomh bhuidhean claisneachail san dàn. Dealbhaichidh Ros an seòrsa beatha a bh' aig na daoine sna stàidean seo is e a' dèanamh iomradh air a' Ghestapo, campaichean-tionail agus marbhadh nan creachadairean a bha a' dol nan aghaidh na stàit (*Armageddon*, 46).

Nuair a ni Ros iomradh air an ionnsaigh a thug a' Ghearmailt air a' Pholainn, toiseach a' Chogaidh bho shuidheachadh Bhreatannach (*Armageddon*, 48), tha e a' gluasad air falbh bho thachartasan a' chogaidh tamall gus bruidhinn air teicneòlas agus dòighean ùra chogaidh. Coltach ri Mac an t-Saoir tha e a' caoidh mar a bha ceannardan Bhreatainn cho slaodach a bhith ag ullachadh airson a' chogaidh (*Armageddon*, 52). Ma dh'fhaidte gur e an tuairisgeul a nì e air an tanca am fear as annasaiche is e mar “Saurian tomadach mór is uilbheistean iomadach eile” a tha a' saltairt is a' pronnadh gach nì a thèid fo chasan (*Armageddon*, 60). Seallaidh Ros aithneachadh tuigseach air mar a bha dòighean chogaidh ag atharrachadh le barrachd gluasad stèidhichte air ionadan tancaichean seach treinnsichean a' Chiad Chogaidh (Weinberg, 2005, 127).

'S e sgeulachd an long cogaidh Ghearmailtich an Graf Spee (*Armageddon*, 64-74) aon de na tachartasan a thèid aithris gu mionaideach, an dà chuid mar a chaidh a thruaillleadh aig Montevideo

(*Armageddon*, 72) agus mar a chaidh prìosanaich a shàbhaladh bhon tancair aice air sgeirean Nirribhidh (*Armageddon*, 74). Leanaidh Ros air le tuairisgeul air blàr mara Narvik ann an ceann a tuath na dùthcha ud (*Armageddon*, 74-86). Tillidh Ros an uair sin don chogadh air tìr mòr na Roinn Eòrpa (*Armageddon*, 88-122) agus na Breatannaich a' sabaid leis na Frangaich gus an tuit Paris agus stèidheachadh Riaghaltas Petain (*Armageddon*, 120). Nì e eadar-theangachadh air às-earrannan den òraid ainmeil aig Churchill (*Armageddon*, 124) is e a' sealltainn mar a sheas Breatainn is a h-Impireachd na h-aonar. Crìochnaichidh an dàn le eachdraidh Cath Bhreatainn (*Armageddon*, 136-46) nuair a chuir a thinneas deireannach stad air a dhàn (Black, 1999, 723).

Tha Ros a' leantail gu dlùth ri amas eachdraidheil aige fiosrachadh mun chogadh a chlaradh airson nan ginealaichean às a dhèidh. Air uairean tha seo a' dèanamh bàrdachd gu math tana, a chaidh a chàineadh le D. I. MacLeòid: "it is in no sense poetry" (MacLeod. 1969, 345-46). Nì am bàrd tuairisgeul mionaideach air an *Graf Spee* mar eisimpleir:

Tuairisgeal aoig na Graf Spee, a cudthrom deich mìle tunna;  
Aon oirleach deug a gunnathan, sia mìle fichead a h-astar:  
[...]  
Dà pheiler aon oirleach deug, bhó chraoslaichean teinnteach na Graf Spee,  
Bhuail air an Exeter prap, a' bruanadh àirneis a h-uachdair,  
Sia ceud punnd, trì fichead 's a deich b'e cudthrom gach peileir—  
[...]  
Fichead is dà mhìle dheug b' e astar cuairtearan Bhreatunn.  
Taobh an fhuairidh ghabh iad de'n nàmh gu mothachail tèoma. (*Armageddon*, 66-70)

Cha bhiodh e ro chruaidh a ràdh gu bheil an t-seòrsa mionaideachd seo an cunnart coimeas ri dàin Uilleim MhicGonagall. Rinn am bàrd ud iomadach dhàn air cuspairean mara:

The brave heroes managed to save a pinnacle about fifteen feet long,  
And into it thirteen of the crew quickly and cautiously did throng, (McGonagall, 184)

Neo na beachdan teicnigeach air tuiteamas Drochaid Tatha:

That your central girders would not have given way,  
At least many sensible men do say,  
Had they been supported on each side with buttresses  
At least many sensible men confesses, (*ibid.*, 51)

Air an làimh eile chan e gu robh gainnead eòlas mara am measg nan Gàidheal, is deagh thuigse aca air cuspairean seòlaidh. Ach ma dh'fhaoidte nach b' e seòladairean Gàidhealach sa Chabhlach Mharsanta an luchd-leughaidh a bha Ros ag amas air. Tha ìomhaigheachd Rois tòrr nas èifeachdaiche nuair a chleachdas e similithean nàdarra; nì e deagh choimeas eadar an *Graf Spee* agus buar a' teicheadh fo theas an t-sàmhraidh bho bhìdeadh nan creithleagan, am measg ìomhaigheachd annasach eile (*Armageddon*, 70).

Tha seo a' fàgail gu bheil an dàn ma dh'fhaoidte nas cudromaiche do litreachas na Gàidhlig mar shealladh air na bha na Gàidheil a' tuigsinn mun chogadh, agus mar thaisbeanadh air na beachdan aca mu sin agus mun Impireachd. Thèid moladh fada a dhèanamh air euchdan Dunkirk, ged nach tèid ach iomraidhean beaga a dhèanamh air St Valery (*Armageddon*, 104; 134), far an do ghlacadh feachdan Gàidhealach (Innes, 2004) a bha a' cur dàil air feachdan Gearmailteach. Ri linn propaganda a' chogaidh bhiodh e ciallach barrachd cuideam a chur air Dunkirk seach St Valery-en-Caux. Le bhith a' cleachdadh meatrachd an litreachas as sine sa Roinn Eòrpa, tha e coltach gu robh Ros a' feuchainn ri euchdan a latha fhèin a chur sìos sa Ghàidhlig airson nan ginealachdan ri teachd. Rud a tha a' taisbeanadh an dòchas a bh' aigesan mu chor na Gàidhlig, agus mu cò bha gus an cogadh a bhuannachadh.

## 10.2 Na Ficheadan – *An Dèidh a' Chogaidh*

'S e *An Dèidh a' Chogaidh* an dàn as giorra sa chorpas. Chaidh a roinneadh ann an 13 earrannan le diofar mheatrachdan is e na mheòrachadh air an t-saoghal às dèidh a' Chiad Chogaidh. Tha an dàn goirid a chuir e aig toiseach an leabhair a' dèanamh iomradh soilleir air Cogadh Neo-Eisimeileachd na h-Èireann a bha air ùr air thighinn gu crìch (*ADAC*, 3), a' cur co-theacs a bharrachd ris an dàn agus a' fosgladh a' bhreithneachaidh aige nas fharsainghe na crìoch a' Chiad Chogaidh a-mhàin. Obraichidh an dàn slàn mar shreath de 13 dàin a tha a' leantail a chèile a thaobh tèamaichean.

Bha MacDhòmhnuill air cruinneachadh de bhàrdachd a dhèanamh, '*An Àm a' Chogaidh*' (1919), a sheall air diofar chuspairean co-cheangailte ris a' Chogadh. Tha cuid de na dàin a' sealltainn air

lèirsgrios a' chogaidh fhèin, m.e. 'Fein-Labhairt Saighdear Dall' (MacDhòmhnuill, 1919, 23); tha feadhainn eile na bhrosnachadh do na saighdearan, m.e. 'Ri Anail air Raon a' Bhlàir' (*ibid.*, 24-25). Ach chìthear a' nochdadh mar-thà, sa cho-chruinneachadh nas tràithe seo, an dòchas aige airson sìth maireannaich còmhla ri dragh mu chuid de na h-atharrachaidhean sòisealta a bha an cogadh air adhbhrachadh (*ibid.*, 52-53).

Tha *An Dèidh a' Chogaidh* a' sealltainn air na trioblaidean a tha air èirigh às dèidh a' Chiad Chogaidh agus gu leòr dheth sgrìobhte le blas gu ìre mhath dubhach. Am meadhan an dàin cluinnear rannan a tha nan deagh eisimpleir air beachdan a' bhàird:

Ghineadh nàdur 'n am na còmhraig  
 Dh'fhàg a mhor-shluagh claon is stràiceil;  
 An co-fhlaitheachd fàs am mor-chuis,  
 Mar nach biodh ach iads' air fhàgail;  
 Thaobh cuid diubh ris a chreideamh sgiùrsail  
 A rinn an Ruis na diol-dèirce, [...] (ADAC, 19)

Mar sin ged a tha an dàn a' tòiseachadh le sealladh dòchasach mu chrìoch a' Chogaidh, "An ainm na sìth, dhomh crathadh de d'làimh | Dùrachdan math n-ar cridhe a ghnàth;" (ADAC, 11) chan fhada gus am bris trioblaidean nam Ficheadan sonas an t-sìth-ghairm. Mar a chunnacas san às-earrainn shuas tha MacDhòmhnuill den bheachd gu bheil an cogadh air droch bhuaidh fhàgail air na daoine, agus gu bheil seo a' tighinn am follais nan giùlan às dèidh a' chogaidh. Sa cheathramh rann gheibhear:

Tha'n t-uabhar a ghineadh o'n chogadh ri cron;  
 Tha cuid ann neo-thoilicht', 's gun fhios ac' c'arson,  
 [...]  
 An fhlaitheachd ri gearan, is briseadh air bann,  
 'S mì-shuaimhneas a' milleadh a' chòrdaidh. (ADAC, 11-12)

Le bhith cleachdadh an t-suidheachaidh aige mar bhàrd a tha a' cronachadh lochdan sòisealta, gus iadsan a tha iad fhèin a' gearan a dhìteadh, chìthear gu bheil suidheachadh MhicDhòmhnaill car ìoranta. Thig seo am follais gu h-àraidh nas fhaide air adhart far an tèid reatorraig shiùbhlach nan sòisealach a chàineadh: "Tha'n teanga mhillis, mar is tric, | Sleamhuinn agus toisgeal" (ADAC, 26). Mas e is gur e car-fhacal a th' ann an 'toisgeal', is e a' dèanamh ceangal eile leis na sòisealaich air an

làimh chli, tha ìorantas gu math follaiseach ann a bhith a' cleachdadh uaithne (teanga/ sleamhuinn) is car-fhacal gus sgaradh a dhèanamh eadar siùbhlachas chànan agus an fhìrinn.

San dàrna earrainn tha am bàrd ag ainmeachadh cuid de na daoine a tha air a mhì-thlachd a chosnadh. Tha an ùidh a tha daoine a' cur ann an “Aghartachd” a' toirt orra an creideamh fhàgail, agus eòlas is cultar eachdraidheil a thrèigsinn, “Mar 'eil iad cho ùr ris a bhliadhn' so” (*ADAC*, 12). Tha seo na dheagh eisimpleir, leasaichte agus ann an cruth iom-fhillte, de chronachadh sòisealta nam bàrd Gàidhealach a bha tric ri chluinntinn air dhaibh tilleadh bhon bhaile mhòr (Byrne, 2007, 62-63). Ann an dàn MhicDhòmhnaill chan eil tèarmainn na Gàidhealtachd air ainmeachadh mar àite far a bheil beusan nas sine air an còmharrachadh. Is gu dearbh, tha e ag ràdh gu bheil “eadhoin a' Ghàidhlig ga deanamh 'na cleòc | Gu craobh-sgaoladh air creideamh 'tha sgiùrsail” (*ADAC*, 13), a thèid a mhìneachadh mar bhoilseabhachd ann am bun-nota. Aig ìre nas fharsainghe tha am bàrd a' togail fianais an aghaidh nòsan ùra agus amasan adhartach a linn. Thig e am follais nas anmoiche gu bheil e a' moladh “foighidinn” (*ADAC*, 23) agus “bràthaireachd” (*ADAC*, 20) seach adhartas airson roinntean fa leth den choimhearsnachd. An coimeas ri Mac-na-Ceàrdaich agus MacGill-Eain, tha e athaiseach dha-rìribh na phoilitigs ged a nochdas an taic aige do na h-Eireannach agus taic air choreigin do dh'ath-leasachadh fearainn an-dràsta 's a-rithist.

Eadar II agus III (*ADAC*, 13) agus am broinn earrainn V (*ADAC*, 17), tha am bàrd a' sealltainn atharrachadh blas an dàin le bhith a' cur “ACH” ann an ceann-litrichean. Tha seo a' sanasachd ann an dòigh car simplidh na tha am bàrd a' dèanamh ann an earrannan eile le meataireachd co-dhiù: atharrachadh ann an guth agus sealladh a' bhàird. Mar sin, an dèidh draghan a' bhàird mu na Boilsibhich, tha MacDhòmhnuill a' tionndadh gu blàs nas lioraiciche ann an III is e a' beachdachadh air caochlaideachd an t-saoghail. Cinnidh seo, mar a chunnacas, bho na draghan aige mu ana-Crìosdaidheachd nam Boilsibheach agus mar a tha na beachdan aca stèidhichte air anailis chlas-shòisealtach a nì sgaradh eadar diofar phàirtean den choimhearsnachd.

Sa mheòrachadh aige ann an III tha MacDhòmhnuill a' dealbhachadh aon de phrìomh sgairidhean an dàin, eadar bòidhchead an t-saoghail agus a thrioblaidean: “Bòidhchead an t-saoghail 's a mhaiteas



gun bhuaidh” (ADAC, 14). Tillidh an cuspair seo gu cunbhalach san dàn, an dà chuid san ìomhaigheachd agus mar iom-sgaradh eadar na diofar earrannan, eadar cronachadh nan radaigeach ann an VI agus seallaidhean nàdarra VII, mar eisimpleir.

Ma dh’fhaoidte gur e aon de na rudan as annasaiche mu dhèidhinn III, leasachadh beachdan a’ bhàird air an t-suidheachadh Èireannach, a nochd ron dàn mar a chunnacas. Tha MacDhòmhnuill a’ cronachadh “rag-mhuinnealachd Shasuinn” seach na h-Èireannaich is e ag ràdh gu soilleir mu na Breatannaich: “Oir cia-mar is urrainnear dhuinne ’tha cearr | ’Bhi ’g iarraidh air càch ’bhi sìtheil;” (ADAC, 15). Na dhòigh fhèin tha seo gu math radaigeach leis gu robh saighdearan Albannach gu leòr air a bhith an sàs sa chogadh ann Èirinn, anns na h-aonadan neo-chunbhalach, na *Black and Tans* (Phillips, 1923, 186).

Cleachdaidh MacDhòmhnuill ìomhaigheachd na grèine is i a’ briseadh tro na neòil, mar shamhla air sìth car cugallach a’ nochdadh. A-rithist, tha e a’ cleachdadh sgaradh eadar àilleachd sìtheil nàdair agus cleachdaidhean daoine. Minichidh e mar a tha a ghinealach am fiachan riuthasan a dh’ìobair am beatha sa chogadh, is mar sin mar bu chòir an cumhachd a thoirt air falbh bhuapasan a dh’adhbharaich an strì: “Thoir cumhachd do’n a mhòr-chuid, is cinnidh ceòl is gaol!” (ADAC, 16).

Tha V a’ coimhead air an aimhreit a tha a’ cinntinn bhon dìth adhartas a bha na saighdearan a’ faicinn nuair a thill iad bhon chogadh. Chaidh prìsean àrdachadh is dìtidh e breunachd is droch stiùireadh ann am malairt is gnìomhachas (ADAC, 17). Ach a dh’aindeoin ’s gu bheil e cruaidh gu leòr sna dìtidhean a nì e, tha e den bheachd gum bu chòir brìtheamhan a bhith tròcaireach, is dèanamh cinnteach gu bheil ceartas air a dhèanamh. Gun barrachd co-theacs a bhon dàn tha e duilich a dh’amas cò air a tha e a-mach, ach bhiodh na tachartasan ann an Èireann ri linn Cogadh Neo-Eisimeileachd acasan na thuairmse ciallach.

Tha an t-siathamh earrann a’ cronachadh an dà chuid an luchd-gnìomhachais a rinn fortain a-mach às a’ chogadh agus na saothraichean a bha a’ dèanamh comh-strì phoilitigeach, gu h-àraidh às a dhèidh. Tha MacDhòmhnuill a-rithist ag ràdh gur e droch bhuaidh a’ chogaidh a dh’adhbharaich an strì às a dhèidh is e ga fhaicinn mar nàdar de ghalar agus na trioblaid mhoralta is e a’ seachnadh anailis

eaconomaigeach: “Dh’ ionnsaich iad le chèil’ an droch-bheart, | Droch chleachdaidhean, ’a [*sic* ’s?] an crùadhas-chrìdhe” (*ADAC*, td. 18). Tha an t-iomradh a nì e air mnathan is clann nan saighdearan fo mhì-fhortain ma dh’fhaidte na iomradh air an stailc-mhàil a rinneadh ann an Glaschu ann an 1915, far an do chleachdadh an ana-cheartas sin mar bhunait san iomairt aca an aghaidh luchd-sealbh nan taighean (Melling, 1983, 84-85). Ach tha MacDhòmhnuill nas cruaidhe air an luchd-obrach na na h-uachdarain-calpa is e ag ràdh: “Mo dhuilichinn gum fèum mi ’ràdh | ’S e saotharaichean is moth’ tha’n tùaisead” (*ADAC*, 19). Mar a chunnacas ann an dàn II tha e a’ cur a’ choire air Bòilseabhachd airson gu leòr den ùpraid. Aig deireadh na h-earrainne tha e ag argamaid gur e “bràthaireachd” a nì “bhùanachd, ’s a ghineas fèin-mheas” (*ADAC*, 20). Tha e soilleir mar sin gur e “sgaradh” a tha a’ cur an uidhir de dhragh air MacDhòmhnuill. Bhiodh seo a’ dol an aghaidh beachdan nam Marcsach mu dheidhinn riatanachd strì eadar nan clasaichean-sòisealta.

Chithear mar a dh’fheuchar ri tionndadh do ghuth lioraic nàdair, gus trioblaidean an t-saoghail a sheachnadh ann an VII, san aon dòigh san do dh’fheuch MacDhonnachaidh trioblaidean an t-saoghail fhàgail air a chùlaibh ann an *CAF*. Tionndaidhidh am bàrd gu meòrachadh air nàdar, agus bioth-bhuantachd an t-saoghail an coimeas ri ar beathannan-sa. Nì e iom-sgaradh gu math follaiseach leis na beachdan poiliteagach aige ann an VI agus VIII. Ann an VIII aithnichear nach eil na geallaidhean a bh’ aig na saighdearan air an coileanadh, gu h-àraidh a thaobh an fhearainn (*ADAC*, 22). Gabhaidh e sùil Ghàidhealach air mar a tha trioblaidean a’ Chogaidh fhathast ri fhaicinn ann an diofar cheàrnaidhean air feadh an t-saoghail (Black, 1999, xxix). Dh’aithnicheadh a cheana na beachdan aige air Bòilseabhachd na Ruis a nochdas a-rithist san earrann seo. Canaidh e seo mu Èireann:

Is faisg air laimh, gu trùthaire  
 ’S gach seòl ’bu choir ’bhi bùadhmhora,  
 Tha Eirionn bochd, ’s a crìdh fo sprochd,  
 Le buil gach lochd ’bha riamh oirre. (*ADAC*, 23)

Càinidh MacDhòmhnuill na “iarrtasan baoghalta” a tha ag adhbharachadh an strì seo, is e soilleir gu bheil e fhathast a’ cronachadh nan radaigeach. Tha am moladh aige soilleir: bu chòir na daoine tighinn còmhla:

[...] 's anns  
 A chòrdadh dhlùth thig buil co-dhiu  
 Bhios buaidh aig taobh seach taobh 's an am. (ADAC, 24)

Tha IX na lioraic a sheallas air tilleadh-dhachaigh nan saighdearan bhon Chogadh Mhòr. A dh'aindeoin's gu bheil strì is aimhreit fhathast ann, a thèid phearsonachadh mar ghaillionn is fuachd na h-oidhche, tha toileachas ri fhaotainn ri bhith tilleadh dhachaigh agus a' fàgail na strì air do chùlaibh.

Nì X iomradh eile air na radaigich is na h-òraidean aca. Tha na trì earrannan mu dheireadh a' tilleadh do na seallaidhean dùthchail a bha rim faicinn ann an VII is IX. Coltach ri MacDhonnachaidh chan eil e na thost mu dhèidhinn nam fuadaichean: “Mu thir an fhraoich gun deanamh luaidh, | Ged's iomadh gleann tha falamh” (ADAC, 26). Ach air an dòigh cheudna, tha anailis phoilibteagach MhicDhòmhnuill a tha a' cur sìos air radaigeachd, òraidean beulach agus “iarrtasan baoghalta” a' fàgail nach eil e a' moladh dòigh gus na h-àiteannan seo a leasachadh. Ann an XII chìthear mar as urrainn don dàn nàdarra a bhith a' moladh dàil seach gnìomh, san iom-sgaradh a nì am bàrd eadar fois nàdair agus aimhreit neo-thlachd mhòr an t-saoghail:

Am fois mu'n chùairt cho fuireachail  
 Ri saothach a feitheamh gaoth;  
 'S mo chridh-sa làn de 'n t-subachais [sic]  
 Ri fhaotainn air gach taobh.

Tha dh' aindeoin so, mi-shùaimhneas  
 Cion-fois an iomadh chearn,  
 Is briseadh sìth is lùaineachd,  
 Is cinneachan ri spàim. (ADAC, 28)

Tha XIII, an earrann mu dheireadh, na dhàn beag grinn a nì sgaradh eadar cèileiradh nan eun sna speuran agus fuaim a' bhàis air talamh. Gu h-àraidh sa chiad rann neartaichear seo le sgaradh follaiseach eadar ìomhaigheachd na strì agus nan eun ann an gach dàrna sreath mu seach:

Cèileiradh 's an spèur os cionn a bhlàir,  
 Thairis air sgrios na còmhraigh gharbh  
 Thar an àit' 'san cluinnear guth a bhàis,  
 Tha éun an gorm na'n neòil a-sealladh:  
 Thar chobhannan aingidh nan dìathan céin  
 Tha esan a séinn a ghaol d'a chéil'. (ADAC, 28)

Crìochnaichidh am bàrd le mìneachadh na h-ìomhaigh seo mar an dleastanas aigesan gus an t-sìth a mholadh: “Seinnibh, a bhàird, òrain na Sìth, | Mairidh iad na ’s fhaide na fuaim na strìth!” (ADAC, 29).

Chunnacas nuair a dh’ainmicheadh corpas an tràchdais ann an Caibideil 1.2 gu robh na dàin fhada uile, ach *Armageddon*, air a chruthachadh ann an roinntean eadar-dhealaichte a’ toirt a’ chothroim don sgrìobhadair tionndadh bho mheataireachd gu meataireachd nan togradh e. Tha ADAC a’ dol eadar diofar meataireachdan gu h-èasgaidh gus buaidhean eadar-dhealaichte a thoirt air an leughadair agus sgaraidhean follaiseach a dhèanamh ann an dòighean mheòrachaidh a’ bhàird. Tha I-III stèidhichte air trì sreathan fada agus le còmhaddadh deireannach *a*; fear goirid le *b*; trì fada le *c* agus fear beag le *b*. Tha comhardadh *abcbdefe* aig rannan 8-sreathach earrann IV. Thèid an dearbh phàtran a chleachdadh ann an V ach le rannan 4-sreathach. Atharrachaidh VI gu pàtran *ababcdcd*. Cleachdaidh VII 4(8+6) le *abcbdefe*. Tillidh e gu rannan 4 sreathach ann an VIII is a’ cleachdadh meataireachd eu-chumanta *aaba* agus comhardadh deireannach dactaileach. Tha IX agus X a’ leantail *abab* cuideachd, ach tha sèist *cc* aig deireadh gach rann ann an X. Leanaidh XI-XII air leis a’ phàtran *abab*. Coltach ri X tha XIII a’ cleachdadh *ababcc* ach tha na sreathan nas fhaide. Tha am bàrd a’ taisbeanadh iomadh meataireachd, is tha na h-atharraichean seo a’ neartachadh an iom-sgaradh eadar na diofar chuspairean a tha a’ nochdadh ann an gach earrann: gu h-àraidh na gluasadan bho draghan poiliteagach gu meòrachadh air nàdar.

Tha na diofar meatrachdan seo a’ toirt beagan de nàdar ioma-ghuthach don dàn ann an dòigh a tha eadar-dhealaichte bhon t-seòrsa *libretto* aig *Domhnullan* neo eadar-theacsachas follaiseach a’ *Chuilithinn*. Ged a tha e a’ cleachdadh meatrachdan traidiseanta, tha iad a’ tighinn còmhla ann an dòigh a sheallas nach eil aon shealladh coileanta ann air an t-saoghal chaochlaideach, as dèidh a’ Chogaidh. A dh’ aindeòin ’s gu bheil teachdaireachd aige an aghaidh adhartas a linne, tha e a’ sealltainn ùidh ann am foirmean meudmhòr ùr, agus ann an seallaidhean eadar-nàiseanta ann am bàrdachd Ghàidhlig.

### 10.3 Gnè-Sgrìobhaidh

On a thòisich breithneachadh air litreachas tha diofar dhòighean air nochdadh gus litreachas a rangachadh. Chunnacas seo a cheana le beachdan Aristotle (1996) air na diofar sheòrsaichean litreachas ann an Caibideil 5. Leis gu bheil an tràchdas seo a' cleachdadh a rangachadh fhèin gus corpas a thaghadh à litreachas na Gàidhlig, tha e ciallach co-dhiù aon de na dòighean rangachaidh a chaidh a mholadh san fhicheadamh linn a chleachdadh gus faicinn mar as urrainnear an teòiric ud a chleachdadh airson na Gàidhlig. Bidh seo na bhùn-stèidh fheumail airson tilleadh dhan cheist dè cho sònraichte sa tha na dàin seo ann an litreachas na Gàidhlig sna Co-Dhùnaidhean.

San aiste dheireannaich aige tha Frye (1957, 246) a' cleachdadh an teirm freumh an taisbeanaidh [*radical of presentation*] gus an sgaradh eadar na diofar ghnèithean de litreachas a mhìneachadh. Tha seo a' ciallachadh gu bheil an dòigh sam biodh am pìos litreachas air a thaisbeanadh na bhùn-stèidh airson nan diofar ghnèithean-sgrìobhaidh a bh' aig na Grèigich is a tha Frye gus cleachdadh: eipig, lioraic agus dràma. Còmhla ris an trì shèorsa litreachais a bh' aig Aristotle cleachdaidh e “ficsean” gus ceithir ghnèithean-litreachais a thaisbeanadh (Frye, 1957, 248). Le ficsean, san t-seagh seo tha Frye a' ciallachadh litreachas a chaidh a sgrìobhadh airson 's gun tèid a leughadh bho leabhar, nobhailean mar as aithne leughadair an-diugh iad, ach cuideachd cuid de dhàin fhada agus seann romansan a chleachdas feartan litreachas sgrìobhte (Frye, 1957, 306). Chleachd Frye “freumh” san abairt aige gus aithneachadh gu bheil na h-eadar-dhealaichean seo nas duilghe aithneachadh ann an saoghal litreachais clò-bhuailte:

One may print a lyric or read a novel aloud, but such incidental changes are not enough in themselves to alter the genre. [...] Milton, for example, seems to have no ideal of reciter and audience in mind for *Paradise Lost*; he seems content to leave it, in practice, a poem to be read in a book. When he uses the convention of invocation, thus bringing the poem into the genre of the spoken word, the significance of the convention is to indicate what tradition his work primarily belongs to and what its closest affinities are with [...] (*ibid.*, 247).

San aon dòigh, cha deach gnè-sgrìobhaidh nan dàin Gàidhealach atharrachadh nuair a chaidh fhoillseachadh bliadhnaichean às dèidh dhaibh a ghlèidheadh ann am beul-aithris. Neo, ged a bha MacGill-Eain a' foillseachadh nan dàin aigesan, stèidheachadh iad ann an gnè-sgrìobhaidh na lioraice is

e a' dèanamh nan ceanglaichean le òrain, cainnt nan searmoinean agus lioraicean eile soilleir sna dàin air fad aige.

San aiste aige, tha Frye a' cleachdadh *epos* gus bruidhinn air litreachas a tha a' cumail ceangal ris an dòigh libhrigidh far a bheil neach-aithris a' bruidhinn ri luchd-èisteachd. Glèidhidh seo eadar-dhealachadh leis an fhacal 'eipig' mar a chleachdar gu làitheil e, airson sgeulachd-dàn fada. Ann an taisbeanadh dràma thèid an t-ùghdar a chleith, leis gur e na caractairean a dh'innseas an sgeulachd. San lioraic tha an luchd-èisteachd air a chleith bhon sgrìobhadair agus e a' meòrachadh neo a' gairm air rudeigin eile— cluinnear seo ann am bàrdachd fhaoisideach neo gairmean romansach air nàdair, far an cluinnear beachdan pearsanta a' bhàird. Ann am ficsean tha an t-ùghdar a' bruidhinn ris a luchd-èisteachd tro leabhar, ann an dòigh leantalach seach eipeasadach (Frye, 1957, 246-51).

Tha trì de na gnèithean seo a' taisbeanadh buaidh ruitheim shònraichte, oir san aiste seo aig Frye tha ruitheam a' sealltainn dè ghnè a th' air pìos sgrìobhaidh (Hamilton, 1990, 160). Anns an *epos* tha ruitheam meataireachdail nas treasa; ann am ficsean tha buaidh ruitheam cèille nas cudromaiche agus san lioraic tha ruitheam a tha bàrdail ach nach fheum a bhith meataireachdail (Frye, 1957, 250-51). Chan eil dàimh shònraichte aig dràma ris na ruitheaman seo, is an gnè-sgrìobhaidh siud eadar-dhealaichte aig diofar amannan eachdraidheil. Tha Hamilton (1990, 162) den bheachd gun urrainnear na trì ruitheaman, a dh'ainmicheas esan mar "metrical, semantic and associative" a chur ann an triantan, le gach pìos litreachas a nochdadh air puing eatorra:

	Epos	
	<i>Meatrachdail</i>	
Ficsean		Lioraic
<i>Ciallachail</i>		<i>Dàimheil</i>

Tha ceòlmhorachd a' toirt buaidh nas motha air *epos* na tha e air gnèithean eile, agus meataireachd nas cudromaiche na tha i anns na gnèithean ud (Frye, 1957, 255). Tha Frye ag ràdh: "In *epos* some kind of comparatively regular metre tends to predominate: even oratorical prose shows many metrical features" (*ibid.*, 250). Tha na h-eisimpleirean a chleachdas Frye uile stèidhichte air bàrdachd Bheurla

agus tha e soilleir gu bheil saoghal nam bàrd Gàidhealach nas ioma-fhillte a thaobh nan gnèithean seo na saoghal clò-bhuailte Frye.

Ann an *Armageddon* tha e aithnichte bho fhianais a theaghlaich gu robh Ros a' leughadh an dàin gu h-osgarra (Black, 1999, 723), agus còmhla ris a' chuideam a chuir e air uaim agus beum san dàn chìthear gu soilleir gur e an gnè *epos* am feart as treasa san dàn seo agus, gu dearbh, am feart as cudromaiche anns a' chorpas air fad. Ach tha an coimeas eadar *Armageddon* agus *ADAC* feumail. A dh'aindeoin 's gur e *epos* am feart as treasa, agus buaidh mheatrachdail soilleir ann an gach pàirt de na dàin, tha buaidh leantailach ciall 'ficsean' ri fhaicinn ann an *Armageddon*. An coimeas ri seo tha a' buaidh dhàimheil *associative* nas treasa ann an *ADAC* far an tig diofar mheòrachaidhean às dèidh a chèile, seach aithris air sgeulachd.

Tha buaidh *epos*, agus freumh taisbeanaidh labhairte, ma dh'fhaoidte nas fhollaisiche ann am bàrdachd Ghàidhlig leis gur ann ann an dualchas far am biodh daoine ag aithris, a' leughadh agus a' seinn bàrdachd a chaidh na dàin a dhèanamh. Tha seo fìor airson nan dàn a lean cruthan Mhic Mhaighstir Alasdair (*LNNS*, *Aeòlus*, *MPMT*) a cheart cho math ris a' *Chuilithonn* a chleachd meatrachdan òrain agus MacGill-Eain ag ràdh gu robh e ag amas air luchd-leughaidh an taigh-chèilidh, mar a chunnacas ann an Caibideil 6. Chìthear a' bhuaidh lioraiceach seo gu soilleir ann an dàn mar *CAF*, agus buaidh ficsean nas treasa ann an *Armageddon* mar an ceudna. Taobh a-staigh nan diofar dhàn a tha am broinn *ADAC* chìthear gu follaiseach gu bheil cuid a tha nas treasa a thaobh ruitheam cèille, is iad a' leantail argamaid an ùghdair. Tha cuid eile a tha a' cur ris an argamaid aige le meòrachadh samhachail air nàdair is iad stèidhichte air dàimh neo-cheud-fathach eadar an ìomhaigheachd, ann an dòigh nas fhaisge air lioraic.

Tha an obair a rinn Maighread Challan (2012, 67-70) a' gabhail beachd às ùr air beul-aithris na Gàidhlig ann an Uibhist a Tuath a' sealltainn gu bheil ceistean a thaobh luchd-èisteachd, mar a chìthear le beachd-smaoin 'Frianh an Taisbeanaidh', torrach ann an co-theacsa litreachas na Gàidhlig. Bha gu leòr de dh'òrain Ghàidhlig a' bruidhinn ri neach nach eil an làthair, agus an luchd-èisteachd mas fhìor air falach bhon chonaltradh eadar an aithrisear agus an cuspair m.e. 'Mò Rùn Gheal Òg' (J. MacLean,

1950). Bhiodh seo na dheagh riochdachadh air an fheart lioraiceach ann an litreachas anns an t-siostam aig Frye. B' e eisimpleir eile air deagh dhàimh eadar teòiric Frye agus litreachas na Gàidhlig na h-òrain obrach a tha a' gairm orrasan mu chuairt air an t-seinneadair. Tha an gairm gu dìreach air an luchd-èisteachd na eisimpleir den *epos*. 'S e meatairachd a' bhuaidh as cudromaiche sna h-òrain seo agus an t-òran a' gluasad bho aon sealladh is suidheachadh gu suidheachadh gu tur eadar-dhealaichte air ball. Ach bhiodh eisimpleirean eile, bhon aon ghnè sgrìobhaidh, a' sealltainn gu bheil guth lioraiceach cuideachd gu math cudromach sna h-òrain luaidh is daoine a' bruidhinn gu follaiseach mu chuspairean nàire mar nach robh luchd-èisteachd ann. Don t-siostam aig Frye tha e coltach gum biodh cuid de dh'òrain luaidh a riochdachadh aon ghnè-sgrìobhaidh is cuid eile, feadhainn eile.

Ach a' tilleadh don t-seòrsa sgrìobhaidh a tha fa near don tràchdas seo tha e gu math soilleir gu bheil na dàin gu mòr fo bhuaidh *epos*, mar a bhiodh dùil airson bàrdachd fhada mar seo. Tha an siostam rangachaidh aig Frye feumail, gu seachd àraidh san fhicheadamh linn nuair a bhathas gu tric a' dol tarsaing air na sgairidhean eadar meadhannan agus diofar sheòrsaichean sgrìobhaidh. Mar a chanas e a fhèin:

The purpose of criticism by genres is not so much to classify as to clarify such traditions and affinities, thereby bringing out a large number of literary relationships that would not be noticed as long as there were no context established for them. (Frye, 1957, 247-48)

Le bhith aideachadh buaidh làidir *epos*, ach le sùil air mar a tha cuid de dhàin mar *Dhomhnallan* a' leantail cruthan dràma agus ficsean, is cuid eile mar *CAF* stèidhichte air dàimhean lioraiceach tuigear nas fheàrr an fharsaingeachd de dhòighean obrach taobh a-staigh gnè-sgrìobhaidh an dàin fhada. Airson *Armageddon* agus *An Dèidh a' Chogaidh*, ged a tha siostam Frye car toinnte, eas-cruthach, tha e a' sealltainn cuid de dh'adhbharan bunaitich airson nan stoidhlichean cho eadar-dhealaichte taobh a-staigh an aon ghnè-sgrìobhaidh, le feartan ficseanail agus lioraiceach nas treasa mu seach.



## 11. Co-Dhùnaidhean

### 11.1 Corpas, Co-Theacs a Eachdraidheil agus Obair a Bharrachd ri Dhèanamh

Tha an tràchdas seo air sealltainn air corpas fa leth de litreachas na Gàidhlig. Chaidh an corpas sin a thaghadh air tàillibh adhbharan meud, structair agus gnè-sgrìobhaidh. Às dèidh sùil nas fharsainghe a thoirt air bàrdachd a' chiad leth den fhicheadamh linn, nochd cuid de dh'fheartan a bha cumanta airson buidheann dhiubh: meud an dàin, a bha mar a bu trice thar 700 sreath; dàin a bha roinnte ann an diofar earrannan agus a bha a' feuchainn ri ceanglaichean a dhèanamh ri eisimpleirean eile den dàn fhada bhon Ghàidhealtachd neo bhon Roinn Eòrpa. A bharrachd air seo, nochd barrachd fheartan cumanta eatorra beag air bheag tro na h-anailisean ann an Caibideilean 4-10.

B' urrainnear an corpas a leudachadh gu h-aimsireil san fhicheadamh linn le bhith toirt a-steach dàin bho 1950 air adhart leithid sgrìobhaidhean MhicFhionnghlaidh (1981; 1991) agus MhicNeacail (1983; 1984). Agus tha dàin eile ann bho bhliadhnaichean an rannsachaidh a b' urrainnear sgrùdadh nan robh barrachd bhriathran rin cleachdadh. Mar eisimpleir, chleachdadh *Maighdean Dhurair*, mar thaisbeanadh air bàrdachd Aonghais Mhoireasdain, ged a bha dà dhàn eile a bha iomchaidh aige. B' urrainnear, mar an ceudna, barrachd obair a dhèanamh air eadar-theangachaidhean dhan Ghàidhlig: an dà chuid ò shaothair Burns le Dòmhnall Ruadh Mac an t-Saoir agus Moireasdain, agus bho na cànanan Meadhan-Thìrich le Iain MacGilleathain (1976) neo Deòrsa Caimbeul Hay. Agus tha rannsachadh a bharrachd ri dhèanamh air mar a leasaich MacGill-Eain na beachdan aige air an dàn fhada aig ìre theòiriceil agus sna dàin aige: 'Coilltean Ratharsair', 'Hallaig', 'Cumha Chaluim Iain MhicGill-Eain' agus 'Uamha 'n Oir', a bharrachd air a' *Chuilithionn*.

A dh'aindeoin 's mar a dh'fheumadh co-dhùnadh a dhèanamh air dè na dàin a bhathas gus sgrùdadh tha an tràchdas seo air sealltainn gu bheil an dàn fada air nochdadh mar rud sònraichte ann an litreachas na Gàidhlig, on a nochd e mar litreachas foillsichte. Anns an *Ais-Eiridh*, a' chiad leabhar de bhàrdachd shaoghailta Ghàidhlig, bha prìomhachas sa chlà-bhualadh air an dà dhàn fhada 'Moladh' agus 'Mio-mholadh Mòraig.' Chleachd Mac Mhaighstir Alasdair nòs eipigeach de bhith ag ainmeachadh cuspair a' cho-chruinneachaidh agus a' guidhe don cheòlraidh sa chiad dà dhàn. Mar sin,

b' e dàin 'Mòraig' a' chiad dà dhàin a choisinn an suidheachadh aca aig toiseach an leabhair a thaobh a mheas aige orra mar litreachas. Bha cleachdadh an dòigh fhoillseachaidh ud a' riochdachadh an eòlais aige air dàin fhada chlasaigeach na h-Eòrpa, rud a tha a' nochdadh gu bitheanta na bhàrdachd cuideachd. Chìthear leis an eisimpleir seo, gu robh eòlas air co-theacsa nan dàin fada Eòrpach a' toirt tuigse nas fheàrr dhuinn air litreachas na Gàidhlig. Chaidh bun-stèidh an Dòmhnallaich a leasachadh le saothair Dhonnchaidh Bhàin, Uilleim MhicDhùn-Lèibhe agus bàird eile às a dhèidh.

Sheall an sgrùdadh air saothair MhicDhùn-Lèibhe mar a chleachd e dàin fhada agus tachartasan eachdraidheil gus draghan aimsireil a chur an cèill. Nuair a bha na Gàidheil gan dèanamh a thaobh na bochdainn aca, bha MacDhùn-Lèibhe a' cleachdadh nan sgilean bàrdail aige gus an strì aca a chur ann an co-theacsa eachdraidheil cathan nan Gàidheal. B' e seo aon shlighe leasachaidh den dàin fhada nach deach a leantail gu tric ann an saothair an fhicheadaimh linn.

A bharrachd air tuigse nas fheàrr a thoirt seachad air mar a leasaicheadh an dàin fada le diofar ghinealaichean de bhàird Ghàidhealach, bha an co-theacsa eachdraidheil feumail oir bha na bàird a' dèanamh iomraidhean air ais air an t-saothair a nochd romhpa is iad a' dol air ais gu na dàin a bha iad a' faireachdainn a bha iomraiteach. Bha dà dhàn, *LNSS* agus *Aeòlus*, a' cleachdadh an litreachais a nochd cheana a thaobh a' phrìomh chuspair aca aig ìre bhunaiteach. Leis an dàin fhada *BCR* (1776) stèidhich Mac Mhaighstir Alasdair an turas-mara mar aon de phrìomh chuspairean an dàin fhada Ghàidhealaich, ged a bha e ag ath-chleachdadh cuid de dh'ìomhaigheachd a bha air nochdadh roimhe (MacLeod, 1933, 118-25). Chleachd *LNSS* agus *Aeòlus* ceanglaichean sònraichte le *BCR* ann an dòigh fhèin-mhothachail a bha bunaiteach do shoirbheas nan dàin sin. Bha na ceanglaichean eadar tachartasan poileagach agus am mòrshluagh fo bhuaireadh a bha rim faicinn ann am *BCR*, air an leasachadh ann an *LNSS* agus *Aeòlus*, a' leasachadh tuigse an leughadair air na trì dàin còmhla.

Bha spèis dithist bhàird air saothair Raibeart Burns a' toirt orra iomraidhean a dhèanamh air saothair bho thaobh a-muigh litreachas na Gàidhlig, ach a bha cudromach agus aithnichte ann an saoghal litreachas na h-Alba. Chleachd Aonghas Moireasdan cuid de dh'eilimeidean à 'Tam O' Shanter' gus a' *Mhaighdean* a chruthachadh, ged a tha e stèidhichte air seann sgeulachdan Gàidhealach cuideachd.

Rinn Dòmhnall Ruadh Mac an t-Saoir mar an ceudna eadar-theangachaidhean air dà de dhàin Burns, ‘Tómas Seanntair’ agus ‘An Dà Chù’ (1968, 315-38). Ged nach eil iomraidhean air Burns a’ nochdadh ann an dòigh cho follaiseach ann am *MPMT* neo *Aeòlus*, bhiodh aoirean sgaiteach Burns nan eisimpleir don Uibhisteach a cheart cho math ri eisimpleirean bhon dualchas aige fhèin.

Bha ùidh nam bàrd Gàidhealach ann an litreachas clasaigeach a’ nochdadh gu soilleir sa chorpas cuideachd. Bha adhbharan eachdraidheil, foghlaim agus litreachail airson seo. Le sin, dh’fheuch Aonghas MacDhonnachaidh air eaclòg a dhèanamh sa Ghàidhlig, is e a’ dèanamh iomradh air dàin Bhirgil. Rinn Somhairle MacGill-Eain iomradh air sgeulachd Ghrèigich Phrometheus sa *Chuilithionn* agus chleachd Dòmhnall Ruadh Mac an t-Saoir triùir dhiathan pàganach ann an *Aeòlus*. A thuilleadh air ceanglaichean follaiseach mar seo bha na bàird a’ cleachdadh ghuidhean don cheòlraidh, mar a chunnacas le *Armageddon*, far an do chleachd Ros meataireachd stèidhichte air dàin Homair cuideachd. Bha nòsan claisigeach eile a’ nochdadh, mar thoiseach-tòiseachaidh *in media res* sa *Chuilithionn*, neo moladh uidheamach a’ ghaishgich Ahmad ann am *MID*. Bha seo na riochdachadh air an oidhirp nas fharsainghe a bha na bàird an sàs ann, agus iad a’ cur litreachas na Gàidhlig air ais ann an conaltradh nas doimhne le dualchas litreachail na h-Eòrpa.

A dh’aindeoin ’s na chaidh fhàgail gu aon taobh, tha an corpas a’ seasamh mar thaghadh riochdachail air buidheann de dhàin a tha ceangailte gu soilleir a thaobh structar, iomraidhean agus cuspairean. Mar a chunnacas, chaidh seo aithneachadh le sgrùdairean eile a cheana, gus càineadh a dhèanamh air mar as trice (Thomson, 1974; Black, 1987). A dh’aindeoin ’s gum b’ urrainnear dàin a bharrachd a chur ris, thug an tràchdas seo tuigse nas fheàrr seachad air na ceanglaichean a bha a’ cumail nan dàn seo ann an dàimh dhlùith ri chèile, is chaidh taghadh a’ chorpais a mhìneachadh leis na prìomh cheanglaichean sin ann an Caibideil 1.2.

## 11.2 Na Bàird – Amasan

Sheall an tràchdas seo air beachdan agus fèin-eachdraidh nam bàrd mar an ceudna. Rinneadh seo gu traidiseanta ann an sgrùdaidhean Gàidhealach, (m.e. ann am MacKenzie, 1841) ach bha e cuideachd cudromach an ceangal eadar draghan co-aimsireil, pearsanta, agus an litreachas a ghlèidheadh. Thèid seo an aghaidh cuid de bheachdachadh air litreachas, gu h-àraidh bho sgoilearan an nua-sgrùdaidh neo sgoilearan formalach mar a chunnacas ann an Caibideil 1.4. Ach dh'aontaichinn le beachd Eagleton (2006, 74) gu bheil an saoghal aimsireil a' nochdadh ann an gach pìos litreachas, air uairean a dh'aindeoin toil an ùghdair, is bha am beachd sin bunaiteach dhan a' mhòr-chuid de na sgrùdaidhean.

Bha an ceangal seo eadar litreachas agus eachdraidh gu h-àraidh feumail airson nan sgrìobhadairean a bha air na beachdan aca air litreachas agus poilitigs a chur an clò. Ged a bha cuid de na bàird, gu h-àraidh Somhairle MacGill-Eain, air barrachd a sgrìobhadh na b' urrainnear iomradh a dhèanamh air san dol seachad, bha geàrr-chùntas air na beachdan bunaiteach aca feumail gus tuigse fhaighinn air dè bha toirt orra gnè shònraichte de sgrìobhadh fheuchainn mun aon àm. Rinneadh an rannsachadh seo airson beachdan poblach nam bàrd tòrr nas fhasa leis gu robh gu leòr dhiubh an sàs ann am beatha phoilitigach an latha gu ìre air choreigin.

'S e a' chiad cheangal a bha eatarra uile, gu robh iad gu mòr airson na Gàidhlig, a dh'aindeoin 's gu robh seo a' tighinn am follais ann an diofar dhòighean. Tha seo a' toirt taic don argamaid gu robh na bàird a' faicinn dàin fhada mar ghnè-sgrìobhaidh chliùiteach agus gum b' fhiach an cruthachadh airson adhbharan inbhe-cànain. Ged nach d' fhuaras lorg air taisbeanadh follaiseach den cheangal sin am measg nan sgrìobhaidhean aca air ealain, tha ceangal, ge brith cho teagmhach, eadar na beachdan aca mun chànain agus na h-oidhirpean litreachail aca feumail gus tuigsinn carson a nochd na dàin seo uile mun aon àm.

Bha nàiseantachd nas fhollaisiche ri faicinn anns a' mhòr-chuid de na bàird. Bha Somhairle MacGill-Eain a' seasamh còmhla ri Mac-na-Ceàrdaich agus Mac Iain Deòrsa mar nàiseantaich a bha airson neo-eisimeileachd do dh'Alba. Bha Mac-na-Ceàrdaich air freumh den CBNA a chur air dòigh ann an Sasainn agus bha e air sgrìobhadh airson pàipear-naidheachd a' bhuidhinn ud, *The Scots Independent*.

Bha Deòrsa Mac Iain Dèorsa gus sgrìobhadh airson a' phàipeir ud sna 70an, ach bha an taic a thug e do neo-eisimeileachd dearbhte mus do rinn e *MID*, leis an oidhirp a rinn e an cogadh a sheachnadh mar chogadh Impireil. Chunnacas gu robh bàrdachd MhicGill-Eain, agus am pàtran bhòtaidh aige às dèidh an Dàrna Cogaidh, a' dearbhadh gu robh esan cuideachd a' toirt taic do neo-eisimeileachd na h-Alba. Còmhla ris an triùir gu h-àrd bha Dòmhnall Ruadh Mac an t-Saoir na nàiseantach cuideachd, aig an robh ceanglaichean ris na h-oileanaich a thog Clach Sgàin.

Mar a bhiodh dùil le nàiseantachd eadar-nàiseantail, leithid nàiseantachd Albannaich, 's e na bàird seo an fheadhainn a chleachd nòsan o dhùthchannan eile san Roinn Eòrpa as trice nam bàrdachd. Sa *Chuilithionn* tha buaidh bhàird leithid Blok a nochdadh maille ri Shelley agus ùirsgeulachd na Grèige. Ged a tha Mac-na-Ceàrdaich a' cumail nas dlùithe ri eisimpleir Mhic Mhaighstir Alasdair, eisimpleir de thuras eadar-nàiseanta, tha a bhàrdachd cuideachd a' sealltainn buaidh Cholridge agus nam Romansaich Sasannaich. Tha *MID*, agus saothair Hay san fharsaingeachd, na dheagh eisimpleir air bàrd a' cleachdadh chuspairean agus structuran bho litreachasan bho air feadh an t-saoghail airson na bàrdachd aige.

Tha Ros agus Mac Dhonnachaidh a' dol le chèile oir bha iad nas cofhurtaile ann an saoghal Impireachdail Bhreatainn, agus an nàiseantachd acasan a' toirt taic don impireachd sin. Bha iad mar an ceudna, nas cleachdte ri dòighean labhairt eitneòlach agus na beachdan aca air a' Ghàidhlig stèidhichte air freumhan duatharra nan Gàidheal mar chinneadh. Mar sin bha iad den bheachd gu robh beusan sònraichte nan Gàidheal a' toirt taic don Impireachd agus gu robh sin mar dhleastanas orra. Nochd cuid den aon siostam smaoin ann am bàrdachd Mhoireasdain, ged a bha esan a' toirt taic do dh'fhèin-riaghlaidh mar an ceudna.

A' gluasad air falbh bho cheist nàiseantachd, bha Mac Chalum nas ainmeile a thaobh na rinn e ri linn aimhreit an fhearainn sna 1880an. Bha e fhathast na radaigeach nuair a sgrìobh e *Domhnullan*, agus e a' dèanamh òraid airson a' phàrtaidh Làbaraich ann am Port Rìgh, mar a dh'innis MacGill-Eain sa *Chuilithionn*. Bho na sgrìobhaidhean aige ann an *Guth na Bliadhna* chìthear an dà chuid gu robh e a'

feuchainn ri buaidhean farsaing o chànainean eile a thoirt a-steach don Ghàidhlig agus gu robh e, mar mhinistear, a' dìon litreachas saoghalta o dhìtheadh cuid de na co-obrachaidhean aige.

Leis gu bheil a' mhòr-chuid de na sgrìobhadairean air na beachdan poiliteagach aca a chur an clò ann an dòigh air choreigin, 's e ceangal cudromach eile a th' ann gu robh iad uile a' feuchainn air an nòs shònraichte de sgrìobhadh seo. Ma choimheadar air na sgrìobhaidhean aca thig an ceangal eadar an dà ghnìomh am follais:

<b>Bàrd</b>	<b>Dàn</b>	<b>Prìomh Chuspair Poiliteagach</b>
Mac-na-Ceàrdaich	<i>LNSS</i>	Alagoraidh a' Chogaidh
Mac Chalum	<i>Dòmhnallain</i>	Droch bhuaidh sannt
MacGill-Eain	<i>An Cuilithionn</i>	Buannachd sòisealtachd thar calpachas
MacDonnachaidh	<i>CAF</i>	---
Mac Iain Deòrsa	<i>MID</i>	Teachdaireachd an aghaidh a' Chogaidh
Moireasdain	<i>Maighdean Dhurair</i>	Droch bhuaidh dibhe is suiridhe
Mac an t-Saoir	<i>MPMT</i>	Leisg am measg nan Gàidheal
Mac an t-Saoir	<i>Aeòlus</i>	Càineadh beachdan nam faisisteach
Ros	<i>Armageddon</i>	Cuimhneachadh air a' chogaidh
MacDhòmhnuill	<i>ADAC</i>	Cronachadh Sòisealtachd agus an iomairt aca.

**Teachdaireachdan Poblach nan Dàn - Clàr 14**

Tha teachdaireachd phoiliteagach airson na co-choimhearsnachd air fad aig sia dhiubh. Tha satair *MPMT*; na draghan sòisealta mun deoch, sùgradh agus fuar-cràbhachd a nochd sa *Mhaighdean*, agus droch bhuaidh sannt air *Dòmhnallain*, a' sealltainn gu bheil teachdaireachd phoblach don luchd-èisteachd aig cha mhòr gach aon de na dàin. Chunnacas cuideachd mar a bha meud nan dàn, an dà chuid, a' toirt cothrom do na bàird barrachd mìneachaidh a thoirt seachad air na beachdan aca, agus e feumail airson nan dàn alagorach. Ma tha an dàn fhèin soirbheachail, neartachaidh am meud sin a' chumhachd a tha san teachdaireachd.

Ma dh'fhaoidte gu bheil an guth poblach seo na mhìneachadh airson a' ghainnid de bhoireannaich sa chorpas, aig àm nuair nach robh guth poblach làidir aca. A dh'aindeoin 's gu robh boireannaich, gu tric le ceanglaichean uasail, nam pàirt cudromach de litreachas dualchasach na Gàidhlig 's e toiseachd an fhicheadaimh linn àm far nach eil an guth ri chluinntinn cho bitheanta. Nochdaidh seo san *Tuil* (Black,

1999) far nach eil ach 14 a-mach às a' cheud bàrd a tha san leabhar nam boireannaich. Rugadh a' mhòr-chuid dhiubh seo às dèidh 1920, is iad mar sin ro anmoch airson a' chorpais fhèin san t-fharsaingeachd. Rinn Catrìona NicGhille-Bhàin (1845-1928) dàn dham b' ainm 'Cèilidh Dhùn-Ì' (147 sreath) a chleachdas caractairean eachdraidheil is uirsgeulach à Eilean Ì (Black, 1999, 712-13), agus choisinn Màiri Nicilleathain Crùn a' Bhàird ann an 1951 airson 'Do Bheinn Eubhal' (*ibid.*, 783-84). A dh'aindeoin sin ge-tà cha do dh'fheuch, cho fad 's fiosraich dhomh, tè sam bith dàn cho fada ris an fheadhainn sa chorpas seo sa chiad leth den linn.

### 11.3 Teòiricean Litreachail agus Litreachas na Gàidhlig

'S e aon de phrìomh amasan an tràchdais seo, a bharrachd air tuigse nas fheàrr fhaighinn air a' chorpas fhèin, diofar dhòighean measaidh agus sgrùdaidh a bhrosnachadh ann an litreachas na Gàidhlig. Bha e soilleir bhon sgrùdadh a rinneadh gu robh ùidh ann an deasbadan litreachail gu math cumanta am measg nam bàrd fhèin. Ach bhathas cuideachd den bheachd gum biodh oidhirp teòiricean sònraichte a chleachdadh a' toirt cothrom nas fheàrr dhan tràchdas dàimh eadar na dàin Ghàidhealach agus bàrdachd litreachasan eile a thaisbeanadh. Bha seo na phàirt de na dh'fheuch an tràchdas a bhith a' dèanamh is e a' cur litreachas na Gàidhlig gu soilleir sa cho-theagsa Eòrpach aige. Chinn seo a-mach às na dòighean-measaidh, a thug beagan a bharrachd saorsa don sgrùdair na ceanglaichean litreachail Eòrpach fhaicinn, seach na dòighean-measaidh traidiseanta a bhiodh a' taisbeanadh ceanglaichean le eachdraidh neo litreachas nan Gàidheal sa chiad dol a-mach. Chan ann ro thrì a chaidh seo a dhèanamh ann an sgrùdadh acadaimeagach na Gàidhlig gu ruige seo.

Chunnacas gu robh sgoilearachd na Gàidhlig air a' Ghalltachd air cinntinn, gu h-ìre mhòr, a-mach às an ùidh a bhrodaich Seumas Bàn Mac a' Phearsain agus na sgrìobhaidhean Oiseanach aigesan (Gillies, 2006, 3). Aig deireadh an naoidheimh linn deug stèidheachadh Cathair na Ceiltis aig Oilthigh Dhùn Èideann agus bha Mànuis MacGill-Eain a' dèanamh òraidean aig Oilthigh Ghlaschu. Chan e gu robh sgrùdadh litreachas na Beurla air cliù tòrr nas àirde na sgrùdadh air litreachas na Gàidhlig fhaighinn; 's ann aig deireadh an naoidheimh linn deug a stèidhicheadh an litreachas ud mar chuspair a bha airidh

air sgoilearachd aig ìre acadaimeagach agus airidh air teagaisg sna sgoiltean. B' e Matthew Arnold aon de na daoine a bha a' moladh litreachas na Beurla, airson adhbharan sòisealta athaiseach, agus mhol esan sgrùdadh air litreachas na Gàidhlig mar an ceudna.

Chunnacas sna beachdan a dh'fhoillsich cuid de na bàird gu robh iad a' cleachdadh diofar dhòighean measaidh gus litreachas a mholadh. Bha Mac-na-Ceàrdaich agus Hay air slighean air adhart airson litreachas na Gàidhlig a thaisbeanadh sna h-aistichean aca, stèidhichte air beachdan spioradail agus eadar-nàiseantail mu seach. Bha Ros agus Mac Dhonnachaidh san t-suidheachadh acasan mar dhaoine bha an sàs ann an farpaisean litreachas a' Chomuinn Ghàidhealaich, a' brosnachadh litreachas na cànanan nan dòigh fhèin. Ach ann an stoidhle nan dàn bha e follaiseach gu robh na bàird a' toirt spèis do dhiofar fheartan ann am bàrdachd agus thaisbean na h-anailisean eadar-dhealaichte cuid dhiubh seo.

#### **11.4 Anailisean.**

Stèidhicheadh na h-anailisean air a' phrionnsapal gun urrainnear ciall ioma-thaobhach fhaighinn o phìos bhàrdachd. Chaidh beachdan an Eadailtich Dante Alighieri air a' chuspair seo a shealltainn ann an Caibideil 4. Bha aithneachadh ann mar an ceudna, gu robh sgrùdadh litreachas na Gàidhlig stèidhichte mar as trice air draghan mu dheidhinn deasachaidh, eachdraidh-beatha agus iomraidhean sa bhàrdachd. Gun a bhith a' dol an aghaidh sin, sheall an anailis gu robh luach ann a bhith a' cleachdadh diofar sheòrsaichean sgrùdaidh. Bha an luach seo a' cinntinn às mar a thug sgrùdaidhean ùra tuigse ùr air a' bhàrdachd; mar a thug a' bhàrdachd Ghàidhlig sealladh eadar-dhealaichte air teòiricean litreachais agus mar a rinn na teòiricean co-theacsa eadar-nàiseanta nan dàn nas fhasa fhaicinn agus aithris.

A thaobh nan diofar dhòighean sgrùdaidh a chaidh a chleachdadh bha measgachadh ann eadar miann cuid de na sgoiltean teòiriceil bu chudromaiche a nochd san fhicheadamh linn a chleachdadh; miann ceistean a nochd bho fheartan cumanta a' chorpais a mhìneachadh agus miann teòiric a bhiodh iomchaidh airson gach dàn a chleachdadh. Mar sin chleachdadh beachdan Marcsach (*An Cuilithionn/CAF*), boireanntail (*Maighdean Diùirair*) agus iar-phlanntachail (*MID*) gus cuid de phrìomh sgoiltean



teòiricean cultarail a riochdachadh. Chleachdadh an obair aig Northrop Frye airson trì dàin (*Domhnullan/ Armageddon/ ADAC*) oir bhathas ag aithneachadh gun robh Frye air a bhith gu math cliùiteach; gun deach a chleachdadh airson litreachas na Gàidhlig a cheana (Dymock, 2008) agus gu robh an treas aiste aige na dheagh eisimpleir air sgrùdadh sgoil arcataipeach. Thug a' cheathramh aiste aig Frye toiseach-tòiseachaidh dhan tràchdas gus beachdachadh air gnèithean-sgrìobhadh agus mar a thèid litreachas a rangachadh (*Armageddon/ ADAC*). Bha na beachdan aig Teskey air alagoraidh agus fòirneart air a chleachdadh (*LNSS*) an dà chuid leis gu robh ceangal gu ìre mhath soilleir eadar an dà chuspair ud sna dàin a ghin o eisimpleir *BCR*, agus gu robh bruidhinn ann an dòigh alagorach na feart cumanta sa chorpas.

'S e prìomh bheachd an tràchdais seo gu bheil na diofar theòiricean a' toirt sheallaidhean diofraichte air na dàin agus chan fheumar cochur fheuchainn eatarra, neo bhith a' firinneachadh aon dhiubh seach fear eile. Ach le bhith gan cleachdadh làimh ri chèile tha ceanglaichean agus co-shìntean air èirigh. A dh'aindeoin 's gu robh na Marcsaich, Eagleton nam measg, teagmhach mu dheidhinn siostaman uile-choitcheann Frye, bha e follaiseach gu robh siostam eachdraidheil nam modhan aig Frye ceangailte ri eachdraidh agus na co-choimhearsnachdan san deach na pìosan litreachas a sgrìobhadh, ged nach do rinn e fhèin cus den cheangal sin. Bha obair nam Marcsach air ideòlachd, agus dòighean gineamhainn litreachais, a' toirt buaidh air na teòiricean a nochd bho na 60an air adhart. Mar sin, thug na beachdan air ideòlachd aig Althusser agus Gramsci, a chleachd an trachdas seo bho na sgrìobhaidhean aig Eagleton (Caibideil 6), buaidh mhòr air na sgrùdairean boireanntail (Caibideil 8) agus iar-phlanntachail (Caibideil 7) cuideachd. B' e aon de na prìomh phuingean a dhearbhadh iad uile gu robh feum ann a bhith a' coimhead air an dàimh eadar an saoghal san deach an litreachas a sgrìobhadh agus mar a chaidh an dàn a ghineamhainn. Bha seo na cheum mòr air falbh bho oidhirpean an dàn a thuigsinn leis fhèin; bho shealladh amasan an ùghdair a-mhàin, neo ann an dualchas litreachail a-mhàin. Dhearbh an sgrùdadh air a' *Chuilithionn* gu bheil ceistean mu ghineamhainn gu math torrach, gu h-àraidh le dàin fhada a chaidh fhoillseachadh ann an diofar earrannan aig diofar amannan.

### **11.4.1 Alagoraidh**

A dh'aindeoin 's gun do chleachd a' chiad anailis cuid de na teòiricean litreachail as ùire san tràchdas (Teskey, 1996) thug na prionnsapalan bun-stèidh do na h-anailisean a nochd às a dhèidh. Mar sin 's urrainn do dhiofar mhìneachaidhean a bhith aig pìos-sgrìobhaidh aig an aon àm (Alighieri, 1966, 199) agus 's urrainnear prìomhachas a chur air cuid de na mìneachaidhean seach feadhainn eile. A bharrachd air sin b' e cuid de na prionnsapalan eile a nochd sa chaibideil agus a thill gu bitheanta gum b' urrainn do na dàin iomraidhean a dhèanamh air tachartasan san t-saoghal aimsireil gun a bhith ag ràdh sgath gu soilleir. Chaidh dà dhòigh mìneachaidh a chleachdadh an dà chuid bho mhìneachadh traidiseanta nan creidmheach agus bho shiostaman nan structuralach gus ìrean agus dòighean-obrach na h-alagoraidh a thuigsinn. A thuilleadh air a seo, bha beachdan Gordon Teskey na dheagh thoiseach-tòiseachaidh gus an dàimh eadar alagoraidh, ciall agus fòirneart a thuigsinn. Air sgàth 's gu robh ceangal follaiseach eadar *LNSS*, *Aeòlus* agus *BCR*, bha an dàimh sin a' toirt buaidh air mar a thuigear an dàn fada aig ìre nas fharsainghe sa Ghàidhlig.

Chleachdadh am facal “alagoraidh” san tràchdas seo, ach san fhacal “seach-labhradh” a th' aig Dwelly is a tha na eadar-theangachadh litearail air an tùs Ghrèigeach, chunnacas aon de na feartan cudromach a nochd ann an *LNSS* agus dàin eile san tràchdas. Gu tric bha na bàird a' cleachdadh an dàin fhada gus na beachdan aca a chur thairis ann an dòighean ealanta seach follaiseach. Feumar ràdh gu robh adhbharan creidmheach aig Mac-na-Ceàrdaich siostam alagoraidh a chleachdadh a bha air buaidh mhòr a thoirt air ealain na h-Eaglaise Caitligich. Ach mar an ceudna bha adhbharan aige, ma dh'fhaoidte nas cudromaiche aig an àm, a bheachdan an aghaidh a' chogaidh a chleith. Ged nach tig iad seo am follais gu soilleir gus deireadh a' chogaidh fhèin, tha teagamh mu mhoraltachd chogaidh ri fhaicinn ann an cuid de na h-obraichean as cudromaiche aige bhon àm (m.e. Mac-na-Ceàrdaich, 1915).

Thaisbeanadh gun cinn iomagain-mìneachaidh a-mach à ealain far nach urrainnear a thuigsinn gu ceart gun iomradh air rudeigin taobh a-muigh na h-obrach (Teskey, 2012, 37). Ann an *LNSS* chunnacas mar a bha comas uile-chumhachdach Dhè, ann an dàn a bha stèidhichte gu ìre mhòr air buidheann de dh'iasgairean àbhaisteach ann an saoghal làitheil na h-iasgaireachd, a' cur nan diofar mhìneachaidhean

creidmheach fa near dhan leughadair. Maille ri seo bha an samhlachas co-cheangailte ri creideamh agus am pailteas ìomhaigheachd ceangailte ris a' chogadh, mar dhà fheart eile a bha a' stiùireadh an leughadair do mhìneachadh alagorach feuchainn air an dàn.

Nochd an dearbh rud ann an *Aeòlus*. Mar eisimpleir, leis na trì diathan, chan eil Tòr ach a' nochdadh tràth san dàn agus chan eil e ro chudromach idir aig a' chrìoch far a bheil *Neptune* agus *Aeòlus* ag obrachadh còmhla. Tha an laigse seo taobh a-staigh an dàn na bhrosnachadh don leughadair a' coimhead airson alagoraidh a nì ceangal leis an t-saoghal taobh a-muigh an dàn, agus a tha a' tighinn am follais ann an àrdan agus miann chogaidh nan diathan. As aonais an treas dia bhiodh an alagoraidh air deachdairean na h-Aisle neo-choileanta.

Anns a' *Chuilithionn* 's e guth an aithriseir, a tha gu tric ag atharrachadh agus a tha co-cheangailte ri pearsona eachdraidheil MhicGill-Eain air uairean, a dh'adhbhraicheas gun urrainn don dàn leughadh alagorach a chumail. 'S e Dymock (2008) a mhìnich an alagoraidh sin ann co-theacsa leasachadh pearsanta a' bhàird. Tha *Domhnullan* ag obair ann an dòigh eadar-dhealaichte agus e gu math follaiseach bho na tachartasan ùirsgeulach agus romansach gur e alagoraidh a th' ann. Mar sin tha caractairean mar Màmon, Sannt agus Seòlta uile a' fàgail nach eil an dàn coileanta mur eil an leughadair a' tuigsinn a' cheangail le alagoraidhean agus beachdan moralta nach tèid a mhìneachadh san dàn fhèin. Chìthear sna h-eisimpleirean simplidh ud mar a chleachd na bàird dòighean sgrìobhaidh alagorach gu bitheanta gus an teachdaireachd a thoirt seachad.

#### **11.4.2 Modhan agus Arcataipean**

Lean Frye (1957) oidhirp Aristotle diofar sheòrsaichean litreachas a rangachadh. Mar sin sa chiad aiste ann an *Anatomy of Criticism* chleachd e sgaradh eadar bròn-chluich agus greanna-chluich a mhìnich Aristotle mar sgaradh eadar uaisleachd agus ìsleachd. Chleachd Frye a' bhun-stèidh sin gus sgeama eachdraidheil cearclach a chruthachadh le diofar mhodhan far an robh comasan nas fheàrr aig caractairean ùirsgeulach, seach na caractairean atharraiseach-ìosal neo ìoranta a bha nas chumanta aig toiseach an fhicheadaimh linn.

Bha *Domhnullan* duilich a rangachadh san t-siostam aig Frye. A dh'aindeoin 's gu robh e na charactair atharraiseach-ìosal, bha eilimeidean cudromach san sgeulachd a thàinig o litreachas romansail leithid am *Faerie Queene*. Bha buaidh an litreachais àrd-atharraisich mun ghaisge agus buaidh litreachais ùirsgeulach, leithid nan taisbeanaidhean creidmheach, a' sealltainn gu robh gu leòr trioblaidean an lùib rangachaidh sam bith den dàn. Bha ceistean ann cuideachd, a tha Frye a' freagairt san treas aiste, mun sgaradh eadar greanna-chluich agus bròn-chluich. Leis gu robh a' mhòr-chuid den dàn a' leantail trioblaidean Dhomhnullain, agus mar a chaill e na caraidean uasail aige ron chrìoch, b' fheudar mìneachadh spioradail a thoirt air le sùil air na seallaidhean mu dheireadh den dàn. Bha Frye den bheachd gu robh an sgaradh eadar greanna-chluich is bròn-chluich na sgaradh eadar fàilte no fuadachadh bhon choimhearsnachd, agus chìthear aig deireadh *Domhnullan* gur e fàilte a gheibh e bhon choimhearsnachd nèamhaidh.

Leis an linn eachdraidheil san deach an corpas a sgrìobhadh bhiodh dùil gum biodh buaidh mhòr aig an atharraiseach-ìosal agus an ìoranta. Bha sin fìor sa mhòr-chuid. Tha na h-iasgairean agus croitearan ann an *LNSS* agus *Aeòlus* a' riochdachadh an atharraisich-ìosail, mar a tha Domhnullan fhèin agus cìobairean *CAF*. Bha an dà shaighdear marbh ann am *MID*, neo nighean Gesto is eilthireach na h-*Annie Jane* sa *Chuilithionn* a' riochdachadh an ìoranta, far nach eil comas aig na caractairean buaidh a thoirt air gnothaichean. Bha am bacadh a chuir an deòch is na sithichean air Pàdruig sa *Mhaighdean*, neo an leisg air MacThómais, gan dèanamh nan caractairean air an oir eadar atharraiseach-ìosal neo gu tur ìoranta. Ach mar a chunnacas shuas, bha caractairean eile ann a leithid Màmon, neo na Sòisealaich air mullach a' Chuilithionn a bhuineadh do na modhan nas àirde cuideachd. San fharsaingeachd ge-tà, bha buaidh gu math mòr air an dà mhodh a bhiodh tu a' sùileachadh, a' leantail beachdan Frye: an t-ìoranta agus an t-atharraiseach-ìosal.

Ann an sgeama ìomhaigheachd Frye bha diofar ìrean ann de analogaidhean air saoghal an taisbeanaidh ceangailte ri tlachd neo sgreann. Eadar an taisbeanail agus an deamhanail bha an romansail, an t-àrd-atharraiseach agus an t-atharraiseach-ìosal. A-rithist bha an t-atharraiseach-ìosal gu math follaiseach san dàn: fàsaich *MID*; muir *LNSS*, *MID* agus *Aeòlus*; taighean croitearan; monaidhean *CAF* agus

*ADAC* agus mar sin air adhart. Ach bha ìrean eile a' nochdadh cuideachd: deamhanail le Uamh Mhàmoir ann an *Domhnullan* neo a' Mhararabhlaire sa *Chuilithionn* agus na seallaidhean taisbeanail aig crìoch *Domhnullan*, *LNSS* agus *Aeòlus*. A-rithist bha smior atharraiseach-ìosal air a leasachadh le ìomhaigheachd de sheòrsaichean eile.

Bha na gluasadan eadar na diofar staidhean de dh'ìomhaigheachd shuas cudromach mar an ceudna. Bha *Domhnullan* agus *An Cuilithionn* a' leantail pàtran cearclach sa mhòr-chuid gus mu dheireadh thèid crìoch a chur air seo le buaidh saoghal an taisbeanaidh. Bha *LNSS* agus *Aeòlus* an eisimeil air buaidh an t-saoghail thaisbeanail air an t-saoghal aimsireil gus na caractairean a thoirt a-mach à suidheachadh gàbhaidh. Còmhla riuthasan, tha a' *Mhàighdean* cuideachd na thuras do dh'àite deamhanail le tilleadh dhachaigh aig a' chrìoch. Tha suidheachadh ìoranta *MID* a' ciallachadh nach eil fuasgladh taisbeanail aig a' chrìoch agus an dà charactair, agus an dualchas, air am bruthadh às. Leis nach do chrìochnaich *Armageddon* chan eil cothrom aige a bhith a' dol air adhart do shaoghal sona às dèidh a' chogaidh nas motha. Ach mar fhear a bha a' feuchainn ri a dhùthaich a bhrosnachadh thèid aig Ros na gluasadan romansail a thaisbeanadh nas motha na na feartan bròn-chluicheil neo ìorantail. Tha an sealladh ann am *MPMT* na dheagh eisimpleir air bàrd a' fantail san t-saoghail ìoranta gun fhaochadh gus càineadh a dhèanamh air, agus mar a thuirt e aig a' chrìoch, b' urrainn dha bhith ag ràdh barrachd nan togradh e. Obraichidh na seallaidhean meòrachail aig *CAF* agus *ADAC* ann an dòigh eadar-dhealaichte agus am bàrd a' toirt seachad na beachdan fa leth aige fhèin, bho shealladh taobh a-muigh na coimhearsnachd.

### **11.4.3 Ideòlachd agus Gineamhainn**

Thog an anailis air a' *Chuilithionn* agus *CAF*, a' cleachdadh bheachdan Marcsach Terry Eagleton (2006), ceistean bunaiteach mu dheidhinn gineamhainn litreachais agus ideòlachd. A dh'aindeoin nam beachdan Marcsach aig D.I. MacLeòid nuair a sgrìobh e an tràchdas aigesan, agus cuid de sgoilearachd iomraiteach air eachdraidh foillseachaidh aig teacsaichean sònraichte chan eil cus sgrùdaidh a' ceangal ideòlachd agus gineamhainn air nochdadh sa Ghàidhlig a cheana.

Gus an ceangal seo a dhèanamh dh'fheumar tuigse nas iomlaine air ideòlachd. Chaidh seo a thogail às na sgrìobhaidhean aig Eagleton (2006). Dhasan 's e ideòlachd an dòigh sa bheil sinn a' tuigsinn agus a' faicinn an t-saoghail fo bhuidh nan cumhachdan aimsireil agus eaconomaigeach mu chuairt oirnn. Dh'fhàg an tuigse nas doimhne sin air ideòlachd fìrinneachadh inntinneachail air buaidh eachdraidh ann an gach dàn san tràchdas, fiù 's iadsan mar *CAF* a bha a' feuchainn ri cuspairean co-aimsireil a sheachnadh. Tha teicheadh, mar a tha Mac Dhonnachaidh a' feuchainn ann an *CAF*, bhon t-saoghal aimsireil fhathast a' sealltainn buaidh an t-saoghail ud. Tha buaidh an Dàrna Cogaidh ri fhaicinn san teicheadh sin fhèin agus buaidh eachdraidh na Gàidhealtachd ri faicinn leis a' bhàrd a' cronachadh nan uaislean a dh'fhuadaich na Gàidheil thar sàile, a' fàgail fhangaichean nan àite.

Bha siostam Eagleton gus ideòlachd agus an teacsa a sgrùdadh feumail airson an tràchdais leis gun tug e dòigh eile na dàin a sgrùdadh mar chorpas. Bha iad uile air an sgrìobhadh, gu ìre mhath, fon aon siostam eaconomaigeach: calpachas gnìomhachail Bhreatainn bho 1916-1950. A bharrachd air na dàin aig Dòmhnall Ruadh Mac an t-Saoir, far a bheil mì-chinnt ann, bha dùil aig na bàird gun rachadh am foillseachadh ann an leabhraichean neo irisean. Bha seo a' dèanamh buaidh margaid nam foillsichearan cudromach do mar a nochd an dàin. Chunnacas seo san dòigh san deach *An Cuilithionn* fhoillseachadh ann an earrannan eadar-dhealaichte aig diofar amannan.

Bha Mac-na-Ceàrdaich, Mac Chalum, Mac Dhonnachaidh, MacDhòmhnuill agus Moireasdain aithnichte mar sgrìobhadairean mus deach na dàin acasan a sgrìobhadh. Bha na bàird òga- MacGill-Eain is Hay gu ìre mhath neo-aithnichte is cha deach na dàin acasan fhoillseachadh gu sgiobalta idir. Thugadh crùn a' bhàird cliù do Mhac an t-Saoir ach a-rithist cha deach an dàn slàn aigesan fhoillseachadh gus an do dh'eug e nas motha. Seallaidh seo cuid de na trioblaidean a bh' aig na bàird an dàn a chur an clò. B' e an t-aithneachadh poblach a bha a dhìth air na bàird mus deach am foillseachadh adhbhar eile gum biodh guth nam ban air a bhacadh, a dh'aindeoin 's gur e feart neo-eachdraidheil a tha sin don litreachas.

Mar a mhinicheadh le Eagleton, 's ann nuair a tha Ideòlachdan Easdatach agus Modhan-Gineamhainn a' tighinn còmhla a thèid litreachas fhoillseachadh. Bha seo na dheagh dhòigh mìneachaidh air mar a

chaidh cuid de na dàin fhàgail airson bhliadhnaichean mòra mus deach am foillseachadh. Às dèidh linn far an robh an dàn fada gu math cliùiteach airson cuid de chuspairean, dh'àrdaicheadh an lioraic dhan ìre far am b' urrainn do MhacLeod ràdh gum b' e "poetry's intrinsic function" a bh' ann, gun deasbad, na thràchdas ann an 1969 (299). A dh'aindeoin 's gu robh, air uairean, cothroman foillseachaidh nas fheàrr ann do bhàird Ghàidhealach san dàrna leth den linn, bha Ideòlachd Eastadach a' cur cuideam air cruthan eile, is gu ìre mhòr chaidh am foirm a sheachnadh agus oidhirpean nas tràithe a chàineadh.

Ach tha e soilleir, aig toiseach an linn, gu robh an Ideòlachd Eastadach aig an àm a' toirt adhbhar do na bàird feuchainn air dàn fhada. Mar sin a dh'aindeoin 's dè a' ghinealach ris an do bhuineadh iad, is mas e is gu robh iad athaiseach neo adhartachd nan bheachdan, bha eisimpleirean cliùiteach de dhàin fhada aca. Taobh a-muigh an t-suidheachaidh Ghàidhealaich, bha dàin nan Romansach bhon naoidheamh linn deug agus eisimpleirean 'A Drunk Man' aig MacDhiarmaid neo Eliot is 'The Wasteland' a' ciallachadh gu robh fèill mhòr air dàn fhada ge brìgh de na beachdan a bh' aca a thaobh iomairt nam Modarnach. Chìthear seo ann an stèidheachadh Crùn a' Bhàird ann an 1923 airson adhbharan Ceilteach, bliadhna às dèidh comharraichean-tìre mòra nam Modarnach *Ulysses* aig Joyce agus *The Wasteland* le Eliot.

Mar ùghdaran bha dàimh eadar-dhealaichte aig gach fear sa chorpas ris an Ideòlachd Choitcheann. Bha MacGill-Eain is Hay a' seasamh gu follaiseach na h-aghaidh an dà chuid nan gnìomhan agus nam briathran. Bha Mac Dhonnachaidh agus Ros nas cofhurtaile leis, agus iad a' feuchainn ri bhith ga chleachdadh gus suidheachadh na Gàidhlig a leasachadh. Ach 's e ceum an aghaidh ideòlachd aona-chànanach na h-Impireachd a bh' anns na sgrìobhaidhean aca uile agus iad a' dol an aghaidh cleachdadh na Beurla a-mhàin airson litreachas àrd-amasach, ealanta, dùrachdach. Tha an t-amas seo, de bhith dearbhadh feartan na Gàidhlig a' dol air ais do co-dhiù 1751, agus e air aon de na prìomh brosnachaidhean a bh' aig na bàird air fad. Chunnacas gu robh Dante agus Milton air cruth cliùiteach an dàn fhada a chleachdadh còmhla ri ceum adhartach a thaobh cleachdadh cànan lùthail nan daoine: ar leam gun do chleachd na Gàidheil an dàn fada gus an aon phuing a dhèanamh.

Tha ceist ann mu dheidhinn cruth an dàin fhada fhèin agus an dàimh le ideòlachdan an latha. Chìthear gu bheil an gnè-sgrìobhaidh fhèin neodrail airson beachdan poblach le beachdan air an taobh Chlì agus air an taobh Deas a' nochdadh. Ach ann an dà dhòigh tha buaidh ideòlach aig a' chruth. Tha meud a' chruth a' toirt an dàin gu aire an leughadair mar bhàrdachd choisrigte sòisealta, le puingean sòisealta soilleir aig gach dàn a bharrachd air teicheadh *CAF*. Agus mar a sheall an sgrùdadh air an dàn ud, tha gu leòr na bhroinn mu shuidheachadh aimsireil san do rinneadh e, a dh'aindeoin briathran a' bhàird. Le a bhith a' cleachdadh nòsan agus foirmean bhon cho-theacsa litreachail nas fharsainghe, nì an dàn fada Gàidhealach argamaid airson spèis na Gàidhlig ann an co-theacsa Eòrpach. Chìthear an aon seòrsa ath-chleachdaidh agus fo-leagail de chruthan cliùiteach na h-Eòrpa ann an sgrìobhadairean Cairibeanach leithid Derek Walcott (Newman & Meyers, 2012, 449). Mar sin, ged a chleachdadh an dàn fada airson measgachaidh de dh'amasan poilitigeach le bàird an tràchdais, bha e na dheagh chuspair sgrùdaidh airson tuigse air na diofar feartan ideòlach a bha a' toirt buaidh air na bàird Ghàidhealach seo, sa chiad leth den fhicheadamh linn.

#### **11.4.4 Iar-Phlanntachais agus Boireanntais**

Le tuigse nas fheàrr air mar a bha ideòlachd a' toirt buaidh air teacsa b' urrainnear sùil a ghabhail air na teacsaichean le ùidh ann an cuspairean sònraichte. Dh'fheuch an tràchdas ri cuspairean nan dàn fhèin a chleachdadh gus an dòigh-sgrùdaidh a thaghadh, is mar sin chleachdadh *MID* gus sùil a thoirt air iar-phlanntachais ann an co-theacsa Gàidhealach agus a' *Mhàighdean* airson teòiricean boireanntail. Tha sreath de cho-fhaireachdainn eadar-nàiseanta a' nochdadh ann an cuid de na dàin, leithid a' *Chuilithinn*, ach thèid seo a chothromachadh le teacsaichean a bha taiceil don Impireachd. Agus ann an cuid de theacsaichean, a leithid *Armageddon*, tha co-fhaireachdainn aig an ùghdar airson dùthchannan cèine a thèid a chleachdadh airson taic a thoirt dhan Impireachd agus mar sin gus na dùthchannan sin a chumail fo shealbh Bhreatainn. Chìthear mar sin gu robh suidheachadh toinnte nan Gàidheal san Impireachd a' nochdadh sa chorpas cuideachd.



Chunnacas a-cheana nach eil guth nam ban air a riochdachadh sa chorpas. Dh'fhàg sin e riatanach gum biodh sgrùdadh ann air na h-adhbharan air cùlaibh sin. Leis an tuigse nas fheàrr air mar as urrainnear ideòlachd fhaicinn ann an teacsaichean, bha cothrom ann cuid de theòiricean boireantail a chleachdadh airson dàin far an robh dàimh eadar na gnèithean cudromach. Bha *Màighdean Dhurair* cuideachd a' ceangal a' chorpais ann an dòigh shoilleir ri dàin fhada Bhurns, rud a thàinig am follais ri linn na h-anailis.

Tha *MID* na theacsa feumail gus cuid de na laigsean aig teòiric Oirthireachais fhaicinn agus gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air suidheachadh nan Gàidheal taobh a-staigh na h-Impireachd. Chìthear gu soilleir gu bheil co-fhaireachdainn a' bhàird do chultair nan Arabach, air an robh e eòlach, a' toirt air coimeas a dhèanamh le suidheachadh nan Gàidheal. Aig an dearbh àm, tha cuid de dh'ìomhaigheachd Mhic Iain Deòrsa a' sealltainn buaidh sgrìobhaidhean Oirthireachail gu h-àraidh anns na tuairisgeulan aige. Ge-tà, chìthear san structar aige leis an roimh-ràdh agus an dùnadh, agus mar a thèid eachdraidh nan Gàidheal fhaicinn ann an co-shìntean le suidheachadh nan Arabach, gu bheil an coimeas co-fhaireachdail a' brosnachadh tuigse eadar an dà chultair, seach a' firinneachadh aon seach an fhear eile, neo gus coimeas neo-chothromach a dhèanamh.

A dh'aindeoin 's gu robh na sgrìobhadairean moiteil às eachdraidh nan Gàidheal, b' e co-fhaireachdainn eadar na cinneachan aon de na prìomh fheartan a nochd sa bhàrdachd. Ged a 's ann à Barraigh a tha na h-iasgairean aig Mac-na-Ceàrdaich tha iad a' riochdachadh mac-an-duine san fharsaingeachd agus gu dearbh tha am bàrd a' leantail Mhic Mhaighstir Alasdair le bhith a' sealltainn urram do gach creutair beò, bho na meanbh-bhèistean do mhac-an-duine. Gheibhear an aon sheòrsa seallaidh air dùthchannan eile ann am Mac an t-Saoir, far a bheil co-fhaireachdainn airson a cho-chreutairean na phrìomh bhrosnachadh airson tuigse air na dùthchannan sin. Tha Mac an t-Saoir an-còmhnaidh air taobh an fhir bhig, seach iadsan a tha cumhachdach. Tha seo a dh'aindeoin's mar a nì e càineadh air MacPhàil is MacThómais, is e ag ràdh gur ann air an son-san a tha e a' dèanamh a aoir.

'S e Somhairle MacGill-Eain am bàrd a thaisbean an sealladh uile-choiteannachail seo ann an dòigh so-fhaicsinneach sa *Chuilithionn*. A dh'aindeoin 's gur ann air a' Chuilithionn a tha am bàrd a'

coiseachd, thèid an t-Eilean Sgitheanach a chleachdadh mar bhunait airson meòrachadh air eachdraidh mic-an-duine air fad. Tha na dàimhean eadar mac-an-duine a' dol seachad air na sgaraidhean eadar diofar chinnidhean, stèidhichte mar a tha e air tuigse Marcsach air aonadh nan clasaichean-sòisealta thar sgaraidhean eitneòlach.

Mar a dh'ainmicheadh ge-tà, tha e soilleir gu bheil *Armageddon* a' toirt taic don Impireachd, agus bho na sgrìobhaidhean eile aig Ros, chìthear nach e dìreach èiginn a' chogaidh a tha toirt air sin a dhèanamh. Tha na seallaidhean seo cudromach ann an litreachas nan Gàidheal gu h-àraidh leis mar a bha nàiseantaich Albannach gus nochdadh cho bitheanta am measg nam bàrd Gàidhealach anns na deicheadan às dèidh a' chorpais seo. Bha taic don Impireachd cuideachd na chuspair bunaiteach ann an cuid de dhàin nas giorra aig Aonghus Moireasdan agus T.D. MacDhòmhnuill.

Tha e cudromach aithneachadh mar sin, a dh'aindeoin 's gur e luchd-iomairt cànan a bh' anns a mhòr-chuid de na sgrìobhadairean, gur e na nàiseantaich Bhreatannaich Impireachdail a tha a' taisbeanadh beachdan mu chinnidhean eile ann an dòigh a tha gan ìsleachadh. Nì iad sin leis nach eil suim sam bith aca air am miann airson fèin-riaghlaidh. Bha na nàiseantaich cultarail Albannach— Mac-na-Ceàrdaich, Mac an t-Saoir, MacGill-Eain, Mac Iain Deòrsa – fada na bu bhuailtiche seallaidhean eadar-nàiseanta co-fhaireachdail neo Daonnachdail a chur san sgrìobhadh aca. Chan eil seo a' dol às àicheadh gun cuireadh cuid den ìomhaigheachd neo abairtean iongnadh air leughadairean an latha an-diugh. Ach mar bu trice bha iad a' faicinn dàimh bhàidheil eadar na daoine a bha gun chumhachd aig ìre eadar-nàiseanta.

Ach air an làimh eile, cha robh an aon tuigse ri fhaicinn mu shuidheachadh nam ban. A' leantail ìomhaigheachd a chreidimh tha Mac-na-Ceàrdaich a' taisbeanadh màthair òg naomh diadhaidh, stèidhichte nas motha air an Òigh Mhòire seach caileagan Bagh a' Chaisteil. 'S e guth nam ban ann an *MID* guth a' chaoinidh agus guth an tuiridh seach guth gnìomhail. Tha aithneachadh ann le sin co-dhiù gur iad na boireannaich Arabach a chaidh a "phlanntachadh an dà urrad" agus iad fo smachd nam fear a tha fo smachd nan dùthchannan cèine (McLeod, 2000, 175). Chìthear anns a' *Chuilithionn* gur e am

bàrd a tha a' toirt guth do thù à Geusto nach d' fhuair èisteachd gu h-eachdraidheil, mar a nì e leis an eilthireach bhàithte cuideachd.

Tha na seallaidhean annasach aig Moireasdain air an dàimh eadar na boireannaich agus fireannaich a' cinntinn às mar a chleachd e 'Tam O' Shanter' mar bhun-stèidh dhan dàn aige fhèin. Ach cleachdaidh e cuid de dh'ìomhaigheachd chumhachdach leithid na Doideige agus iomlaid an uisge-beatha airson uisge-siabannach a tha a' sealltainn buaidh arcataipean boireanta agus fireannta, taobh a-muigh dàn Bhurns. Rinn buaidh nan arcataipean seo *Maighdeann Dhurair* na dheagh eisimpleir air measgachadh de sgeulachd dhualchasach agus sgeulachd dàin Albannach, ann an sliochd Bhurns, a mheòraicheas air an strì eadar suidheachaidh stèidhichte nan gnèithean ann an cultar a linn. Thug na seallaidhean aige air na sìthichean cothrom cuid den mheòrachadh aig Black (Campbell, 2008) agus sgrìobhadairean Èireannach air an dàimh eadar na sìthichean agus ceistean gnèitheil a thoirt a-steach dhan tràchdas, cuideachd.

Ann an cuid de na dàin chan eil iomradh susbainteach air boireannaich ann. Tha seo na fianais air mar a chaidh an guth a bhacadh gu ìre ann am bàrdachd nan Gàidheal. Chunnacas ann an 1751 gu robh Mac Mhaighstir Alasdair air aoirean sgaiteach a dhèanamh air boireannaich ach bha cliù mòr air a bhith aig bana-bhàird ron a sin. Cha b' e ach ceathrar bhoireannach a chaidh a chrùnadh mar bhàird a' Chomuinn bho 1923-1977, is chunnacas mar-thà cho tearc 's a bha iad am measg bàird aithnichte toiseach an fhicheadaimh linn. Ma dh'fhaoidte gur e sin an rud as fhollaisiche mu dheidhinn guth nam ban sa chorpas seo: 's ann glè shocair a tha e, ma tha e ann idir.

#### **11.4.5 Aoir**

Bha còraichean aig na bàird chlasaigeach moladh neo aoir a dhèanamh air an cuspairean. Bha an aoir fhèin gu math cumhachdach agus a' cleachdadh briathrachas agus ìomhaigheachd nach biodh air fhoillseachadh aig amannan eile. San naoidheamh linn deug bha a' bhuaidh a bh' aig ministearan agus sagairtean air litreachas a' ciallachadh gum biodh cronachadh sòisealta a' nochdadh ann an litreachas, còmhraidhean agus òrain. Mar as trice 's e smachdachadh moralta a bha seo, ged a bhiodh aoirean air a

dhèanamh orrasan a bha cumhachdach, an dà chuid fo fhearg a' bhàird, (m.e. 'Bodach Isgein' Mhic Chaluim) neo gus toirt orra an dleastanasan a chuimhneachadh.

Ri linn a' chorpais chìthear gu bheil an dàn fada buailteach bruidhinn air cuspairean poblach agus buailteach mar sin breithneachadh moralta a thoirt seachad air mar a dhèiligeadh leis na cuspairean sin. 'S e an aoir a rinn Mac an t-Saoir air MacPhàil is MacThómais, an eisimpleir as fheàrr de dh'aoir Ghàidhealaich sa chorpas. Feuchaidh am bàrd ri giùlan an dithist aca atharrachadh le bhith a' cur nàire air ais nan com. Le sin càinidh e an leisge agus molaidh e obair, a' leantail sgeama diagramach Randolph mar a chunnacas ann an Caibideil 9. Gu h-annasach, thèid an leisg a dhìtheadh ann an seagh moralta ach thèid obair a mholadh, mar as trice, leis mar a tha e gus buannachd shaoghalta a thoirt don leisgeadair. Tha Mac an t-Saoir mionaideach san tuairisgeul aige air lochdan a chuspair agus e a' togail nan droch bheusan a th' aca agus droch staid na tha fon sealbh, mu seach. A dh'aindeoin 's cho cruaidh 's a bha e chìthear nuair a thòisichadh aoir gun urrainn dha leantail air adhart airson ùine mhòr agus crìoch an dàin a' tighinn bho structar ciùil mòir agus an nòs a bhith ag innse gu robh e na chomas bhith a leantail air, seach nach robh sìon a bharrachd aige ri ràdh.

Leis gu robh na bàird a' toirt taic do na fhir beaga sa mhòr-chuid, thèid na daoine mòra a chronachadh. San alagoraidh aigesan air tùs an Dàrna Cogaidh tha Mac an t-Saoir a' càineadh nam beachdan a bha na ceannardan faisisteach a' moladh. A dh'aindeoin 's gum biodh buaidh gràidh-dùthcha a' toirt air a bhith a' càineadh a nàimhdean aig àm a chogaidh, tha Mac an t-Saoir a' sealltainn an sgreamh phearsanta a bh' aige mu bheachdan neo-ionnan nam faisisteach. Rinn MacGill-Eain an aon rud is a' dèanamh iomraidhean, air uairean gu math pearsanta, air bùirdeasaich, uaislean agus air na faisistich anns a' *Chuilithionn*.

Chan eil Mac Chalum a' dèanamh aoir fhollaiseach ann an *Domhnullan* ach leis gu bheil amasan moralta aige, tha e a' càineadh, leis an alagoraidh aige, nam beachdan sanntach a bha e a' faicinn san eaconomaidh mhargaidich agus sa chalpachas a bha a' toirt buaidh air a' Ghàidhealtachd. Bha MacDhòmhnuill a' cronachadh an luchd-saothrach a bu chòir each airson na strì eaconomaigich aig toiseach nam ficheadan na bheachdsan. Chìthear mar sin gu robh cronachadh sòisealta na chuspair

cudromach do na bàird, is iad ga dhèanamh o iomadach diofar seallaidh sa chorpas. Ach tha taobh aoireil nan dàn a' buntainn ri ceist nas fharsainghe air corpas an tràchdais seo: na ceanglaichean eadar na dàin, agus san t-seagh seo, guth poblach an dàn fhada.

### 11.5 Gnè-Sgrìobhaidh an Dàn Fhada Ghàidhealach

Thòisicheadh an tràchdas le oidhirp corpas air choreigin a shònrachadh gus bun-stèidh a thoirt dha.

Mar sin le bhith a' tilleadh do cheist ghnèithean-sgrìobhaidh aig a chrìoch tha e nas fhasa tuigse fhaighinn air mar a tha an corpas ag obair. Thaisbean Frye beachd gu robh an dòigh taisbeanaidh na sgaradh bunaitich eadar na diofar ghnèithean de litreachas. Bha seo cuideachail, gu ìre, a bhith meòrachadh air na dàin. Ach thug na dòighean sgrùdaidh uile diofar dhòighean tuigse air na ceanglaichean sa chorpas, agus san dàn fhada Ghàidhealach nas fharsainghe. Chunnacas gu robh ceanglaichean ann a thaobh fheartan foirmeil— an dà chuid ann an dealbhachadh nan dàn agus mar a thàinig iad dhan leughadair mar litreachas foillsichte. Agus, mar an ceudna, bha ceanglaichean ann a thaobh chuspairean nan dàn, agus iad air uairean a' cleachdadh càch a chèile, neo na h-aon eisimpleirean eachdraidheil, gus pìos litreachais ùir a chruthachadh.

Ann am beachd Frye, agus e a-rithist a' cleachdadh sgrìobhaidhean Aristotle mar bhun-stèidh, bha pìosan litreachais air an rangachadh san dòigh san robh iad air an taisbeanadh o thùs. Leagadh sin leis dol seachad air trioblaidean a thaobh cho cumanta 's a tha leabhraichean foillsichte airson dràma, ficsean agus bàrdachd, gus a bhith a' meòrachadh air freumh an dòigh taisbeanaidh. Bha buaidh an *epos* gu math cudromach airson gach dàn sa chorpas, agus am bàrd a' bruidhinn gu dìreach ris an luchd-èisteachd aige. Dh'fhàg sin ruitheam meatrachdail mar a' bhuidh as treasa air na dàin. Ach chunnacas mar a bha cuid a' sealltainn buaidh nam feartan eile a dh'aithnicheadh le Frye, Ficsean agus an Lioraic, gu diofar ìrean. Bha cnuasachd *CAF* agus a' *Chuilithionn* eadar-dhealaichte bho sgeulachd leantalachd *Domhnullan* mar eisimpleir, agus an lioraic a' toirt buaidh nas fhollaisiche air a' chiad dà dhiubh sin, na leantalachd naidheachd *Domhnullan*.

Dh'aithnicheadh a-cheana an dòigh san robh na dàin air an ceangal a thaobh bun-stèidh Mhic Mhaighstir Alasdair agus mar a thàinig seo am follais gu soilleir ann an *LNSS* agus *Aeòlus*. Bha an dà dhàn sin gu soilleir a' cleachdadh *BCR* mar bhrosnachadh ealain agus mar mhodail. Ar leam gu bheil beachdan nam bàrd a thaobh na Gàidhlig a' sealltainn gu robh iad a' leantail Mhic Mhaighstir Alasdair agus a' faicinn na h-oidhirpe aca litreachas ionmholta aig ìre Eòrpach a chruthachadh ann an dòigh a dh'fhàinneachadh cleachdadh na cànan airson litreachas iom-fhillte. Bha beachdan poiliteagach nas fharsainghe a' tighinn gu bàrr sna dàin, ach bha, aig smior a' ghnòthaich, an oidhirp a rinn iad gus dàin fhada a chruthachadh, a dhearbhadh luach na Gàidhlig airson litreachas dùrachdach – roinn chleachdaidh eile a bharrachd air an dachaigh agus an taigh-cèilidh. Mar sin, tha gnè an dàin fhada ann an Gàidhlig bho Mhac Mhaighstir Alasdair air adhart, ceangailte ri cùis na cànan.

A bharrachd air an adhbhar socio-cànanachail na dàin aca a sgrìobhadh, tha e soilleir gu robh na bàird a' cleachdadh an dàin fhada gus prìomh dhraghan aimsireil aca a chur an cèill. Chaidh na diofar chùisean a bha iad a' dol an sàs ann ainmeachadh shuas ach chithear aig diofar ìrean, gu bheil teachdaireachd neo amas poblach na fheart eile as urrainnear ainmeachadh mar fhear bunaiteach airson an dàin fhada Ghàidhealaich sa bhitheantas.

A bharrachd air eisimpleir follaiseach *Maighdean Dhurair*, dh'ath-chleachd cuid de na dàin eile cuspairean bhon ochdamh linn deug. Bha an turas mara èiginneach na chuspair airson dà dhàn, a' leantail Mac Mhaighstir Alasdair. Mas e is gu robh *BCR* ùr-nòsach le dìth aire air a' cheann-cinnidh, bha an dà dhàn bhon fhicheadainn linn a' taisbeanadh nan seòladairean àbhaisteach a bha a' cath an aghaidh na stoirm. Thagh Somhairle MacGill-Eain beinn mar a' bhun-stèidh aigesan airson a dhàin, a' leantail an eisimpleir iomraiteach aig Donnchadh Bàn. Bha 'Moladh Beinn Dòrain' a' dìteadh nan uachdaran leis an dìth ùidh a th' aig an dàn annta, ach chan eil comas aig MacGill-Eain a' Chuilithionn fhaicinn neo dhealbhadh às aonais gnòmhnan nan uachdaran a' tighinn fa near dha. Nochd an ceangal sin aig toiseachd an dàin agus e bunaiteach dhan dàn air fad. Mar sin bheir na ceanglaichean le litreachas na Gàidhlig bho linntean eile, ceangal nas treasa eadar dàin a' chorpais mar an ceudna.

Bha cuid de na dàin eile a' dèanamh iomraidhean air dàin bho nas fhaide a-muigh san Roinn Eòrpa. A bharrachd air buaidh Mhic Mhaighstir Alasdair, bha *LNSS* an eisimeil air Coleridge agus an 'Rhyme of the Ancient Mariner'. Bha turas Mhic Donnachaidh chun a' mhonaidh gus buaireadh an t-saoghail a thrèigsinn agus fuasgladh inntinn air na ceistean feallsanachail a bh' aige fhaighinn, a' leantail nòs Romansach is seo gu h-àraidh follaiseach ann an sgrìobhaidhean Wordsworth mar eisimpleir. Chunnacas mar an ceudna gu robh *CAF* a' sealltainn buaidh, an dà chuid, nan *Eaclògan* agus nan *Deòrgaigs* aig Bhirgil. Leanaidh seo eisimpleir an *Ais-Eiridh* agus fhios againn bho na dàin aige gu robh Mac Mhaighstir Alasdair gu math measail air na bàird chlasaigich bhon Mhuir Mheadhan-Thìreach. Chleachd an *Cuilithionn* sgeulachd Phrometheus, sgeul a bha Shelley air a chleachdadh airson 'Prometheus Unbound', agus a dh'fhàg buaidh mhòr air MacGill-Eain na òige. Bha Shelley fhèin air buaidh Mhilton aithneachadh agus nochd buaidh 'Paradise Lost' ann an àite neo dhà sa chorpas: ainglean a' *Chuilithionn*, ìomhaigheachd stoirm Mhic-na-Ceàrdaich agus teicheadh nan anadhiathan ann an *Aeòlus*. Chleachd Mac Chalum ìomhaigheachd bho dà phìos-sgrìobhaidh Beurla, 'Cuairt an Eilthireach' agus 'The Faerie Queene' airson an alagoraidh aigesan air beatha duine sanntach. Bha na bàird mar sin gu math toilichte an obair aca fhaicinn ann an co-theacsa farsaing an litreachais Eòrpaich air an robh iad fhèin eòlach. Agus chìthear ann am *MID* gu robh Mac Iain Deòrsa deònach feartan sam bith bho litreachasan eile a chleachdadh na dhàin, gu h-àraidh an fheadhainn a b' iomchaidhe airson a sgeulachd. Tha seo a' fàgail iomraidhean farsaing air dàin eile, ge brith mas ann às a' Ghàidhealtachd neo às an Eadailt a bha iad, na cheangal cudromach ann an eachdraidh an dàin fhada Ghàidhealaich.

Thug eisimpleir 'A Drunk Man' agus 'The Wasteland' buaidh ann an dòigh eadar-dhealaichte, ar leam. Thaisbean a' chiad fhear gum b' urrainnear mion-chànain a chleachdadh gus dàin fhada mhodarnach a sgrìobhadh a bha a' breithneachadh air an t-suidheachadh aimsireil. Dh'aidich MacGill-Eain gun tug e buaidh airsan agus an oidhirp a rinn e dàn fhada a sgrìobhadh. Bha an *Cuilithionn* a' toirt misneachd do Hay an oidhirp aige fhèin a dhèanamh ann am *MID* cuideachd. Agus bha 'The Wasteland' air dearbhadh gum b' urrainn do dh'fhoirm an dàin fhada, ged a bha e air a chruth-atharrachadh bho

ghnèithean sgrìobhaidh romansach, a bhith a' cnuasachd air suidheachadh an t-saoghail ann an dòigh mhodarnach sna bliadhnaichean às dèidh a' Chiad Chogaidh, le iomadach diofar ghuth agus sheallaidhean air a chleachdadh.

Tha na feartan sònraichte seo a' fàgail, mar a tha an teusas seo air argamaid, gur e gnè litreachas cudromach a th' anns an dàn fhada Ghàidhealach, airson ar tuigse air bàrdachd na Gàidhlig. 'S e cruth a bh' ann a bha an dà chuid a' cur air adhart còraichean na càinaine mar mheadhan airson litreachais àrd-amasaich, coisrigte agus a bha stèidhichte ann an còmhraidh le co-theacsa litreachail eadar-nàiseanta na Gàidhlig. Tha sealladh ioma-thaobhach an tràchdais air sealltainn gu bheil an litreachas Ghàidhealach seo a' taisbeanadh cuid de na h-aon deasbadan a bha a' dol air feadh na Roinn Eòrpa. Mar sin tha teòiricean bho dhùthchannan eile feumail an dà chuid gus dàimh an litreachais seo ri litreachasan eile aithneachadh, ach cuideachd gus seallaidhean Ghàidhealach ùra a thoirt air na teòiricean sin. Stèidhicheadh an sealladh ioma-thaobhach seo air seann tuigse nam meadhan-aoisean air litreachas mar rud le diofar ìrean de chiall aig an aon àm. Le bhith ag aideachadh sin tha e a' toirt saorsa don sgrùdaire a bhith a' dèiligeadh ris an teacsa ann an iomadach dòigh— seach ann an co-theacsa amasan an ùghdair neo tlachd an neach-leughaidh a-mhàin. Airson sgrùdadh de chorpas, leithid na rinneadh san tràchdas seo, bha iomadach diofar seallaidh gu math feumail. Mas e is gu bheil na coltasan a chithear taobh a-staigh gnè-sgrìobhaidh nas fhaisge air na coltasan eadar diofar bhuill den aon teaghlach, a' leantail Wittgenstein (Fowler, 1982, 41), seach stèidhichte air aon choltas bunaiteach, chan eil sgrùdadh aon dàin air neo a' cleachdadh aon dòigh-sgrùdaidh gus gu leòr de na coltasan sin aithneachadh. Rinn am prionnsapal sin sgrùdadh farsaing riatanach gus cuid de na feartan a dh'ainmicheadh san earrainn seo a shònrachadh, seach dìreach a bhith a' cleachdadh nan teòiricean airson farsaingeachd iar-mhodairneach.

Leis gun do dh'aithneachadh gu robh na diofar sheallaidhean gu bhith bunaiteach airson tuigse air buidheann iom-fhillte de dhàin, dh'fhan an tràchdas na thost, sa mhòr-chuid, a thaobh cho freagarrach neo iomchaidh a bhiodh na teòiricean nan cleachdte iad nan aonar gus sgrùdadh a dhèanamh. Chunnacas gu robh trioblaidean le cuid de na teòiricean, agus na dòighean rangachaidh, ach sheall sin



aig an dearbh àm luach an litreachais airson dearbhadh, neo dìteadh, nan siostaman ud. Bha an tràchdas faiceallach gun a bhith a' dèanamh surbhaidh ro fharsaing nach robh a' breithneachadh gu mionaideach air brìgh nan dàin, agus thug na dòighean sgrùdaidh cothroman diofraichte dhan sgrìobhadair sin a dhèanamh, anns gach caibideil.

Tha an tràchdas seo na mhìneachadh ùr air corpas de bhàrdachd Ghàidhlig a tha air dìth thuigse fhulang o chionns gun do leudaicheadh sgrùdadh acadaimeagach litreachas co-aimsireil na Gàidhlig aig an aon àm san robh an lioraic air aithneachadh mar àrd-amas na bàrdachd. Tha na diofar fheartan agus buaidhean a tha na dàin a' taisbeanadh, agus gu dearbh, na diofar ìrean de chomasan aig na bàird air cuid de thrioblaidean na gnè-sgrìobhaidh àrdachadh. Mar an ceudna, tha siostam foillseachaidh agus dìth maoinachaidh air a dhèanamh gu math duilich do luchd-leughaidh grèim fhaighinn air a' mhòr-chuid dhiubh, mas e is nach robh càineadh nan ollamhan air bacadh a chur orra sa chiad dol a-mach.

A dh'aindeoin 's gu bheil cuid de dhàin a' chorpais nach eil ro airidh air chliù mar shàr litreachas, mar chorpas slàn bheir e tuigse nas fheàrr dhan leughadair air eachdraidh litreachas na Gàidhlig. Tha seo gu h-àraidh fìor mu na bliadhnaichean mus do nochd obair Shomhairle MhicGill-Eain is Deòrsa Mac Iain Deòrsa, agus *Gairm* às an dèidh. Bha litreachas adhartach, àrd-amasach ga sgrìobhadh ron an Dàrna Cogadh sna bliadhnaichean a chaidh a dhealbhadh mar fhàsach ron Ath-Bheòthachadh Albannach. A' tilleadh do shiostam Eagleton, mas e is gu robh am Modh-Gineamhainn Litreachail air a bhith nas comasaiche dhan leithid *MPMT* fhoillseachadh nuair a chaidh a sgrìobhadh, bhiodh eisimpleirean air a bhith aig na Gàidheil de dhàin a thaisbean na comasan meatrachdail as àirde; a bha a' bruidhinn air saoghal air an robh iad eòlach agus aig a robh freumhan domhain ann an eachdraidh litreachas na Gàidhlig.

Rinn na fir a chruthaich na dàin seo obair ionmholt a bhith a' dearbhadh comasan na cànan dhan ghinealach a thàinig às an dèidh, fiù 's mura robh iadsan measail air na h-eisimpleirean a chaidh fhàgail dhaibh. Chìtheas sa chorpas seo, sealladh geur air aon mhòmaid de litreachas na Gàidhlig: dol sìos an dòigh smaoineachaidh eitneòlach is Ceilteach a nochd ann an Ros is Mac Dhonnachaidh, is a

bha buailteach taic a thoirt dhan Impireachd, agus èirigh sgrìobhadairean nàiseantach mar MacGill-Eain, Mac Iain Deòrsa, Mac-na-Ceàrdaich agus Mac an t-Saoir. 'S e beachdan an dàrna buidheann a bha gus litreachas na Gàidhlig a stiùireadh, sa mhòr-chuid, airson an dàrna leth den linn, agus air adhart. Le sùil air an iomadach diofar guth a bha a' nochdadh nan cuid obraichean meudmhòr, gheibhear tuigse nas fheàrr air mar a dh'atharraich litreachas na Gàidhlig gu tur, leathach slighe tron fhicheadamh linn.

## Obraichean Ainmichte

Far a bheil duilleagan aghaidh dà-chànanach thugadh prìomhachas dhan Ghàidhlig. Mura robh deagh adhbhar fiosrachadh eile a' tionndadh dhan Bheurla chumadh sa Ghàidhlig e. Leis gu bheil cuid den teusas a' gabhail beachd air mar a leasaicheadh litreachas cruthachail agus litreachas sgrùdaidh tha cuid de dh'iomraidhean stèidhichte air nuair a nochd a' chiad chlà-bhualadh. Chleachdte am bìoball le Comunn Nàiseanta na Bìoball, bho 1880.

Abrams, L. (2002) *The Making of Modern Woman*. Lunnainn: Pearson.

Alighieri, D. (1966) *Dantis Alagherii Epistolae: The Letters of Dante*. deas. P. Toynbee. 2na dheas. Ath-nan-Dàmh: Clarendon.

- (1971) *Purgatorio*. deas. J. Sinclair. Oxford. OUP.
- (1996) *The divine comedy of Dante Alighieri: Inferno*. deas. agus ead-theang. R. Durling. Oxford: OUP.

Allen, G. (2011) *Intertextuality*. 2na deas. Abingdon: Routledge.

Anderson, J. (1953) *A' Chliar Sheanachain. Tobar an Dualchais*. ri fhaotainn:  
<http://www.tobarandualchais.co.uk/fullrecord/5956/1>. air a chleachdadh: 16/01/14

Aquinas, T. (1917) *The 'Summa Theologica': Part II (Second Part)*. Ead-Theang. na h-Athraichean den Sgìre Domineacach Shasainneach. Lunnainn: R. & T. Washbourne.

Aristotle (1996) *Poetics*. deas. M. Heath. Lunnainn: Penguin.

Arnold, M. (1962) 'On the Study of Celtic Literature', *Matthew Arnold: Lectures and Essays in Criticism*. deas. R.H. Super. Ann Arbor: University of Michigan Press.

Baldrick, C. (2008) 'Aestheticism' *Oxford Dictionary of Literary Terms*. 3mh deas. Oxford: OUP. 5.

- (2008a) 'Logocentrism' *Oxford Dictionary of Literary Terms*. 3mh deas. Oxford: OUP. 191.

Bateman, M. (2003) 'Cruth na Tìre ann am Bàrdachd Ghàidhlig an 18mh Linn' ann an McLeod, W. & Ní Annracháin, M. *Cruth na Tìre*. Baile Ath-Chliath: Coiscéim. 69-89.

- (2012) 'The Bard and the Birlinn', ann an Dressler, C. & Stiùbhart, D. W. (deas.) *Alexander MacDonald, Bard of the Gaelic Enlightenment : Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair, Bàrd an t-Soillearachaidh Ghàidhealaich*. Leòdhas: Islands Book Trust. 74-84.

- Batstone, W (1994) 'Virgilian Didaxis: value and meaning in the *Georgics*' ann am Martindale, C. (deas.) *The Cambridge Companion to Virgil*. Cambridge: Clò an Oilthigh. 125-144.
- Bettleheim, B. (1976 [1991]) *The Uses of Enchantment*. Lunnainn: Penguin.
- Bil, A. (1990) *The Shieling 1600-1840: The Case of the Central Scottish Highlands*. Dùn Èideann: John Donald.
- Black, R. I. M. (1987) 'Thunder, Renaissance and Flowers: Gaelic Poetry in the Twentieth Century' ann an Craig, C. (deas) *The History of Scottish Literature: Volume 4 Twentieth Century*. Obar Eathain: Clò an Oilthigh. 195-215.
- (deas.) (1999) *An Tuil: Duanaire Gàidhlig an 20mh Ceud*. Dùn Èideann: Polygon.
  - [MacilleDhuibh, R.] (1999a) 'How Donnie gave his heart to Mammon', *West Highland Free Press*, 8mh den Dàmhair.
  - [MacilleDhuibh, R.] (1999b) 'Sir Donald, Laird-of-the-Pinnacles', *West Highland Free Press*, 22 den Dàmhair.
  - [MacilleDhuibh, R.] (1999c) 'MacCallum's heart and Lamont's conscience', *West Highland Free Press*, 19 den t-Samhain.
  - (deas.) (2001) *An Lasair: Anthology of 18th Century Scottish Gaelic Verse*. Dùn Èideann: Birlinn.
  - (2007) 'Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair and the New Gaelic Poetry' ann an Manning, S. & Brown, I (deas.) *The Edinburgh History of Scottish Literature: Volume Two: Enlightenment, Britain and Empire (1707-1918)*. Dùn Èideann: Clò an Oilthigh. 110-24.
- Blake, W. (1979) *Blake's Poetry and Designs*. deas. M. J. Johnson & J. E. Grant. New York: Norton.
- Blok, A. (1968) *The Twelve*. ead-theang. R. Fulton. Preston: Akros.
- Bourke, A. (1995) 'Reading a Woman's Death: Colonial Text and Oral Tradition in Nineteenth-Century Ireland', *Feminist Studies*, 21, (Am Foghair, 3) 553-586.
- Bowra, C. (1966) *Poetry and Poetics: 1900 – 1960*. Cambridge: Clò an Oilthigh.
- Brandon Kerschner, R. (2006) 'Mikhail Bakhtin (1895-1975)' ann an Wolfreys (2006), 166-172.
- Braden, G. (2012) 'Hexameter', anns am *Princeton Encyclopedia of Poetry and Poetics*. deas. R. Greene. 4mh deas. Princeton: Clò an Oilthigh. 627-29.
- Breatainn. Pàrlamaid. (1883) *Evidence Taken By Her Majesty's Commissioners of Inquiry into the Condition of the Crofters and Cotters in the Highlands and Islands of Scotland*. Lunnainn.
- Brontë, E. (2003) *Wuthering Heights*. deas. L. Peterson. Boston: Bedford.
- Buchanan, I. (2012) 'over-determination', ann an *A Dictionary of Critical Theory* (2010) [air loidhne] ri fhaotainn aig:  
<http://www.oxfordreference.com/view/10.1093/acref/9780199532919.001.0001/acref-9780199532919-e-504>. air a chleachdadh 23/10/2013.
- Bunian, I. (1812) *Cuairt an Oilthirich; no Turus a Chriosduidh; o'n t-Saoghal so Chum an Ath-Shaoghail fo shamhladh Bruadair*. ead.-theang. P. MacPhàrlain. Dùn Èideann: T. Stiubhart.
- Burns, R. (1904) *The Complete Poetical Works of Robert Burns: With an Appreciation by Lord Roseberry and a Glossary*. Lunnain: Thomas Nelson.

- Byrne, M. (2007) “‘Chan e chleachd bhith an cabhsair chlach’”: Am Bàrd Gàidhlig ’s am Baile Mòr bhon 17mh linn chun an 20mh’ ann an an *Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal* deas. S. Kidd. Glaschu: Roinn na Ceiltis. 55-88.
- Byron, G (1978) *Byron’s Poetry*. deas. F. McConnell. Lunnainn: Norton.
- Campbell, J.F. (deas.) (1872) *Leabhar na Feinne: heroic Gaelic ballads collected in Scotland*. Lunainn: Spottiswoode.
- Campbell, J.G. (2008) *The Gaelic Otherworld*. deas. R. Black. Dùn Èideann: Birlinn.
- Canmore (2014) *Annie Jane: Bagh Siar, Vatersay, Atlantic*. Ri fhaotainn aig:  
<http://canmore.rcahms.gov.uk/en/site/102881/details/annie+jane+bagh+siar+vatersay+atlantic/>  
 (Cleachdte: 02/10/2014)
- Carruthers, G. (2009) *Scottish Literature*. Dùn Èideann: Clò an Oilthigh.
- Challan, M.A. (2012) *Air Bilean an t-Sluaigh: Sealladh air Leantailachd Beul-Aithris Ghàidhlig Uibhist a Tuath*. Beul Feairte: Cló Ollscoil na Banríona.
- Coleridge, S.T. (2009) ‘The Rime of the Ancient Mariner’, ann an *Samuel Taylor Coleridge: Selected Poetry*. deas. H. J. Jackson. Oxford: Clò an Oilthigh. 48-67.
- Cox, R. A. (2007) ‘The Gaelic Book’, *The Edinburgh History of the Book in Scotland: Volume 4 Professionalism and Diversity 1880-2000*. deas. Finkelstein, D. & McLeery, A. Dùn Èideann: Clò an Oilthigh. 277-94.
- Cross, T. P. & Slover, C. H. (1936) *Ancient Irish Tales*. New York: Barns and Noble.
- Culler, J. (2012) ‘Structuralism – iii French and American Schools’ anns am *Princeton Encyclopedia of Poetry and Poetics*. deas. R. Greene. 4mh dheasachadh. Princeton: Clò an Oilthigh. 1363-66.
- Deo-Gréine, An*, (1906-7) ‘Notice’, 2, 13.
- (1915), ‘Literary Competitions 1915: Prize List’, *Mios Deireannach an Fhogharaidh*, 5-6.
- De Saussure, F (1915) *Course in General Linguistics*, ead-theang. W. Baskin. New York: McGraw-Hill, 1966.
- Dwelly, E. (1994) *Faclair Gàidhlig gu Beurla: Illustrated Gaelic to English Dictionary*. 11mh clò-bhualadh. Glaschu: Gairm.
- Dymock, E. (2008) *The Quest for Identity in Sorley MacLean’s ‘An Cuilithionn’: Journeying into Politics and Beyond*. Teusas PhD Neo-Fhoillsichte. Oilthigh Dhùn Èideann
- (2013) “‘Chualas iolach air na sléibhtean’”: “An Cuilithionn” anns an Roinn Eòrpa’ ann an MacAoidh, P. & O’ Gallagher, N. deas. *Sùil air an t-Saoghal: buaidhean eadar-nàiseanta air sgrìobhadh sa Ghàidhlig*. Sléibhte: Clò Ostaig. 131-56.
- Dymock, E. agus McLeod, W. (2011) *Lainnir a’ Bhùirn: The Gleaming Water: Essays on Modern Gaelic Literature*. Dùn Èideann: Dunedin.
- Eagleton, T. (2003) *Sweet Violence: The Idea of the Tragic*. Oxford: Blackwell.
- (2006) *Criticism & Ideology: A Study in Marxist Literary Theory*. 2na Deas. Lunnainn: Verso.
  - (2008) *Literary Theory: An Introduction*. 2na Deas. Oxford: Blackwell.

- Eilean Fraoich* (1982) 2na deas. Leòdhas: Acair.
- Eliot, T. S. (2002) *The Wasteland*. Carolina a Deas: BookSurge.
- Fanon, F. (1965) *The Wretched of the Earth*. Lunainn: MacGibbon & Kee.
- Fazzini, M (deas.) (2005) *Alba Literaria: A History of Scottish Literature*. Venezia Mestre: Amos Edizioni.
- Fowler, A. (1982) *Kinds of Literature: An Introduction to the Theory of Genre and Modes*. Oxford: Clarendon.
- Frater, A. C. (1994) *Scottish Gaelic Women's Poetry up to 1750*. Teusas PhD Neo-Fhoillsichte. Oilthigh Ghlaschu.
- Frye, N. (1957) *Anatomy of Criticism: Four Essays*. Princeton: Clò an Oilthigh.
- Gàidheal, An*, (1923) 'Annual Business Meeting', *An t-Samhain*, 25-8.
- (1923a) 'Mr. Iain MacPherson M.P., on An Comunn and its President', *An Dùdhlachd*, 34-6.
  - (1925) 'Book Reviews: Guth na Bliadhna', *Am Faoilteach*, 64.
  - (1925a) 'Book Reviews: Domhnallan', *An t-Iuchair*, 160.
  - (1941) 'Cnoc an Fhradhairc', *An Faoilteachd*, 53-54.
  - "T.M.M" (1948) 'The Late Mr Angus Robertson', *An Dùbhlachd*, 32.
- Gilbert S. & Gubar, S. (2000) *The Madwoman in the Attic: The Woman Writer and the Nineteenth Century Imagination*. New Haven is Lunainn: Yale University Press.
- Gilfillan, E. (2008) 'Two Editions of Sorley MacLean's *Dàin do Eimhir*', *Scottish Studies Review*. Spring. 159-70.
- Gillies, A. L. (2005) *Songs of Gaelic Scotland*. Dùn Èideann: Birlinn.
- Gillies, W. (2006) 'On the Study of Gaelic Literature', ann an Byrne, M., Clancy, T.O., agus Kidd, S. (deas.) *Litreachas & Eachdraidh: Rannsachadh na Gàidhlig 2, Glaschu 2002*. Glaschu: Roinn na Ceiltis. 1-32
- (2012) 'Reflections on Alexander Macdonald and Canna' ann an *Alexander MacDonald, Bard of the Gaelic Enlightenment : Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair, Bàrd an t-Soillearachaidh Ghàidhealaich*. Leòdhas: Islands Book Trust.
- Green, S. R., (2007) *A Clamjamfray of Poets: A Tale of Literary Edinburgh*. Dùn Èideann: Saltire Society.
- Gregory, T.B. (2012) 'Epic: I. History' anns am *Princeton Encyclopedia of Poetry and Poetics*. deas. R. Greene. 4mh deas. Princeton: Clò an Oilthigh. 439-443.
- Griffin, D. (1994) *Satire: A Critical Reintroduction*. Kentucky: Clò an Oilthigh.
- Hamilton, A. C. (1990) *Northrop Frye: Anatomy of his Criticism*. Toronto: Oilthigh Thoronto.
- Haslett, M. (2000) *Marxist Literary and Cultural Theories*. MacMillan: Lunainn.
- Hay. G.C. (1939) 'Gaelic and Literary Form' *The Voice of Scotland* 2:1 (June-August), 14-18.
- (1947) *Fuaran Sléibh: Rann Ghàidhlig le Deòrsa Caimbeul Hay*. Glaschu: Mac Gill' Fhaolain.

- (2003) *Collected Poems and Songs of George Campbell Hay*. deas. M. Byrne. Dùn Èideann: Edinburgh University Press.
- Hegel, G. W. F. (1956) *The Philosophy of History*. Mineola: Dover.
- Hendry, J. (1986) 'The Man and his Work' ann an Ross, R.J. & Hendry, J. (deas), 9-38.
- Herre, P. (1995) 'The New European Order', ann an Griffin, R (deas.) *Fascism*. Oxford: Clò an Oilthigh. 154-55.
- Hewitt, D. (2010) 'Grierson, Sir Herbert John Clifford (1866–1960)' anns an Oxford Dictionary of National Biography (2004) [Air loidhne]. Ri fhaotainn aig: <http://www.oxforddnb.com/view/article/33573> (Air fhaicinn: 2 An t-Iuchair, 2012).
- Homer. (1990) *The Iliad*. New York: Penguin.
- Hourani, A (2013) *A History of the Arab Peoples*. Lunnainn: Faber & Faber.
- Humm, M. (1995) *Practicising Feminist Criticism: An Introduction*. Lunnainn: Prentice Hall/Harvester Wheatsheaf.
- Hunter, J. (1976) *The Making of the Crofting Community*. Dùn Èideann: John Donald.
- Kerrigan, C. & Bateman, M. (deas.) (1991) *An Anthology of Scottish Women Poets*. Dùn Èideann. Clò an Oilthigh.
- Kidd, S. (2006) 'The forgotten first: John MacCormick's "Dùn-Àluinn"' . *Scottish Gaelic Studies*, 22, 197-219.
- (Ri nochdadh) "'Fo ghrèin loisgich nan Innsean': na h-Innseachan an Ear tro shùilean Gàidhealach"', ann an *Transactions of the Gaelic Inverness*.
- Krause, C. (2005) 'Gaelic Scotland – A Postcolonial Site? In Search of a Meaningful Theoretical Framework to Assess the Dynamics of Contemporary Scottish Gaelic Verse', *eSharp*, 6,1, 1-22.
- (2010) 'And what is wrong with theory? Post-Colonial Theory and Contemporary Gaelic Poetry', ann an *Cànan agus Cultar/ Language and Culture: Rannsachadh na Gàidhlig* 4, deas le Munro, G. & Cox, R. Dùn Èideann: Clò an Oilthigh. 163-73.
- Kristeva, J. (1984) *Revolution in Poetic Language*. ead-theang. M. Waller. New York: Columbia.
- Lamont, D. (1913) *Strath in Isle of Skye*. Glaschu: Archibald Sinclair.
- Laing, C. (deas.) (2013) *An t-Urramach Iain MacRuairidh: A bheatha agus na Sgrìobhaidhean aige*. Inbhir Nis: CLÀR.
- Lentricchia, F. (1980) *After the New Criticism*. Lunnainn: Athlone.
- Levine, P. (2007) *The British Empire: sunrise to sunset*. Harlow: Pearson.
- Livingston, W. (1850) *The Vindication of the Celtic Character: or the Scotchman as he was and how he should be*. Grianraig: J. Blair.
- Lyall, S. (2011) 'MacDiarmid, Communism and the Poetry of Commitment' ann an Lyall, S. & McCulloch, M. (deas.) *The Edinburgh Companion to Hugh MacDiarmid*. Dùn Èideann: Clò an Oilthigh. 68-81.

- Mac Aoidh, P. agus O' Gallagher, N. (deas.) (2013) *Sùil air an t-Saoghal: buaidhean eadar-nàiseanta air sgrìobhadh sa Ghàidhlig*. Slèibhte: Clò Ostaig.
- MacAskill, J. (1953) 'S Gann gun Dìrich mi a-Chaoidh. *Tobar an Dualchais*. ri fhaotainn aig: <http://www.tobarandualchais.co.uk/fullrecord/1897/1>. Air a chleachdadh 12/11/13.
- Mac a' Ghobhainn, I. C. (2005) *Am Miseanaraidh*. Dèimhidh. CLÀR.
- Mac-an-t-Saoir, D. (1768) *Orain Ghaidhealach*. Dun-Eidin: A. MacDhónuill.
- MacBean, L. (1921) *The Celtic Who's Who: Names and Addresses of Workers who contribute to Celtic Literature, Music or other Cultural Activities*. Cair Chaladain: Fifeshire Advertiser.
- MacCallum, D. (1912a) 'Bards of the Reform Movement' ann an Cameron, J. (deas.) *The Old and the New Highlands and Hebrides* Kirkcaldy: James Cameron, 144-7.
- (1912b) 'Bodach Isgean' ann an Cameron, J. (deas.), 149-51
  - (1912c) 'My Arrest', ann an Cameron, J. (deas.), 109-112.
- Mac Chaluim, D. (1916) 'Fàilte don Earrach' *GNB*, An t-Earrach, 42-3.
- (1917) 'Bruadar air Bàrdachd', *Guth na Bliadhna*. An Samhradh. 163-176.
- Mac Chalum, D. (1925) *Domhnullan: Dan an Ceithir Earrannan*. Glaschu: Mac Labhruinn.
- MacCormaig, Iain (1912) *Dùn-Àluinn*. Glaschu: MacLabhruinn.
- MacDhòmhnuill, A. Faic MacDhònuill, A.
- MacDhòmhnuill, G. (ead-theang.) (1891) *Leabhar Aideachaidh a' Chreidimh*. Dùn Èideann: John Grant.
- MacDhòmhnuill, T.D. (1915-16) 'An Comunn Gaidhealach', *Guth na Bliadhna*. An Geamhradh 1915; An Samhradh 1916; Am Foghair 1916. 387-99; 209-30; 315-35.
- (1919) *An Am a' Chogaidh*. Glaschu: Sinclair.
  - (1921) *An Deidh a' Chogaidh*. Glaschu: Sinclair.
- MacDhònuill, A. (1751) *Ais-Eiridh na Sean Chànoin Albannach; no an Nuadh-Oranaiche Gaidhealach*. Dùn Èideann.
- (1776) 'Beannachadh luinge chlann Raonuill.' ann an MacDhòmhnuill, R. (deas) *Comh-chruinneachidh Orannaigh Gaidhealach*. Dun Èideann: Walter Ruddiman, 146-66.
- MacDhùn-Léibhe, U. (1882) *Duain agus Òrain*. deas. R. Blair. Glaschu: Sinclair.
- MacDiarmid, H. (1926) *A Drunk Man Looks at the Thistle*. Dùn Èideann: Blackwood.
- (1930) *To Circumjack Cencrastus*. Dùn Èideann: Blackwood.
  - (1934) 'Donald Sinclair', ann an *At the Sign of the Thistle: Selected Essays*. Lunnainn: Stanley Nott. 80-88.
  - (1992) *Selected Poetry*. deas. Riach, A & Grieve, M. Manchester: Carcanet.
- MacDonald, Archibald (1946) 'Stories Told When On Ceilidh', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, 37. 184-207.
- MacDonald, Allan (1995) *The Relationship Between Pibroch and Gaelic Song: Its Implications on the Performance Style of the Pibroch Urlar*. Teusas MLitt Neo-Fhoillsichte. Oilthigh Dhùn Èidinn.

- MacDonald, D. (1950) *Sgiobaireachd Chlann Raghnaill. Tobar an Dualchais*. ri fhaotainn aig: <http://www.tobarandualchais.co.uk/fullrecord/25489/1> Air a chleachdadh: 22/07/2014
- MacDonald, D.A. (1986) *Some Aspects of Family and Local Background: An Interview with Sorley MacLean* ann an Ross & Hendry (1986).
- MacDonald, J. (deas) (1927) *Voices from the Hills (Guthan o na Beanntaibh): A Memento of the Gaelic Rally* Glaschu: An Comunn Gàidhealach.
- MacDonald, John. (1964) *Òran Iain Luim: Songs of John MacDonald, bard of Keppoch*. deas. A. MacKenzie. Dùn Èidean: Oliver & Boyd.
- MacDonald, N. (1953) *Cleachdadh Samhna mu phòsadh. Tobar an Dualchais*. ri fhaotainn aig: [www. http://www.tobarandualchais.org/en/fullrecord/8581/39](http://www.tobarandualchais.org/en/fullrecord/8581/39). Air a chleachdadh 16/01/2014
- (1953a) *Eachdraidh-Beatha an Urramaich Tormod Dòmhnallach*. ri fhaotainn aig: <http://www.tobarandualchais.co.uk/fullrecord/2686/1>. Air a chleachdadh 10/02/2014
- MacDonald, T.D. (1926) *Gaelic Proverbs and Proverbial Sayings: with English Translations*. Struighelea: Eneas MacKay.
- MacEacharn, D. (1904) *Am Fear Cùil: Dàin agus Òrain*. Glaschu: Mac-na-Ceàrdadh.
- MacFadyen, J. (1890) *An t-Eileanach: Original Gaelic Songs, Poems and Readings*. Glaschu: Archibald Sinclair.
- MacFhionguin, L. (1953) *Baird a' Chomuinn*. Glaschu: An Comunn Gàidhealach.
- mac Fhionnlaigh, D. (2012) *Òran na Comhachaig*. deas. P. Menzies. Dùn Èideann: Scottish Gaelic Texts Society.
- MacGill-Eain, S. [Mac Ghilleathain, S., MacLean, S.] (1940) 'An Cuilithionn: Opening of Part II' ann an MacGhill-Eathain, S. is Garioch, R. *Seventeen Poems for Sixpence*. Dùn Èideann: Chalmers, 9-11
- (1943) *Dain do Eimhir*. Glaschu: MacLellan.
  - (1946) 'Realism in Gaelic Poetry', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*. 37. 80-114.
  - (1950) 'An Cuilithionn: Dùnadh/ The Cuillin: The Closing Lyric', *Jabberwock*, III, 10-11.
  - (1954) 'Air Sgurr Dubh an Da Bheinn', *Lines Review*, 4 (Am Faoilleach) 28-9.
  - (1955) 'Selections from The Cuillin and one other poem', *Lines Review* (Am Faoilleach) 7-16.
  - (1962) 'An Cuilithionn 'Na Thriùir', *Gairm*, 40 (An Samhradh) 326-27.
  - (1963) 'The Poetry of William Livingston', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, 39-40, 1-19.
  - (1970) 'Cumha Chaluim Iain MhicGill-eain' 'Crioch dain fhada a stadadh gu h-obann anns an Dubhlachd 1939' agus 'Nighean agus Seann Orain', *Gairm*, 72, 313-22.
  - (1970a) 'Poetry, Passion and Political Consciousness', *Scottish International*, 10 (May) 10-16.
  - (1970b) 'Extracts from the Cuillin' *Lines Review*, 34, 16-18.
  - (1985) *Ris a' Bhruthaich: The Criticism and Prose Writings of Sorley MacLean*. Steòrnabhagh: Acair.
  - (1987-89) 'An Cuilithionn', *Chapman*, (Summer 1987- Spring 1989).



- (2008) 'Five Gaelic Poems— regional national or European?', *Aiste*, 2, 1-29.
- (2011) *An Cuilithionn 1939: The Cuillin 1939 & Unpublished Poems*. Glaschu: Association for Scottish Literary Studies.
- (2011a) *Caoir Gheal Leumraich: Somhairle MacGill-Eain*. deas. Whyte, C agus Dymock E. Dùn Èideann: Polygon.

MacGill-Eain, S., [MacLean, S.] Hay, G. C., Neill, W. and MacGregor, S. (1970) *Four Points of a Saltire*. Edinburgh: Repographia.

Mac Gilleathain, I. (1976) *Odusseia Homair*. Glaschu: Gairm.

MacGillemhicheil, A. [Carmichael, A.] (1900) *Carmina Gadelica: Hymns and Incantations with Illustrative Notes on Words, Sites, and Customs, dying and obsolete, Orally Collected in the Highlands an Islands of Scotland*. Dùn Èideann. 1900. leabhar 1.

MacGhilleathain, S. faic MacGill-Eain, S.

MacIntyre, D. (1962) *MacPhàil 's MacThòmais. Tobar an Dualchais*. ri fhaotainn aig: <http://www.tobarandualchais.co.uk/fullrecord/101409/1>. Air a chleachdadh: 06/05/14.

- (1968) *Sporan Dhòmhnaill: Gaelic Poems and Songs*. deas. Somerled MacMillan. Dùn Èideann: Scottish Gaelic Texts Society.
- (2008) *Aeòlus!* deas. le B. Innes. Uachdar Thìr: Gracenote.

MacIlleathain, M. (1995) 'Do Dhòmhnaill MacCaluim' ann an Meek, D. (deas.) *Tuath is Tighearna: An anthology of Gaelic Poetry of Social and Political Protest from the Clearances to the Land Agitation (1800-1890)*. Dùn Èideann: Scottish Academic Press, 177-9.

MacInnes, J. (2006) *Dùthchas nan Gàidheal: Selected Essays of John MacInnes*. deas. M. Newton. Dùn Èideann. Birlinn.

MacKay, P. (2010) *Sorley MacLean Obar Dheathain*: AHRC Centre for Irish and Scottish Studies.

- (2012) 'The Gaelic Tradition', *The Cambridge Companion to Scottish Literature*. deas. G. Carruthers & L. McIlvanney. Cambridge: Clò an Oilthigh.

MacKenzie, J. (deas.) (1841) *Sàr Obair nam Bàrd Gaelach*. Glaschu: MacGregor, Polson.

MacKinnon, N (1953) *A' Chliar Sheanachain san Eilean Sgitheanach. Tobar an Dualchais*. ri fhaotainn aig: <http://www.tobarandualchais.co.uk/fullrecord/7591/1>. Air a chleachdadh: 16/01/14.

MacLachlan, E. (1937) *Ewen MacLachlan's Gaelic Verse*. deas. J. MacDonald. Inbhir Nis: Carruthers.

MacLean, J. (1950) *Mo Rùn Geal Òg. Tobar an Dualchais*. ri fhaotainn aig: <http://www.tobarandualchais.co.uk/fullrecord/51922/1>. Air a chleachdadh: 12/11/13

- (1950a) *Mo Shathghal Bochd. Tobar an Dualchais*. ri fhaotainn aig: <http://www.tobarandualchais.co.uk/fullrecord/51929/1>. Air a chleachdadh 11mh den t-Samhain 2013.

MacLean, M. (1903) *The Literature of the Highlands*. Glaschu. Blackie 's a Mhac.

MacLean, S., faic MacGill-Eain, S.

MacLean Sinclair, A. (1890) *The Gaelic Bards: From 1411-1715*. Dùn Èideann: James Thin.

- MacLean Watt, L. (1903) *The Grey Mother and other Poems: being songs of Empire*. Lunnainn: J.M. Dent.
- MacLeod, A. (deas.) (1933) *Sar Òrain: Gaelic Poems*. Glaschu: An Comunn Gàidhealach.
- MacLeod, D.J. (1969) *Twentieth Century Gaelic Literature: A description, comprising critical study and a comprehensive bibliography*. Teusas Ph.D. Neo-Fhoillsichte. Oilthigh Ghlaschu.
- (1980) *Twentieth Century Publications in Scottish Gaelic*. Dùn Èideann: Scottish Academic Press.
- MacLeod, M. (1934) *The Gaelic Songs of Mary MacLeod*. deas. Carmichael Watson, J. Lunnainn is Glaschu: Blackie.
- Mac Leòid, A.U.G. (2012) *Innis-na-Fìrinne: Dòmhnall Mac-na-Ceàrdaich (1885-1932) agus a obair fhoillsichte*. Teusas M.Phil. Neo-Fhoillsichte. Oilthigh Ghlaschu.
- MacLeòid, I.N. (1916) *Bàrdachd Leòdhais*. Glaschu: Alasdair MacLabhrainn.
- Mac Mhaighstair Alasdair, A. (1996) *Selected Poems*. deas. le Thomson, D. Dùn Èideann: Scottish Academic Press.
- MacMhathain, U. (1954) *Moladh Mòraig. Tobar an Dualchais*. ri fhaotainn aig: [www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/19029/1](http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/19029/1). Air a chleachdadh 09/08/2014.
- Mac Mhuirich R. (1970) *An Clarsair Dall: Òrain Ruaidhri Mhic Mhuirich agus a Chuid Ciuil*. deas. U. Mac Mhathain. Dùn Èideann: Comunn Litreachas Gàidhlig na h-Alba.
- Mac-na-Ceàrdaich, D. [D.M.N.C] (1915) 'Canach an t-Slèibhe' *GNB*, 12, 166-76
- (1915-6) 'La nan Seachd Sion', *GNB*, 12-13, 310(1915) -189(1916).
  - (1916) 'A' Ghàidhlig agus a Muinntir', *GNB*, 13, 20-41.
  - (1916a) 'Inbhe ar Bàrdachd', *GNB*, 13, 441-57.
  - (1916b) 'Seudan Peairseach', *GNB*, 13, 336-7.
  - (1917) 'An Sgoth Ghaidhealach', *GNB*, 14, 333-47.
  - (1918) 'Innis-na-Breige', *GNB*, 15, 240-55.
  - (1921) 'Lughain Lir' *An Ròsarnach*, 3, 51-84.
  - (1927) 'Cogais Naiseanta', *Pictish Review*, 1, 78-91.
  - (1927a) *Long nan Òg*. Dùn Èideann: Comunn Litreachais na h-Alba.
  - (1930) 'Cogais Naiseanta', *An Ròsarnach*, 4, 1-13.
  - (1930a) 'Slighe nan Seann Seun', *An Ròsarnach*, 4, 29-30.
  - (1930-1) 'Dé tha Cèrr?' *The Scots Independent*. December 1930, 27; January 1931, 27; February; March; May, 106 & 110; June, 119; July, 138.
- MacNeacail, A. (1983) *Sireadh Bradain Sicir: Seeking Wise Salmon*. Inbhir Nis: Balnain.
- (1984) *An Cathadh Mór: The Great Snowbattle*. Inbhir Nis: Balnain.
  - (1986) 'Questions of Prestige: Sorley MacLean and the Campaign for Gaelic' ann an Ross, R.J. & Hendry, J. (deas), 201-10.
- MacNèill, I (1905) *Deirdire agus Laoidh Chlann Uisne*. deas. A. MacGilleMhicheil. Dùn Èideann: MacLeòid.
- MacPhail, I. M. (1989) *The Crofters' War* Steòrnabhagh. Acair.

- MacPherson, J. (1760) *Fragments of ancient poetry, collected in the highlands of Scotland and translated from the Galic or Erse language*. Dùn Èideann: Hamilton is Balfour.
- (1996) *The Poems of Ossian and Related Works*. Deas. H. Gaskill. Dùn Èideann. Clò an Oilthigh.
- MacPherson, Rev. J. (deas) (1881) *The Westminster Confession of Faith: With Introduction and Notes*. Dùn Èideann: T. & T. Clark.
- MacPherson, M. (1891) ‘Coinne nan Croiteran’, ann an *Dàin agus Òrain Ghàidhlig le Màiri Nic-a-Phearsain agus Cunntas Goirid air a Beatha*, Inbhir-Nis: Mac-Coinnich, 153-5.
- MacSween, M. & Gailey, A. (1961) ‘Some Shielings in North Skye’, *Scottish Studies*, 5, 77-95.
- Mandelbrote, S. (2008) ‘Thomas Burnet (c. 1695-1714)’, *Oxford Dictionary of National Biography* (2004) [Online] ri fhaotainn aig: <http://www.oxforddnb.com/view/article/4067> Air a chleachdadh 04/08/2014
- McClure, J.D., Kirk, J. M. agus Storrie, M. (deas.) (2009) *A Land that Lies Westward: Language and Culture in Islay and Argyll*. Dùn Èideann: John Donald.
- McGonagall, W. (2006) *Collected Poems*. Dùn Èideann: Birlinn.
- McLeod, J. (2000) *Beginning Postcolonialism*. Manchester: Clò an Oilthigh.
- McMillan, D. & Byrne, M. (deas.) (1991) *Modern Scottish women poets*. Dùn Èideann: Canongate.
- Meek, D. E. (1984) ‘Ath-Sgrùdadh (7): Dòmhnall MacEacharn’, *Gairm*, 127, 235-44.
- (1995) (deas.) *Tuath is Tighearna: An Anthology of Gaelic Poetry of Social and Political Protest from the Clearance to Land Agitation (1800-1890)*. Dùn Èideann: Scottish Gaelic Texts Society.
  - (2002) ‘The pulpit and the pen: clergy, orality and print in the Scottish Gaelic world’ ann am Fox, A. & Woolf, D., (deas.) *The Spoken Word: Oral Culture in Britain, 1500-1850*. Manchester: Clò an Oilthigh. 84-118.
  - (2009) ‘The World of William Livingston’ ann an McClure *et al.*, 149-72.
- Melling, J. (1983) *Rent Strikes: Peoples’ Struggle for Housing in West Scotland 1890-1916*. Dùn Èideann: Polygon.
- Millet, K. (1969) *Sexual Politics*. New York: Doubleday.
- Mills, L. (1995) “‘I Won’t Go Back to It’: Irish Women Poets and the Iconic Feminine”, *Feminist Review*, 50, An t-Samhraidh, 69-88.
- Milton, J. (2004) *Paradise Lost*. deas. S. Orgel, agus J. Goldberg. Oxford: Clò an Oilthigh.
- Moireasdan, A. (1929) *Gaelic Poems & Songs*. Dùn Èideann: Darien.
- National Records of Scotland, (2014) ‘2011 Census: Key Results from Releases 2A to 2D’ [Air Loidhne]. Ri fhaotainn aig: <http://www.scotlandscensus.gov.uk/documents/censusresults/release2/statsbulletin2.pdf> Air a chleachdadh 18/08/2014
- Newman, J.K. & Meyers, T. (2012) ‘Epic: II. Theory’, anns am *Princeton Encyclopedia of Poetry and Poetics*. deas. R. Greene. 4mh deas. Princeton: Clò an Oilthigh. 443-48.

- Newton, M. (2009) *Warriors of the Word: The World of the Scottish Highlanders*. Dùn Èideann: Birlinn.
- Ngũgĩ, W.T. (1977) *Petals of Blood*. Lunnainn: Heinemann.
- (1981) *Writers in Politics*. Lunnainn: Heinemann.
  - (1986) *Decolonising the Mind*. Lunnainn: Heinemann.
- Ní Annracháin, M. (1992) *Aisling agus tóir: an slánú i bhfhilíocht Shomhairle MhicGill-eain*. Maigh Nuad: An Sagart.
- (1997) 'Vision and Quest in Somhairle MacGill-Eain's "An Cuilithionn"' *Lines Review*, 141 (An t-Òg-Mhios), 5-11.
- Nicholls, P. (2012) 'Modernism' anns an *Princeton Encyclopedia of Poetry and Poetics*. deas. R. Greene. 4mh deas. Princeton: Clò an Oilthigh. 889-94.
- Nicolson, A. (1930) *History of Skye: A record of the families, the social conditions and the literature of the island*. Glaschu: MacLabhruinn.
- Ní Dhomhnaill, N. (2005) *Selected Essays*. deas. O. Frawley. Baile Ath-Chliath: New Island.
- Ó Baoill, C. (deas.) (1994) *Gàir nan Clàrsach: The Harps' Cry: An Anthology of 17th Century Gaelic Poetry*. Ead-Theang, le Bateman, M. Dùn Èideann: Birlinn.
- (2004) 'Neither Out nor In': Scottish Gaelic Women Poets 1650-1750' ann an Dunnigan, S., Harker, C. & Newlyn, E. *Woman and the feminine in Medieval and early modern Scottish Writing*. Basingstoke: Palgrave Macmillan. 136-52.
- Ó Lochlainn, C. (1948) *Deoch-Slàinte nan Gilleann: Òrain à Barraidh*. Baile Átha Chliath: Trì Coinnlean.
- Orr, W. (1982) *Deer forests, landlords and crofters: The Western Highlands in Victorian and Edwardian times*. Dùn Èideann: J. Donald.
- "Petit Blanc" (1926) 'Domhnullan', *An Gàidheal*, Am Màrt, 92-4.
- Phillips, W. A. (1923) *The Revolution in Ireland*. New York: Longmans, Green.
- Pittock, M. (1999) *Celtic Identity and the British Image*. Manchester: Clò an Oilthigh.
- Plant, R. (1983) *Hegel: An Introduction*. Oxford: Basil Blackwell.
- Porter, D (1993) 'Orientalism and its Problems', *Colonial Discourse and Post-Colonial Theory: A Reader*. deas. Williams, P. & Chrisman, L. New York is Lunnainn: Harvester Wheatsheaf . 150-162
- Prebble, J. (1963) *The Highland Clearances*. Lunnainn: Secker & Warburg.
- Ramazani, J (2012) *Postcolonial Poetics* ann an Greene *et al.* 1092-95.
- Randolph, M.C. (1942) 'The Structural Design of the Formal Verse Satire', *Philological Quarterly*, 21, 368.
- Riach, A. (1991) *Hugh MacDiarmid's Epic Poetry*. Dùn Èideann. Edinburgh University Press.
- Robbins, R.H. (1959) *The Encyclopedia of Witchcraft and Demonology*. New York: Crown.

- Robertson, Angus (1913) [MacDhonnachaidh, A.] *An t-Ogha Mór: no, Am fear-sgeoil air Uilinn*, Glaschu. MacLabhrainn.
- (1923) 'The Gaelic Outlook', *An Gàidheal*, An t-Samhuin, 18-22.
  - (1926) 'President's Address', *An Gàidheal*, An Dàmhar, 2-3.
  - (1940) *Cnoc an Fhradhairc*. Glaschu: MacLaren.
- Ros, N. (1918) 'Dàn-Cluiche Cinneachail Gailig', anns an *An Solaraidhe*. Glaschu: An Comunn Gaidhealach, 41-62.
- (1923) 'Crùnadh a' Bhàird', *An Gàidheal*, An t-Samhuin, 17-18.
  - (1924) 'Spiorad an Earraich', *An Gàidheal*, An Giblein, 97-8.
  - (1925) 'The Crowning of the Bard', *An Gàidheal*, An t-Sultain, 191-2.
  - (1925a) 'The Celtic Factor in Modern Scottish Literature', *An Gàidheal*, An Gearran & Am Màrt, 71-3 & 92-4.
  - (1926) 'The Main Essentials for Gaelic Drama', *An Gàidheal*, An Giblein, 98-101.
- Ross, R.J. (1986) 'Marx, MacDiarmid and MacLean' ann an Ross & Hendry, 91-107.
- Ross, R.J. & Hendry, J., deas. (1986) *Sorley MacLean: Critical Essays*. Dùn Èideann: Scottish Academic Press, 9-38.
- Said, E. (2003) *Orientalism*. Lunainn: Penguin.
- (1990) 'Yeats and Decolonisation', ann an Eagleton, T, Jameson, F. & Said, E. *Nationalism, Colonialism and Literature*, Doire: Field Day Theatre Company, 5-22.
- Sassi, C. & van Heijnsbergen, T. (2013) *Within and Without Empire: Scotland across the (Post)colonial Borderline*. Cambridge: Cambridge Scholars.
- Scots' Independent, The* (1926) 'Frae A' the Airts - Manchester', November, 11.
- (1928) 'Are you Only Half-a-Scot?', June, 116.
- Scotsman, The* (1886) 'The Skye Expedition: Arrest of John MacPherson, Glendale and the Rev. Donald MacCallum', 15 den t-Samhain 1886, 8.
- Scott, P.D., (1994) 'The social critic and his discontents' ann an *The Cambridge Companion to T. S. Eliot* deas. A. D. Moody. Cambridge: Clò an Oilthigh.
- Schryer, S. (2012) 'New Criticism' anns am *Princeton Encyclopedia of Poetry and Poetics*. 4<sup>mh</sup> deasachadh. Princeton. Clò Oilthigh Princeton. 936-37.
- Sealy, D. (1986) 'Out from Skye to the World: Literature, History and the Poet', ann an Ross & Hendry (1986) 53-79.
- Shakespeare, W. (2005) *A Midsummer Night's Dream*. deas. S. Wells. Lunainn: Penguin.
- Shelley, P.B., (2009) *Percy Bysshe Shelley: The Major Works*. deas. le Leader, Z. agus O'Neill, M.. Oxford: OUP.
- Shklovsky, V. (1988) 'Art as Technique', ann an Lodge, D. (deas) *Modern Criticism and Theory: A Reader*, Harlow: Longman, 16-29.
- Smith, S.G. (1948) *Under the Eildon Tree*. Dùn Èideann: Serif Books.
- Solomon, R. (2004) 'Hegel, Georg Wilhelm Friedrich 1770-1831' ann an Murray, C.J. (deas.) *Encyclopedia of the Romantic Era 1760-1850*, Lunainn: Fitzroy Dearborn, 481-83.

- ‘Some of the Stall Conveners’ (1926) *An Gàidheal*, An t-Òg-Mhios, 137.
- ‘Sop às gach sèid’ (1923) *An Gàidheal*, An Dùdlachd, 42-3.
- Sophocles (1978) *The Three Theban Plays*. deas. R. Fagles. New York: Penguin.
- Spengler, O. (1926) *The Decline of the West: Form and Actuality*. ead-theang. C. Atkinson. New York. Alfred Knopf.
- (1995) ‘The Prussian Spirit: Salvation of the White Race’ ann an Griffin, R (deas.) *Fascism*. Oxford: Clò an Oilthigh. 112-114.
- Spensur, E. (1977) *The Faerie Queene*. deas. A.C. Hamilton. Lunnainn: Longman.
- Stearn, R. T. (2011) ‘MacDonald, Sir Hector Archibald (1853-1903)’ *Oxford Dictionary of National Biography* (2004) [Air Loidhne]. Ri fhaotainn aig:  
<http://www.oxforddnb.com/view/article/34702> (Air a chleachdadh: 18 den Lunastal 2014)
- Stewart of Garth, D. (1822) *Sketches of the Character, Manners and Present State of the Highlanders of Scotland: With Details of the Military Service of the Highland Regiments*. 2na Deas. Dùn Èideann: Constable. 1.
- Storer, R. (2008) ‘Richards, Ivor Armstrong (1893–1979)’ ann an *Oxford Dictionary of National Biography* (2004) [Air loidhne]. Ri fhaotainn aig:  
<http://www.oxforddnb.com/view/article/31603> (Air fhaicinn: 27 An t-Òg Mhios 2012).
- Strasser, O. (1995) ‘The German Knight as the Key to Europe’s Recovery’ ann an Griffin, R. (deas.) *Fascism*. Oxford: Clò an Oilthigh. 114-15.
- Stroh, S. (2011) *Uneasy Subjects: Postcolonialism and Scottish Gaelic Poetry*. Amsterdam/ New York: Rodopi.
- Tambling, J. (2010) *Allegory*. Lunnainn: Routledge.
- Teskey, G. (1996) *Allegory and Violence*. Ithaca; Lunnainn: Clò Oilthigh Cornell.
- (2012) ‘Allegory’, anns am *Princeton Encyclopedia of Poetry and Poetics*. deas. R. Greene. 4mh deas. Princeton. Clò an Oilthigh. 37-40.
- Thackeray, W. (1883) *The Complete Poems of W. M. Thackeray*. New York: White, Stokes & Allen.
- Thomson, D. S. (1974) *An Introduction to Gaelic Poetry*. Lunnainn: Victor-Gollancz.
- (1983) *The Companion to Gaelic Scotland*. Oxford: Blackwell.
- Trotsky, L. (1991) *Literature and Revolution*. Lunnainn: Redwords.
- Van Sickle, J. (2012) ‘Bucolic’, *Princeton Encyclopedia of Poetry and Poetics*. 4<sup>mh</sup> deasachadh. Princeton. Clò Oilthigh Princeton.
- (2012a) ‘Eclogue’, *Princeton Encyclopedia of Poetry and Poetics*. 4<sup>mh</sup> deasachadh. Princeton. Clò Oilthigh Princeton.
- Vejvoda, K. “‘Too much Knowledge of the Other World’: Women and Nineteenth-Century Irish Folktales”, *Victorian Literature and Culture*. leabh. 32, air. 1, 41-61.
- Virgil (1983) *The Eclogues: The Georgics*. Oxford. Clò Oilthigh Oxford.

- Von Holberg, R., Cavanagh, C., agus Y. Lorman (2012) 'Politics and Poetry', *Princeton Encyclopedia of Poetry and Poetics*. 4<sup>th</sup> deasachadh. Princeton. Clò Oilthigh Princeton.
- Watson, M. (2011) *An Introduction to Gaelic Fiction*. Dùn Èideann. EUP.
- Watson, W. J. (1932) *Bàrdachd Ghàidhlig: Specimens of Gaelic Poetry 1550-1900*. Sruighlea: Learmonth 's a Mhac.
- Weinberg, G. (2005) *A World at Arms: A Global History of World War II*. 2na deasachadh. Cambridge: Clò an Oilthigh.
- Whitman, J. (1987) *Allegory: The Dynamics of an Ancient and Medieval Technique*. Ath-nan-Dàmh: Clarendon.
- Whyte, C. (1988) 'George Campbell Hay: Nationalism with a Difference' ann an Thomson, D. (deas.) *Scots and Gaelic in Harmony: Proceedings of the Second International Conference on the Languages of Scotland*. Glaschu: Roinn na Ceiltis, 116-34.
- (1991) *William Livingston / Uilleam MacDhùnLèibhe (1808-70): A Survey of his Poetry and Prose*. Teusas Ph.D. Neo-Fhoillsichte. Oilthigh Ghlaschu.
  - (2005) 'The Gaelic Poetry of George Campbell Hay: Defence from Recent Strictures' ann am M. Fazzini, (deas.) 565-76.
  - (2006) 'Sorley MacLean's "An Cuilithionn": the emergence of the text' ann an McLeod, W.; Fraser, J.E. agus Gunderloch, A. *Cànan & Cultar/ Language & Culture: Rannsachadh na Gàidhlig 3*. Dùn Èideann: Dunedin Academic Press, 111-27.
  - (2007) 'Sorley MacLean's "An Cuilithionn": a critical assesment', *Studies in Scottish Literature*, XXXV, 508-25.
  - (2009) 'William Livingston's "Na Lochlannaich an Ìle"' ann an McClure *et al.* (2009) 173-96.
- Wolfreys, J. (2006) *Modern European Criticism and Theory: A Critical Guide* Dùn Èideann: Clò an Oilthigh.
- Wommack, K. (2006) 'Russian Formalism, the Moscow Linguistics Circle and Prague Structuralism: Boris Eichenbaum, Jan Mukarovsky, Victor Shklovsky, Yuri Tynyanov, Roman Jacobson' ann an Wolfreys (2006) 112-118
- Wordsworth, W. (2011) *The Major Works including 'The Prelude'*. Oxford: Clò an Oilthigh.

## **Briathrachas**

Aithneachadh [*Anagnorisis*]

Aonadhachd [*Singularity*]

Ath-Chaibidealadh [*Recapitulation*]

Boireanntail [*Feminist*]

Bròn-chluich [*Tragedy*]

Bucoilig [*Bucolic*]

Caractairean [*Ethos*].

Ceannas-athaireachd [*Patriarchy*]

Ceòlmhorachd [*Melos*]

Creataig [*Cretic*]

Cruthachadh alagorach [*Allegorical Composition*]

Cruth-Athrrachadh Deamhanail [*Demonic Modulation*]

Cuspaireachd [ *Dianoia*]

Deamhanail [*Demonic*]

Eaclòg [*Eclogue*]

Eastadach [*Aesthetic*]

Eipeasodach [*Episodic*]

Eansaidhcleapach [*Encyclopaedic*]



Faclan [*Lexis*]  
 Far-fhuadachaidh [*displacement*]  
 Foillidh [*latent*]  
 Gineamhainn [*production*]  
 Gleus [*tonality*]  
 Greanna-chluich [*Comedy*]  
 Iomagain a' mhìneachaidh [*Hermeneutic anxiety*]  
 Iom-tionndadh [*Inversion*]  
 Mìneachadh alagorach [*Allegorical Interpretation*].  
 Mùchte [*Repressed*]  
 Oslabhairt [*Hyperbole*]  
 Puing a' Chinn-Achra [*Point of epiphany*]  
 An Samhlachdail [*The Symbolic*]  
 Seallaidhean [*Opsis*]  
 An Seamotaigeil [*The Semiotic*]  
 Sgeulachd [*Mythos*]  
 Taisbeanail [*apocalyptic*]  
 Thar-dearbhte [*overdetermined*] Sigmund Freud,